



## LIST OF GAELIC BOOKS

*And Works on the Highlands*

PUBLISHED AND SOLD BY

MACLACHLAN &amp; STEWART,

BOOKSELLERS TO THE UNIVERSITY,

63 &amp; 64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

---

A liberal discount allowed on orders for exportation  
or for private circulation.

---

## DICTIONARIES AND GRAMMARS.

M'Alpine's Gaelic and English Pronouncing Dic- tionary, with Grammar, 12mo, <i>cloth</i> , ...	<i>s. d.</i> 9 0
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, <i>cloth</i> , ...	10 6
MacPherson's Practical Lessons in Gaelic for the use of English-speaking students, ...	1 0
Munro's Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo, ...	1 0
Reading Book for the Use of Students of the Gaelic Class, ...	3 6
Stewart's Elements of Gaelic Grammar, <i>cloth</i> , ...	3 6
Gaelic First Book, 18mo, 2d. ; Second do., ...	0 4
Gaelic Third and Fourth Book, ...	each 0 6
Gaelic Texts (New Code), ...	0 6

## GAELIC SONG BOOKS AND HIGHLAND MUSIC.

Athole Collection of Dance Music, etc., 2 vols., <i>folio</i> , 42	0
Celtic Lyre Gaelic Songs, with English transla- tions, and music in both notations, pts. 1 & 2,	0 6
Gaelic Song Book, "The Highland Minstrel," ...	1 0
Killin Collection of Gaelic Songs, with English translation, and music in both notations, <i>folio, cloth</i> , 12s. 6d. ; <i>extra gilt edges</i> , ...	15 0
M'Intyre's Songs, with an English translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," ...	2 0
Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, ...	2 6
Mackellar's (Mrs M.) Gaelic and English Songs,	3 6
Macleod's (Neil) Poems and Songs, ...	3 6
Macpherson's "An Duanaire," a New Collection of Songs, etc., <i>never before published, cloth</i> ,	2 0

*Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart.*

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Munro's Selection of Gaelic Songs, ...	0	4
... Am Filidh, do., with music, ...	1	0
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, cloth, ...	1	6
Songs of the Gael, music in both notations, ...	0	6
Sacred Songs of the Gael, do. ...	0	6
—		
Alleine's Alarm to the Unconverted, ...	1	6
An T-Oranaiche, by Sinclair, 8vo, cloth, ...	10	6
Assurance of Salvation, 18mo, sewed, ...	0	6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, cloth, ...	1	6
... Saint's Rest, translated by Rev. J. Forbes,	2	6
Beith's Catechism on Baptism, 18mo, sewed, ...	0	1
Beuton, S. Dioghlumean, 'S Na H-Achaibh, ...	1	6
Bonar's (Rev. Dr H.) Christ is All, 18mo, sewed,	0	3
... God's Way of Peace, cloth, ...	1	0
Buchan's Apples of Gold, 18mo, sewed, ...	0	3
Buchanan (Dugald) of Rannoch's Life and Con- version, with his Hymns, 18mo, cloth,	2	0
... The Hymns, separately, 18mo, sewed, ...	0	3
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, cloth, ...	2	0
... World to Come, or, Visions from Hell, cl.,	1	6
... Pilgrim's Progress ( <i>three parts</i> ), cloth, ...	2	6
... Grace Abounding, 18mo, cloth, ...	2	0
... Water of Life, cloth, ...	1	0
... Sighs from Hell, 18mo, cloth, ..	2	0
... Heavenly Footman, 18mo, cloth, ...	1	0
Burder's Village Sermons, 18mo, cloth, ...	1	6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English, ...	0	2
Celtic Magazine, Monthly, ...	0	6
Clark's (Mrs) Three Gaelic Poems, with English translation by Kennedy, ...	0	6
Clarsach Na Coille; a Collection of Gaelic Poetry,	3	6
Confession of Faith, fcap. 8vo, cloth, ...	2	6
Dewar's (Rev. Dr) Gaelic Sermons, 8vo, ...	0	4
Doctrine and Manner of the Church of Rome, ...	0	3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, cloth, ...	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, cloth, ...	2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, cloth, ...	1	6
Edward's (Rev. Jonathan) Sermon, sewed, ...	0	2
Gael (The), a Gaelic Magazine, bound in cloth, for 1876 and 1877, in English and Gaelic, each	3	6
Gaelic Song Book, the Highland Minstrel, ...	1	0
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, cloth, ...	1	6





THE

# PILGRIM'S PROGRESS

FROM THIS WORLD

TO THE WORLD TO COME.

UNDER THE SIMILITUDE OF A DREAM.

IN THREE PARTS

By JOHN BUNYAN.

---

“ I have used similitudes.”—Hos. xii. 10.

---

EDINBURGH

MACLACHLAN AND STEWART.

MDCCCLXXXII.

*J. Stewart Murray*  
*Ed. S.*

CUAIRT AN EILTHIRICH,

NO

TURAS A' CHRIOSDAIDH ;

O 'N T-SAOGHAL SO

CHUM AN T-SAOGHAIL A TA RI TEACHD.

FO SHAMHLA BRUADAIR.

ANN AN TRI EARRANNAN.

LE IAIN BUINIAN.

---

“ Ghnàthaich mi cosamhlachdan.”—Hos. xii. 10.

---

DUNEIDEANN

MAC-LACHUINN, STIÙBHARD, AGUS AN CUIDEACHD.

MDCCCLXXXII.

---

STEREOTYPE EDITION.

---





## DO 'N LEUGHADAIR.

---

### A LEUGHADAIR CHRISDAIL,

ANNS an leabhar so tha turas draghail tre fhàsach cunnartach an t-saoghail so, chum a Chanaan nèamhaidh, na foise agus na sìthe sìorruidh, air a chur gu soilleir an céill, ann an “Turas a’ Chrìosdaidh, fo shàmhla bruadair.”

Le bhi gu cruadalach a’ cogadh fo bhrataich Chrìosd, ard-cheannard ar slàinte, bheir sinn gun teagamh buaidh air ar nàimhdibh spioradail, agus ceannsaichidh sinn gu buadhar gach buaireadh d’am beil ar còr ’sam àm so buailteach, no ’chuireas maill’ oirnn o fhalbh ’na thràbho Bhail’-an-Léir-sgrìos, (ni is e an saoghal so, le fhaoin-shòlasaibh, le iomagain, agus le othail,) chum triall air ar turas do’n Ierusalem nèamhaidh, far am beil ar sonas neo-chrìochnach, agus ar gàirdeachas iomlan r’a mhealtainn gu saoghal nan saoghal.

Bha'n dòigh sgrìobhaidh so air a mheas ro thaitneach anns na linnibh o shean, cho math agus r'ar linn féin, chum nithe a tha 'nan airidh air ar cùram is mò, a chur an céill air mhodh a dhrùigheadh air an inntinn air dòigh bu chumhachdaiche na ged a rachadh an cur sìos air sheòl bu shoilleire: ach cha-n eil aon ni an so a ruigeas a leas a bhí do-thugsinn do'n Chrìosd-aidh aig am beil a bheag no mhòr do dh'fhéin-fhiosrachadh. Cha-n eil aon ni ann nach eil air a stéidheadh air facal na fìrinn, agus air tròcair neo-chrìochnach Dhé ann an Iosa Crìosd, a tha gu soilleir air fhoillseachadh dhuinn 'na fhacal.

Tha e cho taitneach r'a leughadh, agus cho tarbhach r'a thuigsinn, ri aon ni do'n t-seòrsa so a chaidh fathast a sgrìobhadh, 's gu'n leig mi leis anns an uidheam so dol fo mheachainn gach neach a leughas e; le làn dòchas gu'm bi e taitneach agus feumail. Tha mi le mòr thogradh a nochdadh meud mo dhùrachd chum math t'anma, agus am chomh-fhear saothreachaidh leat ann am fion-lios ar Tighearn Iosa Crìosd.

IAIN BUINIAN.

## CUAIRT AN EILTHIRICH:

NO

# 'TURAS A' CHRIVOSDAIDH:

## FO SHAMHLA BRUADAIR.

---

AIR dhomh a bhi 'g imeachd tre fhàsach an t-saoghail so, thainig mi gu ionad àraidh far an robh garaidh agus laidh mi sìos an sin agus chaidil mi; agus air dhomh bhi a'm chadal, bhruadair mi aisling. Bhruadair mi, agus feuch, chunnaic mi duine 'an éideadh riobach 'na sheasamh 'sa chùl r'a thaigh, leabhar 'na làimh agus eallach mhòr air a dhruim, (Isa. lxiv. 6. Luc. xvi. 35. Salm. xxxviii. 4. Eabh. ii. 2. Gniomh. xix. 31.) Dh'amhaire mi, agus chunnaic mi e a' fosgladh an leabhair agus ga leughadh; agus air dha bhi leughadh, ghuil e, agus bha e air bhall-chrith; agus a chionn nach b'urrainn da cumail air féin ni b'fhaide, bhrùchd e mach le éighe thùrsaich, ag radh; "Ciod a ni mi?" Gniomh. ii. 37.

Ann an t-suidheachadh so chaidh e dhachaigh, agus chum e air féin cho fad sa b'urrainn da, chum nach mothaicheadh a' bhean no chlann a thrioblaid; ach cha robh e 'n comas da bhi fada 'na thosd, a chionn gu'n do mbeudaich a dhosgainn: uime sin leig e ris intinn d'a mhnaoi agus d'a chloinn air a mhodh so; "O bhean mo chridhe, ars esan, agus sibhse a chlann mo ghaoil, tha mise 'ur caraid gràidh cailte dhiom féin a thaobh eallaich throm a tha 'na laidhe orm. Os barr, tha dearbh chinnt air a thoirt domh gu'm beil am baile so

anns am beil sinn a chòmhnuidh gu bhì air a losgadh suas le teine o nèimh. Anns an léir-sgrìos mhuladach so théid mise a bhean mo chridhe, agus sibhse a chlann mo ghràidh a chall, mar faighear a mach dòigh air dol as, nì air am beil mise fathast neo-fhiosrach. Le so a chluinntinn bha mòr ioghnadh air a chàirdean, cha 'n ann air son gu'n do chreid iad na thuirt e riu, ach a chionn gun robh iad fo eagal gu'n deach' e as a riaghailt; ach bha dòchas aca, leis mar bha e dlù do 'n fheasgar, gu'm faodadh fois na h-òidhche aiseag a rithist gu cheill shuidhichte féin, agus rinn iad cabhag gu chuir a laidhe: ach bha e-san cho iomaguineach san òidhche 's a bha e feadh an latha; uime sin, an àite dol a chadal, 's ann a chaith e 'n òidhche 'g osnaich agus a' bras shileadh dheur. Air teachd na maidne bu mhiann leo fhiosrachadh cionnas a bha e; thuirt e riu, gu'n robh nì bu mheasa na bha e roimhe; agus thòisich e r'an comhairleachadh a rithist ach cha tugadh iad creideas da. Shaoil leo gu'n cuireadh iad a ghalar air falbh le buintinn ris gu garg. Air uairean dheanadh iad fanaid air, aig àm eile bheireadh iad beum dha, agus a rithist dheanadh iad tūr-dhearmad air. Uime sin theann e ri dol an uaigneas gu sheòmar agus a' dheanamh ùrnuigh as an leth; agus a ghabhail truais diu, agus mar an ceudna gu smuainteach air a thruaighe féin. Ghabhadh e cuideachd sràid a muigh 'na aonar, chum leughadh, agus a' dheanamh ùrnuigh car beagan laithean.

A nise, chunnaic mi, air àm àraidh, 'nuair a bha e sràidimeachd sa' mhachair, air dha bhì (mar bu ghnà leis) a' leughadh a leabhair, fo mhor thromadas inn-tinn; agus air dha bhì mar so, gu'n do bhrùchd e mach mar rinn e roimhe, ag radh; "Cìod is còir dhomh a dheanamh chum gu'n saorar mi?" Gniomh. xvi. 30.

Cha uaithe dh'fhàg e'n saoghal claon,  
 Na choinnich Soisgeulach e air an raon  
 Le ait-sgeul binn mu shaoghal eil' is fearr  
 Ag inuse dha mar ruight' an dùthaich àigh

Chunnaic mi mar an ceudna gu'n d'amhairc e null agus a nall, mar gu'm b'aill leis teicheadh; ach dh' fhuirich e mar bha e, chionn nach b'aithne dha c' àit an rachadh e. Chunnaic mi 'n sin duine d'am b'ainm Soisgeulach a' teachd da ionnsaidh, 'sa feòraich dheth, C'arson a tha thu 'g éigheach? Fhregair e, tha mi tuigsinn leis an leabhar a th'ann am làimh, gu'm beil mi fo bhinn bàis, 's an deigh sin ri teachd chum breitheanais; agus tha mi ga'm fhaireachdainn neo-thoileach air a' cheud ni, agus neo-iomchaidh air an dara ni. Eabh. ix. 27. Iob xvi. 21. Esec. xxii. 14.

An sin thuirte Soisgeulach, c'arson nach dedìn leat am bàs fhaighinn, o'n tha cho lion olc sa' bheatha so? Fhregair an duine, A chionn gu'm beil eagal orm gu'n cuir an eallach so a th'air mo dhruim fodha mi ni's doimhne n'an uaigh 's gu'n tuit mi do Thophet, (Isa. xxx. 33.) Agus mar 'eil mi iomchaidh air dol do'n phrìosan, cha'n 'eil mi iomchaidh air dol chum bhreitheanais, no idir a chum bàis: agus 'se bhi smaointeach air na nithe sin is mathair-aobhair do 'm ghearan. An sin thuirte Soisgeulach, Mas e so do chor, C'arson a tha thu fuireach gun ghluasad? Fhregair e, Air son nach aithne dhomh cia 'n taobh a théid mi. An sin thug e dha leabhar anns an robh sgrìobhta, "Teich o'n fhéirg a ta ri teachd," Mat. iii. 7.

Air an aobhar sin leugh an duine an sgrìobhadh, agus sheall e air Soisgeulaich gu beachdail, agus thuirte e, c'ait an eigin domb teicheadh? An sin thuirte Soisgeulach, a's e comharrachadh le mheur thar raon farsuinn, Am beil thu faicinn an doruis ud? (Matt. vii. 13.) Fhregair an duine, Cha'n 'eil: An sin thuirte Soisgeulach, Cùm an solus sin ad'bheachd, agus imich dìreach da ionnsaidh, agus chi thu 'n dorus 's an uair a bhuaileas tu aige, innsear dhut ni's còir dhut a dheanamh. Agus chunnaic mi a' m' aisling gu'n do theann an duine ri ruith; ach cha deach e ach goirid o thaigh féin, 'nuair a thug a bhean agus a chlann an aire dha, 's ghlaodh iad ris pilleadh; ach cha'n éisdeadh

e riu, (Luc. xiv. 26.) ach ruith e air aghaidh, ag éigheach, “ Beatha! Beatha! beatha bhith-bhuan!” Ionnas nach d’amhairc e air ais, ach thàr e às chum meadhon a’ chòmhnaird, Gen. xix. 17.

Thainig na coimhearsnaich mar an ceudn’ amach a dh’fhaicinn mar ruitheadh e, agus rinn cuid dhiu fan-aid air, bhagair cuid eile dhiu e, agus ghlaodh cuid eile dhiu ris pilleadh; agus na’m measg-san bha dithis dhaoine a chuir rompa gu’n tugadh iad air ais e ga antoil. B’e ainm a h-aon diu Ceann-laidir, agus ainm an fhir eile Socharach. Ach bha e nis’ air dol uidhe mhath uapa, gidheadh chuir iad rompa dol air a thòir, agus an ùine ghearr rug iad air. An sin thuir an duine riu, A dhaoine c’arson a thainig sibh as mo dhéigh? Thuir iad ris, A chuir ìmpidh ort pilleadh maille ruinne: Ach thuir e riu, Cha’n fhaod sin tachairt; oir tha sibhs’ ann am Baile-an-léir-sgrios, far an d’rugadh mise; gu h-àraidh se sin beachd sam beil mise ga fhaicinn; agus ma ghlacas bàs sibh gun iompachadh ann, théid sibh luath no mall fodha ni’s isle n’an uaigh, do dh’ionad a tha losgadh le teine agus pronnusg: Gabhaibh mo chomhairl, a dheagh choimhearsnaichean, agus rachaibh leamsa.—Am b’àill leat, arsa Ceann-laidir, gu’m fàgamaid ar dàimhean agus ar toileachas-inntinn ’n-ar deigh?

B’àill, arsa Crisdaidh, (oir b’e so ainm) a chionn nach aithrigh gach ni a dh’fhàgas sibh aon uair a choimeas ris na tha dòchas agams’ a mhealtuinn; (2 Cor. iv. 18.) agus ma dh’fhalbhas sibh leam, bithidh sibh air cho-diòl rium-sa; oir far am beil mis’ a’ dol tha gu leòir ri fhaighinn agus ri sheachnadh. (Luc. xv. 17.) Thigibh mata agus dearbhaibh a’ chùis.

*Ceann-laidir.* Ciod iad na nithe a tha thu ’g iarraidh o’n a tha thu cuir cùl ris gach ni eile chum gu’m faigh thu iad?

*Crisdaidh.* Tha mi ’g iarraidh oighreachd neo-thruaillidh, fìor-ghlan, agus nach searg as, (1 Pead i. 4. Eabh. xi. 16.) Agus tha i air a tasgaidh shuas air

nèamh, chum a buileachadh aig an àm shuidhichte, orra-san a dh'iarraas gu dìcheallach i: Faodaidh sibh fhaicinn gu'm beil a chùis mar sin, ma leughas sibh mo leabhar-sa.

*Ceann-laidir.* Tosd, arsa Ceann-laidir, beir uam do leabhar: Am pill thu leinne, no nach pill?

*Criosdaidh.* Cha phill gu deimhin, thuirt e-san; a chionn gu'n do chuir mi mo làmh ris a chrann. Luc. ix. 62.

*Ceann-laidir.* Thig thusa mata a choimhearsnaich Shocharaich leamsa, agus théid sinn dhachaigh as eugmhais. Tha na h-urrad de na baoghairean bochda sin, 'nuair a ghabhas iad cùis 'nan aire, a tha na'm beachd féin ni's glìce na seachdnar a bheir freagairt gu ceart.

*Socharach.* An sin thuirt Socharach, na tòisich ri càineadh; m'as fìor na thuirt an deagh Chriosdaidh, 's fearr na nithe air am beil e-san an tòir na na nithe air am' beil sinne an geall; tha mo chridhe ga m' aomadh gu dhol maille ris.

*Ceann-laidir.* An e gu'm beil thusa cuideachd ad amadan? Gabh mo chomhairlse, agus theirig dhachaigh; co aig tha fios c'ait a thredraicheas a lethid sin de dhuine cuthaich thu? Imich air t-ais, agus bi glìc.

*Criosdaidh.* Ni h-eadh, ach thig thusa maille ri d' choimhearsnach Socharach; oir gheibhear na nithe mu'n do labhair mise, agus ioma ni is ro-luachmhoire; mar creid thu mise, leugh an leabhar so, agus mar dhearbhadh air na tha air aithris ann, tha'n t-iomlan air a cho'-dhaighneachadh le fhuil-san a rinn e. Eabh. ix. 17, 18, 19, 20.

*Socharach.* A nis, a choimhearsnaich, A Chinn-laidir (arsa Socharach) tha mi teachd gu ceann mo chomhairl' agus tha mhiann orm dol leis an duine mhath so, agus cuid mo chunnairt a gabhail leis; ach an aithne dhutsa, mo dheagh chòmpanach, an t-slighe chum an ionaid mhiannaichte so?

*Criosdaidh.* Sheòl duine ga'n ainm Soisgeulach dhómh dol chum doruis a tha romhainn, far am faigh sinu eòlas air an t-slighe.

*Socharach.* Thig mata, a dheagh choimhearsnaich, agus imicheamaid. An sin dh'fhalbh iad le chéile.

*Ceann-laidir.* Agus théid mise dhachaigh, arsa Ceann-laidir, cha bhi mi ni's faide ann an cuideachd amadanan bochda gun chiall.

A nis chunnaic mi am aisling, 'nuair a bha Ceann-laidir a dol air ais, gu'n robh Criosdaidh agus Socharach a' cainnt mar so r'a chéile air an t-slighe.

*Criosdaidh.* Cionnas a tha thu ga d'fhaireachainn, a nàbaidh Shocharaich? 'S math leam gu'n d'aontaich thu dol leam; na'm mothaicheadh Ceann-laidir trian na tha mis a' faireachdainn, ma chumhachd agus uabhasan na tha fathast ri fhaicinn, cha chuireadh e mar so cùl ruinn cho faoin.

*Socharach.* O nach eil againn a nis' ach sin féin, innis domh a Chrìosdaidh, am barrachd mu na nithibh sin a tha far am beil sinn a' dol, agus cionnas a mhealar iad.

*Criosdaidh.* Tha mi ni's comasaiche smuainteach orra nolabhairt umpa: ach o'n is deòin leat fiosrachadh fhaighinn umpa leughaidh mi mu'n timchioll ⁊ mo leabhar.

*Socharach.* Am beil thu meas gu'm beil na th'ann ad leabhar fìor?

*Criosdaidh.* Gu deimhin tha; oir rinneadh e leis-san nach urrainn breug a dheanamh. Tit. i. 2.

*Socharach.* Ro mhath, ciod na nithe a th'ann?

*Criosdaidh.* Tha rìoghachd neo-chrìochnach r'a seabhachadh, agus beatha shiorruidh r'a buileachadh oirnne; chum gu'm meal sinn an rìoghachd am feasd. Isa. xv. 17. Eoin x. 27, 28, 29.

*Socharach.* Ro mhath, agus ciod tuilleadh?

*Criosdaidh.* Bheirear dhuinn crùintean ghloire; agus trusgàin a dhealraicheas mar a' ghrian am meadhon nan speur. 2 Tim. iv. 8. Tais. xxii. 5. Matt. xiii. 43.

*Socharach.* 'S taitneach sin, feuch ciod tuilleadh?

*Criosdaidh.* Cha bhi òigheach no cràdh ann ni's mò; oir siabaidh Triath na tìre gach deur o'r sùilibh. Isai. xv. 8. Tais. vii. 16, 17; xxi. 4.

*Socharach.* Ach ciod a' chuideachd a bhios againn ann?

*Criosdaidh.* Bithidh sinn leis na seraphims agus leis



na cherubims, a bheir sgleò air ar sùilean amharc orra. (Isa. vi. 2. 1 Tes. iv. 16, 17. Tais. v. 11,) an sin coinnichidh sinn mìltean agus deich mìltean a chaidh romhainn do'n ionad sin; cha dean a h-aon diu doch-ann dhuinn; ach tha iad taitneach agus naomha, gach aon ag'imeachd an sealladh Dhé, agus 'nan seasamh le taitneachd 'na làthair am feasd: An sin chi sinn na seanairean le'n crùintean òir; an sin chi sinn na h-òigh-ean naomha le'n clàrsaichean òir; an sin chi sinn daoine chaidh leis an t-saoghal a reubadh as a chéile, a losgadh, a dh'itheadh le fiadh-bheathaichean, a bhàthadh sa' chuan air son a' ghràidh a bh'aca do Thriath nam feart; iad uile nise gu slàn fallainn, sgeudaichte le neo-bhas-mhorachd mar thrusgan. Tais. iv. 4. Caib. i. ii. iii. iv. Eoin xii. 25. 2 Cor. v. 2, 3, 5.

*Socharach.* 'S leòir na chuala mi a chuir aiteas air cridhe duine; ach am meal sinne iad sin? Cionnas a gheibh sinn co-pairt diù?

*Criosdaidh.* Sgrìobh an Tighearn, Uachdaran na tìre sin san leabhar ao; 's e is brìgh dha, ma bhios sinn da rìreadh toileach fhaighinn, gu'm builich e-san gu saor oirnn e. Isa. lv. 1, 2. Eoin vii. 37. Tais. xxi. 6; xxii. 17.

*Socharach.* Ro mhath, a chòmpanaich, 's toilichte mi sin a' chluinntinn: thig agus luathaicheamaid ar ceum.

*Criosdaidh.* Cha'n urra mi coiseachd cho luath 's bu mhath leam, leis an eallach so a th'air mo dhruim.

A nis chunnaic mi am aisling, 'n uair a sguir iad a labhairt, gu'n tainig iad dlù do làthaich dhomhain a bha ann am meadhon a chòmhnaird, agus on nach robh iad 'n am faicill, thuit iad le chéile sa'n t-sloc. B'e ainm an t-sluic Mi-mhisneach. Ann an so bha iad ga'n eabradh féin rè tamuill, agus a' dol fada fodha san làthaich; agus bha Criosdaidh ga shàrachadh leis an eallach a bh'air.

*Socharach.* An sin thuit Socharach, Mo thruaighe, a nàbaidh Criosdaidh, c'ait' am beil thu nis?

*Criosdaidh.* Gu firinneach, arsa Criosdaidh, cha'n aithne dhomh.

*Socharach.* 'Nuair chuala Socharach so, ghabh e mi-thlachd, agus thuirt e le frionas r'a cho-fhear-turais, an e so an sonas mu n do labhair thu rium? Ma tha sinn cho mi-shealbhach an toiseach ar turais, ciod ris an ion duinn dùil a bhi againn mu'n ruig sinn ceann ar n-uidhe? Ma gheibh mise beò as an t-sloc so, gheibh thu féin an tìr àghmhor ud r'a sealbhachadh air mo shonsa. Agus le sin a ràdh, thug e sùrdag no dha le uile neart, agus fhuair e mach as an t-sloc air an taobh bu tinne air a thaigh, agus thog e air dhachaigh, agus dh'fhàg e Crìosdaidh gu deanamh air a shon féin mar b'fhearr a dh'fhaodadh e.

Uime sin dh'fhàgadh Crìosdaidh a'cur nan car dheth ann an Sloc-na-mi-mhisnich 'na aonar; ach bha e sìor oidheirpeachadh teachd às air an taobh a b'fhaide o thaigh féin, agus a b'fhaisge do'n dorus chum an do sheòladh e; ach chunnaic mi am aisling, gu'n tàinig fear d'am b'ainm Cobhair da ionnsaidh, a dh'fheòraich dheth, Ciod a bha e deanamh sa'n àite sin?

*Crìosdaidh.* Thuirt Crìosdaidh, gu'n d'iarradh air an t-slighe so a ghabhail, le duine d'am b'ainm Soisgeulach, a stiùir mi chum an doruis ud, chum gu'n seachnainn an fhearg ri teachd: 's am feadh a bha mi 'g imeachd, thuit mi san t-sloc so.

*Cobhair.* Ach c'arson nach d'amhaire thu air son a chlacharain?

*Crìosdaidh.* Ghlaceagail cho mòr mi, 's gu'n dotheich mi air an rathad a b'fhaisge, agus thuit mi ann.

*Cobhair.* An sin thuirt e, thoir dhomh do làmh. Shìn e a làmh dha, agus tharruinn e as e, ga chuir air talamh tioram; agus db'àithn e dha imeachd roimhe. Salm xl. 2.

An sin chaidh mi da ionnsaidh-san a tharruinn às e, agus thuirt mi ris;—O'n is e so an t-slighe o bhaile an Léir-sgrìos chum an doruis ud, c'arson nach 'eil an rathad air a chàradh, chum 's gu'm faodadh daoine bochd' air an turas imeachd gu tearuinnte? Agus thuirt e rium, Cha gabh am boglach so càradh; 'se 'n t-ionad anns am beil gach salachar agus anabas a tha n co-

chuideachd geur mhothachaidh air son peacaidh a sior ruith; agus uime sin theirear Sloc-na-mi-mhisnich rithe; oir mar mhosglar suas am peacach m'a thimchioll a staid chailte, tha ioma cùram, mi-mhisneach agus teagamh ag eiridh suas 'na anam, agus tha iad uile a co-chruinneachadh comhlath san àite so; agus se sin an t-aobhar mu'm beil an rathad cho olc.

Cha'n e idir toil an Rìgh gu'm biodh an t-slighe so cho olc, (Isa. xxxv. 3, 4.) tha a luchd-muinntir le òrdugh o luchd-riaghlaidh a' càradh na h-earrainne so o cheann còrr agus seachd ceud-deug bliadhna, ach gidheadh cha'n 'eil e fathast càraichte; ach 's fiosrach mi, thuirt e-san, gu'n do shluig am boglach so iomadh mìle làn cartach de theagasg fallain o gach cearnaidh de rìoghachd an Rìgh, (agus their iadsan da'm fearr is aithne a' chùis, gur iad sin na nithe is fearr a ni e) chum gu'n rachadh a chàradh, na'n gabhadh e deanamh; ach se Sloc-na-mi-mhisnich e fathast: agus buanaichidh e mar sin a dh'aindeoin na dh'fhaodar a dheanamh.

Tha e fìor, gu'm beil fo sheòladh Rìgh nan rìgh, clach-an-diongmhalta mar chlacharan air an socrachadh ann am meadhon an eabair so; ach air a shamhuil so de dh'àm tha'n t-ionad a' brùchdadh a mach a shàlchair, aig caochladh na h-aimsir, air chor 's gur gann a chithear an clacharan, no ma chithear idir e, bithidh daoine ullamh gu' dol mearachd air le tuainealaich a théid 'nan ceann, 'san sin bithidh iad air an eabradh gu h-éididh; ach 'nuair a gheibh iad thairis air, tha iad an sin air talamh cruaidh, air dhaibh dol a stigh air an dorus. 1 Sam. xii. 23.

Chunnaic mi'n sin ann am aisling, gu'n d'ràinig Socharach dhachaigh; agus thainig a choimhearsnaich ga fhaicinn: mhol cuid dhiu a' ghliocas a chionn e thighinn dachaigh, thuirt cuid eile dhiu gu'm b'amaideach dha dol le Crisdaidh: rinn dream eile fanaid air air son a chladhaireachd, ag ràdh, o'n a theann e 'dir ri dol air aghaidh, nach b'fhiù e nach d'ràinig e ceann na h-uidhe: ach bha Socharach gu dìblidh, tosd-

ach nam measg: ach an ceann ùine bheag dh'fhàs e ni bu mhisneachaile, agus thòisich iad uile ri càineadh Crìosdaidh nach robh sa'n làthair. Agus an urrad so mu dhéighinn Shocharaich.

A nis' air do Chrìosdaidh bhi 'g imeachd gu trom inn-tinneach leis féin, chunnaic e fear fad as, a' teachd 'na cho-dhail, agus thachair iad air a chéile aig dealachadh an dà rathaid. B'e ainm an fhir a thachair air, Gliocas-saoghalta, bha e thàmh ann am baile Sedltachd-fheòlmhor, baile mòr a bha fagus air an àite sa'n robh Crìosdaidh a chòmhnaidh.

Chual' an duine so mu Chrìosdaidh, (oir chaidh iomradh mu e a theicheadh o Bhaile-an-léir-sgrìos am fad agus am fagus) agus 'nuair a chunnaic e a chois eachd éigneach le iomadh osann throm, thòisich e air cainnt ris.

*Gliocas-saoghalta.* An cluinn thu dhuine chòir, c'ait' a ruigeas tu le d' throm ullaich?

*Crìosdaidh.* Tha i trom gun amharus, cho trom 's a bh' air duine bochd riamh! agus o'n a dh'fhiosraich thu c'ait a tha mi dol, innsidh mi sin dhut: Tha mi dol a dh'ionnsuidh an doruis ud a th' air thoiseach orm; oir chaidh innse dhomh gu'm faighinn an sin fios cionnas a chùitichinn m'eallach.

*Gliocas-saoghalta.* Am beil bean agus clann agad?

*Crìosdaidh.* Tha sin agam; ach tha mi cho trom-luchdaichte leis an eallaich so, 's nach 'eil mi gabhail tlachd annta mar a b'abhaist dhomh; Air leam gu'm beil mi mar nach biodh iad idir ann. 1 Cor. vii. 29.

*Gliocas-saoghalta.* An éisd thu riumsa ma bheir mi comhairl' ort?

*Crìosdaidh.* Ma bhios i math éisdidh; oir 's mòr m'fheum air deagh chomhairle.

*Gliocas-saoghalta.* Bheirinn a chomhairl' ort mata, a cheud chothrom a ghabhail air bhi cùidhte de t-eallaich; oir cha bhi t'inntinn socrach gus an tachair sin: cha mhò is urrainn dut na sochairean a bhuilich Dia ort a mhealtuinn air chòir gus an dealaich thu rithe.

*Crìosdaidh.* 'S e bhi cùidhte de m' eallaich a tha dhì

orm : ach le m neart féin cha'n urra mi : cha mhè  
tha duine 'nar sgèreachd is urrainn a toirt diom ; air an  
aobhar sin tha mi dol, mar thuirt mi riut, chum gu'm  
faigh mi dhìom i.

*Gliocas-saoghalta.* Co dh'iarr ort tighinn an taobh  
so gu faighiun diot ?

*Criosdaidh.* Dh'iarr duine thachair orm a mheas mi  
gu'n robh e na dhuine mòr agus cumhachdach, d'am  
b'ainm Soisgeulach.

*Gliocas-saoghalta.* Gu ma h-olc dha air son a chomh-  
airle ! cha'n 'eil rathad air an t-saoghal is cunnartaiche  
agus is draghaile na sin air an do sheòl e thu ; agus  
tuigidh tu sin ma leanas tu chomhairle. Mhothaich thu  
càilleigin deth cheana, oir tha mi faicinn sàlachar Sloc-  
na-mi-mhisnich ort ; ach cha 'n 'eil an sin ach toiseach na  
trioblaid a thig air gach neach a gluaiseas air an t-slighe  
air am beil thusa 'g imeachd, eadhon, sgìos, cràdh, acras,  
cunnart, lomnochd, claidheamh, dorchadas, bàs, agus  
gach dosgann eile : tha na nithe sin dearbh chinnteach  
o fhiosrachadh iomadh neach : Agus c'arson a chuireadh  
duine e féin ann an cunnart cho mòr air comhairle coig-  
rich.

*Criosdaidh.* Th'an eallach so a th'air mo ghiùlan a'  
cuir tuilleadh uabhais orm na tha gach nì a dh'ainmich  
thu ; air leam nach sòrainn cìod a thachradh orm na'm  
faighinn saor o'm eallaich.

*Gliocas-saoghalta.* Cionnas a fhuair thu'n toiseach  
t-eallach ?

*Criosdaidh.* Le leughadh an leabhair so a th'ann am  
làimh.

*Gliocas-saoghalta.* B'e sin mo bharail : agus dh'éirich  
dhutsa mar thachair do dh'ioma fear lag-eanchainneach  
eile, a bha gabhail gnothaich ri nithe a bha àrd os an  
ceann, a thuit gu grad ann an imcheist a chuireas nam  
breislich iad cho mòr, mar thachair dhutsa, 's gu'n co-  
éignichear iad gu oidheirp a thoirt air nì nach aithne  
dhaibh.

*Criosdaidh.* 'S math a tha fios agam s' cìod a b'ài.

leam fhaotainn; oir 'se saorsainn o'm eallaich a tha dh'i orm.

*Gliocas-saoghalta.* Ach c'arson a tha thu 'g irraidh fois air an dòigh so, a chionn gu'm beil cho lion cunnart 'na cho-lorg? gu h-àraidh, mu chreideas tu mise, 's math a b'urrainn mi do sheòladh chum na tha dhì ort fhaotainn, gu'n thu a ruith a cho lion cunnart; agus tha e-so-fhaotainn cuideachd: agus an àite nan cunnart sin, gheibh thu tearuinnteachd, càrdeas, agus toil-eachas inntinn.

*Criosdaidh.* Nochd dhomhs' an diomhaireachd sin.

*Gliocas-saoghalta.* Tha ann 'sa' bhail' ud thall, d'an ainm Saoghaltachd, duin' uasal a thàmh d'an ainm A-réir-an-lagha, duine tuigseach, fo dheagh chliù aig am beil eolas chum do leithid-s' a shaoradh o'n eallaich; oir 's fiosrach mi gu'n d'rinn e iomadh uair e: 's a bharr air a sin, tha eòlas aige na leigheiseas iadsan a tha'n cunnart dol as an riaghailt le'n eallaich. Theirig ga ionnsaidh-san, agus mar thuirt mi, gheibh thu grad chobhair. Cha 'n 'eil a thaigh ach gann mìle as a' so; agus mar bi e-féin aig an taigh, tha fleasgach òg is mac dha, ga'n ainm Suairceas, a ni an gnothach cho math ris féin. An sin gheibh thu fuasgladh o t'eallaich; agus mar miann leat pilleadh chum an àite sa'n robh thu roimhe a chòmhnaidh, far nach comhairlichinn dut dol, faodaidh tu fios a chuir air do mhnaoi, agus air do chloinn chum a' bhaile so, far am beil ni 's leòir de thaigh-ean falamh, a gheibh thu air mhàl beag. Tha mar an ceudna lòn saor ri fhaighinn ann, agus faodaidh tu do bheatha a chaitheamh ann gu sona, socrach, an co-chomunn ri deagh choimhearsnaich.

A nis le so a chluinntinn bha Chriosdaidh san ioma-chomhairl' gu'n fhios aige ciod a dheanadh e; ach smaointich e ma bha e fìor na thuirt an duin'-uasal ud ris gu'm b'fhearr dha a chomhairl' a ghabhail; agus thuirt e ris,

*Criosdaidh.* Am bi thu cho math 'san rathad gu taigh an duine sin fheuchainn domh?

*Gliocas-saoghalta.* Am faic thu a' bheinn àrd ud ?

*Criosdaidh.* Chi gu math.

*Gliocas-saoghalta.* 'S eigin dut dol seach a' bheinn ud, agus 'se thaigh-san a cheud taigh a thachras riut.

Mar so chaidh Criosdaidh as a shlighe chum dol gu taigh a Réir-an-lagha a dh'iarraidh còmhnaidh: ach feuch 'nuair thainig e dlù air a' bheinn, air leis gun robh i cho corrach àrd an crochadh os a cheann, 's gu'n robh eagal air dol ni b'fhaide, mu'n tuiteadh i air; uime sin sheas e gun fhios aige ciod a dheanadh e. Agus fòs air leis gu'n dh'fhàs eallaich na bu truime na bha i am feadh a bha e air an t-slighe. Thainig mar an ceudna lasraichean teine amach as a' bheinn a chuir geilt mhòr air (Ecs. xix. 18, 19. Eabh. xii. 21.) a chuir air bhall-chrith agus 'na fhalas e. B'aithreach leis a nis' gu'n do ghabh e comhairle Ghliocais-shaoghalta; agus anns a chruaidh-chas so, chunnaic e Soisgeulach a' teachd na chò-dhail, ni a chuir e gu nàire agus rughadh gruadhach; Thainig Siosgeulach am fagus dà, agus dh'amhairc e gu coimheach, gruamach air; agus mar so thuir e ris.

*Soisgeulach.* Ciod a tha thu deanamh an so a Chrìosdaidh? Ach cha robh fhios aig Criosdaidh ciod a theireadh e ris, agus dh'fhan e 'na thosd. A bharr, thuir Soisgeulach ris, Nach 'tusa am fear a fhuair mi ag éigheach an taobh a muigh de bhalla Baile-an-léir-sgrìos?

*Criosdaidh.* 'S mi, is mis' an duine.

*Soisgeulach.* Nach do sheòl mi dhut an rathad chum an doruis chumhainn ud?

*Criosdaidh.* Sheòl gu deimhin.

*Soisgeulach.* Cionnas ma ta a chaidh thu cho grad as an t-slighe? oir tha thu nis air seacharan?

*Criosdaidh.* Choinnich duin' uasal mi cho luath 'sa thainig mi a Sloc-na-mi-mhisnich, a chuir ìmpidh orm dol do'n bhaile tha romham, 's gu'm faighinn an sin fear a bheireadh m'eallach dhìom.

*Soisgeulach.* Co am fear a bh'ann?

*Criosdaidh.* Bha coslas duin' uasail air, labhair e moran cainnte rium, agus dh'aom mi leis; chuir e ìmpidh orm tighinn an so: Ach 'nuair a dh'amhairc mi air a' bheinn so, 'sa chunnaic mi mar tha i'n crochadh os ceann an rathaid, ghrad sheas mi air eagal gu'n tuiteadh i air mo cheann.

*Soisgeulach.* Ciod a thuir an duin' uasal sin ruit?

*Criosdaidh.* Dh'fheòraich e dhìom c'ait a bha mi dol? Agus dh'innis mi dha.

*Soisgeulach.* Agus ciod a thuir e'n sin?

*Criosdaidh.* Dh'fheòraich e'n robh teaghlach agam? Agus dh'innis mi dha gu'n robh. Ach thuir mi ris gu'n robh mi cho throm-luchdaichte leis an eallaich a bh'air mo dhruim 's nach robh na h-urrad thlachd agam dhiu 'sa b'abhaist domh.

*Soisgeulach.* Agus ciod a thuir e'n sin?

*Criosdaidh.* Dh'iarr e orm m'eallach a chuibhteachadh cho luath 'sa b'urrainn mi; dh'innis mi dha gur e sin air an robh mi'n tòir: agus gu'n robh mi dol a chum an doruis ud, a dh'fhaotainn tuille seòlaidh mar ruiginn ionad na saorsa. Thuir e-san rium gun seòladh e dhomh rathad a b' aithghearr agus a b'fhearr, nach robh idir cho cunnartach ris an t'slighe a sheòl thusa dhomh; agus treòraichidh an rathadh a nochdas mise dhut thu chum taigh duin' uasail aig an robh eolas air m'eallach fhuasgladh dhìom; chreid mis' e, agus chlaon mi o 'n t'slighe sin da h-ionnsaidh so, a dh'fheuchainn an grad fhaighinn fuasgladh o'm eallaich. Ach 'nuair a thainig mi chum an àite so, 'sa chunnaic mi na nithe uabhasach sin, dh'fhàs mi air chrith le h-eagal; agus a nis cha'n fhios domh ciod a ni mi.

*Soisgeulach.* An sin thuir Soisgeulach, "Seas mar tha thu car tamull gus an nochd mise dhut briathra Dhé."—Agus sheas e air bhall-chrith. An sin thuir Soisgeulach. "Thugaibh an aire nach diult sibh e-san a tha labhairt; oir mar deach iadsan as a dhiult an Tì a labhairt o *Dhia riu* air talamh, is mòr is lugha na sin a thèid sinne as, ma thionndaidheas sinu air falbh uaithe-san a ta labhairt o nèamh." (Eabh. xii. 25.) A



bharr air sin, thuir e, “ Bithidh am fìrean beo tre chreideamh ; ach ma philleas aon neach air ais, cha bhì tlachd aig m'anam ann.” (Eabh. x. 38.) Cho-chuir e mar so iad ; “ 'S tus' an duine sin a tha ruith chum na truaighe so. Thoisich thu air cùl a chuir ri comhairl an Dé is ro-àirde, a philleadh air t'ais o slighe na sìthe, eadhon ach beag an cunnart do léir-sgrìos.

An sin thuit Crìosdaidh sìos aig a chasan, ag éigh-each, “ Mo thruaighe mi oir tha mi cailte ! ” agus 'nuair a chunnaic Soisgeulach e, rug e air làimh dheis air, ag radh “ Maithear gach peacadh agus toibheum do dhaoine,” (Mat. xii.) “ Na bì mi-chreideach ach a' creidsinn,” (Eoin. xx. 27.) Air cluinntinn sin do Chrìosdaidh bheothaich e beagan, agus sheas e suas, air chrith mar bha e roimhe an làthair Shoisgeulaich. An sin thuir Soisgeulach, “ Thoir aire dhùrachdach do na nithe a dh'innseas mise dhut. Nochdaidh mise dhut co a mheall thu, agus co ionnsaidh a chuir e thu. 'S e ainm an fhir a thachair riut Gliocas-saoghalta, agus 's ceart a theirear sin ris, a chionn gu'm beil e amhàin toigheach air teagasg an t-saoghail so. (1 Eoin. iv. 5,) uime sin tha e do ghnà a' dol do'n eaglais do Bhaile-nam-beus do bhri gur e sin teagasg is ròghnaiche leis : oir tha e sin ga shaoradh o'n chrann-cheusaidh a thogail ; a chionn gu'm beil e de'n ghne-fhèòlmhor so, uime sin tha e 'g iarraidh mo shligheansa a chlaonadh, ged a tha iad ceart. Air an aobhar sin tha trì nithe ann an comhairl' an duine so ga'n eigin dut fuath a thoirt. A chionn gun do phill e as an t-slighe thu. An oidheirp a thug e ort air thu fuath thoirt do'n chrann-cheusaidh. Agus a chionn gun do sheòl e dhut an t-slighe tha treòrachadh gu bàs.

*Air tùs,* 's eigin dut do thionndadh as an t-slighe fhuathachadh, seadh agus t'aontacha féin da ionnsaidh mar an ceudna : a chionn gur e so cùl a chuir ri comhairle Dhé, air chomhairle Ghliocais-saoghalta. Tha'n Tighearn ag ràdh, Deanaibh spàirn chruaidh, gu doì a staigh air an dorus chumhann', am bealach

chum am beil mise gad' sheòladh; "Oir 's cumhann an t-slighe a tha treòrachadh gu beatha, agus is tearc iadsan a tha 'g amus oirre," (Matt. vii. 13, 14. Luc xiii. 24.) O'n bhealach chumhann so, agus o'n t-slighe ga ionnsaidh, phill an duine aingidh ud thu, le'm beag a bh'eadar thu 's a bhi cailte; uime sin fuathaich do thionndadh as an t-slighe, agus biodh mi-thlachd ort riut féin a chionn gun d'éisid thu ris.

*Annas an dara h-àite.* 'S eigin dut gràin a ghabhail ri e dh' oidheirpeachadh an crann-ceusaidh fhàgail mi-thaitneach leat; oir 's eigin a roghnacha th'ar ionmhas na h-Eipht'. (Eabh xi. 25, 26.) Os barr, dh'innis Rìgh na glòire dhut, Gur eigin dhasan a shàbhalas a bheatha a call. (Marc. viii. 35.; Eoin xii. 25.; Mat. v. 39.) Agus an tì a leanas e-san, agus nach "fuathaich athair agus a mhàthair, a bhean agus a chlann, a bhràithrean agus a pheathraichean: seadh, agus a bheatha féin cuid-eachd, nach fhaod e bhi na dheisgiobuil dha-san." (Luc. xiv. 26.) 'S eigin dut uime sin fuath a thoirt do theagasg an duine sin leis am b'àill a thoirt ort a bhi na atharracha so do barail.

*Annas an treas àite.* 'S fheudar dhut fuath a thoirt da chomhairleachadh dhut imeachd air an t-slighe a threòraicheas chum bàis. Agus air a shon so, 's eigin dut a thoirt fainear co dh'ionnsaidh a chuir e thu, agus mar an ceudna cho neo-chomasach 's a bha e air do snaoradh o t-eallaich. B'e am fear chum an do chuir e thu gu fois fhaotainn A-reir-an-lagha. (Gal. iv. 21—72.) mac na ban-tràille, a tha nis fo dhaorsa maille r'a cloinn, ni is e fo shamhla sliabh Shinai so, a bha eagal ort a thuiteadh air do cheann. A nis', ma tha ise le cloinn fo dhaorsa, cionnas a shaoileas tu is urrainn daibh thus' a dheanamh saor: Cha'n urrainn ma ta am fear so A-reir-an-lagha do shaoradh o t-eallaich. Cha do shaor e duine riamh uaipe; agus cha mhò a shaoras. Cha chomasach do dhuin' air bith bhi air fhìreanacha tre oibre an lagha, oir tre oibre an lagha cha'n fhaigh duine sam bith cùidhte dheth eallach; uime sin is coig-

reach Gliocas-saoghalta, agus is slaoightear am fear a tha Réir-an-lagha ; agus air son a mhic Suairceas, ga mìog-shuileach a sheallas e cha'n 'eil ann ach cealgair, gun chomas aige do leasachadh. Creid mi, cha robh ni sambith an rùn nan daoine aingidh ud, ge mòr am fuaim, ach do chuir air seacharan air do shlàinte, le d' sheòladh as an t'slighe 's an d' àithn mise dhut imeachd." An deigh so chuir Soisgeulach fhianais air nèamh gur i'n fhirinn a thubhairt e, agus air ball thainig cainnt agus teine a mach as a' bheinn a bha'n crochadh os ceann Chrìosdaidh bhochd, a thug air fhalt éiridh air a cheann. B'i so a chainnt a chual' e, "A mheud sa tha fo'n lagh tha iad fo'n mhallachadh ;" oir tha e sgrìobhta, "Is mallaichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nìth ata sgrìobht' an leabhar an lagha chum an deanamh." Gal. iii. 10.

Cha robh Chrìosdaidh nis' ag amharc air son ni air bith ach am bàs, agus thòisich e ri éigheach gu cràiteach, a' toirt a mhìle mallachd air an àm a thachair e air Gliocas-saoghalta ; a' sior ràdh nach robh ann ach amadan a chionn gun d' éisd e r'a chomhairle : bha e mar an ceudna fo mhoran nàire, do bhri gu'n chuir e ìmpidh air le briathraibh feòlmhor air dòigh gu'n thréig e'n t-slighe cheart. Air dha bhi mar so, chuir e chomhairl a rithist ri Soisgeulach ann am briathraibh mar iad so.—

*Croisdaidh.* Ciod i do bharail ? An ion dùil a bhiagam ri trècair ? Am faod mi nis dol air m' ais, agus dol a rithist suas a chum an doruis. Nach cuirear cùl rium air a shon so, agus mo chuir air m'ais fo nàire ? 'S duilich leam gu'n d' éisd mi ri comhairl an duine so : Ach am faodar mathanas a thoirt dhomh ?

*Soisgeulach.* An sin thuirt Soisgeulach ris, "Tha do pheacadh ro-mhòr, oir tha thu coireach de dha chionta mhòr ; thréig thu 'n t-slighe cheart, gu imeachd ann an slighe thoir-misgte ; gidheadh gabhaidh an dorsair riut, oir tha deagh-rùn aige do dhaoine : amhain, bi air t-fhaicill nach pill thu a thaobh a rithist, air eagal gu'n ouirear as dut air an t-slighe, 'nuair a lasas fhearg. An

sin chuir Chrìosdaidh e-fein na uidheam gu dol air ais ; agus an deigh do Shoisgeulach a phògadh, dh'amhairc e air le fiamh-gàire, agus ghuidh e deagh shoirbheacha dha. Mar sin dh'fhalbh e an cabhaig, gun fhacal a ràdh ri aon neach a thachair air, agus ged a labhradh iad ris, cha tugadh e freagradh dhaibh. Dh'imich e mar neach a bhiodh a' coiseachd air talamh toirmisgte, gun bhi ga mheas tearuinnte gus an d'ràinig e rithist an t-slighe air an robh e 'nuair chomhairlich Gliocas-saoghalt' as e. Agus an ceann tamuill rainig e'm bealach : Agus bha sgrìobhta os ceann an doruis, " Buail, agus fosglar dhut." (Mat. viii. 8.) Uime sin bhuail e uair no dha ag ràdh :—

“ An leigair mis' a nis a steach '  
Ged tha mi truailidh 'm beus,  
Ma leigear seinnidh mi do'm Thriath  
Cliù shiorruidh feadh gach rè.”

An sin thainig duine faicilleach a dh'ionnsaidh an doruis d'am b'ainm Deagh-ghean, a dh'fhiosraich, co bha'n sin ? cia as a thainig e ? agus ciod a bha e 'g iarraidh ?

*Crìosdaidh.* 'S e th'ann peacach bochd, trom-luchd-aichte : thainig mi o Bhaile-an-leir-sgrios, agus tha mhiann orm dol gu Sliabh Shioin, chum gu'n saorar mi o'n fheirg ri teachd ; dh'innseadh dhomh gur h-ann tro'n bhealach so a tha'n rathad, uime sin 's math leam fhèdraich an deoin leat-sa mo leigeadh a steach ?

*Deagh-ghean.* 'S deoin leam do ghabhail a stigh, thuirt e, le m'uile chridhe agus dh'fhosgail e'n dorus.

Agus an uair a bha Crìosdaidh a' dol a steach, tharrainn Deagh-ghean leis e. An sin dh'fhèdraich Crìosdaidh dheth, ciod bu chiall da sin ? thuirt e ris, Goirid o'n dorus so tha daighneach laidir air am beil Beelsebub 'na uachdaran : agus tha e-fein agus iadsan a tha maille ris, cleachdta ri saighdean a thilgeadh orrasan a thig a chum an doruis so, a dh'fheuchainn an urrainn iad cur as daibh mu'n tig iad a steach.

An sin thuirt Crìosdaidh, Tha aiteas agus eagal orm.

San uair a thainig e staigh, dh'fheoraich an dorsair dheth co a sheòl an sud e.

*Criosdaidh.* Dh'iarr soisgeulaich orm teachd gu ruige so, agus bualadh, agus gu'n innseadh tusa dhomh ciod a dheanainn.

*Deagh-ghean.* Tha dorus fosgailte fa d' chomhair, agus cha'n urrainn aon neach a dhùnadh.

*Criosdaidh.* A nis tha mi teannadh ri toradh mo chunnairt a shealbhachadh.

*Deagh-ghean.* Ach cionnas a thainig thu t'aonar ?

*Criosdaidh.* Do bhrìgh nach do mhothaich a h-aon de mo choimheirsneich an cunnart mar mhothaich mise.

*Deagh-ghean.* An robh fios aca gu'n d'fhalbh thusa ?

*Criosdaidh.* Bha, chunnaic mo bhean agus mo chlann mi, agus ghlaodh iad rium pilleadh ; ach cha tug mi éisdeachd dhaibh, agus dh'fhalbh mi.

*Deagh-ghean.* Ach an do lean aon neach thu gu ìmpidh chuir ort pilleadh ?

*Criosdaidh.* Lean, an da chuid Ceann-laidir agus Socharach : ach 'nuair a thuig iad nach gabhainn an comhairle, phill Ceann-laidir dhachaigh ; ach thainig Socharach uigh bheag maille rium.

*Deagh-ghean.* Ach c'arson nach tainig e'n fhad so ?

*Criosdaidh.* Thainig sinn còlath, gus an tainig sinn Sloc-na-mi-mhisnich, far 'n do thuit sinn gu grad : 'S an sin dh'fhàillinn misneach mo chòmpanaich, 's cha tigeadh e ni b'fhaide. Ach air dha faighinn a mach air an taobh a b'fhaig' air a thaigh, thuirt e rium gu'n sealbhaichinn an tìr shona sin am aonar air a shonsa. Mar sin dh'imich e roimhe : agus thainig mise mar so.

*Deagh-ghean.* An sin thuirt Deagh-ghean, " Mo thruaighe, an duine bochd ! am beil glòir nam flaitheas cho suarrach leis-san 's nach b'fhiù leis beagan dragh a ghabhail a chionn ruighinn oirre ?"

*Criosdaidh.* Gu deimhin, dh'innis mi'n fhirinn mu Shocharach : agus na'n innsinn an t'iomlan umam féin, cha mhòr eadar-dhealachadh a bhiodh eadar ruinn. Chaidh e-san gun teagamh air ais da thaigh féin, ach

chaidh mise a thaobh air slighe a bhàis, oir chuireadh ìmpidh orm gu sin a dheanamh le dian-earail Ghliocais-shaoghalta.

*Deagh-ghean.* O! an do thachair e-san ort? am b' àill leis thu dh'iarraidh fuasgladh o'n fhear A-reir-an-lagha? Tha iad le chéile gu carach, cealgach; ach an do ghabh thu chomhairle?

*Criosdaidh.* Ghabh, cho fad 's a bha chridhe agam: Chaidh mi dh'iarraidh A-reir-an-lagha, gus an robh eagal orm gu'n tuiteadh a' bheinn a th'aig a thaigh air mo cheann; 'san sin b' eigin domh stad.

*Deagh-ghean.* 'S ioma neach do'n tug a' bheinn sin am bàs, agus bheir i bàs ioma neach fathast; 'S math nach do chuir i as dut.

*Criosdaidh.* Gu firinneach cha'n aithne dhomh ciod a tharladh dhomh, mar tachradh gu sealbhach Soisgeulach orm a rithist, am feadh a bha mi meòraich ciod a dheanainn: ach b'ann de thròcair Dhé gu'n tainig e'm ionnsaidh, air neo cha 'tiginn am feasd an fhad so. Ach a nis thaining mi, mar tha mi; agus bu mhò bu chuibhe dhomh bhi air mo chuir gu bàs leis a' bheinn ud, no bhi mar so cho dàna a' labhairt ri m' Thriath. Ach O! nach sona dhomhsa gu'n d'fhuair mi mo gabhail a staigh 'an so?

*Deagh-ghean.* Cha'n àbhaist duinn cùl a chuir ri aon neach, ge b'e ni a ni iad mu'n tig iad. "Cha tilgear air aon chor a mach iad;" air an aobhar sin, a dheagh Chriosdaidh thig leamsa car tamull beag, agus teag-aisgidh mi dhut mu'n t-slighe air an eigin dut imeachd. Seall romhad; am faic thu'n rathad cumhann ud: sin an t-slighe air an eigin dut imeachd: Rinneadh i leis na prìomh athairichean, na fàidhean, Criosd agus na h-Abstoil, agus tha i cho dìreach 's is urrainn d'i bhith: 'Si so an t-slighe air an eigin duts' imeachd.

*Criosdaidh.* Ach, arsa Chriosdaidh, am beil car a null no nall ann, leis am faod an coigreach dol am mearachd?

*Deagh-ghean.* Tha ioma car; tha iad gu farsuinn fiar: ach faodaidh tusa 'n t-slighe cheart aithneachadh

o'n t-slighe dhochair a cnionn gur i 'n t-slighe cheart a tha a mhàin gu dìreach cumhann.

An sin chunnaic mi am aisling, gu'n d'fhiosraich Criosdaidh dheth, am b'urrainn da cuideachadh a dheanamh ris mu'n eallaich a bh' air a mhuin a chùidh-teacha; oir fathast cha d'fhuair e bhi cùidhte dh'i; 's cha mhò a b'urrainn da air aon chor gun chobhair. Dh'innis e dha, A thaobh t-eallaich, giùlain leatha car beagan, gus an tig thu gu ionad na saorsa: oir an sin tuitidh i dhiot leatha féin.

An sin thòisich Criosdaidh r'a leasraidh a chrìoslachadh chum imeachd air a thuras. Agus dh'innis am fear eile dha; 'nuair a thàradh e beagan o'n dorus gu'n tigeadh e gu taigh an Fhir-mhìnichidh; gu'm buail-eadh e aig an dorus, agus gu'n nochdadh e dha nithe ro òirdheirc. An sin ghabh Criosdaidh beannachd le charaid, agus thuirt e ris a rithist, Gu'n soirbhicheadh Dia leat. Mar sin dh'imich e gus an tainig e taigh an Fhirmhìnichidh, aig an do bhual e uair no dha; fad-dheòigh thainig neacha chum an doruis, a dh'fheòraich: —“ Co tha 'n sin ?”

*Criosdaidh.* Tha'n so fear-turais, air an d'iarr fear-eòlais air fear-an-taighe so, guth a dheanamh aige chum mo bhuanachd: b'àill leam, uime sin, labhairt ri fear-an-taighe. Chaidh gairm air fear-an-taighe agus thainig e far an robh Criosdaidh agus dh'fheòraich e ciod a bh'air aire?

*Criosdaidh.* Thuirt Criosdaidh, 's duine mise a thainig o Bhail-an-léir-sgrios, agus tha mi dol a dh'ionnsaidh Sliabh Shioin; agus thuirt am fear a th'aig an dorus air ceann na slighe so rium, nan deanainn guth an so, gu'm foillsicheadh tusa dhomh nithe taitneach, a dheanadh còmhnaidh rium air mo thuras.

*Fear-mìnichidh.* An sin thuirt am Fear-mìnichidh ris, Thig a staigh; nochdaidh mise nithe bhios feumail dhut. Thug e àithne da òglach coinneal a lasadh, agus dh'iarr e air Criosdaidh a leantuinn; agus thug e steach e do sheòmar uaigheach, 's dh'iarr e air òglach dorus

fhosgladh, leis am faca Crìosdaidh dealbh duine fìor shocrach an crochadh ris a' bhalla, agus b'è so a choslas: bha shùilean ag amharc ri neamh, an leabhar a b'fhèarr 'na làimh, lagh na firinn sgrìobht' air a bhilibh, bha'n saoghal air a chùl, sheas e mar a' tagradh ri daoine agus bha crùn an crochadh os ceann a chinn.

*Crìosdaidh.* An sin thuirt Crìosdaidh, ciod is ciall da so?

*Fear-mìnichidh.* An duine is e so a dhealbh, is aon á mìle e: 'S urrainn da clann fhaighinn, bhi ri saothair leo, agus an altrum 'nuair a bheirear iad. (1 Cor. iv. 15. Gal. vi. 19.) Agus mar a chi thu e le shùilean togta ri nèamh, an leabhar is fearr 'na làimh, agus lagh na firinn sgrìobht' air a bhilibh; 's ann a dh'fheuchainn dutsa gur e obair-san a bhi foillseachadh nithe dorcha do pheacaich eadhon mar tha thuga fhaicinn 'na sheasamh a' tagradh ri daoine Agus leis mar tha thu faicinn an t-saoghail mar air a chùl, agus crùn an crochadh os a cheann, tha sin a nochdadh dhut, a chionn gu'n do chuir e an suarrachas na nithibh a tha làthair, air son na spéis a th' aige do sheirbheis a mhaighstir; gu'm beil e cinnteach, sa'n ath-shaoghal gu'm faigh e crùn glóire mar a dhuais. A nis thuirt e, "Nochd mi an dealbh so dhut air tùs, a chionn gur h-e 'n duine a tha a dhealbh an so an t-aon duine do'n tug Triath an àite, chum a'm beil thus' a' dol, comas do stiùradh anns gach ionad docair fad do thuras. Air an aobhar sin gabh sàr-bheachd air na nochd mi dhut; agus cùmhnich air na chunnaic thu, air eagal gu'n tachair ort air do thuras iadsan a ghabhas os làimh do threòrachadh air an t-slighe cheart, 'nuair is ann a tha iad gad' chlaonadh gu bàs.

An sin ghlac e air làimh dheis e, agus thug e steach e do sheòmar mòr a bha làn de dhuslach tioram, a chionn nach robh e idir ga sguabadh: agus an deigh dha amharc air rè seal, dh'àithn am Fear-mìnichidh do dh'fhear a sguabadh; ach 'n uair a thòisich e r'a sguabadh, bha'n duslach tioram ag éiridh cho anabarrach, 's nach mòr nach do thachd e Crìosdaidh. An sin



thuirt am Fear-mìnichidh ri cailin a bha làimh ris,  
 “ Thoir an so an t-uisge, agus crath air an t-seòmar e : ”  
 agus an nuair a rinn i sin ghabh an seòmar sguabadh  
 gu glan taitneach.

*Criosdaidh.* An sin thuirt Criosdaidh, Ciod is bhrìgh  
 dha so ?

*Fear-mìnichidh.* Fhreagair am Fear-mìnichidh :  
 “ ’S e’n seòmar so cridhe an duine nach deach’ riamh a  
 naomhachadh le gràs an t-soisgeil ; ’s e’n duslach a  
 pheacadh gin’ agus a thruailleachd o’n leth a staigh a  
 shalaich an duine gu h-iomlan. E-san a thòisich air  
 tùs ri sguabadh b’e’n Lagh e ; ach b’e’n neach a chrath  
 an t-uisg air an Soisgeul. Ach a chionn gu’m faca tu  
 cho luath ’s a thoisich a’ cheud neach ri sguabadh gu’n  
 do sgapan duslach suas feadh an t-seòmair cho mòr ’s  
 gu’n robh e’n cunnart do thachdadh, tha so a’ nochdadh  
 dhut gur ann a tha’n lagh trìd oibreachadh a’ neart-  
 achadh agus a’ beothachadh a pheacaidh, an àite a  
 chridhe a ghlanadh uaithe, eadhon, mar tha e ga nochd-  
 adh agus ga thoirmeasg ; oir cha ’n ’eil e buileachadh  
 a chumhachd gu cheannsachadh. Rom. vii. 6 ; 1 Cor-  
 xv. 56 ; Rom. v. 20.

A rithist, mar chunnaic thu ’n cailin a crathadh an  
 uisg’ air an t-seòmar, leis ’n do ghlan e gu h-ealamh  
 taitneach ; tha so a’ feuchainn dut ’nuair a thig an  
 soisgeul le chumhachd blasda drùighteach do’n chridhe  
 mar sin gu’m beil am peacadh air a cheannsachadh,  
 agus gu’m beil an t-anam air a ghlanadh tre chreid-  
 eimh, agus air a dheanamh iomchaidh gu rìgh ’na glòir  
 a ghabhail tàmh ann. Eoin xv. 3 ; Eph. v. 20 ;  
 Gnìomh. xv. 9 ; Rom. xvi. 25, 26 ; Eoin xv. 13.

Os barr chunnaic mi am aisling, gun d’rug am Fear-  
 mìnichidh air làimh air, agus theòraich se e do sheòmar  
 beag, far an robh da leanabh bheaga ’nan suidhe. B’e  
 ainm an dara fir Buairesas, agus an fhir eile Foighid-  
 inn. Bha Buairesas ro neo-thoilichte, ach bha Foighid-  
 inn ro chiùin. An sin dh’ fheòraich Criosdaidh, Ciod a  
 b’aobhar do mi-thoileacha Bhuaireis ? Thuirt am

Fear-mìnichidh, “ B’ àill le’n uachdaran araon gu’m feitheadh iad r’an nithe matha gu toiseach na h-ath-bhliadhna; ach ’s miann le Buaires an t-iomlan fhaighinn an dràsda: ach tha Foighidinn toileach fuireach ris an àm.”

An sin chunnaic mi gu’n tainig neach a dh’ionnsaidh Bhuaireis, a thug dha sporan ionmhais, agus thaom e aig a chasan e; thrus e suas e, agus rinn e gàirdeachas air a shon; agus rinn e gàire fanaid mu Fhoighidinn; ach an ceann ùine bheag mhothaich mi gun do strùigh e ’n t-iomlan air falbh, agus nach d’ fhan a bheag aige ach broineagan gun seadh

*Criosdaidh.* An sin thuirte Criosdaidh ris an Fhear-mhìnichidh, mìnich so dhomh ni ’s soilleire.

*Fear-mìnichidh.* Agus thuirte e ris, “ Is sàmhla an da òigear ud; tha Buaires na shàmhla air fir an t-saoghail so, agus Foighidinn air fir an t-shaoghail eile; oir, mar chunnaic thu gu’m b’ àill le Buaires an t-iomlan a shealbhachadh am bliadhna; ’se sin r’a ràdh, san t’ saoghal so; ’s amhuil fir an t-saoghail so; ’s math leo an nithe math uile fhaotainn san àm, gu’n fhuireach ris an ath-bhliadhna; ’se sin, gus an ath-saoghal, chum an nithe matha fhaotainn. Tha ’n gnàth fhacal so ni’s drùightich’ orra. “ Gur fearr aon eun san làimh no dhà-dheug air iteig,” na gach fianais dhiadhaidh mu mhathas an t-saoghail ri teachd. Ach leis mar chunnaic thu, gu’n do strùigh e ’n t-iomlan an ùine ghearr, agus nach d’fhuirich a bheag aige ach nithe gu’n seadh; ’s amhuil a thàrlas da’n leithid sin de dhaoine aig deireadh an t-saoghail so.

*Criosdaidh.* An sin thuirte Criosdaidh, Tha mi nis a faicinn gur i Foighidinn is fearr air ioma’ dòigh. *Airtus.* A chionn gu’n d’ fhuirich i ris na nithe matha. Agus a rithist, gu’m bi a cuibhrionn-san a lathair ’nuair a striùdhear a chuid-san.

*Fear-mìnichidh.* Cha ’n e mhàin sin, ach faodar chuir ris ga chliùthachadh, nach searg glòir an ath-saoghail am feasd; ach gu’n tèirig na nithe a bhui-

eas do'n bheatha so an ùine ghearr. Air an aobhar sin cha robh na h-urrad aobhair aig Buaires fanaid a dhèanamh air Foighidinn, chionn gun d'fhuair e a nithe math an toiseach, ach bithidh deagh aobhar aig Foighidinn fanaid a dhèanamh air-san, a chionn gu'n d'fhuair i a nithe math fa dheireadh: oir feumaidh toiseach aite thoirt do 'n deireadh, do bhrìgh nach 'eil an deireadh ann fathast; oir cha tabhair an deireadh àite do ni air bith; a chionn nach comasach aon ni a theachd 'na dhéigh; uime sin theirear mu 'n gheòcaire shaibhear. “Fhuair thusa do nithe maith ri àm dhut bhì beò; agus Lazarus mar an ceudna a nithe olc; ach a nis a ta e-san a' faotainn solais, agus tha thus' mar an ceudna air do phianadh.” Luc. xvi. 25.

*Criosdaidh.* Tha mi leis a' sin a' toirt fainear nach còir a bhì déigheil air na nithibh a ta làthair, ach fuireach gu foighidneach ris na nithe a ta chum teachd.

*Fear-mìnichidh.* 'S ceart a thuirt thu sin; “oir tha na nithe a chithear aimsireil, ach na nithe nach faicear sìorruidh.” (Cor. iv. 18.) Ach ged a tha so mar sin, gidheadh tha na nithe a ta làthair, agus ar n-ana-mianna feòlmhora cho dlù an dàimh r'a chéile; agus a rithist, do bhrìgh gu'm beil nithe ri teachd agus nithe feòlmhora 'nan coigrich d' a chéile; 's ann uime sin ma ta, a tha cheud ni dhiu so gu h-obann a' taisbeanadh cairdeis, agus a tha astar cho fada air a chumail eadar e sin agus an dara ni. Rom. vii. 15—25.

Chunnaic mi an sin am aisling, gu'n do ghlac a'm Fearmìnichidh Criosdaidh air làimh, 's gu'n do threòraich se e gu ionad anns an robh teine losgadh ri balla, agus aon 'na sheasamh làimh ris, a' sìor thilgeadh uisg' air a chum a chuir as; gidheadh 's ann bu bhraise agus bu teotha a bha e gabhail.

An sin thuirt Criosdaidh, “Cìod is brìgh da so?”

Thuirt am Fear-mìnichidh ris, “'S e 'n teine obair nan gràs a ta air oibreachadh 'sa' chridhe; e-san a tha tilgeadh uisg' air gu chuir as is e an diabhol: ach a dh'aindeoin sin loisg an teine ni b'airde agus ni bu teotha,

chì thu fòs an t-aobhar mu 'n do thachair sin." Agus thug se e gu taobh eile a bhalla, far am fac' e duine le soitheach ola 'na làimh, a dhòirst e do ghnàth ach gu dìomhair, air an teine.

An sin thuirt Crìosdaidh, " Ciod is brìgh da so ?"

Fhreagair am Fear-mìnichidh, 'S e so Crìosd, a tha do ghnàth le ola nan gràs a' toirt air a h-aghaidh na h-oibre a thòisich cheana anns a' chridhe: 's a tha a dh' aindeoin na dh'-fhaodas an droch-spiorad a dhèanamh a' cumail anmanna 'shluaigh do ghnàth ann an deagh fhonn. (2 Cor. xii. 9.) Agus leis mar a chunnaic thu 'n duine a bh'air cùl a' bhàlla a' sìor bheothachadh an teine, tha so a' teagasg dhut gur deacair do na creidich a thoirt fainear mar tha obair nan gràs air a cumail suas anns an anam.

Chunnaic mi mar an ceudna, gun do ghabh am Fear-mìnichidh a rithist air làimh e, 's gu'n do threòraich se e gu ionad taitneach, far an robh lùchairt àluinn air a togail, a bha ro-thaitneach do'n t' sùil; ni a thug mòr thoil-inntinn do Chrìosdaidh; chunnaic e mar an ceudna muinntir àraidh ag imeachd air a mullach, a bha air an sgeudachadh le h-òr.

An sin thuirt Crìosdaidh, am faod sinne dol a steach innte ?

An sin ghlac am Fear-mìnichidh air làimh e, agus threòraich se e gu dorus na lùchairte; agus feuch bha aig an dorus buidheann mhòr dhaoine, a bha cho déigheil air dol a stigh, ach cha robh chridhe aca. Shuidh fòs duine aig taobh bùird astar beag o 'n dorus le leabhar, agus inneal sgrìobhaidh air a bheul-thaobh, a chuir sìos ainm gach neach a rachadh a stigh: chunnaic e mar an ceudna, gun robh anns an dorus nan seasamh daoine fo'n armaibh chum a chiomhid, a' cuir rompa gach ciùrradh agus dolaidh a deanamh orrasan leis am b' àill dol a stigh. Le so fhaicinn, bha rud-eigin ioghnaidh air Crìosdaidh: fa-dhedigh, 'nuair a leum gach fear air ais le eagai roimh na daoine bha fo'n armaibh, chunnaic Crìosdaidh duine fearail calma 'teachd da ionnsaidh-sar

a bha 'na shuidh gu sgrìobhadh ,ag ràdh ris, cuir sìos m' ainmse, agus 'nuair a rinn e sin, chunnaic e 'n gaisgeach a' tarrainn a chlaidheimh, s' a' cuir clogaid mu cheann, 's a' dol le uile neart chum an doruis far an robh na daoine armaichte, a thug an aon aghaidh gharbh air ; ach cha b'ann air a mhì-thapadh a chaidh e-san, ach thòisich e r'an slaicneadh thall 's a bhos, le garbh bheuman fuilteach. Mar so, an déigh dha iomadh creuchd fhaighinn agus a dhìoladh orrasan le 'm b'àill a chumail a mach. (Mat. xi 12. Gnìomh. xiv. 22.) rinn e rathad troi 'n iomlan aca a steach do'n lùchairt ; agus air faicinn sin daibh rinn iadsan a bha staigh gàir' éibhinn eadhon, iadsan a bha coiseachd air mullach na lùchairte, ag ràdh ;

Thig thusa steach le caithream buaidh,  
'S bìthidh glòir bhith-bhuan dhut mar dhuais.

Mar sin thàr e steach, agus chaidh éideadh le trusgan coltach rìusan, a bha stigh. Ann sin rinn Crìosdaidh fàite gàire, agus thuirt e, air leam, gu deimhin gu'm beil mi tuigsinn brìgh nan nithe sin.

A nis' arsa Crìosdaidh, leig leam triall. Cha leig fathast, ars' am Fear-mìnichidh, gus an nochd mi beagan tuille dhut, 's an sin falbhaidh tu air do thuras. Ghabh e rithist air làimh e, agus thug se e do sheòmar ro dhorcha far an robh duine 'na shuidh an crò iarainn.

Le amharc air an duine so mheasadh neach gun robh e ro dhubhach ; bha e 'na shuidh ag amharc air an làr, a' fàsgadh a' làmh, agus a chridhe gu briste le osnaich. An sin thuirt Crìosdaidh, “ Ciod is ciall da so ? ” Agus thuirt am Fear-mìnichidh ris, “ labhairt ris an duine.”

An sin thuirt Crìosdaidh ris an duine, “ Cò thusa ? ” Fhreagair an duine ; “ 'S mi an tì nach bu mhi aon uair.”

*Crìosdaidh.* Cò bu tu aon uair ?

*Duine.* Thuirt an duine, “ Bha mi aon uair am fhear aidmheil sgiamhach, taitneach, (Luc. viii. 13,) araon am bharrail féin agus dhaoin eile : bha mi aon uair, air leam, iomchaidh air flaitheas, bha aiteas orm a' smaoin-teachadh gu'm faighinn dol a steach ann.”

*Criosdaidh.* Seadh, ach cò thu a nis ?

*Duine.* 'S duine eu-dòchasach mi, agus tha mi air m'ìoma-dhruideadh ann, mar anns a' chrò iarruinn so. Cha 'n urrainn mi dol as : Mo thruaighe a nis cha'n urrainn !

*Criosdaidh.* Ach cionnas a thàinig tha chum na h-inbhe so ?

*Duine.* Leig mi dhìom faire agus a bhi suidhichte ; leig mi srian le m' ana-miaunan ; pheacaich mi 'n aghaidh soluis an fhacail, agus mathais Dé : chuir mi doilgheas air an Spiorad agus dh'fhàg e mi ; bhuaire mi an diabhol, agus thàinig e m' ionnsaidh ; bhrosnaich mi Dia gu féirg, agus thréig e mi : chruadhaich mi mo chridhe cho mòr 's nach *comasach* dhomh aithreachas a ghabhail.

An sin thuirte Criosdaidh ris an Fhear-mìnichidh, “ Ach am beil aobhar dòchais aig a leithid so de dhuine ? ” Feòraich dheth, ars am Fear-mìnichidh.

*Criosdaidh,* An sin thuirte Criosdaidh, “ An ion dòchas a bhi agad ri cobhair ; no'n eigin dhut bhi air do chumail ann an crò an eu-dòchais so ? ”

*Duine.* Cha 'n 'eil dòchas idir agam ri cobhair.

*Criosdaidh.* C'arson ? tha'm Fear-saoraidh gle thruacanta.

*Duine.* Ged a tha. Chéus mise dhomh féin, as ùr e, (Eabh. vi. 6,) rinn mi tàir air a phearsa, (Luc. xix. 14,) rinn mi tàir air fhìreantachd ; mheas mi fhuil mar ni mì-naomha ; rinn mi tailceas air Spiorad nan gràs ; (Eabh. x. 28, 29,) uime sin dhùin mi mi féin a mach o chòir air gach gealladh ; agus cha'n 'eil ni an dàn domh a nis ach bagraidhean, bagraidhean uabhasach, bagraidhean eagalacha, breitheanas cinnteach agus fearg theinnteach, a sgriosas mis mar eas-caraid.

*Criosdaidh.* C'arson a thug thu thu-féin chum na h-inbhe so ?

*Duine.* Air son ana-mianna, sòlais, agus buannachd an t-saoghail so ; nithe le'n sealbhachadh o'n robh dùil agam mòr thoilintinn fhaighinn : ach tha gach ni

dhiu a nis' ga m' theumadh agus ga m' lot mar chnuimh ghnà-chlaoidhtich.

*Criosdaiah* Nach urrainn dut fathast aithreachas a ghabhail agus pilleadh?

*Duine.* Dhiùlt Dia aithreachas domh. Cha'n 'eil fhacal a' toirt misnich dhomh gu creidsinn; ni h-e a mhàin sin, ach dhùin e-féin a stigh sa chrò iaruin so mi a's nach 'eil e'n comas fir an domhain mo chuir fagsaoil. O a shìorruidheachd! a shìorruidheachd! Cionnas a chathaicheas mi ris an truaighe is eighin teachd orm fad bith-bhuantachd?

*Fear-mìnichidh.* An sin thuirt am Fear-mìnichidh ri Criosdaidh, “Cùm truaighe an duine so a'd' chùimhne, agus cumaidh e do ghnàth air t-fhaicill thu.”

“Seadh,” arsa Criosdaidh, “is eagalach an ni so, gu'n deònaicheadh Dia dhomh bhi faicilleach agus ciallach, 's a guidhe gun seachain mi aobhar truaighe an duine so. Nach mithich dhomh a nis bhi triall air mo thuras?”

*Fear-mìnichidh.* Fuirich gus am feuch mi aon ni eile dhut, 's an sin falbhaidh tu air do thuras.

Mar so glac e rithist air làimh Criosdaidh, agus threòrach se e do shedmar far an robh neach ag éiridh as a leabaidh; agus mar bha e cuir uime a thrusgain, bha e air ball-chrith. An sin thuirt Criosdaidh, “C'arson a tha'n duine so air chrith cho mòr?” Thuirt am Fear-mìnichidh ris, “Innis do Criosdaidh c'arson a tha thu air chrith,” agus mar so thòisich e air a radh, “An raoir 'nuair bha mi m' chadal, bhruadair mi, agus feuch dh'fhàs na nèamhan ro dhorcha: thainig dealanach agus tàirneanach ro mhor a chuir anabharr eagail orm: dh'amhaire mi suas am aisling, agus chunnaic mi neòil gu neo-bhàigheil air am fuadachadh le gaoith; agus chuala mi fuaim labhrach trompaid, agus duine na shuidh air neul agus mìltean de dh'ainglean fhlaithis a' frithealadh dha: bha iad uile nan teine lasarach; bha na nèamhan mar an ceudna nan lasair theine. Chuala mi'n sin guth, ag radh, “Eiribh agus thigibh, sibhse tha màrbh, chum breitheanais:” agus leis a sin sgoilt na creagan, dh'fhosgail na h-uaighean, agus thainig

na mairbh a bh'annt' a mach: bha cuid dhiu ro ait, ag amharc suas; agus bha cuid eile dhiu 'g iarraidh iad féin fhalach fo na beanntaibh. An sin chunnaic mi'n duine bha 'na shuidhe air an neul a' fosgladh an leabh-air, 'sa 'g iarraidh air an t-sluagh teachd am fagus. Gidheadh, a thaobh lasair gharq a bha teachd a mach 's a' dol roimhe, bha astar iomchaidh eatorra, mar bhios eadar breitheamh agus ciomaich anns an taigh-mhòid. Chuala mi mar an ceudna gairm air a toirt dhaibhsan a bha frithealadh air an Tì a bha na shuidhe air an neul, ag ràdh, "Cruinnichibh ra chéile an cogul, am moll, agus an as-bhuain, agus tilgibh iad do'n loch loisgeach:" agus leis a sin dh'fhosgail an sloc gun ìochdar dìreach far an robh mi am sheasamh a beul as an tàinig anabharra deataich agus eibhlean teine, le fathrum oilteil. Chaidh a ràdh ris a mhuintir cheudna, "Cruinnichibh a staigh mo chruithneachd do m' shaibh-libh." Leis a sin chunnaic mi mòran air an giulan suas anns na neoil; ach chaidh mise fhàgail nan dèigh. Dh'iarr mi gu mi féin fhalach, ach cha b'urrainn dhomb oir chùm an neach a bha na shuidhe air an neul a shùil orm do ghnàth, thàinig mo pheacannan am aire, agus dhìt mo choguis mi air gach làimh. San iomaguinn 'so mhosgail mi a' m' shuain. Math. iii. 12; xiii. 30; xxiv. 30. Mal. iv. 1. 1 Cor. xv. 1 Thes. iv. 16. Iud. 15. Eoin v. 28, 29. 2 Tes. i. 8, 10. Tais. xx. 11—14. Isa. xxvi. 21. Mic. vii. 16, 17. Salm v. 4; L. 1, 2, 3. Mal. iii. 2, 3. Dan. vii. 9, 10. Luc. iii. 17. 1 Thes. iv. 16, 17. Rom. ii. 14, 15.

*Criosdaidh.* Ach ciod a chuir na h-urrad eagail ort roimh 'n t-sealladh?

*Duine.* Shaoil mi gun tàinig latha bhreitheanais, agus nach robh mi deas fa chomhair: ach chuir so am barrachd eagail orm gu'n do chruinnich na h-ainglean moransuas 's gu'n dh'fhàg iad mise 'nan déigh; agus fòs gu'n d'fhosgail ifrinn a beul dìreach far an robh mi a'm sheasamh. Bha mo choguis mar an ceudna ga m chlaoidh agus air leam gu'n robh sùil a Bhreitheamh do ghnàth orm, agus corraich 'na ghnùis.



An sin thuir am Fear-mìnichidh ri Crìosdaidh, “ An tug thu fainear na nithe sin ? ”

*Crìosdaidh.* Thug, agus tha iad a' cuir eagail orm, agus a' toirt misnich dhomh.

*Fear-mìnichidh.* Ro-mhath, cùm iad sin uile, ma ta, ann ad aire, chum gum bì iad mar bhioraibh ri d' thaobh gu d'chumail air t-aghaidh air an t-slighe air an eiginn dut imeachd. An sin thòisich Crìosdaidh ri leasraidh a chrìoslachadh, gu dol 'na uidheam fa chomhair a thurais. An sin thuir am Fear-mìnichidh ris, Gu'n robh an Comhfhurtair do gnàth maille riut, a dheagh Crìosdaidh, chum do stiùradh air an t-slighe a tha treòrachadh chum a' bhaile nèamhaidh. Mar so dh'fhalbh Crìosdaidh roimhe, ag ràdh :—

“ 'N so chunnaic mi nith' anansach  
 A's buannachdail dhomh fein;  
 Nith' taitneach agus uabhasach  
 Gam' chuartachadh 's gach ceum;  
 A chum thoirt orm gun tuiginn ceart  
 Na ghabh mi'n tùs os làimh,  
 Deònaich mo smuain bhì orra tric  
 Le dùrachd mhath 'na thrà.  
 S ann air son so a nochdadh iad,  
 Fhìr-mìnichidh mo ghraidh,  
 A's taing dhut, anns an dealachadh,  
 Air son do dhìlseachd àigh.”

Chunnaic mi am aisling, gun robh an rathad-mòr air an robh Crìosdaidh gu triall air ioma-dhruideadh air gach taobh le balla, agus b' e ainm a' bhalla sin, Slàinte. (Isa. xxvi. 1.) Suas mar so air an aobhar sin ruith Crìosdaidh le throm eallaich ach cha b'ann gun spàirn.

Ruith e mar so gus an tainig e gu bruthach chas, agus air an uchdan sin bha crann-céusaidh 'na sheasamh, agus beagan fodha bha uaigh. Air leam ann am aisling cho luath 's a thàinig Crìosdaidh gu bun a chroinn-cheusaidh, gu'n d'fhuasgail eallach o ghuaillibh agus gu'n do thuit i sìos car air char, gus an d'ràinig i beul na h-uaighe, anns an do thuit i agus cha'n fhaca mi i ni's mò.

An sin bha Crìosdaidh gu h-eatrom, aighearach,

agus thuir e le cridhe ait, “ Dheònaich e dhomh fois trid àmghair, agus beatha trid a bhàis.” An sin sheas e re tamuill a bheachdachadh le h-ìognadh; oir bu ro iongantach leis gu'n tug aon sealladh de'n chranncheusaidh air eallach tuiteam dheth. Nis air dha a bhi mar so a' beachdachadh agus a' caoineadh, gus na shil tobraichean a chinn an uisge sìos air a ghruaidhean, feuch thàinig trìuir dhealrach da ionnsaidh, agus chuir iad fàilte air ag ràdh, “ Sith gu'n robh agad.” Thuir a cheud fhear dhiu ris, “ Tha do pheacannan air am maitheadh dhut.” (Marc. ii. 5;) Thug an dara fear dheth éideadh riobagach, agus sgeudaich se e le caochladh trusgain: chuir an treas fear comharradh air clà aodainn, (Eph. i. 13.) agus thug e dha *sgrìobhadh*, agus *seula* air, air an d'iarr e air amharc 'nuair a ruith-eadh e, agus gu'n tugadh e seachad e aig an dorus nèamhaidh: mar sin dhealaich iad ris. An sin thug Criosdaidh trì leuman le mòr aoibhneas, agus chaidh e air aghaidh a' canntaireachd gu crìdheil:—

“ Am feadh so thàinig mi le m'pheacadh sgith,  
 A bha dhomh nan éire thruim gun fhois gun sìth;  
 Gus 'n do thàr mi 'n so; gu ionad taitneach suairc,  
 Gu tùs mo shòlais; dh'fhaottaich air mo chruthas,  
 An so thuit an t-eire chuir orm spàirn,  
 Lasaich gach cuibhreach chum mi 'n sàs,  
 Is àghmhor dhoms' an crann, s'an naigh;  
 Ach 's àghmhoire na sin am f'ath a thug orr' buaidh!

Chunnaic mi 'n sin aon am aisling, mar so gu'n deach' e air aghaidh, gus an tainig e chum glaice, far am fac e beagan bharr an rathaid, trìuir dhaoine nan trom chadal, agus geimhlean air an casan. B'e ainm a h-aon diu Sochair, an fhir eile Dearmad, agus ainm an treas fir Dànachd.

'Nuair chunnaic Criosdaidh an còr san robh iad, chaidh e d' an ionnsaidh, chum, na'm feudadh e, an dùsgadh; agus dh'éigh e, “ Tha sibh coltach riusan a chaidleas 'am barr a' chroinn, (Gnàth. xxiii. 34.) oir tha'n cuan mòr fodhaibh, slugan gun iochdar: Mosgalaibh, uime sin. suas, agus falbhaibh leamsa; agus ma bhios sibh toileach nì mise còmhnadh leibh chum

ur cuibhreach fhuasgladh dhibh.” Thuirt e a thuilleadh riu nan tigeadh e-san a tha dol m'an cuairt mar leoghan beucach na 'r caramh, (1 Pead. v. 8.) tuiteadh sibh gun teagamh mar chobhartach leis. Leis a sin thug iad sùil air, agus thuirt Sochair, “ Cha'n fhaic mi cunnart air bith ;” thuirt Dearmad, “ Beagan tuille cadail ;” agus thuirt Dànachd, “ Suidheadh gach soitheach air a mhàs féin.” Mar so laidh iad sìos a rithist gu cadal, agus dh'imich Crìosdaidh air a thuras, Gnath. xxiii. 24.

Gidheadh, bu duilich leis a smuainteach, gu'n robh daoine a bha ann an cor cho cunnartach, cho neo-shuimeil air caoimhneas an neach a thairg an còmh-nadh cho saor, le 'n dùsgadh, a' comhairleachadh dhaibh agus a' tairgse còmh-nadh leo gus an cuibhreach fhuasgladh. Air dha bhi mar so fo thrioblaid, chunn-aic e dithis dhaoine a leum thar a bhalla, a bh'air taobh clì na slighe cumhainn ; agus choisich iad gu h-eall-amh suas ris. B'e ainm fir dhiu Riaghailt, agus ainm an fhir eile Cealgaireachd. Ceart mar thuirt mi, rug iad air, agus thòisich e ri cainut riu :

*Crìosdaidh.* Cia as a thàinig sibh, a dhaoine uaisle, agus c'ait a tha sibh a' dol ?

*Riaghailt agus Cealgaireachd.* Rugadh sinn an tìr Gloir-dhìomhain, agus tha sinn a' dol gu Sliabh Shioin a dh'iarraidh cliù.

*Crìosdaidh.* C'arson nach tàinig sibh a stigh air an dorus a th' aig toiseach na slighe ? Nach aithne dhuibh gu'm beil e sgriobhta, “ Gur gadaich agus fearreubainn e-san nach tig astighair an dorus, ach a théid suas air sheòl eile, Foin x. 1.

*Riaghailt agus Cealgaireachd.* Thuirt iad gu'n robh dol chum an doruis air a mheas le muinntir an dùthcha-san tuille 's fad' as an rathad ; agus gu'm b' àbhaist daibh an t-aithghearr a ghabhail agus streap thar a bhalla mar rinn iadsan.

*Crìosdaidh.* Ach nach measar e mar chionnt an aghaidh Uachdarain a' bhaile chum am beil sinn a dol,

ainneart a dhèanamh mar so, an aghaidh a thoil fhiollsichte?

*Riaghailt agus Cealgareachd.* Thuirt iad ris, air son sin deth nach ruigeadh e a leas dragh a chuir air féin mu thimchioll; oir gu'm b' e gnàth an àite o cheann mìle bliadhna a dheanamh mar rinn iadsan.

*Criosdaidh.* Ach an seas 'ur gnàthachadsa an làthair breitheimh aig ceartas lagha?

Thuirt iad ris gu'm measadh breitheamh neo-chlaon sam bith, ghnàthachadh a bh'air chois o cheann corr a 's mìle bliadhna làn cheadaichte, agus osbarr, thuirt iad, ma thig sinn air an t-slighe, ciod an umhaill cia an ddìgh air an tig sinn ann; Cha'n 'eil thus' ach air an t-slighe ged thàinig thu staigh air an dorus; agus tha sinne mar an ceudna oirre, ged nach d' rinn sinn ach an gàradh a leum: Ciod a nis e feàrr do chor-sa no ar cor-ne?

*Criosdaidh.* Tha mise 'g imeachd a réir òrduigh mo mhaighstir; tha sibhs' ag imeachd a réir obair bhorb 'ur faoin-bharailean féin. Tha sibhse chean' air 'ur meas mar mheirlich le Triath na slighe, uime sin 's eagal leam nach faighear 'n ar daoine firinneach sibh aig ceann 'ur turais. Thàinig sibh as 'ur ceann féin gun e-san g'ar seòladh, agus théid sibh a mach libh téin as eugmhais a thròcair.

Cha tug iad ach beag freagraidh air so; ach a mhàin gu'n tubhairt iad ris an aire thoirt air féin. Chunnaic mi gu'n deach' iad air an aghaidh gach fear a rathad féin, gu'n mhòran cainnt r'a chéile, mach o gu'n tubhairt iad ri Crìosdaidh. nach robh teagamh aca, gu'n coimheideadh iad reachdan agus òrduighean cho cothromach ris-an; uime sin, thuirt iad ris, cha'n faic sinn ciod sa'm beil thu 'g eadar-dhealachadh uainne, saor o 'n chòta sin a th'air do dhruim, a thugadh dhut a réir ar barail-ne chum do lomnochd no do nàire fhalach.

*Criosdaidh.* Cha tèarnar sibh le reachdan agus le òrduighibh, a chionn nach tàinig sibh a staigh air an dorus. (Gal. i. 16.) Agus a thaobh a chòta so a th'

air mo dhruim, fhuair mi e bho Thighearna na tìre chum am beil mi dol; agus sin ceart mar thuirt sibh, a chòmhdachadh mo nàire: Agus 's comharradh leam e air a dheagh-ghean do m' thaobh gu'n d' fhuair mi e; oir cha robh agam ach broineagan roimhe so: agus, os barr, mar tha mi 'g imeachd tha mi ga m' thoileachadh féin leis a' bheachd so; gur cinnteach 'n uair a thig mi chum geata a' bhaile, gu'n aithnich Triath an àite mi, o'n a tha chòta air mo dhruim: trusgan a thug e gu saor dhomh an latha bhuin e dhìom mo luideagan. A bharr air sin, tha comharradh agam uaithe an clàr m' aodainn, theagamh ged nach tug sibhs' an aire, a chuir aon de luchd-frithealaidh ionmhuinn mo Thighearn ann air an latha thuit m' eallach dhiom. Osbarr thugadh dhomh air an àm cheudna sgrìobhadh naisgte a bhithinn a' leughadh a neartachadh mo dhòchais mar thriallainn air an t-slighe: Dh'iarradh orm a thoirt seachad aig an dorus nèamhaidh, mar chomharradh gu'm b'e mo bheatha gu dol a staigh; tha mi'n amharus gu'm beil na nithe sin uile a dh' easbhaidh oirbhse, agus sin a chionn nach tàinig sibh a staigh air an dorus. Cha tug iad freagradh do na nithibh sin, ach dh' amhaire iad air a chéile, agus rinn iad gàire. An sin chunnaic mi gu'n d'imich iad cuideachd, ach bha Crìosdaidh a' cumail air thoiseach, agus a' cainnt ris féin, air uairean ag osnaich, agus air uairean eile an àrd thoilinntinn: bhiodh e air uairean a leughadh an sgrìobhaidh a fhuair e o fhear de na daoine deàlrach, leis am biodh e air a bheothachadh.

Bheachdaich mi, agus chunnaic mi gu'n deach' iad uile air an adhart gus an tàinig iad bun Bruthaich-nah-eiginn, far an robh tobar; bha mar an ceudna san ionad dà rathad eile a bharr air an rathad a thàinig dìreach o'n dorus: bha aon diu dol chum na làimhe clìthe, agus aon eile chum na làimhe deise aig iochdar a' bhruthaich, ach bha 'n t-slighe chumhann a' dol dìreach an àird, agus 's e ainm a bhruthaich *éiginn* no *deacair*. Chaidh Crìosdaidh a nis suas chum an taobair,

(Isa. xlix. 10.) agus dh'òl e a shàth as, agus thòisich e rithist ri dìreadh, ag ràdh :—

“ Ge h-àrd am bruthach, 's taitneach leam  
 A dhìreadh suas gun sgàth ;  
 Oir 'so an t-slighe 'sa m faighear fòs  
 A bheatha shìorruidh àigh.  
 'N sin glacam misneach 's bitheam treun,  
 'S le cabhaig ruigidh mis' ;  
 Oir 's feàrr i so ge docair i,  
 Na triall gu réidh chum sgrios.”

Thàinig an dithis eile gu bun a' bhruthaich : ach 'nuair a chunnaic iad gu'n robh i gu cas, corrach, àrd, agus gu'n robh dà rathad eile ann, air leo a bha fiarach na slighe ; smaointich iad gu'n gabhadh iadsan an rathad a b'usa, 's gu'n coinnicheadh iad Crìosdaidh taobh eile na h-uchdaich ; uime sin shònraich iad dol mar sin. B'e ainm an aoin rathaid dhiu sin, Cunnart, agus an rathaid eile Léir-sgrios. Mar sin ghabh fear dhiu an rathad ris an abrar Cunnart, a thredraich se e do choille mhòir ; agus ghluais am fear eile gu dìreach air slighe Léir-sgrios, leis an tàinig e gu màgh farsuinn, a bha làn de tholmanan dorcha a thug air tuisleadh agus tuiteam, o nach d'éirich e tuilleadh.

Sheall mi an sin an déigh Chrìosdaidh, a dh'fhaicinn cia mar dhìreadh e-san am bruthach, agus chunnaic mi e a' leigeadh dheth bhi ruith, agus dh'fhalbh e gu socrach, ach an ùine gheàrr b'eiginn da dol air a mhàgan agus air a ghlùinean a chionn gu'n robh an t-slighe ro chas. Bha mu thimchioll leth na slighe suidheachan bòidheach, a rinneadh le Triath a' bhruthaich, chum ann an sin gu'n leigeadh luchd-turais bhochda sgèth an anail : thàinig Crìosdaidh air aghaidh chum an ionaid so, agus shuidh e ann : an sin thug e mach a sgrìobhadh á bhroilleach agus thoisich e air a leughadh. Theann e an so ri beachd a b'fhèarr a ghabhail air a chòt' a fhuair e an àm dha bhi 'g amharc air a chranna-cheusaidh. Air dha bhi mar so ga thoil-eachadh féin re seal, thuit e ann an dùsal cadaail, á sin

gu trom chadal, agus bha 'm feasgar anmoch ann mu'n do dhùisg e; agus am feadh a bha e na chadal, thuit an sgrìobhadh às a làimh. Ach air dha a bhi 'na chadal, thàinig neach da ionnsaidh a dhùisg e, ag ràdh ris, "A Lundaire, ruig an seangan; thoir fainear a ghnàth agus fàs glic." (Gnath. vi. 6,) Leis a sin mhosgail Crìosdaidh suas gu grad, agus cha do stad e tuilleadh gus an d' ràinig e mullach a' bhruthaich.

'Nuair a thàinig e chum a' mhullaich, thàinig dithis dhaoine 'nan ruith 'na chòdhail; b'e ainm a h-aoin diu Cion-cruadail, agus an aoin eile An-earbsa: Thuirt Crìosdaidh riu, "A dhaoine, ciod is ciall duibh, cha'n ann mar sin is còir dhuibh triall." Thuirt Cion-cruadail ris, Gu'n robh iad a' dol chum Shìoin, gu'n do dhìrich iad an t-slighe dhocair ud: ach, ars e-san, "Mar is faide théid sinn air ar n-aghaidh 's ann is mò an cunnart; air an aobhar sin phill sinne, agus tha sinn a' dol air ar n-ais."

"Ach tha," ars' An-earbsa, "oir tha dìreach romhainn air an t-slighe dàleoghann 'nan laidhe; co-dhiù tha no nach 'eil iad nan cadal cha'n fhios duinn; ach cha b'fhurasda leinn dol fo'n comraich."

*Crìosdaidh.* Tha, Thuirt Crìosdaidh, sibh a cur eagail orm, ach cia 'n taobh a gheibh mi gu dol às? Ma théid mi do m' thìr fein, a tha ri bhi air a losgadh le teine agus pronnusg théid mi gu cinnteach a dhìth innte; ach ma's comasach dhomh am baile nèamhaidh a ruighinn bithidh mi tearuinnte. 'S éiginn dhomh oidheirp a thoirt air; le dol air m' ais tha mi cinnteach á bàs; le dol air m'aghaidh cha'n eil e saor o eagal, ach ma ruigeas mi tha mi cinnteach às a' bheatha mhair-eannaich. Théid mi air m'aghaidh. Ach ruith Cion-cruadail agus An-earbsa sìos am bruthach cho luath ⁊ a b'urra dhaibh, agus dh'imich Crìosdaidh air a thuras. Bha e meòraich ris féin mu na chual e, cuir e làmh na broilleach a dh'fhaighinn a sgrìobhaidh, chum a leughadh a thoirt misnich dha; ach b'e shireadh dha gu'n fhaotainn: An sin bha Crìosdaidh an imcheist mhòir,

gun fhios aige ciod a dheanadh e, oir chaill e an ni a b'abhaist sòlas a thoirt da; agus an ni a dheanadh a bheatha do'n bhaile nèamhaidh. An so bha e fo mhòr iomaguinn, ach chùimhnich e gu'n do chaidil e air an t-suidheachan a bha mu leth a' bhruthaich; agus thuit e air a ghlùinean, agus dh'iarr e mathanas air Dia air son an dearmaid sin, agus phill e air ais a dh'iarraidh a sgrìobhaidh. Ach am feadh a bha e dol air ais, co dh'fhaodas cràdh a chridhe a chuir an céill? Bha e air uairean ag osnaich, air uairean a' gul, agus air uairean eile a' cuir iomchair air féin air son gu'n do chaidil e ann an àite nach d'òrduicheadh gu cadal, ach a mhàin gu'n leigeadh luchd-turais sgèth an anail ann. Mar so chaidh e air ais, ag amharc gu furachair air gach taobh dheth, air son an ni is tric a thug toil-inntinn da air a thuras. Dh'imich e air an dòigh so gus an tàinig e'n sealladh an àite san do chaidil e, a dh'ath-nuadhaich a bhròn air son a dhearmaid. Mar so chaidh e air aghaidh a' cuir iomchair air féin air son a chadail pheacaich, ag ràdh, Och is duine truagh mi, a chionn gu'n do chaidil mi an solus an latha, am meadhon a cho lion cunnart! gu'n tugainn do thoileachadh do m'nàdur na ghnàthaicheadh gu suaimhneas, an ni a chaidh òrduchadh le Triath an àite, gu beothachadh a thoirt do'n aiteam a bhiodh sgèth le'n turas! Nach ioma' ceum diomhain a rinn mi! S ann mar so a thachair do chloinn Israeil, chaidh an cuir air an ais a làimh na mara ruaidhe air son am peacaidh, agus tha mis air pilleadh air m'ais gu dubhach, trom, far am faodainn a bhi gu h-aobhach, ait, mar deanainn an cadal peacach ud. B'fhad' a dh'fhaodainn a bhi roimhe so air m'aghaidh air mo thuras! Tha mi nis ris an astar so imeachd trì uairean, nach ruiginn a leas a dheanamh ach aon uair: Cha'n e mhàin sin ach tha mi'n cunnart na h-òidhch' a theachd orm, oir cha'n 'eil ann ach eadar-sholus an anmoich. O nach robh mi gun an cadal ud a dheanamh! Bha e nis' air teachd chum an àite agus ghuil e gu goirt; ach air dha sealltainn gu beachdail air son an sgrìobhaidh.



fhuair se e far an do chaidil e, agus le garbh chabhaig rug e le siceadh air, agus chuir e gu cùramach 'na bhroilleach e: Ach co is urrainn a chuir an céill sòlas an duine so 'nuair a fhuair e a sgrìobhadh a rithist? oir b'è so am barantas a bh'aig air son a bheatha agus gu'n gabhte gu taitneach ris 'nuair a ruigeadh e. Thug e buidheacas do Dhia a stiùr a shùil chum fhaotainn. agus le aiteas dh'inndrinn e a rithist air a thuras: agus dh'imich e gu beothail suas gu mullach a' bhruthaich, ach mu'n d'rainig e chaidh a' ghrian fodha, agus thug so air a rithist cùmhneachadh air a chadal amaid-each a rinn e: O an t-suain pheachach 's an do thuit mi! nach truagh dhomh a nis' gur éigin domh coiseachd fo dhubhar na h-òidhche! cha léir dhomh an t-slighe, a' sìor-chluinntinn ulfhartaich agus beucaich ua'-bhéistean. Chùmhnich e cuideachd air an sgeul a dh'innis Cion-cruadail dha ma na leòghain. An sin thuirt Crìosdaidh ris féin. Tha na fiadh-bheathaichean san òidhche a' dol mu'n cuairt ag iarraidh an creiche, agus ma thig iad am charamhsa, tuitidh mi leo. Cha 'n urrainn mi 'n seachnadh. Mar so dh'imich e gu dubhach, neo-shunntach, ach air togail a shùl dha chunnaic e beagan roimhe taigh mòr rìmheach, d'am b'ainm Sgiamhach; agus bha e ri taobh an rathaid.

Mar so chunnaic mi am aisling, gu'n d'rinn e cabhaig ga ionnsaidh, chum gu'm faigheadh e'n fhàrdach ann: ach mu'n d'rainig e, chunnaic e 'nan laidhe an àite cumhann sa'n t-slighe an dà leòghan. Dh'aithnich e gur e so fhaicinn a chuir air an ais An-earbsa agus Cion-cruadail; ach bha na leòghain ceangailte, ge nach tug es-an an aire. An sin ghlac an t-eagal e, agus sinointich e gu'm pilleadh e 'nan deigh: oir bha e an dùil le dol air aghaidh, gu'n rachadh a ghrad mharbhadh: Ach thug am Fear-faire aig an dorus, da'm b'ainm Furachras, fainear gu'n do stad Crìosdaidh sa'n iomachomhairl cìod a dheanadh e, agus dh' éigh e ris, ag ràdh, Am beil thu cho lag-chuiseach? Na gabh eagal ro' na leòghain, oir tha iad ceangailte, agus sann mar dhearbhadh air creideamh, far am beil e, agus a nochd-

adh far nach eil, a chaidh na leòghain a chuir an sin Cùm meadhon na slighe, agus cha tig beud riut.

An sin chunnaic mi gu'n deach' e air aghaidh, 's e air bhalla-chrith roi' na leòghain, a cumail meadhon na slighe, mar dh'iarradh air; chual e iad a' beuchdail agus ri ùinich, ach cha d'rinn iad a dhochann. An sin chaidh e air aghaidh gus an d'rainig e'n doras aig an robh am Fear-faire, An sin thuirt Criosdaidh ris " Ciod an taigh a tha'n so? am faod mise fuireach ann a nochd?" Fhreagair an dorsair, Thogadh an taigh so le Triath a' bhruthaich, agus 's'ann chum còmhnaidh agus tear-uinnteachd a thoirt do luchd ghabhail-an-rathaid a rinn se e. Dh'fheòraich an dorsair mar an ceudna deth cia as a thainig e? agus c'ait a bha e dol?

*Criosdaidh.* Thainig mi o Bhaile-léir-sgrìos, agus tha mi dol chum Beinn Shìoin; ach do bhrì gu'm beil a' ghrian air dol fodha, agus a nis an dorch ann, 'se mo ghuidhe, gu'm faod mi tàmh a ghabhail an so a nochd.

*Dorsair.* Ciod is àinm dhut?

*Criosdaidh.* 'S e Criosdaidh a nise m'ainm, ach b'e Cion-gràis m'ainm roimh so; tha mi de shliochd Iapheit, (Gein. xi. 27.) air an do chuir Dia impidh gu còmhnaidh ghabhail am bùthaibh Sheim.

*Dorsair.* Ach cionnas a thachair dhut a bhi cho anmoch, tha' ghrian air dol fodha?

*Criosdaidh.* Bithinn an so na bu luaithe, mar bhiodh gu'n chaidil mi air suidheachan a th'air an leachduinn: Ni h-e amhain sin, ach bhithinn ann ni bu luaithe, mar caillinn mo theisteanas. ni nach d'ionndrainn mi gus an tàinig mi am mullach, agus b'eigin domh pilleadh ga iarraidh chum an ionaid sa'n do chaidil mi, far an d' fhuair mi e, agus tha mi nis air-teachd.

*Dorsair.* Ro mhath, Ni mise guth air aon de dh' òighean an àite so, agus ma thaitneas do chainnt rithe, bheir i steach thu do'n teaghlach, a réir gnàth an taighe. Mar so bheum Furachras, an dorsair, clag, agus thainig cailin màlda maiseach a mach, d'am b'ainm Suairceas, agus dh'fheòraich i c'ar son a dh'iarradh i?

Fhreagair an dorsair, tha 'n duine so air a thuras o

bhaile Leir-sgrìos chum sliabh Shìoin : ach air dha bhì sgìth agus an òidhech' air teachd air, dh'fhiosraich e dhìoms, am faigheadh e fuireach an so an nochd. Dh'innis mise dha gu'n gairminn ortsa, 's an deigh dhut a sgeul a chluinntinn gu'n deanadh tu ris mar chitheadh tu iomchaidh, a réir nòs an taighe.

An sin dh'fhiosraich i. Cia as a thainig e? agus c'ait' a bha e 'dol? Agus dh'innis e dh'i. Dh'fheòraich i dheth cuideachd cionnas a dh'amais e air an t-slighe? agus dh'innis e dh'i. An sin dh'fheòraich i dheth, Ciod a chunnaic agus a thachair ris air an t-slighe? Dh'aith ris e dh'i an dà chuid: Agus fa-dheoigh dh'fhiosraich i ainm? Thuirt e rithe, 'S e Crìosdaidh m'ainm: agus tha'n tuille déigh agam air fuireach an so a nochd, do bhri gu'm beil mi tuigsinn gu'n do thogadh an taigh so le Tighearn a' bbruthaich chum an luchd-turais a ghabhail fois agus a bhì tearuinnt ann. Leis a so rinn i fàite gàire, agus thainig làn 'na sùilean, ach air dh'i fuireach rè tamull beag na tosd, thuirt i ris, cuiridh mise fios air aon no dhà de m'theaghlach. Mar so ruith i chum an doruis, agus ghairm i air Crìonnachd, Cràbh-adh, agus Seirc a thug a staigh e an deigh beagan cainnt a ràdh ris; agus choinnich tuille dhiu e mu'n dorus, a thuirt ris, "Thig thus a steach a tha beannaicht leis an Tighearna; 's ann air son do leithid-s' a thog Triath an àite an taigh so." An sin chrom e cheann agus chaidh e staigh' maille riu do'n taigh. 'San uair a chaidh e staigh, 's a shuidh e sìos, thug iad da deoch, agus dh'aontaich cuid diu toiseachadh ri seanachas ris gus am biodh an t-suipeir réidh, mar chaith-eamh aimsir; agus shònraich iad Cràbh-adh, Crìonnachd, agus Seirc, a chainnt ris; agus mar so thòisich iad:

*Cràbh-adh.* A nis, a dheagh Chrìosdaidh, o'n a bha sinn cho caoinhneil riut 's gu'n tug sinn aoidheachd dhut a nochd, thoir a nis, mas e do thoil e, fios duinn air gach allaban agus mi-shealbh a thachair ort air do thuras.

*Crìosdaidh.* Is toileach a ni mi sin, agus 's ro math leam gu'm beil sibh deònach èisdeachd r'a leithid.

*Cràbhadh.* Ciod a bhrosnaich thu air tùs gu d' bheatha a chaitheamh mar so?

*Crìosdaidh.* Cho'-eignicheadh mi gu m' thìr fhàgail, le sanas eagalach a thugadh dhomh, gu'm bithinn air mo chall gu tìr nam buanaichinn far an robh mi.

*Cràbhadh.* Ach cionnas a thachair e gu'n tainig thu as do thìr an rathad so?

*Crìosdaidh.* 'S e Dia stiùr mi; am feadh a bha mi fo eagal gu'n rachadh mo chall, cha robh fios agam cia'n taobh a rachainn; ach thainig duine am' ionnsaidh, am feadh a bha mi air bhall-chrith agus a' caoineadh, d'am b'ainm Soisgeulach, agus sheòl e dhomh an t-slighe chum an doruis chumhainn, ni air atharrachadh nach robh mi comasach air fhaotainn, agus stiùr e mi air an rathad a thredraich mi dìreach chum an taighe so.

*Cràbhadh.* Ach nach tainig thu dh'ionnsaidh taighe an Fhir-mhìnichidh?

*Crìosdaidh.* Thainig, agus chunnaic mi nithe ann a bhios a'm' chùimhne ri m' bheò: gu sònraichte trì nithe, 's iad sin, mar tha Crìosd a' cumail suas obair a ghràis anns an anam a dh'aindeoin air Sàtan: mar chaill an duine a dhòchas ri tròcair Dhé le buanachadh 'na pheacadh: agus mar an ceudna aisling an fhir air leis a chunnaic gu'n tàinig latha bhreitheanais.

*Cràbhadh.* An cual' thu e 'g innseadh bhruadair.

*Crìosdaidh.* Chuala, agus b'uabhasach e; air leam gu'n chuir e crith orm am feadh a bha e ga innseadh; ach 's math leam gu'n cuala mi e.

*Cràbhadh.* An e sin na chunnaic tu aig a thaigh?

*Crìosdaidh.* Cha'n e idir; thug e mi far am fàca mi lùchairt mhaiseach, agus mar bha'n sluagh a bh'innte air an éideadh le h-òr; agus cionnus a thainig duine foghainteach, a chaidh a staigh a dh'aindeoin nan daoin' armaichte a bh'aig an doruis gu chumail a mach; agus mar bha e air fhuran gu dol a staigh a chosnadh glòir shiorruidh. Bha na nithe sin ro-thaitneach leam! Dheonaichainn buanachadh aig a thaigh fad bliadhna; ach bha fios agam gu'n robh ni b'fhaide agam r'a dhol.

*Cràbhadh.* Agus ciod tuilleadh a chunnaic thu air an t-slighe ?

*Criosdaidh.* Ciod a chunnaic mi ? Cha b'fhad a chaidh mi, gus air leam, gu'm faca mi duine a' call fhala an crochadh air crann, agus thug amharc air air m'eallach tuiteam dhìom ; oir bha mi roimhe sin fo throm-uallach. Chuir an sealladh ìoghnadh orm ; oir cha'n fhaca mi riamh a leithid roimhe : Agus am feadh a bha mi 'g amharc air, thainig trìuir dhaoine dealrach am' ionnsaidh. Thuirt fear dhiu rium, Gu'n robh mo pheacannan air am mathadh ; thug fear eile dhiu dhìom m'èideadh riobagach, agus thug e dhomb an fhalluinn ghrèiste so a chè sibh ; agus chuir an treas fear an comharra so an clàr m'eudainn, agus thug e dhomb an sgrìobhadh naisgte so ; ni a leigeas mi dhuibh fhaicinn, m'as toil leibh e.

*Cràbhadh.* Ach nach faca tu tuille fhathas ?

*Criosdaidh.* 'S iad sin a dh'ainmich mi na nithe a b'araidh a chunnaic mi ; gidheadh chunnaic mi barrachd air sin, eadhon, Triuir dhaoine, Socharach, Dearmad, agus Dànachd, 'nan cadal ri taobh na slighe, agus cuibhrichean air an casan ; ach cha b'urra dhomb am mosgladh : Chunnaic mi cuideachd Riaghailt agus Cealgaireachd a' teachd car air char thar a' bhalla, gu dol, mar thuirt iad, chum Shìoin, ach bha iad gu h-obann air an call ; dìreach mar dh'innis mi féin dhaibh ach cha chreideadh iad mi. Chuir dìreadh na beinne so thuige gu goirt mi, 's cha b'fhusa dhomb teachd seachad air na leòghain ; agus mar deanadh an duine math an dorsair guth rium 's math a dh'fhaoidte gu'm pillinn, an deigh gach saothair a rinn mi ; ach a nise, buidheachas do Dhia, tha mi'n so, agus tha mi toirt taing dhuibhse a ghabh a staigh mi.

An sin smuaintich Crìonnachd gu'm feòraicheadh ise caileigin de cheistean de Chrìosdaidh.

*Crìonnachd.* Nach cùimhnich thu air uairibh mu'n dùthaich as an tainig thu ?

*Criosdaidh.* Cùimhnichidh mi ; ach 's ann le nàir

agus gràin : oir na'm bithinn déigheil ma'n tìr as at tainig mi, dh'fhaodainn cothrom a bhì agam air pill-eadh ga h-ionnsaidh, ach tha mi 'n tòir air dùthaich is fearr, (Eabh. xi. 15, 16,) eadhon, dùthaich nèamhaidh.

*Crionnachd.* Nach 'eil thu do ghnà a' giùlan mu'n cuairt leat càileigin de na nithibh bu ghnà leat a dheanamh ?

*Crìosdaidh.* Tha mi, ach 's ann gu mòr an aghaidh mo thoile a tha mi ga dheanamh, gu h-àraidh mo smuaintean feòlmhor, anns an robh tlachd aig muinntir mo dhùthcha cho math 's a bh' agamsa; ach is aobhar bròin domh na nithe sin a nis : agus na'm bithinn air m'fhàgail gu saorsa mo thoile, cha smuaintichinn am feasd tuilleadh orra sin; ach 'nuair a b'àill leam an ni is fearr a dheanamh tha an t-olc maille rium. Rom. vii.

*Crionnachd.* Nach 'eil thu mothachadh air uairean mar gu'm biodh iad sin air an ceannsachadh ? ni a tha air àmanan eile a' cur mòran dragh ort ?

*Crìosdaidh.* Tha, ach cha'n 'eil sin ach ainmig ; ach 's taitneach dhomhs' an uair a thacharas sin.

*Crionnachd.* An urrainn dut a chùimhneachadh ciod na meadhonan leis an tugadh buaidh air na nithibh bha cur dragh ort ?

*Crìosdaidh.* 'S urrainn domh, 'nuair a smuainicheas mi air na chunnaic mi aig a' chrann-cheusaidh, ni sin e; 'nuair a dh'amhairceas mi air mo thrusgan do obair ghréis ni sin e : agus 'nuair a sheallas mi air an sgrìobhadh a tha mi giùlan am bhroilleach, ni sin e : 's an uair a smuainicheas mi le dian thogradh air far am beil mi dol, ni sin e.

*Crionnachd.* Agus ciod a tha gad' dheanamh cho déigheil air dol a dh'ionnsaidh Sliabh Shìoin ?

*Crìosdaidh.* Tha gu'm beil dòchas agam gu'm faic mi 'n sin e-san a cheusadh air a' chrann beò, 's gu'm faigh mi 'n sin bhì cùidhte de gach ni a tha san àm so a' cur dragh orm : An sin tha iad ag ràdh, nach 'eil bàs idir, 's gu'm bi mi chòmhnaidh leis a' mhuinntir is

aunsa leam. Oir r a innseadh dhut-sa 's toigh leam e, a chionn gur e bhuin m' eallach dhìom; agus tha mi sgèth le m' thinneas o'n leth a staigh; b' àit leam a bhi far nach bi bàs tuilleadh, agus maille ris an aiteam a shior ghlaodhas a mach,—'S naomha, 'S naomha, 'S naomha. 'An sin thuirt *Seirc* ri Crìosdaidh, Am beil bean agus Clann agad?

*Crìosdaidh.* Tha sin agam, bean agus ceathrar do chloinn bhig?

*Seirc.* Agus c'arson nach tug thu leat iad?

*Crìosdaidh.* An sin ghuil Crìosdaidh, agus thuirt e, Och! cia deònach a dheanainn sin! ach bha iad uile an aghaidh mis a dhol air mo thuras.

*Seirc.* Ach bu chòir dhut an cunnart a shoilleireachadh dhaibh, agus oidheirp a thoirt air an iompachadh gu dol leat?

*Crìosdaidh.* Rinn mi sin; agus dh'innis mi dhaibh na dh'fhoillsich Dia dhomh mu sgrios ar baile; ach sann a bha mi dhaibh mar aon a bha ri fanaid, agus cha do chreid iad mi. Gein. xix. 14.

*Seirc.* An do ghuidh thus 'air Dia gu'm beannaicheadh e dhaibh do chomhairle?

*Crìosdaidh.* Ghuidh, le mòr-thogradh; oir faodaidh tu smuaineachadh gu'n robh mo bhean agus mo chlann bhochd ro-ionmhuinn leam.

*Seirc.* Ach an d'innis thu dhaibh an t-eagal a bh'ort féin gu'n rachadh do sgrios? oir 's i mo bharail gu'n robh sin fìor-shoilleir dhut.

*Crìosdaidh.* Dh'innis mi thairis agus thairis dhaibh e. Dh'fheudadh iad m'eagal féin fhaicinn a' m' ghnùis, le m' dheòir, agus fòs le m' bhall-chrith le eagal roimh'n bhreitheanas a bha'n crochadh os ar ceann: ach cha bu leòir gach ni gu'n aomadh gu dol leamsa.

*Seirc.* Ach ciod a bh'aca ri ràdh air an son féin air son nach tainig iad leat?

*Crìosdaidh.* Bha eagal air mo mhnaoi gu'n cailleadh i 'n saoghal so; agus bha mo chlann air an toirt thairis do thoil-inntinn amaideach na h-òige; ach a thaobh aon ni no ni eile leig iad leamsa falbh mar so 'am' aonar.

*Seirc.* Ach nach tug do dhroch caithe-beatha féin orra gu'n sùim a bhi aca do na thuirt thu riu mu thimchioll dol leat?

*Criosdaidh.* Cha'n urrainn mi gu'n teagamh, mo chaithe-beatha féin a mholadh, oir tha mi fiosrach air iomadh fàillinn : tha fios agam cuideachd, gu'm feud duine le ghnàthachadh gach ìmpidh a b'àill leis a chuir air daoine a dheanamh neo-tharbhach. Ach 's urrainn mi so a ràdh, gu'n robh mi air m'fhaicill gu'n cheann-fàth air bith a thoirt daibh, o mhi-ghnàthachadh do 'm thaobh féin, gu'n deanamh fuathach air teachd leam, agus 's minig a thuirt iad rium gu'n robh mi tuilleadh 's cruaidh orm féin, (air an son-sa) mu nithibh, air leo, anns nach robh coire; agus faodaidh mi a ràdh, ma bhac na chunnaic iad mis' a' deanamh iad, gu'm b' e m'eagal roimh pheacachadh an aghaidh Dhé, no cron a dheanamh do m' choimhearsnach, bu choireach rium.

*Seirc.* Thug Cain fuath da bhràthair air son gu'n robh oibre féin olc, agus a bhràthar math; agus ma ghabh do bhean agus do chlann mì-thlachd riut a thaobh so, tha iad a nochdadh gur fuathach leo am math; ach tha thusa saor o'm fuil.

A nis, chunnaic mi am' aisling, gu'n do shuidh iad mar so a' còmhradh r'a chéile gus an robh 'n t-suipeir réidh. 'San uair a bha i na h-uidheam shuidh iad sìos da h-ionnsaidh; a nise bha 'm bòrd air a chùibhrigeadh le nithibh reamhra, agus le fion air a dheagh-tharrainn, agus bha'n cainnt uile mu Thriath na tìre: gu h-àraidh mu na rinn e, agus mu c'arson a rinn se e; agus c'arson a thog e 'n taigh sin: agus leis na thuirt iad, thuig mi gu'n robh e na ghaisgeach treun, gu'n do chuir e as dhàsan aig an robh cumhachd a' bhàis, ach cha b' ann gun chunnart da féin, ni a thug orm an tuille gràidh a thoirt da. Eabh. ii. 14, 15.

Oir, arsa Criosdaidh, mar thuirt iad, agus mar is math a chreideas mi, gur ann le mòran ciorraim a riun se e; ach gur e a chuir an t-àgh bu mhò air na rinn e, gur ann air son gaoil da thìr a riun e'n t-iomlan. Os-



barr, thuirt cuid de mhuintir an taighe, gu'm fac' agus gu'n do labhair iad ris o'n a dh'eug e air a' chrann : agus thuirt iad gu'n cual iad o bheul féin, gu'm beil na h-urrad spéis aige do dh'eilthirich bhochda, 's nach comasach a chuir an céill.

Thug iad a bharr air sin dearbhadh air na labhair iad, gu'n do leig se a ghlòir mu làr, chum so a dheanamh do'n luchd-thurais bhochda ; agus gu'n cual iad e 'g ràdh, “ Nach gabhadh e còmhnaidh an Sion 'na aonar.” Thuirt iad osbarr, gu'n robh aige iomadh prionnsa a bha 'nan eilthirich, ged a bha iad a thaobh nàduir 'nan deoraibh, a's ged a bha 'n ceud-thùs o'n òtrach. Salm. cxiii. 7.

Mar so bha iad a' co'-chainnt r'a chèile gus an robh e àm dol a laidhe ; 's an uair a dh'earb siad iad-féin ris an Tighearna chum an dion, ghabh iad mu thàmh ; chuir iad Criosdaidh ann an seòmar mòr uachdrach, a bha uineagan fa-chomhair éiridh na gréine ; b'e ainm an t-seòmair Sìth, far an do chaidil e gu briseadh na fàire, 'san sin mhosgail e suas, agus sheinn e'n rann so :—

Ciod an t-àite 'm beil mi nis ?

An e so gràdh a's bàigh ?

Iosa, ris na h-eilthirich

Le'n turas sgìth a tà.

A sholar dhomhs'a an t-ionad so

Chum mathanas a's réit

Is aoidheachd a thoirt dhomh mar-thà

Cho dlù air àros Dé.

Uime sin dh'èirich iad uile suas sa' mhadainn : agus an deigh dhaibh bhì rè seal a' cainnt, thuirt iad ris nach falbhadh e gus am feuchadh iad dha nithe iongantach an àite sin. Agus air tùs, thug iad e do dh'ionad gleidhidh nan leabhraichean, far an d'fheuch iad hadsgrìobhannan a bha ro-shean ; agus nam measg-san chunnaic e aon san robh sinnsireachd Triath na beinne air a chuir sìos, gu'm b'e mac Aosda nan làithean tre ghinealach siorruidh ; ann an so bha na gnìomharran a rinn e ni bu sholleire air an cuir sìos, agus ainmean mòr àireamh a cheangail e 'na shéirbhis ; agus mar a shoc-

raich iad ann an ionadaibh còmhnaidh air nach deanadh aois no fad aimsir caochladh air bith, ach a mhaireadh gu saoghal nan saoghal.

An sin leugh iad dha ioma gnìomh cliùiteach a rinn a luchd-muinntir ;—mar cheannsaich iad rìoghachdan—mar dh'oibrich iad fireantachd—mar fhuair iad na geallannan,—mar dhùin iad beoil leòghan,—mar chaisg iad neart teine,—mar sheachainn iad faobhar a' chlaidheimh,—mar o laigsinn a rinneadh neartmhor iad,—mar dh'fhàs iad treun an cath,—agus a mar chuir iad an ruaig air feachd nan coimhneach. Eabh. xi. 33, 34.

An sin leugh iad a rithist ann an earrann do sgrìobhadh an taighe, far an do nochdadh, cia toileach a bha'n Tighearna gu gabhail ris gach neach a thigeadh da ionnsaidh, ged a bha iad roimhe so a' cur 'na aghaidh, agus 'nan nàimhdean dà. Bha'n so mar an ceudna iomadh eachdraidh mu iomadh ni ainmeil eile, a chaidh fheuchainn do Chrìosdaidh ; araon mu nithe sean agus ùr ; maille ri fàisneachd agus roi-innseadh mu nithe aig am beil an crìoch àraidh, chum uabhas agus geilt-chrith nàimhdean, agus mhòr-shòlas agus thoil-inntinn luchd-turais.

Thug iad an ath-latha e far an robh na h-airm ga'n gleidheadh, far an do nochd iad dha gach uidheam a sholar an Triath do luchd-turais, mar tha claidheamh, sgiath, clogaid, uchd-éideadh gach ùrnaigh, agus brògan nach caitheadh am feasd. Agus bha gu leòr ann a chur nan uidheam a cho lion fear chum seirbhis an Tighearna, 's a tha reulltan nèimh' a thaobh lionmhorachd.

Nochd iad dha, mar an ceudna, cuid do na h-inneilean leis an d'rinn cuid de òglaich mòr euchd. Dh'fheuch iad slat Mhaois ; an t-òrd agus an tarrang leis an do chuir Iael Sisera gu bàs ; na soithichean, na tròmpaidean, agus na lochrainn leis an do chuir Gideon an ruaig air feachd Mhidian. An sin nochd iad dha bior-greasaidh nan damh leis an do mharbh Samgar sè ceud fear. Nochd iad fòs dha an cnàimh peirceill leis an d' rinn Samson na h-urrad threubhantais. Nochd

iad cuideachd dha an crann-tabhuill agus a' chlach, leis an do mhàrbh Daibhidh Goliath o Ghat: agus an claidheamh leis an cuir an Tighearn' as do Dhuine 'Pheacaidh, air an là san éirich e suas a chum na creiche. Nochd iad' dha osbarr iomadh ni luachmhor, leis an robh Criosdaidh ro-thoilichte. Le so a dheanamh chaidh iad a' ghabhail tàmh a rithist.

An sin chunnaic mi am aisling, Gu'n d'éirich e air an là màireach chum triall air a thuras, ach dh' earalaich iad air fuireach gus an ath-latha: 'san sin thuirt iad ris, ma bhios an latha soilleir feuchaidh sinn dut na beanntan taitneach, a bheireadh fhathasd an tuille sòlais da, a chionn gu'n robh iad dlù do'n chala mhiannaichte, uime sin dh' aontaich e fuireach. 'Nuair a thainig madainn an ath-latha, thug iad e gu mullach an taighe, agus dh' iarr iad air amharc ris an airde-deas, (Isa. xxxiii. 16, 17,) ni a rinn e; agus feuch chunnaic e dùthaich cian fad as, àrd ro-ion-mhiannaichte, dreachmhor le coille, fion-liosan, leis gach seòrsa meas, agus le tobraichean ro thaitneach ri amharc orra. An sin dh' fheòraich e c'ainm e bh'air an tìr ud? Thuirt iad ris, Tha tìr Emanueil; agus tha i cho saor aig gach fear-turais ris a' bheinn so. 'S an uair a ruigeas tu sin, chi thu gu ruig am baile nèamhaidh, mar a nochdas na buchaillean a tha chomhnaidh ann dut.

Smuainich e'n sin gu'm falbhadh e, agus bu deoin leo e sin a' dheanamh. Ach air tùs, thuirt iad ris, rachamaid leat far am beil na h-airm an tasgaidh; agus dh' armaich iad e o bhonn a chas gu mhulach a chinn le airm dhearbhta, air eagal gun tugt' ionnsaidh air air an t-slighe. Air dha bhi mar so 'na uidheam, chaidh a chairdean leis chum an doruis a muigh, agus dh'fheòraich e de'n dorsair, Am fac' e fear-turais sam bith a' dol seachad? Thuirt an Dorsair, Gu'm faca.

An d' aithnich thu e, arsa Criosdaidh?

*Dorsair.* Dh'fheòraich mi ainm, agus thuirt e rium gu'm b'e Dìleas a b' ainm dha.

*Criosdaidh.* O! arsa Criosdaidh, 's math is aithne

dhomh e: is fear aon-bhaile rium féin e: cia fad a shaoileas tu a tha e romham?

*Dorsair.* Tha e mu'n àm so aig bun a' bhruthaich.

*Criosdaidh.* A nis, a dheagh Dhorsair, gu'n robh an Tighearna maille riut, agus gu'n dednaich e do shochair-ean a mheudachadh, air son do chaoimhneas dhomh-sa?

An sin thòisich e air imeachd air falbh, agus chaidh Suairceas, Cràbhadh, Seirc, agus Crionnachd leis gu bun na h-uchdaich, ag aithris earrann de na thuirt iad roimhe ris; ach air dhaibh teachd maille ris chum a' mbullaich, Thuirt Criosdaidh riu, mar bha e deacair dìreadh, 's co cunnartach an ni tearnadh. Seadh, a deir Crionnachd; oir tha e fìor dheacair air duine dol sìos do Ghleann-na-h-Irìoslachd, mar tha thus' a nis a' dol, agus gu'n tuisleadh fhaotainn; uime sin, thuirt iad, tha sinne air teachd chum do chuideachadh sìos am bruthach. Mar so thòisich e ri imeachd gu faicilleach; ach gidheadh fhuair e tuisle no dhà.

An sin chunnaic mi am aisling, Gu'n tug na deagh bhana-chompanach sin aig bun na beinne, dha buileann arain, searrag fhìona, agus bagaidean de dh'fhìon-dhearcan; agus dh'fhalbh e air a thuras.

Ach a nise, chaidh Criosdaidh a chur thuige gu goirt ann an Gleann-na-h-Irìoslachd so: oir cha deach' e ach goirid air aghaidh mu'm fac e droch-spiorad a' teachd 'na choinneamh. B'e ainm Apolion. An sin ghlac maoin Criosdaidh, agus cha robh fios aige co ac' a b'fhèarr dha dol air ais no làrach a sheasamh; ach smuaintich e a rithist nach robh a thaobh cùil armaichte; agus na'n tionndadh e a chùl ris, gun tugadh e sàr-chothrom dha air a lot le shaighdean; air an aobhar sin, chuir e roimhe gu'm feuchadh e ris. Oir thuirt e ris féin ged nach biodh agam san amharc ach mo bheatha a chaomhnadh, 'se b'fhèarr dhomh seasamh.

Mar so chaidh e air aghaidh, agus thachair Apolion air. Bha 'n uilbheist anabarrach eagalach ri fhaicinn. Bha e còmhdaichte le lannan mar iasg, (agus is iad sin uail) bha sgiathan aige mar dhràgon, casan mar mhath-

ghamhainn agus as a bhroinn thainig teine agus deatach, agus bha bheul coltach ri beul leòghainn. 'Nuair a thainig e far an robh Criosdaidh, sheall e gu tàireil air, agus thuirt e ris,

*Apolion.* Cia as a thainig thu, agus c'ait' a tha thu dol?

*Criosdaidh.* Thainig mi o bhaile Léir-sgrìos, ni is e ionad an uilc, agus tha mi dol do bhaile Shìoin.

*Apolion.* Leis a so tha mi tuigsinn gur h-ann do m' iochdrains' thu; oir 's leams' an tìr sin uile, is mise a Triath agus a dia. Cionnus ma ta a theich thu o d' rìgh? Mar biodh dòchas agam gun deanadh tu 'm barrachd feuma dhomh, bhualainn sìos gu talamh thu le aon bhuile.

*Criosdaidh.* Rugadh mi gun amharus 'na t'fhearannsa: ach bha do sheirbhis cruaidh, bha do dhuais cho beag 's nach b' urrainn duine bhi beo leatha: oir 'si duais a pheacaidh am bàs, (Rom. vi. 23,) uime sin 'nuair thainig mi gu tuigse rinn mi mar ni daoine tuigseach eile, sheall mi nach c'ait am faodainn a bhi ni b'fhearr.

*Apolion.* Cha dealaich uachdaran sam bith mar so r'a chuid sluaigh, cha mhò a chailleas mis thusa; ach o'n a tha thu gearan air cruathas m' oibreach agus lughad mo thuarasdail, ma bhios tu deònach dol air t'ais, bheir mi dhut gach ni is fearr san dùthaich?

*Criosdaidh.* Ach cheangail mise mi féin aig Rìgh nan rìgh, agus cionnus a dh'fheudas mi le ceartas dol air m' ais?

*Apolion.* Rinn thu mur so a réir a ghnà-fhacail, "O olc gu ni 's measa." Ach 's tric leo-san a dh'aidich a bhi 'nan seirbhisich dhà-san, an deigh dhaibh bhi aige ré tamuill, cùl a chur ris, agus pùleadh riums' a rithist. Dean thusa mar sin cuideachd, agus bithidh gach cùis gu math.

*Criosdaidh.* Mhionnaich mi gu'm bithinn dìleas da; cionnas mata a chuireas mi cùl ris: an e nach croch iad mi mar chealgair?

*Apolion.* Rinn thu an ni ceudna ormsa; agus gidh-

eadh tha mi toileach an t-iomlan a mhathadh dhut ma philleas tu a rìthist agus dol air t'ais.

*Criosdaidh.* 'S ann an aois mo leanabachd a thug mi 'n gealladh dhut-sa; agus tha dòchas agam gu'm beil an Ceann-feadhna a tha mi 'n dràsta fo bhrataich, comasach air mathanas a thoirt domh a chionn gu'n d' aom mi leat. Osbarr, O Apolion mhìlltich! ma their mi an fhirinn, 's toigh leam a sheirbhis, a dhuais, a luchd-muinntir, a riaghladh, a chuideachd, agus a dhùthaich, ni 's fearr na aon ni a th' agad-sa; uime sin thoir thairis a dh' iarraidh orm fhàgail; oir 's mi òglach, agus dlù-leanaidh mi e.

*Apolion.* Smuainich a rithist air a' chùis, ciod a tha 'n cunnart éiridh dhut an taobh a tha thu dol. 'S aithne dhut gu'm beil mar is tric' a luchd-muinntir-san a' teachd gu droch dheireadh, a chionn gur ceannairceich am aghaidhs' iad. Nach iomadh aon diu chaidh chur gu bàs maslach, 's gidheadh tha thus a meas a shéirbhis ni 's fearr no bhi agamsa; ged nach tàinig e raimh o ionad còmhnaidh, a saoradh a luchd-muinntir á làimh an nàimhdean; ach air mo shonsa, nach lionmhor uair a shaor mi iadsan a thug séirbhis dhìleas domh, le neart no le céilg, uaith-san mar is math is aithne do mhuinntir na dùthcha, agus saoraidh mi thusa uaithe cuideachd.

*Criosdaidh.* 'S ann a mhàin a dhearbhadh an gràidh dha nach 'eil e ga'n saoradh san àm, a dh'fhaicinn an dlù-lean iad ris gus a' chrìoch; agus tha 'n droch-dheireadh a tha thus' ag ràdh a tha teachd orra, dhaibh-san ro àghmhor: ach cha 'n ion daibh mòr dhòchas a bhi aca ri saoradh san àm; oir tha iad a' feitheamh r'an glòir, agus gheibh iad sin 'nuair a thig an Ceann-feadhna 'na ghlòir féin le chuid ainglean.

*Apolion.* Bha thu cheana mi dhìleas da 'na d' shéirbhis, agus cionnus a tha dùil agad ri tuarasdal uaithe?

*Criosdaidh.* Cia ann, Apolion! san robh mi mi-dhìleas da?

*Apolion.* Dh'fhàs thu lag ad cheud dol amach, 'nuair nach mòr nach robh thu tachdte ann an Sloc-na-mi-

mhisnich : thug thu oidheirpean mi-laghail air bhì cuidhte de t'èallaich, am feadh bu chòir dhut fuireach gus an tugadh do Cheann-feadhna dhìot i. Chiontaich thu le cadal, agus do nithe rìmheach a chall. Cha mhòr cuideachd nach d' aomadh thu gu pilleadh 'nuair a chunnaic thu na leòghainn : 'san uair a labhras tu mu d' thuras, mu n'a chunnaic agus n'a chual thu, tha thu déigheil air ghlòir-dhiomhain, anns gach nì a their no nì thu.

*Criosdaidh.* Tha sin uile fìor, agus tuille a bharr air a dhearmaid thu ràdh ; ach tha 'n Triath ga'm beil mise toirt séirbhis agus urraim, tràcaireach agus ullamb gu mhathadh. Ach ghabh na lag-chùisean so greim orm 'na d tìr fein ; oir anns an àite sin dheothail mi steach iad agus rinn mi gearan fopa, bha mi dubhach d'an taobh, agus dheonaich mo rìgh mathanas domh air an son.

*Apolion.* An sin bhrùchd Apolion amach ann an dian chorraich, ag ràdh, Tha mis' am nàmhaidh do'n rìgh so : 'S beag orm a phearsa, a reachdan agus a shluagh : Thàinig mi dh' aon obair gu d' bhacadh.

*Criosdaidh.* Thoir an aire cìod a nì thu, arsa Criosdaidh ; oir tha mis air rathad-mòr an rìgh, an t-slighe chum naomhachd ; uime sin thoir an aire dhut féin.

*Apolion.* An sin sgaoil Apolion e féin air an t-slighe, agus thuirt e, cha'n eil eagal orm sa' chùis so ; dean thu féin deas fa comhair a' bhàis ; oir tha mi mionnachadh air mo gharaidh ifrinnich, nach téid thu ceum nìs faide : An so cuiridh mi as dut.

Agus leis a sin a ràdh thilg e gath teinnteach r'a bhroilleach ; ach bha sgiath aig Criosdaidh 'na làimh a chùim e roimhe, agus dhion se e fein o'n chunnart san àm sin.

An sin chuir Criosdaidh e-féin 'na uidheam, oir chunnaic e gu'm b' àm dha dol na earalas ; oir bha Apolion a' sior thilgeadh ghathan teinnteach air cho dlù ri garbh-fhras mheallain ; agus a dh' aindeoin na dh' fhaodadh Criosdaidh a dheanamh, lot Apolion e 'na

cheann, 'na làimh, agus 'na chois. Le so thug Crìosdaidh troigh air ais: thug Apolion an ath-ionnsaidh gharbh air; agus ghlac Crìosdaidh misneach, agus chuir e 'na aghaidh cho fearail sa dh'fhaod e. Bhunaich an cruaidh chòmhrag so fad leth latha, gus nach mòr nach d'fhàillinn Crìosdaidh. Oir 's fheudar dhuibh a smuainteach gun robh Crìosdaidh a' fàs ro lag le call fhala.

An sin air faicinn do dh' Apolion gu'n robh 'n cothrom aige, thainig e dlù air Crìosdaidh, agus chaidh iad ann an spàirn a' cruaidh-ghleachd, agus thuit Crìosdaidh; agus leum a chlaidheamh á làimh, An sin dh'éigh Apolion, tha thu 'n sàs a nis, agus cha mhòr nach do bhrùth e gu bàs e; ionnus gun do shaoil Crìosdaidh gun robh crìoch a thurais ann. Ach mar dh'ord-aich Dia dha 'nuair a bha Apolion a'tarrainn a làimhe gus a' bhuille ma dheireadh a bhualadh, chum crìoch a chur air an ùine mhath sin, thug Crìosdaidh grad làmh air a chlaidheamh, ag ràdh, " Na dean gàirdeachas am aghaidh, O mo nàmhaid! ged a thuit mi éiridh mi a rithist?" agus le sin a ràdh, thug e sàthadh bàsmhor dha, a thug air dol air ais mar ni aon a gheibh buille bàis. Air mothachadh so do Chrìosdaidh, thug e'n, ath-bhuille dha, ag ràdh, " Ni h-e amhain sin ach anns gach ni dhiu sin tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh trid-san a ghràdhaich sinn." Agus leis a sin sgaoil Apolion a sgiathan, agus dh'fhalbh e, air chor 's nach faca Crìosdaidh tuille ni 's mò e. Mic. vii. 8. Rom. viii. 37. Seum. iv. 6.

Cha'n urrainn aon neach a smuaineachadh na bha dh' ulartaich, agus do raoicil air Apolion sa' chòmhraig so, mar biodh e ga fhaicinn mar bha mise; Labhair e mar dhràgon; agus air an làimh eile, na bha dh'osnaich agus a phlosgail air Crìosdaidh. Cha d'amhairc e le taitneachd fad na h-ùine, gus 'n do thuig e gu'n reub e Apolion le chlaidheamh da-fhaobhair; an sin bha fiamh-gàir' air, agus sheall e suas. Ach 'se sealladh a b'uabhasaich a chunnaic mi riamh.

An sin 'nuair a chrìochnaich an cath, thuirte Crìosd



aidh, bheir mi an so buidheachas dha-san a shaor mi o tbeul an leòghainn, agus dhasan a rinn mo chòmhnadh an aghaidh Apolion, Ag ràdh :—

“ Chuir Beelsebub, triath an uile,  
D'am ionnsaidh fear gun bhuidheachas,  
Gu'm hodairt, a's gu'm shàrachadh,  
Làn arnaichte gu'm thruaigh :  
Ach rinn Michael còmhnadh leam,  
A's chuir mi'n ruaig, tre ghràs,  
Air Apolion fuilteach ud ;  
'S do Dhia bi'dh glòir gu bràth.”

An sin thainig da ionnsaidh làmh le cuid do dhuilleach craoibh na beatha, agus chuir Crìosdaidh iad ris na creuchdan a fhuair e sa' chath, agus leighiseadh air ball iad. Shuidh e mar an ceudna sìos san àite sin a dh'itheadh arain, agus a dh'ol as an t-searraig a thugadh dha roimhe sin ; agus air dha aineal a leagail, agus a bhi air a bheòthachadh, dh' imich e air a thuras, le chlaidheamh ruisgte 'na làimh ; oir thuirte, Cha'n fhios domh nach 'eil nàmhaid eile dlù dhomb. Ach cha tug Apolion aon ionnsaidh tuilleadh air fad a' ghlinne.

Bha aig ceann a' ghlinne so, gleann eile, ris an abrar, Gleann-sgàil'-a'-bhàis : agus b' eigin do Chrìosdaidh dol troimhe, a chionn gur ann tre mheadhon a bha 'n t-slighe chum a' bhaile nèamhaidh. A nise bha 'n gleann so ro-uaigneach. Tha'm fàidh Ieremiah ag ràdhuime, Gum beil e 'na fhàsach, 'na fhearann fàsail, làn shloc, fearann tairt agus sgàile bàis, fearann nach d'imich aon duine ach Crìosdaidh troimhe, agus far nach do ghabh duine riamh còmhnaidh. Ier. ii. 6.

An so bha Crìosdaidh air a chuir thuige ni bu ghoirte na bha e sa' chath le Apolion : mar chluinneas sibh an ùine ghearr.

Chunnaic mi am aisling, 'nuair a rainig Crìosdaidh crìochan Sgàil'-a'-Bhàis, gun do thachair air dithis dhaoine, de chlonn na h-aiteam a thug droch cliù air an deagh fhearann, a' deanamh cabhag gu dol air an ais : agus labhair Crìosdaidh rin air a mhodh so.

*Crìosdaidh.* C'ait' a tha sibh a' dol ?

*Daoine.* Tha sinn a' grad dhol air ar n'ais; agus b'àill leinn thus a' dhol ann cuideachd, ma tha spéis agao do d'bheatha no do d'shìth.

*Criosdaidh.* C'arson, Ciod is coireach? thuirt Crìosdaidh.

*Daoine.* Ciod is coireach! thuirt iad; bha sinne 'g imeachd air a' cheart slighe air am beil thusa, agus chaidh sinn cho fad 'sa bha chridhe againn dol; chaidh sinn cho fada 's gur gann a fhuair sinn pilleadh; oir 'nan rachamaid beagan ni b'fhaide air ar n-aghaidh cha bhitheamaid an so *an dràsta* a dh'innseadh sgedil dutsa.

*Criosdaidh.* Ach ciod a thachair oirbh? arsa Crìosdaidh.

*Daoine.* Cha mhòr nach deach' sinn a steach do Ghleann-sgail'-a'-bhàis, ach bha sinn cho sealbhach 's gum faca sinn ar cunnart mu'n d'ràinig sinn e. Salm xlv. 19.; cvii. 19.

*Criosdaidh.* Ach ciod a chunnaic sibh? arsa Crìosdaidh.

*Daoine.* Chunnaic sinn dìreach an Gleann féin, a tha gu dorcha dubh. Chunnaic sinn mar an ceudna fuathan, fiadh-dhaoine, agus dràgoin an t-sluic. Chuala sinn cuideachd ulfhartaich oillteil sa' ghleann, mar gu'm b'ann a' teachd o dhaoine ann an truaighe chràitich, a bha air an sàrachadh an geimhlean agus an trioblaid; agus bha'n crochadh os ceann a' ghlinne sin neoil na h-aimhréite. Tha'm bàs mar an ceudna a' sìor-sgaoileadh a sgiathan thairis air. An aon fhacal, tha e anabharrach duaichnidh agus eagalach, gu tur mi-riaghailteach. Iob iii. 5; x. 22.

*Criosdaidh.* An sin thuirt Crìosdaidh, Cha tug na thuirt sibh orm a shaoilsinn, nach e so an rathad réidh chum a' chala d'am miannach leam dol. Ier. ii. 6.

*Daoine.* Biodh e 'na rathad dhutsa, ach cha róg-naich sinne dhuinn féin e.

Mar so dhealaich iad, agus dh'imich Crìosdaidh air a thuras, a' cumail a chlaidheimh ruisgte 'na làimh, air eagal gu'n tug' ionnsaidh air.

Chunnaic mi 'n sin am aisling, gu'n robh sloc domh-ain air taobh deas na slighe, gu ceann eile a' ghlinne: 'S e 'n sloc so anns an do threòraich na doill iadsan a bha dall anns gach linn, agus far an do chailleadh araon iad. Agus air an làimh chli, bha boglach cunnartach, agus n'an tuiteadh eadhon duine math féin ann, cha'n fhaigheadh e ann ionad air an seasadh e. Sa' bhoglach so, thuit rìgh Daibhidh aon uair, agus bhiodh e air a chall ann, mur spìonadh e-san a tha comasach a mach e.

Bha'n cas-cheum an so anabharra cumhann, uime sin bha deagh Chrìosdaidh na eigin: oir 'nuair a bha e feuchainn anns an dorch an sloc a sheachnadh air an darna làimh, bha e'n cunnart tuiteam san làthaich air an làimh eile: 's am feadh a bha e seachnadh na làthaich, bha e 'n cunnart tuiteam san t-sloc air an taobh eile. Mar so chaidh e air aghaidh, agus chuala mi e 'g osnaich gu goirt: oir a bharr air a chunnart a dh'ainmich mi, bha 'm frith-rathad cho dorcha 's nach bu léir dha c'ait an cuireadh e chas.

Mu thimchioll leth a' ghlinne, mhothaich mi gur ann a bha dorus ifrinn, agus bha e fagus do'n t-slighe. Anis, arsa Chrìosdaidh, ciod a ni mi? agus bha'n lasair agus an toit a' sìor bhrùchdadh a mach as gu pailt, le drileannaibh agus le fuaim uabhasach, (nithe air nach drùigheadh claidheamh Chrìosdaidh, mar rinn e air Apolion) s' gu'm b'eigin da a chlaidheamh a chur 'na truaille; agus beirsinn air airm eil do'm b'ainm ùrnaigh chum e fein a dhion: Mar so ghlaodh e ann am éisdeachd, O Thighearna, guidheam ort saor m'anam. (Salm cxvi. 3.) Air an doigh so dh'imich e uidhe mhòr, ach bha'n lasair a' dlùthachadh air: chual e fòs glaodhaich chràiteach, agus sgreadail oillteil, ionnan 's gun robh eagal air gun reubt' as a chéil e, no gu'n saltairte fo na casan e mar chlabar na sràide. Bha 'n sealladh eagalach agus am fuaim uabhasach ud 'na fhradharc agus 'na éisdeachd fad iomadh mìle; agus air leis gu'n cual e cuideachd do dhroch spioradaibh a' teachd 'na chò-dhail, sheas e, agus smuainich e ciod a b'fhearr dha

dheanamh : air uairibh, cha mhòr nach robh 'na rùn pilleadh ; air uairibh eile smuainich e gu'n teagamh gu'n robh e nise leth na slighe. Chùmhnich e fòs, mar chaidh e cheana tre ioma, cunnart ; agus gu'm faodadh e am barrachd cunnairt a ruith le dol air ais na le a dhol air aghaidh ; agus chuir e roimhe dol air adhart : gidheadh bha na droch spioradan do réir choltais a' teachd ni bu dlùithe dha, ach 'nuair bha iad dìreach gu bhi aige, ghlaodh e le guth àrd, Gluaisidh mi ann an neart an Tighearna Dia. Air dha so a ràdh le làn-mhuin-ghinn, cha tainig iad ni b'fhaide.

Tha aon ni a b'àill leam a thoirt fainear, eadhon gu'n thuig mi gu'n robh Criosdaidh truagh cho mòr 'na bhreislich, 's nach robh aithne aig air a chainnt féin ; Oir an uair a bha e dìreach fa chomhair an t-sluic loisgich, thainig aon de na droch dhaoin' air a chùl, thainig e gu farasta dlù dha, agus chuir e cagar na chluais an cainnt bheumnaich thoibheumaich, agus shaoil e gur ann uaithe féin a thainig e. Chuir so tuille duilichinn air Criosdaidh na aon ni eile a thainig air, eadhon gun 'tugadh e nis toibheum dha-san air an robh roimhe so na h-urrad ghaoil aige ; gidheadh, nam b'urrainn da a leasachadh cha deanadh se e : ach cha robh de sheòltachd aige na dhùin a chluasan, no idir na thug fainear co uaith a thainig an droch cainnt sin.

As deigh do Chriosdaidh coiseachd mar so gu dubhach tùrsach, air leis gu'n cual e guth air thòiseach air, ag ràdh, " Ged a shiubhail mi trid G' Mlinn-sgàil-a'bhàis cha bhi eagal uile orm ; oir tha th'isa maille rium." (Salm xxiii. 4.) An sin bha aiteas air, air son nan aobhar so a leanas :—

*Air tùs.* A chionn le sin a chluinntinn, gu'n thuig e gu'n robh cuid-eigin air an robh eagal Dé a' siubhal a' ghlinne cho math 's a bha e féin.

*'San dara h-àite.* Air son gu'n mhothaich e gu'n robh Dia leo, ged' a bha iad ann an dorchadas cho mòr : agus c'arson nach biodh e leamsa cuideachd ? ged nach urrainn mi a thoirt fainear, a thaobh an àite 'sam beil mi. Iob xi. 10.

*San treas àite*, Do bhrì, na'm b'urrainn e teachd suas rin, gu'm biodh an ùine ghearr cuideachd aige.

Annas a' òheachd so shiubhail e air aghaidh, agus ghlaodh e ris an fhear a bh'air thoiseach air: ach cha robh fios aige-san ciod a fhreagradh e; oir bha e'm barail gu'n robh e leis féin mar an ceudna. Ach tamull an deigh sin shoilleirich an lath: An sin thuirt Crisdaidh, "Thionndaidh e sgàil' a' bhàis gu madainn." Amos v. 8.

Air do'n latha bhi nis air teachd, dh'amhairc e 'na dhéigh, cha'n ann le rùn pilleadh, ach a dh'faicinn nan cunnart as an tàinig e am feadh a dh'imich e san dorchadas; mar so chunnaic e ni bu shoilleire an sloc a bh'air an darna làimh, agus am boglach a bh'air an làimh eile; agus cho cumhann sa bha 'n t-slighe eatorra; chunnaic e fòs na fuathan, na fiadh-dhaoine, agus ua-bheistean an t-sluic, ach bha iad uile fada uaithe; oir cha do chuir iad dragh air an deigh do'n latha teachd; ach chunnaic e iad a réir mar tha e sgrìobhta, "Taisbeanaidh e nithe doimhne á dorchadas, agus bheir e sgàil a' bhàis gu solus." Iob xii. 22.

A nis bha aiteas air Crisdaidh a chionn gu'n do shaoradh e o gach cunnart san t-slighe ùdlaidh dhorcha sin; oir ged bha eagal air as na cunnartan a bha roimhe cha robh trian air de na bhitheadh air na'm faiceadh e gu soilleir iad: dh'éirich a nis a' ghrian air, agus bha e 'na thoileachas mòr leis. Thoir fainear ged a bha cheud chuid de Ghleann-sgàil'-a'bhàis cunnartach, gu'n robh na bha aige ri dol troimbe fathast, nam bu chomasach e, ni bu ro-chunnartaiche. Oir o'n àite sa'n robh e nise 'na sheasamh gu ceann eile a' ghlinne, bha'n t-slighe air a h-ìom-dhruideadh le ribean le ceapan-tuislidh, agus le liontan, làn do shlocan, do bheòil-fo-fhraoch, do thuill-dhomhain, agus do sgrìodain, air chor 's nam b'e'n dorch a bhiodh ann, mar bha e aige an toiseach a ghlinne, 's gann a dh'fhaodadh e gu'n bhi air a chall annta: ach mar thuirt mi, bha ghrian air éiridh. An sin thuirt e, "Thug e air a choinneil dealrachadh air

mo cheann, agus le a sholus tha mi siubhal sa'n dorch-adas." Iob xxix. 3.

Leis an t-solus so thainig e gu ceann thail a' ghlinne. Agus chunnaic mi am aisling, gu'n robh aig ceann a' ghlinne so, mòran fala, chnàmhan luathre, agus cuirp bheubainichte dhaoine, eadhon do na h-eiltbirich a thainig roimhe an rathad so: 's am feadh a bha mi cnuasach ciod a b' aobhar dha sud, chunnaic mi beagan romham uaimh, far an robh o shean da fhomhair. Pàp agus Ana-creideamh, a' gabhail còmhnaidh, agus gu'n do chuir an cumhachd agus an an-tighearnas na daoine sin gu bàs, a bha'n cnàimhean, am fuil, an luathre, &c. na'n laidhe feadh an àite. Ach chaidh Crìosdaidh seachad air gu'n mhòr-chunnart, ris an do ghabh mi òghnadh; ach thuig mi o sin, gu'n robh Anacreideamh màrbh o chean ioma bliadhna, agus ged a bha'm fear eile beò, gu'n robh e cho lag leis an aois agus leis a cho lion tuasaid sa'n robh e 's nach b'urrainn da a nis ach suidhe am beul na h-uaimhe, a' casadh fhiacal ri luchd-turais 'san dol seachad, làn farrainn a chionn nach b' urrainn e dochann a dheanamh dhaibh.

Mar so chunnaic mi gu'n deach' Crìosdaidh air aghaidh air a thuras; ach cha robh fios aige ciod a theireadh e ris an t-seann-duine a bha na shuidh aig beul na h-uaimhe, gu h-àraidh o'n a labhair e ris, ge nach b' urrainn da dol as a dheigh; ag ràdh ris nach stadadh iad gus an rachadh tuille dhiubh a losgadh. Ach dh'fhan e-san na thosd, mar nach biodh e ga fhaicinn, agus chaidh e seachad, gun chiorram éiridh dha. An sin sheinn Crìosdaidh mar so:—

“ Gu'm beil mi fathast sàbhailte  
An deis tigh'n 'as gach baobhal,  
A thachair orm an gleann-a'-bhais,  
Cha lugh' e leam no òghnadh,  
Ach cliù, is moladh do'n làimh fhéil,  
A chum mi suas, am meag  
Gach duibhre, deamhain, cràdh, a's leon,  
A chuartaich mi gu tric.”

A nis' air do Chrìosdaidh bhi dol air aghaidh, thainig

e gu uchdan beag a chaidh a thogail chum gu'm faiceadh an luchd-turais sealladh rompa: Chaidh Criosdaidh suas air, agus sùil ga'n tug e, chunnaic e Dìleas roimhe. An sin ghlaodh Criosdaidh gu h-àrd, " O! co so tha romham? Stad, agus bithidh mis' am chòmpanach agad." Sheall Dìleas air ais, agus thuirt Criosdaidh ris a rithist. " Fuirich, fuirich, gus am bi mi agad;" ach fhreagair Dìleas, " Cha'n fhuirich: tha mi teicheadh air son m'anama, agus tha fear-dioghlaidh na fala an tòir orm."

Leis a so, bha mi-ghean air Criosdaidh, agus dh' fhalbh e le uile neart, gus an deach e seachad air Dìleas; mar so bha toiseach aig an fhear a bh' air dheireadh. An sin rinn Criosdaidh gàire fanaid, a choinn gu'n robh e nis' air toiseach; ach le cion faicill fhuair e tuisleadh leis an do thuit e, agus cha b'urrainn da éiridh gus an d'rinn Dìleas còmhnadh ris.

An sin chunnaic mi a'm' aisling gu'n d'imich iad gu caidreach air an aghaidh, a' labhairt mu gach ni a thachair dhaibh air an turas; agus mar so thòisich Criosdaidh.

*Criosdaidh.* A bhràthair ionmhuinn agus urramaich, a Dhùleis, 'S math leam gu'n d'rug mi ort, agus gu'n tug Dia dhuinn a bhi dh' aon rùn, gu'm faod sinn siubhal maille r'a chéile air an t-slighe thaitneich so.

*Dìleas.* A charaid ghràdhaich, bha dùil agam gu'm bitheadh tu leam an àm dhomh bhi triall o'n bhaile, ach bha thu air toiseach orm: Uime sin b'eigin domh teachd an fhad so a'm' aonar.

*Criosdaidh.* Cia fhad sa dh'fhuirich thu am dhèigh-s' ann am Baile-léir-sgrìos mu'n d' fhalbh thu air do thuras?

*Dìleas.* Gus nach b'urrainn domh fuireach ni b'fhaide; oir bha e'na làn-naigheachd an deigh dhutsa falbh, gum biodh am bail' againn an ùine ghearr air a' losgadh le teine bho nèimh.

*Criosdaidh.* An e! gu'n do labhair do choimhears-naich mar sin?

*Dileas.* Labhair iad: oir bha e rè seal am beul gach duine.

*Criosdaidh.* Ach an do theich aon duine ach thusa o'n chunnart?

*Dileas.* Ged a bha, mar a thuirt mi mòran bruidhne mu thimchioll, 's i mo bharail nach do làn-chreid iad e. Oir ann an teas an cainnte, chuala mi cuid diù a' labhairt gu fanaidheach umadsa, agus mu d' thuras eucéillidh, oir 'se so a thuirt iad ri d' thuras: Ach b' i mo bharail san àm sin, agus 's i fhathast, gur h-e is crìoch do'n bhail' againn bhi air a losgadh le teine agus le pronnusg, uime sin dh'fhàg mi e.

*Criosdaidh.* An cuala tu guth air mo choimhearsnach Socharach?

*Dileas.* Chual' a Chriosdaidh, chuala mi gu'n do lean e thu gu ruig Sloc-na-mi-mhisnich; anns an do thuit e mar thuirt cuid; ach cha bu mhath leis fios a bhi gu'n do thachair sin, ach 's cinnteach mise gu'n robh gu leòir de shalchar an t-sluic air.

*Criosdaidh.* Agus ciod a thuirt na coimhearsnaich ris?

*Dileas.* Thug iad uile tàmailte mhòr dha; rinn na h-urrad diu sgeig agus fanaid air, ionnus gur gann a gheibh e obair sam bith r'a dheanamh. Tha e nise ni's mìle mheasa na bha e roimhe.

*Criosdaidh.* Ach c'arson a tha iad cho cruaidh 'na aghaidh, do bhrìgh 'gur coma leo féin an t-slighe ris 'n do chuir e cùl?

*Dileas.* Thuirt iad nach b'fhiù e, nach robh e firinneach 'na aidmheil; Air leam gu'm beil Dia air brosnachadh suas a nàimhdean a thoirt tàire dha, gu dheanamh 'na ghnà-fhacal, a chionn gu'n do thréig e an t-slighe. Ier. xxix 18, 19.

*Criosdaidh.* An robh thu cainnt ris mu'n d'fhalbh thu?

*Dileas.* Choinnich mi aon uair air an t-sràid e, ach shiap e gu taobh eile na sràide, mar neach air am biodh nàire as na rinn e; air chor 's nach d'fhaod mi labhairt ris.



*Criosdaidh.* Bha dòchas math agam as, 'nuair a dh'fhalbh mis' a mach; ach 's eagal leam gu'n caillear e nis' ann an léir-sgrìos a' bhaile. Oir thachair dha a réir an t-sean-fhacal: "Phill am madadh r'a sgeth, agus a mhuc cnaidh nigheadh, chum a h-eòradh san làth-aicn." 2 Pead. ii. 22.

*Dileas.* Tha eagal sin ormsa cuideachd; ach cò 's urrainn a leasachadh?

*Criosdaidh.* A nis' a choimhearsnaich Dhìleis, arsa Criosdaidh, leigeamaid dhinn a bhi labhairt uime-san, agus labhramaid mu na nithe a bhuineas duinn féin. Innis a nis' domh ciod a thachair dhut an gabhail an rathaid; oir tha fios agam gur iomadh ni a dh'éirich dhut, no 's iongantach e.

*Dileas.* Sheachainn mi 'n sloc san do thuit thusa, agus ràinig mi 'm bealach gun a bheag a dh' éiridh dhomh; ach a mhàin gu'n do thachair tè orm gam b'ainm Togarrach, a bha coltach ri cron a dheanamh orm.

*Criosdaidh.* Bu mhath gu'n do sheachain thu a lion: Bha Ioseph an droch staid leatha, agus thàr e uaipe mar rinn thusa: ach 's beag a bha eadar e 'sa bheatha a chall. Ach ciod a rinn i riutsa? Gen. xxxix. 11, 12, 13.

*Dileas.* Cha'n urrainn dut a smuainteachadh na thug i de chuireadh dhomh; bha i gealltainn gach sòlas domh na'n aontaichinn leatha.

*Criosdaidh.* Cha do gheall i dhut sòlas deagh-chogais.

*Dileas.* Tha fios agad gur h-e bha mi ciallachadh, gach sòlas feòlmhor agus saoghalta.

*Criosdaidh.* Buidheachas do Dhia gu'n do sheachainn thu i: An tì is fuathach leis an Tighearna géillidh e dh'i. Gnàth. xxii. 14.

*Dileas.* Cha'n aithne dhomh an do sheachainn mi gu h-iomlan i, no nach do sheachainn.

*Criosdaidh.* Tha dòchas agam nach d'aontaich thu le miann?

*Dileas.* Cha d'aontaich, chum mi-féin a thruailleadh, oir chùimhnich mi air sean-fhacal a chuala mi, a thuirf

gu'n robh " a ceumannan a' gabhail gréim air ifrinn." Mar sin dhùin mi mo shùilean, mu'm bithinn air mo mbealladh leatha: an sin throd i gu sgaiteach rium, ach dh'fhalbh mise romham. Gnàth. v. 5. Iob xxxi. 1.

*Criosdaidh.* An deach ionnsaidh sam bith eile a thoirt ort air an t-slighe?

*Dùileas.* 'Nuair a thàinig mi gu bun Bruthach-na-h-éigin, thachair fìor-shean-duine orm a dh'fhìorsraich dhìom cò mi? agus c'ait' a bha mi dol? Dh'innis mi dha gu'm b'fhear turais mi, a bha dol chum a' bhaile nèamhaidh. An sin thuirt an seann duine, Tha coslas duine chòir ort, am bi thu deònach fuireach agamsa air son an tuarasdail a bheir mi dhut?" An sin dh'fheòraich mi dheth, c'ainm a bh'air agus c'ait an robh e chòmhnaidh? Thuirt e gum b'e ainm an ceud Adhamh, agus gu'n robh e thàmh ann am Baile-na-céilge. Dh'fheòraich mi dheth an sin, ciod a b' obair dhomh? agus ciod an tuarasdal a bheireadh e seachad? Thuirt e rium gu'm b'e obair iomadh sòlas-iuntinn, agus a thuarasdail, gum bu mhì a' b' oighre air a chuid mu dheireadh. A thuill-radh air sin dh'fheòraich mi dheth, ciod an taigh a bha gleidheadh, agus ciod na séirbhisich eile a bh'aige? Dh'innis e dhomh, gu'n robh gach ni blasda, sòghail na'n t-saoghal, r'am factainn 'na thaigh, agus gu'm b'iad a ghineil fein a shéirbhisich. An sin dh'fheòraich mi ciod a bh'aige de chloinn? Thuirt e, nach robh aige ach trìuir nighean, Ana-miann-na-feòla, Miann-nan-sùl, agus Uabhar-na-beatha; agus gu'm faighinn-sa te dhiu r'a phòsadh nam bu toil leam e. An sin dh'fheòraich mi dheth, cia fhad a b' àill leis mi bhi aige? agus thuirt e rium, cho fad a's bu bheò e. 1 Eoin ii. 16.

*Criosdaidh.* Seadh, agus ciod an co'-dhùnadh gus an tainig an seann duine agus tu-féin mu dheireadh?

*Dùileas.* Air leam gu'n robh mi air tùs deònach air dol leis; oir shaoil mi gu'n robh a thairgse math; ach sùil ga'n tug mi'n clàr aodainn, chunnaic mi sgrìobht' ann, " Cuir dhìot an seann duine le ghnìomharraibh."

*Criosdaidh.* Agus ciod an sin?

*Dileas.* An sin thainig e am aire ciod air bith a their-eadh e, nach éisdinn ris, oir an uair a gheibheadh e dhachaigh mi, gu'n reiceadh e mi mar thràill. Mar sin dh'iarr mi air fuireach na thosd, agus nach rachainn am fagus do dhorus a thaighe. An sin chàin e mi agus thuirt e rium, Gu'n cuireadh e fear air mo thòir, a chràidheadh a'm chridhe mi. 'Nuair a chuala mi sin, thionndadh mi uaithe; ach san àm sin mhothaich mi e a' deanamh gréim air m'fheoil cho mòr 's gu'n do shaoil mi gu'n tug e leis mi: Thug sin orm glaodhaich, "Och! is duine truagh mi!" San inntinn so thòisich mi ri dìreadh a' bhruthaich. Rom. vii. 24.

'San uair a dhìrich mi mu leth an rathaid, chunnaic mi fear luath siùbhlach a' teachd a' mo dheigh: agus thainig e suas rium mu'n cheart àit' am beil an t-àite-suidhe.

*Criosdaidh.* 'S ann dìreach an sin, arsa Criosdaidh, a shuidh mise sìos a ghabhail fois; ach thug an cadal thairis mi, agus chaill mi'n sgrìobhadh a bh'ann am bhroilleach.

*Dileas.* Na cuir casg air mo sheanachas, a dheagh Chrisdaidh, oir co luath sa rug an duine orm, cba' d'éisd e'n ath-fhacal, ach bhuaill e mi, agus thuit mi sìos an riochd mairbh. Ach 'nuair a thainig mi am ionnsaidh féin, thuirt mi ris, C'arson a bhuaill e mar sin rium? A deir e' A chionn gu'n robh mi gu ùiomh-air ag aomadh leis a' cheud Adhamh: agus leis sin a ràdh, thug e buile mharbhtach eile dhomh anns an uchd, agus thuit mi'n comhair mo chùil; agus bha mi 'm shìneadh aig a chasan mar bha mi roimhe. 'Nuair thainig mi rithist am ionnsaidh féin, ghuidh mi air tròcair a dheònachadh dhomh. Ach thuirt e rium, cha'n aithne dhomh c'arson a dheònaichinn tròcair dhut: agus bhuaill e rithist mi. Chuireadh e gun teagamh crìoch orm, mar tigeadh fear seachad a thuirt ris sgur.

*Criosdaidh.* Co thuirt ris sgur?

*Dileas.* Cha d'aithnich mi'n toiseach e; ach air dha bhì dol seachad, thug mi fainear na tuill a bh' air a

Ìmhan agus 'na thaobh : an sin thuig mi gu'm b'è ar Tighearn a bh'ann. Agus dh'ìrich mi suas am bruthach.

*Crìosdaidh.* B'è Maois am fear a rug ort. Cha chaomhain e aon neach, cha mhò a nochdas e tròcair dhaibhsan a bhriseas a lagh.

*Dìleas.* Is math a ta fhios agam : cha b'è cheud uair a thachair e orm. Is e a thàinig a' m' ionnsaidh 'nuair a bha mi thàmh gu'n chùram orm aig an taigh, 'sa dh'innis dhomh gu'n cuireadh e'n taigh r'a theine os mo cheann nam fanainn ni b'fhaid' ann.

*Crìosdaidh.* Ach am faca tu 'n taigh ud a bh'air mullach an t-slèibhe, air an taobh air an do thachair Maois ort ?

*Dìleas.* Chunnaic, agus na leòghain cuideachd mu'n tàinig mi d'a ionnsaidh ; ach air leam gu'n robh iad 'nan cadal : oir b'ann mu mheadhon là a bha e ; agus a chionn gu 'n robh na h-urrad de 'n latha romham, chaidh mi seach an dorsair, agus dh'imich mi sìos am bruthach.

*Crìosdaidh.* Dh'innis e dhomh gu'm fac' e thu dol seachad ; ach b'fhearr leam gu'm biodh tu air deanamh guth aig an taigh ; oir nochdadh iad dhut ioma ni iongantach, is gann a dhi-chùimhnicheadh tu gu là do chrìche. Ach guidheam ort innis domh, an do thachair aon neach ort an Gleann-na-h-Irisleachd ?

*Dìleas.* Thachair fear orm ann d'am b'ainm Neothoilichte, leas am b'àill ìmpidh, a chuir orm pilleadh air m' ais leis : thuirt e gur e bu choireach ris, a chionn gu'n robh an gleann na àite neo-mheasail. A bharr air sin thuirt e rium, le mi dhol an sin, gu'n tugainn oilbheum do mo chairdean, mar bha Uabhar, Ardan, Féinspéis, Uail-shaoghalta, agus muinntir eile, a bha fios aige, a ghabhadh gu h-olc mi dhol ann.

*Crìosdaidh.* Seadh, agus ciod a thuirt thu ris ?

*Dìleas.* Thuirt mi ris, ged a dh'fhaodadh gach neach a dh'ainmich e càirdeas agairt orm a réir na feòla gidheadh o'n a thainig mi air an turas so, gu'n chuir iad cùl rium, agus gu'n chuir mise cùl riu-san ; air an

aobhar sin gu'n robh iad a nise mar nach buineadh iad riamh dhomh. Dh'innis mi osbarr dha, nach d'aithris e'n fhirinn dhomh mu'n ghleann so: oir roimh urram gu'n robh irisleachd, agus spiorad uaibhreach roimh leagadh. Uime sin, thuirt mi ris, gu'm b'fhearr leam dol tro'n ghleann so chum an urraim aig na daoine bu ghlice, no chum an ni sin a bha e-san a meas na aith-righ-ghaoil.

*Criosdaidh.* An do thachair a bheag tuilleadh ort sa' ghleann sin?

*Dìleas.* Thachair Nàire orm: ach dheth na h-uile neach a thachair riamh orm air leam gu' e-san is lugna nàire. Ghabhadh càch cuir air cùl le beagan seanachais; ach theab nach sguireadh am fear beag-nàrach so idir.

*Criosdaidh.* Ciod a thuirt e riut?

*Dìleas.* Ciod a thuirt e! chuir e an aghaidh diadh-achd féin: thuirt e gu'm bu ghnòthach bochd, dìblidh, tràilleil do dhuine bhì leantainn diadhachd; gu'm bu ghnòthach neo-dhuineil cogais-mhaoth: agus gu'n tàirneadh e gu beag meas duine bhì cho faicilleach air a chainnt agus air a dheanadas, 'sa bha diadhachd ag iarraidh. Thuirt e cuideachd gu'm b'ainmig a bha na cumhachdaich, na saoi-bhir, no na daoine glìce sa' bharail san robh mise; no idir iadsan mar fàsadh iad nan amad-ain, gu bhì toileach an t-iomlan a chall gu'n fhios c'arson. Fhuair e cuideachd coire do chor iosal neo-fhiachail nan eilthireach a bh'ann san àm; agus mar an ceudna, gu'n robh iad ain-eolach neo-thuigseach anns gach oilean measail gnàthaichte: Seadh thuirt e, gu'm bu nàir do dhuine suidhe sìos gu tùrsach, brònach, ag éisdeachd searmoin agus tighinn dachaigh gu dubhach, deurach: gu'm bu nàir dhomh maitheanas iarraidh air mo nàbaidh air son coire bheag, no idir co'-leasachadh a thoirt da air son ni a bheirinn uaithe. Thuirt e fòs, gu'n robh diadhachd a' toirt air duine fàs neònach leis na daoine mòra, air son beagan peacaidh da'n robh iad ciontach (ni a dh' ainmaich e le iomadh ainm breugha) agus gu'n mbeas a bhì aige air daoine nach b'fhiù, a chionn

gu'm b'ionann barail daibh agus d'a fein : Agus nach nàir an gnothach sin, ars esan ? 1 Cor. i. 26 ; iii. 18. Phili. iii. 7—9. Eoin vii. 48.

*Criosdaidh.* Agus Ciod a thuirt thu ris ?

*Dileas.* A thuirt mi ris ! 'S gann a bha fios agam ciod a theirinn ris an toiseach. Chuir e thuige cho teann mi, 's gu'n tainig m'fhuil a' m' aodann ; agus cha mhòr nach d'fhartlaich e orm. Ach fa dheireadh, ghlac mi misneach, agus thuirt mi ris gu'n robh na nithibh a bha measail aig daoine, fuathach le Dia. Agus air leam a rithist gu'n robh am fear so 'g innseadh dhomh mu dhaoine ach nach d'innis e idir dhomh mu Dhia agus mu fhacal. Agus thainig e'm bheachd, nach rachadh gu làtha 'bhreitheanais breth a thoirt oirnn gu sonas no gu truaighe a réir gnàth an t-saoghail, ach a réir lagh agus gliocais an Tì is àirde. An sin thuirt mi, gur e an ni a their Dia is fearr, ged a their daoine 'na aghaidh : uime sin do bhrìgh gu'm beil Dia a' gabhail diadhachd mar roghainn ; gur caomh leis cogais-mbaoth ; agus gur iadsan a tha g'an deanamh féin nan amadain air son rìoghachd néimh' is glìce ; agus gu'm beil an duine is bochda aig am beil gràdh do Chrìosd ni 's saibhire no 'n 'duine is mò maoin air domhain air am beag e. Fhir gun nàire imich romhad, oir tha thu an aghaidh mo shlàinte ; an gabh mi riut an aghaidh mo Thighearna ? Cionnas ma ta dh'amhaircinn air 'nuair a thigeadh e ? Nam bithinn san àm fo nàir' as féin agus as a sheirbhisich, cionnas a dh'fhaodas dùil a bhi agam r'a bheannachadh ? Ach gu deimhin bu chré gun nàire am fear so ; 's gann a b' urrainn domh a chuir as mo charamh, seadh, leanadhe rium, a' cur cagair a'm chluais mu nithe a bhuineas do laigsinn a' chreideimh ; ach mu dheireadh thuirt mi ris gu'm bu diomhain da tuilleadh a ràdh mu'n chùis ; oir gur iad na nithe a b'fhuathaich leis-san a b'annsa leamsa ; fhuair mi ma dheireadh cuidhte dheth. 'San uair a fhuair mi seachad air thòisich mi air sheinn an òrain so : —

Is goirt 's gur cruaidh na deuchainnean  
 'Thig orrasan a bhios,  
 Umhal do'n ghairm nèamhaidh ud,  
 'S nach meataich ann le sgios;  
 Ach biomaid seasmhach, misneachail,  
 Le earbs á Dia gach àm,  
 A's ni e fòs ar saoradh as,  
 Ar trioblaidean nach gann.

*Criosdaidh.* Tha aiteas orm a bhràthair gu'n sheas thu cho treun an aghaidh an t-slaughtir' ud: anns gach ni tha thu 'g ràdh is e mo bharail nach tug iad an t-ainm ceart idir air; oir tha e cho dàna mhìobhail 's gu'n lean e sinn feadh na sràide, agus gu'n oidheirpich e nàir a chuir oirnn am fianais gach duine: 'se sin nàir' a chuir oirnn air son an ni ata math; ach mar biodh e féin gun nàire cha deanadh e idir mar tha e deanamh; ach cuireamaid gu duineil 'na aghaidh; oir ge mòr a bhòilich cha'n àrdaich e ach na h-amadain, "Sealbhaichidh na daoine glìce urram," *arsa Solamh*; "ach is e nàire àrdachadh nan amadan." Gnath. iii. 35.

*Dùleas.* 'S fheudar dhuinn còmhnadh ar n-Athar nèamhaidh iarraidh an aghaidh Nàire, leis am b'àill sinn a bhì treubhach air son na firinn air thalamh?

*Criosdaidh.* Is fìor sin; ach an do thachair aon duine tuilleadh ort sa' Ghleann sin?

*Dùleas.* Cha do thachair oir bha solus na gréine agam a chuid eile dheth; agus fòs tre Ghleann-sgàil'-a'-bhàis.

*Criosdaidh.* Bu shona dhutsa sin: oir fhuair mis' air atharrachadh e; oir thugadh, cho luath 'sa thainig mi staigh do'n ghleann sin, oidheirporm le Apolion, agus bha cruaidh chòmhrag eadar ruinn, agus shaoil mi iomadh uair gu'm faigheadh e buaidh orm, gu h-àraidh 'nuair a fhuair e fodha mi, 'sa bhrùth e mi, mar gu'm fàisgeadh e'n deò asam; oir 'nuair thilg e sìos mi, leum mo lann á mo làimh: thuir e rium an sin gu'm bu chùis da féin mi; ach ghlaodh mi ri Dia, agus chual e mi, agus shaor e as gach àmhghar mi. An sin dh'inn-drinn mi Gleann-sgàil'-a'-bhàis, agus cha robh leus soluis agam còrr is leth na slighe. Shaoil leam gu'n cuirte gu bàs mi iomadh uair; ach ma dheireadh bhris camhan-

aich an latha agus dh' éirich a' ghrian ; agus dh' imich mi troimh na bhla romham gu sunntach réidh.

Osbarr, chunnaic mi a'm' aisling, mar dh' imich iad air an aghaidh gu'n d'amhaire Dìleas chum an dara taobh, agus chunnaic e fear d'am b'aium Bruidhneach, ag imeachd astar beag uatha. Bha e 'na dhuine mòr fada, ni b' fhearr coltas fad as na dlù do làimh : Thuir Dìleas ris mar a leanas :

“ A charaid, c'àit a ruigeas tu ? Am bheil thu dol chum na tìre nèamhaidh ?”

*Bruidhneach.* Tha mi, ars esan.

*Dìleas.* Is math sin ; tha dòchas agam gu 'm bi do dheagh chuideachd againn.

*Bruidhneach.* Tha mi glé dheònach air bhi leibh.

*Dìleas.* Thig air t'aghaidh ma ta, agus falbhamaid le chéile ; agus labhramaid mu nithe feumail.

*Bruidhneach.* Is annsa leam labhairt mu nithe math, maille ruibhse, no ri daoine eile ; agus tha aoibhneas orm gu'n do thachair mi orrasan leis an ionmhuinn cùis cho taitneach ; oir cha mhòr leis an toil labhairt uime sin, ach 's annsa leobhi cainnt mu nithe neo-tharbhach ; agus is duilich leamsa sin.

*Dìleas.* Is cùis mhuladach da rìreadh e ; oir ciod an ni tha cho aithrigh bhi labhairt uime ris an ni sin a bhuineas do Dhia nèimh

*Bruidhneach.* Is ro-ionmhuinn leam thu : oir tha do chainnt làn do gheur-mhothachadh ; agus ciod an t-aon ni a tha cho taitneach agus cho tarbhach ri bhi labhairt mu nithe a bhuineas do Dhia ? Ciod na nithe cho taitneach ; ma tha tlachd aig duine labhairt mu eachdraidh, mu rùn-diomhair nithe ; no m'as miann le duine labhairt mu mhiorbhuilean, mu iongantais, no comharran, c'àit am faigh e nithe air an cuir sìos cho taitneach agus cho snasmhor, 's a gheibh e sna sgrìobtuirean naomha ?

*Dìleas.* Tha sin fìor ; agus 'se tairbhe fhaotainn 'na leithid sin do chainnt bu chòir a bhi 'n-ar n-aire.

*Bruidhneach.* Is e sin a thuir mise ; oir is e labhairt mu nithe mar sin is ro-tharbhach ; oir le sin a dhean-



amh faodaidh duine fàs eolach mu iomadh nì : mar tha faoineachd nithe talmhaidh, agus sochair nithe nèamhaidh. Le so faodaidh duine mòr-fheum an nuadh-bhreith fhòghlum. Neo-iomlanachd ar n-oibre féin ; am feum a th' againn air fìreantachd Chrìosd, &c. A bharr air so faodaidh duine 'thuigsinn cìod e aithreachas a ghabhail, creidsinn, ùrnuigh a dheanamh, fulang, &c. Leis a so faodaidh duine fhòghlum cìod iad geallaidhean mòra agus sòlasach an t-soisgeil, chum a thoilinntinn féin ; Osbarr le so faodaidh duine fhòghlum mar chuireas e 'n aghaidh barail mheallta, cuir leis an fhìrinn, agus an t-aineolach a theagasg.

*Dìleas.* Tha sin uile fìor : agus is toilichte mi a chluinntinn uatsa.

*Bruidhneach.* Mo thruaighe 'se easbhuidh nan nithe sin is aobhar gu'm beil iad cho tearc a tha tuigsinn an fheum a th'ac' air creideamh, agus am feum mòr a th'ac' air gràs 'nan anam, chum an ullachadh fa chomhair na beatha siorruidh ; ach tha iad gu h-aineolach a' buanachadh ann an oibrìbh an lagha, leis nach eil e comasach do dhuine rìoghachd Dhé fhaotainn.

*Dìleas.* Ach le d' chead 's e eòlas nèamhaidh tìodh-lac Dhé : cha ruig aon duine air le gliocas saoghalta, no idir le labhairt uime.

*Bruidhneach.* Tha dearbh-fhìos agam air sin, oir cha'n urrainn duine aon nì fhaotainn mar toirear dha bho nèimh e : tha'n t-iomlan o ghràs, nì h-ann o oibrìbh : b' urrainn dhomh ceud àite de'n sgrìobtur mu thimchioll so a chomharrachadh a mach dhut.

*Dìleas.* Ro mhath ma ta, arsa Dìleas, cìod an t-aon nì mu'n labhair sinn sa'n àm so ?

*Bruidhneach.* Air aon nì is àill leat : labhraidh mise riut mu nithe nèamhaidh no talmhaidh ; nithe modh-annail, no mu'n t-Soisgeul ; nithe naomha, no mu nithe baòth ; nithe chaidh seachad no mu nithe ri teachd ; mu nithe aig an taigh no uaithe ; mu nithe feumail no mu nithe dìongmhalt' ; air chùmhnannt gur h-ann chuz ar buannachd a nì sinn e.

*Dileas.* A nise thòisich Dìleas ri iongantas a ghabhail, agus air dha dol a leth-taobh far an robh Crìosdaidh, thuirt e os n-ìosal ris, Nach taitneach an còmpanach a fhuair sin : gu cinnteach ni am fear so deagh-fhearturais.

*Crìosdaidh.* Ris a so rinn Crìosdaidh sméide ciùin gàire, agus thuirt e, meallaidh an duine so mu'm beil do bharail cho math, le theangaidh mhilis bhriathraich, ioma fear do nach aithne e.

*Dileas.* An aithne dhuts' e ma ta ?

*Crìosdaidh.* 'S aithne dhomh ! ni 's fearr na 's aithne dha e-féin.

*Dileas.* Cò e ma ta ?

*Crìosdaidh.* Is e is ainm dha Bruidhneach : tha e thàmh sa' bhail' againne ; is iognadh leam nach aithne dhut e ; ach gun amharas tha 'm bail' againn ro-mhòr.

*Dileas.* Cò d' am mac e ? agus ciod an earrann de'n bhaile am beil e chòmhnaidh ?

*Crìosdaidh.* Is mac e dh' fhear Abair-gu-math, bha e thàmh san t-Sràid-bhriathraich ; agus 's e Bruidhneach no Briathrach a their iad ris ; agus ged is mòr a th' aige ri ràdh, cha'n 'eil ann ach fear nach fù.

*Dileas.* Ma ta shaoileadh tu gur taitneach an duin' e.

*Crìosdaidh.* 'Se sin barail na muinntreach nach 'eil min-eolach uime : oir is fearr e o'n taigh na aige. Tha thu le ràdh gur taitneach an duine e, a' toirt a m' chùimhne obair fear tharrainn dhealbh, a sheallas ni 's fearr asdar beag uat no le bhi dlù dhut.

*Dileas.* Ach 's barail leam nach 'eil thu da rìreadh, a chionn gu 'n d' rinn thu gàire.

*Crìosdaidh.* Nior leigeadh Dia gu 'm bithinn ri faoin-eachd, ged a rinn mi sméide gàire, no gu'n cuirinn an eucoir air neach sam bith ; innsidh mi tuilleadh dhut uime : Tha'n duine so air son cuideachd sam bith, agus air son labhairt mu ni sam bith : ceart mar tha e labhairt riuts' an dràst' labhraidh e san taigh-òsda ; agus mar is mò a bhios do dheoch 'na cheann is ann a's mo bhios do chainnt 'na bheul. Cha'n 'eil diadhachd idir

'na chridhe, 'na thaigh, no 'na chaithe-beatha: Tha na tìr aige uime 'na theangaidh, agus cha 'n eil 'na dhiadhachd ach fuaim gun seadh.

*Dìleas.* Am beil thu 'g ràdh sin! ma ta 's mòr a tha mis' air mo mhealladh leis an duine so.

*Criosdaidh* Air do mhealladh! 's cinnteach gu'm beil thu'n sin. Cùmhnich an Sean-fhacal, (Mat. xxiii. 1 Cor. iv. 2.) Their, ach cha dean iad; ach cha'n ann an cainnt a tha rìoghachd Dhé, ach an cumhachd. Tha e labhairt mu ùrnaigh, mu aithreachas, mu chreideamh, agus mu'n nuadh-bhreith; ach 'se labhairt na 's aithne dha umpa. Bha mise 'na theaghlach, agus thug mi fainear e aig an taigh agus uaithe: agus tha mi fiosrach nach eil mi ach a' labhairt na firinn uime. Cha mhò a tha de dhiadhachd 'na thaigh na tha bhlas air gealagan uidhe. Cha'n eil aon chuid ùrnaigh, no coltas aithreachais mu pheacadh ann: tha do réir an gnè na brùidean a' deanamh séirbhis n'is fearr do Dhia. Tha e 'na thàmailte, 'na mhasladh, agus 'na mhi-chliù, do diadhachd leis gach neach d'an aithne e: tha droch cliù air far am beil e chòmhnaidh. Their iadsan a tha eòlach uime, Gur naomh o'n bhail' e, agus deamhan aig an taigh. Tha theaghlach bochd a' mothachadh gur e sin a th' ann; tha e cho iargalta, càranach, agus cho mi-reusonta r'a shéirbheisich, 's nach urrainn daibh a thoil eachadh. Their iadsan aig am beil déilig ris, gur usa dhaibh gnothach a bhi aca ri Turcach, na ris; oir gheibh iad ceartas o'n Turcach, ach cha 'n fhaigh iad sin uaith-san. Bheir am fear so, m'as comas e an car asda. Osbarr tha e togail a chuid mac san inntinn cheudna; agus ma thuigeas e gu'm beil iad tiom-chridheach, oir 's e sin a their e ri iad a bhi bàigheil còir, their e amadan agus baoghairean riu; cha n-earb e ach beagan riu, agus cha chan e facal math umpa ri càch. Cha 'n eil teagamh agam nach ioma neach air an tuge tuisleadh le chaithe-beatha aingidh féin; agus mar bac Dia e bheir e sgrios air mòran fathast.

*Dìleas.* Seadh a bhràthair, 's math a tha mi gad

chreidsinn, cha'n ann a mhàin a chionn gu'n dubhairt thu gu'm b'aithne dhut e, ach a chionn gu'm beil thu, mar bu còir do Chrìosdaidh dheanamh, a' labhairt gu h-ìomchaidh mu dhaoine. Cha'n fhaod mi smuineachadh gur ann o dhroch rùn a tha thu labhairt, ach gu'm beil gach ni mar thuirt thu.

*Crìosdaidh.* Mar biodh tuilleadh eòlais agam air na bha agadsa, theagamh gu'm bithinn de'n aon bharail riutsa; ni h-e amhàin, sin ach na'm faighinn an cunntas so uime uatha-san air am beag diadhachd, shaoilinn gur ann o mhi-run a thainig e, mar is tric a thachair. Ach 's urrainn mi o'm fhiosrachadh féin gach ni a thuirt mi a dhearbhadh, agus tuilleadh. A bharr air sin tha e 'na aobhar nàire le deagh dhaoine; cha'n abair iad bràthair no caraid ris. Cuiridh urrad agus ainmeachadh nam measg nàir' orra, m'as aithne dhaibh e.

*Dùlas.* Tha mi nis' a' faicinn gur dà chùis ni a ràdh agus a' dheanamh; agus an deigh so bheir mi aire ni's fearr dha.

*Crìosdaidh.* Is dà ni iad gun amharas, agus tha na h-urrad eadar-dhealachaidh eatorra 's a tha eadar an t-anam agus an corp, oir mar nach eil an corp as eugmhais an anma ach mar chloaich mharbh. Is e smìor na diadhachd an earraun ghniomhach. 'S e fìor-dhiadhachd neo-thruaillidh am fianais Dhé agus an Athar, an dilleachdan agus a' bhantrach fhiosrachadh 'nan áire, agus aon g'a chumail féin gun smal o'n t-saoghal. (Seum. i. 27, faic rann. 2, 3, 24, 25, 26.) Cha'n eil dùil aig an fhear so gur ann mar sin a tha chùis: tha e am barail gu'n dean cluinntinn agus labhairt mu chreideamh deagh Chrìosdaidh; agus mar so tha e mealladh 'anma féin. Cha'n 'eil ann an cluinntinn ach mar an sìol a chur; cha leòir cainnt a dhearbhadh gu'm beil tairbh sa' chridhe, agus anns a' chaithe-beatha; agus bitheamaid cinnteach air chionn là a' mhòir-chunntais, gur h-ann a réir an toraidh a bheirear breth air daoine: Cha' chanair an sin, Am beil sibh a' creidsinn? Ach "co aca is luchd-gniomh no labhairt sibh a mhàin?" agus mar sin bheirear breth orra. Tha deireadh an t-

saoghail air a choimeas ri àm an fhogharaidh againne ; (Mat. xiii. agus xxv.) agus tha fios agad nach eil sa'n fhogharadh sùim aig daoine do ni sam bith ach toradh. Cha'n e gu'n gabhar ri aon ni nach eil o chreideimh ; ach tha mi 'g ràdh so a' leigeadh ris dut cho faoin 'sa bhitheas aidmheil Bhruidhnich air an là sin.

*Dileas.* Tha so a' toirt a'm' chùimhne mu thimchioll Mhaois, mar dh' ainmich e na beathaichean a tha glan, (Lebh. xi. Deut. xiv.) Tha Bruidhneach coltach ris a' bheathach a roinneas an ionga, 'sa chnàmhas a chùr ; ach nach dean ach an ionga a roinn, no a mhàin a chùr a chnàmh. Tha ghearr a' cnàmh na cùre, gidheadh tha i neo-ghlan a chionn nach roinn i an ladhar. Agus tha sàmhlachas mòr aige so ri Bruidhneach : tha e cnàmh na cùre, tha e 'g iarraidh eòlais, a' cnàmh an fhacail : ach cha roinn e'n ladhar, cha dealaich e r'a slighe pheacach ; ach tha e mar a' ghearr a' giùlan càs coin no maghàmhna, uime sin tha e neo-ghlan.

*Criosdaidh.* A réir mo bharail labhair thu fìor sheadh nam briathran sin. Agus ainmichidh mi aon ni eile : Thuirt Pòl ri cuid de dhaoine a bha mòr-bhruidhneach (1 Cor. xiii. 1, 2, 3,) nach robh iad ach mar umha a ni fuaim, agus mar inneal-ciùil a ni gleangarsaich ; 'se sin mar tha e ga mhìneachadh ann an àit' eile, Nithe gun bheath' a' deanamh fuaim, (1 Cor. xiv.) Nithe gun bheatha, 'se sin, as eughmhais fìor chreideamh agus gràs an t-soisgeil : agus air an aobhar sin, nithe nach cuirear am feasd do rìoghachd néimh, 'nam measg-san a mheasar aithrigh air a' bheatha mhaireannaich ; ged bhiodh fuaim an teanga mar bhinn-ghuth aingil.

*Dileas.* Cha robh de thlachd agam 'na chuideachd an toiseach, nach eil mi nise cho toileach bhi cuidhte dheth. Ciod a ni sinn chum a chur as ar caramh ?

*Criosdaidh.* Gabh mo chomhairle-sa, agus dean mar sheòlas mi dhut, agus tuigidh tu an ùine ghearr gu'm bi e-san cho toileach bhi réidh dhiot-sa, mar buin Dia r'a chridhe agus gu'm pill e.

*Dileas.* Ciod is àill leat mi 'dheanamh ?

*Criosdaidh.* 'S àill leam thu dhol d'a ionnsaidh, agus tòiseachadh air càileigin de chainnt dhùrachdaich mu chumhachd na diadhachd; agus fiosraich dheth gu saor soilleir, ('nuair a dh'aontaicheas e leis, oir ni e sin) air beil a' chùis mar sin 'na chridhe, 'na theaghlach, no na chaithe-beatha.

An sin chaidh Dìleas da ionnsaidh, agus thuir e ri Bruidhneach; Ciod an cor no'm fonn 'sam beil thu nise?

*Bruidhneach.* Tha mi ad' chomain: tha mi gu math, shaoil mi gu'm biodh againn mòran conaltraidh roimhe so.

*Dìleas.* Ro mhath, toisichidh sinn a nis' m'as àill leat: agus o'n a dh'fhàg thu agams' an seanachas r'a shochrachadh, bitheadh e chum na crìche so. Cionnas a tha gràs slàinteil Dhé ga nochdadh féin, 'nuair a tha e ann an cridhe duine?

*Bruidhneach.* Tha mi mothachadh ma ta gur anu mu chumhachd nithe a labhras sinn. Tha cheist ro mhath, agus bheir mise freagradh air a' mhodh so; Air tùs, far a'm beil gràs Dé anns a' chridhe, oibrichidh e gàir mhòr an aghaidh a' pheacaidh. 'S an dara h-àite—

*Dìleas.* Deònaich stad, thugamaid fainear a h-aon còlath: Air leam gur e bu chòir dhut a ràdh, gu'm beil e ga nochdadh féin leis an anam aomadh gu fuath thoirt do'n pheacadh.

*Bruidhneach.* Ciod an t-eadar-dhealachadh a tha eadar gàir a dheanamh an aghaidh a' pheacaidh, agus fuath thoirt da?

*Dìleas.* Tha mòran. Faodaidh duine gladhach a mach an aghaidh a' pheacaidh a thaobh seòltachd; ach cha 'n urrainn e fuath a thoirt dà. 'S ioma fear a chuala mi 'g éigheach a mach an aghaidh a' pheacaidh sa' ehùbaid, a b'urraim fhulang gu math sa' chridhe, sa'n taigh, agus na chaithe-beatha. (Gein. xxxix. 15.) Dh'éigh bana-mhaighstir Ioseiph a mach le guth àrd, mar gu'm biodh i ro dhiadhaidh: ach bha i làn thoileach neo-ghloine a chur an gnìomh maille ris. Gladhaidh cuid eigin a mach an aghaidh a' pheacaidh, dìreach mar their màthair ri leanabh 'na h-uchd, 'nuair a their i 'n

cù agus bréinean ris, agus air ball pògaidh agus criòd-  
aichidh si e.

*Bruidhneach.* Tha thu toileach an cothrom fhaot-  
ainn, mas math mo bharail.

*Dùleas.* Cha 'n eil idir: cha 'n eil mi ach a' cur  
nithe ann an deagh riaghailt. Ach ciod an dara ni  
leis an nochd thu gu'm beil gràs Dé anns a' chridhe?

*Bruidhneach.* Mòr eòlas air rùn-dhiomhair an t-Sois-  
geil?

*Dùleas.* Bu chòir do'n chomharradh so bhi airtùs: ach  
air tùs no deireach tha e mar an ceudna mhearachdach:  
oir faodar mòr eòlas fhaotainn mu rùn-dhiomhair an  
t-Soisgeil, agus gun aon obair gràis a bhi 'san anam:  
seadh, ged bhiodh gach coltas aig duine, faodaidh e bhith  
nach eil ann ach neo-ni, agus nach ann de chloinn Dhé  
e. (1 Cor. xiii.) 'Nuair a thuirte Iosa, an aithne dhuibh  
na nithe sin uile; fhreagair na deisciobuil, gu'm b'  
aithne, thuirte e, Is beannaichte sibh ma ni sibh iad.  
Cha dubhairt e, is beannaichte sibh m'as aithne dhuibh  
iad; ach ma ni sibh iad. Oir tha eòlas ann aig nach eil  
deanadas na cho-chuideachd: e-san d' am b' aithne toil  
a Mhaighstir, agus nach d' rinn e. Faodaidh duine  
eòlas a bhi aige mar aingeal, agus gun e bhi 'na Chrisd-  
aidh; uime sin cha 'n eil do dhearbhadh fìor. Gu  
deimhin bheir a bhi eòlach toileachadh do mhuintir  
uallach, bhriathrach: ach 'se nì a dheanamh a thoilicheas  
Dia. Cha 'n e gu'm faod an cridhe bhi math gun eòlas;  
oir as eugmhais sin is neo-ni an cridhe. Tha uime sin  
dà ghnè eòlais ann; eòlas nach eil ach a mhàin sa'  
cheann; agus tha eòlas ann a tha'n cois gràs a' chreid-  
eimh agus a' ghràidh; a bhrosnaicheas duine chum toil  
Dé a dheanamh le uile chridhe. 'S leòir leis an fhear  
bhriathrach a' cheud eòlas; ach as eugmhais an eòlais  
eile cha 'n eil am fìor-Chriosdaidh toilichte. "Tabh-  
air dhomh tuigse, agus coimhididh mi do reachd; seadh  
coimhididh mi e le m' uile chridhe." Salm cxix. 34.

*Bruidhneach.* Tha thu gabhail a' chothrom a rithist:  
cha'n ann chum tairbhe tha na nithe sin.

*Dùleas.* Ro mhath m'as àill leat nochd comharradh eile mar tha gràs g'a fhoillseachadh far am beil e.

*Bruidhneach.* Gu deimhin cha nochd; oir tha m' faicinn nach bi sinn aon-sgeulach.

*Dùleas.* Mur dean, an ceadaich thu dhomh-sa dheanamh.

*Bruidhneach.* Tha thu aig saorsainn do thoile féin.

*Dùleas.* Tha gràs anns an anam ga nochdadh do'n neach aig am beil e, no dhaibhsan a tha ga fhaicinn.

Dhàsan aig am beil e, air an dòigh so: Tha e toirt mothachadh dha air a pheacadh, gu h-àraidh air truailleachd a nàduir, agus mu pheacadh mi-chreideimh air son am faod e bhì cinnteach a bhì cailte mar faigh e tròcair o làimh Dhé, tre chreideimh ann an Iosa Crìosd. Tha'n sealladh agus am mothachadh so 'g oibreachadh bròin agus nàire air son peacaidh: Tha e mothachadh a bharr air sin, Slànaighear an t-saoghail air fhoillseachadh dha, agus am feum anabarrach a th'aige air gabhail ris, air son am beil acras agus tart air air a shon: agus 'sann do na cìocraich sin a tha'n gealladh air a thoirt. A nis' sann a réir mar bhios a chreideimh 'na Shlànaighear làg no laidir, a bhios a ghàirdeachas agus a shìth, a ghràdh do naombachd, a dhéigh air barrachd eòlais fhaotainn, agus séirbhis a dheanamh dha san t-saoghal so. Ach ged a thuir mi, gu'm beil e ga nochdadh mar so dha, gidheadh 's ainmig is urrainn da a thuigsinn gur h-obair gràis a th' ann: a chionn gu'm beil a thruailleachd, agus a chlaon-nàdur a' cur inntinn am mearachd sa' chùis so: uime sin feumaidh e-san aig am beil an obair so barail chothromach a bhì aige, mu'm faod e le ceartas breth a thoirt gur obair gràis a th'ann. Do mhuinntir eile tha e air a' mbodh so air fhoillseachadh: 1. Le aidmheil a' chreideimh ann an Crìosd o fhéin-fhiosrachadh. 2. Le caithe-beatha freagarrach do'n aidmheil sin, 'se sin, le beatha naomha, le naombachd cridhe, naombachd teaghlach, ma tha teaghlach aige, agus le naombachd caithe-beatha san t-saoghal; ni a tha mar is tric' a' teagasg dha fuath o'n



leth a staigh a thoirt do'n pheacadh, agus d'a féin an uaigneas air son; a chumail fodha 'na theaghlach, agus naomhachd a chur air a h-aghaidh sa' bheatha so, nì h-ann a mhàin ann an cainnt, mar chealgair, ach le ùmhlachd ghnìomhach an creideimh, agus an gràdh do chumhachd an t-saoghail. Agus a nis' a thaobh a' chunntas ghearr so mu obair gràis, agus mu fhoill-seachaidh, ma tha bheag agad ri ràdh 'nan aghaidh, dean e; ach mur eil, deònaich dhomb cead an dara ceisd a mhìneachadh dhut. Eoin xvi. 8. Rom. vii. 24. Eoin xvi. 9. Marc. xvi. 16. Salm. xxxviii. 18. Gal. ii. 15. Gnìomh. iv. 12. Mat. v. 5. Foill. i. 6. Rom. x. 10. Philip. i. 27. Mat. v. 9. Eoin xxiv. 5. Salm l. 20. Iob xxiv. 5, 6. Esec. xxiv. 43.

*Bruidhneach.* Is e mo ghnothach-s' a nise gun chur an aghaidh, ach éisdeachd: cluinneam uime sin do dhara ceist.

*Dìleas.* 'S i soi mata: An domhthoach thusa riamh a' cheud earrann deth? Agus am beil do chaithe-beatha agus do ghiùlan a' togail fianais uime? no n-aun a tha do chreideimh-sa' co-sheasamh ann an cainnt-bèdil, agus nì h-ann an gnìomh agus am firinn? Guidheam ort ma's toil leat freagairt a thoirt air a so, nach abair thu a bheag ach na leigeas tu gu ràdha Dhé mu'n fhirinn; agus cùmhnich nach can thu nì sam bith ach nì air an toir do chogais fianais; oir cha'n e-san a mholas e-féir ris an gabhar, ach ris-san a mholas an Tighearna. A bharr air sin tha ràdh gu'm beil mi mar so no mar sud, 'nuair a tha mo ghiùlan, agus mo choimhearsnaich ag ràdh nach fìor e, ro chiontach.

*Bruidhneach.* An sin thainig rughadh an aodan Bhruidhnich, ach air dha teachd d'a ionnsaidh féir thuirt e: Tha thu nis' a' teachd gu féin-fhiosrachadh gu cogais, agus a chum Dhé; agus chum a leige gu ràdhsan a thaobh firinn na théid a labhairt: Cha robh dùil agam ris a' ghnè chainnt so: cha mhò tha mi deònach freagradh a thoirt oirre a chionn nach eil mi meas

mi féin fo fhiachan sin a dheanamh ; mar gabh thus ort féin a bhi t'fhear-ceasnachaidh ; agus ged a dheanadh tu sin féin, cha ruig mis' a leas do ghabhail mar bhreitheamh : ach guidheam ort innis domh c' air son a tha thu feòraich a leithidean sin de cheistean dhìom ?

*Dìleas.* A chionn gu'n do thuig mi gu'n robh thu teòd air labhairt, agus gu'n robh fios agam nach robh a bheag agad ach cainnt. A thuilleadh air sin, chuala mi umad, gu'm beil do chreideimhs' a' co'-sheasamh ann an cainnt, agus gu'm beil do ghiùlan a' toirt na bréige do t' aidmheil. Tha iad ag ràdh, gur smal am measg Chriosdaidhean thu ; agus gur miste diadhachd do dhroch caithe-beatha : gu'n tug do dhroch ghiùlan air ioma neach tuisleadh cheana, agus gu'm beil tuilleadh ann an cunnart dol am mugha leis : tha do dhiadhachd agus na taighean òsda, mionnachadh agus breugan, agus droch cuideachd, agus mar sin sìos, fìor fhreagarrach d'a chéile. Faodar a ràdh umadsa, mar a theirear mu'n strìopaich, gur aobhar nàire do gach boireannach i ; 's amhuil a tha thusa do gach fear-aidmheil.

*Bruidhneach.* O 'n a tha thus' ullamh a ghabhail tuaileis, cha'n urrainn mi gun cho-dhùnadh gur duine frionasach thu nach fiù a bhi labhairt ris ; uime sin slàn leat.

*Criosdaidh.* An sin thainig Criosdaidh air aghaidh, agus thuirt e r'a bhràthair, dh'innis mise dhut mar thachradh ; cha b'urrainn dod' chainnt-sa agus d'a ana-miannaibh-sa co'-aontachadh : b' fhearr leis do chuideachd-s' fhàgail no a bheatha ath-leasachadh ; ach dh'fhalbh e, mar thuirt mi ; falbhadh e roimhe, 's ann da féin a tha'n call : chaomhain e dragh dhuinne e-san fhàgail ; oir ma bhuaicheadh e mar tha e, mar is dàch e dheanamh, cha bu taitneach dhuinne e bhi leinn : osbarr, tha'n t-Abstol ag ràdh, *O shamhail sin do neach dealaich thu féin.*

*Dìleas.* Ach 's math leam gu'n robh 'm beagan cainnte so againn ris : theagamh gu'n smuaintich e rithist air :

co ac' a m' e sin no nach dean, bhuin mise gu saor soilleir ris; leis a sin tha mi saor o fhuil ged a théid e am muga.

*Criosdaidh.* Is cliùiteach a rinn thu labhairt cho soilleir ris; cha mhòr a tha do'n labhairt dbèileas so ri fhaotainn san àm so, agus 's e sin a tha fàgail diadhachd cho tàireil an sùilibh ioma neach 'sa tha i: 's iadsan a mhàin aig am beil e mar sin, na h amadain bhriathrach, aig nach eil diadhachd ach 'nan cainnt, a tha truailleidh agus faoin 'nan caithe-beatha, a th' air an gabhail a staigh gu co-chomunn nan naomh, a tha cuir dragh air an t-saoghal, a' cuir mi-dhreach air a' Chreideamh Chriosdail, agus a' cuir doilgheas air na treibhdhirich. B'fhearr leam gu'm buineadh gach fear riu mar rinn thusa, agus an sin bhiodh iad ni bu fhregarraich do dhiadhachd, no cha bhiodh tlachd aca d'an cuideachd. An sin thuirt Dìleas :—

Cia àrd thog Bruìdhneach suas a cheann  
 Gu dàna le cainnt gheur,  
 'Chuir sìos gach neach an caochla beachd  
 Le fhòghlum a's le chéill  
 Ach 'nuair a labhair Dìleas ris,  
 Mu obair crìdh' a's gràis,  
 Thòisich e air caitheamh as  
 Mar ghealaich seach a h-àird'  
 Chaidh e 'n sin gu grad air chùl  
 Gun smid a b' fhiù a ràdh :  
 'S amhuil sin a théid gach neach,  
 Nach mothaich ceart mar tha  
 An obair anns a' chridhe steach  
 An gnìomh, am beachd, sa'n gnàths.

Mar so chaidh iad air an aghaidh a' labhairt mu na chunnaic iad air an t-slighe, air chor 's nach robh iad a gabhail fadail, ged a bha iad a' coiseachd air feadh fàsaich.

Agus an uair a bha iad dlù air bhi as an fhàsach sin, sheall Dìleas air ais, agus chunnaic e fear a' tighinn 'nan dèigh, agus dh'aithnich se è.

Co sud a' tighinn! thuirt Dìleas ri Criosdaidh? Dh' amhairc Criosdaidh, agus thuirt e, Tha'n sud mo dheagh charaid, Soisgeulach: tha, agus mo chaomh charaid-se cuideachd, arsa, Dìleas; oir b' e-san a sheòl domh an

t-slighe chum an doruis. A nis rug Soisgeulach orra, agus chuir e fàilte orra :

*Soisgealach* Sìth dhuibh, a mhuinntir ionmhuinn ; agus gu'n robh sìth g'ar còmhnaidh.

*Criosdaidh.* 'Se do bheatha, a dheagh Shoisgeulaich ; tha t'fhaicinn a' toirt gum' chùimhne do sheana chaoimhneas domh, agus do shaothair ghràidh chum mo leas shiorraidh.

*Dìleas.* Agus 's e do bheatha mìle uair agamsa, arsa deagh-Dhìleas ; is ionmhuinn agus is tarbhach dhuinne do chuideachd, O Shoisgeulaich ghràdhaich.

*Soisgealach.* An sin thuirt Soisgeulach, Cionnas a bha sibh, mo chàirdean o chunnaic mi roimhe sibh ? Ciod a thachair oirbh, agus cionnas a ghnàthaich sibh sibh féin ?

An sin dh'innis Criosdaidh agus Dìleas dha na thachair dhàibh air an t-slighe ; agus mar thàinig iad air eigin chum an àite sin.

*Soisgealach.* 'S buidheach mi, arsa Soisgeulaich, cha'n ann a chionn gun tainig deuchainnean oirbh, ach a chionn gu'n tug sibh buaidh orra ; agus a chionn gu'n do bhuaic sibh san t-slighe gus an là'n diugh.

Tha mi ràdh, gur toilichte mi do'n ni so, an dà chuid air mo shon féin agus air 'ur sonsa ; chuir mise agus bhuaic sibhse. *Tha'n latha a' teachd ann an aean iadsan a chuireas agus iadsan a bhuaic co-ghàirdeachas maille ri chéile ; se sin, ma bhuaic sibh, ann an am ionchaidh buainidh sibh, mar fannaich sibh.* (Eoin iv 56. Gal. vi. 9. I Cor. ix. 24, 27.) Tha'n crùn roimhibh, agus is crùn neo-thruaillidh a th' ann. *Uime sin ruithibh, a chum gu'm faigh sibh e.* (Tais. iii. 11.) Tha cuid ann a théid air ionnsaidh chum an crùn so fhaighinn ach an déigh dhaibh dol fad air an aghaidh chum fhaotainn, tha neach eile teachd agus ga thoirt uapa : air an aobhar sin, gleidhibh gu teann an ni a tha' agaibh : *Na leigibh ur crùn le neach sam bith ;* tha sibh fathast far an ruig an droch spiorad oirbh : cha d'rinn sibh fathast cathachadh gu fuil, ag dian strì a,

aghaidh a' pheacaidh : biodh an rìoghachd do ghnà 'nur beachd, agus creidibh gu seasmhach ann an nithibh neo-fhaicsinneach ; na faigheadh an saoghal gréim oirbh : agus thar gach ni bithibh furachair mu'r cridheachan, agus air an ana-miannaibh, oir *tha iad cealgach thar na h-uile nithe, agus anabarrach aingidh* ; cuiribh 'ur gnùis mar an ailbhinn chruaidh : tha gach cumhachd air nèamh agus talamh air 'ur taobh.

*Criosdaidh.* An sin thug Criosdaidh buidheachas da air son a chomhairle ; ach thuirte ris gu'm bu deònach leo gu'n labhradh e tuille riu, chum còmhnadh leo air a chuid a bha rompa de'n t-slighe ; gu h-àraidh o'n a bha fios aca gu'm b' fhàidh e, a b'urrainn innseadh dhaibh mu na bha tachairt daibh. A réir an iarrtais labhair Soisgeulach mar a leanas ;—

*Soisgeulach.* A chlann, chuala sibh á facal fìrinn an t-Soisgeil, *Gur h-ann tre ioma deuchainn is éigin duibh dol a steach do rìoghachd nèimh.* Agus a rithist, *Gu'm beil anns gach baile cuibhrichean agus àmhgharan a' feitheamh oirbh* ; uime sin cha'n ion duibh dòchas a bhi agaibh gu'n téid sibh fad air 'ur n-aghaidh air 'ur turas gun iad a thachairt oirbh, an aon seadh no seadh eile ; mhothaich sibh cuid diù cheana, agus mothaichidh sibh tuille dhiù gun dàil ; oir, mar tha sibh a' faicinn, cha 'n fhada gus am bi sibh a mach as an fhàsach so, uime sin thig sibh a chum baile mòr a chì sibh roimhibh ; agus anns a' bhaile sin cuirear thuige gu teann sibh le nàimhdean, a bheir ionnsaidh air bhur cuir gu bàs ; agus bithibh cinnteach gur éigin do dh' fhear agaibh, no theagamh le chéile, 'ur fianais a nasgadh le fuil ; *Ach bithibh dìleas gu bàs, agus bheir an Rìgh dhùibh crùn na beatha.* Is e e-san a chuirear gu bàs ann, ged a bhios a bhàs mì-nàdurra, agus a chràdh mòr, is fearr cuid deth, no'm fear a bhitheas a làthair ; ni h-e amhàin air son gur h-e is luaithe ruigeas am baile nèamhaidh, ach a chionn gu'n seachainn e iomadh truaighe a thig air an fhear eile 'na thuras. Ach 'nuair a thig sibh chum a' bhaile, 's

a cho-lionar na tha mise 'g ràdh, an sin cùmhnichibh air 'ur caraid, agus bithibh gu fearail foghainteach, ag earbsa bhur n-anama ri Dia chum math, mar rì Cruith-ear dìleas.

An sin chunnaic mi am aisling, 'nuair a thàr iad as an fhàsach, gu'm fac iad baile rompa, agus be Diomhanas ainm a' bhaile; bha féill air a cumail ann ris an canair Féill-an-diomhanais: tha i ga cumail gach là sa' bhliadhna; theirear Féill-an-diomhanais rithe, chionn gu'm beil am baile anns am beil i air a coimhid, ni's eatruime no diomhanas; agus mar an ceudna gur diomhanas gach ni a bhios ri reic no r'a cheannach ann. Mar thuirt an duine glic, "Is diomhanas gach ni." Salm. xl. 17. Eccles. i. ii. 11, 17.

Cha ghnòthach ùr idir an fhéill so, ach bha i ann o shean. Innsidh mi mar thainig i. Mu thimchioll cùig mìle bliadhna roimhe so, bha eilthirich air an turas chum a' bhaile nèamhaidh, mar tha sibhs' a dhaoine còir' a' dol: agus thug Beelsebub, Apolion, agus Legion, le 'n còmpanaich, an aire leis a cheum a bha na daoine a' gabhail, gu'n robh an rathad chum a' bhaile dìreach troimh bhaile an Diomhanais, shònraich iad féill a chumail ann far am biodh gach diomhanas r'a reic, agus gu'n seasadh i fad na bliadhna; uime sin aig an fhéill sin bha gach seòrsa bathair r'a reic, eadhon taighean, fearran, ceirdean, àiteachan, urraim, àrdachadh, ainmean urramach, dùthchannan, rìoghachdan, ana-miannan, sòlais, agus gach gnè thoilinntinn, mar tha boireannaich neo-bhanail, mnathan pòsda, fir, clann, maighstirean, séirbhisich, beatha, fuil, cuirp, anmanan, airgead, òr, neamhnaidean, clachan, rimheach, agus mar sin sìos.

Os-barr tha anns gach àm r'am faicinn aig an fhéill so cleasaichean, luchd-char, cluichean, àbhachdas, amadanan, agus slaoightearan de gach seòrsa.

Tha mar an ceudna r'am faicinn an ceò meirle mort, adhaltras, luchd-eathaich, agus iad sin uile air thuar na fala.

Agus mar a ch' sibh air féillean is lugha seadh, tha ioma sreath agus sràid le 'n ainmean fa-leth, far am beil an leithid sud do bhathar r'a reic. Ann an so tha sràid Bhreatuinn, sràid na Fràinge, sràid na h-Eadail, sràid na h-Easpailt, agus sràid na Gearmailt, far am beil bathar gach rìoghachd dhiù sin r'a reic. Ach mar air féilltean eile tha aon bhathar sònraichte r'a reic, 's amhuil a tha 'n so, 's e bathar na Ròimhe agus a ceannachd is mò miagh air an fhéill so; ach dh'fhàc rìoghachd Bhreatuinn agus rìoghachdan eile fuathach mu'n bhathar sin.

Ach mar thuirt mi, bha 'n t-slighe chum a' bhaile n'eamhaidh dìreach tro'n bhaile san robh 'n fhéill mhòr so air a cumail; agus b' éigin da-san leis bu mhiann dol do'n bhaile n'eamhaidh, agus nach rachadh tro 'n bhaile so, dol buileach as an t-saoghal. Chaidh Rìgh nan rìgh féin, am feadh a bha e air thalamh, tro'n bhaile so, air a rathad d'a thìr féin, agus sin air la féille, cuideachd: agus m'as math mo bheachd, thug Beelsebub, àrd-fhlath na féille so, cuireadh dha ceannach dheth fhaoineis, seadh agus gu'n deanadh e triath na féille dheth nan deanadh e ùmhlachd dha san dol seachad. Cha 'n e mhàin sin, ach o'n a bha e na neach cho ìnbeach, thug Beelsebub o shràid gu sràid e, agus nochd e dha ann an ùine ghearr uile rìoghachdan an domhain, a chum nam bu chomasach dha an Tì naomha sin a mhealladh a cheannach cuid d'a dhiomhanais; ach cha robh spéis aige dhiu, gu urrad agus luach aon fheòrling a cheannach de na faoineisean sin. Uime sin bha 'n fhéill so air a cumail o' shean, agus is féill anabarrach mòr i. I Cor. v. 10; Mat. vii. 8; Luc. iv. 5, 6, 7.

A nise mar thuirt mi, b'eigin do'n luchd-turais so dol tro'n fhéill ud. Agus chaidh iad ann; ach air dhaibh inndrinn a staigh innte, bha luchd na féille, agus muinntir a baille féin, mar gu'm b'ann, ann an othail mhòr mu'n timchioll, air son aobhar no dha.

*Air tùs, A chionn gun robh na h-eilthirich air an*

éideadh air dhòigh nach robh aon neach eile aig an fhéill. Uime sin bha luchd na féile a' geur-bheachdachadh orra : thuirte cuid diu gum b' amadanan iad ; thuirte cuid eile gur ann á taigh-cuthaich a thainig iad ; agus thuirte daoine eile gur allmharaich á rìoghachd chéin a bh' annta. I Cor. ii. 7, 8.

*San dara h-àite*, Bha iongantais orra r'an éideadh, agus cha bu lugha bh' orra r'an cainnt ; oir cha mhòr a thuigeadh ciod a theireadh iad : si cainnt tìr Chanaain a bh' aca ; ach b'ann do mhuintir an t-saoghail so luchd na féille ; air chor 's gu'n robh iad mar choimhich do chach a chéile, o aon cheann na féille gus an ceann eile.

*San treas àite*, Ach 'se a chuir ioghnadh air na ceannaichean sin gu'n do chuir an luchd-turais so an suarrachas an cuid bathair ; cha b' fhiù leo urrad agus amharc air : agus nan tugadh iad cuireadh dhaibh gu cheannach, dhùineadh iad an cluasan, agus ghlaodhadh iad, “ Pill mo shùil mu'n amhairc mi air diomhanas ; ” agus shealladh iad an àird, a' ciallachadh gu 'm b' ann air nèamh a bha 'n ceannachd-san.

Thuirte aon fhear gu fanaideach riu “ Ciod a cheannachas sibh ? ” Thuirte iad gu fòil ris, “ Ceannachaidh sinn an fhèrinn. ” (Gnath. xxiii. 23.) Le sin a ràdh, air leo gu'n robh aobhar aca buntainn gu tàireil riu ; rinn cuid fanaid orra, thug cuid beum dhaibh, thug cuid masladh dhaibh, agus thuirte cuid ri dream eile am bualadh. Ma dheireadh thòisich an iorghaill, agus dh' éirich buaireas mòr sa' m'bhargadh, ionnas gun deach gach riaghailt air chùl.

Chaidh grad fhios gu flath na féille, a thainig gu luath agus thug e àithne d'a chàirdean bu dealaidh na daoine so a thoirte gu'n ceasnachadh, a chuir an fhéill gu mi-riaghailt. Chaidh uime sin an toirt gu'n ceasnachadh ; agus dh'fheòraich an luchd-breth dhiu, Cia as a thainig iad ? C'ait a bha iad a' dol ? agus ciod a bha iad a' deanamh san àit ud 'na leithid do thrusgan neònach ? Dh'innis na daoine dhaibh gu'm



bu luchd-turais iad, agus gu'n robh iad 'nan coigrich san-t-saoghal; agus gu'n robh iad air an turas d'au tìr féin. ni a b'e an Ierusalem nèamhaidh; nach tug iad aobhar sam bith do mhuinntir a' bhaile, no do na ceannaichean, am mi-ghnàthachadh, no bacadh a chuir air an turas, mar ann a chionn gu'n dubhairt iad ri fear a dh'fheòraich dhiu ciod a cheannachadh iad, gun ceannachadh iad an fhèrrinn. (Eabh. xi. 13, 14, 15, 16.) Ach cha do chreid na breitheamhnan iad, no idir gu'n robh anna ach muinntir chuthaich; no a thainig a chuir na féille air aimhreith. Uime sin ghlac agus bhuaill siad iad, ga'n eabradh san làthaich, agus chuir iad ann an crò iad agus rinn iad ball-amhairc dhiu am fànaidh na bh' air an fhéill. Bha iad san t-suidheachadh so rè seal, 'nan aobhar àbhacais do gach neach, fo 'm miosgairn agus am mi-run; agus aon fhear mòr na féille a' deanamh gàirdeachais air son na bha iad a' fulang. Ach air do na daoine bhi foighidneach, gun bhi 'g'ìocadh càineadh air son càinidh, ach a' toirt am beannachd, agus deagh chainnt air son droch cainnt; agus caoimhneas an éirig nàimhdeis, thòisich cuid do na daoine bu neo-dhioghaltaiche na chéile a bh' air an fhéill ri achmhasan a thoirt do luchd na féille, chionn iad a bhuntainn cho garg an-ìochdar ris na daoine. Thug iad an sin an ath-ionnsaidh air luchd-gbhail an leithsgeil-san, gam meas cho olc riu-san a bha fo chuibhreach: ag ràdh riu gu'm buineadh iad daibh, agus gu'n deant' am peanas ceudna orrasan. Thuirt càch riu, a réir aon ni a b'fhiosrach iadsan, gu'n robh na daoine neo-lochdach, agus suidhichte, gun a bhi 'nan rùn cron a dheanamh do neach sam bith; agus gu'n robh iomadh fear a' taghall na féile a b' fhearr an aithrigh air an cuir an làimh, agus air peanas no na daoine sin a mhi-ghnàthaich iad. Mar so an deigh tamull consachaidh eatorra féin, thainig iad gu chéile 'bhualadh. An sin chaidh an dithis dhaoine bochda ud a thoirt a rithist air beulthaobh an luchd-ceasnachaidh, agus coire mi-riaghailt a' mhargaidh a chuir as an

leth. Mar so bhual iad gu goirt iad, agus chuir iad ann an iaranan iad, agus dh'fhalbh iad leo air slàbhradh feadh na féille, mar eisimpleir do chàch, mu'n teannadh aon neach ri dol 'nan aobhar. Ach ghiùlain Crìosdaidh agus Dìleas iad féin gu glic, agus ghabh iad ris gach ana-gnathachadh a rinn iad orra cho ciùin fhoighidneach, 's gu'n d' aom e cuid de dhaoine gu'n leithsgeul a ghabhail. Chuir so càch ni bu mhò air boile, ionnas gu'n do chuir iad rompa gu'n cuireadh iad an dithis daoine sin gu bàs. Air an aobhar sin bhagair iad nach bitheadh iad toilichte le cuibhrichean no le slabhraidhean, ach gu'n rachadh iad gu bàs air son an mi-riaghailt a thog iad air an fhéill.

An sin chuir iad sa' chrò iad a rithist, gus an smuainicheadh iad mu'n timchioll, agus chuir iad an casan sa' cheap.

An so chùimhnich iad air na thuirt an caomb charaid Soisgeulach riu, agus bha iad ni bu strìochdta do na thainig orra, leis na labhair e riu. Thug iad a nise misneach d'a chéile, agus ge b'e fear dhiu air an tigeadh fulang, gur e a b' fhearr cuid deth; uime sin bha iad gu diomhair a' guidhe gach fear dhiu gu'm b'e féin a chuirte gu bàs. Ach air dhaibh iad féin a làn earbsa ri Fear-riaghlaidh nan uile ni, dh' fhuirich iad gu toilichte mar bha iad, gus am faicheadh iad mar rachadh dhaibh.

Air an ùine shònraicht' thugadh a mach iad gu'm feuchainn, chum gu'n rachadh an dìteadh. B'e ainm a' bhreitheimh, Fuath-do-mhath: 'S e bu chùis dhìtidh dhaibh so:—

Gu'n robh iad 'nan nàimhdean, agus a' cur dragh air an ceanneachd: Gu'n do thog iad buaireas agus eas-aonachd sa' bhaile, agus gu'n d' aom iad buidheann a ghabhail am pàirte, a dh' aindeoin an reachd agus an uachdarain. An sin thòisich Dìleas ag ràdh nach robh e féin ach ga dhion 'na aghaidh-san a chuir an aghaidh an Tì is airde. Agus thuirt e, “ a thaobh buaireis, cha d' rinn mi idir e, a chionn gu'm beil toil agam do shìth ;

's ann a bha iadsan a bha gabhail leinn air an aomadh gu sin a dheanamb, le fhaicinn cho neo-chiontach 'sa bha sinn; agus sann a chuir iad cùl ris an olc chum cùis is fearr. Agus mu dhèighin an rìgh a tha sibh ag ràdh, o'n is e sin Beelsebub, nàmhaid ar Triath-ne, tha mi toirt dhùlan d'a féin agus da' chuid aingeal."

An sin chaidh gairm follaiseach a thoirt, Gu'n tigeadh iadsan aig an robh a bheag ri ràdh an aobhar an tighearn an rìgh, an aghaidh a' phrìosanaich a bh' air beulthaobh a' bhreitheimh, air an adhart, chum fianais a thoirt 'na aghaidh. Uime sin thainig triùir fhianaisean, Farmad, Saobh-chràbhadh agus Doicheall. Chaidh fhèdraich dhiù am b' aithne dhaibh am prìos-anach a bh' aig a mhòd? agus ciod a bh' aca r'a radh 'na aghaidh, as leth an tighearn an rìgh?

Sheas Farmad suas, agus thuirt e, "Le'r cead, 's aithne dhomh-s' an duine so o cheann ùine mhòr, agus mionnaichidh mi an làthair na cuideachd urramaich so, Gu beil e,"—

*Breitheamh* Stad, cuir air a mhionnan e.

Mar so mhionnaich iad e. An sin thuirt e, "Ge liobharra tlà an t-ainm a th' air, 'se duine is neo-fhiachaile a tha n-ar tìr; cha 'n eil sgoinn aig do dh' uachdaran no shluagh. Iagh no nòs: ach tha e deanamh na dh' fhaodas e chum barailean mi-dhìleas a chuir an ceann dhaoine, ris am beil e-féin ag ràdh creideamh agus naombachd. Agus chuala mi e 'g radh aon uair, gu'n robh an Creideamh Crìosdail, agus gnà ar baile-ne. Diomhanas, càlg-dhireach an aghaidh a chéile. Le leithid sin de chainnt, tha e dìteadh gach ni a tha sinn a' deanamh, agus sinne cuideachd le 'n deanamh.

*Breitheamh.* An sin thuirt am breitheamh ris, Am beil tuilleadh agad r'a ràdh?

*Farmad.* Dh' fhaodainn mòran tuilleadh a ràdh, ach cha mhiann leam éis a chur oirbh, ach ma bhios feum air tuilleadh còmhdaich, 'nuair a chluinneas sibh dearbhadh chàich, mar bi ni 's leòir 'na aghaidh chum a chuir fodha, bheir mis' am barrachd fianais 'na

aghaidh. Agus dh' iarradh air seasamh a leth-taobh. An sin rinn iad guth ri Saobh-chrabbhadh, agus thuirt iad ris amharc air a' phrìosanach. An sin dh' fheòraich iad deth, ciod a bh'aige ri ràdh às leth an tighearn an rìgh 'na aghaidh? Mhionnaich iad e : agus thuirt e.

*Saobh-chràbhadh.* “A mhorair” (ars a saobh-chràbhach ris a bhreitheamh,) “Cha 'n eil mòr eòlas agams' air an duine so ; cha mhò is miann leam am barrachd a bhì agam air. Aon ni is aithne dhomh, gu'm beil e 'na dhuine cunnartach, le beagan cainnt a bh' agam ris an la-roimhe: oir chuala mi e 'n sin ag ràdh, gu'm bu neo-ni ar creideamh-ne, agus nach bu chomasach do dhuine Dia a thoileachadh leis. Tha deagh fhios aig do mhòrachd ciod a bhitheas an co'-lorg cainnte mar sin, eadhon, gu'm beil ar n-aoradh diomhain, gu'm beil sinn fhathast n-ar peacannan, agus gu'm bi sinn air ar dìteadh air a cheann ma dheireadh : Agus 'se sin na th' agamsa ri ràdh.”

An sin mhionnaich iad Doichioll, agus thuirt iad ris na b' fhiosrach e 'ràdh an aghaidh a' phrìosanaich, as leth an tighearn an rìgh.

*Doichioll.* Is fhad o'n a tha eòlas agams' air an fhear so, agus chuala mi e 'g ràdh iomadh ni nach bu chòir a labhairt, chuala mi e a' càineadh ar n-Uachdarain urramach Beelsebub, agus labhair e gu tàireil ma chàirdean measail, mar tha, an Seann-duine, Sòlas-saoghalta, Sòghmor, Miannach air uaill-dhiomhain, Mi-stuama, agus Gionach, leis a chuid eile d' ar n-uaislibh : agus thuirt e a bharr air sin, nam biodh gach fear 'na bheachd-san, gun cuireadh e gach fear dhiu sud gu léir as a' bhaile so. Osbarr, cha robh sgàth air labhairt gu h-olc umad féin, a tha a' d' bhreitheamh air, le ràdh nach robh annad ach slaughtear an-diadhaidh, agus iomadh ainm gràineil eile, a bhuilich e mar an ceudna air a chuid is liugha de dh' uaislibh a' bhaile.

'Nuair a chuir Doichioll crìoch air a naigheachd, thuirt am Breitheamh ris a' phrìosanach, “ Thus fhir-àicheadh a chreidimh, a shaobh-chreidich, agus a

bhrathadair, an cuala tu na nithe mu'n do thog na daoine uaisle measail ud fianais a' t' aghaidh?"

*Dùileas.* An cead leat comas a thoirt dhomh beagan a labhairt 'nam fhàbhar féin.

*Breitheamh.* A dhaormuinn leibidich, cha'n aithrigh thu air bhi beò ni's faide, ach cuir às dut far am beil thu; ach a chum gu'm faic gach neach ar suairceas do d' thaobh, leig leinn a chluinntinn na th' agad ri ràdh.

*Dùileas.* *Anns a' cheud àite.* Mar fhreagradh do na labhair Fàrmad, Cha dubhairt, mi riamh ach so, Ge b'e riaghailt, no làgh, no gnà, no sluagh, a bha càlg-dhìreach an aghaidh facail Dé, gu'n robh iad an aghaidh a' chreidimh Crìosdail. Ma thuirt mi gu h-olc sa' chùis so, deanaibh a mach orm e, agus laidhe mi fodha.

*Anns an dara h-àite.* Mu thimchioll na thuirt an dara fianais, Saobh-chràbhadh, a'm' aghaidh, cha dubhairt mi ach a mhàin so, Gu'n robh ann an aoradh Dhé creideamh diadhaidh air iarraidh; ach nach fhaod creideamh diadhaidh a bhi as eugmhais foillseachadh diadhaidh mu thoil Dé: Uime sin ge b'e ni a tha air fhoirneadh ann an aoradh Dhé, nach eil a réir an taisbeanaidh dhiadhaidh, 's eigin gur ann le creideamh dhaoin' a tha e; agus cha bhi an creideamh sin tarbhach chum na beatha maireanaich.

*Anns an treas àite.* Agus air son na thuirt Doichioll, tha mi ag ràdh gu'm beil uachdaran a' bhaile so, agus a luchd-firthealaidh gu mòr ni's iomchaidh air bhi ann an ifrinn no bhi aon chuid sa' bhaile so no san tìr: Agus gun deònaicheadh Dia dhomh tròcair.

Thuirt am breitheamh ris an luchd-brethe, a chuala gach ni a chaidh a ràdh, A dhaoine uaisle, tha sibh a' faicinn an duine so a thog na h-urrad bhuaireis sa' bhaile so: Chuala sibh mar an ceudna mar thog na daoine sin fianais 'na aghaidh: chuala sibh cuideachd na labhair e-féin agus an aidmheil a rinn e. 'S ann gaibhs' a nis' a tha e r'a dheanamh, a chrochadh, no a

shaoradh : ach 's iomchaidh dhomhsa reachd na tìre a shoilleireachadh dhuibh. Chaidh òrduchadh an laithibh Pharaoidh, òglach ar n-uachdarain-ne, air eagal gu'm fàsadh iadsan aig an robh caochla aidmheil ris féin, tuille 's lionmhor air son muinntir na tìre, gun rachadh an clann òg mhaca thilgeadh san abhainn. Chaidh mar an ceudna, ann an laithibh Nebuchadneseir, fear eile d'a sheirbhisich, òrduchadh, Gun rachadh gach neach nach sleuchdadh sìos agus nach deanadh aoradh da ìomhaigh òir, a thilgeadh anns an àmhuinn theinntich. Chaidh a thuilleadh air sin òrduchadh ann an laithibh Dhariuis, Ge b'e fear a chuireadh suas achanaich ri dia sam bith ach ris féin, rè tamuill, gun rachadh a thilgeadh do gharaidh nan leòghan. A nise tha sibh a' faicinn gu'n do bhrìst an ceannairceach so sùim an lagha sin, cha'n ann a mhàin ann an smuain, ach mar an ceudna an cainnt an gnìomharra, ni nach faodar fhulang. Escod. i. Daniel iii. iv.

A thaobh Pharaoh, bha a reachd-san air a dheanamh chum olc a sheachnadh, a bha eagal air a dh'fhaodadh éiridh dhaibh, ge nach robh coire ri fhaicinn san àm ; ach againne tha choire soilleir. A thaobh an dara agus an treas cùis, tha sibh a' faicinn gu'm beil e cuir an aghaidh ar creideimh-ne ; agus air son àr-amach an aghaidh ar n-uachdarain, a dh'aidich e-féin, tha e toilltinn a chuir gu bàs.

An sin chaidh an luchd-breth a chur a mach, d'am b'ainm Dall-cheann, Beag-math, Mì-run, Leannanach, Cion-faicill, Ceann-laidir, Ardan, Naimhdeil, Breugaire, An-ìochdmhor, Fuath-do-sholus, agus Do-rèit-each : a thug gu h-aon-sgeulach am breth 'na aghaidh eatorra féin, agus shònraich iad uile gum fàgadh iad ciontach e am fianais an ard-bhreitheimh. Thuir Dall-cheann fear-riaghlaidh an luchd-brethe, tha mi faicinn gu soilleir gur saobh-chreideach an duine so, thuir Beag-math, cuiribh as da, cuiridh arsa Mì-run, oir 's beag orm amharc air. An sin thuir Leannanach, cha bu toigh leam riamh e. Thachair e domh, arsa Cion-

faicill, oir bu bheag air mo ghnàthachadh. Crochar e, arsa Ceann-laidir. Cha'n fhiù e, arsa Ardan. Tha fuath mòr agam dha, arsa Nàimhdeil. Cha 'n 'eil ann ach slaughtear, arsa Breugaire. Tha chrochadh tuille 's math dha, arsa An-ìochdmhor. Cuireamaid as an rathad e, arsa Fuath-do-sholus. An sin thuir Do-rèiteach, ged a gheibhinn an cruinne mu'n iadh grian, cha b' urrainn domh réit' a dheanamh ris; uime sin thugamaid a staigh ciontach e. Agus rinn iad mar sin; uime sin dh'òrduich iad a thoirt chum an àit' as an tainig e, agus an sin a chuir gu bàs air an dòigh bu chràitich' a b' urrainn daibh a smuaineachadh.

Uime sin thug iad a mach e, chum a chur gu bàs; agus sgrùis' iad an toiseach e: an sin bhuaill iad e; lot iad an sin e le sgeanan; chlach iad e an deigh sin, agus lot iad e le'n claidheannan: agus ma dheireadh loisg iad e gu luathre.

A nise chunnaic mi gu'n robh air cùlthaobh a mhòr-shluaigh, carbad agus càraid each a' feitheamh gu Dìleas a thabhairt leo, eho luath 'sa chuireadh a nàimhdean gu bàs e, agus chaidh a thogail suas troimh na neoil le fuaim trompaid' do nèamh. Ach chaidh dàil a chuir ann am peanas a dheanamh air Crìosdaidh, agus òrduchadh air ais do'n ghainntir, far an do bhuaich e rè seal, ach thug an 'Tì-sin a tha riaghladh gach aon nì air an corraich fàs beagan nì bu chidhine, agus thar Crìosdaidh uapa, agus dh'imich e air a thuras. Agus am feadh a bha e air an astar sheinn e:—

O! Dhileis àigh, is firinneach  
 A chum thu t'aidmheil suas,  
 Do Dhia, nan gràs; is uime sin  
 Bith nèamh dhut mar do dhuais.  
 An uair bhios sluagh neo-dhileas  
 A' caoidh an dòlais cruaidh;  
 Oir ged air leo a mharbh iad thu,  
 'S ro àrd air nèamh do bhuaidh

A nis' chunnaic mi ann am aisling, nach d'fhalbh Crìosdaidh 'na aonar; oir bha fear do'm b' ainm

Ciatach, a thug fainear giùlan Chrìosdaidh agus Dhèileis mar dh' fhuilig iad air an fhéill, a dh'fhalbh leis, agus a dh' inndrinn ann an cùmhnant bràithreil ris gu'm biodh e 'na chòmpanach dha. Mar so bhàsaich fear 'na fhianais air an fhirinn, agus dh' éirich fear eile suas 'na àite gu bhi 'na cho'-fhear turais aig Chrìosdaidh. Dh'innis Ciatach do Chrìosdaidh gu'n robh ioma fear eil' a bh'air a mhargadh a thigeadh ri ùine 'nan deigh.

Agus chuunaic mi cho luath 's a dh'fhàg iad an fhéill, gu'n 'tainig iad suas ri fear, a bh'air thoiseach orra, d'am b'ainm, Gabhannach; agus thuirt iad ris, Co's dùthaich dhut, a dhuine, agus c'ait' a ruigeas tu mar so? Thuirt e riu gu'n tainig e o bhaile Cainnt-bhlasda, agus gu'n robh e dol chum a' bhaile nèamhaidh; ach cha d'innis e ainm.

O Chainnt-bhlasda, arsa Chrìosdaidh; am beil aon mhath san àite sin? Gnàth. xxvi. 25.

*Gabhannach.* Tha dòchas agam gum beil, ars' e-san.

*Chrìosdaidh.* An cead leat t-ainm innse dhomh?

*Gabhannach.* Is coigreach dhutsa mi, agus tha thusa mar sin domhsa: ma ghabhas sibh an rathad so, bithidh mi deònach a bhi 'n-ar cuideachd; ach mur gabh, cha bhi comas air.

*Chrìosdaidh.* Chuala mi iomradh air baile Cainnt-bhlasda, arsa Chrìosdaidh, agus m'as math mo chùimhne gu'n dubhairt iad gu'm b'àite saibhir e.

*Gabhannach.* 'S e sin a th'ann; agus tha ioma caraid saibhir agam sa'n àite.

*Chrìosdaidh.* Mar mì-mhodhail ri fheòraich e, cò iad do chàirdean sa'n àite sin.

*Gabhannach.* Cha mhòr nach buin na tha sa' bhaile dhomh; gu h-araidh, Morair-cuir-mu'n-cuairt, Morair a-réir-anma, Morair-cainnt-bhlasda, (o'n tainig ainm a' bhaile,) Fear-ciùin, Fear-bior-shuileach, Fear-a-bhi-deònach, agus tha ministear na sgìreachd, Fear-leam-leat, 'na bhràthair-màthar dhomh; agus a' fheanamh na fìrinn dutsa, tha mi féin a'm' dhuin'



nasal tàbhachdach, ge nach robh mo shean-air ach 'na phortair, a' sealltainn aon rathad agus ag iomradh rathad eile, agus fhuair mi féin a' chuid is mò de m' mhaoin ris a' chéird cheudna,

*Criosdaidh.* Am beil thu pòsda?

*Gabhannach.* Tha mi, agus tha mo bhean 'na boireannach deagh-bheusach, nighean mnà còire: 's i nighean Baintighearn-cuir-am-fiachan i: air an aobhar sin thainig i o theaghlach urramach, agus tha i cho modhail shuairce 's gur aithne dh'i i-féin a ghiùlan an cuid-eachd rìgh, no idir diol-déirce. Tha sinn ag eadar-dhealachadh beagan 'n-ar creideamh o'n mhuinntir is rothinne, gu h-àraidh ann an dà ni bheag. '*Se cheud ni*, Nach cuir sinn idir an aghaidh sruth agus soirbheis. *An dara ni*, 'S ann is ro eudmhoire sinne 'nuair a shoirbhichear gu math le'r creideamh: 's toigh leinn a chleachdadh ma shoillsicheas a' ghrian air, agus gu'm mol am mòr-shluagh e.

An sin chaidh Criosdaidh a leth-taobh far an robh Ciatach, agus thuirt e ris, tha mi smuaineachadh gur e so Gabhannach o bhaile Cainnt-bhlasda: agus m'as e so e, th' againn 'n-ar cuideachd is e cealgair cho mòr 's a tha san dùthaich. Thuirt Ciatach ris, fiosraich ainm dheth; saoilidh mi nach còir dha nàir a ghabhail e ainm. Le so a ràdh chaidh Criosdaidh d'a ionnsaidh a rithist, agus thuirt e ris, Tha thu labhairt mar gu'm b'aithne dhut tuilleadh no 's aithne do'n t'saoghal uile; agus m'as math m' aithne, tha mi meas gur tu Gabhannach o bhaile Cainnt-bhlasda.

*Gabhannach.* Cha 'n e sin m' ainm: ach thog cuid do dhaoine nach b'urrainn m'fhulang orm mar leth-ainm e, agus 's eigin domh giùlan leis mar sgaineil, mar ghiùlain daoine matha eile romham le 'n sgaineil féin.

*Criosdaidh.* Ach an tug thu riamh aobhar do dhaoine a' t-ainm sin a ràdh ruit?

*Gabhannach.* Cha tug riamh! 'S e 'n ni is mò a rinn mi riamh a thoilltinn an ainm, gu'n robh mi de ghnà cho sona 's gu'm biodh mo bharail a réir gnà

nan amannan a bhiodh ann, ciod sam bith iad, agus bha sin 'na bhuannachd dhomh ; ach ma thilgeas iad nithe mar sin orm, is còir dhomh am meas 'nam beannachadh ; ach na cuireadh am mì-runach sgaineil as mo leth.

*Criosdaidh.* Bha mi gun amharas ann am barail gu'm bu tus' am fear a chuala mi uime, agus tha mi a' smuainteach gu'm beil an t-ainm so ni's freagarraiche dhut na 's math leat a nochdadh dhuinne.

*Gabhannach.* Ma bhitheas sibhse sa' bharail sin, cha n-eil atharrach agams air : Tuigidh sibh gu'm bi mi am dheagh chòmpanach, ma ghabhas sibh a staigh 'n-ar cuideachd mi.

*Criosdaidh.* Ma théid thu maille ruinne, 's éigin dut dol an aghaidh sruth agus soirbheis, ni a tha mi tuigsinn a tha 'n aghaidh do thoile. 'S eigin dut mar an ceudna diadhachd aideachadh fo dhìmeas cho math ris an uair sa'm buadhair' i : agus gabhail le an géimhlibh, cho math 's an uair a bhitheas i gu h-uallach, follaiseach, a' falbh na sràide.

*Gabhannach.* Cha'n fhaod sibh an cothrom a ghabhail orm, no mo chreideamh a chuibhreachadh ; fàgaibh gu'm thoil féin mi, agus ceadaichibh dhomh imeachd maille ribh.

*Criosdaidh.* Cha téid thu aon cheum ni's faide, mar dean thu mar ni sinne.

An sin thuirt Gabhannach, cha tréig mi am feasd mo sheana chleachdanan, o'n a tha iad neo-lochdach agus tarbhach. Mar faod mi imeachd leibhse, feumaidh mi deanamh mar rinn mi mu'n do thachair mi oirbh, falbh 'n-am aonar, gus an tachair cuideigin rium, leis an taitneach mo chuideachd.

An sin chunnaic mi am aisling gu'n do thréig Criosdaidh agus Ciatach e, agus gu'n d'fhuirich iad uaithe : ach sùil ga'n tug fear dhiù 'na dheigh, chunnaic, e triùir dhaoine leantainn Ghabhannaich : agus 'nuair a thainig iad suas ris, rinn e ùmhlachd dhaibh ; agus chuir iadsan fàilt air-san cuideachd. B'e ainm nan daoine, Cùram-an-t-saoghail, Gaol-air-airgead, agus

**Gleidh-gu-buileach** ; daoine a b'aithne do Ghabhannach roimhe ; oir ann an aois an òige bha iad 'san aon sgoil, agus se Gramaich-ris ann an Gaol-air-buannachd bu mhaighstir sgoile dhaibh, ann am baile margaidh san Tìr-shanntaich. Theagaisg am maighstear-sgoile so dhaibh an dòigh air ni fhaotainn le foirneart, le mealladh, le miodal, le breugan, no fo sgàile creideimh ; agus dh' fhòghlum e a cheathrar dhaoine sin cho iomlan 's gu'm faodadh gach fear dhiu e-féin a bhi 'na mhaighstear-sgoil' air an teagasg ceudna.

Agus mar thuirt mi, 'nuair a chuir iad fàilt' air a' chéile, thuirt Gaol-air-airgead ri Gabhannach, cò iad na daoine sin a tha romhainn ? oir bha Crìosdaidh agus Ciatach fhathast 'nan sealladh.

*Gabhannach.* Is dithis o thìr chéin a th'ann, do réir an doigh féin, ag imeachd air eilthreachd.

*Gaol-an-airgeid.* Mo thruaighe ! c'ar son nach d'fhuirich iad gus am bitheamaid 'nan deagh-cuideachd-san ! oir tha sinn uile, tha dòchas agam, air an aon ghnòthach ?

*Gabhannach.* Tha sinn gu'n amharas ; ach tha na fir so romhainn cho geur-theann, agus cho fada 'nam beachd féin, agus cho neo-mheasail mu bharrail chàich, air chor 's dhaindeon cho dhiadhaidh 's ga'm bi duine, mar gabh e leo-san anns gach ni, cuiridh iad as an cuideachd e.

*Gleidh-gu-buileach.* Is olc sin ; ach tha sinn a' leughadh mu chuid a tha tuilleadh 's diadhaidh, agus tha geur-chruas nan daoine sin, a' toirt orra gach neach nach bi mar tha iad féin, a dhìteadh. Ach guidheam ort innis duinn cia lion, agus ciod iad na nithe mu'n tainig eadaraibh ?

*Gabhannach.* Air leo-san, a réir am barrail cneann-laidir féin, gur e 'n dleasnas imeachd air an turas ge b'e sìde bhitheas ann, agus bha mise deònach fuireach gus am biodh sruth agus gaoth leam. Tha iadsan a cur gach ni an cunnart air son Dhé air ball, tha mise toileach gach fàth a ghabhail chum mo bheatha agus

m'òighreachd a dheanamh cinnteach. Tha iadsan deachnach am barailean féin a chumail ged a bhiodh gach neach eile 'nan aghaidh ; ach tha mis' air son diadhachd cho fad sa' cheadaicheas na h-anmannan agus mo thearuinteachd féin dhomh. Tha iadsan air son diadhachd 'nuair bhitheas i fo mhi-mheas, ach 's ann a tha mis' air a son an àm buannachd, ann an soirbheachadh, agus an àm measail.

*Cùram-an-t-saoghail.* Fuirich thusa san aidmheil sin, a Gabhannaich : air mo shon féin deth, cha mheas mi ach mar amadan fear a dh'fhaodas a chuid a ghleidheadh, agus nach dean e. Bitheamaid glic mar nathraichean. Is feumail am fear a' sgaoladh feadh sa' tha 'ghrian a' deàlradh. Chì sibh mar dh'fhanas an seillean fo dhìon fad a' gheamhraidh, agus cha ghluais e gus an tig an t-àm sam bi buannachd agus toil-inntinn aige. Tha Dia air uairean a' cur uisg' ann, agus air uairean eile a' cur tiormachd agus deàlradh na gréin' ann : Ma bhios iadsan 'nan amadain cho mòr 's gu'n imich iad ri doireann, théid sinne mhàin air ar n-aghaidh ri deagh shìde. Air mo shon féin deth, 's e'n creideamh is ànnsa leam, a bhuannaicheas nithe matha Dhé dhuinn. Oir cò a dh'fhaodas a smuaineachadh, ma tha e air a stiùireadh le reusan, o'n a bhuilich Dia nithe matha na beatha so oirnn, nach bu ghean-math leis gu'n gleidheamaid iad air a sgàth-san : Dh'fhàs Abraham agus Solamh saobhir ann an diadhachd : agus tha Iob ag ràdh gun taisg duine math suas òr mar dhuslach. Ach cha'n fhaod e' bhi mar tha na daoine so romhainn, ma tha iad mar tha thus' ag ràdh.

*Gléidh-gu-buileach.* Tha mi tuigsinn gu'm beil sinn uile san aon bheachd mu'n chùis so, agus cha 'n ion duibh tuilleadh a ràdh mu timchioll.

*Gaol-an-airgeid.* Ch n-eil feum tuilleadh a ràdh umpa gun teagamh : oir an neach nach creid aon chuid facal Dé no a reusan féin ; agus tha iad le chéile againne, cha n-aithne dha a shaorsa féin, cha mhò a tha e g' iarraidh a thearuinteachd féin.

*Gabhannach.* Mo bhràithrean tha sinn uile' triall air ar turas; 's a chum droch nithe a chumail as ar car-amh, ceadaichibh dhomh a' cheist so a chur :

Abraibh, ged a bhitheadh aig duine, ministear, no fear-ceairde, &c., cothrom air a chor a leasachadh, chum nithe matha na beatha so fhaotainn, ach nach comasach dha ruigheachd air, gun a bhi, ge nach bi e ach air sgàth sgeimh, anabharrach eudmhor agus cràbhach, mu phongan creideimh nach do mhìnichheadh roimhe; nach faod e na meadhonan sin a ghnàthachadh chum ruigheachd air na th' aige san amharc, agus air a shon sin a bhi 'na dhuine ceart agus ionraic ?

*Gaol-an-airgeid.* Is léir dhomh ceann thall do cheiste; agus le cead nan daoin' uaisle so bheir mi ionnsaidh air a freagairt.

Agus air tùs, Chum labhairt mu'n chùis, direach mar fhreagradh e do mhinistear féin : Abair gu'm beil e 'na dhuine còir, nach eil a bheathachadh ach beag, agus gu'm beil beathachadh gu mòr ni's fear aige san amharc : tha cothrom aig a nis' air fhaotainn, ach mu'm faigh se e, 's eigin da a bhi ni's saothreachail air féin' searmonachadh ni's tric' agus ni's dùrachdaiche; agus, chum a luchd-éisdeachd a thoileachadh, 's feumail dà rud-aigin de dh-atharrachadh a' dheanamh 'na chreideamh : Air mo shon féin, cha léir dhomh nach faod duine so a dheanamh, ma bhios e 'na thairgse, seadh agus tuilleadh 's so, agus gidheadh a bhi 'na dhuine ceart cuid-eachd. C'ar son ?

*Anns a' cheud àite.* Gu'm beil a dhéigh air a bheathachadh sin laghail, o'n a chuir am freasdal 'na thairgs' e; uime sin faodaidh e fhaotainn mas urrainn da, gun e bhi 'n aghaidh a chogais.

*Anns an dara h-àite,* Osbarr, tha 'thoil do'n bheathachadh sin ga dheanamh na shearmonaiche saothreachail, agus ni's dùrachdaiche, &c. agus leis a sin tha e ga dheanamh 'na dhuine ni's fearr, a' meudachadh eòlais, ni a tha taitneach le Dia.

*Anns an treas àite,* Tha e géilleadh do thoil a

shluaigh ann an cuid de phongan an creideimh a thréig-sinn, a' nochdadh, 1. Gu'm beil e na ghnè comasach air féin-aicheadh. 2. Gu'm beil e na gr-ùlan gu h-aoidheil grinn: 3. Agus leis a sin, n'è or lomchaidh air dreuchd fir-teagaisg.

*Anns a' cheathramh àite,* tha mi u-me sin a' mearnach bu chòir pears-eaglais, a dh'fhàgadh beathachadh air son aon a b'fhearr, a mheas sanntach, ach, le sin a dheanamh gu'n d' fhàs e féin ni b'fhearr agus ni bu dìcheallaiche, s' gur ann a tha e gabhail a chothrom a fhuair e chum math a' dheanamh.

Agus mu thimchioll an fhir-chéirde mu'n do labhair thu: Abair nach eil e faighinn ach beag r'a dheanamh, ach le e dh'fhàs diadhaidh, tha e 'na chomas a chòr a leasachadh, theagamh le bean bheartach fhaotainn, no muinntir is inbhiche nithe a thoirt dha ri dheanamh; cha'n fhaic mi nach eil so ceadaichte dha a dheanamh. C'arson?

*Anns a' cheud àite,* Gur deagh-bheus duine dh'fhàs ni's diadhaidh, ciod air bith dòigh air am fàs e ann.

*Anns an dara h-àite,* Cha mhò tha e mi-laghail dhomh bean shaoibhir fhaotainn, no idir mo roinn a mheudachadh.

*Anns an treas àite,* Os-barr, tha'm fear a gheibh iad sin le fàs diadhaidh, a' faighinn an ni tha math uathas an a tha cràbhach, le e féin a dh' fhàs math: Leis a sin, tha 'n so bean shaoibhir, roinn fharsainn, agus buannachd mhòr air am faotainn le fàs diadhaidh, a tha 'na ghnòthach math. Air an aobhar sin tha fàs diadhaidh, a dh' fhaotainn gach ni dhiù sin, 'na rùn math agus tarbhach.

Chliùthaich iad uile mar mhìnich e a' cheist; agus dh' aidich iad gu'n robh e a réir teagaisg fhallain agus buannachdail. Agus a chionn, air leo-san, nach b'urrainn aon neach cuir 'na aghaidh, agus nach robh Crìosdaidh agus Ciatach mar fhad glaoidh dhaibh, shònraich iad gu'n cuireadh iad a' cheist orra, cho luath 's a thigeadh iad suas riu; gu h-araidh a chionn gu'n do chuir

iad an aghaidh Ghabhannaich roimhe. Mar so ghairm iad orra, agus sheas iad gus an tainig iad. Agus mar bha iad a' ruigheachd chuir iad rompa nach e Gabhannach a chuireadh a' cheist, ach seana Chùram-an-t-Saoghail, a chionn 'nam beachd-san gu'n robh iarmad do'n t-seann ghamhlas a bha eadar iad as gabhannach 'nuair a dhealaich iad tacan beag roimhe sin fathast 'nan chùimhne.

Mar so thainig iad an caramh a chéile, agus an deigh fàilte ghearr, chuir Cùram-an-t-Saoghail a' cheist air Crisdaidh agus air a chòmpanach, agus dh' iarr e orra a freagradh na'm b' urrainn iad.

*Crisdaidh.* An sin thuirt Crisdaidh, dh' fhaodadh leanabh ann an diadhachd mìle ceiste mar i sin a fhreagradh. Oir mar eil e ceadaichte Crisd a lean-tainn air ghaol nam buileannan, (mar a ch' sibh ann an Eoin vi.) cia mòr is gràineile na sin meadhon a' dbeanamh dheth féin agus d'a dhiadhachd chum saoihbreas fhaighinn, agus a mhealltainn? agus ch' sinn nach eil ach as-chreidich, cealgairean, deamhain, agus buitsichean sa' bheachd so.

*Annas a' cheud àite.* As-chreidich; oir 'nuair a bha déigh aig Hamor agus aig Sechem air nighean agus air spréidh Iacoib, 's a chunnaic iad nach robh seòl ac' air ruigheachd oirre, ach le bh' air an timchioll-ghearradh, thuirt iad r'an còmpanaich, ma thimchioll-ghearrar gach fireannach againne, nach leinn féin an sin gach séilbh, maoin, agus beathach a th' aca? B' iad an nigheanan agus an spréidh a b'àill leo fhaotainn, agus b'e sgàile na diadhachd am meadhon a ghnàthaich iad chum am faotainn, mar ch' sibh. Gen. xxxiv. 20—32.

*San dara h-àite.* B'e so an creideamh a bh' aig na Phairisich chealgach cuideachd. B' iad ùrnaighean fada an sgèimh; ach b'e taighean bhantrach a' chreach a bha nam beachd; agus b'e 'n dìteadh bu mhò bu duais daibh o Dhia. Luc. xx. 46, 47.

*San treas àite.* B'e so mar an ceudna an creideamh a bh' aig Iudas an droch-spiorad: bha e diadhaidh chum an sporan a bh' aige, chum gum faigheadh e na bh' ann:

ach bha e air a chall, air a thilgeadh air falbh, agus 'na oighre air léir-sgrìos.

*Sa' cheathramh àite.* B'e so creideamh a bh' aig Simon an drùidh cuideachd; oir b'àill leis an Spiorad Naomh fhaotainn chum gu'm faigheadh e airgead air a shon; agus bha' bhinn o bheul Pheadair da réir sin. Gnìomh. vii. 19—22.

*Sa' chùigeamh àite.* Cha mhò a shaoileas mi, am fear a ghabhas creideamh an t-saoghail, nach cuir e cùl ri creideamh air son an t-saoghail; oir ceart cho cinnteach 's a bha mhiann air Iudas an saoghal fhaotainn le fàs diadhaidh, is ni cho cinnteach gu'n do reic e a mhaighstear agus diadhachd air son an ni ceudna. Agus tha a' cheist a' fhreagradh a réir bhur beachdsa, aschreideach, cealgach, agus mallaichte, agus bithidh bhur duais a réir bhur n-oibreach. An sin sheas iad a' dùr-amharc air a chéile, gun fhacal ri ràdh aig fear seach fear dhiù. Thaitinn e gu sàr-mhath ri Ciatach mar fhreagair Crìosdaidh iad, agus bha tosd mòr 'nam measg. Thriall Ghabhannach agus na bha leis air an adhais, chum gum faodadh Crìosdaidh agus Caitach am fàgail. An sin thuirt Crìosdaidh r'a chòmpanach, mar urrainn na daoine sin seasamh am fianais dhaoine, ciod a ni iad 'nuair a bheir Dia breth orra? Agus ma tha iad 'nan tosd le comhreusanachadh dhaoine bàsmhor, ciod a ni iad 'nuair a bheir lasraichean dian-loisgeach an teine shiorruidh geur-achmhasan daibh.

An sin dh' fhàg Chrìosdaidh agus Ciatach a rithist iad, agus dh'imich iad air an aghaidh gus an tàinig iad réidhlean còmhnard, d' an goirear Socair, far an do choisich iad gu fìor thaitneach; ach cha robh an còmhnard sin ach aimhleathan, agus chaidh iad thairis air ann an ùine ghearr. Ach bha aig ceann thall a chòmhnaird ud tulach beag da'm b'ainm Cnocan-tarbach agus anns a' chnocan sin bha méin-airgeid, a chaidh cuid do na dh'imich rompa-san, a dh'fhaicinn a thaobh iongantais; ach air dhaibh dol tuilleadh 's dlù air beul an t-sluic, agus an talamh a bhi fàs fòpa, ghéill e, agus leis



an leagadh chuireadh às daibh; chaidh cuid diù a dhochann cho mòr leis mar thuit iad 's nach robh iad ceart riamh tuilleadh. An sin chunnaic mi am aisling, gu'n robh beagan a bharr an rathaid, fa comhair na méin-airgeid, (duin-uasal rìmheach do'm b'ainm) Demas 'na sheasamh a' furan luchd-ghabhail an rathaid teachd g'a faicinn; a thuirt ri Crìosdaidh agus r'a chòmpanach, Ho! thigibh an so, agus nochdaidh mise dhuibh iongantas.

*Crìosdaidh.* Ciod an nì a th'ann is fiù dhuinn dol as an t-slighe ga fhaicinn?

*Demas.* Tha 'n so méin-airgeid, agus tha daoine g'a chladhach a dh'fhaotainn saobhreis; ma thig sibhse, faodaidh sibh le beagan dragha, am pailteas fhaighinn.

*Ciatach.* An sin thuirt Ciatach, Rachamaid a dh' fhaicinn.

*Crìosdaidh.* Cha téid idir, arsa Crìosdaidh, chuala mi roimhe mu'n àite so, agus a cho liugha aon a chaidh gu bàs ann; tha 'n saobhreas sin 'na ribe dhaibh-san a tha ga iarraidh; oir tha e ga'm bacadh 'nan turas.

An sin thuirt Crìosdaidh ri Demas, Nach eil an t-àite cunnartach? Nach do chuir e bacadh air mòran 'nan turas?

*Demas.* Cha n-eil e ro-chunnartach, ach dhaibhsan a bhios neo-chùramach; ach thainig rùthadh 'na aodann 'nuair a thuirt e so.

*Crìosdaidh.* An sin thuirt Crìosdaidh ri Ciatach. Na rachamaid ceum ann; ach cumamaid air an t-slighe.

*Ciatach.* Ach geallaidh mise dhut ma gheibh gabhannach an cuireadh ceudna a fhuair sinne gu'n téid e ga' fhaicinn. Hos. iv. 18.

*Crìosdaidh.* Cha n-eil teagamh agam: oir tha dhùrach a dh' ionnsaidh sin; agus 's math an ràth dha mar bàsaich e ann.

*Demas.* An sin ghlaodh Demas a rithist, ag ràdh, Ach nach tig sibh a dh'fhaicinn?

*Crìosdaidh.* An sin thuirt Crìosdaidh as an aodann ris, O Dhèmais! tha thu ad eas-caraid do shlighe Triath na slighe so, agus chaidh do dhìteadh cheana le aon de

bhreitheanaibh an Rìgh, a chionn gu'n deach thu féin a thaobh, (2 Tim. iv. 10,) agus c'air son a dh'iarras tu sinne a tharrainn do'n dìteadh ceudna? A bharr air sin, ma théid sinn idir as an t-slighe cluinnidh ar Tigh-earn an Rìgh uime, agus cuiridh e gu nàire sinn, far am faodamaid seasamh le dànachd 'na fhianais.

Ghlaodh Demas a rithist, Gu'm b'ann d'an comunn féin e-san; agus 'nàn deanadh iad stad beag, gu'm falbhadh e maille riu.

*Criosdaidh.* Ciod is àinm dhut? Nach e t' ainm a ghlaodh mi riu?

*Demas.* 'S e, Demas is ainm dhomh. Is mac do dh' Abraham mi.

*Criosdaidh.* 'S aithne dhomh thu; b'e Gehasi do seanair, agus Iudas t-athair, agus ghluais thu 'nan cás-cheumaibh; is olc an cleas a tha thu deanamh, chaidh t'athair a chrochadh a chionn e bhi 'na bhrathadair, agus tha thu féin a' toiltinn a' pheanais ceudna. Bi cinnteach 'nuair a thig sinne dh'ionnsaidh an Rìgh, gu'n innis sinn da mu d'ghnàthachadh. Le so a ràdh dh' imich iad rompa. 2 Rìgh. v. 20. Mat. xxvii. 14, 15; agus xxvii. 1—6.

Mun àm so, thainig Gabhannach agus a chòmpanaich san t-sealladh, agus chaidh iad far an robh Demas air a cheud sméideag. Ach co dhiù a thuit iad 'san t-sloc le bhi sealltainn thar a bruach, no chaidh iad sìos a chladhach, no chuir mi-fhallaineachd an fhàilidh a bha'n ìochdar an t-sluic as daibh; cha b' urrainn domh a thuigsinn ach cha'n fhacas tuilleadh iad air an t-slighe.

Chunnaic mi gu'n tàinig na h-eilthirich gu taobh thall a' chòmhnaird, far an robh seana chàrn-cuimhne 'na sheasamh làimh ris an t-slighe, agus bha ìoghnadh orra r'a choltas; oir air leo gu'n robh e coltach ri boireannach air a cruth-atharrachadh gu dealbh carraigh; sheas iad a' beachdachadh air ré ùine mhòr, ach cha robh iad a' tuigsinn cid a bh'ann. Ach fa-dheòigh thug Ciatach an aire do sgrìobhadh a bh'air a cheann, ann an sgrìobhadh deacair r'a leughadh; ach do bhrìgh nach robh e air fhoghlum, ghairm e Criosdaidh, a dh'fhaicinn an tuig-

eadh e ciod a bh'ann; agus an uair a chuir e na facail an taice a chéile, rinn e mach gur e bh'ann. "*Cùimhnich Bean Lot*" Agus leugh e ga cho-fhear-turais e: agus thug iad fainear gur e bh'ann a' charragh shallainn chum an d'atharraicheadh bean Lot, a chionn i dh'amharc 'na déigh le cridhe sanntach, 'nuair a bha i teicheadh o Shodom chum bhi tearuinte. Thug-an sealladh iongantach so aobhar dhaibh labhairt mar so. Gen xix. 26.

*Criosdaidh.* Och a bhràthair! Is sealladh feumail so: is freagarrach a chuireadh oirnn e an deigh an fhurain a bh'aig Demas oirnn gu teachd a chum a' Chnocain-tharbhaich; agus na'n rachamaid ann, mar dh'iarr e-san, agus a bha thusa dednach, bu cheart-bhreitheach gu'm bitheamaid air cho'-dhìol ris a' mhnaoi so, chum a bhi 'n-ar ball-amhairc acasan a thigeadh 'n-ar déigh.

*Ciatach.* Is duilich leam gu'n robh mi cho amaideach, agus tha ioghnadh orm nach do thachair dhomh mar dh'éirich do bhean Lot; oir ciod an t-eadar-dhealachadh a bh' eadar ise agus mise? Cha d'rinn ise ach amharc 'na déigh, agus bha mise toileach dol a dh'fhaicinn; gu'n robh gràs air a chliùthachadh, agus nàir' ormsa, a chionn gun do smuainich mi air ann am chridhe.

*Criosdaiah.* Gabhamaid beachd air na tha sinn a' faicinn an so chum ar buannachd san àm ri teachd. Chaidh a' bhean so às saor o aon bhreitheanas, oir cha do thuit i ann an léir-sgrios Shòdoim; gidheadh chaidh a milleadh air sheòl eile; mar tha sinn a' faicinn, gu'n dh'fhàs i 'na carraigh shalainn.

*Ciatach.* Tha sin fìor; agus 's còir dh'i sinne chur air ar faicill, chum gun seachainn sinn a cionta mu'n tig a leithid do bhreitheanas oirnn. 'S amhail a rinn-eadh air Corah, Datan, agus Abiram, maille ris an dà cheud agus an leth-cheud fear a chaidh a sgrios 'nam peacannan, 'nan comharradh agus nam ball-sàmpuill chum daoin' a chur air am-faicill. (Aireamh. xxvi. 9, 10.) Ach tha aon ni a cur ioghnadh orm, agus 'se so e,

cionnas is urrainn Demas agus a chòmpanaich seasamh an sud cho muinghinneach a dh'iarraidh an ionmhais ud, a' son an d'rinneadh a' bhean so 'na carraigh shalainn ged nach d'rinn i ach amharc na déigh, gun dol aon cheumas an t-slighe; gu h-àraidh o'n a chuir am breitheanas a thainig oirre-sa, suas i mar chomharradh 'nam fradharc far am beil iad; oir n'an togadh iad an sùilean cha b' urrainn dhaibh gun a faicinn.

*Criosdaidh.* Is cùis iongantais e da rìreadh, agus tha e a leigeadh ris gu'm beil an cridheachan air cruadhachadh san olc: agus cha'n urrainn domh an coimeas ri aon ni is coltaiche riusan a ghoideas ann an làthair a' bhreitheimh, no a nì méirle aig bun na croiche. Tha e air a ràdh mu mhuinntir Shodoim gu'n robh iad 'nam peacaich, ro mhòr, (Gein. xiii. 13,) a chionn gu'n do pheacaich iad am fianais an Tighearn, a dh'aindeoin gach caoimhneas a rinn e dhaibh; oir bha fearann Shodoim mar ghàradh Edein roimhe so, (rann. 10.) Bhrosnaich so e ni bu mhò gu eud, agus rinn e an cràdh cho dian 'sa dh' fhaodadh teine teas-chorraich an Tighearn o nèamh a dheanamh. Agus faodair a bharalachadh gun tig na breitheanas is cràitich' orrasan, a pheacaicheas am fianais eiseamplair cho soilleir 's a th' acasan:

*Ciatach.* 'S cinnteach gu'n dubhairt thu'n fhìrinn; ach nach trècaireach an gnothach nach eil thusa, ach gu h-àraidh mise, air mo chuir suas san àite so mar chùimhneachan! Tha so 'na aobhar buidheachas dhuinne do Dhia, agus bu chuibhidh dhuinn eagal, a bhi oirnn roimhe, agus bean Lot a chumail do ghnà 'n-ar cùimhne.

Chunnaic mi an sin gu'n d'imich iad air an turas gus an d'ràinig iad abhainn ro thaitneach, ris a'm beil rìgh Daibhidh ag ràdh abhainn Dé, (Salm lxxv. 9.) ach ris am beil Eoin ag ràdh abhainn uisge na beatha. Bha'n rathad a nis' ri fìor thaobh an uisge so. Dh'imich iad araon san t-slighe so le mòr thaitneas: dh'òl iad as an abhainn, bha i blasda, agus thug i beothachadh mòr dhaibh, oir bha iad gu fann sgèth: agus a

sharr air sin bha air gach taobh do'n abhainn, craobhan cùbhraidh fo làn mheas: bha fòs an duilleach 'na ìoc-shlaint air gach eugail a bhiodh 'nan caramh. Bha mar an ceudna àilein air gach taobh do'n abhainn a bha gu ciatach air a bhreacadh le dìtheanan: agus bha e uaine fad na bliadhna. Air an àilein so laidh iad sìos agus chaidil iad; oir bha iad tearuinte san àite so, (Salm xxiii. Isa. xiv. 39.) 'Nuair a dhùisg iad thionaid iad a rithist do thoradh nan craobh, agus dh'òliad de dn' uisge na h-àibhne, agus a rithist laidh iad sìos gu cadal. Rinn iad air an dòigh so fad iomadh latha agus òidhe: An sin sheinn iad:—

“ Feuch! 's taitneach toirm an t-séimh shruth mhìn,  
 Gu sólas thabhairt do luchd-turais sgith.  
 Tha 'n t-àilean gorm, 's am fáile grinn,  
 Gu sláinte thoirt do'n aiteam a tha tinn:  
 Tha meas nan craobh, 's gach cnuasach tha sa' choill,  
 Cho milis blasd' ; 'so ro aithrigh air an roinn.”

Agus an uair a bha iad iomchaidh air son an turais, dh-ith agus dh-òl iad, agus thriall iad.

A nise chunnaic mi am aisling, nach deach iad fada agus an do dhealaich an abhainn agus an rathad o chéile, ni a chuir mi-ghean orra; ach cha robh chridhe aca dol as an t-slighe. Dh'fhàs an rathad garbh docair 'nuair a dh' imich iad tacan o thaobh na h-aibhne, agus bha'n càsan goirt le fhad 'sa thainig iad; agus bha'n anam fo mhìmhìsich air an t-slighe, (Airmh. xxi. 4.) Agus bha iad a' guidhe air son rathad a b'fhearr. Bha astar beag rompa air taobh clì na slighe, réidhlean còmhnard boidheach, agus cas-cheuman da ionnsaidh chum dol a steach ann, agus 'se ainm an réidhlean sin, Réidhlean an fhrith-rathaid. An sin thuirt Crìosdaidh r'a chòmpanach, ma tha 'n réidhlean so a' leantainn ri taobh na slighe, rachamaid a staigh ann. Chaidh e dh' fhaicinn, agus feuch bha cas-cheum goirid o'n rathad-mhòr air taobh eile a' ghàraidh. Tha e dìreach mar mo mhiann, arsa Crìosdaidh; 'sann air a' so is fas' imeachd: thig a dheagh Chiataich, agus rachamaid ann.

*Ciatach.* Ach ciod ma bheir am frith-rathad so bh'arr an rathaid sinn ?

*Chriosdaidh.* Cha shaoil mi gu'n toir, arsa Crìosdaidh: faic, mar tha e dìreach ri taobh na slighe? Mar so dh' aomadh Ciatach gu gabhail leis, agus chaidh e 'na dhéigh a staigh air a' bhealach. 'Nuair a chaidh iad thairis, agus iad air a chas-cheum, mhothaich iad gur e bu shoc-raiche d'an casan; agus air amharc rompa, chunnaic iad fear air thoiseach orra d'am b'ainm Faoin-dhànachd; Ghairm iad air agus dh'fheòraich iad deth, c'ait a bheireadh an rathad ud iad? Thuirt e riu, chumgeata fhlaith-eis. Nach dubhairt mi sin riut, arsa Crìosdaidh? Le so faodaidh tu fhaicinn gu'm beil sinn ceart; mar so lean iad e, agus dh' imich e-san rompa. Ach feuch thainig an òidhche orra, agus dh'fhàs i cho dòrcha 's gu'n do chaill iad sealladh air an fhear a bh'air thoiseach orra.

Bha'n òidhche cho dorcha 's nach bu léir do Fhaoindhànachd an t-slighe, air chòr is gu'n do thuit e ann an sloc domhainn, (Isa. ix. 16,) a chaidh a chladhach a dh'aon obair le uachdaran an fhearainn sin, chum amadan an dòchasach a ghlacadh ann, agus chaidh e 'na bhloighdibh leis an leagadh.

Chuala Crìosdaidh agus a chòmpanach e tuiteam; agus ghlaodh iad ris ciod a dh'éirich dha, agus cha tug e freagradh dhaibh, ach chual iad e a' deanamh cruaidh ghearan. An sin thuirt Ciatach, C'ait am beil sinn a nise? Bha Crìosdaidh 'na thosd, a chionn gur e bu choireach ri thoirt as an t-slighe; thainig dìle, dealanach, agus tairneanach ro mhòr orra; agus dh'at na h-uisgeachan suas gu'm bruachan.

An sin rinn Ciatach osna throm agus thuirt e, "Och, b'fherr gu'n d'fhuirich mi air an t-slighe!"

*Chriosdaidh.* Cò shaoileadh gun tugadh am frith-rathad so as an t-slighe sinn?

*Ciatach.* Bha eagal orm mu dhéighin o thoiseach, agus uime sin thug mi 'n sanus ciùin so dhut; agus

leiginn ris m'inntinn ni bu shoilleire, ach thug mi urram na h-aoise dhutsa.

*Criosdaidh.* A dheagh bhràthair, na biodh mìothlachd ort, 's duilich leam gu'n tug mi as an t-slighe thu chum na h-urrad chunnairt: guidheam ort, a bhràthair, thoir dhomh mathanas; oir cha b'ann o dhroch rùn a rinn mi e.

*Ciatach.* Glac misneach, a charaid, maithidh mi dhut e; agus creididh mi gun tionndadh so a mach chum ar buannachd.

*Criosdaidh.* Is math leam gu'n do thachair mi ri caraid cho tràcaireach; ach cha'n fhaod sinn fuireach an so; thugamaid oidheirp gu dol air ar n-ais a rithist.

*Ciatach.* Ceadaich dhomh-sa toiseach an rathaid a ghabhail.

*Criosdaidh.* Cha leig m'as e do thoil e, théid mi-féin air thoiseach; chum ma bhios cunnart ann, gur h-ann orm a thig e; a chionn gur mi b'aobhar air sinn a theachd as an t-slighe cheirt.

*Ciatach.* Cha dean mi sin, arsa Ciatach, cha téid thus' air thoiseach: oir tha na h-urrad iomagainn air t'inntinn, 's gu'm faod thu dol a rithist air seacharan. An sin a thoirt misnich dhaibh, chual iad guth ag ràdh riu, "Cuiribh ur cridhe ris an t-slighe; eadhon an t-slighe air an d'imich sibh; pillibh a rithist." (Ier. xxxi. 21.) Ach bha nis' na h-uisgeachan air éiridh, air chor 's gu'n robh e ro chunnartach dhaibh dol air an ais. An sin smuainich mi gu'm b'fhasa dol as an t-slighe air am bi sinn, na tighinn innte 'nuair a théid sinn aiste. Gidheadh ghabh iad de mhisnich ionnsaidh a thoirt gu dol air an ais, ach bha e cho dorcha agus na h-uisgeachan cho àrd, 's gu'n do theab iad a bhi bàite iomadh uair.

Dh'fhartlaich orra, a dh'aindeoin an seòltachd, an cas-cheum fhaotainn an òidhche sin; uime sin thachair iad air ionad fasgach, far an do shuidh iad gus an tigeadh bristeadh an latha; ach air dhaibh a bhi airsneulach sgèth, thuit iad 'nan cadal. A nise bha fagus do'n àite san robh iad, daingneach d'an goirear

Daingneach-an-Teagaimh, b'e a shealbhadair, Famhair-gun-dòchas, agus b'ann 'na fhearanns' a chaidil iad; agus air dha éiridh gu moch sa' mhadainn, 's a bhi a' gabhail sràid 'na raointean, ghlac e Criosdaidh agus Ciatach 'nan cadal air a chrìch. An sin thuirt e riu dùsgadh ann am briathraibh coimheach iargalta; agus dh'fheòraich e dhiu cò as a thainig iad, agus ciod a bha iad a' deanamh san àit' ud? Dh'innis iad da gur luchd-turais a bh' annta; agus gu'n deach iad air seacharan. An sin thuirt am Famhair, rinn sibh call ormsa, le bhi 'n'ur sìneadh agus 'n'ur laidhe air mo chuid feòir, uime sin 's fheadar dhuibh falbh maille rium. Air an aobhar sin thug e dh'-aindeoin iad, a thaobh gu'm bu treis e na iadsan. Cha robh acasan ach beag ri ràdh, a chionn gu'n robh iad sa' choire. Dh'iomann e uime sin roimhe iad, agus chuir e 'na dhaingneach iad, toll-dubh dorcha, làn gràinealachd. Bha iad mar sin o mhoch diciadain gu feasgar di-sathairne, gun bhiadh, gun deoch, gun solus, no idir aon neach a dh'fheòraich cia mar a bha iad; bha iad uime sin air dhroch dhìol, fad o'n càirdean agus o'n luchd-eòlais. Bha'm barrachd trioblaid air Criosdaidh a chionn gur e-féin bu choireach r'an toirt ann.

A nise bha bean aig Famhair-gun-dòchas, d'am b' ainm An-earbsa; agus 'nuair chaidh e d'a leabaidh dh'innis e dh'i ciod e rinn e, Gu'n do ghlac e dà phrìosanach, 's gu'n do chuir e sa' phrìosan iad, a chionn iad a bhi air feadh a chuid fearainn. Agus dh'fheòraich e dh'i ciod a b'fhearr dha 'dheanamh riu? Thuirt i ris, cò iad, cia as a thainig iad, agus c'ait a bha iad a' dol? agus dh'innis e dh'i. Chomhairlich i dha, 'nuair a dh'éireadh e sa' mhadainn, am bualadh gu neo-mathach; agus ghabh e a comhairle, le dol sìos far an robh iad, agus cuaille mòr bata 'na làimh, agus ghabh e dhaibh mar gu'm bu choin a bhiodh annta, ged nach dubhairt iad aon fhacal tàireil ris. Le so a dheanamh, dh'fhàg e iad a' chaidh an cruaidh-fhortain eatorra féin; ionnas gu'n do bhuilich iad an latha sin gu h-iomlan an osnaich



agus ann am bròn dubhach. Labhair i umpa air an ath òidhche r'a fear am Fambair; agus air dh'i a thuigsinn gu'n robh iad fhathast beò, thuirte i ris gu'm bu chòir dha an comhairleachadh gu cur às daibh féin. 'Nuair a thainig a' mhadainn, chaidh e sìos d'an ionnsaidh gu garg, gruamach, agus air mothachadh dha gu'n robh 'n creuchdan goirt leis na buillean a thug e dhaibh, thuirte e riu o nach b' ion daibh dòchas a bhi aca ri teachd a mach às a sin am feasd, gur e cùis a b'fhearr dhaibh cuir às daibh féin, aon chuid le lainn, le còrd, no le pùisean; oir thuirte e, c'ar son a mhiannaicheas sibh beatha o'n a bhitheas i dhuibh cho searbh? Ach thuirte iad ris an cuir fa-sgaoil; le sin a chluinntinn dh'amhairc e gu coimheach orra, agus thug e ionnsaidh gharbh orra, agus cha n-eil teagamh nach cuireadh e-féin crìoch orra, mar éireadh dha tuiteam thairis ann an laigsinn, oir bha e buailteach dha sin, agus chaille lùgh a dhà làimhe; air an aobhar sin dh'fhàg e iad a dh' fheuchainn ciod a dheanadh iad féin. An sin chuir na prìosanaich an comhairle ri chéile, cò ac a b'fhearr dhaibh a dheanamh mar thuirte e no nach b'fhearr; agus mar so thòisich iad ri labhairt.

*Criosdaidh.* Ciod a ni sinn arsa Criosdaidh? Tha 'n dòigh air am beil sinn anabharrach truagh! air mo shon féin cha'n fhios domh cò dhiù a b' fhearr a bhi beò, no grad bhàsachadh. Is fearr le m' anam tachdadh no beatha, (Iob vii. 15,) agus is socraiche leam an uaigh no a' ghainntir so! An gabh sinn comhairl' an Fhamhair?

*Ciatach.* Tha gun ambaras ar còr san àm anabharrach eagalach, agus bu deònaiche gu mòr lean féin am bàs fhaighinn, na buanachadh mar so: ach smuaineachamaid gu'n tubhairt Triath na tìre chum am beil sinne a' dol, "*na dean mortadh,*" cha dean air neach eile; is mò gu mòr, na sin a tha e air a thoirmeasg dhuinn sinn féin a chur gu bàs. Osbarr, cha dean e-san a mhàrbhas neach eile ach a chorp a chur gu dì; ach ma

mhàrbhas aon e-féin, tha e cur làimhe 'na chorp agus na anam féin cò-lath. A thuilleadh air sin, a charaid, tha thu labhairt mu fhois anns an uaigh : ach am beil guth idir agad air ifrinn far an téid iadsan a chuireas mort an gnìomh ? oir cha sealbhaich mortairean a' bheatha mhaireannach, &c. Agus thugamaid a rithist fainear, nach eil an lagh gu h-ìomlan an làimh Fhamhair-gun-dòchas ; tha mi tuigsinn gun do ghlac e iomadh neach a bharr oirne, agus fhuair iad dol as uaithe. C'è aig a tha fios nach toir an Dia sin a chruthaich an saoghal am bàs air an Fhamhair, no theagamh gu'n dichùimhnich e, uair no uair-eigin, an dorus a ghlasadh ; no an ùine ghearr gu'n tig laigsinn eile air far am bi sinn, agus gu'n caill e lùgh a làmh ? Agus ma thàrlas so tuille, tha mi cur romham gu'n glac mi misneach, agus gu'n toir mi teann ionnsaidh air fhàgail. Bhami m' amadan nach d' rinn mi roimhe e ; ach gnàthaicheamaid foighidinn, agus giùlaineamaid leis rè tamaill eile : faodaidh e bhith gu'n tig an t-àm a gheibh sinn fuasgladh : ach na cuireamaid air chor sam bith làmh annainn féin. Leis na briathran sin thug Ciatach misneach do Chrìosdaidh ; agus bhunaich iad le chéile sa' ghainntir ghràineil ud gun solus gun soillse.

Ach mu thrà feasgair chaidh am Fhamhair sìos do'n toll-dubh a rithist a dh' fhaicinn an do ghabh na prìosanaich a chomhairle ; ach an uair a thainig e steach, fhuair e, an aghaidh a bharalach, beo iad ; ach b'e sin uil' e ; oir eadar cion lòn agus dibhe, agus leis na creuchdan a thainig orra a thoradh na beubaineachd a rinn e féin orra 's gann a bha'n deò aonta. Ach fhuair e beò iad, ni a chuir corraich mhòr air, agus thuirt e riu, A chionn nach do ghabh iad a chomhairle, gun éireadh a nise gu h-olc dhaibh.

Chuir am bagradh so air bhall-chrith iad, agus air leam gun tainig laigsinn air Chrìosdaidh ; ach air dha teachd da ionnsaidh féin a rithist, thòisich iad mu'n chomhairl' a thug am Fhamhair orra, cò dhiù a b' fhearr

dhaibh a' gabhail no nach b' fhearr. Bha Criosdaidh a rithist a leth-char deònach air a' dheanarnh; ach thuirt Ciatach ris mar so;—

*Ciatach.* A charaid, nach cùimhne leat cho treun 'sa bha thu roimhe so? Cha b' urrainn Apolion cur às dut, cha mhò a b' urrainn gach ni a chual' a chunnaic, no dh' fhairich thu ann an Gleann-sgàil'-a'-Bhàis: Nach iomadh cunnart, cruaidh-chas, agus éigin as an tàinig thu cheana agus am beil thu nis' ad chladhaire cho mòr. Tha thu faicinn gu'm beil mise san t-sloc so maille riut, agus tha mi a thaobh nàduir gu mòr ni's laige na thusa: agus rinn am Fàmhair so a' cheart urrad dhochainn orm 'sa rinn e ortsa, agus tha mi dh' easbhaidh lòn cho math riut-sa, agus leatsa a' caoidh mo mhi-shealbh san t-sloc oilteil so: Ach cleachdamaid beagan tuille foighidinn: Cùimhnich cho gaisgeil 'sa bha thu aig Féill an diomhanais, agus nach robh sgàth ort roimh 'n t-slàbhraidh no roimh 'n chrò, no idir roimh 'n bhàs fhuil-eachdach; uime sin giùlaineamaid, mar chriosdaidhean leis na tha 'n-ar chrannachur cho math 'sa dh' fhaodas sinn.

Thainig an òidhche a rithist, agus an uair a bha 'm Fàmhair agus a' bhean 'nan laidhe, dh'fhiosraich i dheth mu thimchioll nam prìosanach, agus an do ghabh iad a chomhairle? Thuirt e ritae, Gu'n robh iad gu calma laidir; gu'm b'fhearr leo gach cruaidh-chas fhulang no làmh a chur annta féin. An sin thuirt ise, thoir am màireach iad a dh'fhaicinn cnàmhan agus claignean nan daoine a chuir thu roimhe gu bàs, agus cuir mar fhiachan orra mu'n tig ceann seachduin, gu'n toir thu 'nam mìrean as a' chéile iad, mar rinu thu air càch rompa.

'Nuair a thainig a' mhadainn, chaidh am Fàmhair a rithist d'an ionnsaidh, agus rinn e mar dh' iarr a bhean air agus thuirt e rutha mar so:—“ Bha iad sin 'nan eilthirich mar tha sibhse, agus thainig iad air mo chrìch mar rinn sibhse; agus reub mi as a chéil iad; agus mu'n tig ceann dheich laithean ni mi a leithid eile

oirbhse : thugaibh gu grad 'ur garaidh oirbh a rithist," agus leis a sin a ràdh, sgiùrs e roimhe iad. Bha iad mar sin rè an là di-sathairn' ann an còr muladach mar bu ghnà leo. Ach 'nuair a thàinig an òidhche, bha An-earbsa agus am Fàmhair 'nan laidh, thoisich iad ri labhairt mu na prìosanaich : agus bha ioghnadh air an Fhàmhair nach b' urrainn da aon chuid le buillean no le chomhairle cuir às daibh. Agus fhreagair a bhean e, gu'n robh eagal oirre gu'n robh sùil aca ri cuideigin a theachd ga'm fuasgladh, no gu'm beil iuchraichean meallta aca leis am fosgail iad na glasan, agus gu'n teich iad. An saoil thu, ars' e-san gu'm beil a chùis mar sin ? Rannsaichidh mise sa' mhadainn iad.

Mu mheadhon òidhche di-sathairne, thòisich iad ri ùrnaigh a chur suas, agus bhuaanaich iad innte gu bristeachd na maidne.

Ach tamull beag roimh latha mhosgail Crìosdaidh suas mar neach a dhùisgeadh as a shuain, agus thuirt e, " Nach b'amaideach mise a' dh'fhuirich mar so cho fada am laidhe ann an toll-dubh breun, an uair a dh' fhaotainn bhi aig comas mo choise? 'Tha iuchair agam ann am bhroilleach d'an goirear Gealladh, a dh' fhosglas, tha mi glé chinnteach, aon ghlas a tha 'n Daingneach-an-Teagaimh." An sinn thuirt Ciatach, 's math an sgeula sin, a dheagh bhràthair thoir às do bhroilleach i, agus feuch ris." An sin thug Crìosdaidh às a bhroilleach i, agus thòisich e ri glas a' phrìosain fhosgladh, agus air a cheud char leum an stapall o'n ursainn, agus dh'fhosgail an dorus gu farsuinn fial ; agus thainig iad le chéile a mach. Chaidh e'n sin chum an doruis a b'fhaide muigh, agus dh' fhosgail an iuchair e mar an ceudna, ach bha 'n dorus trom, oir b'iarunn e, agus an àm fhosgladh rinn e dìosgan air a chùl-cheanglaichean, a thug sanas do'n Fhàmhair, a ghrad dh' éirich gu imeachd air tòir nam prìosanach, ach mhothaich e a laigsinn a' teachd air, agus cha robh e comasach air dol 'nan déigh. An sin ghabh iadsan air an aghaidh, agus

thainig iad a chum rathad mòr an rìgh, agus bha iad tearuinnte, do-bhrìgh gu'n robh iad a mach á fearrann an Fhamhair.

A nis' air dhaibh dol a mach air a chas-cheum, thoisich iad air smaointeach ciod an comharradh a chuir-eadh iad suas aige, chum nach rachadh an aiteam a thig-eadh 'nan deigh air seacharan, agus gun tuiteadh iad an làmhan Fhamhair-gun-dòchas. Uime sin chuir iad suas carragh ann, agus chuir iad an sgrìobhadh so a leanas oirre;—"Tha'n rathad chum Daingneach-an-Teagaimh a' treòrachadh thar a' chas-cheun so, a th' air a choimhid le Fhamhair-gun-dòchas, air am beag Rìgh na dùthcha nèamhaidh, agus tha e an geall air luchd-turais naomh a sgrìos." Thug an sgrìobhadh sin sanus do dh'iomadh neach a thainig 'nan déigh, agus sheachainn iad an cunnart ceudna. Air dhaibh so a dheanamh, sheinn iad mar a leanas:

Chaidh sinn air seacharan, a's thuig  
 Ciod e bhi 'n gàbhadh cruaidh;  
 A's thugadh iadsan thig 'n-ar déigh  
 Fainear gu'm fan iad uaith;  
 Mu'n cumair fo na glasan iad  
 Gu cruaidh fo smachd 's fo leòn  
 'S nach leig am Fhamhair mòr iad as,  
 Gun iuchair bhuadhaich òir.

An sin dh'imich iad ar an aghaidh gus an d'ràinig iad chum nam beann taitneach, a bhuineas do Thighearna na beinne sin m'an do labhair sinn roimhe: Dhìrich iad ri fireach nam beann, a dh' fhaicinn nan lios, luibhean, agus meas, na fion-liosan, agus na tobraichean uisge; far an d' òl iad, agus an d' ionnlaid siad iad féin, agus dh'ith iad gu saor ás na fion-liosaibh. A nise bha air mullach nam beann sin buachaillean ag ionaltradh an treud, agus sheas iad ri taobh na slighe. Chaidh uime sin an luchd-turais d'an ionnsaidh, a' leigeadh an uchd air am bata, mar is gnà le daoine sgìth a' dheanamh, 'nuair a sheasas iad a labhairt ri neach eile, agus dh' fheòraich iad diù. Cia leis na beanntaichean taitneach so? agus cò dha bhuineas na caoirich a tha 'g ionaltradh orra?

'S iad na sléibhteau sin fearraun Emanueil, agus tha iad an sealladh a' bhaile; is leis na caoirich cuideachd, agus leag e sìos a bheatha air an son

*Criosdaidh.* An i so an t-slighe chum a' bhaile nèamhaidh?

*Buachaillean.* 'S i dìreach.

*Criosdaidh.* Cia fad a tha e uainn fhathast?

*Buachaillean.* Tuilleadh 's fad, ach dhaibh-san a gheibh dol a steach.

*Criosdaidh.* Co dhiù tha 'n t-slighe tearainte no cunnartach?

*Buachaillean.* Tearainte dhaibhsan do'm beil i tearainte, ach tuitidh luchd mi-ghniomh innte. Hos. xiv. 19.

*Criosdaidh.* Am beil goireas sam bith' san àite so a gheibh luchd-turais 'a tha fann agus sgèth.

*Buachaillean.* Thug Tighearna nam beann sin àithne theann duinne gu'n dearmad a dheanamh air aoidheachd a thoirt do choigrich. Eabh. xiii. 1, 2.

Chunnaic mi fòs am bhruadar, 'nuair a mhothaich na buachaillean gur luchd-turais a bh'annta, gu'n do chuir iad mar an ceudna ceistean orra-san, air an tug iad freagradh mar tha, Cia as a thàinig sibh? Cionnas a dh'amais sibh air an t-slighe? agus cionnas a bhuan-aich sibh innte? Oir 's tearc iadsan a theannas air an turas a thig an fhad so. Ach 'nuair a chuala na buachaillean am freagradh, thaitinn iad riu, agus dh'amhairc iad gu ro-chaomh orra, agus thuirt iad riu, 'Se 'ur beatha chum nam beann taitneach so.

B'e ainm nam buachaillean sin Eòlas, Fiosrach, Faicill-each, agus Treibh-dhireach, agus threòraich iad air làimh iad g'am bùthaibh agus phàirtich iad riu cuibh-rionn do na bh'aca deas. Thuirt iad osbarr riu, gu'm bu dedin leo iad a' dh'fhuireach maille riusan gus am biodh iad eòlach umpa, agus gu'm faigheadh iad de nithibh matha nam beann taitneach, na bheireadh sòlas agus beothachadh dhaibh an deigh an turais. Thuirt iad an sin riu gu'n robh iad toileach fuireach; agus

chaidh iad a chadal an òidhche sin, a chionn gu'n robh e ro-anmoch. An sin chunnaic mi am aisling, gu'n d' rinn na buachaillean guth ri Crisdaidh agus ri Ciatach sa' mhadainn, a dhol leo a shràid-imeachd air na beannaibh: Mar so dh'fhalbh iad leo, agus bha 'n sealladh anabharrach taitneach air gach taobh. An sin thuirt na buachaillean r'a chéile. an nochd sin do'n luchd-turais so nithe iongantach? agus an uair a rùnaich iad air sin a dheanamh, thug iad an toiseach iad gu mullach sléibhe, d'an goirear, Mearachd, a bha ro chás air an taobh a b'fhaide uatha, agus dh' iarr iad orra sealltainn sìos gu iochdar an t-sléibhe.

Le so a dheanamh chunnaic iad mòran sluaigh 'nam mìribh as a chéile aig bun an t-sléibhe leis mar thuit iad sìos a' chas-bhruthach. An sin thuirt Crisdaidh, "Ciod a tha so a' ciallachadh?" Thuirt na buachaillean riu, "Nach cuala sibh iomradh umpasa a chaidh a chur am mearachd, le éisdeachd ri Himeneus agus ri Philetus (2 Tim. ii. 17, 18.) mu thimchioll bhi creidsinn aiseirigh a' chuirp?" Thuirt iad, "Chuala." An sin thuirt na buachaillean, "'S iad sin a' mhuintir a tha 'nan laidhe reubt' aig iochdar na beinne so; agus cha deach an adhlacadh fhathast, mar rabhadh do chàch mu iad a dhìreadh tuille 's àrd, no gu teachd ro dhlù do bherradh an aonaich."

Air leam an sin gun tug siad iad gu mullach sléibhe eile, d'an ainm Faicill; agus dh' iarr iad orra sealltainn fad as: Ni 'nuair a rinn iad, chunnaic iad, air leo daoine ag imeachd sìos agus suas air feadh nan ionadan-adhlaic a bha'n sin. Agus thuig iad gu'n robh na daoine dall, a chionn gu'n robh iad a' tuisleadh mu na h-uaighibh, 's a chionn nach b' urra dhaibh teachd a mach asda. An sin thuirt Crisdaidh, "Ciod is ciall da so?"

Fhreagair na buachaillean, "Nach faca sibh aig iochdar nam beann so, bealach a bha dol a staigh chum còmhnard, air taobh clì na slighe." "Chunnaic sinn"

ars' iadsan. Thuir na buachaille,an, gu'n robh dìreach o'n bhealach sin frith-rathad a bha treòrachadh do Dhaingneach-an-Teagaimh, a th'air a chumail le Fmh-air-gun-dòchas : agus thainig na daoine sin, a nochdadh dhuibh, a bha feadh nan uaighean, air thuras, mar thainig sibhse, gus an tainig iad a cheart bhealach sin ; agus air son gu'n robh 'n rathad-mòr garbh docair san àite sin, roghnaich iad fhàgail, a' dol a staigh air an àilean, far an do ghlac Fmhair-gun-dòchas iad, 's an do chuir e iad fo ghlais ann an Daingneach-an-Teagaimh ; 's an dèigh dha an cumail re ùine mhòr sa' ghainntir, thug e fradharc an sùl uapa, agus threòraich se iad am measg nan uaighean so, far am beil iad air seacharan, gus an làtha 'n diugh, chum gum biodh an sean fhacal air a cho-lionadh, "*An duine théid air seacharan o shlighe na tuigse, fanaidh e ann an comhthional nam màrbh.*" (Gnà. xxi. 16.) An sin thug Criosdaidh agus Ciatach sùil air a chéile, 's an deòir a' sruthadh, ach cha dubhairt iad a' bheag ris na buachaille.

An sin chunnaic mi a' m' aisling. gu'n tug na buachaille an iad gu ionad eile an srath glinne, far an robh dorus air slios a' ghlinne; dh'fhosgail iad an dorus, agus dh'iarr iad orra amharc a staigh air: Dh'amhairc iad a steach, agus thuig iad gu'n robh e ro dhorcha agus làn deataich; air leo gu'n cual iad toirm fhuaimneach, mar aig teine, agus gearan cràiteach mar o dhaoine air an claidh, agus gu'n robh fàile pronnaisg ann. An sin thuir Criosdaidh, Ciod is ciall d'a so? Dh'innis na buachaille an daibh, gu'm bu fhirth-rathad so do dh'ifrinn, rathad air an téid cealgairean a steach: gu h-àraidh iadsan a reiceas an coir-bhreith mar rinn Esau; a reiceas am Maighstear mar rinn Iudas; iadsan a bheir toibheum do'n t-soisgeul mar a rinn Alecsander. agus iadsan a ni breug mar rinn Ananias agus Saphira a bhean.

An sin thuir Ciatach ris na buachaille,an, tha mi a'



tuigsinn gu'n robh gach aon diù sin, coltach a bhi air an turas, mar tha sinne san àm : nach robh ?

*Buachaillean.* Bha agus ghleidh iad e fada cuid-eachd.

*Ciatach.* Cia fhad a thainig iad air an turas, r'an linn féin, ged a chaidh an cuir a thaobh gu brònach air a cheann mu dheireadh ?

*Buachaillean.* Chaidh cuid ni b'fhaide, agus cuid eile nach d' ràinig na beanntan sin.

An sin thuirt na h-eilthirich r'a chéile, Is feumail duinne neart iarraidh o'n chumhachdach.

*Buachaillean.* Is feumail, agus is iomchaidh dhuibh a ghnàthachadh, 'nuair a gheibh sibh e.

B'àill leis na h-eilthirich a nise triall air an turas, agus dh'aontaich na buachaillean, le'n iarrtas ; mar so dh'imich iad leo gu ceann nam beannu. An sin thuirt na buachaillean r'a chéile, Leigeamaid leo dorsan a bhaile nèamhaidh fhaicinn m'as aithne dhaibh sealltainn tre'n ghlain'-amhairc againne. Ghabh an luchd-turais gu h-àit ris a' chuireadh : uime ain thug siad iad gu mullach àrd, ris an abrar Soilleir, agus thug iad dhaibh a' ghloine chum sealltainn troipe.

An sin thug iad ionnsaidh amharc, tre'n ghlaine ach thainig an sealladh fa dheireadh a nochd na buachaillean daibh gu'n cùimhne agus chuir e na h-urrad oillt orra, 's gun robh an làmhan air bhall-chrith, air chor 's nach b'urrain daibh a' ghlain' a chumail còmhnard : ach air leo gum fac' iad ni-eigin coltach ris an dorus, agus earrann de ghòir an àite. An sin dh'fhalbh iad air an turas, agus shéinn iad an t-òran so :—

Rinn buachaillean an diomhaireachd  
'Bha cruaidh a nochdadh dhuinn,  
'S gach neach le'n aill a dhol fa'n còir  
Gheibh eòlas air a' bheinn.

Nuair a bha iad air falbh, thug aon de na buachaillean dhaibh ann an sgrìobhadh seòladh m'an t-slighe. Thuirt fear eile dhiù, iad a bhi air am faiceall

roimh'n t-Sodalaiche. Thuir an treas fear iad a thoirt an ro-aire nach caidleadh iad air talamh na drùidh-eachd.

Agus thuir an ceathramh fear, “ Gu'n soirbhicheadh Dia léibh.” Mhosgail mi 'n sin á'm' shuain.

Chaidil mi rithist, agus bhruadair mi, agus chunnaic mi 'n dà eilthiriche ceudna, a' tearnadh a' mhonaidh air an t-slighe a tha treòrachadh chum a' bhaile. A nise sann aig ìochdar nam bruthaichean sin air an làimh chli a tha tìr na Cèilge; agus tha as an dùthaich sin a' teachd chum na slighe air an robh iadsan ag imeachd, rathad beag ñar. Choinnich iad an so òganach brisg beothail, a thainig as an tìr sin; agus b'e ainm Aineolach. Dò' fheadraich Crìosdaidh dheth; cia as a thainig e, agus c'ait a bha e dol?

*Aineolach.* Rugadh mi san dùthaich ud thall, tamull beag chum na làimhe cli, agus tha mi air mo thuras chum a' bhaile nèamhaidh:

*Crìosdaidh.* Ach cionnas a tha dùil agad faighinn a staigh? oir faodaidh e bhi duilich dhut dol ann.

*Aineolach.* Ceart mar tha daoine math' eile faotainn ann, ars' esan.

*Crìosdaidh.* Ach ciod a th' agad r'a fheuchainn aig an dorus, chum gu'm fosglair dhut e?

*Aineolach.* Is aithne dhomh toil mo Thighearna, agus bha deagh chaithe-beatha agam; tha mi 'g ìocadh a chuid féin do gach duine; tha mi deanamh ùrnaigh, a' trasgadh, ag ìocadh cìs, agus a' toirt déircean; agus dh'fhàg mi mo thìr féin, air son na dùthcha chum an beil mi dol.

*Crìosdaidh.* Ach cha tàinig thu staigh air an dorus chumhann a th' aig ceud cheann na slighe so; 's ann a thainig thu staigh air an rathad fhiar so, agus 's eagal leam, ge b'e barail mhath a th' agad ort féin, 'nuair a thig latha a' mhòr chunntais, gu'n cuirear as do leth, gu'm beil thu a'd' mbeirleach agus a'd' fhear-spùinnidh, an àite do ghabhail a staigh do'n bhaile.

*Aineolach.* A dhaoine is coigriche dhomhsa sibh, agus

s ambail a ta mise dhuibhse: leanaibh-se aidmheil bhur tìre féin, agus leanaidh mise creideamh mo dhùthcha. Tha dòchas agam gu'm bi gach ni gu math. Agus thaobh an doruis mu'n do labhair sibh, tha fios aig gach neach gu'm beil e cian fad as ar dùthaich-ne: cha n-eil mi 'm barail gu'm beil fear n-ar tìr-ne g'au aithne an rathad d'a ionnsaidh: cha mhò is ion daibh umbail a bhi aca uime, o'u a tha, mar tha sibh a' faicinn, frith-rathad grinn còmhnard uaine againn o'r tìr féin, goirid uaithe

'Nuair a thuig Crìosdaidh gu'n robh an duine glic 'na bharrail féin, thuirt e ri Ciatach os n-òsal, tha tuilleadh aobhair dòchais á amadan no dheth-san. Agus thuirt e, 'Nuair a shiùbhlas an t-amadan air an t-slighe, tréigidh a' ghliocas e, agus their e ris gach duine, gur amadan e. (Ecles. x. 3.) An labhair sinn tuille ris, no 'm fàg sinn e, gu smuainteachadh mu na chual' e cheana, agus stad a' dheanamh ris a rithist, gu ionnsaidh a thoirt a lion beag a's beag air math a dheanamh dha? An sin thuirt Ciatach,

Biodh Aineolach a' smaointeachadh  
 Car tacain air a' chùis,  
 Sa' chomairl' ghlic' a fhuair e nis'  
 Na cuireadh e air chùl  
 Le buanachadh 'na aineolas  
 Mu'n t-slighe dh'ionnsaidh nèimh;  
 Huirt Dia an ti a ni mar sin  
 Nach saorar leisan e!

*Ciatach.* Thuirt e a thuilleadh, Cha n-eil e iomchaidh moran a ràdh ris an aon àm; rachamaid seachad air, m'as toil leat e, agus labhramaid ris a rithist mar is urrainn da a thuigsinn.

Mar so dh'imich iad air an aghaidh, agus bha Aineolach a' teachd 'nan deigh. Agus an uair a chaidh iad beagan seachad air, thainig iad a staigh air slighe ro-dhorcha, far an do choinnich iad fear a rinn seachd deamhain a cheangail le seachd buill làidir', agus bha iad ga ghiùlan air ais chum an doruis a chunnaic iad air an leacainn. (Mat xii. 45. Gnàth. v. 22.) Le so

fhaicinn bha deagh Crisdaidh air chrith le eagal, mar bha fòs Ciatach, a cho'-fhear-turais; ach thug na deamhain air falbh an duine. Sheall Crisdaidh am b'aithne dha e! agus air leis gu'm b'e Pill-air-falbh a bh'ann, a bha chòmhnaidh ann am baile Dol-air-ais. Ach cha robh e làn-chinnteach a chionn nach fac' e ach pladha de aodainn; oir bha cheann crom mar fhear a rachadh a ghlacadh ri méirle. Ach air dhaibh dol seachad leis thug Ciatach an aire do 'n sgrìobhadh so air a dhruim, "Fear aidmheil macnasach, agus Fear-cùl-sleamhnach mòr." An sin thuirt Crisdaidh, Tha mi nis' a' cùmhneachadh air na chaidh innse dhomh a thachair do dhuine math mu thimchioll an àite so. B' e ainm an duine Beag-creideimh, ach bha e 'na dhuine math, agus bha e chòmhnaidh ann am baile Tréibh-dhireach. B' e so mar dh'eirich dha; Mu bheul a chunglaich so, tha teachd o'n rathad-mhor sràid chumhann ris an abrar Sràid-nan-daoine-màrbha, a thaobh gu'm beil mòran daoine g'an cuir gu bàs ann: Agus bha Beag-creideimh so a' triall air eilthireachd, mar tha sinne air an àmsa; shuidh e sìos san àite agus chaidil e. Agus bha sa' cheart àm triùir fhear a' tear-nadh o'n t' Sràid-leathainn, agus b' e'n ainm Lag-chridhe, An-earbsa, agus Cionta, (bu thriùir bhràithrean iad;) agus air faicinn daibh far an robh Beag-creideimh 'na shìneadh, thàinig iad 'nan ruith d'a ionnsaidh. Bha'n duine math dìreach air mosgladh as a chadal, agus ag éiridh chum triall air a thuras; thainig iad far an robh e agus dh'iarr iad le bagradh mòr air seasamh. Le so a chluinntinn, ghlac geilt-chrith Beag-creideimh, dh'fhàs a ghenùis cho bàn ri bréid anaird, agus cha tug e làmh air thapadh. An sin thuirt Lag-chridhe, liubhair do sporan; ach cha robh cabhag air chum sin a dheanamh, oir bu duilich leis a chuid airgeid a chall; thainig An-earbsa d'a ionnsaidh, chuir e làmh 'na phòc-aid agus thug e aiste sporan airgeid: An sin ghlaodh e mach "Mearlaich! Mearlaich!" Le so a dheanamh, thog Cionta slacan mòr a bha 'na làimh, agus bhuaile

Beag-creideimh sa' cheann, agus leag a' bhuille chum an làir e, far an robh e 'na shìneadh a' call fhala mar gun sileadh e gu bàs. Bha na mearlaich 'nan seasamh làmh ris; Ach thuig iad ma dheireadh gu'n robh muinntir am fagus, agus bha eagal orra gu'm b'e fear d'an goirear Mòr-ghràs, a bha thàmh ann am baile Sàr-mhuinghinn a bh' ann, thàr iad as le cabhaig, agus dh'fhàg iad an duine bochd gu deanamh air a shon féin Tamull beag an deigh sin thainig Beag-creideimh d'a ionnsaidh féin as an tàimhneul a chuireadh air, agus dh'éirich e gu ionnsaidh a thoirt air imeachd air a thuras.

*Ciatach.* Ach an tug iad uaithe gach ni a bh'aige?

*Criosdaidh.* Cha tug: cha d'amais iad air an àite san robh a sheudan, agus dh'fhan iad sin aige. Ach chaidh innseadh dhomh gu'n robh e ro-bhrònach air son a challdaich a thainig air; oir thug iad uaithe a chuid bu phailte de na bha ri cosg air air a thuras. Bu sheudan a chuid nach d'fhuair iad, agus ro bheagan airgeid; agus b' eigin da bhi 'g iarraidh na déirce mar bha e triall air aghaidh: oir cha'n fhaodadh e a sheudan a reic.

*Ciatach.* Ach nach b'iongantach nach d'fhuair iad a theisteanas, leis an ghabhta ris aig an dorus nèamhaidh?

*Criosdaidh.* B' iongantach: ach cha d' amais iad air; ged nach ann a thaobh aon seòltachd a ghnàth-aich e-san a thachair sin; oir bha na h-uirrid eagail air rompa 's gun deach e gu tūr' na bhreislich, ionnas gun e'm freasdal a dh'òrduich gu'n do sheachainn iad sin. 2 Tim. i. 14.

*Ciatach.* Ach bu rudaigin sòlais dha nach d'fhuair iad a sheudan. 2 Pead. i. 9.

*Criosdaidh.* Dh'fhaodadh e bhi 'na shòlas mòr dha, na'n deanadh e mar bu chòir dha; ach mar chaidh aithris domhsa, cha d' rinn e ach beag feuma dhiù air an t-slighe, leis a mhaoim a ghabh e chionn gu'n do chaill e a chuid airgeid; dhi-chuimhnaich e rè a chuid bu mhò de'n astar gu'n robh iad idir aige.

*Ciatach.* Mo thruaighe! an duine bochd! Bu mhòr an trioblaid a chuir sin air.

*Criosdaidh.* Bu mhòr d'a rìreadh Nach biodh e mar sin le aon neach againn féin, nan deanta mar sud oirnn, ar släid agus ar dochann cò'-lath, agus sin ann an tìr aineoil, mar bha e-san? Is iongantach nach do chuir am mulad gu bàs e! Chaidh innseadh dhomh gu'n robh e gu dubhach, deurach, air a shon, rè a' chuid eile de'n t-slighe; ag innse do gach neach a thachradh air mar dh'éirich dha.

*Ciatach.* Ach 's ioghnadh leam nach tug am fìor fheum air cuibhrionn d'a sheudan a reic, no an toirt an geall, chum gu'm biodh aige goireas air a thuras.

*Criosdaidh.* Tha thu labhairt mar aon air ro bheag fiosrachaidh, C'arson a chuireadh e ann an geall iad? No cò ris a reiceadh e iad? Cha robh meas sam bith air a sheudan fad na dùthcha 'san deach a spùinneadh. Osbarr, nam biodh a sheudan a dh'easbhaidh air aig dorus a' bhaile nèamhaidh, (ni air an robh fios aige) cha rachadh a ghabhail a staigh ann, agus cha'n fhaigheadh e cuibhrionn no crannchur 'san òighreachd nèamhaidh; agus bu mheasa sin da no aon ni eile a dh'fhaodadh e chall.

*Ciatach.* C'arson a tha thu cho sgaiteach, a charaid? Reic Esau a chòir-bhreith' air son gréim bìdh, agus b'e a chòir-bhreithe sin a sheud bu mhò: agus ma rinn e-san sin, c'arson nach deanadh Beag-creideimh mar sin cuideachd? Eabh. xii. 16.

*Criosdaidh.* Reic, gun amharas, Esau a chòir-bhreithe, agus 's amhail a tha iomadh neach d'a thuilleadh a' deanamh, agus le sin a dheanamh, tha iad 'gan dùnadh féin a mach o'n bheannachadh àraidh, mar rinn an t-amadan bochd ud: ach 's éigin dut eadar-dhealachadh a chur eadar Esau agus Beag-creideimh, agus fòs eadar na bha aca r'a chall ris. Cha robh an còir-bhreith' Esau ach sàmhla, ach cha b'e sir idir a bha 'n seudan Beag-creideimh. Bi brù Esau bu dia dha, ach cha b'i aig Beag-creideimh. Bha uireasbhuidh Esau na

chlocras fheòlmhor, cha robh aig Beag-creideimh. A thuilleadh air sin, cha robh Esau a' faicinn ni b'fhaide na ana-miannan a' shàsachadh. "Tha mi dlù do'n bhàs," thuirt e, "agus ciod an tairbh a tha sa' chòir-bhreithe so dhomsa?" (Gen. xxv. 32.) Ach bha Beag-creideimh, ge. nach robh aig ach beag-creideimh, air a chumail air ais leis o'n amaideachd sin, agus gu tuille meas a bhi aig' air a sheudan, no gu'n reiceadh isd mar rinn Esau a chòir-bhreithe. Cha n-eil thu an àit air bith a' leughadh gu'n robh creideamh aig Esau cha n-eil uibhir agus beagan; uime sin cha'n ioghnadh, e-san aig nach bi buaidh air an fheòil, mar thachras do gach fear aig nach bi creideamh, ged a reiceas e a chòir-bhreithe, anam, agus gach ni a th' aige, ris an droch-sporad: oir tha iadsan mar an asail, nach gabh pilleadh 'n tràth thig a miann. (Jer. ii. 24.) 'Nuair a bhios iad socraichte air an ana-miannan a shàsachadh, ni iad e, ge b'e air bith na chosgas e dhaibh; ach bha gnè eileann am Beag-creideimh: bha inntinn air nithibh diadhaidh: bha a bheathachadh air nithibh spioradail agus os àird; uime sin, c'arson a reiceadh fear an aignidh sin a sheudan, ged a bhiodh daoine ullamh gu'n ceannach, chum inntinn a lìonadh le nithibh gun seadh? An ceannaich neach fear chum a bhrù e lionadh? no 'n toir thu air a chalman closach itheadh mar am fitheach? ged a ni muinntir gun chreideamh, chum an ana-miannan a shàsachadh, gach ni a bhios aca a reic no a thoirt an geall, agus iad féin cuideachd, gidheadh cha'n fhaod iadsan aig am beil creideamh slàinteil, ged nach bi e ach beag, a dheanamh mar sin. Uime sin, a bhràthair, is ann an so tha do mhearachd-sa.

*Ciatach.* Tha mi 'g aideachadh gur h-ann; ach cha mhòr nach do chuir t-achmhasan sgaiteach miòthlachd orm.

*Criosdaidh.* Faodaidh sin a bhi; ach leig dhiot a leithid sin, agus gabhamaid beachd air a' chùis mu'm beil sinn a' labhairt, agus bithidh sinn làn-réidh.

*Ciatach.* Ach 's i mo làn bharail, a Criosdaidh, nach eil anns an trìuir fhear ud ach fìor chladhairean

an e gu'n teicheadh iad air son fathrum aon duine a chluinntinn a' teachd air an rathad, mar b'e sin a bhiodh annta ? C'arson nach do ghlac Beag-creideimh beagan tuille misnich ? Shaoilinn gu'm faodadh e seasamh riu car sealan agus géilleadh 'nuair a dh'fhartlaicheadh iad air.

*Criosdaidh.* Is iomadh neach a thubhairt gu'm bu chladhairean iad, ach 's beag a fhuaradh mar sin iad 'nuair a thigeadh àm na deuchainn. Cha robh Beag-creideimh idir cruadalach : agus tha mi tuigsinn ged bu tus' a bhiodh ann, nach robh thu ach ri cathachadh beag a dheanamh agus an sin strìochdadh. Agus n'at-tachradh iad oirnn an ceart-uair cha'n aithne dhomh nach deanadh tusa mar rinn e-san.

Ach smuainich a rithist cha n-eil annta sud ach fògh-lumaichean mheirleach, fo riaghladh rìgh sloc-andubh-aigein : neach, ma dh'fheumas iad e, a thig e féin g'an còmhnaidh, agus tha 'ghuth mar bheucaich leòghain.

Bha mise mi-féin 'na leithid de chath san robh Beag-creideimh, agus mhothaich mi e 'na ni eagalach. Thug an trùir shlaughteran ud ionnsaidh orm, agus an uair a chuir mise 'nan aghaidh mar Chriosdaidh, dh' éigh iad air am mhaighistir, agus thainig e g'an còmhnaidh. Cha tugainn ach ro-bheagan air mo bheatha, oir shaoil leam gu'n dh'fhalbh mi; ach mar dheònaich Dia dhomhsa, bha mi fo'm làn àrmaibh dearbhta. Agus ged a bha, thuig mi 'na chùis chruaidh e, agus nach lag-ionnsaidh a dh'fheumainn a thoirt chum mi-féin a dhearbhadh am dhuine : Cha'n urrainn aon neach inn-seadh ciod a thachras ruinn sa' chòmhrag sin ach e san a bh' innte.

*Ciatach.* Ach tha thu faicinn gu'n do theich iadsan, nuair nach robh iad ach am barail gu'n robh Mòr-ghràs air an t-slighe.

*Criosdaidh.* Tha sin fìor, 's tric a theich iad féin agus am maighistir, 'nuair a chitheadh iad Mòr-ghràs . agus cha b' iongantach sin, oir is e-san gaisgeach an Rìgh : ach 's meallta mi mar cuir thu càileigin de dh' eadar-



dhealachadh eadar Beag-creideimh agus gaisgeach an Rìgh. Cha n-eil iochdarain an Rìgh uile 'nan gaisgeich cha mhò, 'nuair a chuirear thuige iad, is urrainn daibh gnìomh cho foghainteach 's a ni e-san a dheanamh. An iomchaidh a smuaineachadh gu 'm faigheadh leanabh beag buaidh air Goliath mar fhuair Daibhidh ? no gu'm biodh neart daimh anns an dreadhandoun ? Tha cuid laidir, cuid lag; tha mòr-chreideimh aig cuid, agus beag aig cuid eile; b' ann de mhuinntir a bheagain an duine so, uime sin ghéill e.

*Ciatach.* B'fhearr leam gu'm b'e Mòr-ghràs a bhiodh ann ?

*Criosdaidh.* Ged a b'e, dh'fhaodadh e gu leòir fhaotainn r'a dheanamh; oir 's fheudar dhomh innseadh dhut, ged a tha Mòr-ghràs ro chlis a làimhseachadh a chuid armachd, agus ged a ni e gu gaisgeil cho fad 's a chumas e fad a lainne uaithe iad, ach ma gheibh iad a staigh ann, eadhon Lag-cridhe, An-earbsa, no Cionta, bheir iad deuchainn chruaidh gu chuir bun os-ceann. 'San uair a bhitheas duine an iochdar, 's beag tapadh a ni e.

Ge b'e sheallas gu geur an aodann Mòr-ghràis ch'iad iomadh leòin agus gearradh ann, agus tha 'n sin dearbhadh ni's leòir air 'na tha mise 'g ràdh. Seadh; chuala mi gu'n dubhairt e aon uair, feadh a bha e 'n teas a' chatha, gun tug e dùil d'a bheatha. Cionnas a thug na slaoightearan gramail sin air Daibhidh osnaich, bròn, agus beucaich a dheanamh ? Seadh, thugadh ionnsaidh air Heman agus air Heseciah, ged bu ghaisgich r'an linn féin iad, agus fhuair iad deuchainn ghoirt leo sin. Chaidh Peadar air àm àraidh a dh'fhaicinn ciod a b' urrainn da féin a dheanamh; ach ged a their cuid uime gur e ceann-feadhna nan abstol chuir iad thuige e cho goirt, 's gu'n robh eagal air mu dheireadh roimh chaileig shuaraich.

A bharr air sin, tha 'n rìgh ac' ullamh gu thighin da'n còmhnaidh cho luath sa chluinneas e feud uapa; cha n-eil e idir & fad glaoidh dhaibh; agus ma bheirear uair

air bith buaidh orra, thig e-san ma dh'fhaodas e, gu'n cobhair; agus tha e air a ràdh uime, "Cha seas claidheamh an tì a bheanas ris, an t-sleagh, an gath, no'n lùireach. "Measaidh e mar chonnlaich an t-iarunn, agus mar fhiodh mosgain an t-umha. Cha toir an t-saigh-ead air teicheadh: 'nan connlaich tionndaidhear leis clachan a' chroinn-tabhuill: mar chonnlaich measar gathan; ni e gàire ri crathadh nan sleagh." (Iob xli. 26, 27.) Ciod is urrainn duin' a dheanamh na leithid sin de chor? Tha e fìor nam faodadh duine each Iob a bhi aige gach àm, agus a bhi gu h-eolach misneachail chum a mharcahd, dh'fhaodadh e nithe sònraicht' a dheanamh, oir "tha mhuineal sgeudaichte le tairnean-aich; cha bhi e gealtach mar an leumnach-uaine; is uabhasach glòir a chuinneine; bùraichidh e le chois anns a' ghleann, agus ni e gàirdeachas 'na neart, agus théid e air aghaidh an coinneamh an airm. Ni e magadh air eagal, agus cha bhi uamhann air; agus cha phill e air ais o fhaobhar a' chlaidheimh. Ni 'm balg-saigheid tòrman 'na aghaidh, an t-sleagh lannaireach agus an gath. Le gairge agus féirg cladhaichidh e 'n talamh; agus cha chreid e gur i fuaim na trompaid a ta ann. Am meadhon fuaim na trompaid their e, Ha, ha! agus fad as gabhaidh e boladh a chatha, tairnean-aich nan ceannard, agus na h-iolaich." (Iob xxxix. 19—25.) Ach air son choisichean mar tha thus' agus mise, na miannaicheamaid tachairt air nàmhaid, no idir uaill a dheanamh, mar gu'n deanamaid féin ni b'fhearr, 'nuair a chluinneas sinn gu'm faigh fear eil' a chuid is measa; no idir a bhi ri fearas-mhòr as ar treubhantas féin; oir is minig gur iadsan a dheanadh mar sin, bu lugha nochdadh de chruadal, 'nuair bu mhò am feum air. Faic Peadar mu'n do labhair mi roimhe, mar bha e ri uaill, mar gu'n deanadh e féin tuilleadh as leth a mhaighistir na dheanadh aon neach eile; ach cò air an luaithe thug na slaoightearan ud buaidh na air-san?

'Nuair a chluinneas sinn ma ta, luaidh air a leithid sud de shlad air a' dheanamh air rathad mòr an rìgh,

tha dà ni is còir dhuinn a dheanamh : *Ann's a' cheud àite.* Dol a mach fo'r làn armaibh, 's a bhi cinnteach gu'n tabhair sinn sgiath leinn : oir is ann le cion so nach bu chomasach dhasan a thug ionnsaidh cho laidir air Lebhiatan toirt air strìochdadh ; agus ma bhios sin a dh' easbhaidh oirnn cha bhi sgàth sam bith air romhainn. Air an aobhar sin thuirt e-san a bha èolach. "Thar gach ni thugaibh leibh sgiath a' chreideimh, leis am bi sibh comasach air uile shaighdibh teinteach an droch spioraid a mhùchadh." Eph. vi. 16.

*Ann's an dara h-àite.* Tha e feumail gu'n iarramaid air an Rìgh freiceadan gu dol leinn, ni h-e a mhàin sin, ach gu'n téid e-féin maille ruinn. Thug so air Daibhidh gàirdeachas a dheanamh 'nuair a bha e'n gleann sgàil-a'-bhàis ; agus b'fhèarr le Maois am bàs fhulang far an robh e, na dol aon cheum ni b'fhaide as eugmhais a Dhé .O! a bhràthair, ma théid e-san leinn, cha ruig sinn a leas eagal a bhi oirnn roimh dheich mìle a bhitheas 'n-ar n-aghaidh ; ach as eugmhais-san tuitidh an luchd-còmhnaidh uaibhreach fo na mairbh. Isa. x. 4 ; Ecsod. xxxiii. 15 ; Salm iii. 5, 6, 7, 8, agus xxvii. 1, 2, 3.

Bha mise roimhe so sa' chòmhrag, agus ged a tha mi tre mhaitheas Dé, fhathast a làthair, gidheadh cha'n urrainn domh uail a dheanamh as mothapadh. Is buidheach a bhitheas mi m'ar tig deuchainn mar sud tuilleadh orm ; ged tha eagal orm nach eil sinn fhathast às gach cunnart. Ach o nach tug an leòghan agus am math-ghamhainn as a chéile mi, tha dòchas agam gu'n saor Dia o'n ath Philisteach neo-thimchioll-ghearra sinn. An sin shéinn Crìosdaidh .—

Chaidh Beag-creideimh shlad  
 A' measg droch shluaigh,  
 Cùimhnich air so gu tric'  
 A Chriosdaidh thruaigh ;  
 A's faigh tuille creideimh ;  
 'S bheir thu buaidh  
 Air làn deich mìle,  
 A's cuiridh tu orr' an ruaig

Mar so chaidh iad air an aghaidh, agus lean Aineolach iad. Dh' imich iad gus an d'ràinig iad ionad far am fac iad rathad a' teachd a staigh air an slighe-san, agus air leo gun robh e dìreach rompa: agus cho dìreach ris an t-slighe air am bu chòir dhaibh imeachd; agus cha robh fios aca cò 'n t-slighe a ghabhadh iad. Agus air bhi dhaibh mar so san ioma-chòmhairie, feuch thainig duine dubh, ann an éideadh glé gheal far an robh iad, agus thuirt e riu, C' arson a bha iad 'nan seasamh an sud? Fhreagair iad gu'n robh iad a' dol chum a' bhaile nèamhaidh, agus nach b' fhios daibh cò do'n dà rathad sin a ghabhadh iad. Thuirt an duine riu, lean-aibh mise, 's ann an sin a tha mi dol. Mar so lean iad e air an t-slighe nach d'rinn ach tachairt orra, a dh' fhàs a chuid 'sa chuid làn char a's lùb, ionnas gu'n tug iad an cùl ris 'a bhaile chum am b' àill leo dol, gidheadh lean iad an duine. Ach mu'n tug iad ni fainear, dh' iath lion mu'n timchioll, leis an robh iad air an ribeadh cho teann 's nach bu chomasach dhaibh teachd as; agus le sin a dheanamh, thuit an fhalluinn shoilleir dheth, agus an sin thuig iad c'àit an robh iad. Uime sin thòisich iad ri caoine agus ri glaodhaich, oir cha robh iad comasach air tighinn as.

*Criosdaidh.* A nis' tha mi mothachadh a bhi ann am mearachd. Nach d'iarr na buachaillean oirnn a bhi air ar faicill romh luchd-sodail. Dh' fhairich siune an diugh mar thuirt an duine glic: "Am fear a ni miodal r'a choimhearsnach, sgaoilidh e lion air son a chos." Gnàth. xxix. 5.

*Ciatach.* Thug iad duinn fòs seòladh mu'n t-slighe, ach dhi-chùimhnich sinn amharc air agus cha do chum sinne sinn féin o shlighe an fhir-mhillidh. An so bha Daibhidh ni bu ghlice na sinne; oir thuirt e, "A thaobh gnìomharran dhaoine, le facal do bhilean sheachainn mi ceumannan a' mhillteir." (Salm xvii. 4.) Mar so bha iad ri bròn anns an lion. Fa-dhedigh chunnaic iad aon dhealrach a' teachd d'an ionnsaidh, le sgiùrsair de chùird chaola 'na làimh. 'Nuair a thainig e far an

robh iad, dh' fhiosraich e dhiù cia as a thainig iad, agus ciod a bha iad a' deanamh an sin? Thuirt iad ris, gur e bh'annt' eilthirich bhochda 'bha dol chum Shioin, ach gun deach an treòrachadh as an t-slighe le fear dubh ann an earradh geal, a dh'iarr orr' a leantuinn, a thaobh gu'n robh e-féin a' dol ann cuideachd. An sin thuirt e-san aig an robh 'n sgiùrsair 'na làimh, Is e 'm Miodalaich a bh' ann, abstol bréige, a chuir e féin ann an riochd aingil sholais. (2 Cor. xi. 13, 14.) Mar sin reub e 'n lion, agus leig e na daoine 'ás. An sin thuirt e riu, leanaibh mise, chum gu'n cuir mi rithist air an t-slighe cheirt sibh: agus thug e iad chum an àite san do lean iad am Miodalaich. An sin dh'fheòraich e dhiù C'ait'an robh sibh an raoir? Bhasinn leis na buachaillean air na beanntaibh taitneach, ars iasan. Dh' fheòraich e 'n sin diù, an robh seòladh agaibh mu'n t-slighe? Thuirt iad ris, Gu'n robh. Ach, ars e-san, 'nuair nach robh fios agaibh cia 'n taobh a ghabhadh sibh, an do sheall sibh air an t-seòladh! thuird iad nach do sheall. Dh' fheòraich e dhiù. C'arson? thuirt iad ris gun do dhi-chùimhnich iad. Dh' fhiosraich e dhiù a thuilleadh, an d' iarr na buachaillean orr' a bhi air am faicill ro'n t-Sodalaiche: Thuirt iad, Gu'n d'iarr. Ach cha robh dùil againn gu'm b'e 'm fear binn, briathrach ud e. Roimh. vi. 8.

An sin chunnaic mi am aisling gu'n d'àithn e dhaibh laidhe sìos; 's an uair a rinn iad mar sin, gun do smachdaich e gu geur iad a' thoirt daibh eòlais mu'n deagh shlighe air am bu chòir dhaibh imeachd. (Deut. xxv. 2. 2 Eachd. iv. 27.) 'S am feadh a bha e g'an smachdachadh, thuirt e, "A mbeud 's is ionmhuinn leam, tha mi a' cronachadh agus a' smachdachadh uime sin biodh *agaibhsa* teas-ghràdh agus *deanaibh* aithreachas." (Tais. iii, 19.) Le so a dheanamh, thuirt e riu iad a dh' imeachd air an turas, agus an ro aire thoirt do na chomhairlean a thug na buachaillean orra. Thug iad buidheachas da air son a chaoimhneis nìle, agus dh'imich iad gu faicilleach air an t-slighe cheirt, a' séinn mar so;—

O ! sibhs' a shiùbhlas air an rathad mhòrs'  
 Faicibh na h-eilthirich chaidh dheth d'an deòin ;  
 S mar chaidh an glacadh ann an eangach sàis,  
 Thaobh tàir' air combhairle bha chum an slàint,  
 Ged 's fìor gun thearnadh iad 's gu'm beil iad beò,  
 Biodh so mar shanas do na thig an ròds.'

A nis' an ceann tamail, chunnaic iad fear a tighinn gu socrach 'nan cò'-dhail ; an sin thuirt Crisdaidh ri Ciatach, Sud fear 'sa chùl ri Sion, agus tha e teachd 'n-ar còdhail.

*Ciatach.* Tha mi ga fhaicinn ; thugamaid an aire dhuinn féin, gun fhios nach sodalaich e-san cuideachd. Bha e sìor thighinn ni bu dlùithe dhaibh, agus ma dheireadh thachair iad. B' e ainm, Fear-àicheadh Dhé, agus dh'fheòraich e dhiù c'ait a bha iad a' dol ?

*Crisdaidh.* Tha sinn a' dol chum Beinn Shioin.

An sin rinn Fear-àicheadh Dhé, gloc mòr gàire.

*Crisdaidh.* Ciod is ciall do d' ghàireachdaich ?

*Fear-àicheadh.* Tha mi 'gàireachdaich le smuain-eachadh cho aineolach 's a tha sibh, 'nuair a thàinig sibh air turas cho fada, agus gu'm beil sibh an cunnart 'ur saothair a chall air a cheann ma dheireadh.

*Crisdaidh.* An saoil thu duine nach gabhar ruinn ?

*Fear-àicheadh.* Gabhar ruibh ! Cha n-eil a leithid do dh'àite 's a tha sibh am barail idir anns an t-saoghal so.

*Crisdaidh.* Ach tha e san t-saoghal ri teachd.

*Fear-àicheadh.* An uair a bha mi aig an taigh am dhùthaich féin, chuala mi ceart mar tha sibhs ag ràdh, agus a thaobh na chuala mi, chaidh mi dh'fhaicinn agus tha mi air tòir a' bhaile so o cheann fichead bliadhna, ach cha mhò a th'agam r'a fhaicinn deth na bh'agam an toiseach. Ier xxxii. 13 ; Ecles. x. 15.

*Crisdaidh.* Chuala sinne, agus tha sinn a' creidsinn gu'm beil a leithid ann r'a fhaotainn.

*Fear-àicheadh.* Mar tugainnse creideàs da, cha tiginn cho fada ga iarraidh, agus n'am bitheadh a leithid ann gheibhinn e, tha mi nis' a' dol air m'ais, agus gabhaidh mi toil-inntinn o na nithibh ris an de

chuir mi roimhe cùl, le dùil ris an ni a tha mi tuigsinn nach eil idir ann.

An sin thuirt Criosdaidh r'a chòmpanach, an saoil thu m' beil n'a tha'm fear so 'g ràdh fìor ?

*Ciatach.* Thoir an ro-aire, is aon de na sodalaich a th'ann : cùmhnich na thainig oirnn chean' an co'-lorg éisdeachd ri fear dhiu. (2 Cor. v. 7.) Ciod e ? an e nach eil Beinn Shioin ann ? Nach faca sinn o na sléibhtibh taitneach dorus a' bhaile ? Nach an a tha siun ri gluasad a réir creideimh ? Air ar n-aghaidh dhuinn, arsa Ciatach, mu'n tig fear an sgiùrsair a rithist oirnn.

Sann bu chàra dhutsa sin fhòghlum dhomhsa, a tha mis' ag innseadh dhutsa. Sguir a mhic a dh' éisdeachd ris an teagasg a chuireas air seacharan o bhriathraibh an eòlais, (Gnà. xix. 27.) Tha mi 'g ràdh, Sguir a dh' éisdeachd ris, agus creideamaid chum slànachaidh an anma. Eabh. x. 39.

*Criosdaidh.* A charaid, 's am a chuir mi cheist ort gu d' dhearbhadh, cha'n e gu'n robh teagamh sam bith agam féin sa' chùis. Tha fios agam gu'm beil an duine so air a dhalladh le dia an t-saoghail so. Rachamaid air ar n-aghaidh do bhrì gur aithne dhuinn an fhìrinn, agus cha n-eil breug sam bith o'n fhìrinn. 1 Eoin. ii. 21.

*Ciatach.* Tha mi nis' a' deanamh gàirdeachais an dòchas ri glòir Dhé : Agus dh'fhalbh iad o'n duine ; agus rinn e gàire riu, agus dh' imich e air a shlighe féin.

Chunnaic mi 'n sin am aisling, gun deach' iad air an aghaidh gus an d'ràinig iad gu dùthaich àraidh, a bha a fàileadh ullamh gu duine fhàgail neo-shunntach ach e thighinn 'na choigreach innte. Agus thòisich Ciatach ri bhì ro-throm, agus deònach air cadal : agus thuirt e ri Criosdaidh, tha mi cho ro-throm neo-shunntach, 's gur gann is urrainn domh mo shùilean fhosgladh ; leagamaid sinn féin 'n-ar sìneadh, agus deanamaid beagan cadail.

*Criosdaidh.* Cha leag idir, arsa, Criosdaidh, air eagal ma chaidleas sinn nach dùisg sinn am feasd.

*Ciatach.* C'arson a bràthair? Tha'n cadal blasda do'n fhear-oibre: bheir e ùrachadh dhuinne, ma ni sinn dùsal beag dheth.

*Criosdaidh.* Nach cùimhne leat gu'n dubhairt fear de na buachaillean ruinn a bhi air ar faicill roimh thalamh na drùidheachd? 'Se bha e ciallachadh leis a' sin, nach caidleamaid ann: Uime sin na deanamaid cadal mar ni muinntir eile, ach deanamaid faire, agus bitheamaid stuama. 1 Tes. v. 6.

*Ciatach.* Tha mi 'g aideachadh bhi sa choire: agus nam bithinn an so am aonar, bha mi 'n cunnart a' bhàis le mi chadal. Is fìor na thuirt an duine glic. *Is fearr dithis na aon fhear.* (Ecles. iv. 9.) An fhad so bu shona dhomhsa do chuideachd, agus bithidh deagh dhuais agad air son do shaoithreach.

A nis' ma ta, arsa Criosdaidh, chum tromsanaich a chadail a chumail air falbh, tòisicheamaid air deagh naigheachd.

*Ciatach.* Tha mi dheònach le m'uille chridhe.

*Criosdaidh.* C' àit' an tòisich sinn?

*Ciatach.* Far an do thòisich Dia ruinne: ach tòisich thusa ma's e do thoil e.

*Criosdaidh.* Seinnidh mi air tùs dhut òran:—

'Nuair dh'aomas cadal trom air naomh shluagh Dhé,  
Chi iad an so mar stiùras iad an ceum,  
Le gabhail beachd mar chùm sinne bho shuain  
Le còmhradh glic mu thìr an t-sonais-bhuain:  
Ni so an ruisg a chumail o throm chlà,  
'Sa dh'aindeoin ifrinn sìubhlaidh iad gu glòir!

An sin thòisich Criosdaidh, agus thuirt e, feòraichidh mi ceist diot. Cionnas a smuainich thu an tùs air na tha thu'n dràst' a' deanamh?

*Ciatach.* An e cionnas a smuainich mi an toiseach air math m' anma tha thu feòraich?

*Criosdaidh.* 'Se, sin féin, a tha mi feòraich.

*Ciatach.* Bhunaich mi fad ann an gabhail tlachd 'sna



nithibh a bha ri fhaicinn agus g'an reic air an fhéill; nithe a tha mi lan-chreidsinn, nam buanaichinn annta agus a nis,' a chuireadh fodha mi ann an léir-sgrìos.

*Criosdaidh.* Ciod na nithe bh'ann?

*Ciatach.* Uile shaoibhreas an domhain. Mar an ceudna bha mòr thlachd agam ann an ruitearachd, craos, òl, mionnachadh, breugan, neo-ghlaine, bristeadh latha an Tighearna, &c. a bha na ìmpidh air an anam a sgrìos. Ach mhothaich mi fa-dhedèigh le nithibh diadhaidh éisdeachd agus a' thoirt fainear, a chuala mi gu deimhin uatsa agus o Dhèileas ionmbuinn, a chaidh chur gu bàs aig féill an Diomhanais air son a chreideimh agus a dheagh chaithe-beatha, gur e bu chrìoch do na nithe ud am bàs, (Rom. vi. 21, 22, 23,) agus air son nan nithe sin, gu'm beil fearg Dhé a' teachd air cloinn na h-as-umhlachd. (Ephes. v. 6.)

*Criosdaidh.* Agus an tàinig thu gu grad fo chumhachd a' gheur-mhothachaidh so?

*Ciatach.* Cha tàinig; cha robh mi 's an àm deònach air olc a' pheacaidh a thuigsinn, no an dìteadh a bha ri tighinn orrasan a chuireadh an gnìomh e; ach rinn mi, cruaidh spàirn 'nuair bha m' inntinn an tùs a' teannadh ri dùsgadh leis an fhacal, mo shùilean a dhùineadh an aghaidh a sholuis.

*Criosdaidh.* Ach ciod bu choireach ri thu bhi mar sin an aghaidh ceud oibreachaidh Spioraid bheannaichte Dhé air t'anam?

*Ciatach.* B' iad na h-obair so iad, *sa' cheud àite*, Nach robh fios agam gur i obair Dhé a bh'ann. Cha do smuainich mi riamh, gur h-ann le mothachadh air a' pheacadh, a thòisich Dia ris a' pheacach iompachadh. *Anns an dara h-àite*, Bha fhathast am peacadh taitneach dhomh, agus bu duilich leam cùl a chur ris. *Anns an treas àite*, Cha b' urrainn mi smuaineachadh cionnas a thréiginn mo sheana còmpaich, bha 'n cuideachd agus an deanadais cho taitneach leam. *Anns a' cheathrumh àite*, Bha 'n t-am san robh geur-mhothachadh air a thoirt domh cho draghail eagalach leam, 's nach b' urrainn domh urrad agus smuaineachadh air, fhulang.

*Criosdaidh.* 'S coltach ma ta gu'n robh thu air uairean a' faighinn saorsa bho do thrioblaid.

*Ciatach.* Bha mi gu deimhin; ach thigeadh e a rithist am chùimhne, agus bhithinn cho olc, seadh ni bu mheasa na bha mi roimhe.

*Criosdaidh.* Ciod a bha toirt do pheacaidh gu d' chùimhne a rithist?

*Ciatach.* Iomadh ni; mar tha:—

1. Na'n tachradh duine math orm air an t-sràid.
2. Na'n cluinninn aon neach a' leughadh a Bhiobaill.
3. Nam fàsadh mo cheann goirt.
4. Na'n cluinninn gu'm biodh cuid de m' choimhearsnaich tinn.
5. Na'n cluinninn an clag a' bualadh air son aon a bha marbh.

6. Nan smuaintichinn gum faighinn fhéin am bàs.

7. Na'n cluinninn grad bhàs a theachd air neach eile.

8. Ach gu sònraichte, 'nuair a smuaintichinn umam féin, gu'm b'eigin domh tighinn an ùine ghearr chum breitheanis.

*Criosdaidh.* Agus am b' urrainn dut aig uair sam bith gun spàirn ciont a' pheacaidh a chur as t'aire 'nuair, a thigeadh e ort air aon de na dòighean sin?

*Ciatach.* Cha b' urrainn idir; oir an sin chaidh ia' n'a bu doimhne ann am chogais; agus na'n smuaintichinn air dol air m' ais ann an slighe a' pheacaidh, bhiodh e dhomh 'na pheanas ro mhòr.

*Criosdaidh.* Agus cionnas a rinn thu 'n sin?

*Ciatach.* Air leam gu'm feumainn mo chaithe-beatha athleasachadh; no gu'm bithinn cinnteach caillte.

*Criosdaidh.* Agus an dh'fheuch thu ri ath-leasachadh?

*Ciatach.* Dh' fheuch mi agus cha'n e mhàin gu'n do thréig mi mo pheacannan, ach mo chòmpanaich pheacach cuideachd, agus ghnàthaich mi dleasanais dhiadhaidh; mar tha ùrnaigh, leughadh, gul air son peacaidh, an fhìrinn a' labhairt ri m' choimhearsnaich, agus mar sin sìos. Na nithe sin rinn mi, agus iomadh ni eile, a bhiodh tuilleadh 's lionmhor an so r'an ainmeachadh.

*Criosdaidh.* Agus an e air leat gu'n robh thu an sin gu math?

*Ciatach.* Air leam gu'n robh, rè seal; ach thainig mo thrioblaid orm a rithist a dh' aindeoin gach ath-leasachadh a rinn mi.

*Criosdaidh.* Cionnas a thachair sin, o'n a bha thu nis' ath-leasaichte?

*Ciatach.* 'S iomadh ni a thug orm e, gu sònraichte cainnt mar so: Gu'm beil ar fìreantachd uile mar luid-eig shalaich, (Isa. lxiv. 6.) Nach fìrinnichear duine sam bith le oibrìbh an lagha; (Gal. ii. 16.) 'Nuair a ni sinn na h-uile ni, abair, Gur séirbhisich neo-tharbhach sinn, (Luc. xvii. 10.) agus le iomadh ni mar sin; leis an do theann mi ri co'-reusnachadh rium féin air an dòigh so: Ma tha m' uil' fhìreantachd féin mar luideig neo-ghlain; mar fìrinnichear duine le oibrìbh an lagha; agus 'nuair a ni sinn na h-uile ni, gu'm beil sinn neo-tharbhach: an sin 's diomhain ionnsaidh a thoirt air nèamh leis an lagh. Smuainich mi mar so cuideachd: Ma ruitheas duine e-féin ceud pund-Sasunnach ann am fiachaibh a cheannaicbe, agus an deigh sin gun dìol e gach ni eile a bheir e uaithe; gidheadh ma thana seann-fhiachan so gun dìoladh, faodaidh an ceannaicbe a thagradh air an son agus a chur am prìosan gus an dìol e na fiachan.

*Criosdaidh.* Seadh, agus cionnas a chàirich thu so rid' chòr féin.

*Ciatach.* Smuainich mi air an dòigh so air: tha mi le m' pheacaibh fad ann am fiachan Dé; agus cha toir m' ath-leasachadh san àm dìoladh 'sna fiachan sin; air an aobhar sin is còir dhomh a smuainteachadh cionnas a shaorar mi o'n dìteadh a thoill mi le m' pheacaibh a chaidh seachad?

*Criosdaidh.* 'S math a cho-chuir thu e gu deimhin: ach lean air t'aghaidh.

*Ciatach.* Is ni eile so a chuir mòr iomagain orm o'n a dh' ath-leasaich mi, ma dh' amhairceas mi gu min air mo ghnìomharran is fearr gu'm beil mi faicinn

co-'mheasgadh do pheacannan ùr'annta; airchor's gu eigin domh an dràst' aideachadh, a dh'aindeoin gach deagh bharail a bh'agam orm féin, gu'm beil mi nis' a' cur do pheacadh an gnìomh an aon là na bu leòr gum' chuir do dh'ifrinn, ged a bhiodh mo chaithe-beatha san àm a chaidh neo-choireach.

*Criosdaidh.* Agus ciod a rinn thu'n sin?

*Ciatach.* Ciod a rinn mi! Cha b'urrainn domh a thuigsinn ciod a dheanainn, gus an d'innis mi mo rùn do Dhìleas; oir bha sinn min-eòlach air a chéile: agus dh'innis e dhomh, mar faighinn còir air fireantachd duine nach do pheacaich riamh, nach robh m'fhìreantachd féin, no na bha dh'fhìreantachd air an t-saoghal comasach air mo shaoradh.

*Chriosdaidh.* Agus am b'e air leat gu'n do labhair e'n fhìrinn?

*Ciatach.* Nam b'ann 'nuair bha mi toilichte le m'ath-leasachadh féin a dh'innseadh e sin domh, theirinn gu'm b'amadan e; ach a nis', o'n a tha mothachadh agam air m' anmhuinneachd féin, agus air a' pheacadh a tha 'n co-lorg an dleasanais is fearr a chuireas mi 'n gnìomh, b'fheudar dhomh bhì de a bharail-san.

*Chriosdaidh.* Ach an robh thu m' barail 'nuair a labhair e 'n tùs uime, gu'n robh a leithid sin do duine r'a fhaotainn, ris am faodamaid a ràdh le fìrinn nach do pheacaich e riamh?

*Ciatach.* 'S eigin domh aideachadh gu'n do chuir a chainnt air tùs iongantais orm; ach an déigh dhomh labhairt ris uime, agus a bhì 'na chuideachd, bha làn mhothachadh agam air.

*Criosdaidh.* Agus an dh'fhiosraich thu dheth ciod an duin' a bh' ann, agus cionnus a dh'fhaodadh tu bhì air t' fhìreanachadh leis-san?

*Ciatach.* Dh'fhioraich; agus dh'innis e dhomh gu'n robh an Tighearn Iosa, a tha chòmhnaidh aig deas làimh an Tì is Airde. Agus mar so, thuirte e, 's eigin dut a bhì air t' fhìreanachadh leis, eadhon le earbsadh as na rinn e 'nuair a bha e san fhèidil, agus as na

dh'fhuilig e 'n trà bha e'n crochadh air a chrann. Dh'fheòraich mi dheth mar an ceudna, cionnas a dh'fhaodadh fìreantachd an duine sin a bhi làn-dhiongmhalta chum duine fhìreanachadh am fianais Dé? Agus dh'innis e dhomh, Gu'm b'è féin an Dia Uile-chumbachdach, agus gu'n do chuir e 'n gnìomh na rinn e, agus fòs gu'n do d'fhuilig e 'm bàs, ach nach b' ann air a shon féin, ach air mo shonsa; d'an rachadh na rinn e, agus an toillteannas a mheas dhomhsa, na'n creidinn ann. Eabh. x. Col i. 1 Cor. i. Peter i.

*Criosdaidh.* Agus ciod a rinn thu'n sin?

*Ciatach.* Rinn, gu'n tuirt mi gach ni bh' agam an aghaidh creidsinn ann: oir, air leam nach biodh e toileach mo shaoradh.

*Criosdaidh.* Ach ciod a thuirt Dìleas riut an sin?

*Ciatach.* Thuirt e rium dol d'a ionnsaidh a dh'fhaicinn. An sin thuirt mi gu'm b'an-dànachd e. Thuirt e-san, nach b'eadh; a chionn gu'n robh cuireadh agam teachd. An sin thug e leabhar dhomh a dheachd Iosa Criosd, chum am barrachd misnich a thoirt domh gu teachd; agus thuirt e, gu'n robh gach lideadh de'n leabhar sin cho dìongmhalta ri nèamh agus ri talamh. An sin dh'fheòraich mi ciod a b' éigin domh a dheanamh 'nuair a thiginn! thuirt e, gu'm b' éigin domh guidhe air mo ghlùinean, le m' uile chridhe agus le m' uile anam, air an Athair gu'm follsicheadh e dhomhs' e. An sin thuirt mi ris, Cionnas a chuirinn suas m' achanaich ris. Agus thuirt e, Rach d'a ionnsaidh, agus gheibh thu e 'na shuidh air cathair na tràcair, far am beil e do gnà chum mathanas a thoirt do gach neach a thig d' a ionnsaidh. Thuirt mi ris, nach b'aithne dhomh ciod a theirinn 'nuair a thiginn. Thuirt e rium a ràdh san t-seadh so: "A Dhé bi tràcaireach dhomhsa tha'm pheacach, agus deònaich dhomh eòlas a bhi agam air Iosa Criosd, agus creidsinn ann, oir tha mi toirt fainear mar biodh fhìreantachd-sa idir ann, no mar bi creideamh agamsa anns an fhìreantachd sin, gu'n sgriosar mi. O Thighearna chuala mi gur Dia tràcaireach thu, agus gu'n d'òrduich

thu gu'm b'è do Mhac Iosa Crìosd Slànaighear a chinne-dhaona: agus osbarr, gu'm bheil thu deònach a bhuileachadh ormsa a ta am pheacach bochd, cailte dhìom féin; a Thighearna ma ta glac an cothrom so, agus àrdaich do ghràs ann an saoradh 'm anma, trid do Mhic Iosa Crìosd, *Amen.*" Mat. xi. 28; xxiv. 25. Sàlm. xcv. 6. Dan. vi. 10. Ier. xxxi. 10, 11. Ecsod. xxv. 22. Lebh. xvi. 9. Air. xi. 7, 8. Eabh. iv. 6.

*Crìosdaidh.* Agus an d'rinn thu mar chaidh iarraidh ort?

*Ciatach.* Rinn, A rithist, a rithist, agus a rithist.

*Crìosdaidh.* Agus an dh'fhoillsich an t-Athair am Mac dhut?

*Ciatach.* Cha d'fhoillsich, A' cheud uair, no'n dara h-uair no'n treas uair, no'n ceathramh uair, no'n cùigeamh uair; no'n seachdamh uair cuideachd.

*Crìosdaidh.* Cìod a rinn thu'n sin?

*Ciatach.* Cìod a rinn mi! Cha b' aithne dhomh cìod a dheanainn.

*Crìosdaidh.* Nach robh thu smuainteach' air sgur do dh'ùrnaigh?

*Ciatach.* Bha iomadh uair.

*Crìosdaidh.* Agus c'airson nach d'rinn thu sin?

*Ciatach.* Chreid mi gu'n robh na chaidh a ràdh rium fìor, eadhon, As eugmhais fìreantachd Chrìosd, nach robh an saoghal air fad comasach air mo shaoradh; agus uime sin smuaintich mi annam féin, ma leigeas mi dhìom a bhi 'g ùrnaigh, thèid mi dhìth, agus cha 'n éirich ni 's measa na sin domh aig cathair nan gràs. Agus chùimhnich mi air so, ged a ni e maille, feith ris; oir gu deimhin thig e, cha bhi e air dheireadh. Mar so bhunaich mi ann an ùrnaigh gus an dh'fhoillsich an t-Athair am Mac dhomh. Hab. ii. 3.

*Crìosdaidh.* Agus cionnas a bha e air fhoillseachadh dhut? Ephes i. 18, 19.

*Ciatach.* Chan fhaca mi e le m' shùilean corporra, ach le sùilean mo thuigse agus b' ann mar so a thachair: Bha mi aon là ro-dhubhach, air leam ni bu duobh-

aiche na bha mi uair sam bith roimhe sin : agus bha'n dubhachas so ag éiridh o shealladh ùr air lionmhorachd agus air gràinealachd mo pheacaidh. Cha robh an sin dùil agam ri aon ni ach ri ifrinn, agus dìteadh siorruidh m'anma ; air leam, gu'm faca mi gu grad an Tighearn Iosa 'g amharc a nuas o nèamb orm, agus ag ràdh, " Creid anns an Tighearn Iosa Crìosd, agus saorar thu." Gnìomh. xxvi. 30, 31.

Ach thuirt mi, a Thighearna, is peacach ro-mhor mi ; agus fhreagair e, " Is leòir mo ghràs-sa dhut." (2 Cor. xii. 9.) An sin thuirt mi, a Thighearna, " ciod e creidsinn ?" Agus an sin thuig mi bho Eoin vi. 35. " An tì a thig am ionnsaidhse, cha bhi acras gu bràth air," gum b'e teachd agus creidsinn an t-aon ni ; agus gu'n robh e-san a thàinig, se sin, a bha togradh a chridhe an geall air slàinte tre chrìosd, gun amharas a' creidsinn ann an Crìosd. An sin thàinig dedir am rosgaibh, agus dh'fheòraich mi ni b'fhaide, Ach, A Thighearn, an gabh thu ri peacach mòr mar tha mise, agus an saor thu e? Agus chuala mi e 'g ràdh, " An tì a thig am ionnsaidhse cha tilg mi air chor sam bith a mach e." (Eoin vi. 37.) An sin thuirt mi, Ach cionnas, a Thighearna, is eigin domh a thuigsinn umad le m' theachd ad' ionnsaidh, chum gum bi mo chreideamh air a socrachadh gu ceart ort : An sin thuirt e, " Thainig Crìosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach." (1 Tim. i. 16 ; Rom. x. 4.) Is e-san crìoch an lagha, chum fìreantachd do gach neach a chreideas ; bhàsaich e air son ar peacaidh, agus dh' éirich e a rithist air son ar fìreanachaidh, ghràdhaich e sinn, agus nigh e sinn o'r peacaibh 'na fhuil féin. (Eabh. vii. 24, 25.) Is e-san an t-Eadar-mheadhonair eadar Dia agus sinne : tha e bheò gu Siorruidh chum eadar-ghuidhe a dheanamh air ar son. O gach ni dhiu sin thuig mi gu'm b'eigin domh sùil a bhi agam ri fìreantachd 'na phearsa, agus air son dìoladh mo pheacaidh trid fhala ; nach ann air a shon féin a strìochd e do lagh Athar, agus a thug e dìoladh na bhrìsteadh, ach air a shonsan a dh'earras

a shaoradh ris, agus a bhitheas taingeil. Bha me chridhe an sin làn aoibhneis, mo shùilean làn dheur, agus mo thograidh a' cur thairis le gràdh do dh' ainm, do shluagh, agus do shlighibh Iosa Crìosd.

*Crìosdaidh.* B'fhoillseachadh so da rìreadh air Crìosd do t'anam: Ach innis domb cìod an drùghadh a rinn e air do spiorad?

*Ciatach.* Leig e ris domh gu'm beil an saoghal uile, ge mòr a th'ann do dh'fhèrantachd, fo staid dhùidh; Thug e orm fhaicinn gu'm faod Dia an t-Athair, ged a tha e cothromach, am peacach a thig mar sin, gu ceart-bhreitheach fhèranachadh: Chuir e nàire mhòr orm air son gràinealachd mo chaithe-beatha san àm a chaidh seachad, agus chuir e fo amhladh mi le mothachadh air meud m' aineolais; oir cha do smuainich mi riamh roimhe so air mais' Iosa Crìosd: Thug e orm spéis a bhi agam do bheatha dhiadhaidh, agus gu fadal a bhi orm gus an deanainn nieigin chum urram agus glòir ainm an Tighearna Iosa: Seadh air leam a nise gu'm builichinn gu togarrach am braon ma dheireadh de'm' fhuil 'na aobhar.

Chunnaic mi 'n sin, gu'n do sheall Ciatach air ais, agus gu'm fac e Aineolach, a dh'fhàg iad air deireadh, a' teachd 'nan deigh. Seall, thuirte ri Crìosdaidh, cho fad 's a tha 'n slaodaire ud as ar deigh?

*Crìosdaidh.* 'S math a tha mi ga fhaicinn: cha chaomh leis ar cuideachd-ne.

*Ciatach.* Ach 's mealta mise nam bu mhist e bhi leinn an fhad so.

*Crìosdaidh.* Is fìor sin; ach 's cinnteach mise gu'm beil e fein do chaochla barail.

*Ciatach.* Creididh mi gu'm beil: ach feitheamaid ris gus an tìge e.

An sin thuirte Crìosdaidh ris, Thig air t'aghaidh, a dhuine, C'arson a tha thu fuireach cho fad air deireadh?

*Aineolach.* Is fearr leam imeachd 'n am' aonar na measg cuideachd mar e cuideachd is caomh leam a bhios ann.

An sin thuirte Crìosdaidh ri Ciatach, (os n-ìosal,)



Nach tuirt mi riut nach bu toigh leis ar cuideachd-ne, ach gidheadh, thuirt e, labhramaid r'a chéile san ionad uaigneach so. An sin thionndaidh e ri Aineolach ; agus thuirt e, Cionnas a tha thu ; Cionnas a tha chùis eadar Dia agus t'anam a nise ?

*Aineolach* Tha dòchas agam gu'm beil gu math, oir tha mi do ghnà air mo lìonadh le deagh thogradh, chum sòlas a thoirt domh air mo thuras.

*Crìosdaidh.* Innis duinn, guidheam ort, Ciod an deagh thogradh ?

*Aineolach.* Tha mi smuaineach air Dia agus a' fàitheas.

*Crìosdaidh.* Tha na deamhnaibh agus na h-anmaibh damnaite deanamh an ni ceudna.

*Aineolach.* Ach tha mis a' smuaineach orra agus g'am miannachadh.

*Crìosdaidh.* 'S amhail a tha iomadh neach nach ei. coltach ri teachd am feasd ann. " Miannaichidh anam an leisgein, agus cha bhi bheag aige." Gnà. xiii. 4.

*Aineolach.* Ach tha mis' a' smuaineach orr', agus dh-fhàg mi 'n t-iomlan air an son.

*Crìosdaidh.* Tha mi cur sin an teagamh, oir 's cùis chruaidh an t-iomlan a thréigsinn : seadh, ni 's deacaire na tha mòran ann am barail. Ach cò leis, no c'arson a tha thusa cinnteach gu'n do thréig thu gach ni air son Dhé agus fhlaithis ?

*Aineolach.* Tha mo chridhe 'g innseadh sin domh.

*Crìosdaidh.* Tha 'n duine glic ag ràdh, " An tì a dh'earbas as a chridhe féin, is amadan e." Gnàth. xxviii. 26.

*Aineolach.* 'S ann a tha sin air a ràdh mu dhroch chridhe, ach tha mo chridhe-sa math.

*Crìosdaidh.* Ach cionnas a ni thu sin a mach ?

*Aineolach.* Tha e toirt sòlais domh le dòchas ri nèamh.

*Crìosdaidh.* Faodaidh sin a bhi tre mhealltaireachd ; oir faodaidh chridhe duine misneach a thoirt da air son ni air nach eil deagh stéigh dòchais aige.

*Aineolach.* Ach tha mo chridhe agus mo chaithe-

beatha a' co-chòrdadh; uime sin tha mo chridhe air deagh stéigh.

*Criosdaidh.* Cò dh'innis dut gu'n robh do chridhe agus do chaithe-beatha a' co-chòrdadh?

*Aineolach.* Tha mo chridhe g'a innseadh dhomh.

*Criosdaidh.* Feòraich do 'm chòmpanach am beil mi am' mheirleach? Tha do chridhe ag innseadh sin dut! Mar tog facal Dé fianais sa chùis so, cha dean fianais eile a bheag.

*Aineolach.* Ach nach cridhe math aig am bi deagh smuaintean. Agus nach deagh chaithe-beatha a bhios a réir àintean Dhé?

*Criosdaidh.* Seadh; is deagh chridhe aig am bi smuaintean math, agus is deagh chaithe-beatha a bhios a réir àintean Dhé: Ach is aon ni iad sin a bhi aig duine, agus is ni eile gu'n bhi ach a' smuainteach orra.

*Aineolach.* Ciod ris their thu smuaintean matha, agus caithe-beatha do réir àintean Dhé?

*Criosdaidh.* Tha iomadh gnè de dheagh smuaintean ann; cuid umainn féin, cuid mu Dhia, cuid mu Chrìosd, agus cuid mu nithe eile.

*Aineolach.* Ciod iad ar smuaintean mu'r timchioll féin?

*Criosdaidh.* Iad sin a tha 'réir facail Dé.

*Aineolach.* C'uin a tha ar smuaintean umainn féin a réir facail Dé?

*Criosdaidh.* An uair a tha ar barail umainn, féin a réir an fhacail. Gu bhi ni 's soilleire; Tha facal Dé ag ràdh mu dhaoine ann an staid nàduir, "Cha n-eil ionracan ann, Cha n-eil neach a tha deanamh math." (Rom. iii. 10, 12.) Tha e 'g ràdh mar an ceudna, Gu'm beil uile bhreithneachadh smuaintean a' chridhe a mhàin olc o òige. A nis' ma ta, 'nuair a smuainticheas sinn oirn féin, le mothachadh air a' sin, tha ar smuaintean math, do bhrì gu'm beil iad a réir facail Dé.

*Aineolach.* Cha chreid mi 'm feasd gu'm beil mo chridhe cho olc sin.

*Criosdaidh.* Cha robh, ma ta aon smuain cheart agad umad féin riamh. Ach ceachaich dhomh crìoch a chur

air mo sheanachas. Mar tha 'm facal a' toirt breith air ar smuain: tìbh 's amhail a tha e toirt breith air ar deanadais; 's an uair a tha smuaintean ar cridhe agus ar deanadais a' còrdadh ris a' bhreth a bheir am facal orra, tha iad an sin le chéile ceart, a chionn gu'm beil iad ga réir.

*Aineolach.* Mìnich a' chùis.

*Criosdaidh.* Mìnichidh; Tha facal Dé ag ràdh, gu'm òeil slighean dhaoine cam; gun a bhì math, ach claon: tha e 'g ràdh gu'm beil iad a thaobh nàduir as an t-slighe cheart, agus nach aithne dhaibh i. A nis' an uair a smuainicheas duine mar so mu shlighibh, le iris-leachd inntinn, 's ann an sin a bhitheas smuaintean ceart aige m'a shlighibh féin, a chionn gu'm beil a smuaintean a réir breith facail Dé. Salm. cxxx. 5.; Gnà. ii. 15.; Rom. iii.

*Aineolach.* Ciod iad na nithe matha mu thimchioll Dhé?

*Criosdaidh.* Dìreach mar thuirt mi m'ar timchioll féin, an uair a tha ar smuaintean mu Dhia a réir na tha 'm facal ag ràdh uime; se sin, 'nuair a smuainicheas sinn mu bhith agus mu bhuaidhean, mar tha 'm facal g'ar teagasg; mu nach eil cothorm agam labhairt san àm. Ach chum labhairt uime m'ar timchioll féin; 'nuair a tha smuaintean ceart againn mu Dhia, 'nuair a tha sinn am barail gur aithne dha sinn gu mòr ni 's fearr no is aithne dhuinn féin, agus gu'm faic e euceart annainn an uair nach eil sinn féin mothachdail air: an uair a tha fios againn gu'm beil e fiosrach air ar smuaintean is diomhaire, agus gu'm beil ar cridheachan le 'n uile rùin gnàth-fhosgailte 'na fhianais. Agus fòs, an uair a tha sinn a' smuaineachadh gu'm beil ar fireantachd féin uile mar ni neo-gblan leis-san, agus nach gabh e ruinn air chòr sam bith 'n-ar fireantachd féin.

*Aineolach.* Am beil thu 'm barail gu'm beil mis' am amadan cho mòr 's nach smuainich mi gu'm beil Dia ni's fiosraiche na mi féin! no gun tiginn a chum Dhé leis a' chuid a b' fhearr de m' dheanadas.

*Criosdaidh.* Cionnas a tha do bharail mu'n chùis so ?

*Aineolach.* An aon fhacal, 'S i mo bharail gur feum-aill domh creidsinn ann an Criosd chum m'fhìreanachadh.

*Criosdaidh.* Cia mar sin ! 'nuair nach eil thu faicinn feum agad air ! cha n-eil thu mothachail air do pheacannan gine no gnìomha ; ach tha barail cho mòr agad umad féin agus mu ua ni thu, 'sa tha ga t'fhàgail gu soilleir gun bhi meas gu'm beil feum agad air fireantachd Chriosd chum t'fhìreanachadh an làthair Dhé. Cionnas ma tà a their thu, " Tha mi creidsinn ann an Criosd ?

*Aineolach.* Tha mi creidsinn gu ceart air son sin.

*Criosdaidh.* Cionnas a tha thu creidsinn ?

*Aineolach.* Tha mi creidsinn gu'n deach' Criosd gu bàs air son pheacach : agus gu'm fireanaichear mi an làthair Dhé o'n mhallachadh, trid e-san a ghabhail gu gràs-mhòr ri m' ùmhalchd d'a lagh. No mar so : Gu'm beil Criosd a' deanamh mo dhleasanasan diadhaidh taitneach d'a Athair, tre thoilteannas féin : agus mar so bithidh mi air m'fhìreanachadh

*Criosdaidh.* Leig leam freagradh a thoirt air aidmheil do chreideimh.

*Anns a' cheud àite.* Tha thu creidsinn le creideimh neònach ; oir cha n-eil an creideamh so ann an àit air bith air a chur sìos ann am facal Dé.

*Anns an dara h-àite.* Tha thu creidsinn le creideimh meallta, a chionn gu'm beil e a' toirt fireanachaidh o fhìreantachd Chriosd, agus ga chàradh ri t'fhìreantachd féin.

*Anns an treas àite.* Cha n-eil an creideamh so a' deanamh Chriosd, na fhear-fireanachaidh air do phearsa, ach air do dheanadais ; agus air do phearsa as leth do dheanadais, ni a tha meallta.

*Anns a' cheathramh àite.* Air an aobhar sin tha'n creideamh so cealgach, air chor 's gu'm fàg e thu fo fhéirg air chionn latha a' mhòr chunntais ; oir tha creideamh fìor a dh'fhìreanaicheas a' cur an anma le moth-

achadh air a chòr cailte fo 'n lagh thuige gu teicheadh a dh'iarraidh cobhrach air fhìreantachd Chrìosd: agus cha ghnìomh gràis fhìreantachd-san, leis am beil e deanamh t-ùmhlachd-sa taitneach le Dia, mar stéigh t'fhìreanachaidh; ach ùmhlachd féin do'n lagh, le e a dheanamh agus fhulang air ar son-ne na bha'n lagh ag iarraidh oirnn. Tha fìor chreideamh a' gabhail ris an fhìreantachd so: tha'n t-anam, sgeudaichte leis an fhìreantachd so, agus air a nochdadh gun smal leatha an làthair Dhé, air gabhail ris agus air a shaoradh o dhìteadh.

*Aineolach.* Ciod! An e gu'm b'àill leat sinn a dh-earbsa ris na rinn Chrìosd as ar leth? Bhiodh so na impidh air srian a leigeadh le'r n-ana-miannan, agus gu cead a thoirt duinn ar beatha a chaitheadh mar a b'àill leinn; oir ciod an umhail cionnas a chaitheas sinn ar beatha, ma bhitheas sinn air ar fhìreanachadh le fireantachd Chrìosd, o gach peacadh, ma chreideas sinn ann!

*Criosdaidh.* 'S e aineolas t'ainm, agus mar t'ainm, 's amhail a tha thu; tha do fhreagrachd féin a' cur so an céil. Tha thu aineolach ciod i an fhìreantachd a dh'fhìreanaicheas, agus ceart cho aineolach cionnas a shaoras tu t'anam o throm fhéirg Dhé tre chreideamh ann. Seadh, tha thu cuideachd aineolach air fìor thoradh creideimh slàinteil ann am fhìreantachd Chrìosd, ni is e an cridhe aomadh a dh'ionnsaidh Dhé ann an Chrìosd, ainm, fhacal, a shlighean, agus a shluagh a ghràdhachadh, agus cha n-ann mar tha thusa gu h-aineolach a' baralachadh.

*Ciatach.* Fedraich dheth an deach Chrìosd riamh fhoillseachadh dha o neamh?

*Aineolach.* Ciod e! Tha thusa air son foillseachaidh! 'S i mo bharail nach eil anns na tha thusa agus gach fear eile agaibh ag ràdh mu'n chùis so, ach toradh eanachainn fhaoin na breislich.

*Ciatach.* Tha Chrìosd cho mòr am falach ann an Dia do bharail nàdurra na feòla, 's nach faodar aithneachadh

air mhodh slàinteil, mar foillsich Dia an t-Athair dhaibh e.

*Aineolach.* 'S e sin 'ur creideamh-sa, ach cha'n e mo chreideamh-sa; agus, si mo bharail gu'm beil e cho math ris na th' agaibhse, ged nach eil a cho liugha faoineachd am cheann.

*Criosdaidh.* Leigibh leam aon fhacal a ràdh; cha bu chòir dh'è labhairt cho faoin mu'n chùis so: oir cuiridh mi 'n cèll gu follaiseach, mar rinn mo cho'-fhear-turais, nach comasach a dh'aon neach a bhi eòlach mu Chrìosd ach tre fhoillseachadh an Athar; seadh agus creideamh cuideachd, leis am beil an t-anam a' deanamh greim air Chrìosd, agus 's eigin gur h-ann le ro mheud a chumhachd a dh' oibrichear e; agus tha mi tuigsinn gu'm beil thusa tūr aineolach mu oibreachadh a' chreideimh so. Mosgail ma ta, tuig do neo-fhoghainteachd féin, agus teich chum an t-Slànaighear bheannaichte! agus tre fhìreantachd-san, ni is i fhìreantachd Dhé (oir is e Céin Dia) bithidh tu air do shaoradh o dhìteadh.

Seadh, aineolaich am fan thu fathast baoth,  
Le tàir air comhairlean a fhuair thu saor,  
'S ma ni thu di-meas orra so ri d' bheò  
Chì thus an t-òlc a bheireas ort fa-dheòigh;  
Cùmhnich ma ghabhas tu deagh chomhairl tràth  
Gur dìdeann dhut i, fòs o sgrios a bhàis,  
'S ma ni thu dearmad oirre le neo-bhrìgh  
Bì'dh tus an call deth Aineolaich oir théid thu dhith!

*Aineolach.* Tha sibh a' coiseachd cho luath 's nach eil mise comasach air cumail suas ribh: fàlbhaibh sibhse roimbibh: 's éigin domhsa stad ré tamaill, air deireadh.

An sin thuirt Criosdaidh r'a chòmpanach;

*Criosdaidh.* Thig a dheagh Chiataich, tha mi tuigsinn gur éigin duinne cuir suas leinn féin a rithist.

Mar so chunnaic mi am aisling, gu'n do ghabh iadsan toiseach na slighe, agus thainig Aineolach san turamanach 'nan déigh. An sin thuirt Criosdaidh r'a nàbaidh, Tha mi duilich air son an duine bhochd so: 's eagal leam gum bi chùis cruaidh air ma dheireadh.

*Ciatach.* Mo thruaighe! 'S ioma fear d'a sheòrsa tha sa' bhail' againne, tha teaghlaichean agus sràidean iomlan, tha agus eilthirich cuideachd, agus ma tha cho liugha fear 'n-ar dùthaich-ne, nach lionmhor a bhith-eas iad far an d' rugadh e-san?

*Criosdaidh.* Tha 'm facal ag ràdh, "Gun do dhall e an sùilean chum nach faiceadh iad." &c.

Ach a nis' o'n tha sinn leinn féin, Ciod i do bharail mu leithid sud de dhaoine? Am beil uair sam bith mothachadh ac' air a' pheacadh, agus da thaobh sin fo eagal gu'm beil an còr cunnartach?

*Ciatach.* Bheir mi urram na h-aoise dbut, Thoir féin freagairt air a' cheist sin.

*Criosdaidh.* A nis' tha mi 'g ràdh gun teagamh gu'm bì; ach air dhaibh a bhì a thaobh nàduir aineolach, cha n-eil iad a' toirt fainear gu'm beil na geur-mhothachaidh sin a chum am math; agus air an aobhar sin tha iad a' dian strì r'an cumail an cleth, agus tha iad gu h-an-dàna ri miodal riu féin ann an slighibh an cridh-eachan féin.

*Ciatach.* Tha mi leats a' creidsinn, gu'm beil eagal chum leas dhaoine, chum an deanamh ceart ann an tùs an eilthireachd.

*Criosdaidh.* Gun teagamh tha, ma tha e ceart: oir s ambail a tha 'm facal ag ràdh, "'S e eagal an Tigh-earna tùs a' ghliocais." Iob xxvii. 28. Salm cxi. 10. Gnà. i. 7; ix. 10.

*Ciatach.* Cionnas a mhìnicheas tu eagal ceart?

*Criosdaidh.* Tha eagal fìor no ceart air fhaotainn a mach le trì nithibh; (1.) Le a thùs; tha e air a dhùsgadh le geur-mhothachadh slàinteil mu pheacadh. (2.) Tha e cur an anama gu greim daingean a ghabhail air Criosd air son slàinte. (3.) Tha e tàrmachadh agus a' gleidheadh anns an anam urram mòr do Dhia, d'a fhacal, agus d'a shlighibh, ga ghleidheadh faicilleach agus gioragach mu thionndadh chum na làimhe deise no clìthe gu aon ni a bheir eas-urram do Dhia, a ghluaiseas a shìth. a

chuireas doilgheas air an Spiorad, no bheir air an eascaraid labhairt gu tàireil,

*Ciatach.* 'S math a thuirt thu e; 'S barail leam gu'n do labhair thu 'n fhìrinn. Am beil sinn dlù air bhi á' fearann na drùigheachd?

*Criosdaidh.* Am beil thu sgèth de'n t-seanachas?

*Ciatach.* Cha n-eil gu deimhin, ach gum bu mhiann leam fios a bhi agam c' àit am beil sinn.

*Criosdaidh.* Cha mhò na dà mhìle a th' againn ri dheanamh ann. Ach pilleamaid ri' r naigheachd. Ach cha n-eil fios aig a' mhuinntir aineolaich gu'm beil na geur-mhothachaidh a chuireas eagal orra, a chum an leas, agus uime sin tha iad ag iarraidh an cumail fodha?

*Ciatach.* Cionnas a tha iad ag iarraidh an cumail fodha?

*Criosdaidh.* (1.) Tha iad am barail gur e'n droch spiorad a tha dùsgadh nan eagal ud, (ged is e Dia a tha ris) agus leis a sin tha iad a' cur 'nan aghaidh mar nithe a ghearradh às iad. (2.) Tha iad a meas gu'm beil na h-eagail sin a' cuideachadh r'an creideamh a mhilleadh, an uair, mo thruaighe! nach eil creideamh sam bith aca! agus uime sin tha iad a' cruadhachadh an cridheachan 'nan aghaidh. (3.) Tha iad a' smuaineachadh nach còir dhaibh a bhi fo eagal, agus uime sin tha iad a' fàs ro-dhàna. (4.) Tha iad a' faicinn gu'm beil na h-eagail sin a' cuideacha gu cuir as d'an seann fhéin-naomhachd thruagh, agus uime sin tha iad le'n uile dhìcheall a cur nan aghaidh.

*Ciatach.* Dh' fhairich mi-féin càileigin deth so, mu'n robh fios agam ciod e.

*Criosdaidh.* Fàgaidh sinn an uair so ar coimhearsnach Aineolach leis féin, agus gabhaidh sinn seanachas tarbhach eile.

*Ciatach.* Tha mi ro-dheònach, ach toisichidh tu féin air.

*Criosdaidh.* Ro mhath ma ta, Am b' aithne dhut o cheann deich bliadhna, duine ris an abradh iad, Car-seal,



's a chearn agaibhse de'n dùthaich, a bha mu'n àm sin ainmeil dàna ann an cràbhadh?

*Ciatach.* 'S ann domh a b'aithne: bha e chòmhnaidh ann am baile Gun-ghràs, mu thimchioll da mhìle á Ion-racas; agus bha e san ath dorus ri Pill-air-ais.

*Criosdaidh.* Tha thu ceart. Bha e fo dhruim an aon taighe ris. Ma ta bha'n duine sin gu mòr air a dhùsgadh aon uair: tha mi'm barail gu'n d'fhuair e aon uair rudeigin do mhothachadh air a pheacannan, agus air an duais a bna dligheach dhaibh.

*Ciatach.* Tha mis' anns a' bharail sin cuideachd; oir is tric a thainig e dh' ionnsaidh mo thaighe, a' sileadh dheur. 'S tric bu truagh leam e, agus bha-dòchas agam gu'n iompaichte e gu staid shona: ach faodaidh sinn fhaicinn nach iadsan a their, a Thighearn! a Thighearna a théid a staigh do rìoghachd Dhé?

*Criosdaidh.* Dh'innis e dhomhs' aon uair, gu'n robh e cur roimhe falbh air eilthireachd, mar tha sinne san àm; ach ann an gradaig thàr e eòlas air duine da'm b'ainm Féin-shaoradh, agus cha tug e luaidh tuilleadh air dol ann.

*Ciatach.* A nis' o'n a tha sinna' labhairt uime, ranna-saicheamaid c'arson a chùl-sleamhnaich e-féin agus daoin' eile cho grad.

*Criosdaidh.* Faodaidh e bhi fìor fheumail, ach tòisich féin air.

*Ciatach.* Ro-mhath mata, Tha ann am bheachdsa ceithir aobhair mu'm beil iad a' dol ann;

*Ann's a' cheud àite.* Ged a tha cogais a leithidibh sud do bhuidhean air a' dùsgadh, cha n-eil an inntinn air a caochladh; air an aobhar sin, 'nuair a tha cumhachd a' pheacaidh a' dol as aire, tha 'n ni a bhrosnaich iad gu bhi diadhaidh a sgur: uime sin tha iad a' pilleadh r'an seana ghnàthachadh; dìreach mar chì sinn madadh a bhios tinn leis na dh'itheas e, a chionn gum beil e tinn leis a sgeitheas an t-iomlan; ni h-e gu'm beil e deanamh sin le shaor thoil, ach a chionn gu'm beil e trom air a ghoile; ach cho luath 's a dh'fhalbhas a thinneas 's a tha

ghoile air eatromachadh, air da thograidh gun bhi air fàs fuathach mu sgeith, tha e tionndadh ris agus ag imlich suas an iomlain; agus is fìor na th' air a sgrìobhadh, *Phill am madadh air ais chum a sgeith féin.* (2 Pead. ii. 22.) Air dha so, tha mi 'g ràdh, bhì'n dian thòir air nèamh, a mhàin le mothachadh agus le eagal mu chràdh ifrinn, ceart mar tha 'n t-eagal sin mu chràdh a' traoghadh agus a' fuarachadh, 's ambail a tha 'n déigh air néamh agus air saoradh a' dol an lughad cuideachd. Tha e 'n sin a' tachairt, an uair a tha 'n ciont agus an eagal a' dol as an aire, gu'm beil an deigh air nèamh agus air sonas a' falbh mar an ceudna; agus tha iad a' pilleadh chum an seana chleachdanna a rithist.

*Anns an dara h-àite.* Is e aobhar eile, gu'm beil eagail thràilleil aca a tha toirt buaidh orra; 's ann a tha mi nis' a' labhairt mu'n eagal a th' aca roimh dhaoine: Oir bheir eagal dhaoine ribe leis. (Gnà. xxix. 25.) Air chor 's ged' a shaoilear gum bi iad an dian-thòir air nèamh, cho fad sa tha eagal roimh ifrinn 'nan aire, gidheadh 'nuair a thraogas an t-eagal sin, ni iad ath-smuaineachadh, eadhon, gur feumail a bhì glic, agus gun bhi 'n cunnart an t-iomlan a chall, air son ni nach eil iad cinnteach ciod e, gu h-araidh gun iad féin a tharrainn ann an dragh agus ann an trioblaid neo-fheumail; agus mar so tha iad ag aomadh leis an t-saoghal a rithist.

*Anns an treas àite.* Tha 'n tàir a tha leanmhuinn na diadhachd mar cheap-starraidh 'nan rathad mar an ceudna; tha iad, gu h-uaibbreach, àrdanach, agus tha diadhachd, 'nam beachd-san, tàireil agus neo-mheasail; uime sin 'nuair a chailleas iad am mothachadh air ifrinn agus air an fhéirg ri teachd, tha iad a' pilleadh ris a chleachdadh bu ghnà leo.

*Anns a' cheathramh àite.* Tha e deacair leo bhì meòr aich mu chionta agus mu uabhas; agus cha'n àill leo an truaighe fhaicinn gus an tig i, ged, theagamh nan taitneadh e riu, gun iompaicheadh e iad gu teicheadh far an teich na h-ionracain 'sa bhì tearuinnte; ach leis

mar tha iad a' seachnadh bhì smuaineach air cionta agus air uabhas, uime sin an uair a gheibh iad bhì saor de 'n mhothachadh a bh' ac' air còrraich agus air fearg Dhé, tha iad gu deothasach a' cruadhachadh an cridheachan, agus a' deanamh roghainn do na chrùadh-aicheas iad ni's mò agus ni's mò.

*Criosdaidh.* Tha thu goirid o'n ghnòthach; oir is e stéigh an iomlain, nach deach caochladh a dheanamh air an inntinn agus air an toil. Agus air an aobhar sin cha n-eil iad ach mar an ciontach a tha 'n làthair a' bhreitheimh; tha ball-chrith agus oillt air, coltach ri bhì air a bhualadh le aithreachas goirt, ach 's e eagal na croiche a b' aobhar da eagal; cha n-e gu'n robh fuath aig air a chionta, oir tha e soilleir, ma chuir-ear a rithist fa-sgaoil e, gu'n dean e a leithid eile; ach nam biodh caochla air a dheanamh air inntinn, dheanadh e atharrachadh an sin.

*Ciatach.* Nochd mise dhutsa na h-aobhair mu'n bei. iad a' cùl-sleamhnachadh, nochd thusa dhomhsa an dòigh air am beil iad ga dheanamh.

*Criosdaidh.* Ni mise sin gu toileach:

1. Tha iad a' cur smuaintean mu Dhia, mu bhàs, agus mu'n bhreitheanas ri teachd, cho fad as an aire 's is ùrrainn daibh.

2. Tha iad an sin a' leigeadh dhiù uidh air uidh dleasanais dhiomhair, mar tha ùrnaigh uaigneach, an ana-miann a smachdachadh, faire, bròn air son peacaidh. &c.

3. Tha iad an sin a' seachnadh comunn ri Criosdaidhean eud-mhor deagh-rùnach.

4. An deigh sin tha iad a' fàs caoin-shuarrach mu dhleasanais fhollaiseach, mar tha, éisdeachd, leughadh, conaltradh diadhaidh, agus an leithid sin.

5. An sin tha iad a' teachd gu coire fhaighinn do chuid de na daoine diadhaidh, o laigse eigin d'an tug iad an aire, agus sin ag eiridh o dhroch-rùn, chum gu'm biodh lethsgèul aca cùl a chur ri diadhachd.

6. An sin tha iad a' teachd gu cuideachd a ghleidh-

eadh ri daoine saoghalta, feòlmhor, an-diadhaidh agus mi-stuama.

7. An sin géillidh iad do sheanachas feòlmhor macnasach an uaigneas; agus 's buidheach iad ma mhothaicheas iad a bheag dheth sin anntasan a th' air am meas cràbhach, chum gur ann a's fearr a gheibh iad féin sin a dheanamh trid an eisempleir-san.

8. An deigh sin tha iad a' ceadachadh dhaibh féin peacannan beaga a chur an gnìomh gu follaiseach.

9. Agus air dhaibh bhi 'n sin air an cruadachadh, tha iad gan leigeadh ris gu neo-sgàthach dìreach mar tha iad. Air an dòigh so tha iad a' dol a rithist ann an slugan na truaighe, ionnas mar dean mhiorbhuil tròcair am bacadh, gu'm beil iad a' dol am mugha gu siorruidh 'nam mealltaireachd féin.

A nise chunnaic mi a'm' aisling, gu'n dh'fhàg iad fearann na druigheachd, agus gu'n d'inndrinn iad a steach do thìr Bheulaidh, a bha gu cùbhraidh fior-thaitneach, agus a chionn gu'n robh 'n t-slighe a' dol dìreach tre 'n tìr sin, dh'fhan iad inute rè tamaill. Chual iad do ghnà san àite so binn channtaireachd bhlasta nan eun, agus chunnaic iad gach làtha na luibhean a' teachd fo bhlà, agus chual iad an turtuir san tìr. Tha ghrian a' dealradh san tìr so a làtha agus a dh'òidheche; uime sin bha i'n taobh thall Gleann-sgàil-a'-bhàis, far nach b'urrair Famhair-gun-dòchas buntainn riu, agus nach mò a chitheadh iad Daighneach-an-teagaimh. An so bha sealladh ac' air an dùthaich chum an robh iad a' dol; agus an so thachair cuibhrionn d'a luchd-àiteachaidh orra: oir bha na h-aoin dhealrach a' sràidimeachd gu tric san àite so, a chionn gu'n robh iad an co-chrìch fhlaithois. 'S an tìr so bha'n coi'-cheangal eadar fear agus bean na bainnse air ath-nuadhachadh, seadh, mar ni am fear nuadh-pòsda gàirdeachas 'na mhnaoi,'sambail an Dia annta-san. Cha robh gainne corca no fìon orra: oir fhuair iad san àite so am pailteas do gach ni a bha dh' easbhuidh orra air an turas. Chual iad guthannan as a' bhaile, àrd-ghuthannan ag ràdh,

**Abraibh** ri inghinnean Shìoin, Feuch tha do Shlànaigh-ear a' teachd! Feuch tha a luach-saoithreach maille ris! An so thuirt uile luchd-àiteachaidh na tìre riu, An sluagh naomha, muinntir shaorta an Tighearna. Isa. lxii. 4—12. Dàn. ii. 10—12.

Bha tuille gairdeachais aca le bhì 'g imeachd feadh na tìre so, na bha aca an ionadaibh a b'fhaide o'n rìoghachd chum an robh iad a' dol: agus mar bu dlùithe bha iad a' teachd air a' bhaile, 's ann a b'fhearr a bha iad ga fhaicinn. Bha e air a thogail le nèamhnaidibh agus le clachaibh luachmhor, bha leacan-urlair a shràidean do dh'òr fìorghlan; ionnas gun dh'fhàs Crìosdaidh tinn le miann, leis an dealradh a bha teachd uaithe, a thaobh glòir nàduir' a' bhaile, agus na gathan-gréine a' dealradh air a lannair: Bha Ciatach air a bhualadh leis an laigse cheudna; uime sin dh'fhan iad tamall aige 'g éigheach; "Ma chì sibh fear mo ghràidh, innsibh dha gu'm beil mi tinn le gràdh,"

Ach air dhaibh beothachadh beagan, dh'imich iad air an turas, agus bha iad a' sior thighinn ni bu dlùithe do'n bhaile, far an robh liosan meas, agus fion-liosan, a bha fosgailte ris an t-slighe. Agus an uair a thainig iad d'an ionnsaidh, choinnich an Gàradair iad, agus dh'fhiosraich iad deth, cò dha bhuineadh na liosan àillidh ud? Thuirt e riu gu'm bu leis an Rìgh iad, agus gur ann a bha iad an sud mar thoil-inntinn dha féin agus fòs chum sòlas a thoirt do naomh luchd-tùrais. Thug an Gàradair a staigh do'n fhion-lios iad, agus thuirt e riu an cìocras a shàsachadh le nithibh taitneach. Thug e 'n sin iad a dh'fhaicinn sràidean an Rìgh agus àiteachan suidhe, far am bu taitneach leis a bhì: Ghabh iad fois agus chaidil iad san àite so. Deut. xxiii. 24.

Nise chunnaic mi am aisling gun do labhair iad tuille nan cadal san àite so, na rinn iad ann an ionad sam bith eile air an t-slighe; agus le iongantais a bhì orm air a shon sin, thuirt an Gàradair rium, C' arson a tha iognadh ort ris a so: Is e sin gnè toradh fion-dhearc

nan lios so, gu'n téid iad sìos cho blasta, 's gun toir iad air bilibh na h-aiteam a bhio nan cadal labhairt.

Chunnaic mi 'nuair a dhùisg iad, gun do chuir iad rompa dol suas chum a' bhaile. Ach, mar thuirt mi bha dealradh na gréine air a' bhaile, oir b' òr fìorghlan e, cho làidir agus cho glòrmhor, 's nach b'urrainn daibh fhathast amharc air, ach tre inneal a rinneadh chum na crìche sin. Chunnaic mi nise mar bha iad a' dol air an aghaidh, gun do thachair orra dithis dhaoine ann an earradh, a dhealraich mar òr, bha mar an cendna an aghaidhean a' dealradh mar an solus. Tais. xxi. 18. 2 Cor. iii. 18.

Dh'fhiosraich na daoine sin do'n naomh luchd-turais, Cia ás a thàinig iad? agus dh'innis iad daibh. Dh'fhiosraich iad mar an ceudna dhiù c' àit an robh iad a' gabhail tàmh—cìod na cunnartan,—cìod na sòlasan agus an toil-inntinn a thachair riu air an t-slighe; agus dh'innis iad sin daibh. An sin thuirt na daoine, a choinnich iad riu, cha n-eil ach dà chruaidh-chas eile ri tachairt oirbh, 's an sin bithidh sibh sa' bhaile.

Dh' iarr Crìosdaidh agus a chòmpanach, air na daoine a thachair orra, iad a dhòleo; thuirt iad riu gu'n rachadh: Ach, thuirt iad riu, gur ann a b' éigin daibh dol ann le 'n creideimh féin. Mar so chunnaic mi am aisling gun d'imich iad maille ri chéile, gus an d'ràinig iad an sealladh a' gheata.

A thuilleadh air so chunnaic mi gu'n robh abhainn eadar iadsan agus an geata, ach nach robh aon drochait air an abhainn, agus gun robh i domhain. Chuir so duilichinn mhòr air an luchd-turais 'nuair a chunnaic iad i; ach thuirt na daoine a bha leo riu, gu'm feumadh iad dol thar an abhainn no nach ruigeadh iad am baile.

Thòisich iad an sin ri fhèdraich an robh rathad sam bith eile ri dol a dh'ionnsaidh a' bhaile? thuirt iad gu'n robh, ach nach d' amais aon neach riamh air, ach dithis on a leigeadh bumaid an domhainn, eadhon, Enoch agus Elias, agus nach faigheadh aon neach tuilleadh an t-slighe sin a ghabhail gu an séirmeadh an trompaid

dheireannach. (1 Cor. xv. 51, 52.) Thòisich na h-eilthirich an sin ri tuiteam ann am mi-mhisnich, gu h-àraidh Criosdaidh, agus sheall iad a null agus a nall, ach dh'fhartlaich orra rathad sam bith eile fhaicinn leis am faodadh iad an abhainn a sheachnadh. Dh'fheòraich iad an sin do na doine, am bu cho domhain an abhainn anns gach àite? Thuirt iad riu nach b'eadh; gidheadh cha b'urrainn iad còmhnadh a dheanamh riu; oir thuirt iad gur ann a réir 's mar bhiodh an creideamh ann an rìgh na dùthcha sin a mhothaicheadh iad an abhainn domhain no tana.

An sin thug iad ionnsaidh air dol thar an abhainn, agus 'nuair a thàr iad o thìr, thòisich Criosdaidh ri dol fodha; agus air glaodhaich dha r'a dheagh charaid Ciatach, thuirt e, Tha mi dol fodha an uisge domhain; tha na stuaidhean a' dol thar mo cheann; tha thonnann uile a' dol tharum. Selah.

An sin thuirt Ciatach, Biodh deagh mhisneach agad, a bhràthair, tha mi mothàchadh a' ghrunna, agus tha e réidh. An sin thuirt Criosdaidh, Och! a charaid, dh'iath bròn a' bhàis mu'm thimchioll, cha'n fhaic mi 'm fearann a tha sruthadh le bainne agus mil. Leis a sin thainig dorchadas agus uabhunn ro mhòr air Criosdaidh, ionnas nach faiceadh e bheag roimhe. Cha mhòr nach do chaill e an so mar an ceudna a chiall; air chòr 's nach b'urrainn e cùmhneachadh, no idir labhairt gu riaghailteach mu na thug toil-inntinn da air a thuras. Ach sann a bha gach facal a bha e labhairt a' nochdadh gun robh e fo mhòr uabhunn agus eagal cridhe gun rachadh a chall san abhainn, agus nach faigheadh e dol a steach air a' gheat' am feusd. An so mar an ceudna, mar thug iadsan a bha 'g amharc fainear bha na peacannan a chuir e an gnìomh roimhe agus an deigh dha bhi air eilthireachd, a' cur mòr iomagainn air. Thug iad cuideachd fainear gun robh e fo mhi-ghean le taisbean agus le tannasgaibh eagalach.

Uime sin bha gu leòir r'a dheanamh aig Ciatach ceann a bhràthar a chumail an nachdar: bhfodh e air uairibh

glan as an t-sealladh, agus an ùine bheag thigeadn e rithist an uachdar leth-mharbh. Thug Ciatach gach oidheirp a dh'fhaod e air misneach a thoirt da; agus thuirt e ris, A bhràthair, tha mi faicinn a' gheata, agus daoine 'nan seasamh aige ullamh chum gabhail ruinn: Ach theireadh Criosdaidh ris, 'S ann a' feitheamh riuts a tha iad; oir bha thusa ciatach o'n a thachair thu orm, agus o'n a thàr mi eòlas ort. Agus 's ambail a bha thusa, a Criosdaidh, ars e-san. Och! a charaid, 's cinnteach nam bithinn mar bu chòir dhomh, dheanadh e nise mo chòmhnadh; ach air son mo pheacaidh tha so air teachd orm; thug e mi san ribe, agus dh' fhàg e mi. An sin thuirt Ciatach ris, dhi-chùimhnich thu gu tūr far am beil e air a ràdh mu na h-aingidh, Cha n-eil cuibhrich nam bàs, ach tha 'n neart laidir, cha n-eil iad fo thrioblaid mar dhaoin' eile. Cha n-eil na cruaidh-chàis agus an eigin sam beil thu an àm dhuit dol tre'n uisge so nan comharran gun do thréig Dia thu idir; ach 's ann a thainig iad ort chum do dhearbhadh, a dh' fhaicinn an gairm thu gud' chùimhne na bhuilich e ort d'a mhaitheas roimhe so, agus do thaic a leagadh ris an àm do theinn. Salm lxxiii. 4, 5.

An sin chunnaic mi am aisling, gu'n robh Criosdaidh a' mèoraich re tamaill. (Isa. xliiii. 2.) Ris an do chuir Ciatach na briathran so, Biodh deagh mhisneach agad, tha Iosa Criosd ga d' leigheas. Agus an sin ghlaodh Criosdaidh le guth àrd, Och! tha mi rithist ga fhaicinn! agus tha e 'g ràdh rium, An uair a shiubhlas tu troimh na h-uisgeachan, bithidh mise maille riut; agus trid nan aibhnichean, cha tig iad tharad. An sin ghlac iad le chéile misneach, agus an déigh sin bha 'n nàmhaid ciùin gun char mar chloich, gus an deach iad thairis. Mhothaich Criosdaidh air ball a chasan a' buntainn ris a ghrund air an do sheas e, agus cha robh a' chuid eile de 'n abhainn ach tana, agus fhuair iad thairis. A nise chunnaiciad an dithis dhealrach 'nan seasamh air bruaich na h-aibhne, gam feitheamh air an taobh thall Uime sin air dhaibh teachd as an uisge, chuir iad fàillt'



orra ag ràdh, Is luchd-frithealaidh sinne a chuireadh a mach a fhrithealadh dhaibhsan a bhitheas nan oighreachan air Sàinte. Mar so chaidh iad leo chum a' gheata.

'S eigin dut a thuigsinn gu'm beil am baile air mullach beinne mòire : ach dh'ìrich iad am bruthaich gun spàirn, a chionn gu'n robh 'n dithis daoine 'gan cuid-eachadh : dh'fhàg iad cuideachd an éideadh saoghalta 'nan dèigh sa'n abhainn, oir ged a bha iad umpa dol a staigh, cha robh iad aca an àm teachd air tìr. Chaidh iad suas uime sin gu h-eatrom, luath, ged a bha bunait a' bhaile ni b'airde na na neòil ; chaidh iad air an aobhar sin suas san adhar, a' caomh-chainnt gu blasda r'a chéile, le mòr shòlas, a chionn gun d' fhuair iad gu tearainnt' thar an abhainn, agus gu'n robh còmpaich cho àghmhor aca.

Na h-eilthirich cia ait a tha,  
 An aiseag suas chum glòir,  
 An carbaid Dhé, 's tha aingil fòs,  
 Stiùradh an ceum air chòir,  
 Co ma ta nach biodh le'n deòin  
 A' mianachadh bhi leis,  
 A dh' ullaich dhaibh na h-urrad mhiagh,  
 Gu sìorruidh buan am feasd.

'S ann mu ghlòir an àite a bha iad a cainnt ris na daoine dealrach, agus thuirt iad riu gun robh a ghlòir agus a mhaise do-labhairt. “Sin (ars' iadsan) Beinn Shioin, an Ierusalem nèamhaidh, a' chuideachd dho-àireamh a dh' ainglibh, agus spioradan nam fìrean air an deanamh foirfe.” (Eabh xii. 22, 23, 14.) Tha sibh a nis' *ars' iadsan* a' dol chum phàrras Dé, far am faic sibh craobh na beatha, agus san ith sibh d'a toradh nach searg a chaoidh ; agus an uair a thig sibh ann bheirear dhuibh, trusganan geala, (Tais. ii. 7. ; iii. 4.) agus imichidh agus labhraidh sibh gach làtha ris an Rìgh, eadhon fad linne na sìorruidheachd. Cha 'n fhaic sibh tuilleadh samhail nan nithe a chunnaic sibh air an talamh, se sin ri ràdh, bròn, tinneas, àmhghar, agus bàs, “oir chaidh na ceud nithe thairis.” (Tais. xxi. 4.) Tha sibh a nis' a' dol chum Abraham, Isaac, agus

Iacoib, agus chum nam fàidhean, daoine a thug Dia air falbh o'n olc a tha ri teachd, "'s a tha nis' a' gabhail fois air an leapaichibh, gach aon ag imeachd' nan ion-racas." Dh' fhiosraich na daoine dhiù, Ciod a bhios sinn a' deanamh san ionad naomha? Chaidh a ràdh riu, Gu'm faigheadh iad an sin toil-inntinn an éirig an dragha, agus aoibhneas air son am bròin; buainidh sibh an ni a chuir sibh, eadhon, toradh 'ur n-uile ùrnaighean, 'ur deòir, agus gach ni a dh'fhuilig sibh as leth an Rìgh air an t-slighe. Caithidh sibh san ionad sin crùn òir, agus sior-mhealaidh sibh làthaireachd agus taisbein an Aoin Naoimhe; oir chì sibh an sin e mar tha e. (1 Eoin. iii. 2.) Ni sibh mar an ceudna bith-shéirbhis dhasan le moladh, le h-iolaich, agus le buidheachas, g'an robh sibh a' miannachadh séirbhis a thoirt air thalamh, ged a b'ann le iomadh cruaidh-chas, a thaobh laigse bhur feòla. An sin bithidh 'ur sùilean air an làn-thoileachadh le faicinn, agus 'ur cluasan le bhì 'g éisdeachd guth taitneach an Aoin chumhachdaich. An sin mealaidh sibh a rithist cuideachd 'ur càirdeana bha ann air thois-each oirbh. Agus an sin gabhaidh sibh le h-aiteas ris gach neach a thig 'n'ur déigh do 'n ionad naomha. Bithidh sibh an sin air bhur sgeudachadh le glòir agus le mòralachd, agus cuirear sibh an uidheam, a bhios freagarrach gu bhì an cuideachd Rìgh na Glòire. An uair thig e le fuaim thrompaidean anns na nedil, mar air sgiathaibh na gaoithe, thig sibhse maille ris; 's an uair a shuidheas e air cathair a bhreitheanais, suidhidh sibh dlù dha: seadh, agus an uair a bheir e bìnn' nan aingidh a mach, co dhiù as ainglean no daoine iad, théid 'ur barail a ghabhail sa' bhreth sin, o'n a bha iad 'nan nàimhdean dha-san agus dhùibhse. Mar an ceudna an uair a philleas e a rithist do'n bhaile, théid sibhse leis cuideachd le fuaim na trompaid, agus bithidh sibh gu siorruidh maille ris. 1 Tes. iv. 13—17. Iud 14, 15. Dan. vii. 9, 10. 1 Cor. vi. 2, 3.

An uair a bha iad mar so a' teachd am fagus do'n gheata, feuch thainig cuideachd do 'n t-sluagh nàrach

aidh a mach nan cò-dhail; ris an dubhradh leis an dithis dhealrach eile a bha leo, 'S iad so na doine a ghràdhaich ar Tighearna, am feadh a bha iad air thalamh, agus dh'fhàg iad gach ni air sgàth 'ainme, agus chuir e sinne chum an treòrachadh, agus thug sinn an fhad so iad air an turas mhiannaichte, chum gu'n téid iad a staigh, agus gu'm faic iad gnùis am Fir-shaoraidh le aoibhneas. An sin rinn an sluagh nèamhaidh gàir mhòr ag ràdh, "Is beannaicht' iadsan a fhuair cuireadh gu suipeir bainns' an Uain." (Tais. xix. 9.) Thàinig mu'n àm so, mar ceudna, a mach cuid do luchd-ciùil an Rìgh, air an sgeudachadh ann an éideadh geal, dealrach a thug le 'n ceòl àrd-labhrach binn air mactalla nan nèamh comh-freagrach d' an co-shéirm leadara. Chuir an luchd-ciùil sin ceud mìle fàillte air Crìosdaidh agus air a chòmpanach air son tighinn o'n t-saoghal; agus rinn iad so le h-iolaich agus le fuaim tròmpaidean.

An deigh sin chuartaicheadh iad leo air gach taobh; chaidh cuid rompa, cuid às an déigh, agus buidhinn eile air gach làimh dhiu, (mar gam b'ann, gu'n dìon ann an neulaibh an adhair,) a' sìor shéinn le ceol binn fìor thaitneach; ionnas gu'n robh e ri fhaicinn mar gu'n tigeadh na nèamhan fèin a nuas nan cò-dhail. Mar so dh'imich iad le chéile; agus am feadh a bha iad ag im-eachd, bha 'n luchd-ciùil sin a' sìor chomh-measgadh am binn-cheòl nèamhaidh, le sanais agus le blàth-sheallaidhean caomh ri Crìosdaidh agus r'a cho'-fhear-turais, a'leigeadh dhaibh a thuigsinn gu'm b'e 'm beatha aca, agus an t-aiteas a bh'orra chionn gun tàinig iad. Agus bha 'n dithis dhaoine sin, faodaidh mi ràdh, anns mam flaitheas mu'n deach iad a steach ann; air dhaibh bhì air an slugadh suas le ìoghnadh, taing, agus cliù, le bhì faicinn nan aingeal, agus a' cluinntinn an ciùil bhinn-fhaclaich bhuadhaich. Bha sa'n àm so am baile 'nan sealladh, agus air leo gu'n cualadh iad na cluig-chiùil, a' beumadh a' toirt di-beatha dhaibh do 'n ionad àgh-mhorsin. Ach thug a bhì smuaineach air mòr thoil-inn-

tinn an ionaid-chòmhnaidh a mhealadh iad am feasd ann am measg a leithid sud do chuideachd, sòlas ro-mhòr dhaibh. O cia leis a dh'fhaodar an gàirdeachas dolabhairt, a chur an céill!—Mar so thàinig iad chum an doruis.

A nise 'nuair a thàinig iad chum an doruis, bha e sgrìobhta os ceann an doruis ann am facail òir,—“ IS BEANNAICHTE IAD SAN A NI ÀITHEANTA-SAN CHUM GU'M BI CÒIR AC' AIR CRAOIBH NA BEATHA, AGUS GU'N TEID IAD A STIGH TRE NA GEATAIBH DO'N BHAILE.” Tais. xxii. 14.

An sin chunnaic mi am aisling, gu'n d' iarr na doine dealrach orra guth a dheanamh aig an dorus, agus 'nuair a rinn iad sin, sheall cuid-eigin a nuas thar an doruis, eadhon Enoch, Maois, Elias, agus buidheann eile, ris an deach a ràdh, Tha 'n luchd-turais so air teachd o bhaile an Léir-sgrìos, air son a ghràidh a bh' aca do Rìgh an àite so; agus leis a so thug an luchd-turais seachad daibh an teisteanas, a fhuair iad an tùs; uime sin chaidh na teisteanais a thoirt a dh'ionnsaidh an Rìgh, a thuirt an uair a leugh e iad, C'ait am beil na daoine? Ris an deach freagradh mar so, Tha iad 'nan seasamh air taobh muigh an doruis. 'Thug an Rìgh an sin aithne an dorus fhosgladh chum, gu'n téid na cinnich fhèrrinneach a steach, a choimhideas an fhèrrinn.” Isa. xxvi. 2.

Chunnaic mi a nis' am aisling, gu'n deach an dithis daoine sin a steach air an dorus; agus cho luath 'sa chaidh, bha iad air an cruth-atharrachadh, agus chaidh trusgain a chur orra a bha a lannair mar an t-òr. Choinnich mar an ceudna muinntir àraidh iad le clàrsaichean, agus le crùin mar chomharradh air urram dhaibh. An sin chuala mi a'm 'aisling, Gu'n do bheum gach clag a bha sa' chathair a rithist le aoibhneas, agus gu'n dubhradh riu, “ Rachaibh a steach do dh' aoibhneas 'ur Tighearna.” (Mat. xxv. 23.) Chuala mi mar an ceudna na daoine féin a' seinn le guth àrd, ag

ràdh, “ Moladh, urram, glòir, agus cumhachd gu'n robh dhasan a tha 'na shuidh air an rìgh-chathair, agus do 'n Uan gu saoghal nan saogal.” Tais. v. 13, 14.

Dìreach 'nuair chaidh na dorsan fhosgladh chum na daoine a leigeadha steach, sheall mi staigh 'nan déigh, agus feuch d'healraich am baile mar a' ghrian 'na h-àirde; bha mar an ceudna leacan nan sràidean do dh-òr, agus orra bha àireamh mòr dhaoine ag imeachd le cruin air an cinn, pailme 'nan làmhaibh, agus clàrsaichean òir gu cliù a shéinn leo.

Bha mar an ceudna nam measg-san muinntir aig an robh sgiathan, agus cho-fhreagair iad a chéile ag ràdh, “ 'S Naomha! naomha! naomh' an Tighearna!” Agus 'na dheigh sin dhùin iad na dorsan; agus b' e mo ghuidhe gum bithinn féin nam measg.

A nis' am feadh a bha mi 'g amharc air gach ni dhiu sin, sheall mi a'm' dhéigh, agus chunnaic mi Aineolach a' teachd gu taobh na h-aibhne; ach chaidh e 'n ùine ghearr thairis, gun a bhi cho leth dheacair dha 's a bha e do na daoine eile. Oir tharladh gu'n robh san àite sin fear d'an goirear Faoin-dòchas, portair, a rinn aisig a null le 'bhàta; agus dh'ìrich e mach a' bhruthach, mar rinn càch, chum an doruis, ach a mhàin gu'n robh e 'na aonar; cha mhò a choinnich aon duine e 'thoirt na misnich bu lugha dha. An uair a thainig e chum an doruis, dh' amhairc e air an sgrìobhadh a bha os a cheann, agus thòisich e ri bualadh, an dòchas gu'm fosgladh iad da; ach dh'fheòraich na daoine a sheall thar an dorus, “ Cia as a thainig thu? Agus ciod a tha thu 'g iarraidh?” Fhreagair e, “ Dh' ith agus dh'òl mi am fianais an Rìgh; agus theagaisg e 'n-ar sràidibh.” An sin dh' iarr iad a theisteanas, chum gu'n nochdadh iad do 'n Rìgh e; thòisich e ri smeuraich 'na bhroilleach air a shon, ach cha d'fhuair se e. An sin thuirt iad ris, “ Am beil e agad;” ach cha tug e freagradh dhaibh. Dh'innis iad sin do'n Rìgh, cha tigeadh e g'a fhaicinn; agus thug e àithne do'n dithis dhealrach, a threòraich Chrìosdaidh agus Chiataich do'n Bhaile, iad

a dhol a mach agus Aineolach a cheangal eadar lamhan agus chasan, agus a thoirt air falbh. A sin ghabh iad e, agus ghiùlain iad e tre na nèil gus an dràinig iad chum an doruis a chunnaic mi aig taobh an leacainn, agus chuir iad an sin e. An sin thuig mi gu'n robh slighe chum ifrinn, dìreach o dhorsaibh nèimh, cho math agus o Bhaile an Léir-sgrìos

An sin mhosgail mi, agus feuch cha robh ann ach **brùadar.**

## CUAIRT AN EILTHIRICH;

NO

# TURAS A' CHRISDAIDH.

---

### AN DARA H-EARRANN.

---

O CHEANN tamaill nochd mi dhuibh m' aisling mu Chriosdaidh an t-eilthireach, agus mu thuras cunnartach do 'n dùthaich nèamhaidh; bha sin taitneach dhomh féin, agus tarbhach dhuibhse. Dh'innis mi dhuibh mar an ceudna, na chunnaic mi mu thimchioll a mhnà agus a chuid cloinne, agus cho neo-thoileach 'sa bha iad air dol maille ris air a thuras; ionnas gum b' éigin da falbh as an eugmhais; oir cha dùirigeadh e fuireach ris a' chunnart a bha e faicinn air a bhagradh orra, le fantainn ann am baile an Léir-sgrios, ionnas mar nochd mi dhuibh, gun dh' fhalbh e agus dh' fhàg e iad.

Thachair e dhomh a thaobh iomadaidh gnothach nach robh mi cho tric 's a' b' àbhaist domh 's na h-ionadan a rainig e-san, agus nach robh cothrom agam gus a nis' air min-rannsachadh a' dheanamh mu'n timchioll-san a dh' fhàg e, chum gun tugainn cunntas duibh umpa; Ach air dhomh dol an rathad o cheann ghoirid, thaghail mi ann: agus ghabh mi gu tàmh ann an coille mu thimchioll mìle o'n àite; agus air dhomh tuiteam am chadal, bhruadair mi rithist.

Agus chunnaic mi a'm' aisling, gu'n tàinig seann duin' uasal far an robh mi: agus o'n a thuig mi gu'n

robh e gu imeachd air cuid de 'n t-slighe san robh mise triall air leam gun d'éirich mi agus gu'n d'fhalbh mi maille ris. Agus air dhuinn a bhi 'g imeachd' mar is gnà le daoine thòisich sinn ri seanachas, agus b' ann mu Chrìosdaidh agus mu thuras a thòisich sinn air labhairt: oir thuirt mi mar so ris an t-seann duine:

An aithne dhut ciod am baile a tha thall fa'r comhair air taobh clì na slighe?

An sin thuirt Fiosrach, oir b'e sin ainm an duine, 's e baile an Léir-sgrìos a th'ann, far am beil mòran sluaigh, ach tha iad ro aingidh dhiomhanach

Bha mi am barail gur e sin a bh'ann arsa mise: chaidh mi aon uair troimhe: agus leis a sin tha mi fiosrach gu'm beil an t-iomradh a tha thu toirt uime fìor.

*Fiosrach.* Tha e tuille 's fìor; b' fhearr leam gu'm b'urrainn mi le fìrinn cùis a b' fhearr aithris umpa.

Tha mi nis' a' tuigsinn, arsa mise, gu'm beil thu ad dhuine deagh-bheusach, leis am math iomradh chluinntinn agus aithris umpa-san a tha math. An cuala tu riamh iomradh air na thachair do dhuine a bha roimhe so sa' bhaile sin, d' am b'ainm Crìosdaidh, a chaidh air a thuras do na h-ionadaibh uachdrach?

*Fiosrach.* Iomradh air! 'S mi chuala: agus mar an ceudna air na trioblaidean, na caonnagan, an ciomachas, an éigheach, an osnaich, an oillt, agus na h-eagail a thachair ris 'na thuras: a bharr air sin 's éigin domh innseadh dhut gu'm beil e 'na làn naigheachd 'n-ar dhùthaich; cha mhòr teaghlach a chual iomradh air féin agus air a thuras, nach d' fhuair an eachdraidh sgrìobhta; agus faodaidh mi ràdh, gu'n d'fhuair a thuras cunnartach-san iomadh fear a tha 'n deagh-rùn do'n t-slighe air an d'imich e; oir am feadh a bha e'n so, ged a bha e air a mheas mar amadan leis gach aon duine, gidheadh o'n a dh'fhalbh e, 's a thuig iad mar dh' éirich dha, tha gach aon 'ga mholadh. Oir tha e air aithris gu'm beile gu buadhar a' caitheadh a bheatha far am beil e: tha iomadh neach nach gabh dragh a thurais, leis am bu taitneach a bhuanachd.



S math a dh' fhaodas iad sin a chreisinn, arsa mise, ma chreideas iad ni sam bith; oir tha e nis' a' caitheadh a bheatha aig tobar na beatha; agus tha e gu socrach sona, gun saothair, gun dragh; oir cha n-eil doilgheas sam bith 'na chrannachur. Ach ciod a tha 'n sluagh ag ràdh uime?

*Fiosrach.* Tha iad ag ràdh iomadh ni iongantach uime: Tha cuid ag ràdh gu'm beil e nis' air éideadh an trusgan geal; gu'm beil slabhraidh òir mu mhùineal; gu'm beil crùn òir, air a chur le neamhnadan, air a cheann. (Tais. iii. 4. Caib. vi. 11.) Tha cuid eile 'g ràdh, gur iad na daoine dealrach a nochd iad féin da air an t-slighe, is còmpanaich dha a nis', agus gu'm beil e cho ionmhuinn eolach umpa far am beil e 'sa bhios aon nàbaidh mu nàbaidh eile san àite so. Osbarr thasa 'g ràdh gu'n tug Triath an àite dha ionad taitneach agus maiseach gu còmhnaidh a ghabhail ann, agus gu'm beil e gach latha ag itheadh agus ag òl, ag imeachd agus a' labhairt leis-san a tha na bhreitheamh air an iomlan san àite sin. (Sech. iii. 7.) Tha e air aithris mar an ceudna gu'm beil dùil aig dream àraidh, gu'm beil an t-Uachdaran so, Tighearna na tìre, a' dol a theachd an aithghearr, a rannsachadh c'arson a rinn iad na h-urrad thàir agus mhi-chliù a thoirt do Chriosdaidh mu'n dh'fhalbh e air a thuras. Breith. xiv. 15.

Oir tha iad ag ràdh gu'm beil e nise cho mòr aig an Rìgh, 's gu'm beil na h-urradh chorraich air a Mhòrachd air son gach tàir agus eas-urram a chuireadh air Criosdaidh, mu'n do thàir e air a thuras, s' gu'm meas e mar gu'n deanta an t-iomlan air féin; agus cha'n ioghnadh sin, oir 's ann air son na spéis a bh' aige ga Rìgh a ghabh e os làimh na rinn e.

Is buidheach mi air a shon, arsa mise, gu'm beil aig an duine bhochd a nise fois o shaothair, agus gu'm beil e a' faighinn toradh a dheadir le h-aoibhneas, agus gu'm beil e air dol á comas a nàimhdean, agus uathasan air am bu bheag e. (Luc. x. 16. Tais. xiv. 13. Sàlm cxxvi. 5, 6.) Tha mi mar an ceudna toilichte, air son gu'm

beil iomradh mu na nithe sin air sgaoileadh feadh na tìre so; oir cò aig tha fios nach oibrich e air mhodh sona orrasan a dh' fhàg e 'na dhéigh? Ach am feadh a tha cùimhn' agam air, an cuala tu a' bheag mu mhnaoi agus mu chloinn? Is ìoghnadh leam ciod ris am beil na truaghain?

*Fiosrach.* Cò iad! An i a' Bhana-chriosdaidh agus a cuid cloinne? Tha choltas orra deanamh cho math sa rinn e féin, oir ged a bha iad uile 'nan amadanan an toiseach, air chor 's nach falbhadh iad le Criosdaidh, a dh'aindeoin gach dian-earail a thug e dhaibh; gidheadh rinn iad caochladh comhairle, agus thog iad orra 'na dhéigh.

Is math leam sin, arsa mise: ach an d'fhalbh a bhean agus a chlann?

*Fiosrach.* Gu deimhin dh'fhalbh, 's aithne dhomhsa innseadh dhut mar thachair; oir bha mi san àite 's an àm, agus bha mi fiosrach air an iomlan de'n chùis.

Ma ta, arsa mise, faodaidh neach aithris mar fhìrinn.

*Fiosrach.* Faodaidh tu sin gu'n sòradh; eadhon gu'n dh'fhalbh iad uile air eilthireachd, an dà chuid an deagh bhean agus a cearthar mhac. Agus o'n tha mi tuigsinn gu'm beil sinn ri bhi tamall an cuideachd a chéile, aithrisidh mis' an t-iomlan de'n naigheachd dhut.

Bha a bhean so, d'am b'aimn Bana-chriosdaidh, agus a cuid cloinne, an deigh d'a fear falbh air a thuras, a' deanamh na h-urrad smuaineach air a' chùis, 's gu'n do ìhrùigh e cho mòr oirre, 's gun do chuir i roimpe gu'm falbhaidh i 'na dhéigh, air a' ghnòthach cheudna: oir thuirt i, o'n a chaidh e thar an abhainn, gu'n robh an Jeangal-pòsaidh a nise fa-sgaoil; ach 's dù dhuinn a bhi sìor smuaineach air na dhealaich ruinn. Is iomadh deur a chosg call a fir dh'i; ach cha b' e sin uile e; ach ghabh i na h-aire gu'm b' e a giùlan fuar mi-thlusail r' a fear bu choireach r'a thoirt air falbh uaipe. Agus thug so na h-aire cho as-caoin, reasgach, mhi-dhiadhaidh, 's a bhuin i r'a còmpanach. Bha i fo mhòr mhi-shuaimhneas le bhi cùimhneachadh air gach òidhe

neo-shubhach 's a bha e, le osnaich, le deòir ghoirte, agus le caoidh mhuladaich, a chuir isegu faoin, air bheag seadh. ged is ann air a leas a bha e gu caomhail g'a comhairleachadh féin agus na cloinne gu falbh leis. Seadh cha robh a bheag de na chuir i chàmpar air am feadh a bha 'n eallach air a mhuin, nach tàinig le maoin 'na beachd; gu h-àraidh bha mar theireadh e, Ciod a ni mi chum gu'n saorar mi? a' deanamh bith-ghàir na cluasan.

An sin thuirt i r'a cloinn, A chlann, tha sinn uile cailte, chuir mo ghiùlan mi-chneasd air falbh bhur n-athair; b'àill leis gu'n rachamaid leis, ach cha rachainn-s' ann; agus cha mhò a cheadaich mi dhuibse dol. Leis a sin a chluinntinn, bhuaill a' chlann am basan, agus dh'éigh iad falbh an déigh an athar. Och mo thruaighe! thuirt am màthair, b'fhearr leam gu'n robh sinn air falbh maille ri bhur n-athair, bitheamaid ni b'fhearr le sin a dheanamh na tha eagal orm a bhitheas sinn. Oir ged a bha mi roimhe so, gu h-amaideach, am barail gur ann o bheachd neo-iomchaidh air a' chùis, a dh'éirich gach iomagain mu chunnart suas 'na inntinn; no gu'n robh e air tuiteam ann am mi-mhisnich air a shon; gidheadh tha mi nis' a' tuigsinn gur ann a bha iad ag éiridh o'n bharrachd eòlais a fhuair e mu shòlas na beatha; leis an dh'fhuair e às a ribe a' bhàis. An sin ghuil iad uile a rithist, agus ghlaodh iad a mach, Mo thruaighe sinn!

Chunnaic a' Bhana-chriosdaidh aisling an ath òidhche; chunnaic i mar gu'm biodh sgrìobhadh mòr air a sgaoileadh a mach fa comhair, anns an robh air a chuir sìos a giùlan, agus air leatha gu'n robh a peacannan ag amharc anabharrach duaichnidh. An sin ghlaodh i a mach gu h-àrd 'na cadal, A Dhia, dean trècair ormsa ta'm pbeacach! (Luc. xviii. 13,) agus chual a cuid cloinne i.

An deigh so air leatha gu'm fac i dithis dhaoine ro-dhuaichnidh 'nan seasamh ri taobh a leapa, ag ràdh, ciod a ni sinn ris a' bhoirionnach so? oir tha i'g éigh-

each air son tròcair a dh' òidhche agus a làtha. Ma leigeas sinn air a h-aghaidh i mar tha i dol, cailidh sinn i mar chaill sinn a fear roimhe. Feumaidh sinn, uime sin ionnsaidh a thoirt air a cuir o bhi smuaineach ciod a thig an deigh so, no falbhaidh i air eilthreachd a dh'aindeoin co theireadh e.

Mhosgail i gu grad suas ann am fallas mòr; bha i mar an ceudna air bhall-chrith; ach an ùine bheag thuit i rithist 'na cadal. Agus an sin air leatha gu'm fac i Crìosdaidh a fear, ann an ionad an aoibhneis, maille ri àireamh mòr de shluagh neo-bhàsmhor, a' scéinn air clàrsaich 'na lathair-san a shuidh air rìgh-chathair, agus bogha-froise mu cheann. Air leatha gu'n robh e cromadh a chinn le aghaidh ri làr, ag ràdh, Tha mi toirt mòr bhuidheachas do m' Thighearna an rìgh, air son gu'n tug e mi do'n àite so. An sin gu'n d'rinn iadsan a bha 'nan seasamh 'na làthair iolach mhòr, agus gun do shéinn iad le 'n clàrsaichean. Ach cha b' urrainn aon neach a thuigsinn ciod a bha iad ag ràdh, ach Crìosdaidh agus a chòmpanaich.

Air an ath-mhadainn, 'nuair a dh'éirich i, 's a rinn i ùrnaigh ri Dia, agus a bha i labhairt ri cuid cloinne, thainig buille cruaidh chum an doruis; ris an dubhairt i, Ma's ann an ainm Dhé a tha thu, thig a steach. Agus thuirt e, *Amen*; agus dh'fhosgail e 'n dorus; agus chuir e fàilt orra, 'g ràdh, Sith do'n taigh so. Le sin a ràdh, thuirt e, a Bhana-Chrìosdaidh, an aithne dhut c'arson a thainig mi? An sin thainig rughath 'na gruaidh agus dh'fhàs i air chrith; bha fòs mòr dhéigh aic' a thuigsinn cò as a thainig e, agus ciod an gnothach a bh' aige rithe. Thuirt e rithe, 's e Dìomhaireachd is ainm dhomh; tha mo chòmhnaidh maille riu-san a tha tàmh gu h-àrd. Tha e na iomradh far am beil mise, gur miann leatsa dol chum an ionaid sin; agus mar an ceudna gu'm beil thu mhothachail air an dochair a rinn thu do t'fhear-pòsda, ann an cruadhachadh do chridhe an aghaidh a shlighe, agus ann an cumail do chloinne ann an aineolas. A Bhana-Chrìosdaidh, chuir an Dia

tròcaireach mis' a t' ionnsaidh a dh'innse dhut, gu'm beil e na Dhia ullamh gu mathanas a thoirt seachad, agus a' gabhail tlachd ann an cionta a mhathadh. B'àill leis gu'm biodh, mar an ceudna, fios agad, teachd 'na fhianais, co'pairt a ghabhail d'a bhòrd, agus gu'm beathaich e thu le nithibh math' a theach, agus le oighreachd Iacoib t'athar.

An sin tha Criosdaidh a bha 'na fhear-pòsd agad, maille ri cuideachd gun àireamh d'a chòmpanaich, a' sìor amharc na ghnùise sin a tha buileachadh beatha orrasan a chè i: agus bithidh aiteas orr' uile 'nuair a chluinneas iad fuaim do chas thar starsach an Athar.

Bha faitcheas mòr air a' Bhana-Chriosdaidh 'nuair chual' i so, agus chrom i ceann ri làr. Thuirt an aoidh rithe, Tha 'n so litir a thug mise t' ionnsaidh o Rìgh t'fhir: mar so ghabh i 'n litir agus dh'fhosgail si i; agus bha a bòltrach ro-chùbhraidh. Bha i air a sgrìobhadh ann an òr, agus 's e bu bhrìgh dh'i, "*Gu'm b'e toil an Rìgh gu'n deanadh i a réir mar rinn Criosdaidh a fear, a chionn gu'm b'e sin an dòigh air teachd chum a bhaile-san, agus gu'n gabhadh i còmhnaidh am feasd 'na fhianais-san le gairdeachas.*" Le so a leughadh bha i ann an aiteas ro-mhòr: agus thuirt i ris, Am bi thusa cho math agus gu'n iomchair thu mise agus mo chlann leat, chum gu'n tabhair sinne mar an ceudna aoradh do'n Rìgh.

An sin thuirt an t-aoidhe rithe, 'S eigin gu'm bi an searbh air thoiseach air a' mhilis. 'S fheudar dhut dol troimh chruaidh-chàs, mar rinn e-san a chaidh air thois-each ort, chum dol a steach do'n bhaile nèamhaidh. Air an aobhar sin chomhairlichinn dut a dheanamh mar rinn Criosdaidh t'fhear. Imich chum an doruis chumhann a tha taobh eile a chòmhnaird ud, oir tha e aig ceann na slighe san eigin dut imeachd; agus guidheam deagh shoirbheachadh leat. Chomhairlichinn dut mar an ceudna an litir sin a chuir a d' bhroileach, chum gu'n leugh thu-féin agus do chlann i gus am bi i agaibh air 'ur meoghair, Oir is e na h-innte aon de na h-òranan

is eigin dut a ghabhail am feadh a bhitheas tu ann an taigh do chuairt: 's eigin dut cuideachd, a liubhairt aig ceann eile na slighe. Salm cxix. 55.

A nis' air leam gu'n robh an seann duine so e-féin fo mhòr thiomadh am feadh a bha e 'g aithris an sgeula so dhomh. Ach thuirt e rithist rium, gu'n do ghairm a Bhana-chriosdaidh a clann d'a h-ionnsaidh, agus thuirt i riu: A chlann, bha mise o cheann ghoirid, mar moth-aich sibh' fo mhòr thrioblaid mu bhàs 'ur n'athar; cha'n e gu'm beil teagamh sambith agam mu shonas. Bha mòran ìomagain orm cuideachd mu m' chòr féin agus mu'r corsa, ni tha mi an làn bharail gu'm beil sinn a thaobh nàduir ro-thruagh. Tha fòs mo ghiùlan d'ar n-athair na chruaidh-chas agus na aobhar trioblaid do m' chogais; oir bha mi-féin, agus thug mi oirbhse, bhi ro mhi-chneasda ris, agus dhiùlt sinn falbh leis.

Chuireadh a bhi smuaineach air na nithe sin às domh gu buileach, mar biodh air son bruadair a chunnaic mi'n raoir, agus a mhisneach a thug an duine so dhomh an diugh. Thigibh a chlann, agus cuireamaid sinn féin n-ar n-uidheam gu dol a dh'ionnsaidh an doruis, a tha treòrachadh chum na dùthcha nèamhaidh; chum gu'm faic sinn 'ur n-athair, agus gu'm bhi sinn maille ris-san agus r'a chòmpanaich ann an sìth, a réir gnàth an àite.

An sin bhris an gal air a' chloinn le h-aoibhneas, a chionn gu'n robh am màthair sa' bheachd sin: ghabh an coigreach a nise beannachd leo: agus thòisich iadsan ri deanamh air son an turais.

Ach am feadh a bha iad a' deanamh deas, thainig dithis bhan a bha 'n am bana-choimhearsnaichean aca chum an doruis, agus bhuaill iad: Ris an dubhairt i ceart mar thuirt i roimhe. Chuir so òghnadh air na boirionnaich; oir cha robh iad cleachdta ri leithid a chluinntinn uaipe: gidheadh thainig iad a staigh; ach feuch bha iad a' deanamh deas chum an taigh fhàgail.

Mar so thòisich iad ri ràdh, a Bhana-Choimhearsnaich, ciod is ciall da so?

Fhreagair a Bhana-chriosdaidh, agus thuirt i ris an

té bu shine dhiù, d'am b'ainm Cion-cruadail, Tha mi gu falbh air turas. Bi'n Cion-cruadail so nighean an fhir a choinnich Crìosdaidh air mullach Bruthach na-h-éigin, agus leis am b'àill a thoirt air pilleadh le eagal nan leòghan.

*Cion-cruadail.* Ciod an turas air am beil thu gu triall?

*Bana-chriosdaidh.* Tha mi dol an deigh m'fhir; agus le sin a ràdh, bhrùchd i mach a' caoineadh.

*Cion-cruadail.* Tha dòchas agam nach eil, a dheagh bhana-choimhearsnaich; guidheam ort air sgàth do chloinne, na toir buil cho neo bhanail asad féin.

*Bana-chriosdaidh.* Cha 'n ann mar sin a bhitheas; théid mo chlann uile maille rium.

*Cion-cruadail.* 'S iongantach leam cionnas a thàinig sin a d' bheachd.

*Bana-chriosdaidh.* Nam biodh tusa cho fiosrach 's a tha mise, cha n-eil teagamh agam nach falbhadh tusa leam cuideachd.

*Cion-cruadail.* Ciod an t-eòlas ùr so a fhuair thu, a tha gad' chuir am fiadh air do chàirdean, 'sa tha gad' bhuaireadh gu dol taobh nach aithne dhut?

*Bana-chriosdaidh.* An sin thuirt a Bhana-chriosdaidh rithe, Bha mi fo mhòr iomagain o'n a dh' fhalbh m' fhear, ach 's e a tha cuir na h-urrad dhragh orm cho mhi-shuairce's a bha mi ris am feadh a bha e fo thriob-laid. Tha mi féin a nis' mar bha e-san 'san àm sin; cha toilich aon ni mi ach falbh air chuairt. Bhruadair mi'n raoir gu'm faca mi e! O nach robh m'anam maille ris. Tha e a thàmh am fianais Rìgh na tìre; tha e 'g ith' agus ag òl aig an aon bhòrd ris; is còmpanach do mhuintir neo-bhàsmhor e; agus tha taigh còmhnaidh air a thoirt da, ris nach eil an lùchairt is maisich' air talamh a coimeas ris achmar òtrach breun. (2 Cor. v. 1, 2, 3, 4.) Chuir Uachdaran an àite fòs fios orm, le gealladh gun gabh e rium ma ruigeas mi; bha theachdaire an so o cheann ghoirid, agus thug e litir chuiridh dhomh gu teachd. Agus le sin a ràdh, spion i'n litir

as a broilleach, agus leugh i dhaibh i, agus thuirt i an riu sin, Ciod a nis' 'ur barail mu'n chùis ?

*Cion-cruadail.* Tha agam féin barail amaideach uime. Air leam gur truagh am buaireadh a thainig ort fein agus air t'fhear dol a ruith a cho liugha cunnart gun fhios c'arson : 's cinnteach mi gu'n cuala tu an sàrachadh a fhuair t'fhear na cheud dol a mach, mar dh' fhaodas do choimhearsnach Ceann-laidir innseadh dhut, oir bha e leis ; seadh, agus Socharach cuideachd, gus nach dùirigeadh iad, o'n a bha iad glic, dol ni b' fhaide.

Chuala sin a thuilleadh air sin mar thachair e air na leòghain, Apolion, air Sgàile-bhàis, agus ioma ni a bharr orra sin. Agus cha n-é'n cunnart san robh e aig Féill-an-diomhanais bu lugha : oir ma bha e-san a bha 'na dhuine air a dheuchainn cho mòr, ciod ris am bi dùil agad a thig riutsa nach eil ach ad' bhoireannach bochd lag ? Cùmhnich cuideachd air a cheathrar leanaban so, ciod a ni iad. Air an aobhar sin ged a bhiodh tu caoinshuarrach umad féin, shaoilinn air ghaol do chloinne gu'm bu chòir dhut fuireach aig an taigh.

Ach thuirt a Bhana-chriosdaidh rithe, na teann ri m bhuaireadh : tha geall air a chur a'm' làimh chum a bhuanachd, agus b'òiseach mi da rìreadh mar tugainn ionnsaidh air a chosnadh. Agus tha gach ni a dh'innis thu a b'ion domh dùil a bhi agam ris air an t-slighe, cho fad o mhi-mhisneach a thoirt domh, 's gur ann a tha iad a' deacbdadh dhomh gu'm beil m' ionnsaidh ceart. 'S éigin gun tig an searbh roi'n mhilis, agus fàgaidh sin am milis ni's ro-bhlasda. Agus o nach ann an àinm Dhé a thainig thu do m' thaigh, mar labhair mi, guidheam ort bi ga fhàgail, agus na cuir tuilleadh dragh' orm.

An sin thòisich Cion-cruadail r'a càineadh, agus thuirt i r'a bana-chòmpanaich Tròcair, fagamaid leatha féin i ; cha'n eil meas aic' aon chuid air ar cuideachd no air ar comhairle. Ach bha Tròcair san ioma-chomhairle ciod a dheanadh i, air son dà aobhar, *Ann's a' cheud àite.*



Bha truas aice ris a' Bhana-chriosdaidh, agus air leatha gu'n rachadh i tacan leatha air a turas chum a comb-nadh. *Anns an dara h-àite.* Dh'fhàs truas aice da h anam féin, oir dhrùigh na thuir a' Bhana-chriosdaidh oirre cho mòr, 's gu'n dubhairt i rithe féin, bithidh fathast tuille seanachais agam rithe; agus ma thuigeas mi gur i 'n fhìrinn a bhios aice, falbhaidh mi leatha air fad. Agus thuir Tròcair ri Cion-cruadail.

*Tròcair.* A Bhana-choimhearsnaich, thainig mi an so leat-sa sa' mhadainn a dh'fhaicinn na mnà so; agus o'n a tha i cur roimpe a dùthaich fhàgail, théid mi greis an t-slighe leatha ris a' mhadainn ghrianaich so, chum còmhnadh leatha air a turas. Ach cha d'innis i dh'i an dara h-aobhar.

*Cion-cruadail.* Ro mhath, tha mi faicinn gu'm beil a rùn ortsa bhi t-òisich cuideachd: Ach thoir an aire dhut féin na thrà: is usa fuireach á cunnart no teachd as 'nuair a théid sinn ann. Mar so phill Cion-cruadail dhachaigh; agus dh'fhalbh a Bhana-chriosdaidh air a turas. Ach 'nuair a chaidh Cion-cruadail dhachaigh, chuir i fios air cuid da bana-choimhearsnaichibh, eadhon air Doilleir, air Cion-smuainichidh, air Guanaig, agus Aineolach: Agus 'nuair a thàinig iad, thòisich i ri innseadh dhaibh mu'n Bhana-chriosdaidh, agus mu'n turas air an robh i air imeachd, Agus thuir i mar so:

*Cion-cruadail:* A chionn gu'n robh mi sa' mhadainn air bheag r'a dheanamh, smuainich mi gu'n rachainn a dh' fhaicinn Bana-chriosdaidh; 'sa 'nuair a rainig mi'n dorus, bhuaill mi, mar is gnàth leinn; agus fhreag-air i, Ma's ann an ainm Dhé a tha thu teachd, thig a staigh. Chaidh mi steach, an dùil gu'n robh gach ni mar bu chòir dha bhith: Ach nuair a chaidh, thuig mi gur ann a bha i ga deanamh féin agus a cuid cloinne deas chum am baile fhàgail. Dh' fheòraich mi dh'i ciod bu chiall d'i, agus thuir i rium gu'n robh a mhiann oirre falbh air chuairt mar rinn a fear. Dh'innis i mar an ceudna dhomh brудар a chunnaic i, agus mar chuir

Rìgh na dùthcha sam beil a fear litir-chuiridh ga h-ionnsaidh chum dol do'n tìr sin.

An sin thuirt Aineolach, An saoil thu am falbh i?

*Cion-cruadail.* Falbhaidh gun teagamh, ge b'è ni a thachras d'i a rithist: oir shoilleirich mise dh'i gach cunnart a thigeadh 'na caramh le sin a dheanamh; ach sann a chuir sin ni bu déine i chum a ghabhail os-làimh. Oir thuirt i rium, Gu'm b'eigin do'n t-searbh bhi air thoiseach air a' mhilis: agus gu'n dh'fhàg sin am milis ro-thaitneach.

*Doilleir.* Mo thruaighe! a' bhean bhochd dhall, ars ise, agus cha ghabh i rabhadh o àmhghar agus ànradh a fìr? Shaoilinn féinn nam biodh e-san an so a rithist gu'm biodh e deònach fuireach tuilleadh aig an taigh, gun dol a cho lion cunnart gun fhios c'arson.

Thuirt Cion-Smuainichidh mar an ceudna, As a bhaile do gach òisich fhaoin mar tha ise; is math an gnothach a bhì cuibhte dhiù; oir 'nam fanadh i agus a bhì 'sa bheachd sin, Cò a b' urrainn a fulang? Bhiodh i dh'aon chuid cianail no mi-chòmpannda: agus labhradh i mu nithe nach toigh le aon neach glic iomradh chluinntinn air: uime sin cha bhì duilichinn sam bith orm féin a chionn i dh'fhalbh: falbhadh i roimpe, agus gu ma fearr na thig na h-àite. Cha robh 'n saoghal riamh ceart o'n a bha sluagh cho iongantach a chòmhnaidh ann.

An sin thuirt Guanag, Leigeamaid dinn an seanachas so. Bha mi'n dé ann an tigh Mhacnais, agus bha sinn cho cridheil sa b' fheairrde sinn: Oir cò air leibh a bha ann uile, ach mi féin agus Miannach, agus triuir no chearthar eile: Bha againn ceòl agus damhsa, agus ioma culaidh shòlais eile: Ach mu'n àm so bha Bhana-chriosdaidh agus a clann air an turas, agus chaidh Tròcair maille rithe; agus thòisich a' Bhana-chriosdaidh ri seanachis, agus thuirt i, A Thròcair, is sochair so ris nach robh dùil agam, gu'm falbhadh tusa rè tamaill leam air mo thuras.

*Tròcair.* An sin thuirt an cailin òg Tròcair, nan saoilinn gun b'ann a chum mo leas a bhitheadh e, cha phillinn tuilleadh do'n bnaile.

*Bana-chriosdaidh.* Ro mhath ma ta, a Thròcair, gabh cuid do chunnairt leamsa : is math a tha fhios agamsa ciod a dh'éireas duinn. Cha deanadh m'fhear malart air an ionad sam beil e air òr na h-Easpailt : Cha mhò chuirear idir cùl riutsa ged is ann air m' iarrtas a ruigeas tu. Tha'n Rìgh a chuir fios orms' agus air mo chloinn a' gabhail tlachd ann an tròcair. Osbarr ma dh'fhalbhas tu leinn, cuiridh mise muinnt-earas ort, agus bithidh tu ad bhan-shéirbhiseach againn. Gidheadh bithidh gach ni co'-ionann eadarainn ; a mhàin falbh leinn.

*Tròcair.* Ach cionnas a bhios fios agam gu'n gabhar riumsa mar an ceudna ? Nam faighinn an gealladh o aon gam b' aithne e, cha diùltainn falbh ; na'n deanta mo chòmhnadh, leis-san is urrainn e, rachainn air m' aghaidh ge b'e air bith cho deacair 's a bhiodh an t-slighe.

*Bana-chriosdaidh.* Ro mhath, a Thròcair ghràdh-ach, innsidh mise dhut ciod a ni thu : Falbh leamsa gus an ruig sinn an dorus cumhann, agus ni mis' an sin am barrachd fiosrachaidh umad ; agus mar faigh thu mis-neach chum dol air t'aghaidh, an sin bithidh mise deònach gu'm pill thu : bheir mi mar an ceudna tuar-sadal dut air son a' chuidichidh a tha thu' deanamh rium féin agus ri m' chloinn air an t-slighe.

*Tròcair.* Ma ta théid mi air m'aghaidh, agus chì mi ciod a thachras domh : agus gu'n deònaicheadh Dia dhomh gu'm bi mo chrannachur san àite sin, mar iadsan is caomh le Rìgh nam flaitheas.

Bha gàirdeachas air a' Bhana-chriosdaidh, cha'n ann a mhàin a chionn gun robh bana-chòmpanach aic' air an t-slighe, ach a chionn gu'n do chuir i ìmpidh air an nighinn so spéis a thoirt d'a slàinte shiorruidh féin. Mar so dh'imich iad le chéile, agus thoisich Tròcair ri

caoineadh. An sin thuir a Bhana-chriosdaidh rithe, a phiuthar c'arson a tha thu gul ?

*Tròcair.* Mo thruaighe ! thuir i, Cò air nach biodh bròn. smuaineach air a' chùis, mar tha mo chàirdean truagh' ann an còr cunnartach sa' bhaile pheacach a dh'fhàg sinn : agus tha e cuir am barrachd trioblaid orm nach eil neach sam bith ann a sheòlas daibh an cunnart anns am beil iad.

*Bana-chriosdaidh.* Tha bhi tiom-chridheach dualach do luchd-cuairt' ; agus tha iomagain ords' air son do chàirdean mar bha air Crisdaidh mu'n dh'fhàg e mise ; bha bròn air a chionn nach éisdinn-sa ris ; ach thaisg a Thriath féin agus ar Triath-ne a dheòir suas 'na shearraig, agus tha thus' agus sinne a' buain an toraidh agus an sochair. Tha dòchas agam a Thròcair, nach bi na deòir sin agadsa càillte : oir thuir an fhìrinn, " Iadsan a chuireadh *siol* le deuraibh buainidh iad le gàirdeachas. E-san a théid a mach agus a ghuileas, ag iomchar rogha sùil, gu cinnteach thig e a rìs le gàirdeachas, ag iomchar a sguab." (Salm cxxvi. 5, 6.) An sin thuir Tròcair,

Ma's deònach leis an Ard-Rìgh e,  
 Mo stiùradh anns gach càs ;  
 A's mo thoirt chum a thulaich naomh,  
 Le chumhachd, a's le ghràs.  
 'S na leigeadh e leam uair sam bith,  
 Claonadh o'n t-slighe chòir ;  
 Ach deanadh e mo chumail suas,  
 An cian a bhios mi beò.  
 Is togadh e na dh'fhàg mi m' dhéigh,  
 'Sa thoil, gun deantar leo !  
 A ghuidhe ghnà gum bi iad leis ;  
 'S an gabhail suas chum glòir.

Lean mo sheanna chòmpanach air a naigheachd, agus thuir e, 'nuair a thainig a Bhana-chriosdaidh chum Sloc-na-mi-mhisnich, thòisich i ri eagal a ghabhail ; oir thuir i, 's e so an sloc a theab cuir às do m' chaomh chòmpanach. Chunnaic i, a dh' aindeoin àithn' an Rìgh chum a chàradh, gun robh e pailt na bu mheasa na bha e roimhe : agus dh'fhèdraich mi dheth an robh

e mar sin ? Thuirt e rium gun robh ; agus gun robh mòran a gabhail os-làimh a bhi 'nan séirbhisich aig an Rìgh, agus a ròidean mòr a chàradh, a tha toirt aolaich agus salachair d'a ionnsaidh, an àite chlach ; agus a tha leis a sin g'a mhilleadh, an àit' a chàradh. Sheas a Bhana-chriosdaidh agus a clann aig bruaich an t-sluic ; ach thuirt Tròcair, Thugamaid ionnsaidh air dol thairis ; ach a mhàin bitheamaid faicilleach. An sin ghabh iad sàr-bheachd air a' chlacharan, agus chaidh iad san turrachdail thairis.

Ach is ro-bheag a bha eadar a' Bhana-chriosdaidh agus a bhi ann uair no dhà. Ach cha luaithe thainig iad thairis na chual iad guth ag ràdh riu,—“ *Is beannaichte ise a chreid ; oir coilionar na nithe a labhradh rithe leis an Tighearna.*”

An sin dh'imich iad a rithist air an aghaidh, agus thuirt Tròcair rithe, Nam biodh na h-urrad bharantais agamsa gu'n gabhte rium aig an dorus chumhann 'sa th' agadsa, shaoilinn nach cuireadh Sloc-na-mi-mhisnich eagal orm.

Thuirt a' Bhana-chriosdaidh rithe, tha t'aobhar eagail féin agadsa, agus tha sin agamsa cuideachd : agus cha n-eagal nach bi ni's leòir do dh'aobhar gearain againn uile mu'n ruig sinn ceann na h-uidhe.

Oir cha 'n ion a bhi ann am barail, gu'm bi sluagh air am beil a rùn glèid cho àgmhor fhaotainn 's a tha sinne ; agus ris am beil na h-urrad farmaid air son an t-sonais sin 's tha ruinne, nach tachair riù iomadh culaidh-eagail, ribe, agus gach cruaidh-chas, a dh'fhaodas iadsan air am beag sinn a chuir 'n ar caramh.

An sin dhealaich sinn, agus cha d' aithris e tuilleadh ga sgeula dhomh. Uime sin air leam gum faca mi am aisling, gu'n deach a' Bhana-chriosdaidh, Tròcair agus a chlann suas chum an doruis : agus an uair a thainig iad, chuir iad an comhairle r'a chéile cia mar dheanadh iad, agus ciod a theireadh iad ris-san a dh'fhosgladh an dorus daibh. Shònraich iad a nis', o'n a b' i Bhana-chriosdaidh bu sheinne gu'm buaileadh ise, agus gun

labhradh i air son chàich chum am faighinn a staigh. Mar sin thòisich i ri bualadh, agus mar rinn a fear, bhuaill i a rithist agus a rithist. Ach an àite aon neach a thoirt freagradh dhaibh, 's ann air leo gun cual iad madadh garg coin a' comhartaich a teachd d' an ionnsaidh; agus chuir so eagal air na boirionnaich agus air a' chloinn. Cha mhò bha chridhe aca, rè seal, bualadh a rithist, air eagal gun tugadh an cù ionnsaidh orra. Bha iad a nis' air an cùradh gu geurgun fhios aca ciod a b'fhearr dhaibh a deanamh. Cha robh chridhe aca leis a chù bualadh, cha mhò bha chridhe aca na rachadh air an ais m'am faiceadh an dorsair iad, agus gun gabhadh e mìothlachd riu. Ach mu dheireadh chuir iad rompa bualadh, agus sin ni bu treise na rinn iad roimhe. An sin thuirt an dorsair, Cò tha 'n sin? An so sguir am madadh a chomhartaich riu, agus chaidh an dorus fhosgladh.

An sin rinn a' Bhana-chriosdaidh ùmhlachd gu làr dha, agus thuirt i ris, Na biodh corraich air ar Tighearna r'a bhan-òglaichibh, a chionn gun do bhuaill sinn aig a dhorus àluinn. An sin thuirt an dorsair, Cia as a thàinig sibh? agus ciod a b'àill leibh fhaotainn?

Freagair a Bhana-chriosdaidh, agus thuirt i, Thàinig sinne as an aon àite ri Criosdaidh, agus air a ghnòthach ceudna; eadhon mu 's toil leats' e, gu'n gabhar a staigh sinn air an dorus so, chum faighinn air an t-slighe a tha treòrachadh chum a' bhaile nèamhaidh. Agus thuirt i a thuilleadh ris, gum b'ise bha aon uair na mnaoi aig Criosdaidh, a tha nis' a chòmhnaidh san dùthaich nèamhaidh.

Nuair a chual an dorsair sin bha ioghnadh air agus thuirt e, Am beil ise a nis' air a turas, a bha bho cheann ghoirid cho fuathach mu'n dèigh sin? An sin chrom i 'ceann, agus thuirt i, Tha, agus mo chlann bheag cuid-eachd.

An sin ghabh e air làimh i, agus thug e steach i agus thuirt e, "Fuiligibh do chloinn bhig teachd am' ionnsaidh;" agus le sin a ràdh dhuin e an dorus. Le so a

dheanamh, thug e àithne do dh'fhear ciùil, a bha gu h-àrd, ceòl a shéinn do Bhana-chriosdaidh le h-iolaich, le fuaim trompaid, a' deanamh gàirdeachais. Fhreagair an duine agus shéinn e le ceòl leadurra binn.

Bha Tròcair bhochd fad na h-ùine so na seasamh a muigh, air bhall-crith agus ag éigheach, air eagal gun do chuireadh air cùl i. Ach an uair a fhuair an te eile agus a clann a staigh, thòisich i ri eadar-guidhe a dheanamh as a leth.

*Bana-chriosdaidh.* An sin thuirt i, A Thighearna, tha bana-chòmpanach agam a tha na seasamh a muigh, a thainig an fheadh so air a' cheart gnothach air an tainig mise: Aon a tha fo mhòr mhi-mhisnich: a chionn, air leatha, gu'n tainig i gun chuireadh; an fheadh a fhuair mise cuireadh teachd o Rìgh m'fhir.

A nis bha Tròcair ro neo-fhoighidneach leis mar bha i na seasamh aig an dorus: uime sin cha do leig i le bana-chòmpanaich a sgeul uimpe aithris air fad, aig a ro chruaidhead 's a bhuaill i 'n dorus. Bhuaill i e cho laidir 's gun do chlisg a Bhana-chriosdaidh. An sin thuirt an dorsair, Co tha'n sud? Agus fhreagair a Bhana-chriosdaidh, Is i mo bhana-charaids' a th' ann.

Le sin a chluinntinn, dh'fhosgail e'n dorus, agus sheall e a mach; ach bha Tròcair san àm so air tuiteam seachad 'na neul; oir thainig laigse oirre, le eagal nach rachadh an dorus fhosgladh dh'i.

An sin rug e air a làimh, agus thuirt e rithe, A chailin, éirich.

Och! thuirt i, tha mi ro lag; 's gann a tha beatha annam. Ach a deir e, gun tubhairt aon àraidh, " 'N tra lag air m' anam an taobh a stigh dhìom, chùimhnich mi air an Tighearna. agus thainig m' ùrnaigh a d'ionnsaidh gu d' theampull naomh." (Ion. ii. 7.) Na biodh eagal ort, ach seas suas, agus innis domhsa c'arsan a thainig thu 'n so.

*Tròcair.* Thainig mi gun chuireadh, cha'n ionann 's mar thachair do Bhana-chriosdaidh. Bha a cuireadh-sa o'n Rìgh, ach cha robh agams' ach cuireadh uaipe-  
sa Uime sin bha mi cho dàna.

An d'iarr i ort teachd leatha chum an àite so?

*Trocair.* Dh' iarr i; agus thainig mi, mar tha m: Thriath a' faicinn; agus ma tha bheag do ghràs, no do mathanas peacaidh r'a sheachnadh, guidheam ort gu'm faigh do bhan-oglach cuibhrionn diù.

An sin ghabh e a rithist a làmh, agus thròdraich e gu fòill a staigh i, agus thuirt e, Tha mi guidhe as an leth-san uil' a chreideas annam, ge b'e seòl air an tig iad am ionnsaidh. An sin thuirt e riusan a bha 'nan seasamh a làthair, thugaibh ni-eigin d'a h-ionnsaidh, cum gun cuir fhàileadh e laigse air falbh. agus thug iad bad de luibhean chùbhraidh dh'i, agus dh' ath-bheothaich i.

Bha nis' a' Bhana chris daidh, a clann, agus Tròcair air an gabhail a staigh leis an Tighearn a th' aig ceann na slighe, agus labhair e gu caoimhneil riu. An sin thuirt iad a bharrachd ris, tha sinn dubhach air son ar peacaidh, agus tha sinn ag iarraidh mathanas air ar Triath air an son, agus an tuilleadh fiosrachaidh ru ni's còir dhuinn a dheanamh.

Dheanaich mi mathanas duibh, ars' esan, an guth agus an gnìomh; an guth le gealladh air mathanas: an gnìomh leis a mhodh air an dh' fhuair mi e. Gabhaibh a' cheud chuid o m' bhilibh le pòig, agus an ni eile mar dh' fhoillsichear e. Dàin i. 2. Eoin xx. 20.

A nise chunnaic mi am aisling, gun do labhair e iomadh deagh fhacal riu, leis an robh iad ro ait. Thug e suas iad gu braidhe a' gheata, agus nochd e dhaibh an gnìomh a bha r an saoradh; agus thuirt e riu gun rachadh sin a leigeadh ris daibh air an t-slighe chum sòlas a thabhairt daibh.

Le so a radh dh'fhàg e rè tamall beag iad ann an seòmar làir, far an do thòisich iad air còmhradh ri chéile: Agus mar so thuirt a' Bhana-chriosdaidh, O Thigh-earna! 's aoibhneach mi gu'n tàinig sinn an fheadh so!

*Trocair.* 'S math is còir dhut sin: ach tha 'm barrachd aobhair gàirdeachais agamsa na th' aig aon neach eile.

*Bana-Chriosdaidh.* Shaoil leam aon uair an trà bha



mi 'm sheasamh aig an dorus, agus nach robh neach a' tighinn ga fhosgladh, gun robh ar saothair uile cailte, gu h-àraidh 'nuair a rinn am madadh gràineil ud na h-urraid chomhartaich ruinn.

*Tròcair.* Ach 'se eagal bu mhò a bh' ormsa, 'nuair a chunnaic mi gun do ghabh e sibhse a steach, 's gun deach mis' fhàgail a muigh, Gur e air leam, gun robh e nis' air a cho'-lionadh, Gum " biodh dithis bhan a' bleith còlath, gun gabhar a h-aon aca, agus gum fàgar an aon eile." (Mat. xxiv. 41.) 'S beag a bh'eadar mi agus a glaodhaich amach, Gun robh mi cailte ?

Agus bha sgàth orm bualadh tuilleadh ; ach an uair a sheall mi suas, 'sa chunnaic mi 'n sgrìobhadh a bha os ceann a gheata, ghlac mi misneach. Air leam gum b' eigin domh an darna cuid bualadh no bhi cailte gu tŷr. Mar sin bhuail mi, ach leis mar bha mi cho iomaguin-each, cha'n aithne dhomh cia mar rinn mi e.

*Bana-criosdaidh.* Nach urrainn dut innseadh cia mar bhuail thu ? Gu deimhin bha do bhuillean cho dùrachdach, 's gun tug am fuaim orm clisgeadh : air leam nach cuala mi a leithid riamh. Shaoil mi gun tigeadh tu staigh le ainneart, no gun glacadh tu'n rìogh-achd le làmhachas làidir. Mat. xi. 12.

*Tròcair.* Mo thruaighe ! cò bhiodh am àite nach deanadh mar sin ? Chunnaic thu gun robh an dorus air a dhùnadh orm, agus gun robh madadh garg dlù dha. Cò ma ta a bhiodh cho meath-chridheach 'sa bha mise nach buaileadh le'n uile neart ? Ach ciod a thuir mo Thighearna ri m' ladornas ? An robh diomb air rium ?

*Bana-criosdaidh.* An uair a chual e 'm fathrum a rinn thu, rinn e sméide gaire : tha mi'm barail gun do thaitinn na rinn thu gu math ris, oir cha robh coltas mìothlachd sam bith air. Ach 's iognadh leam gu'm beil e gleidheadh cù cho coimheach garg ris a mhadadh ud : Nam biodh fios agam e bhi ann, cha bhiodh do mhisnich agam na thigeadh 'na charamh. Ach o'n a tha sinn nis' a staigh, tha mi toilichte mar thachair.

*Tròcair.* M'as toil leat e, feòraichidh mise dheth c'ar son a tha e gleidheadh cù cho mìobhail ris a mhadadh ud : Tha dòchas agam nach gabh e gu h-olc e.

Dean sin, thuirt a chlann, agus earalaich air a chrochadh ; oir tha eagal oirnn gu'n gearr e sinn 'nuair a dh'fhalbhas sinn.

Agus thainig e a nuas d'an ionnsaidh, agus thuit Tròcair sìos 'na fhianais le h-aghaidh ri làr, agus rinn i aoradh, agus thuirt i, Gabhadh mo Thighearna a nise ris an ìobairt mholaidh a bheir mi dha a thig a mach a dorus mo bhedil.

Agus thubhairt e rithe, Sìth gun robh dhut, Seas suas. Ach bhunaich i air a h-aghaidh, agus thuirt i, Is ceart thusa, O Thighearna, 'nuair a thagram riut : gidheadh ceada'ch dhomh labhairt riut mu thimchioll do bhreitheanais. (Ier. xii. 1.) C'arson a tha thu gleidheadh madadh cho garg dlù air an dorus ; cuiridh sealladh dheth eagal air mnathan agus air cloinn mar tha sinne, ionnas gum bi iad ullamh gu teicheadh air falbh leis an eagal :

Fhreagair e i 'g ràdh, Cha mhis' idir sealbhadair a' choin sin ; tha e fo chuibhreach air fearann duin' eile, cha n-eil ach mo luchd-cuairte-sa a' cluinntinn a chomhartaich : Buinidh e do'n daingneach a chì sibh thall ud, ach 's urrainn da teachd gu ruig bun a bhalla so. Is iomadh fear-cuairt bochd air an do chuir e eagal o ole gu ni's fearr, le gharbh chomhartaich. Cha n-ann o aon rùn math dhomhsa no dh'aon neach a bhuineas domh a tha e ga ghleidheadh, ach a chum gu'n cumadh e an luchd-cuairt o theachd am ionnsaidh, 'sa chum gu'm bi eagal orra teachd a bhualadh aig a' gheata, chum gum faigh iad a steach. Bhrìst e air uairean a mach, agus bheubainich e cuid diùsan a b' ionmhuinn leam ; ach tha mi giùlan leis san àm gu foighidneach. Tha mi mar an ceudna a' deanamh còmhnadh tràthail ri m' luchd-turais, chum nach toirear thairis iad da làimh, chum e dheanamh na b'àill leis riu. Ach ! shaoilian,

m' aon shaorta, gum biodh na h-urrad fhiosrachaidh agad roi làimh 's nach cuireadh madadh eagal ort.

Is fearr leis an déirceach a tha sireadh na déirce bho dhorus gu dorus, a dhéirc a sheachnadh, no dol fo mheachainn donnalaich, combartaich, agus theagamh teumadh coin cuideachd; agus an cùm cù ann an lios fir eile, a tha mise toirt air a chomhartaich tionndaidh mach chum buannachd mo luchd-cuairte, aon neach o theachd am ionnsaidh? Saoraidh mi iad o na leòghain, agus m'aon ghràidh o neart a' mhadaidh.

*Tròcair.* An sin thuirte Tròcair, Tha mi 'g aideachadh m' aineolais: Labhair mi mu ni nach do thuig mi: Tha mi 'g aideachadh gu'm beil thu deanamh gach aon ni gu ro cheart.

*Bana-chriosdaidh.* An sin thòisich a' Bhana-chriosdaidh air labhairt mu'n turas, agus a' feòraich mu thimchioll na slighe. Bheathaich e iad, agus nigh e 'n casan, agus chuir e iad ann an slighe a chas-cheuman, a réir mar bhuin e r'a fear roimhe. Chunnaic mi an sin am aisling gun d'imich iad air an t-slighe, agus bha'n latha freagarrach dhaibh.

An sin thòisich a' Bhana-chriosdaidh ri gabhail an drain so,

'S beannaicht' an là a thòisich mi,  
An turas so le buaidh;  
Is beannaichte mar sin gu 'n robh,  
Am fear a chuir e 'm chluais.

Bu chian bha mi mu'n d'inndrinn mi,  
Air beatha dhiadhaidh chòir,  
Ach tha mi nis' le m' uile neart,  
A' triall innte le'm dheòin.

Ar deòir gu aiteas chaochail thu,  
'S gu earbs' ar n-eagal phill;  
Gun nochd' mar bha ar toiseach fòs  
Mar bhios sinn aig ar crìch.

A nise bha air taobh eile a' bhalla, a bha dion na slighe air an robh a' Bana-chriosdaidh agus a cuideachd ag imeachd, lios, a bhuineadh dha-san aig an robh madadh

na donnalaich, mu'n do labhradh roimhe. Agus bha meanglain cuid de na craobhan meas a' lùbadh thar a bhalla; agus air do'n mheas a bhi taitneach do'n t-sùil, bha iadsan a bha dol seachad g'an tional agus g'an ith-eadh chum an cron. Mar sin bha clann na Bana-chriosdaidh, mar is tric le cloinn a dheanamh, ag amharc le taitneas air a' mheas, agus dh'ith iad cuid deth. Bha 'm màthair gan cronachadh a chionn sin a dheanamh; ach bha iadsan ga ithe.

Tha sibh a dol am mearachd, a chlann, ars ise, oir cha bhuin am meas sin duinne: Ach cha robh fios aice gu'm bu leis an nàmhaid e; oir nam bitheadh, cha bu bheag a h-eagal. Ach chaidh sin seachad, agus dh'imich iad air an turas. Air dhaibh a nis' a bhi tamall beag air falbh, chunnaic iad dà fhear ro dhuaichnidh a' teachd nan cò-dhail. Le sin fhaicinn chòmhdach na boireannaich iad fein le 'n gnùis-bhrataibh, agus lean iad air an turas; agus bha chlann rompa; ach thachair iad air a chéile. An sin thainig na fir a choinnich iad gu neo-sgàthach 'nan coinneamh mar gu'm biodh iad a' dol gam pògadh: ach thuirt a Bhana-chriosdaidh riu, iad a dh' fhuireach air an ais, no iad a dhol seachad gu sàmhach mar bu chòir dhaibh. Ach thug iad cluas-bhodhar do na thuirt i, agus thòisich iad ri breth orra; chuir so corraich air a' Bhana-chriosdaidh, ionnas gun tug i beum dhaibh. Rinn Tròcair mar an ceudna gach ni a dh' fhaod i chum an seachnadh. Thuirt iad riu a rìthist iad a sheasamh air an ais, agus gun dragh a chur orra-san, a chionn nach robh airgead aca r'a chall, do bhùigh nach eil annainn ach luchd-turais mar a ch' sibh, 's a tha teachd beò air tabhartas ar càirdean.

*Daoine.* An sin thuirt fear dhiu riu, cha 'n e 'ur n-airgead a tha dh'ith oirnn, ach sann thainig sinn a dh' innseadh dhuibh mu dheònaicheas sibh aon iarrtas beag a leigeadh leinn, gun dean sinn 'n 'ur boireannaich sibh gu sìorruidh.

*Bana-chriosdaidh.* Thuig a Bhana-chriosdaidh ciod

a bha dhèth orra, agus thuirt i riu, Cha tabhair sinn aon chuid éisdeachd no géill duibh 's na tha sibh ag iarraidh. Tha sinn an cabhaig, agus cha 'n fhaod sinn maille dheanamh; uime sin leigibh leinn imeachd. An sin thug i féin agus a' cuideachd an ath-ionnsaidh air falbh uatha; ach cha leigeadh iad leo.

*Daoine.* Cha dean sinne, thuirt iad, coire sam bith dhuibh a thaobh 'ur beatha; is ni eile a b'àill leinn fhaotainn.

*Bana-chriosdaidh.* Thuirt a Bhana-chriosdaidh riu, B'àill leibh ar faotainn eadar chorp agus anam; oir tha fios agam gur ann air son sin a thainig sibh, ach s' fear lenne am bàs fhaighinn ann an so, no geilleadh dhuibh, ni a chuireas sinn ann an cunnart an deigh làimh. Le sin a ràdh, ghlaodh iad le chéile gu h-àrd, Mort, Mort! agus chuir siad iad féin fo dhion an reachd sin a th' air a sholar a chum boireannaich a dhion, (Deut. xxii. 25, 26, 27.) Ach thug na daoine sior ionnsaidh orra, chum buadhachadh 'nan aghaidh. Air an aobhar sin dh'éigh iad a rithist. Ach a chionn nach robh iad ach goirid air falbh o'n gheata, chual iad an glaodh 'nuair a bha iad gan sàrachadh, agus air dhaibh guth na Bana-chriosdaidh aithneachadh, thainig iad le cabhaig d'an ionnsaidh. Ach mu'n àm an tainig iad am fhradharc, bha na mnàì air an cruaidh dheuchainn; bha chlann mar an ceudna a' sior chaoine. An sin thuirt e-san a thainig gu'n còmhnadh ris na daoine mi-chneasta sin, Ciod e so a tha sibh a' deanamh? Am b'àill leibh a thoirt air sluagh an Tighearna dol am mearachd? Thug e cuideachd ionnsaidh air an glacadh, ach dh'fhàg iad e, thar a bhalla do lios an fhir gam buineadh am madadh; agus bha'n cù gan dion. Thainig am fear-cobhrach so far an robh na mnàthan, agus dh'fhiosraich e dhiù cionnas a bha iad? Buidheachas do d' Rìgh-se thuirt iad, tha sinn a nis' gun aobhar gear-ain, ach ghabh sinn beagan eagail. Tha sinn mar an ceudna ad chomain-se air son teachd g'ar còmhnadh, no bheireadh iad buaidh oirne.

*Fear-cobhrach.* Thuir am Fear-cobhrach riu, b'ìogh-nadh leamsa, 'nuair a fhuair sibh gabhail ruibh cho math aig a' gheata gu h-àrd, air dhuibh fios a bhi agaibh nach robh sibh féin ach lag, nach d'iarr sibh air an Tighearna fear-iùil a chur leibh; an sin dh' fhaodadh sibh an cunnart agus an trioblaid so a sheachnadh; oir dheònaicheadh e dhùibh e.

*Bana-chriosdaidh.* Mo thruaighe! arsa Bhana-chriosdaidh, bha sinne cho toilichte leis a chaoimhneas a fhuair sinn, 's nach robh guth againn air aon chunnart a bha romhainn. A bharr air sin, cò shaoileadh gu'm biodh daoine cho mallaichte cho dlù air lùchairt an Rìgh? Gu deimhinn bu mhath dhuinne gu'm bitheamaid air iarraidh aon a chuir leinn: ach 's iognadh leam nach do chuir ar Tighearn e féin aon ann, o'n a bha fios aige gun robh sin feumail!

*Fear-cobhrach.* Cha n-eil e daonnan iomchaidh ni thoirt seachad gun iarraidh, air eagal le sin a dheanamh nach bi ach beag meas air; ach an uair a mhothaichear gu'm beil ni a dhìth air neach, bithidh meas air an sin, agus iarrar an deigh sin e. Nam builicheadh an Tighearna Fear-stiùraidh oirbhse, cha bhiodh sibh san àm a' caoidh na di-chùimhn a rug oirbh a chionn nach d'iarr sibh e, mar tha aobhar agaibh an dràsda a' dheanamh. Mar so tha gach ni ag oibreachadh a chum 'ur math, agus g'ur deanamh faicilleach.

*Bana-chriosdaidh.* Am pill sinn a rithist chum an Tighearna, a dh' aideachadh ar n-amaideachd agus a dh'iarraidh air aon a chur leinn?

*Fear-cobhrach.* Cuiridh mis' an céill da mar tha sibh ag aideachadh 'ur n-amaideachd: Agus cha ruig sibh a leas dol air 'ur n-ais; oir gheibh sibh pailteas anns gach ionad chum an tig sibh; oir cha n-eil uireasbhuidh sam bith dhiu sin aig gach ionad tàimh a dh'ullaich mo Thighearna, chum luchd-turais a ghabhail a staigh. Ach mar a thuir mi, 's math leis gun iarrar na nithe sin air, agus 's olc an ni nach fù iarraidh, (Esec. xxxvi.

37.) 'Nuair a thuir e mar so, phill e air ais, agus dh' imich iadsan air an turas.

*Tròcair.* An sin thuir Tròcair. Nach grad an caochladh a thainig oirnn ! bha mi meas gun robh sinn as gach gàbhadh, agus nach biodh aobhar againn bròn tuilleadh a dheanamh.

*Bana-chriosdaidh.* Faodaidh do neo-chiontas do leith-sgeul a ghabhail ; ach tha e dhomhsa ni's ciontaiche, a thaobh gum faca mi 'n cunnart so mu'n dh' fhàg mi 'n taigh, 's gidheadh nach d' iarr mi fear-treòraichidh far am faodainn fhaighinn. Tha mi gu mòr sa' choire.

*Tròcair.* Cionnas a bha fios agad air so mu'n d' fhàg thu 'n taigh ? Innis sin domhsa, guidheam ort ?

*Bana-chriosdaidh.* Innsidh mise sin dut : Mu'n do chàraich mi á mo thaigh féin, bhruadair mi mu'n ni so ; oir air leam gu'm faca mi dithis fhear anabharra coltach ris an dithis ud, 'nan seasamh ri taobh mo leapa, a' sònrachadh mar chumadh, iad mi bho bhi air mo shaoradh : innsidh mi dhut na ceart fhacail a thubhairt iad ; Thuir iad, Ciod a ni sinn ris a Mhnaoi so ? oir tha i 'g éigheach a latha agus a dh'òidhche air son mathanais ; ma leigeas sinn leatha dol air a b-aghaidh mar so, caillidh sin i mar chaill sinn a fear roimhe. Bu chòir dha so mis' a chuir air m'fhacill, agus cobhair iarraidh far an robh i ri fhaotainn.

*Tròcair.* Leis mar thachair sa' chùis so, faodaidh sinn ar neo-iomlanachd féin a thoirt fainear ; agus ghabh ar Tighearn am fàth so air saobhreas a ghràis fhoills-eachadh ; oir dheònaich e-san dhuinn, gun iarraidh, caoimhneas ro mhòr : agus o dheagh-ghean féin, shaor e sinn as an làimh-san bu treise gu mòr na sinne.

Air dhaibh a bhi mar so a' cainnt r'a cheile tharrainn iad dlù do thaigh a bh' air an t-slighe, a chaidh a thogail chum aoidheachd a thoirt do luchd-turais mar a ch' sibh ni's soilleire sa cheud earrann do'n leabhar so. 'Sa 'nuair a thainig iad chum dorus taighe an Fhir-mhìnichidh, chual' iad bruidhinn mhòr a staigh dh'

éisd iad, agus air leo gun robh ainm na Bana-chriosdaidh ga luaidh. Oir bha iomradh air thoiseach orra gu'n deach i féin agus a clann air eilthreachd. Agus bha so ni bu taitniche leo a chionn gun cual iad gur i bean Chriosdaidh a bh' ann, a bha cho mòr an aghaidh a fir a dh' fhalbh air chuairt. Uime sin sheas iad agus chual' iad an sluagh math a bha staigh a' moladh na té is beag a mheas iad a bhi aig an dorus. Fa-dheireadh, bhuail i aig an dorus mar rinn i aig a' gheata roimhe. Agus an uair a bhuail i, thainig cailin òg d'am b'ainm Neo-chiontas, a chum an doruis, agus dh' fhosgail i e, agus feuch bha dà bhoireannach 'nan seasamh aige.

*Cailin.* Thuirt i riu, Cò ris bu mhiann leo labhairt san àite sin?

*Bana-chriosdaidh.* Tha sinn a' tuigsinn gur ionad so a tha chum aoidheachd a thoirt do luchd-turais, agus is luchd-turais sinne; uime sin guidheam ort a cheadachadh dhuinn co-pairt fhaighinn de na nithibh air son an tainig sinn san àm; oir 's e'm feasgar a th' ann, agus cha n-eil sinn deònach triall ni's faide an nochd.

*Cailin.* C' ainm a their mi ruibh, chum gun innis mi do m' Thighearn a steach e!

*Bana-chriosdaidh.* 'S e m' ainmse Bana-chriosdaidh; bean an fhìr-chuairt a thainig air an turas so roimhe, agus is iad sin a chearthar mac. 'S i 'mhaighdean so mo bhana-chòmpanach, agus tha i fòs ag imeachd air a turas.

*Cailin.* An sin ruith i steach, agus thuirt i riu-san a bha staigh, Cò shaoileas sibh a th' aig an dorus? Tha a' Bhana-chriosdaidh, agus a clann, agus a bana-chòmpanach, ag iarraidh biatachd an so. An sin rinn iad gàir aoibhinn agus chaidh iad ga innseadh d' am maighistir. Thainig e chum an doruis, agus an uair a chunnaic e i, thuirt e, An tusa a Bhana-chriosdaidh a dh' fhàg Criosdaidh 'na dhéigh, 'nuair a ghabh e air féin caithe-beatha fir-cuairte?

*Bana-chriosdaidh.* Is mis' a' bhean a bha cho cruaidh-chridheach, 's gun do chuir mi an suarachas àmhgharan



agus cruaidh-chasan m'fhir, 's a leig leis falbh air a thuras 'na aonar, agus is iad sin a chearthar chloinne; ach tha mi féin a nis' mar an ceudna air teachd; oir tha mi am barail nach eil aon slighe ceart ach i so.

*Fear-teagaisg.* A nise tha e air a choilionadh an ni a tha sgrìobhta mu'n fhear a thuirt r'a mhac, " Imich agus dean obair an diugh am' ghàradh-fiona; agus thuirt e ri athair, ' Cha dean;' ach 'na dheigh sin, ghabh e aithreachas agus dh'imich e." Mat. xxi. 28, 29.

*Bana-chriosdaidh.* An sin thuirt i, Gu ma h-ambail a bitheas e, Amen. Gun deanadh Dia fìor annams e, agus dednaich dhomh gum faighear mi fadheoigh leis-san ann an sìth gun smal agus neo-lochdach.

*Fear-teagaisg.* Ach c' arson a tha thu ad' sheasamh aig an doras? Thig a staigh, a nighean Abraham, bha sinn ag iomradh ort an ceart uair, oir chuala sinn roimhe gun d' imich thu air do thuras. Thigibh, a steach a chlann; thig a steach, a mhaighdean; mar so thug e steach uile iad.

'S an uair a thainig iad a staigh, chaidh a ràdh riu suidhe, agus fois a ghabhail: 's an uair a rinn iad mar sin, thainig iadsan a bha frithealadh air an luchd-turais ga'm faicinn. Agus bha aiteas orra uile a choinn gun robh a Bhana-chriosdaidh air a turas. Dh' amhairc iad fòs air a' chloinn, agus chrìodaich iad an cinn, mar chomharradh gu'm b'ionmhuinn leo iad. Thuirt iad ri Tròcair agus riu uile gu'm b'e am beatha san àite sin.

'Nuair a shocraich iad beagan, a chionn nach robh an t-suipeir deas, thug am Fear-teagaisg iad a steach ga chuid sèdmraic ean, agus nochd e dhaibh far an robh Chriosdaidh, fear na Bana-chriosdaidh, roimh so. An so chunnaic iad am fear a bh' anns a' chrò, fear na h-aislinge, an gaisgeach a chaidh a steach thar muineal a nàimhde, agus dealbh an fhir bu mhò dhiu uile, maille ris gach ni eile a bha cho feumail do Chriosdaidh.

'Nuair a thachair so, 's a smuainich iad air na chunnaic iad, thug am Fear-teagaisg air leth iad, agus thug e staigh iad do sheòmar far an robh fear nach togadh a

shùil o'n làr le ràcan-aolaich aige na làimh ; bha mar an ceudna fear os a cheann le crùn nèamhaidh aige na làimh, agus thairg e dha an crùn sin air son an ràcain-aolaich ; ach cha sealladh an duine suas, agus cha robh sgoinn aige dheth, ach bha e sìor thrūsadh r'a chéile sràibhean, bioranan, agus duslach an ùrlair.

An sin thuirt a Bhana-chrìosdaidh, air leam gu'm beil mi tuigsinn brìgh nan nithe sin. Is samhla so air fear san t-saoghal so: Nach e?

*Fear-teagaisg.* Tha thu ro cheart, *thuirt e*, agus tha a ràcan-aolaich a leigeadh ris inntinn fheadh-mhor. 'S am feadh a tha thu faicinn gur ann a tha aire air trūsadh shop, agus bhioran, agus duslach an ùrlair, roghainn air na tha 'n duine a tha os a cheann, agus an crùn nèamhaidh na làimh, ag iarraidh air ; tha e feuchainn nach 'eil nèamh le mòran ach mar fhaoin-sgeul, agus gur iad nithe saoghalta a th' air am meas leo-san mar na h-zon nithe feumail. Leis mar chaidh a nochdadh dhuibh nach b' urrainn an duine sealltainn ach air an làr ; 'sann a leigeadh fhaicinn duibh, gu'm beil nithe saoghalta, le bhi 'n dian-thòir orra, a' giùlan a' chridhe air falbh o Dhia.

*Bana-chrìosdaidh.* An sin thuirt i, Och ! saor mi o'n inneal thrūsaidh so.

*Fear-teagaisg.* Thuirt e gun robh 'n ùrnaigh sin air a di-chuimhneachadh cho fada 's nach mòr nach do laidh meirg oirre ; Na toir dhomh saibhreas : (Gnà. xxx. 8.) ni is gann a ghuidheas aon as a mhìle. Is iad sràibhean agus faoineachd mar sin air am beil cridhe a' chuid is pailte do'n t-sluagh socraichte.

'Nuair a chual iad sin, ghuil a' Bhana-chrìosdaidh, agus Tròcair, agus thuirt iad, Mo thruaighe ! gun robh sin tuilleadh 's fìor.

'Nuair a nochd am Fear-teagaisg sin daibh thug e iad do'n t-seòmar a b'fhearr a bha san taigh, agus thuirt e riu iad a dh' amharc m'an timchioll, a shealltainn am faiceadh iad aon ni a dheanadh math dhaibh ann. An sin sheall iad mu'n cuairt : ach cho robh aon ni ann

ach damhan-allaidh mòr air a' bhalla ; agus cha tug iad sùil air.

*Tròcair.* Thuirt ise, cha n-fhaic mi bheag air bith ; ach dh'fhan a' Bhana-chriosdaidh 'na tosd.

*Fear-teagaisg.* Thuirt e rithe, seall a rithist ; sheall i a rithist agus thuirt i, cha n-fhaic mi aon ni ann ach damhan-allaidh grànda a chi mi 'n crochadh ris a' bhalla. An sin thuirt e-san am beil ach aon damhan-allaidh 's an t-seòmar mhòr so? An sin thainig na deòir air sùilean Bana-chriosdaidh ; oir bha i grad gheur-chuisseach, Agus thuirt i, Tha, Thighearna, tuilleadh 's a h-aon ann : agus tha 'n nimh-san ni's marbhtaich' na aon ni a tha 's an damhan-allaidh so. Dh'amhaire am Fear-teagaisg gu caomhail oirre, agus thuirt e rithe, labhair thu 'n fhèrinn. Chuir so nàir air Tròcair, agus chòmhdaich a' chlann an aghaidhean ; oir thuig iad uile an toimhseachan.

An sin thuirt am Fear-teagaisg a rithist, Tha'n damhan-allaidh a' gabhail gréim le 'làmh, mar a chì sibh, agus bithidh e ann an lùchairtibh nan rìgh. Agus c'arson a tha so air a chur sìos, ach a nochdadh dhùibh ge b'e sam bith cho làn sa tha sibh do nimh a pheacaidh, gideadh gu'm faod sibh, le làmh a' chreideimh, gréim a dheanamh air agus tàmh a ghabhail anns an t-seòmar is fearr a bhuineas do Rìgh nam flaitheas.

*Bana-chriosdaidh.* Bha mi smuaineachadh sin, ach cha do thuig mi uil' e. Air leam gun robh sinn mar na damhain-allaidh, agus nach seallamaid ach dìblidh truagh anns an t-seòmar is àillidh 's am bi sinn ; ach leis an damhan-allaidh so, am beathach nimheil duaichnidh sin, gun robh sinn ri fhòghlum cia mar ghnàthaicheamaid creideamh, cha tàinig sin 'n am aire ; agus mar tha mi faicinn gu'm beil e chòmhnaidh 's an t-seòmar is fearr 's an taigh. Cha d'rinn Dia aon ni an diomhanas.

An sin bha iad uile toilichte : ach sheas na deòir 'nan sùilean : agus sheall iad air a' chéile, a' deanamh ùmh-lachd do'n Fhear-theagaisg.

An sin thug e do sheòmar eile iad, far an robh cearc le h-àlach, agus dh' àithn e dhaibh beachd a ghabhail. Mar sin thainig eun a mach agus chaidh e chum an amair a dh' òl dibhe, agus gach deoch mar dh' òladh e, thogadh e suas a cheann agus a shùilean ri nèamh. Faicibh, *ars' e-san*, mar ni an t-eun beag so, agus fògh-lumaibh uaithe aideachadh cò as a tha 'ur sochairean a' teachd, le bhì 'g amharc suas mar tha e 'g òl. Fathast thugaibh fainear agus faicibh; mar so thug iad an aire, agus thuig iad gun robh a' chearc ga giùlan féin air ceithir dòighean eugsamhail, a thaobh a h-àil. Mat. xxiii. 37.

*Annas a' cheud àite.* Tha gairm coitcheann aice, a ni i gu tric.

*Annas an dara h-àite.* Tha gairm sònraicht' aice, nach gnàthaich i ach air uairibh.

*Annas an treas àite.* Tha gairm sgéith' aice. Agus.

*Annas a' cheathramh àite.* Gairm caiseamachd.

A nise ma choimeasas sibh a' chearc so ra'r Rìgh, agus na h-eoin sin r'a shluagh ùmhal. Oir a réir sin tha sàeòl féin aige-san, a tha e gnàthachadh ris a mhuinntir is caomh leis; le ghairm coitcheann, bheir e ni-eigin daibh; le ghairm sònraichte, tha daonnan rud-eigin aige r'a thoirt daibh; tha mar an ceudna gairm sgéithe aige dhaibhsan a tha fo a thearmunn, agus tha gairm caiseamachd aige, gu sanas a thoirt dhaibh 'nuair a chì e 'n nàmhaid a' teachd. Is math leam, mo mhuinntir ionmhuinn, sibhs a thoirt do na seòmraichean 's am beil an leithid sin ri fhaicinn, a chionn gu'm beil iad so-thuigsinn duibh.

*Bana-chriosdaidh.* Guidheam ort, thuir i, leig leinn tuilleadh fhaicinn: Mar sin thug e do'n taigh-spadaidh iad, far an robh feòladair a' marbhadh caorach; agus feuch bha a' chaora ciùin an àm a casgraidh, An sin thuir am Fear-teagaisg, 'S eigin duibh fhòghlum o'n chaora so mar a dh' fhuiligeas sibh, agus cuir suas leis gach dochair a nithear oirbh, gun bhrnaidlean gun

ghearan. Feuchaihb cho sèimh 'sa chaidh ise gu bàs, tha i gun strì a' fulang a craiceann a tharrainn thar a cluasan. Tha 'ur Rìgh ag ràdh ruibhse a chaoirich.

An dèigh sin thug e iad da lios, far an robh ioma gnè luibhean; agus thuirt e, Am faic sibh iad sin uile? Thuirt a' Bhana-chriosdaidh ris, Chì. An sin thuirt e a rithist. Faicibh mar tha na luibhean eugsamhail an àirde, am feothas, an dath, am fàile, agus buaidh; tha cuid is fearr na chéile; agus fanaidh iad far an suidhich an Gàradair iad, gun chuir a mach air a chéile.

A rithist, thug e do'n mhachair iad, a chuire le cruithneachd agus le corc; ach an uair a chunnaic e gun robh ceann na déise air a bhearradh de'n iomlan agus nach robh a làthair ach an coimhleìn, thuirt e, Bha'n talamb so air a dheagh leasachadh, air a dheargadh, agus air a chur, ach ciod a ni sinn ris a' bhàrr? An sin thuirt a' Bhana-chriosdaidh, loisg cuid deth, agus dean inneir de'n chuid eile. An sin thuirt am Fear-mìnichidh a rithist, 'S ann ri toradh a bha dòchas agad, agus o nach robh sin ann dh'òrduich thu cuid deth a losgadh, agus a' chuid eile a shaltairt fo chasan dhaoine thugaibh an aire leis a so nach dìt sibh sibh-féin.

Ach air dhaibh bhi teachd chum an taighe, chunnaic, iad am brù-dearg agus damhan-allaidh mòr aige 'na ghob; thuirt am Fear-teagaisg riu, Seallaibh air a so: dh'amhairc iad agus bha òghnadh air Tròcair: ach thuirt a' Bhana-chriosdaidh, Nach mi-chiatach a thig sin do dh'eun cho bòidheach ris a' bhrù-dearg: oir is iomhuinn leis a bhi ann an gnè do chaidreamh ri daoine; shaoil mi gur h-ann a bha e teachd beò air sprùileach arain, no air nithe mar sin: Tha e ni's fuathaiche leam na b' àbhaist da bhi.

Thuirt am Fear-teagaisg, Gun robh am brù-dearg so na shàmhla fìor fhreagarrach gu choimeas ri cuid do luchd-aidmheil; oir ri'm faicinn tha iad sgiamhach mais-each, 'nan càil, 'nan coltas, agus 'nan giùlan: tha iad a' gabhail os-làimh mòr spéis a bhi aca do luchd-aidmheil dùrachdach: agus gu bhi 'nan cuideachd agus 'nan

còmpanas thairis air gach muinntir eile, mar gum beathaichte iad le sprùileach an duine mhaith; tha iad a' gabhail orra gur ann air a shon sin a tha iad a' taghall taigh nan daoine diadhaidh, agus òrduighean an Tigh-earna : ach an uair a bhitheas iad leo féin, mar am brù-dearg, 's urrainn daibh damhain-allaidh a ghlacadh agus a shlugadh; 's urrainn daibh an lòn a mhùghadh, agus peacadh a shlugadh sìos mar an t-uisge.

'S an uair a thainig iad chum an taighe, a thaobh nach robh an t-suipeir fhathast deas, dh' iarr a' Bhana-chriosdaidh air an Fhear-theagaisg e ni-eigin a bhiodh feumail 'a nochdadh no aithris daibh.

An sin thòisich am Fear-teagaisg, agus thuirt e, mer is reamhra a' mhuc 's ann is déigheile i air an eabar : mar is reamhra an damh 's ann is mò ni e do leumnaich a' dol do'n taigh-spadaidh; agus mar is fallaine an duine mi-stuama, 's ann is déigheil e air an olc. Tha boir-eannaich déigheil air bhi sgiobalta grinn, an deagh chòmhdach, agus is taitneach an ni a bhi sgeudaichte leis gach ni a tha luachmhor ann an sealladh Dhé.

Is usa faire dheanamh car òidhche no dhà, seach a dheanamh fad bliadhna iomlan; 's amhail is usa do neach tòiseachadh ri deagh aidmheil a dheanamh, na buanachadh mar is còir dha gu ruig a' chrìoch.

Tilgidh gach maighistir luinge, an àm gàbhaidh, a' chuid is neo-luachmhoire de'n luchd gu toileach thar bòrd; ach cò a thilgeas a' chuid is fearr an toiseach ann? Cha tilg ach e-san air nach bi eagal Dé.

Cuiridh aon toll long fodha agus cuiridh aon pheacadh às do pheacach.

Tha e-san a ni di-chùimhn' air a charaid mi-dhleasanach dha; ach tha e-san a dhi-chùimhnicheas a Shlànaighear neo-ìochdmhor ris féin.

Tha e-san a chaitheas a bheatha ann am peacadh, 's aig am beil dòchas ri bhi sona 's an ath-bheatha, coltach ris-san a chuireas fros an liath-luis, agus aig am bi dòchas ri shabhal a lionadh le cruithneachd no le eòrna.

M' as àill le duine a bheatha a chaitheadh gu math cumadh e àm a' bhàis do ghnàth 'na aire. Tha cogaraich agus mùgha baralach, a' dearbhadh gu'm beil peacadh 's an t-saoghal.

Ma tha'n saoghal, air am beil cho beag meas aig Dia, air a mheas cho luachmhor le daoine, ciod am meas is ion a bhì air nèamh, a tha Dia a' moladh? Ma tha e cho deacair leinn dealachadh ris a' bheatha so, a tha cho làn trioblaid, ciod an déigh is iomchaidh dhuinn a bhì againn air a' bheatha mhaireannaich? Molaidh gach neach mathas dhaoine; ach cò air a tha mathas Dé a' deanamh an drùghaidh is còir dha? 'S tearc leinn suidhe sìos chum bìdh, nach ith agus nach fàg sinn ar fuighleach! 'S amhail a tha ann an Iosa Crìosd am barrachd toillteannais agus fìreantachd na dh' fheumas an cinne-daonna gu léir.

An uair a chuir e crìoch air a theagasg, thug e steach d'a lios iad, agus thug e chum craoibhe iad, a bha làn mosgain 'na cridhe, gidheadh bha i fàs agus fo dhuilleach. An sin thuirt Tròcair, Ciod is ciall da so? Fhreagair e gun robh gu'm faodte a' chraobh a bha ciatach o'n taobh a muigh, agus grod o'n leth a staigh, a choimeas ri iomadh neach ann an lios Dhé; a tha le'm bilibh a' labhairt gu math mu Dhia, ach nach dean a bheag air a shon; aig am beil an duilleach maiseach, ach aig am beil an taobh a staigh gun fheum sam bith.

Bha nis' an t-suipeir deas, am bòrd air uidheamachadh, agus gach ni air a' chur an òrdugh air; shuidh iad sìos, agus thug aon buidheachas. Bha e gnàthaichte leis an Fhear-theagaisg, gu'm biodh cèl, an àm am bìdh, acasan a bhiodh air aoidheachd maille ris; uime sin chluich an luchd-ciùil. Ghabh fear eile, aig an robh guth ro-bhinn, òran, agus b'e so e:—

“ 'Se Dia a tha ga m' chumail suas,  
 'S ga m' bheathachadh gach ial:  
 Cionnas ma ta bhios easbhuidh orm,  
 'S gur fialaidh dhomh mo Thriath? ”

An uair a sguir an t-òran agus an ceòl, dh'fhedraich am Fear-teagaisg do Bhana-chriosdaidh, Ciod a bhrosnaich i air tùs gu falbh air a turas? Fhreagair i e, g ràdh, Gun tainig call a fir 'na h-aire, ni a chuir mòr dhuilichinn oirre: Ach cha robh an sin ach mulad nàdurrach. An déigh sin thainig trioblaidean agus turas m'fhir ann am aire, agus cho neo-shuairc 's a bhuin mi ris 's an àm sin. Mar so ghabh cionta gréim air m'inn-tinn, agus b'àill leis mo tharrainn do'n t-sloc; ach chunnaic mi aisling ann an deagh àm, gun robh m'fhear gu ro shona', agus thainig litir g'am iarraidh o Rìgh na tìre far am beil m'fhear a chòmhnaidh, chum dol d'a ionnsaidh-san. Rinn an aisling agus an litir an h-urrad dhrùghaidh orm, 's gun do cho'-éignich iad mi gu im-eachd air an t-slighe so.

*Fear-teagaisg.* Ach an do chuir a bheag dragh ort mu'n d'fhàg thu do thaigh?

*Bana-chriosdaidh.* Chuir, Thainig bana-choimhearsnach dhomh, d'am b'ainm Cion-cruadail, bana-charaid do'n fhear leis am b'àill impidh a chuir air m'fhear pilleadh le eagal nan leòghan, agus thug i ionnsaidh air mo bhacadh, leis gach mi-mhisneach a chuir an céill domh, a chionn mi smuaineachadh air falbh air turas cho amaideach, mar thuirt i ris; agus am peanas a dh'fhuilig m'fhear air a leithid eile; ach cha do chuir sin a bheag do dh'eagal orm. Ach chuir bruadar a chunnaic mi mu dhithis fhear ro-dhuaichnidh, ana-bharr iomaguinn orm: air leam gun robh iad a' cur rompa na h-urrad choire dheanamh dhomh 's a b'urrainn daibh, chum mo chuir air seacharan air an t-slighe. Tha mi smuaineachadh fhathast orra, agus tha eagal orm roi gach neach a choinnicheas mi, air eagal gun tachair iadsan orm, agus gun oidheirpich iad air mo chuir iomrall. Seadh, faodaidh mi innse do m' Thigh-earna, ge nach bu mhath leam gum biodh fios aig gach neach air, gun tug iad teann ionnsaidh oirnn, air an taobh so de'n gheata far an tàinig sinn air an t-slighe



cho mòr 's gum b' eigin duinn mort éigheach; agus bha iadsan a rinn sin coltach ris an dithis fhear a chunnaic mi a' m' aisling.

Thuir am f'hear-teagaisg rithe, tha do cheud thòiseach math, agus meudaichidh do chrìoch gu mòr. Labhair e 'n sin ri Tròcair, agus dh' fhiosraich e dh'i ciod a bhrosnaich ise gu teachd an so?

*Tròcair.* Thainig an sin rughadh 'na gruaidh, agus bha i air chrith, a's dh' fhan i ré seal 'na tosd.

*Fear-teagaisg.* An sin thuir e rithe, na biodh eagail ort, a mhàin creid agus innis na th' air t'aire.

*Tròcair.* An sin thòisich i, agus thuir i, Gu f'ìrinn-each 's e cion fiosrachaidh is aobhar do m' thosd, agus tha sin a' cur eagail orm gun tig mi gearr air a' cheann m'a dheireadh. Cha 'n urrainn domh innseadh mu bhruadaran agus mu thaisbeanan mar ni mo bhana-charaid an so; cha mhò tha fios agam ciod e bhi brònach, a chionn cùl a chuir ri combhairle mhath chàirdean diadhaidh.

*Fear-teagaisg.* Ciod eile a ghaolach chridhe, a thug ort a dheanamh?

*Tròcair.* Thug, gun tàinig mis' agus té eile a thaobh tuiteamais a dh' fhaicinn mo bhana-charaid, 'nuair bha i deanamh deas fa chomhair a turais. Bhuail sinn aig an dorus, agus chaidh sinn a staigh. An uair a bha sinn 's an taigh, 's a chunnaic sinn ciod a bha i deanamh, dh' fheòraich sinn ciod bu chiall d'i? Thuir i gun tainig teachdaireachd o fear ga h-iarraidh; 's an sin dh'innis i dhuinn gun do bhruadair i uime; gu'm fac i gun robh e chòmhnaidh am measg muinntir neo-bhàsmhor, a'caitheadh crùin, a séinn air clàrsaich, ag itheadh agus ag òl air an aon bhòrd r'a Rìgh, 's a séinn molaidh dha air son a thoirt do'n àite sin, &c. Air leam am feadh a bha i 'g aithris sin duinn, gun robh mo chridhe a' lasadh am chòm, agus smuainich mi, Ma tha so fìor, fàgaidh mi m' athair, mo mhàthair, agus mo dhùthaich agus théid mi, ma dh' fhaodas mi, air falbh maille ris a' Bhan-chriosdaidh.

Dh'fhiosraich mi dh'i mu thimchioll firinn agus cinnte nan nithe sin, agus n'an ceadaicheadh i dhomh falbh leatha; oir thuig mi nise nach robh, saor o chunnart léir-sgrios, seòl sam bith air buanachadh sa' bhaile san robh sinn. Ach gidheadh 's ann le cridhe goirt a dh' fhàg mi e, ni h-e nach robh mi toileach fhàgail, ach a chionn gun robh cho liughacharaid agam ann. Tha mi, nis' air teachd le làn dedìn mo chridhe, agus théid mi, ma dh' fhaodas mi, leis a' Bhana-chriosdaidh a chum a fir, agus a Rìgh.

*Fear-teagaisg.* Is math do cheud dol a mach, oir thug thu creideas do 'n fhìrinn; tha thu comh-ionan ri Rut a thaobh a' ghràidh a bh' aice do Naomi, agus do 'n Tighearna a Dia, a dh' fhàg a h-athair agus a màthair, agus an tìr 'san d' rugadh i, gu dol a dh' ionnsaidh sluaigh nach b' aithne dh'i roimhe sin. (Rut. ii. 11, 12.) Gu'n dìoladh an Tighearna do shaothair, agus gun robh do dhuais iomlan o'n Tighearna Dia Israeil, fo a sgiathan an tàinig thu a chur do dhòchais.

Thainig a nise crìoch air an t-suipeir, agus rinn iad ullachadh air son dol a laidhe: Chaidh na boireannaich a chur an leabaidh air leth, agus a' chlann leo féin, Cha'n fhaigheadh Tròcair cadal 'na leabaidh leis an aoibhneas a bh' oirre, a chionn, gur h-e air leatha, gu'n d'fhuair i a nis' am barrachd cinnte gu'n gabhte rithe. Mar so laidh i a' cliùthachadh agus a' moladh Dhé, a nochd na h-urrad dheagh-ghean d'i.

Dh' éirich iad sa' mhadainn mu éiridh na gréine, agus rinn iad iad féin deas fa chomhair an turais, ach b' i toil an Fhir-theagaisg gun iad a dheanamh cabhaig; oir thuirt e, 's éigin duibh falbh le riaghailt ás an àite so. Thuirt e 'n sin ris a' Chailin a dh' fhosgail air tùs an dorus daibh, Thoir leat do 'n lios iad, chum an ionaid-nighe, agus ionnlaid iad, chum gu 'n glanar iad o gach salachar a laidh orr' air an turas. An sin thug Neochiont an Cailin leatha iad agus thuirt i riu gu'm feumadh iad, ann an sin iad féin ionnlad agus a bhi glan: oir bu dedìn le 'maighistir gun deanadh na muai ...

thigeadh chum a thaighe-san mar sin, am feadh a bhiodh iad air chuairt. Chaidh iad uime sin a steach, agus nìgh siad iad féin, eadar chlann agus mhnathan; agus cha n-e a mhàin gun robh iad air an glanadh leis, ach bha iad gu mòr air an neartachadh agus air am beothachadh leis. Agus bha iad gu mòr nì bu mhaisiehe 'na dheigh na bha iad roimhe.

An uair a thainig iad as an lios o bhi ga'n nighe sheall am Fear-teagaisg orra, agus thuirt e riu, Tha sibh àillidh mar a' gbealach. An sin dh' iarr e an seul a thoirt d'a ionnsaidh, leis an gnà iadsan a théid ionnlad na ionad-nighe-san a sheuladh. Uime sin fhuair e'n seula, agus chuir e comharradh orra, nì leis an aighnichte iad far an tigeadh iad. B'e an seula so sùim agus brìgh na càisge a dh'ith clann Israeil, (Ecsod. xii.) an uair a thainig iad a mach á tìr na h-Eiphit; agus chaidh an comharradh a chuir eadar an sùilean. Mheudaich an seula so an tlachd, oir bha e na mhaise d'an aodainn. Rinn e fòs nì bu shuidhichte an aogais, agus bha 'm barrachd coltais aig an gnùis ri ainglean.

An sin thuirt am Fear-teagaisg ris an té a bha frith-ealadh do na boireannaich, i dhol do dh' ionad tasgaidh an aodaich, agus trusgain a thoirt às do'n mhuinntir sin. D'h imich i. agus thug i mach trusganan geala, agus chuir i sìos 'nan làthair iad; agus dh' àithn e dhaibh an cur umpa. B' anart finealta fìor-ghlan a bh' annta. An uair a bha iad mar so air an sgeudachadh, bha iad ionnas 'nan aobhar eagail d'a chéile; a chionn nach faiceadh iad a' ghlòir sin annta féin a chitheadh iad ann an neach eile.

Bha iad a nise nì bu mheasaile mu chàch-a-chéile na bha iad umpa féin. Is tusa is maisiche na mise, thuirt té dhiu; is tus' is àillidh na mise, thuirt an tè eile. Bha a' chlann fo ìoghnadh cuideachd air son an dreach a bh'orra féin.

An sin ghairm am Fear-teagaisg air òglach a bh'aige d'am b'ainm Misneachail, agus thuirt e ris a chlaidheamh, a chlogaid, agus a sgiath a thoirt leis; agus

buin leat iad so, mo nigheanan-sa; tabhair iad a dh'ionnaidh an taighe ris an goirear Maiseach, far an gabh iad an ath fhois. Mar so chaidh e fo armaibh, agus dh'imich e air thoiseach orra: Agus thuirt am Fear-teagaisg riu, Gu'n soirbhicheadh Dia leibh. Chuir mar an ceudna muinntir an teaghlaich air falbh iad le'n deaghghuidhe. Mar so dh'imich iad air an turas, agus shéinn iad:—

B'e so ar darna h-ionad stad,  
'S am faca sinn ar sàth;  
Do nithe bh' ann an diomhaireachd,  
O linn nan linn o chàch.

Shéol am fear trusaidh aolaich dhomh,  
An damhan, a's a' cheare;  
'S a h-àlach lag; mi bhì d'an réir,  
'S gun tuiginn gliocas ceart.

Am feòladair, an Gàrradair,  
'S an toradh bh' air a' mhàgh;  
Am brù-dearg 's an damhan aig',  
'S a chraobh a bha gun bhlaith:

A Theagasg dhomh bhì faicilleach,  
Ri fair a's ùrnaigh ghnà;  
'S an crann a thogail suas gu treun,  
Le cliù mo Dhé 's gach la.

An sin chunnaic mi am aisling, gu'n deach iad air an aghaidh, agus Misneachail air thoiseach orra; agus thainig iad chum an àite 's an do thuit eallach Chrìosdaidh dheth. Thug iad an so cliù do Dhia, agus sheas iad. Tha e nis' a' teachd am aire, arsa Bana-chrìosdaidh, na chaidh a ràdh ruinn aig a' gheata, eadhon, gu'm faigheamaid maitheanas le guth agus gnìomh; le guth, se sin leis a' ghealladh; le gnìomh, eadhon, an dòigh air an d'fhuaradh e. Tha càileigin do dh'fhiosrachadh agam ciod e an gealladh; ach ciod e mathanas fhaotainn le gnìomh, no an dòigh air an d'fhuaradh e, tha dòchas agam, a Mhisneachail, gu'm beil thusa eòlach uime; agus m'as toil leat e, leigear dhuinn a chluinntinn.

*Misneachail.* 'Se mathanas le gnìomh a rinneadh, mathanas a fhuaradh le neach eigin do neach eile aig

an robh feum air : Ni h-ann leo-san a fhuair mathanas, ach anns an dòigh, a deir neach eile, mar a choisinn mi e. Ach a chum labhairt ni's soilleire mu'n cheist, bha am mathanas a fhuair thusa, Thròcair, agus a chlann sin, air a chosnadh le neach eile, eadhon, leis-san a thrèoraich a steach air a' gheata sibh : agus choisinn se e air an dà dhòigh so ; choimhliion e fìreantachd air do shon, agus dhoirt e fhuil chum t'ionn-lad innte.

*Bana-chriosdaidh.* Ach ma bheir e dhuinne fhìreantachd, ciod a bhitheas aige dha féin ?

*Misneachail.* Tha'm barrachd fìreantachd aige na dh' fheumas sibhse, no idir a dh' fheumas e féin ?

*Bana-chriosdaidh.* Soilleirich sin duinn ?

*Misneachail.* 'S toileach a ni mi sin : Ach 's éigin domh air tùs a ràdh, Gu'm beil an neach mu'm beil mi gu labhairt, gun choimeas idir aige : Tha dà ghnè aige 'san aon phearsa, soilleir r'an aithneachadh, agus neo-sgarail. Buinidh fìreantachd do gach gnè dhiù sin, agus tha fhìreantachd féin feumail do'n ghnè sin. Ionnas gu'm beil e cho so-dheanta a ghnè a' chur gu dì, 's a tha a cheartas no a fhìreantachd eadar-dhealachadh naithe. Cha n-eil uime sin co'-pàirt air a thoirt duinne de na fìreantachdaibh sin, chum gum biodh iad, no a h-aon diu, air an cur oirne, chum gun deanta fìreanta sinn, agus gu'm bi sinn beò d'a chionn. A bharr orra sin, tha fìreantachd ann a th' aig an neach so, mar tha an dà ghnè sin 'nan aon. Agus cha'n i sin fìreantachd na Diadhachd, eadar-dhealaichte o ghnè an duine ; no idir fìreantachd gnè an duine air leth o'n Diadhachd, ach fìreantachd a tha ann an aonachd an dà ghnè sin, ris am faodar gu cothromach a ghairm an fhìreantachd a tha feumail gu e bhi air ullachadh le Dia, chum a bhi iomlan air son dreuchd na h-eadar-mheadhonaireachd, a chaidh earbsa ris. Ma dhealaicheas e r'a cheud fhìreantachd, dealaichidh e r'a Dhiadhachd ; ma dhealaicheas e r'a dhara fìreantachd, **tha e**

dealachadh ri fìor-ghloine a ghnè mar dhuine; ma dhealaicheas e r'a threas fìreantachd, dealaichidh e ris an iomlanachd sin leis am beil e iomlan air son dreuchd eadar-mheadhonair. Tha fìreantachd eile aige, a tha co-sheasamh ann an co-lionadh no ùmhlachd, eadhon, toil fhoillsichte; agus is i so a tha e cur air peacaich, leis am beil am peacannan air am falach: Air an aobhar sin tha e 'g ràdh, Mar trìd eas-umlachd aon duine a rinneadh mòran 'nam peacaich; is amhail sin tre ùmhlachd aon duine a nithear mòran 'nam fìreanaibh. Rom. v. 9.

*Bana-chriosdaidh.* Ach am beil feum sam bith 'sna fìreantachdaibh eile dhuinne?

*Misneachail.* Tha; oir ged a tha iad feumail d'a ghnèibh agus da dhreuchdaibh, agus nach faodar am pàirteachadh ri neach eile, gidheadh 's ann trìd am feart-san a tha'n fhìreantachd a dh'fhìreanaicheas air son sin tarbhach. Tha fìreantachd a Dhiadhachd a' buileachadh feart air ùmhlachd; tha fhìreantachd mar dhuine a' buileachadh cumhachd air ùmhlachd a dh'fhìreanachadh; agus tha'n fhìreantachd a tha co-sheasamh ann an aonachd an dà ghnè sin ra dhreuchd, a' buileachadh ùghdarrais air an fhìreantachd sin a chum deanamh na h-oibreach air son an deach a h-òrduchadh.

Than' so fìreantachd ma ta nach eil mar Dhia feumail do Chrìosd, oir is Dia e as a h-eugmhais; Tha'n so fìreantachd nach eil mar dhuine feumail do Chrìosd, oir tha e as a h-eugmhais 'na dhuine iomlan. A rithist tha'n so fìreantachd nach eil feumail do Chrìosd, da thaobh féin mar Dhia agus mar dhuine, agus uime sin faodaidh e a seachnadh mar fhìreantachd a dh'fhìreanaicheas, air nach eil feum aige féin; agus air an aobhar sin tha e ga toirt seachad; uaithe sin theirear tabhartas na fìreantachd ris. Is éigin ma ta an fhìreantachd so a thoirt seachad, o'n a rinn Iosa Chrìosd an Tighearn e féin fo'n lagh; oir cha'n e a mhàin gu'm beil an lagh a' cur mar fhiachan air-san a tha fodha, ceartas a'

dheanamh, ach mar an ceudna seirc a gnàthachadh. Uime sin 's éigin da, no 's còir dha tre'n lagh, ma tha dà chòta aige, a h-aon a thoirt dhasan a tha falamh. A nise, tha gun amharas dà chòta aig ar Tighearna, aon da féin, agus aon eile r'a sheachnadh, air an aobhar sin tha e gu saor a' buileachadh a h-aon orrasan a tha falamh. Agus 's ann mar so, a Bhana-chriosdaidh, a Thròcair, agus na tha dhibh an so, a tha ar mathanas a' teachd tre ghnìomh, no tre obair neach eile. Is e 'ur Tighearn Iosa Criosd an Tì a tha 'g oibreachadh, agus a tha toirt seachad an ni air son an d' oibrich e do'n cheud dìol-dèirce bhochd a thachras air.

Ach a rithist, a chum maitheanas a toirt tre ghnìomh, 's fheudar gum bi ni-eigin air ìochdadh do Dhia mar éirig, cho math agus càil-eigin air ullachadh chum sinn a sgeudachadh. Thug am peacadh thairis sinn gu bhì air ar deuchainn gu ceart-bhreitheach le lagh cothromach Dhé. 'S éigin duinn a nis' a bhì air ar fireanachadh o'n deuchainn so tre shaoradh, air do luach a bhì air a dhìoladh air son gach coire a rinn sinn, tre fhuil bhur Tighearna, a thainig agus a sheas 'n 'ur n-ionad, agus a dh' fhuilig am bàs a bha dligheach dhuibhse air son 'ur peacaidh. Mar so cheannaich e sibh o' bhur euceartaibh le fuil, agus sgeadaich e bhur n-anma neoghlan duaichnidh le fireantachd. (Roimh. viii. 34.) Air son an téid Dia seachad oirbhse, agus cha dochainn e sibh 'nuair a thig e a thoirt breith air an t-saoghal. Gal. iii. 13.

*Bana-chriosdaidh.* Tha so ciatach: Tha mi nis' a' faicinn gun robh càileigin ri fhòghlum o mhathanas a bhì air a thoirt duinn tre ghuth agus ghnìomh. A dheagh Thròcair deanamaid dìchioll air so a chumail 'n-ar cùmhnè; agus a chlann cùmhniceadh sibh e cuideachd. Ach nach b'e so a thug air eallach mo dheagh Chriosdaidh tuiteam dheth, 's a thug air leum le aoibhneas?

*Misneachail.* 'S e; 's e bhì creidsinn so a ghearr na sreangannan ud, nach gabhadh gearradh le aon ni eile; agus 's ann a chum dearbhadh a thoirt air feart an ni

so, a cheadaicheadh dha uallach a ghiùlan chum a chroinn-cheusaidh.

*Bana-chriosdaidh.* Tha mi 'sa' bharaile sin; oir ged a bha mo chridhe gu h-eatrom ait roimhe, tha e deich uairean ni's eatruime agus ni's aighirich' a nise. Agus tha dearbh-bheachd agam leis na mhothaich mi, ged nach do mhothaich mi ach beagan fhathast, ged a bhiodh an duine bu truime eire air thalamh san àite sin, agus e chreidsinn mar tha mise 'san àm a' deanamh, gu'm fàgadh e a chridhe gu h-aobhach, ait.

*Misneachail.* Cha n-e mhàin gu'm beil sòlas, agus fois o eallaich air a bhuileachadh oirnn, le amharc agus smuaineachadh air na nithibh sin, ach tha gràdh ionmhuinn air àrach annainne leis: Oir cò is urrainn, ma smuainicheas e ach aon uair nach e a mhàin gu'm beil mathanas a teachd o ghealladh. Ach cuideachd o'n dòigh so gun an dòigh agus am meadhon leis am beil e air a shaoradh a dheanamh drùghadh air, agus a ghràdh a bhrosnachadh dhàsan a dh' oibrich air a shon e?

*Bana-criosdaidh.* Is fìor sin; Air leam gu'm beil e cràdh mo cridhe bhi smuaineachadh gun do dhoirt e fhuil air mo shon! O! aoin ghràdhaich! O! aoin bheannaichte! 's aithrigh orm thu, cheannaich thu mi, is aithrigh thu gu'm bithinn uile agad, dh' òc thu air mo shon deich mìle urrad 's is fiù mi. Cha b' iongantach ged a thug so air sùilean m' fhir sileadh, agus ged a bhrosnaich e cho beothail air aghaidh e. Is cinnteach mi gu'm bu mhiann leis mise bhi maille ris, ach leig mise leis, gu nàr mi-chiatach, an rathad a ghabhail 'na aonar. O! Thròcair, b' fhearr gu'm biodh t'athair agus do mhàthair an so: seadh, agus Cion-cruadail cuideachd. B' fhearr leam gu'm biodh Miannach ann mar an ceudna. 'S cinnteach gu'n drùigheadh e air an cridheachaibh: cha b' urrainn do dh' eagal an darna b-aon, no ana-miannan dian an aoin eile, an aomadh gu dol a rithist dachaigh, agus diùltadh fàs 'nan deagh 'uchd-cuairte.

*Misneachail.* 'S ann o bhlàthas do thograidhean a



tha thu nis' a' labhairt : An saoil thu am buanaich thu do ghnà mar so ? Osbarr, cha n-eil so air a bhuileachadh air gach neach a chunnaic do Shlànaighear a' call fhala. Bha iad ann a sheas ag amharc, agus a chunnaic fuil a chridhe ga taomadh air làr, 's gidheadh rinn e cho beag dhrùighidh orra, 's an àite bhi brònach air a shon, gur h-ann a rinn iad cùis ghàire dheth ; agus an àit iad a bhi 'nan luchd-leanmhuinn aige, 's ann a chruadhaich iad an cridhe 'na aghaidh. Ionnas gur ann a tha gach ni a tha sibh a' mothachadh ag éiridh o dhrùghadh diadhaidh, le bhi beachd-smuaineachadh air na labhair mise ruibh. Cùmhnichibh gun deach innse dhuibh, nach eil a chearc le a gairm choitcheann a' toirt bìdh d'a h-eoin : Uime sin 's ann a tha so agaibh o ghràs sònraichte.

A nise chunnaic mi am aisling, gun deach iad air an aghaidh gus an d'ràinig iad an t-àite anns an robh Faoin, Dearmad, agus Dànachd, 'nan cadal, an uair a chaidh Crìosdaidh seachad air a thuras ; agus feuch bha iad crochta ann an iarannan air taobh eile na slighe.

*Tròcair.* Thuirt i ris-san a b' fhear-iùil daibh, Cò iad an triùir dhaoine sin ? agus c'arson a chaidh an crochadh ?

*Misneuchail.* Bu luchd mi-bheus an triùir dhaoine sin : cha robh tlachd aca féin a bhi 'nan luchd-cuairt, agus cò air bith a b' urrainn daibh a chumail o dhol ann, bha iad ga dheanamh : bha iad féin gu dearmadach, amaideach, agus ge b'e ghabhadh an comhairle mholadh iad daibh a bhi ann cuideachd ; agus theagaisg iad daibh a bha earbsach gu'm biodh iad sàbhailt' air a' cheann ma dheireadh. Bha iad 'nan cadal 'nuair chaidh Crìosdaidh seachad, agus tha iad air an crochadh a nis' 'nuair tha sibhse dol ann !

*Tròcair.* Ach an robh iad comasach air impidh a chur air neach sam bith a bhi 'nam barail-san ?

*Misneachail.* Bha iad ; chuir iad iomadh neach ás au t-slighe. Chomhairlich iad do Thriall-mall a bhi mar iad féin. Chuir iad mar an ceudna ìmpidh air

Gearr-bheachd, air Spìocach, air Leamhadas, air Trom-cheann, agus air boireannach òg eile d'am b' ainm Neos-hunnt gu bhì mar bha iad féin. Osbarr thog iad droch iomradh air ar Tighearna, a' cur an céill gun robh e 'na mhaighistear cruaidh. Thug iad mar an ceudna droch thuairesgeul air an deagh fhearann, ag ràdh, nach robh e leth cho math 's a bha cuid a' cur an céill. Thòisich iad ri droch thuaileas a thogail air a' chuid scírbbh-iseich, a' meas nach robh sa chuid a b' fhearr dhiù ach muinntir mheachranach, gheòcach, agus dhraghail : A bharr air sin, theireadh iad plaoisg ri aran Dhé ; faoin-eachd ri comhfhurtachd a' chuid cloinne ; agus gu'm bu chùis gun seadh saothair agus trioblaid nan eilthreach.

*Bana-chriosdaidh.* M'as daoine mar sin a bh' annta, cha sil mi deur am feasd g'an cumhadh ; cha dh'fhuair iad ach na thoill iad ; agus air leam gur math an gnothach iad a bhì cho dlù air an t-slighe, chum gu'm faic daoine eile iad agus gu'n gabh iad sanas o na dh' eirich dhaibh-san. Nach b' iomchaidh gu'm biodh an íochdans' air an sgrìobhadh air carragh iaruinne no umha, agus a' chur suas far an do chuir iad an t-olc an gnìomh, a chuir eagail air daoine eile o leithid a dheanamh ?

*Misneachail.* 'S amhail a tha e air a dheanamh, mar a ch'ì thu, ma th'èid thu beagan ni's dlùithe do'n bhalla.

*Tròcair.* Ro mhath ; crochadh iad an sin, agus biodh an ainm fo mhi-mheas, agus mairead cùimhn air an lochdan : 's math a thachair e gu'n deach an crochadh mu'n tàinig sinne air ar n-aghaidh ; no eò aig a tha fios ciod a dh' fhaodadh iad a dheanamh air boireannaich bhochda mar tha sinne ? An sin thòisich i air òran mar so :—

Fanaibh 'n crochadh air a' chrann-s'  
 Mar chomharr' air droch-bheart ;  
 A's deanadh e-san thig 'n 'ur déigh  
 'Ur diol-sa bhì 'na bheachd.  
 Gun luchd-turais chuir thar choir,  
 No'n claonadh o'n dòigh cheart ;  
 A's seachnam-sa gu dileas dlù  
 Luchd-tuaileis Rìgh nam feart.

Mar so dh' imich iad air an aghaidh gus an d'ràinig iad ìochdar Bruthach-na-h-éigin, agus dh' innis an deagh charaid, Misneachail, dhaibh cìod a thachair 'san àite sin 'nuair, a chaidh Crìosdaidh seachad. Thug e 'n toiseach chum an tobar iad : Feuch, thuirt e, 'se so an tobar as an d'òl Crìosdaidh mu'n do dh'òrigh e'm bruthach so, a's bha e 'san àm sin glan gun druaid, ach tha e nis' air a shalachadh le casaibh cuideigin leis nach b' àill gu'n caisgeadh luchd-turais an ìotadh às : ris an dubhairt Tròcair, C'arson a tha iad cho mi-rùnach ? Ach thuirt am fear-iùil, nì e fhathast gnothach, ma chuirear ann an soitheach math e ; oir an sin sìothlaidh an t-salachar gu ìochdar an t-soithich, agus bithidh an t-uachdar glan. B'éigin daibh-san sin a dheanamh.

Nochd e dhaibh an sin an dà fhrith-rathad a bh'aig ìochdar an t-sléibhe, far an do chaill Riaghailt agus Cealgair iad féin, Agus thuirt e. gun robh na sligheachan sin ro-chunnartach. Agus ged a tha sibh a' faicinn gu'm beil iad air am bacadh, agus air an ioma-druideadh le slabhraibh le clèth a's casan agus le dìge, gidheadh tha cuid ann a ghabhas mar roghainn dol mar sin, seach do dh'ragh a chur orra féin 'na dhìreas am bruthach.

*Bana-chriosdaidh.* Is cruaidh slighe luchd-eusaontais. (Gnà. xiii. 15.) Is iongantach gur urrainn daibh dol a steach annta sin gun a bhì'n cunnart dol as an amhaich.

*Misneachail.* Gabhaidh iad cuid an cunnairt, agus ma thachras gum faic a h-aon do shéirbhisich an Rìgh iad, agus gun glaodh iad riu, gu'm beil iad 'san t-slighe dhocharaich, agus an cunnart a sheachnadh ; 's ann a their iad riu, na éirig, Nach éisd iad ris na thuirt iad riu an ainm an Rìgh ; ach gu cinnteach nì sinn gach uile nì a thig a mach às ar beul féin. (Ier. xlv. 16, 17.) Nì h-e sin amhàin, ach ma sheallas sibh beag air bhur n-aghaidh, chì sibh gu'm beil an t-slighe faicilleach nì's leòir air a h-ioma-dhruideadh a staigh ; gidheadh théid iad fhathast ann.

*Bana-chriosdaidh.* Dh' fhartlaich an leisg orra ; cha ghabh iad dragh am bruthach a dhìreadh. Agus tha e air a choilionadh dhaibhsan, mar tha e sgrìobhta, " Tha

slighe an leisgein mar challaid droighinn." (Gnà. xv. 19.) Is fearr leo imeachd air ribe no am bruthach so a dhìreadh, agus an t-slighe chum a' bhaile a ghabhail.

An sin thòisich iad ris am bruthach a dhìreadh; ach mu'n d'ràinig iad am mullach thainig anail Banachriosdaidh 'na h-uchd, agus thuir i, is deacair a' bheinn so ri dìreadh cha'n ioghnadh ged a roghnaich iasdan leis an docha socair na math an anma rathad is fusa. An sin thuir Tròcair, 's eigin domh suidhe; 's fheudar dhomhsa sin cuideachd, ars am fear a b'òige do 'n chloinn. Na suidhibh, idir 'san àite so, arsa, Misneachail, oir tha suidheachan an Rìgh beagan os ar ceann: an sin ghabh e 'm fear beag air làimh, agus thug e chum an t-suidheachain iad.

An uair a thainig iad a chum an àite sin, bha iad uil' an geall air suidhe, oir bha iad ro bhlàth le spàirn dhìreadh na h-uchdaich. An sin thuir, Tròcair, nach taitneach fois do'n aiteam a bhios sgèth! (Mat. xi. 28.) Nach math a gheibhear Uachdaran an luchd-thurais a shòlair a leithid so do dh'ionad foise daibh. Chuala mi iomadh iomra mu'n t-suidheachan so; ach cha'n fhaca mi riamh roimhe e. Thugamaid an aire nach caidil sinn an so; oir, mar a chuala mi, 's daor a dhìol Criosdaidh air sin a dheanamh.

An sin thuir Misneachail ris a chloinn, Cionnas a nis' a tha sibh mo leanabanan àillidh? Ciod 'ur barail mu dhol air chuairt? Fhreagair am fear a b'òige, cha mhòr nach tug mi thairis, ach tha mi 'toirt buidheachais dutsa a rinn còmhnaidh rium am fheum. Agus tha e nis' a' teachd gu m' cùimhne 'na dh'innis mo mbàth-air dhomh, eadhon, Gu'n robh an t-slighe do fhlaith-eas gu càs corrach, agus an t-slighe chum ifrinn gu còmhnaidh socrach. Ach 's fearr leamsa an uchdach a dhìreadh chum beatha, na'm bruthach a thearnadh a chum bàis.

An sin thuir Tròcair, Ach 's e'n sean-fhacal, Tha'm bruthach a thearnadh so-dheanta: Ach, arsa Seumas, am fear a b'òige, Thig an latha, a réir mo bharailse, gur

h-e'm bràthach a thearnadh is deacaire r'a dheanamh. 'S math an gille thu, arsa' Misneachail, thug thu deagh fhreagradh dh'i. An sin rinn Tròcair gàire, ach bha nàire air an leanabh.

*Bana-chriosdaidh.* Thigibh agus ithibh gréim, am feadh a tha sibh a' gabhail fois. Oir tha'n so mìr do ghràn-abhall, a thug am Fear-mìnichidh dhomh, maille ri meall do chìr-mheala, agus searrag dhibhe. Bha mi meas, arsa Tròcair, gun tug e ni-eigin dut, a chionn gun d'rinn e guth a leth-taobh riut. Rinn e sin, thuirt an té eile: Ach mar thuirt mi riut an toiseach, bithidh agadsa co'-roinn do gach math a gheibh mise, a chionn gun d'fhalbh thu cho toileach leam. An sin thug i do Thròcair agus do'n chloinn, agus dh' ith iad deth: Agus thuirt i ri Misneachail, an gabh thu co-roinn leinne? Ach freagair e, gu'n robh iadsan a' dol a thriall air an turas, agus tha mise ri pilleadh dhachaigh gun dàil; gu ma math a ni e dhùibh féin. Cha n-eil e na annas domhsa, tha mi 'g ithe a leithid gach latha aig an taigh. An uair a dh'ith agus a dh'òl 's a rinn iad beagan cainnt r'a chéile, thuirt am fearr iùil riu, Gu'm b' àm dhaibh a bhi falbh, ma bha iad ga fhaicinn iomchaidh. Leis a sin dh'imich iad agus chaidh a chlaun air thoiseach orra; ach dhi-chùimhnich a' Bhanachriosdaidh a searrag dhibhe a thoirt leatha; agus chuir i fear de'n chloinn ga h-iarraidh. Thuirt Tròcair, cha chreid mi nach ionad calldaich an t-àite so. 'S ann an so a chaill Criosdaidh a sgrìobhadh; agus 's ann an so a dh' fhàg a' Bhean a searrag 'na deigh. Ciod a dhuine is aobhar dhaso? Fhreagair am fear-iùil i, gun robh e a' tachairt o chadal no o dhì-chùimhn; tha cuid a' cadal 'nuair bu chòir dhaibh bhi 'nan dùisg; agus tha cuid a dearmad 'nuair bu chòir dhaibh cùimhneachadh; agus 'se so a' cheart aobhar mu'm beil cuid do luchd-turais, aig na h-ionadaibh-suidhe, a' tighinn deth sa' chall. Bu chòir do luchd-turais a bhi ri faire, agus a' chùimhneachadh na fhuair iad cheana r'a mhealtainn; ach le cion sin a dheanamh, 's minig a

tha 'n gàirdeachas a' crìochnachadh gu deurach; mar thachair do Crìosdaidh 'san àite so.

An uair a thainig iad chum an àite 'san tug An-earbs' agus Cion-cruadail ionnsaidh gu Crìosdaidh a philleadh air eagal nan leòghan, chunnaic iad ionad àrd, agus clàr leathann air ri aghaidh na slighe, agus an rann so sgrìobhta air a'g innseadh c'arson a bha e:—

“ Thugadh an tì a chì so aire  
D'a theangaidh, a's d'a chrì;  
Mu'n éirich beud n'is measa dha;  
'S gur aithreach leis mar nì.”

B'e 'n sgrìobhadh a bha fo'n rann “ Gu'n robh so air a chur suas chum peanas a dheanamh orrasan, air am biodh sgàth dol ni b' fhaide air an turas, le cioncruadail no an-earbsa.” Chaidh mar an ceudna 'san ionad so, toll a dheanamh le iarunn teith ann an teangaidh An-earbsa, agus Chion-cruadail, a chionn ionnsaidh a thoirt air Crìosdaidh a chumail air ais air a thuras.

An sin thuirt Tròcair, tha so ann an càil coltach ri cainnt an t-Sàlmadair. “ *Cìod a bheirear dhut? agus cìod a nithear ort, a theanga chealgach? Geur shaighde laoich, le éibhlibh de'n aiteal.*” (Salm cxx. 3, 4.)

Mar so chaidh iad air an aghaidh, gus an tàinig iad an sealladh nan leòghan. A nise bha Misneachail 'na dhuine laidir, cha robh sgàth air roimh leòghan: Ach an uair a thàinig iad fa'r an robh na leòghain, chaidh a' chlann a bha air thoiseach orra a nise 'nan déigh, oir bha eagal aca roimh na leòghain. Le so fhaicinn thuirt am fear-iùil, Tha mi tuigsinn, a chlann, gur math leibh a bhi air thoiseach far nach mothaich sibh cunnart, ach 's deòin leibh bhi air dheireadh 'nuair chunnaic sibh na leòghain. Am feadh a bha iad a' triall air an aghaidh, tharrainn Misneachail a chlaidheamh, chum an t-slighe a réiteachadh do'n luchd-turais a dh' aindeoin nan leòghan. An sin thainig fear gu còmhachadh a dheanamh leis na leòghain; agus thuirt

e ri fea ùil nan eilthireach, Ciod a thug an so thu ? B'e ainm an fhir Gruamach, oir b'abhaid da bhi 'na nàmhaid do luchd-turais, agus b'ann de na famhair-ean e.

*Misneachail.* Tha na mnathan agus a' chlann so a'triall air eilthireachd, agus 's ann mar so is éigin daibh dol, agus théid iad ann, a dh' aindeoin na ni thu féin agus na leòghain.

*Gruamach.* Cha'n i so an slighe 's cha mhò a thriallas iad oirre. 'S ann a thàinig mise gu cur 'nan aghaidh, agus gabhaidh mi leis na leòghain.

Cha robh ach beagan dhaoine rè ùine mhòr roimhe sin a' gabhail na slighe; a thaobh gairge nan leòghan, agus gruamaichead an fhir a bha còmhnaidh leo, ionnas gu'n robh fear air fàs air an t-slighe.

An sin thuirt a' Bhana-chriosdaidh, Ged a bha na rathaidean mòragun taghaich roimhe so, agus ged a dh'imich an luchd-turais air rathaidean seacharain, cha'n fhaod a' chùis a bhi mar sin, o'n a dh' éirich mise. A nis' o'n a dh' éirich mis' am mhàthair ann an Israel. Breith v. 6, 7.

*Gruamach.* An sin mhionnaich e air na leòghain, gu'm bitheadh: agus dh'iarr e orra gabhail às an t-slighe, is nach faigheadh iad seachad mar sin.

*Misneachail.* Ach thug misneachail a' cheud ionnsaidh air Gruamach, agus ghabh e dha cho neo-mathach le chloidheamh 's gun do chuir e 'n ruaig air.

*Gruamach.* An sin thuirt e, 's e teicheadh, Am marbh thu mi air mo chrìch féin.

*Misneachail.* 'S e rathad mòr an Rìgh air am beil sinn, agus chuir thusa do chuid leòghan 'nan cnaip-starraidh air an t-slighe; ach ged nach eil na boireannaich agus a' chlann so ach lag, théid iad air an aghaidh air an t-slighe thar amhaich do chuid leòghan. Le sin a ràdh tharrainn e'n làmh agus bhual e gu tàbhachdach e, leis an do chuir e air a' ghlùinibh e. Leis a' bhuille so bhris e cholgaid, agus ghearr e 'n leth làmh dheth. An sin bheuc am famhair cho oillteil 's gu'n do chuir e

uabhas air na h-eilthirich, ach gidheadh bha iad toillichte 'nuair a chunnaic iad e 'na shìneadh a' call fhala. Bha na leòghair an ceangal, agus cha b' urrainn daibh beud sam bith a dheanamh. Uime sin an uair a bha Gruamach màrbh, thuirt Misneachail riu iad d'a lean-tain-san, agus nach tigeadh dochann sam bi orra thoradh nan leòghan. Air an aobhar sin chaidh iad air an aghaidh; ach bha na mnathan air bhall-chrith an àm dhaibh bhi dol seachad: bha chlann mar an ceudna an droch còr le h-eagal; ach fhuair iad uile seachad.

Cha b'fhada gus an tàinig iad gu taigh an dorsair: oir bha eagal na h-òidhche orra, uime sin luathaich iad an ceum, a chionn gun robh e cunnartach a bhi cois-eachd feadh na h-òidhche. 'S an uair a thàinig iad chum a' gheata, bhuaill am fear-iùil a bh' ac' aige, agus thuirt an Dorsair, "Cò tha'n sin?" Ach cho luath 's a chual e am fear-iùil ag ràdh, 'S mis' a th'ann, dh' aithnich e a ghuth, agus thàinig e nuas; oir bha'm fear-iùil cleachdta ri bhi tighinn a' deanamh iùil do luchd-turais. An uair a thàinig e nuas, dh'fhosgail e'n dorus, agus air dha am fear-iùil fhaicinn, cha tug e'n aire do na mnàithibh agus do'n chloinn, oir bha'n dorch ann: thuirt e, Ciod a Mhisneachail a th' air t'aire cho anmoch so? Thainig mi, thuirt e, le luchd-turais, agus tha òrdugh aca o m' Thighearna tàmh a ghabhail an so an nochd. Bhithinn an so o cheann fada, mar cuirte maille orm leis an famhair a b' àbhaist dol an leith-sgeul nan leòghan: ach an deigh dhomh cath gailbheach a bhi agam ris, sgath mi às e, agus thug mi an luchd-turais sàbhailte chum an àite so.

*Dorsair.* Nach téid thu staigh, agus nach fuirich thu gu madainn.

*Misneachail.* Cha téid pillidh mi 'n nochd fhathast a dh' ionnsaidh mo Thighearna.

*Bana-chriosdaidh.* O! a dhuin' fhoghaintich, cha n-eil fios agam cionnas a dhealaicheas sinn riut air ar turas; bha thu cho tairis, caoimhneil ruinn: chuir thu'n cath cho duineil às ar leth; bha thu cho dùrachd-



ach ga'r ccmhairleachadh, 's nach di-chùimhnich sinn am feasd do chaoimhneas duinn.

*Tròcair.* B'fhearr leam gu'm biodh do chuideachd againn gu ceann ar n-uidhe! Cionnas is comasach do bhoireannaich bhochda mar tha sinne, dol troimh shlighibh a tha cho làn do thrioblaidean s' a tha i so, gun charaid gun f'hear dìon?

An sin thuirte Seumas am fear a b'òige de'n chloinn ris. O deònaich dol leinn, chum ar còmhnadh, a chionn gu'm beil sinne cho lag, agus an t-slighe cho cunnartach.

*Misneachail.* Tha mis' air iarrtas mo Thighearna: ma dh' àithneas e dhomh a bhim fhear-iuil agaibh gu ceann 'ur n-uidhe, 's deònach a ni mi e; ach tha choir' agaibh féin nàch d' iarr an toiseach e; oir 'nuair a thuirte e rium teachd an fhad so leibh, an sin bu chòir dhuibh guidhe air gu'n leigeadh e mi leibh gu ceann 'ur turais, agus dheònaicheadh e dhuibh e. Ach 'san àm so 's éigin domh 'ur fàgail, agus a nis' a dheagh Bhana-chriosdaidh, a Thròcair, agus mo chlann ghasta, slàn léibh:

An sin dh' fhedraich an dorsair Furachair, do Bhana-chriosdaidh cò bu dùthaich, agus bu chàirdean d'i; fhreagair i, gu'n tainig i o bhaile Léir-sgrios; gum bu bhantrach i, gun robh a fear marbh, d'am b'ainm Criosdaidh am fear-turais. Am b'e sin t'fhear, ars' an dorsair? B'e, thuirte ise, agus is iad sin a chlann; agus 's i'n nighean so té do mhuinntir a' bhail' againn. An sin bhuaill an dorsair a chlag, mar is gnà leis air a leithid sin do dh'aobhar, agus thainig a chum an doruis aon do na màighdeanan, d'am b' ainm Inntinn-iriosal. Agus thuirte an dorsair rithe, i dhol a dh'innse dhaibhsan a bha steach, Gu'n robh a' Bhana-chriosdaidh, bean Chriosdaidh, agus a clann air teachd an fhad so air an turas air eilthreachd. Chaidh i uime sin a steach, agus dh' innis i dhaibh e. Agus O! bu shòlasach leo an sgeul 'nuair a chual iad e.

Thainig iad le dian chabhaig chum an dorsair, oir bha 'Bhana-chriosdaidh 'na seasamh fhathastam muith. An sin thuirt cuid de'n mhuinntir bu shuidhichte rithe, Thig a steach a Bhana-chriosdaidh, a bhean a bh' aig' an deagh dhuine, thig a steach thu féin agus na tha maille riut. Mar sin chaidh i steach, agus lean a clann agus a bana-chòmpanach i. An uair a chaidh iad a steach, chaidh an toirt do sheòmar ro mhòr, far an d' iarradh orra suidhe; shuidh iad agus chaidh ceannard an taighe a ghairm chum am beatha a dheanamh. An sin thainig iad a steach agus shuidh iad, agus air dhaibh a thuigsinn cò iad, chuir iad fàilt orra le pòig, agus thuirt iad riu, 'S e 'ur beatha, a shoithichean gràis Dhé; 's e 'ur beatha againne, a chàirdean dìleas.

A nis', a chionn gun robh e anmoch, agus do bhrìgh gun robh an luchd-turais sgèth, agus fann le bhì 'g amharc na caonnaig, agus leòghanan borba, dh' iarr iad orra deanamh deas cho luath 'sa dh' fhaodadh iad chum gabhail mu thàmh. Ach thuirt muinntir an taighe riu, nach gabhadh, gus an itheadh iad gréim bidh; oir dheasaich iad uan fa'n comhair, leis na nithibh a bhuineadh dha. (Eoin i. 29) Oir chual an dorsair gun robh iad a' teachd, agus dh' innis e dhaibhsan a bha steach e. Mar sin an deigh na suipeireach, 's a chrìochnaich iad an ùrnuigh le sàlm a shéinn. dh' iarr iad cead dol a laidhe. Ach ma dh' fhaodas mi bhì cho dàna, rachamaid a laidhe sa' cheart seòmar 's an do laidh m'fhear 'nuair a bha e'n so; rinn iad mar sin, agus laidh iad uile san aon seòmar. An uair a ghabh iad mu thàmh thòisich a' Bhana-chriosdaidh agus Tròcair ri labhairt mu nithe a bha feumail.

*Bana-chriosdaidh.* 'S beag a bha dhùil agam aon uair, gun tiginn air thuras an deigh m'fhir.

*Tròcair.* 'S ceart cho beag a bha dùil agad gun laidheadh tu 'na sheòmar, agus na leabaidh, mar tha thu sa cheart àm so a' deanamh.

*Bana-chriosdaidh.* Is lugha na sin a bha dhùil agam

e féin fhaicinn ann an sòlas, no idir gun tugainn aoradh leis-san do'n Tighearn an Rìgh ; 's gidheadh tha dòchas agam a nise gun tachair sin.

*Tròcair.* Eisd ! An cluinn thu fuaim ?

*Bana-chriosdaidh.* Air leam gun cluinn, 's ann a tha'n ceòl so mar ghàirdeachas gu'n tàinig sinne an so.

*Tròcair.* 'S iongantach sin ! ceòl 'san taigh, ceòl sa' chridhe, agus ceòl mar an ceudna ann an nèamh, a chionn gu'm beil sinne ann an so !

Thug iad mar sin ùine bheag a' còmhradh, agus chaidil iad. 'S an uair a dhùisg iad sa' mhadainn, thuir a' Bhana-chriosdaidh ri Tròcair.

*Bana-chriosdaidh.* Ciod a thug ort a bhi gàireachdaich an ràoir a' d' chadal ? Bha mi 'm barail gu'n robh thu bruadar ?

*Tròcair.* 'S mi a bha ; agus bu taitneach am bruadar e ; ach am beil thu cinnteach gun d' rinn mi gàire.

*Bana-chriosdaidh.* Rinn thu sin ; ghàir thu gu cridheil ; ach guidheam ort innis dhomhsa do bhruadar.

*Tròcair.* Bha mi bruadar gun robh mi 'm shuidh am aonar an àit uaigneach, a' caoidh cruas mo chridhe.

Air leam nach robh mi fada 'san ionad sin, 'nuair a thàinig mòran mu'm thimchoill g'am fhaicinn, a dh' éisdeachd ris na thubhairt mi. Dh' éisd iadsan, agus bha mis' a' caoidh cruas mo chridhe. Le so a chluinntinn, rinn cuid diù gàire fanaid umam, thuir cuid eile nach robh annam ach òiseach, agus theann cuid eile ri m' thilgeadh a null agus a nall. Le iad a dheanamh sin, air leam gu'n d'amhairc mi suas, 's gu'm faca mi aon a' teachd a' m' ionnsaidh air a sgiathaibh ; agus thuir e rium, Ciod a dh' fhairich thu, a Thròcair ? 'S an uair a chual e mo ghearan, thuir e, sìth Gu'n robh dhut thiormaich e mar an ceudna mo shùilean, agus sgeudaich e mi le airgead agus le òr. (Esec. xvi. 8—13.) Chuir e slabhraidh òir mu'm mhuineal, fàilean am chluasan, agus crùn maiseach air mo cheann. An sin ghlac e air làimh mi, agus thuir e, a Thròcair, lean mise. Dh' imich e suas, agus lean mis e, gus an

d'ràinig sinn geat' òir. An sin bhuail e; 's an uair a chaidh fhosgladh, chaidh an duin' a steach, agus lean mis e chum rìgh-chathair, air an robh fear 'na shuidhe; agus thuirte rium, 'S e do bheatha a nighean. Bha'n t-ionad ag amharc dealrach, mar a' ghrian; agus air leam gu'm faca mi t'fhear san àite sin: agus mhosgail mi o m' aisling, ach an d'rinn mi gàire?

*Bana-chriosdaidh.* Rinn! agus 's math a dh'faodadh tu sin, a chionn g--m' faca tu thu féin cho rìmheach. Oir tha mi 'g innseadh dhut gum bu mhath am brудар a bh'ann; agus tuigidh tu gum bí e mar sin air a' cheann ma dheireadh. Oir labhraidh Dia aon uair, seadh, dà uair, ged nach toir duine fainear, ann an aisling, ann an taisbean na h-òidhche, 'nuair a thuiteas cadal trom air daoine, 'nuair a bhios iad 'nan suain air an leabaidh. (Iob xxxiii. 14, 15.) Cha ruig sinn a leas fuireach 'n-ar dùisg a chainnt ri Dia air ar leabaidh, tha e-san comasach air teachd far am bi sinn 'n-ar suain, agus a thoirt oirnn a ghuth a chluinntinn. Tha ar cridhe gu minig 'na dhùisg 'nuair a bhios sinne 'n-ar cadal, agus labhraidh Dia ris a sin, aon chuid le cainnt, le gnàth-fhacail, le comharraidhean, no le sàmhlaidhean, cho math 's ged a bhiodh neach 'na dhùisg.

*Tròcair.* O'n a tha chùis mar sin, 's toilichte mi do'm aisling, oir tha dòchas agam nach fada gas an tig i gu crìch, chum gun dean mi gàire rithist.

*Bana-chriosdaidh.* Saoilidh mi gur mithich dhuinn éiridh, agus fios fhaiginn ciod is còir dhuinn a dheanamh.

*Tròcair.* Ma bheir iad cuireadh dhuinn fuireach rè seal, gabhamaid ris gu toileach. Tha mi ni 's deònaiche fuireach an so c'ar tamaill, a chum gu'm fàs mi eòlach air na h-òidhean sin; air leam gu'm beil Crionnachd, Cràbhadh, agus Seirc, eireachdail agus suidhichte 'nan coltas.

*Bana-chriosdaidh.* Chì sinn ciod a ni ad. Uime sin an uair a bha iad 'nan uidheam, chaidh iad sìos, agus dh'fhiosraich iad ga chéile mar fhuair iad tàmh na h-òidhche.

*Tròcair.* Gu ro mhath; cha d'fhuair mi riamh tàmh a b' fhearr.

An sin thuirt Crìonnachd agus Cràbhadh, ma ghabhas sibh os-làimh fuireach an so rè tamaili, 'se 'ur beatha gus an ni is fearr a th' againne r'a thoirt duibh.

*Seirc.* 'S e le ceud gean-math. Mar so dh' aontaich iad fuireach rè còrr agus mìos, agus bha iad feumail ga chéile. 'Sa chionn gu'm b' àill le Crìonnachd a thuigsinn mar dh' àraich a' Bhana-chrìosdaidh a cuid cloinne, dh' iarr i cead an ceasnachadh. Fhuair i làn chomas sin a dheanamh; agus thòisich i air Seumas, am fear a b' òige.

*Crìonnachd.* Agus thuirt i, Thig a Sheumais, an aithne dhut innseadh dhomh, Cò rinn thu?

*Seumas.* Rinn Dia an t-Athair, Dia am Mac, agus Dia an Spiorad Naomha.

*Crìonnachd.* 'S math an gill' thu. An aithne dhut cò a shaor thu?

*Seumas.* An t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomha.

*Crìonnachd.* Ro mhath. Ach cionnas a tha Dia an t-Athair ga d' shaoradh?

*Seumas.* Tre a ghràs.

*Crìonnachd.* Cionnas a tha Dia am Mac ga d' shaoradh?

*Seumas.* Le a dhìoladh agus le eadar-ghuidhe.

*Crìonnachd.* Agus cionnas a tha Dia an Spiorad Naomha ga d' shaoradh?

*Seumas.* Le shoillseachadh, le ath-nuadhachadh, agus le a choimhid.

An sin thuirt Crìonnachd ris a' Bhana-chrìosdaidh, 'S cliùiteach dhut mar tha thu togail do chuid cloinne. Tha mi cinnteach nach ion domh na ceistean sin fheòraich do 'n chuid eile dhiù, o'n a tha'm fear is òige chò fiosrach umpa. Bheir mi nis' ionnsaidh air an ath-fhear is òige.

*Crìonnachd.* An sin thuirt i ri Ioseph, oir b'e sin ainm, an dedin leat mise ga d' cheasnachadh?

*Ioseph.* Tha mi ro dheònach.

*Crionnachd.* Cò e 'n duine ?

*Ioseph.* Bith reusonta, air a chruthachadh le Dia, ma thuirt mo bhràthair.

*Crionnachd.* Ciod a tha'm facal saoradh a' ciallachadh ?

*Ioseph.* Tha gu'n tug an duine e féin, trid a' pheacaidh, do staid ciomachais agus truaighe.

*Crionnachd.* Ciod a th' air a chiallachadh le bhì air ar saoradh leis an 'Trionaid ?

*Ioseph.* Tha gu'm beil am peacadh 'na an-tighearna cho cumhachdach, 's nach urrainn aon neach ar toirt as a charamh ach Dia ; agus gu'm beil Dia cho bàigheil, càirdeil ri daoine, 's gun do shaor e da-rìreadh às a chor through so iad.

*Crionnachd.* Ciod a bha'n rùn Dhé leis an duine shaoradh ?

*Ioseph.* Bha glòir ainme, a ghràis agus a cheartais, &c. agus sonas sìorruidh a' chinne-daonna.

*Crionnachd.* Cò iad iadsan a théid a shaoradh ?

*Ioseph.* Iadsan a gabhas r'a shaoradh-san :

*Crionnachd.* A Ioseph, 's math a theagaisg do mhàthair thu, agus thug thus an deagh aire do na thuirt i riut.

An sin thuirt i ris an fhear a b'fhaigse dha,

*Crionnachd.* Thig, a Shomhairle, am beil thusa toil-each do cheasnachadh ?

*Somhairle.* Tha, m'as toil leats e.

*Crionnachd.* Ciod e an t-ionad Flaitheas ?

*Somhairle.* Ionad agus còr ro bheannaichte, a chionn gu'm beil Dia a' gabhail còmhnaidh ann.

*Crionnachd.* Ciod an t-àit a th'ann an ifrinn ?

*Somhairle.* Ionad agus còr ro bhrònach, a chionn gur ann a tha'm peacadh, an diabhol, agus am bàs a' gabhail còmhnaidh.

*Crionnachd.* C'arson bu mhath leat dol do Nèamh ?

*Somhairle.* Chum gu'm faic mi Dia, agus gun toir mi sèirbhis gun sgìos da ; chum gu'm faic mi Crìosd, agus gun toir mi gràdh bith-bhuan da ; chum gu'm bi làn-

achd sin an Spioraid Naoimhe annam, nach fhaod mi air aon chor a mhealtainn an so.

*Crionnachd.* 'S math am fleasgach thusa cuideachd, agus 's math a dh' ionnsaich do mhàthair thu.

An sin thuirt i ri Mata, oir b'e sin ainm an fhir bu shine, An àill leatsa mise gad cheasnachadh ?

*Mata.* 'S àill.

*Crionnachd.* Feòraicheam dhìot ma ta, An robh bith aig aon ni air thoiseach air Dia ?

*Mata.* Cha robh ; oir tha Dia bith-bhuan : cha mhò a bha bith aig aon ni, ach aige féin, gu toiseach a' cheud latha. Oir an sè laithibh rinn Dia nèamh agus talamh, an fhairge agus gach ni a ta annta.

*Crionnachd.* Ciod a bharail a th' agad mu'n Bhìoball ?

*Mata.* Tha, gur e facal naomha Dhé.

*Crionnachd.* Am beil aon ni sgrìobhta ann nach eil thu tuigsinn ?

*Mata.* Tha iomadh ni.

*Crionnachd.* Ciod a ni thu 'nuair a thachras ni ort nach urrainn dut a thuigsinn ?

*Mata.* Tha mi meas gur e Dia gu mòr is glìce na mise. Tha mi fòs a' guidhe air gu'n nochd e dhomh urrad deth 's a bhios feumail domh.

*Crionnachd.* Ciod a' bharail a th' agad mu aiseirigh nam marbh ?

*Mata.* 'S i mo bharail gun éirich iad mar chaidh an adhlacadh ; ionann ann an gnè, ge nach bi iad ionann ann an truailleachd. Agus tha mi creidsinn so air dha shedl ; *Airtùs*, Air son gun do gheall Dia e, 'S an dara h-àite, A chionn gur urrainn e a cho-lionadh.

An sin thuirt Crionnachd ris a' chloinn, 'S éigin duibh éisdeachd fhathast ri 'r màthair, oir 's urrainn i tuilleadh fhòghlum dhuibh fathast. 'S éigin duibh cuideachd an aire thoirt do gach seanachas math a chluinneas sibh aig daoin' eile : s ann air 'ur sons' a their iad e. Thugaibh an aire chùramach do na tha nèamh agus talamh a' teagasg dhuibh : ach gu sònraichte bithibh tric a' cnuasachd an leabhair a thug air bhur n-athair

falbh air eilthireachd. Fòghlumaidh mise dhuibh gach ni a dh' fhaodas mi am feadh a bhios sibh an so, agus bithidh mi toilichte ma dh' fheòraicheas sibh dhiom nithe a bhios chum 'ur leas.

Ach cha robh an luchd-turais an sin ach seachduin, an uair a bha suiridheach aig Tròcair, d'am b' ainm. Grad-charach, duine bha fìor mhodhail, 's a bha gabhail os-làimh a bhi diadhaidh, ach bha e 'n ro gheall air an t-saoghal. Mar so thàinig e uair no dhà a dh' ionnsaidh Thròcair agus leig e ris a ghràdh dh'i. Bha Tròcair fìor mhaiseach, agus thaitinn i gu math ris.

Bha i ro ghnìomhach, cha robh i deònach bhi idir 'na tàmh; oir mar biodh aice féin a bheag r'a dheanamh, bhiodh i 'g obair a' deanamh aodaich dhaibh-san a bhiodh feumach. Agus a chionn nach robh Grad-charach fìosrach cìod a bha i deanmh riu, thaitinn e gu math ris nach robh e ga faicinn idir 'na tàmh: air leis gun deanadh i deagh bhean-taighe.

Dh'innis Tròcair mu'n t-suiridhe do na maighdeanan eile bha mu'n taigh, agus rannsaich i mu thimchioll an fhir, oir b'aithne dhaibh-san e ni b'fhearr na b'aithne dh'is' e. Dh'innis iad d'i gun robh e 'na dhuine anabharrach gnìomhach, a' gabhail air a bhi diadhaidh, ach gun robh iad fo eagal nach robh mòran de chumhachd na diadhachd aige.

Cha bhi cuid agamsa dheth, mata, arsa Tròchair; oir tha mi cur romham nach gabh mi am feasd fear a bhios na leth-trom air m'anam.

Fhreagair Crìonnachd, Nach cuireadh e mòr dhragh oirr' a chur air cùl; oir 'nan leanadh i air deanamh mar bu ghnà leatha, nach b'fhada chuireadh e dragh oirre.

B' ionann a thachair, oir an ath uair a thàinig e bha i mar b' àbhaist dh'i a' deanamh suas cheairtean snàth fa chomhair nam bochd. An sin thuirt e rithe, Am bi thu do ghnà a' deanannaich? Bithidh, ars' ise, an darna cuid domh fhéin no do chàch. Ach cia meud a choisneas tu san latha, ars' e-san. 'S ann, ars' ise, a tha



mi deanamh nan nithe so chum 's gu'm bi mi saibhir an deagh oibrìbh, chum gun suidhich mi deagh stéigh, gu greim a dheanamh air a' bheatha-mhaireannaich. (1 Tim. vi 17—19.) Ciod a ni thu dhiù, thuirt e-san? Sgeadaichidh mi an lomnochd leo, ars' ise; 'Nuair a chual e sin thuit a dha làimh r'a thaobh; agus cha tàinig e tuilleach air an t-suiridhe: 'S an uair a dh-fhiosraicheadh dheth ciod bu choireach ris, thuirt e gun robh Tròcair na boireannach eireachdail, ach gun robh droch smuaintean a' cur dragh oirre.

An uair a dh'fhàg e i, thuirt Crìonnachd rithe, Nach tuirt mise ruit nach b'fhada gus an tréigeadh e thu? cha'n e mhàin sin, ach togaidh e droch cliù ort: Oir ged a tha e gabhail air a bhi diadhaidh, agus gu'm beil gràdh aige do Thròcair; gidheadh tha 'n dà ghnè cho calg-dhìreach an aghaidh a chéile, 's nach saoil mi gun tig iad am feasd cuideachd.

*Tròcair.* Dh'fhaodainnse bhi pòsda roimhe so, ged nach robh mi ga innseadh; ach cha bu toigh leo mo sheòl, ged nach robh coire aca ri fhaotainn do m' choltas: Air chòr 's nach do chòrd sinn.

*Crìonnachd.* S' beag meas a th' air Tròcair r'ar linnne, ach an t-ainm: 's beag a bheir spéis do d' ghnàthachadh-sa.

*Tròcair.* Cha n-eil comas air, mar gabh fear idir mi, buanaichidh mi am òigh, no bithidh mo ghnàthachadh dhomh an àite fir-phòsda. Chan fhaod mi mo ghné atharrachadh; agus air son fear a ghabhail a bhiodh an aghaidh mo nàduir, 's fearr leam gu mòr a bhi falamh. Bha piuthar dhomhsa, d'am b'ainm Fiùghantach, pòsda ri fear dhiù sud; ach dh'fhartlaich orra còrdadh; agus o'n a chuir mo phiuthar roimpe gu'm buannaicheadh i mar thòisich i, le bhi caoimhneil ris na bochdan, chuir an t-iargaltach ud a mach air an dorus i.

*Crìonnachd.* Cuiridh mi geall gu'm b'fhear-aidmheil e.

*Tròcair.* B' eadh gu deimhin; agus 's eagal leam

gu'n robh e mar tha mòran do mhuintir an t-saoghail; ach cha bhi cuid agam dhiù.

'S an àm so dh' fhàs Mata, am mac bu shine bh' aig a' Bhana-chriosdaidh gu tinn, agus bha e ro an-shocrach, le goimh a bha na innigh, ionnas gun robh e air uairibh fo chràdh anabarrach. Bha chòmhnaidh fagus daibh seann lighich d'am b' ainm Eolach; chur iad ga iarraidh gu fhaicinn, agus thàinig e. An uair a dh' fheuch e chuisle, 's a ghabh e beachd air an òganach, thuig e gur h-e greim-mionaich bu thinneas da: agus thuirt e r'a mhàthair, Ciod an lòn a bha e cleachda fhaotainn? Cha-n eil aon ni, ars a mhàthair, ach lòn fallain. Thuirt an léigh gun d'ith e o cheann ghoirid ni-eigin nach do chnàmh e, agus nach falbhadh e gun chùngaidh-leighis a ghnàthachadh. 'S éigin da puragaid fhaotainn, no cha bhi e beò.

An sin thuirt Somhairle r'a mhàthair, ciod an ni a thionail agus a dh' ith mo bhràthair? cho luath sa thàr sinn o'n gheata bh' aig ceann na slighe so: m' as cùmhnene leibh e, bha lios meas ri taobh na slighe, agus bha cuid de 'n toradh an crochadh thar a' bhalla, agus spion agus dh' ith mo bhràthair cuid deth.

*Bana-chriosdaidh.* Tha thu fìor, mo leanabh, ars' ise, dh' ith e dheth gun teagamh: Bhac mis' e, ach dh' ith e dheth an aghaidh mo thoile.

*Lighich.* Thuig mise gu'n d' ith e ni-eigin nach robh math; agus 's e am meas sin an ni is cronail a dh' fhaodadh e ithe. 'S toradh lios Bheelsebuib a th' ann. Is ioghnadh leam nach tug aon neach sanas duibh uime; 's iomadh neach air an tug e am bàs.

*Bana-chriosdaidh.* An sin bhuail a' Bhana-chriosdaidh a basan, agus thuirt i, O a leinibh amaidich, agus a mhàthair neo-chùramach, ciod a ni mi riut?

*Lighich.* Na bi gu ro mhòr air do chùradh; faodaidh e bhi gu math fhathast; ach 's éigin da pùragaid thilgidh a ghabhail.

*Bana-chriosdaidh.* Na caomhain saothair a chaith-

eadh air, agus buin ris a réir t'fhiosrachaidh, ge b' u luach a bheir mi 'na éirig.

*Lighich.* Cha n-eagal nach còrd sinn, (Eabh. x. 1—4.) Mar sin rinn e pùragaid dha, ach bha i ro lag; chaidh a deanamh suas le fuil ghabhar, le luathre aighe, agus le sùgh hisoip, &c. An uair a mhothaich an Léigh gun robh a' phùragaid tuilleadh 's lag, dh'ullaich e aon eile bha freagarrach: a rinneadh de chorp agus de dh' fhuil Chrìosd, (Eoin vi. 54—57, Eabh. ix. 14.) Bheir lighichean cungaidh-leighis iongantach do'n mhuinntir a bhios fo 'n cùram; agus bha i so air a deanamh suas, le gealladh no dhà agus le cuibhrionn iomchaidh do shalunn, Bha e ri trà dhiu sin a ghabhail a cheudlongaidh, ann an leth-bhodach de dheòir an aithreachais, (Sech. xii. 10.) An uair a bha 'n ioc-shlainte so na h-uidheam, 's air a toirt a dh' ionnsaidh an òganaich, cha bu deòin leis a gabhail, ged a bha e air a chràdh le goirteas, mar gun spìont' às a chéile e. 'S fheudar dhut a gabhail, ars' an Léigh. Tha e teachd am aghaidh, ars' an gille: 's éigin dut a gabhail, ars' a mhàthair. Tilgidh mi rithist a mach i, ars an gille. Ciod am blas a th' oirre, ars' a mhàthair ris an Léigh? Cha n-eil droch bhlas sam bith oirre, ars' an Léigh; agus leis a sin bhuin i rithe le barr a teanga: Agus thuirt i ris, O a Mhata, tha 'n ioc-shlaint so nì's mìllse na mìl. Gabh i air ghaol do mhàthar, do bhràithrean, do bheatha féin, agus air ghaol Tròcair. Ach mu dheireadh le mòran earalachaidh, agus le ùrnaigh ghearr air son a soirbheachaidh, ghabh e i, agus dh' oibrich i gu séimh air. Chuir i thairis e ann am dùsal cadail, leis an d' fhuair e fallas, a chuir air falbh an goirteas.

An ùine bheag dh' éirich e, agus b' urrainn e dol mu'n cuairt le luirg, agus rachadh e bho sheòmar gu seòmar, agus dheanadh e cainnt ri Crìonnachd, ri Cràbhadh, agus ri Seirc, mu thimchioll a thinneis, agus mar chaidh a leigheas.

'S an uair a bha 'n t-òganach glan leighiste, dh

fheòraich a' Bhana-chriosdaidh do'n Léigh, ciod a b' éigin da fhaotainn air son a shaoithreach agus a chùraim a ghabh e do'n ghille! Agus thuirt esan. "'S eigin duit ìocadh do Cheannard oil-taigh nan Lighichean," (Eabh. xiii. 11—15:) a réir gnà na cùise.

*Bana-chriosdaidh.* Ach a deir ise, ciod tuilleadh air am math an ioc-shlàinte so?

*Lighich.* Is ìoc-shlàint choitcheann i: tha i math air son gach gné eucail a bhios air luchd-cuairte: 's an uair a théid a h-ullachadh air chòir, gleidhidh i a buaidh ùine mhòr.

*Bana-chriosdaidh.* Bi cho math 's gun dean thu suas domhsa dà bhòstan dheug dh'i; oir ma gheibh mi iad sin, cha ghabh mi cùngaidh-leighis sàm bith eile.

*Lighich.* Tha 'n ioc-shlàint so math a chumail air ais encail, cho math 's g'an leigheas 'nuair a thig iad air neach. Faodaidh mi a ràdh le barandas, ma ghnàthaicheas duine an ìoc-shlàinte so, gun toir i air a bhi beò gu sìorruidh. (Eoin vi. 5.) Ach a dheagh Bhana-chriosdaidh, cha 'n fhaodar a gabhail air aon dòigh eile ach mar sheòl mise, air neo cha dean i feum sam bith. Uime sin thug e dh'i ni's leòir air a son féin, air son a cuid cloinne, agus air son Tròcair; agus thuirt e ri Mata an aire thoirt mar dh' itheadh e meas an-abaich a rithist; agus an uair a phòg se iad, dh'fhalbh e roimhe.

Chaidh ainmeachadh roimhe so, gun tuirt Crionnachd ris a' chloinn gu'm faodadh iad ni air bith a bhiodh feumail fheòraich dh'i, agus gu'n innseadh i dhaibh e.

An sin thuirt Mata rithe, C'arson mar bu trice bhiodh blas searbh air cungaidh-leighis?

*Crionnachd.* A nochdadh cia cho neo-thaitneach 'sa tha facal Dé, agus a thoradh, do'n chridhe fheadh-mhor.

*Mata.* C'arson a dh' oibricheas pùragaid ma bhios i math?

*Crionnachd.* A nochdadh gun glan am facal an

crìdhe, agus an inntinn, 'nuair a dh' oibricheas e gu h-éifeachdach, araon do'n anam agus do'n chorp.

*Mata.* Cìod bu chòir dhuinn a thuigsinn le lasair an teine a dhìreadh suas? agus a' faicinn gathan àigh agus cumhachd drùighteach na gréine a tearnadh a nuas?

*Crionnachd.* Le dol suas an teine, tha e teagasg dhuinn dìreadh ri flaitheas, le tograidhean diana dùrachdach: agus leis a' ghréin a chuir a teas, a gathan agus a cumhachd drùighteach a nuas, tha e teagasg dhuinn gu'm beil Slànaighear an t-saoghail, ged a tha e àrd, a' ruigheachd a nuas oirne le ghràs agus le ghràdh.

*Mata.* Cia às a tha'n t-uisg' aig na neòil?

*Crionnachd.* As an fhàirge.

*Mata.* Cìod a tha sin a' teagasg dhuinn?

*Crionnachd.* Gu'm bu chòir do luchd-teagaisg an teagasg fhaighinn o Dhia.

*Mata.* C'arson a tha na neoil ga'm falmhachadh féin air an talamh?

*Crionnachd.* A nochdadh gu'm bu chòir do luchd-teagaisg na b'aithne dhaibh mu Dhia fhoillseachadh do dhaoine.

*Mata.* C'arson a chithear am bogha-frois ris a' ghréin?

*Crionnachd.* A nochdadh gu'm beil co-cheangal gràis Dhé air a dhaighneachadh dhuinn ann an Crìosd.

*Mata.* C'arson a tha na tobraichean a'teachd d'ar n-ionnsaidh-ne o'n fhàirge?

*Crionnachd.* A nochdadh gu'm beil gràs Dé a'teachd d'ar n-ionnsaidh-ne tre chorp Chrìosd.

*Mata.* C'arson a tha cuid de na tobraichean ag éiridh o mhullach nam beann?

*Crionnachd.* A nochdadh gun éirich spiorad nan gràs suas ann an cuid-eigin a tha àrd agus cumhachdach, cho math a's anntasan a tha bochd agus iosal.

*Mata.* C'arson a tha'n lasair a' deanamh gréim air buaic na cainnle?

*Crionnachd.* A leigeadh ris duinn mar eil gràs a

beothachadh a' cridhe, nach bi solus na fìor bheatha annainn.

*Mata.* C'arson a tha bhuaic agus a gheir uile gu bhì air an caitheamh, a chumail suas solus na cainne ?

*Crionnachd.* A Leigeadh ris duinn gu'm bu chòir do'n chorp agus do'n anam a bhì feitheamh, chum gràs Dé annainne a choimhid ann an deagh riaghailt.

*Mata.* C'arson a tha'm pelican a' tolladh h-uchd féin le gob ?

*Crionnachd.* A bheathachadh a h-àlaich le fuil, agus leis a sin a nochdadh gu'm beil na h-urrad ghràidh aig an t-Slànaighear bheannaichte d'a shluagh, is gu'n do shaor e iad o'n bhàs le fhuil.

*Mata.* Cìod a theagaisgeas gairm a' choilich do neach ?

*Crionnachd.* Teagaisgidh peacadh agus aithreachas Pheadair. Tha gairm a' choilich mar an ceudna a' nochdadh gu'm beil an latha am fagus ; cuireadh ma ta gairm a' choilich a d' chùimhne mu latha deireannach agus uabhasach a' bhreitheanais.

Bha nise mu'n àm so am mìos a muigh ; uime sin thuirt iad ri muinntir an taighe gu'm b'iomchaidh dhaibh bhì falbh. An sin thuirt Ioseph r'a mhàthair, cha chòir dhuibh a dhì-chùimhneachadh fios a' chur chum an Fhir-mhìnichidh, a dh' iarraidh air Misneachail a chur d'ar n-ionnsaidh, chum gun dean e 'n t-iùl duinn air an t-slighe. 'S math a fhuaradh tu a chur am chùimhne ; ars' ise ; 's beag nach do dhì-chuimhnich mi e. Sgrìobh i littir-iarrtais, agus dh'earalaich i air Furachair an dorsair, e ga chuir le làimh iomchaidh chum an Fhir-mhìnichidh ; agus an uair a chunnaic e achanaich na litreach sin thuirt e ris an teachdaire, Imich, agns innis daibh gu'n ruig e.

An uair a thuig an teaghlach san robh a' Bhana-chrìosdaidh gun robh a rùn orra bhì triall, ghairm iad an teaghlach uile co-lath, a thoirt buidheachais don Rìgh a chionn e chuir aoidhean cho tarbhach dhaibh d'an ionnsaidh. An uair a rinn iad sin, thuirt iad ris a' Bhana-chrìosdaidh, Nach fearr dhuinn rud-eigin a

nochda dhutsa, mar is gnà leinn a dheanamh do luchd-turais, air am bi thu mèdraich air an t-slighe? Mar so thug iad i-féin, a clann, agus Tròcair, do sheòmar beag, agus nochd iad daibh aon de na h-ùbhlàn de'n d'ith Eubh, 's a thug i fòs d'a fear: ni air son an deach an cuir a mach á phàrras; agus dh'fhèdraich iad d'i ciod a bh'ann? Thuirt ise, Gur h-e bh'ann lòn fallain no nimh; cha'n aithne dhomh' cò aca a th'ann. Dh'innis iad an sin a' chùis d'i agus bha i fo ìoghnadh. Gen. iii. 6; Rom. vii. 24.

An sin thug iad i do dh' ionad eile, agus nochd iad d'i fàradh Iacoib: agus bha sa'n àm sin cuid de na h-ainglean a' dìreadh air. Gheur-bheachdaich a' Bhana-chriosdaidh agus a comunn air na h-ainglean a' dìreadh. An sin bha mhiann orra an toirt do dh' ionad eile, chum ni-eigin a nochdadh dhaibh; ach thuirt Seumas r'a mhàthair, Guidh orra iad a dh'fhuireach tamall eile 'san àite so, oir 's iongantach an sealladh so. Phill iad a rithist, agus dh'ambhairc iad air an t-sealladh thaitneach so. An deigh so thug siad iad do dh' àite far an robh acair òir an crochadh agus dh' iarr iad air a' Bhana-chriosdaidh a toirt a nuas: oir, thuirt iad rithe, gheibh thu féin leat i; oir tha i anabharrach feumail dhut i bhi agad, chum gun deanadh tu gréim air na tha 'n taobh a staigh de'n roinn-bhrat, agus gu'm buanaich thu seasmhach, ged a thig deuchainn a d' charamh: Bha iad toilichte air son sin. (Eoin i. 15. Eabh. vi. 19. Gein. xxviii. 12.) An sin thug iad leo iad chum an t-sléibhe air an do thairg Abraham Isaac a mhac ìobradh, agus nochd iad daibh an altair, an connadh, an teine, agus an sgian; oir tha iad a làthair gus an làtha 'n diugh. An uair a chunnaic iad na nithe sin, thog iad an làmhan, agus choisrig siad iad féin, agus thuirt iad. O! nach b'anabharrach an duine Abraham féin, air son a ghràidh a bh'aige d'a Chruthadair, agus air son fhéin-àicheadh! An deigh dhaibh na nithe sin fheuchainn daibh, thug Crionnachd a steach iad do

sheòmar-àluinn far an robh dà inneal-chiùil, agus shéinn i orra mu na chunnaic iad, air a mhodh so:—

“ Sheall sinn ubhal Eubha dhuibh  
 Roimh'n bi sibh 'm faichill buan :  
 Mar sin a's fàradh Iacoib fòs,  
 'S na slòigh da dhìreadh suas,  
 Acair do'n anam fhuair sibh ann ;  
 Ach na bu leòr leibh so,  
 Mar toir sibh mar thug Abram ann,  
 An lobairt as fearr toirt.”

Mu'n àm so bhual aon aig an dorus, agus an uair a dh'fhosgail an dorsair e, cò bh'ann ach Misneachail ? agus bha aoihbneas orr' uile chionn gun tàinig e, oir thàinig e 'n sin gu h-ùr 'nan aire, mar mharbh e Gruamach am famhair, 's a shaor se iad o na leòghanaibh.

An sin thuirt Misneachail ris a' Bhana-chrìosdaidh, agus ri Tròcair, Chuir mo Thriath a dh'ionnsaidh gach té agaibh searrag fhìona, beagan de shìol cruaidh, agus càraid ghràn-ubhall : Chuir e mar an ceudna chum na cloinne cuibhrionn fhìgis agus fhion-dhearc, chum 'ur cumail suas gu beothail air 'ur turas.

An sin dh' imich iad air an turas ; agus chaidh Crìonnachd agus Cràbhadh leo. An uair a thàinig iad far an robh 'n dorsair, dh' fheòraich a' Bhana-chrìosdaidh dheth an deach aon neach seachad o cheann ghoirid ? Fhreagair e, nach deach, ach aon fhear a thuirt ris gun d' rinneadh slad anabarrach air rathad mòr an Rìgh, an taobh a thèid sibhse : Ach thuirt e gun robh an luchd-reubainn air an glacadh, agus gun tugt' an ùine ghearr breth orra air son am mi-ghnathachadh. An sin ghlac eagal a' Bhana-chrìosdaidh agus Tròcair ; Ach thuirt Mata, a Mhàthair c'arson a bhios eagal oirbh a chionn gu'm beil Misneachail ri dol leinn, a dheanamh an iùil duinn.

An sin thuirt a' Bhana-chrìosdaidh ris an dorsair, 'S mòr a tha mi d' chomain, air son gach caoimhneas a nochd thu dhomhsa, agus do m' chloinn o'n a thàinig sinn an so, cha'n fhios domh cia mar bheir mi duais dhut



air a shon ; uime sin, guidheam ort, gabh, am beagan so ; Le so a ràdh chuir i bonn òir 'na làimh, agus thug e buidheachas d'ì air a shon, agus thuirt e, Gun robh do thrusgan a ghnà geal, agus nìor robh do cheann a dh' easbhuidh ola. Gu maireadh Tròcair beò, gun am bàs fhaighinn, agus na biodh a gnìomharra tearc. (Deut. xxxiii. 6.) Agus thuirt e ris a chloinn, Teichibh o ana-mhiannaibh na h-òige, agus bithibh an toir air naombachd maille rìusan a tha gu suidhichte, ciallach, (2 Tim. ii. 22); agus le bhì mar sin nì sibh cridhe 'ur màthar ait, agus gheibh sibh cliù o gach neach deagh-bheusach. Thug iad buidheachas da air son a deagh chomhairle, agus dh'fhalbh iad.

A nise chuunaic mi am aisling, gun deach iad air an aghaidh gus an d' ràinig iad gu beul a' bruthaich far an d'èigh Cràbhadh, gun d' rinn i di-chuimhn, air nì-eigin a bha rùn orra thoirt do Bhana-chriosdaidh, agus d'a comunn : Théid m'ì air m' ais ga iarraidh, agus ruith i ann, a's thug i leatha e. An uair a bha iad 'nan stad ga feitheamh, air leis a' Bhana-chriosdaidh gun cual i ann an doire dlù goirid uatha air an làimh dheis, ceòl leadanach ro bhinn le facail ro choltach riu so :—

“ Air fad mo chuairt 'san t-saoghal so,  
 Bha d' thròcair saor dhomh féin ;  
 'S e mo mhiann bhì gabhail tàmh  
 'Na t' àros feadh gach rè.”

Agus air dh'ì éis-leachd a rithist air leatha gu'n cual i aon eil' a' freagairt,

C'arson ? A chionn gur math ar Dia,  
 'S a thròcair, fial gach uair ;  
 Tha fhìrinn fos neo-chaohlaidheach,  
 O linn gu linn gu buan.

Dh' fhiosraich a' Bhana-chriosdaidh do Chrìonnachd cò rinn an ceòl sin ? (Dàn. ii. 11, 12.) Thuirt i gun d' rinn eoin ar dùthcha-san ; cha seinn iad na pongan sin ach ainmig, ach an àm an earraich, 'nuair a chithear na blàithean, agus a bhios teas na greine ann, faodaidh tu 'n sin an cluintinn fad an latha gu h-iomlan. 'S

minig a théid mise, (ars' ise) g'an éisdeachd: 's tric a tha iad fòs callt' againn 'n-ar teach. 'S taitneach leinn an ceòl 'nuair bhios sinn dubhach; fàgaidh iad mar an eudna na coilltean, na doireachan, agus na h-ionadan Naighneach, ro thaitneach ri bhi anna.

Thainig Cràbhadh mu'n àm so air a h-ais; agus thuir i ris a' Bhana-chriosdaidh, feuch thug mi an so at' ionnsaidh min-chunntas mu gach ni a chunnaic thu am feadh a bha thu maille ruinne, air am faod thu amharc, 'nuair a bhios tu 'n cunnart an di-chuimhneachadh, agus an toirt a rithist gu d' chùimhne chum do leas.

Thòisich iad a' nise ri tearnadh a' bhruthaich do Ghleann-na-h-Irisleachd. Bha 'm bruthach cäs, agus bha'n rathad sleamhainn ach bha iad air am faicill, agus ràinig iad gun tuisleadh. An uair a bha iad sa' ghleann, thuir Cràbhadh ris a' Bhana-chriosdaidh, 'S ann an so a thachair t'fhear air an droch spiorad Apolion, 's ann so a chuir iad an cath gailbheach. Tha fios agam gu'n cuala tu uime: Ach biodh dheagh misneach agad; cha'n eagal dut am fad 'sa bhios Misneachail 'na fhear-iùil, agad. 'S an uair a dh' earb iad an luchd-turais r' am fhear iùil, dh' imich e air thois-each orra, agus lean iadsan e.

*Misneachdail.* Cha ruig sinn a leas eagal a bhi oirnn sa' ghleann so; oir cha'n éirich beud dhuinn, mar tarrainn sinn féin oirnn e. Thachair gun amharas Apolion air Criosdaidh san àite so, ris an do chuir e cruaidh chath; ach b'e'n còmhrag sin toradh nan tuislidhean a fhuair e an àm tearnadh a' bhruthaich; oir faodaidh iadsan a thuislicheas an sin sùil a bhi aca ri cruaidh chòmhrag an so. Agus 's ann air a shon so a fhuair an gleann ainm a bhi cho deacair. Oir saoilidh an sluagh, ma chluinneas iad gun éirich a bheag do neach ann an àite, gum bi droch spioraid a' taghall an ionaid sin; an uair is ann air son am mi-ghnìomh féin a tha e teachd 'nan caramh.

Tha Gleann so na h-Irisleachd, 'na ghleann cho arbhach 's a tha r'a fhaotainn; agus 's meallta mise

na'n amaiseadh sinn air an àite, mar faodamaid tachairt air ni-eigin a leigeadh ris duinn c'arson a chaidh Crìosdaidh a chuir thuige cho chruaidh 'ann.

An sin thuirt Seumas r'a mhàthair, Tha carragh an sud 'na sheasamh, agus chì mi mar gu'm biodh ni-eigin sgrìobht' air; rachamaid a dh' fhaicinn ciod a th' ann. Chaidh iad a dh' fhaicinn, agus chunnaic iad a' chainnt so a leanas sgrìobht' air:—"BIODH NA TUISLIDHEAN A FHUAIR CRISDAIDH MU'N 'TAINIG E 'N SO, AGUS NA CATHAN A THACHAIR RIS 'S AN ÀITE SO 'NAN SANAS DO DHAOIN' EILE A THIG 'NA DHÉIGH." Feuch, ars' am fear-iùil, nach d'innis mi dhuibh gun robh ni-eigin mu'n àite so r'a fhaicinn a bheireadh fios duinn c'arson a thàinig deuchainn cho cruaidh air Crìosdaidh? Cha tàmailt sin do Chrìosdaidh ni 's mò na do dh' iomadh neach eile gu'n do thachair e'san ionad so. Oir 's usa am bruthach so a dh'èreadh na thear-nadh, ni nach do thachair do bhruthach sam bith eile 'sna crìochan so. Ach fàgaidh sinn a nis' an duine math a mhealtainn a shuaimhneis, oir thug e buaidh ghaisgeil air a nàmhaid: Gu'n deònaicheadh Dia nach éirich ni's measa dhuinne, 'nuair a thig deuchainn oirnn.

Ach thig sinn a rithist do Ghleann-na-h-Irisleachd so. Is e mìr fearainn is fearr agus is feumaile anns na crìochaibh so uile. Tha e 'na thalamh reamhar, agus, mar chì sibh, tha e mar is pailte 'na chòmhnard: agus 'nan tigeadh duine ann an àm an t-sàmhraidh, mar a tha sinne, cha b'urrainn e gun taitinn ris. Faicibh cho gòrm 's a tha 'n gleann so, agus cho maiseach 'sa tha e le ligidhean. (Dàn. ii. 1.) B'aithne dhomhsa iomadh fear obair a fhuair deagh oighreachd an Gleann-na-h-Irisleachd so; oir tha Dia a' cur an aghaidh an uaibh-rich, ach a' toirt an tuille gràis do'n iriosal; (Seum. iv. 6; 1 Pead. v. 6,) oir tha gu deimhin an talamh ro thorach. Bha cuid a' guidhe, gu'm b'e so an t-ath-rathad gu taigh an Athar, chum nach cuirte dragh tuilleadh orra le beanntaibh no le sléibhtibh chum an imeachd; ach 's éigin an t-slighe ghabhail far am bi i.

Ach mar bha iad a dol air an aghaidh, chuanaic iad òganach beag ag inealtradh caoirich athar. Bha a thrusgan ro thruagh, ach bha a ghnùis gu ruiteach àluinn; agus air dha bhi 'na shuidhe leis féin, bha e gabhail òrain. Eisdibh, (arsa Misneachail,) ris na tha buachaille nan caorach ag ràdh; mar so dh' éisd iad, agus sheinn e:—

“ Esan tha shios cha'n ion da fiamh,  
 Gun tuite chum an làir  
 Esan tha iriosal ni Dia  
 A dhion 'sna h-uile càs.

Le m' chuibhrionn tha mi toilichte,  
 Ma's beag no mòr a th'ann;  
 A 's deònaich dhomh do ghnà a bhi  
 A chaoidh mar sin gach àm.

Ni's leòir gu freasdal air am feum-s'  
 A théid air eilthreachd,  
 Ni gann a bhos, ach pailteas shuas  
 'S dualach dhaibh am feasd.”

An sin thuirte am fear-iùil, Am beil sibh ga chluinntinn? Cuiridh mi geall gu'm beil am buachaille so a' caitheamh a bheatha ni's sunntaiche, agus a' sealbhachadh tuilleadh de'n luibh sin ris an abrar a bhi toilichte, na tha e-san a tha sgeudaichte ann an trusgan rìmh-each; ach mar bha sinn ag ràdh:

Annas a' ghleann so bha taigh-sàmhraidh aig ar Triath roimhe so; agus bu chaomh leis a bhi ann: bu toigh leis a bhi spaidsearachd air na h-àileanan ud: os barr, bithidh duin' ann san àite so saor o fhuaim agus o ùinich na beatha so: tha gach staid làn othail agus mi-riaghailt; 's e mhàin Gleann-na-h-Irisleachd a tha falamh agus aonaranach. Cha chuirear bacadh air beachd-smuaineachadh duine 'san àite so, mar is tric a thachras an àitean eile. Is gleann so anns nach miann le aon neach imeachd ach iadsan a tha déigheil air beatha eilthirich. Agus ged a bha do mhi-shealbh air Criosdaidh gun do choinnich Apolion e, 's gun deach e chaonnag ris, gidheadh 's tric a thachair ainglean ri daoine san àite so, a fhuair iad nithe luachmhor, agus sannan so a fhuair iad briathran na beatha, Hos. xii. 4, 6

Thuir mi gu'n robh taigh-sàmhraidh roimhe so aig ar Triath 'san àite so, agus gum b'ionmhuinn leis a bhi sràidimeachd ann. Their mi a bharrachd air a sin, gun d' fhàg e san àite so, agus acasan a tha 'g àiteachadh an ionaid so, na h-urrad sa' bhliadhna, chum bhi dìongmhalt air àmaibh àraidh, chum am beathachadh air an t-slighe, 's a thoirt an tuilleadh misnich dhaibh gu falbh air an turas.

An uair a bha iad mar so ag imeachd, thuir Somhairle ri Misneachail, tha mi tuigsinn gur h-ann sa Ghleann so, bha'n cath eadar m' athar agus Apolion : ach c'ait' an robh e, oir tha mi faicinn gu'm beil an gleann farsainn ?

*Misneachail.* Bha'n cath eadar t'athair agus Apolion aig ionad àraidh a tha romhainn, aig bealach cumhang, an taobh thall de dh' Fhaiche-na-di-chùimhne. Agus gu deimhin 's e'n t-àite sin ionad is cunnartaich a tha 'sna crìochan sin uile ; oir ma thig aig àm sam bith sgiorradh an caramh luchd-turais, 's ann an uair a dhi-chùimhnicheas iad na sochairean a fhuair iad, agus cho neo-aithrigh 's a tha iad air am factainn, a thachras sin. 'S ann an so cuideachd a fhuair iomadh neach cruaidh dheuchainn. Ach innsidh mi'n tuilleadh uime 'nuair a thig sinn da ionnsaidh ; oir 'si mo bharail gu'm beil gus an latha 'n duigh ni-eigin a làthair a nochdas far an robh an cath, no cùmhneachan eigin air a' chursuas mar dhearbhadh gur ann an sin a chuireadh an cath.

An sin thuir Tròcair, Air leam gu'm beil mi cho ceart sa' ghleann so 's a bha mi'n aon àite fad ar turais. Tha'n t-aite co-fhreagradh do m' inntinn ; is taitneach leam a bhi far nach eil tailmrich charbad no srannraich each. Faodaidh aon, san àite so, smuaineachadh ciod e e féin, cho ás a thàinig e ? ciod a rinn e ? agus ciod gus an do ghairm an Rìgh e ? Faodaidh aon smuaineachadh san àite so, a chridhe a leaghadh, inntinn a mhaothachadh, gus am fàs a shùilean mar loch-éisg Hesboin. (Dàn. vii 4.) Tha iadsan a théid gu ceart tre Ghleann

Bhaca so, a' deanamh tobar dheth; tha fòs an t-uisg' a tha Dia a' cur a nuas orra a' lionadh nan tobar. Is ann as a' ghleann so a bheir an Rìgh dhaibh fionliosan; agus seinnidh iadsan a théid troimhe mar rinn Crìosdaidh, ged a thachair Apolion air. (Salm. lxxiv. 5, 6, 7; Hos. ii. 15.)

*Misneachail.* Tha sin fìor. Chaidh mis' iomadh uair troi'n ghleann so, agus cha robh mi riamh ni b'fhearr na bha mi ann.

Bha mi mar ann ceudna am fhear-iùil aig iomadh fear-turais, agus dh'aidich iadsan an ni ceudna. Amhaircidh mi air an duine so, deir an Rìgh, eadhon air-san a tha bochd, agus leòinte 'na spiorad, 's a tha air chrith roi'm fhacal.

Bha iad a nis' air teachd chum an àite sa'n do chuir eadh an cath roi'-ainmichte. An sin thuirt am fear-iùil ris a' Bhana-chriosdaidh, ris a' chloinn, agus ri Tròcair, 'S e so an larach-chatha bh' aig Crìosdaidh 'nuair a thàinig Apolion 'na aghaidh; agus mar chomharradh air a sin faicibh an so cuibhrionn de dh' fhuil Chriosdaidh air na clachan-s' gus an latha 'n diugh; faicibh mar an ceudna mar chì sibh air an sgapadh an so 's an sud spealgan de shaighdean brist Apolion.

Faicibh cuideachd mar a dhinn iad an talamh le'n casan, 'nuair a bha iad an cruaidh spàirn ri chéile; cionnas fòs a sgoilt iad na clachan féin le'm frith-bhuillean. Dhearbh Crìosdaidh e féin 'san àite so mar dhuine, agus nochd e gun robh e na fhìor ghaisgeach. An uair a chuireadh an ruaig air Apolion, theich e chum an ath-ghlinne, d'an goirear Gleann-sgàil-a'-Bhàis, chum an tig sinne 'n ùine ghearr.

Feuch, chì sibh thall ud, clach-chùimhneachain air a chaonnaig ud, agus air buaidh-làraich Crìosdaidh, air am beil sgrìobhta mu thimchioll na rinn e, mar chliù dha feadh gach linn. Chaidh iad ga faicinn, agus leugh iad an sgrìobhadh, agus b'e sò e:—

## CUIMHNEACHAN AIR BUAIDH CHRISDAIDH.

Faisg air so chaidh cath a chur,  
 Ro iongantach, ach fìor;  
 Eadar Crìosdaidh 's an droch spiorad,  
 Le spionnadh nach robh cli,

Chog e'n sin cho gaisgeil, treun.  
 'S gu'n theich an uilebheist mhòr;  
 'S tha mis' an so mar chùimhneachan  
 A dhearbhadh dhuibh nach sgleò.

An uair a chaidh iad seach an t-àite so, thàinig iad gu chrìchan Sgàil-a'-bhàis; agus bha 'n gleann so ni b' fhaide na'n gleann eile: bha e mar an ceudna air a thaghaich le iomadh droch ni, mar tha fios aig iomadh neach: Ach thearainn na mnàthan agus a' chlann ud ni b' fhèrr 'san dol troi, chionn gun robh Misneachail a' deanamh an iùil daibh.

An uair a dh' inndrinn iad sa' ghleann so air leo gun cual iad osnaich ro mhòr mar o dhaoine marbha. Air leo gu'n cual iad cuideachd caoidh ro ghoirt, mar o dhaoine ann an dòrainn ro chràiteach. Chuir iad sin geilt mhòr air a chloinn; agus dh' fhàs na boireannaich lag air bhall-chrith; ach thuirt am fear-iùil riu gun eagal a bhì orra.

Mar sin chaidh iad uidhe bheag air an aghaidh, agus air leo gu'n d' fhairich iad an talamh air chrith fopa, mar gu'm biodh e fàs fodha: chual iad f'òs feadail, mar gun deanadh nathraichean e, ach cha'n fhac iad fhathast a bheag. An sin thuirt a' chlann, am beil sinn goirid o bhì mach as an àit' uabhasach so? Ach thuirt am fear-iùil riu misneach mhath a bhì aca, 's an ro aire thoirt d'an casan, air eagal gu'm bì sibh air 'ur ribeadh ann an lìon.

Dh'fhàs Seumas gu tinn, ach 's mòr mo bharail gur e 'n t-eagal a dh'fhàg mar sin e; ach thug a mhàthair dha càileigin de'n stuth a thug i á taigh an Fhir-theagaisg, agus beagan de'n ìoc-shlaint a thug an Leighich dh'i, agus dh'fhas e ni b'fhèrr. Chaidh iad mar so air an adhart, gus an d'ràinig iad gu meadhon a' ghlinne; agus thuirt a' Bhana-chriosdaidh, Air leam gu'm beil mifaicinn

ni-eigin air an t-slighe romhainn, ni nach fhaca mi a choltas roimhe. An sin thuirt Ioseph, A mhàthair chridhe ciod a th'ann? Tha ni grànda, duaichnidh, ars' ise. Ach cò ris a tha e coltach? ars' esan. Cha'n orra mi innseadh ciod is coltas da, tha e cho neònach; agus tha e nise ro dhlù dhuinn.

Thuirt Misneachail, fanadh iadsa is mò air am beil a dh' eagal dlù dhomhsa. Agus thàinig an uilebheist air aghaidh, agus chaidh am fear-iùil na chòdhail; ach an uair a thàinig e far an robh e, chaidh e às am fradharc mar fhaileas: An sin chùimhnich iad mu na chaidh a ràdh; "Cuiribh an aghaidh an diabhoil, agus teichidh e uaibh." Seumas iv. 7.

Chaidh iad an sin tamall beag eil' air an aghaidh le sàr mhisnich; ach cha b' fhada chaidh iad gus am faca Tròcair, le sùil a thug i'na déigh, mar gu'm biodh leòghan air an tòir; agus bha e 'san langanaich a' teannadh ga'n còir; agus cha robh raòichd a dheanadh e nach freagradh mac-talla nan creag dha, agus bha iadsan uile ga'n crùbadh leis an eagal, ach am fear-iùil. Thàinig e n sin sa' bheucaich far an robh iad, agus chaidh Misneachail air deireadh na cuideachd, agus chuir e càch air thoiseach air: Thachair an leòghan agus Misneachail aghaidh ri h-uchd, agus bha Misneachail a' dol a thoirt ionnsaidh air, (1 Pead. v. 8, 9.) Ach an uair a thuig an leòghan nach robh coltas géilladh air an fhear-iùil, shiapa air falbh, agus cha tàinig e ni b'fhaide.

An sin dh'imich iad a rithist air an aghaidh, agus dh'imich Misneachail air an toiseach, gus an d'ràinig iad ionad anns an robh sloc domhainn air a chladhach ropa air an t-slighe; agus mu'n d'fhuair iad dol thairis, thuit dalla-cheò agus dorchadas mu'n cuairt daibh, air chor 's nach bu léir dhaibh. An sin thuirt an luchd-turais, Mo thruaighe! ciod a ni sinn a nise. Ach fhreagair am fear-iùil iad, Gu'n eagal a bhi orra, ach iad a sheasamh mar bha iad, 's gu'm faiceadh iad mar thigeadh crìoch air a' so mar an ceudna: Dh'fhuirich iad an sin a chionn gun deach an t-slighe a mhilleann.



Bha iad an sin am barail gu'n cual iad ni bu chothromaiche fuaim agus gleadhraich an nàmhaid: bha lasair agus deatach an t-sluic ni b'usa fhaicinn. An sin thuir a' Bhanachriosdaidh ri Tròcair, Tha mi nise a' tuigsinn ciod a dh'fhuilig mo chaomh fhear pòsda sa'n àite so: 's mòr a chuala mi uime, ach cha'n fhaca mi raimh roimhe e: Mo thruaighe, bu bhochd a chor-san, oir bha e 'na aonar, agus 's ann ri òidhche dhall dhorch a thàinig e troimhe; bha mar an ceudna a' ghràisg ud ag ùinich mu'n cuairt da, mar gu'm b'àill leo a rèubadh às a chéile. 'S iomadh neach a labhair uime, ach cha'n fhios daibh ciod e Ghlean-sgàil-a'-Bhàis gus an tig iad ann. Tha'n cridhe fiosrach air a chràdh féin, agus cha bhi co-roinn aig coigreach 'na aoibhneas. (Gnà. xiv. 10.) 'S eagalach an ni a bhi sa'n àite so.

Thuir Misneachail, Tha so coltach ri bhi 'g obair an uisge domhain, no dol sìos do'n doimhneachd; tha so mar gu'm bitheamaid am meadhon na fairge, agus a' dol sìos gu iochdar nam beann: Tha sinn a nise mar gu'm biodh an domhan le dorsan dùinte air ìathadh umainn am feasd. Ach cuireadh iadsan a shiùbhlas aun an dorchadas, agus aig nach eil solus, an dòchas ann an ainm an Tighearna, agus an earbsa 'nan Dia, (Isa. l. 10.) Air mo shon féin deth, mar dh'innis mi dhuibh cheana, 's tric a chaidh mi troi'n ghleann so, agus a bha 'm barrachd éigin orm, na th' orm an dràsta; agus gidheadh tha mi fhathast beò. Cha b'àill leam uail a dheanamh, oir cha mhi-fhéin a tha ga m' choimhid. Ach tha dòchas agam gun saorar gu math sinn. Thigibh agus deanamaid ùrnaigh ris-san is urrainn ar dorchadas a shoillseachadh, agus a tha comasach, cha 'n e a mhàin smachd a thoirt air na nìthe sin, ach mar an ceudna air gach deamhan a th' ann an ifrinn.

Mar sin ghlaodh agus rinn iad ùrnaigh ri Dia, agus chuir e solus agus saorsa d'an ionnsaidh; oir cha robh ri a nis' a' bacadh dhaibh imeachd: cha robh; sa' cheart àite san robh roimhe so dige dhomhainn. Ach

cha robh iad fhathast air dol tro 'n ghleann ; ach bha iad a' sìor dhol air an aghaidh, agus bha ro dhroch fhàileadh a' cur mòr dhragh orra. An sin thuir Tròcair ris a' Bhana-chriosdaidh, Cha n-eil na h-urrad thoilinntinn a bhi 'n so, 's a thann a bhi aig a' gheata, aig taigh an Fhir-theagaisg, no idir aig an taigh san robh sinn ma dheireadh.

Ach, O ! arsa fear de'n chloinn, cha n-eil e cho deacair dol tro 'n ghleann so. 's a bhiodh e dhuinne fuir-each do ghnà ann : agus tha barail agam gur e t-aon aobhar air son an éigin duinn dol tro 'n ghleann so. chum an taighe a tha air ullachadh far còmhair, gu'm bith ar dachaigh ni's taitniche leinn 'nuair a ruigeas sinn i.

'S math a thuir thu sin, a Shomhairle, (ars' am fear-iùil,) labhair thu nise mar dhuine. Ach thuir an gille, ma thig mis' am feasd as an àite so, bithidh am barrachd meas agam air solus agus air deagh rathad na bh' agam riamh roimhe. An sin thuir am fear-iùil, Bithidh sinn às an àite so an ùine ghearr.

Mar so chaidh iad air an aghaidh ; agus thuir Ioseph, Am beil sinn a' faicinn ceann thall a' ghlinne so fhathast ? Ach thuir am fear-iùil, thoir an aire do d' chasan, oir bithidh sinn air ball am measg ribeachan. Ghabh iad beachd air an rathad, agus dh'imich iad ; ach bha na ribeachan a' cur mòr dhragh orra. Chunn-aic iad san àite sin fear air a thilgeadh ann an clais air an làimh chlì, le fhèidil uile air a reubadh às a chéile. An sin thuir am fear-iùil, B'e ainm an fhir so, Neochùram, bha e 'g imeachd air an t-slighe so ach tha e 'na shìneadh san àite sin o cheann ùine mhòr : Bha fear leis d' am b' ainm Cùram 'nuair chaidh a chur gu bàs, ach thàr Cùram às. Cha'n urrainn duibh a smuaineachadh na chaidh a chur gu bàs mu'n àite so ; gidheadh tha daoine cho amaideach 's gun tig iad a mach air thuras gun fhear-iùil leo. S' mòr an t-ìogh-nadh leam mar fhuair Criosdaidh bochd às ; ach bha gràdh aig a Dhia dha ; bha e fòs gu misneachail treun,

no cha bu chomasach dha dol às. Bha iad a nis' a' teannadh ri bhi aig ceann a' ghlinne; agus dìreach far am faca Crìosdaidh an uamh 'nuair chaidh e seachad, thàinig famhair mòr a mach, do'm b'abhaist luchd-turais a mhealladh le sgeula meallta, agus rinn e guth ri Misneachail air ainm, agus thuirt eris, "Nach iomadh uair a chaidh do chronachadh air son a bhi deanamh sin?" An sin fhreagair Misneachail, "Ciod e sin?" "Ciod e sin!" ars am Famhair; "'s math a ta fios agad ciod e; ach cuiridh mise crìoch air na gnothaichean sin."

Ach thuirt Misneachail, "mu'n tòisich sinn, léig dhomh a chluinntinn an t-aobhar mu'm beil sinn a' dol a shabaid?" Bha na boireannaich agus a' chlann 'nan seasamh air bhall-chrith, gun fhios aca ciod a dheanadh iad. Thuirt am Famhair, "Tha gu'm beii thu a' slad na dùthcha, agus sin leis na gadaichean is measa." "Innis domh às an aghaidh," arsa Misneachail, "ciod a tha mi deanamh?"

An sin thuirt am famhair. "Tha thu cleachdadh breth-air-eigin a deanamh air mnathan agus air cloinn, gan toirt do thìr aineoil, agus leis a sin a' lùghdachadh ìochdarain mo mhaighistir-sa." Ach thuirt Misneachail ris, "Is mise òglach Dhé nèimhe; 'se mo dhreuchd peacaich iompachadh gu h-aithreachas; tha òrdugh agam mo dhìcheall a dheanamh, chum daoine, mnathan, agus clann, a pilleadh o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd an droch spioraid a chum Dhé; agus mar eil agad a dh'aobhar sàbaid ach sin ri ràdh rium, sìneamaid oirre cho luath 's a thoilicheas tu."

An sin thàinig am famhair, agus Misneachail an coinneamh a chéile; agus tharraim Misneachail a chlaidheamh, ach 's e cuaille mòr bata a bh' aig an fhamhair. Gun tuilleadh a ràdh thòisich iad air a chéile, agus leis a' cheud bhuille thug am famhair, chuir e Misneachail air a ghlùn; an uair a chunnaic na mnathan agus a' chlann sin, ghlaodh iad: Ach chùimhnich Misneachail air a thapadh, agus dh' éirich e, agus reub e'

famhair 's a ghàirdean: bha iad mar so a' cruaidh-chòmhrag rè ùine mhòr, gus an robh an tòth analach a bha teachd a mach a cùinneanna sròin an fhamhair mar thoit á beul coire bhiodh air ghoil.

An sin shuidh iad a thoirt fosaidh, ach thòisich Misneachail ri ùrnaigh a chur suas; bha na boireannaich agus a' chlann ag osnaich, agus a sìor éighich am fad sa mhair an t-suasaid.

'Nuair a leig iad an anail, thòisich iad a rithist le 'n uile neart, agus thug Misneachail le buille chomasach a chum an làir e: ach dh' aslaich e a leigeadh air a bhoinn a rithist. Leig e sin leis gu cothromach, agus cha mhòr a bha eadar am famhair, agus ceann Misneachail a bhriseadh le 'chuaille.

An uair a chunnaic Misneachail sin thug e garbh shicheadh a dh' ionnsaidh an fhamhair, agus lot e fo'n chùigeamh aisinn e; le sin bha 'm famhair, a fàs lag, agus cha b'urrainn da a chuaille iomairt. An sin lean Misneachail a' bhuille agus bhuinn e 'n ceann gu fearail deth. An sin thug na mnathan agus a' chlann gàir aoibhinn asda, agus thug Misneachail buidheachas do Dhia air son mar chaidh a shaoradh.

An uair a thachair so, chuir iad féin suas carragh, agus chuir iad ceann an fhamhair air; agus sgrìobh iad na facail so a leanas air chum gun leughadh luchd ghabhail an rathaid iad:—

“ Am fear d'an robh an ceanns' tha 'n so  
 Bu choimheach ri luchd-cuairt;  
 Chuir stad 'nan triall; cha chaomhnadh neach,  
 Le gnàthachadh mi-shuairc;  
 Ach 'nuair a thàinig Misneachail,  
 Fear-iùil nan daoìn' air chuairt;  
 Ghrad' sgath e 'n ceann gu fearail deth:  
 So comharradh na buaidh.”

A nise chunnaic mi gun d'ràinig iad ionad àrd a bh' air thoiseach orra, far an d'fhuair Crìosdaidh a' cheud sealladh air Dìleas a bhràthair. Rinn iad suidhe 's an àite sin, agus leig iad an anail; dh' ità agus dh' òl iad ann, agus bha iad ait, a chionn gu'n d' fhuair iad saoradh o nàmhaid cho cunnartach. An uair a bha iad

mar so 'nan suidhe, dh' fheòraich a' Bhana-chriosdaidh do 'n fhear-iùil an d'fhuair e dochann sam bith sa chaonnaig? Thuirt e nach d' fhuair, ach a mhàin beagan 'na fheòil; ni nach deanadh coire dha, ach gur h-ann a bhiodh e dha na dhearbhadh air a ghràdh da mhaighistir, agus dhuibh-se; agus bithidhe 'na mheadh-on chum mo dhuais a mheudachadh air a cheann ma dheireadh.

Ach nach robh eagal ort an uair a chunnaic tu e tighinn le chuaille?

Is e mo dhleasnas gun earbs' a chur a' m' neart féin, ach mo làn earbsa ris-san a tha uile-chomasach.

Ach ciod a' bharail a bh' agad an uair a leag e thu leis a' cheud bhuille?

Air leam, ars' esan, gun d' rinneadh mar sin air an Triath d'am beil mi géilleadh, 's gidheadh thug e buaidh air a' cheann fa-dheireadh.

Thuirt Mata gu'm faodadh iad uile bhi sa bheachd a thoilicheadh iad, ach gur e air leis féin gun robh Dia anabharrach càirdeil dhuinn, an dà chuid air son ar toirt às a' ghleann so, agus le 'r saoradh á làimh an nàmhaid ud: cha n-eil mi meas gu'm bu chòir dhuinn a bhi an-earbsach tuilleadh às ar Dia, a chionn gun tug e na h-urrad dhearbhadh dhuinn air a ghràdh.

An sin dh' éirich iad, agus dh' imich iad air an turas; agus bha tamall air thoiseach orra craobh mhòr dhar-aich, agus an uair a ràinig iad far ad robh i, chunnaic iad sean fhear-cuairt 'na shuain chadail fòidhpe: thuig iad gu'm b' eilthreach e le éideadh, le bhata, agus le chrios-leasraidh.

Dhùisg am fear-iùil e, agus thug an seann duine grad leum às, ag ràdh, Ciod a bh' air an aire? Cò iad? Agus ciod bu ghnòthach dhaibh?

Na bi cho garg, ars' am Fear-iùil; cha n-eil an so ach càirdean; gidheadh bha 'n seann duine air fhaicill, agus b' àill leis fios fhaotainn cò iad. An sin thuirt am fear-iùil ris; 's e m' ainmse Misneachail; 's mi fear-iùil an luchd-cuairt so a tha air an turas chum na dùthcha nèamh-aidh.

An sin thuirt Ionraic, oir b' e sin ainm, Gabh mo leith-segul, oir bha eagal orm gu'm buineadh sibh do 'n chuiò-eachd a shlad a chuid airgeid o Bheag-creideimh; ach tha mi nis' a' faicinn nach buin, ach gur daoin' is gnèathaile sibh.

*Misneachail.* Ach ciod a dheanadh tu, no idir a b'urrainn dut a dheanamh chum thu féin a shaoradh ás ar làimh ged a b' e sin a bhiodh annainn?

*Ionraic.* Ciod a dheanainn! dheanadh gu'm builichinn mi féin oirbh, mu'n leiginn leibh; agus na'n deanainn sin, tha fios agam nach b' urrainn duibh buadhachadh am aghaidh; oir cha'n fhaighear buaidh air Criosdaidh, mar g'cill e féin.

*Misneachail.* 'S math a labhair thu, athair Ionraic, ars am fear-iùil; oir tha mi nis' a' tuigsinn gur eun as an nead cheart thu, a chionn gun tuirt thu 'n fhìrinn.

*Ionraic.* Agus tha mis 'ag aithneachadh gu'm beil thus a' tuigsinn ciod e fìor eiltbireachd; oir 's i barail chàich gur ann oirnne is usa buaidh a' thoirt.

*Misneachail.* O'n a thachair sinn cho sealbhach r'a chéile ceadaich dhomh t'ainm agus do thìr fheòraich dhiot?

*Ionraic.* 'S e m' ainm Ionraic, agus b' fhearr leam gu'm biodh mo ghnàthachadh d' a réir; agus thàinig mi o bhaile Gun-tùr; tha e uidhe mhath an taobh thall do Bhaile-an-léir-sgrios.

*Misneachail.* Chuala mi umad o'm Mhaighistir: oir tha e fiosrach air gach ni air thalamb; ach 's minig a bha iòghnadh orm gun tigeadh aon neach ás a' bhail' agaibhse, oir 's meas e na Baile-an-léir-sgrios féin.

*Ionraic.* Seadh gun teagamh; tha sinne 'n ar laidhe ni 's mò air chùl na gréine, agus leis a sin ni's fiounaire agus ni's neo-mothachaile; ach ged a bhiodh duine ann an cuithe sneachda, n'an éireadh Grian na Fìreantachd air, thigeadh aiteamh air a' chridhe reòta; agus b'ambail sin a thachair dhomhsa.

*Misneachail.* 'S math a tha mi creidsinn sin; oir tha mi fiosrach gur h-i 'n fhìrinn a th' ann.

An sin chuir an seann duine fàilte air an luchd-cuairt le pòig sheirceil, agus dh' fhiosraich e an ainm, agus cionnas a bha iad o theann iad air an turas ?

*Bana-chriosdaidh.* Dh' innis i a h-ainm dha, agus thuirt i ris, gur cinnteach gu'n cual e iomradh air a fear Criosdaidh, agus gu'm b' iad sin a chearthar chloinne. An uair a chual e sin bha ìoghnadh agus aiteas mòr air ! bhrìst a ghàir' air, agus chuir e ceud failt' oirre 'g ràdh.

*Ionraic.* 'S mòr a chuala mi mu t' fhear, mu thuras, agus mu gach còmhrag a thachair ris air a chuairt. Chum am barrachd toil-inntinn a thoirt dhut, tha iomradh air anns gach cearnadh de 'n domhainn, rinn a chreideamh, na dh' fhuilig e, agus a threibhdhreas ainmeil e. An sin thionndaidh e ris a' chloinn, agus dh' fhèdraich e c' àinm a bh' orra, agus dh' innis iad da. An sin thuirt e, A Mhata, bi thusa mar Mhata an cìsmhaor, ni h-ann an cionta, ach an deagh-bheus. A Shomhairle, bi thusa mar bha Samuel am fàidhe, làn creideimh agus ùrnaigh. A Ioseiph, bi thusa mar bha Ioseph an taigh Photiphar, géimnidh, agus ullamh gu teicheadh roi' bhuaireadh. Agus a Sheumais, bi thusa coltach ri Seumas am Fìrean, agus coltach ri Seumas bràthair ar Tighearna, (Mat. x. 3. Sàlm. xcix. 6. Gen. xxxix. Gnìomh. i. 13.) An sin dh' innis iad da mu Thròcair, agus mar dh' fhàg i a dùthaich agus a càirdean, gu fhalbh leis a' Bhanachriosdaidh agus le cuid cloinne. An uair a chual' an seann duine sin thuirt e, 'S e Tròcair t' ainm, le tròcair cumar suas thu, agus giùlainear thu às gach gàbhadh anns am bi thu, gus an ruig thu ceann t'uidhe, far am faic thu gnùis Tobair-na-Tròcair le mòr shòlas.

Bha'm fear-iùil ro thoilichte leis na chual e fad na h-ùine so, agus dh' amhairc e le carthanachd air a chòmpanach.

Air dhaibh a bhi mar so a' co-imeachd, dh' fhiosraich am fear-iùil do 'n t-seann duine, Am b' aithne dha Eagalach, a thàinig air chuairt o 'n àit' às an tàinig e ?

*Ionraic.* 'S aithne gu math, (ars' esan) bha e 'na dhuine aig an robh smior na cùis ann : ach 'se eilthreach bu draghaile a thachair riamh rium.

*Misneachail.* Tha mi tuigsinn gu'm b' aithne dhut e ; oir dh' innis thu gu ceart uime.

*Ionraic.* Am b' aithne dhomh e ! Bha mi am làn chòmpanach aige : is tric a bha mi maille ris : Bha mi leis an uair a smuainich e an tùs ciod a thigeadh oirnn an déigh so.

*Misneachail.* Bu mhis' a b' fhear-iùil dha o thaigh mo Mhaighistir gu geat' a' bhaile nèamhaidh.

*Ionraic.* Ma ta b' fhiosrach thu gun robh e draghail.

*Misneachail.* B' fhiosrach mi ; ach rachadh agam air giùlan leis ; oir tha daoine mar sin gu minig aig muinntir mo dhreuchdsa fo 'n cùram.

*Ionraic.* Leig linn a chluinntinn mar ghnàthaich se e-féin 'nuair a bha e fo d' chùram ?

*Misneachail.* Bha e fo ghnà eagal nach ruigeadh e an t-àite bu mhiann leis. Chuireadh gach ni maoin air a shaoileadh e a chuireadh a bheag no mhòr do bhacadh air. Chuala mi gun robh e fad mìos sa' ghlaodhaich aig Sloc-na-mi-mhisnich ; agus cha ghabhadh e de mhisnich na theannadh ri dol thairis, ged a bha e faicinn mòran eile a' dol ann, agus cuid diubh a tairgs' a threòrachadh air làimh. Cha mhòr rachadh e air ais. Chuir e roimhe gum bàsaicheadh e aig a' Bhaile nèamhaidh, mar faigheadh e dol ann ; agus gidheadh chuireadh an gnothach bu lugha gu mì-mhisnich e, agus gheibheadh e tuisle ged nach cuireadh neach eile ach cuiseag ga bhacadh. Ach an deigh dha laidhe fada aig Sloc-na-mimhisnich, mar dh' innis mi, ghabh e misneach mu éiridh na gréine, agus fhuair e thairis ; agus 's gann a chreideadh e gun robh e ann. Bha mì-mhisneach aige 'na inntinn, a bha e sior ghiùlan mu'n cuairt leis ge b'e taobh a rachadh e. Thàinig e 'n sin a dh' ionnsaidh an doruis a th' aig ceann na slighe so ; agus sheas e iomadh uair aige mu'n dùirigeadh e bualadh. An uair a chaidh an dorus fhosgladh, bheireadh e ceum air ais,



agus leigeadh e daoin' eile seachad air, a' meas nach robh e-féin airidh air dol ann : oir chaidh mòran air thoiseach air a staigh a bha na dhéigh gun ruigheachd. An sin sheasadhe air chrith sa'n liùgail gun de dhànadas aige na rachadh air aghaidh. Chuireadh e dorran air cridhe neach a bhi ga fhaicinn ; ach cha rachadh e troigh air ais. Ma dheireadh bhuaile gu sèamh aig an dorus, agus chaidh fhosgladh dha ; ach chrùb e air ais mar rinn e roimhe. Theann am fear a dh' fhosgail an dorus a null da chòir, agus thuirt e ris, fhir na ball-chrith, ciod a tha dhìth ortsa ? Leis a sin leig se e-féin 'na shìneadh air an talamh. Ghabh am fear a labhair ris iongantas gun tàinig laigse air : Agus thuirt e, Sìth dhut, dh' fhosgail mise an dorus dut, thig a steach ; oir tha thu beannaichte. Le sin a chluinntinn dh' éirich e, agus chaidh e a steach agus crith air a chruib ; 's an uair a bha e staigh, bu nàr leis gu'm faicht' e. Is an dèigh dha bhi seal air aoigheachd an sin, mar tha fios agad is gnà leo bhith, dh' iarradh air imeachd air a thuras ; agus sheòl iad da an taobh a rachadh e. Thàinig e air aghaidh gus an d' ràinig e'n taigh againne ; ach ceart mar ghnàthaich se e-féin aig an dorus, 's amhail a rinn e aig dorus an Fhir-theagaisg. Dh' fhuirich e mach 'na shìneadh ri fuachd a 's ri doireann mu'n gabhadh e do mhisnich na bhuaileadh aig an dorus, agus bha na h-òidhcheachan gu fada, fuar san àm sin : ach cha rachadh e air ais. Bha fòs sgrìobhadh aige dh' ionnsaidh mo mhaighistir chum gu 'n gabhadh e gu suilbhir ris ; agus gu 'n cuireadh e duine ladorna gramail leis a dheanadh an t iùl da, a chionn gun robh e-féin cho athach, mheath-chridheach ; gidheadh bha sgàth air bualadh aig an dorus, gus nach mòr nach do mheathadh e le fuachd 's le acras : Seadh bha na hurrad de mheath-inntinn air, ged a bha e faicinn dhaoin eile a' dol a steach, 's nach gabhadh e de dhànachd na bhuaileadh. Dh' éirich dhomsa, ma dheireadh gun d' amhaire mi mach air an uinneig, agus chuunaic mi tàcnaran bochd ri meath-ghluasad mu'n dorus chaidh

mi mach, agus dh'fhèdraich mi dheth, cò e? ach thàinig deoir le sùilean an duine thruaigh, agus thuig mi ciod a bha 'na aire: chaidh mi steach agus chuir mi 'n cèill do mhuiuntir an taighe e, agus fhuair ar Tighearna fios air; agus dh' àithn e dhomhsa dol a mach, agus earalachadh gu teachd a steach: ach 's gann a b' urrainn domh a dheanamh. Ma dheireadh dh' aontaich e teachd ann; agus gu deimhin bha mo Thighearn anabharrach suairce ris. Fhuair e cuibhrionn de gach ni a b' fhearr a bha 'san taigh. An sin liubhair e an sgrìobhadh, agus sheall mo Thriath air, agus thuirt e ris, gun rachadh na bha e 'g iarraidh a dheònachadh dha. Ach air dha bhi 'n sin rè tamaill, bha e glacadh an tuilleadh misnich, 's a fàs ni bu shuilbhire; oir tha mo Thighearn anabarrach tiom chridheach riu-san air am bi eagal; uime sin ghabh e gach dòigh chum am barrachd misnich a thoirt da. An uair a fhuair e sealladh air iongantais an àite, 's a bha e deas fa chomhair a thurais, thug mo Thriath dha, mar tbug e do Chrisdaidh roimhe, searrag dhibhe, agus ni r'a ithe. An sin dh' fhalbh sinn, agus bha mis' air thoiseach; cha deanadh e ach beag cainnte, ach bha e gu tric ri trom osnaich.

An uair a thàinig sinn far an robh 'n triùir an crochadh, thuirt e gun robh eagal air gu'm b'e sin bu deireadh dhàsan fhathast: Ach bha aiteas air an uair a chunnaic e'n crann-ceusaidh agus an uaigh; mhiannaich e seasamh càr seal a dh' amharc orra sin; agus air leam gun d'rinn sin rudeigin togail air inntinn. An uair a thàinig e chum Bruthach-na-h-éigin, cha do chuir e air; cha mhò bha mòr ghiorag air roi na leòghain: cha n-ann roi 'n leithid sin a bha eagal air: ach 's e bu cheann-fath ga eagal, gun robh sgàth air nach gabhte a steach e do'n Bhaile nèamhaidh.

Fhuair mi steach do'n taigh Mhaiseach e a mu'n robh e ro dheònach: agus 'nuair a bha e ann, rinn mi suas eòlas eadar e-féin agus na h-òighean a bh' ann, ach bu nàr leis e-féin a dheanamh aithnichte' ann an

cuideachd. B'annsa leis a bhi 'na aonar, ach bha e do ghnà déigheil air cainnt mhaith a chluinntinn; agus 's minig a rachadh e air cùl na còmhla a dh' éisdeachd rithe: Bha e mar an ceudna spéiseil air nithibh àrsaidh fhaicinn, agus a bhi meòraich orra 'na inntinn leis féin. Dh' innis e dhomh gu'm bu toigh leis a bhi 'san dà thaigh 's an robh e ma dheireadh, se sin, aig a' gheata agus aig taigh an Fhir-theagaisg, ach cha leigeadh aodann leis iarraidh fuireach ni b'fhaide.

'Nuair a dh'fhalbh e o'n taigh Mhaiseach, 's a theann e ri tearnadh a' bhruthaich, do Ghleann-na-h-Irisleachd, cha-n fhaca mi duine riamh a b'fhearr a chaidh ann; oir cha robh umbail aige cho dìblidh sa bhitheadh e, nam bitheadh e ach sona air a' cheann ma dheireadh. Shaoileadh tu gun robh rud-eigin de cho-mhothachadh eadar e-féin agus an gleann sin; oir cha-n fhaca mi e cho sunntach e 'sa bha e ann fad a chuairt.

An so dheanadh e a shìneadh, agus phògadh e na blàithean agus na luibhean a bha fàs sa' ghleann so. (Tuir. iii. 27—29.) Dh' éireadh e gach latha mu bhriseadh na fàire, agus dh' imicheadh e sìos agus suas air feadh a' ghlinne. Ach an uair a bha sinn gu tighinn a' staigh do Ghleann sgàil-a' bhàis, shaoil mi gu 'n caillinn gu tìr e; cha n-e gun robh déigh sam bith aige gu pilleadh, oir b' fhuathach leis sin, ach bha e gu bhi marbh leis an eagal. O beiridh na h-ùrraisgean orm l'ars' esan; agus cha chreideadh e nach tachradh sin. Rinn e de dh' othail agus do ghleadhraich san àite, 's nan cluinneadh iad e, gum bu leòir e a thoirt orra teachd agus ionnsaidh a thoirt oirnn.

Ach ghabh mi beachd sònraicht' air a so, nach faca mi riamh an gleann sin cho sàmhach uaigneach sa bha e san àm sin roimh no 'na dheigh. Tha mi smuaineach gun do chuir ar Tighearna smachd sònraicht' air na h-eascairdean ud iad a bhi ciùin gus an rachadh an t-Eagalach seachad orra.

Thàirneadh e mòran ùine labhairt mu gach cùis; cha-n ainmich mi uime sin, ach ni no dhà oile. 'Nuair

a thàinig e chum Fèill-an-diombhanais, shaoil mi gun deanadh e caonnag ris gach fearr a bh' air an fhéill: bha eagal orm gun rachadh ar pronnadh le chéile, leis cho dian sa bha e an aghaidh am faoineachd. Dh' fhuirich e saor o chadal air fearann na drùigheachd. Ach an uair a thàinig e chum na h-aibhne, a bha gun drochaid, bha e ann an còr ro mhuladach: A nise thuirt e, gun rachadh a bhàthadh gun teagamh, agus nach faiceadh e am feasd ann an sòlas a' ghnùis sin a thàinig e cho fad a dh' fhaicinn.

Thug mi 'n aire do ni eile san àite so; cha'n fhaca mi riamh an abhainn ni bu lugha na bha i 'san àm so; mar sin chaidh e thairis gun an t-uisg' a theachd ach beag thar beul na bròige dha. An uair a bha e dìreadh chum a' gheata, 'sa bha mi gu m' chead a ghabhail deth, agus a' ghuidhe dha gu'n gabhte gu cridheil ris gu h-àrd, thuirt e, tachraidh sin, tachraidh sin. An sin dhealaich sinn, agus cha-n fhaca mis' e tuilleadh ni 's mò.

*Ionraic.* 'S coltach ma ta gu'n robh e gu math ma dheireadh.

*Misneachail.* Bha e, cha robh teagamh agam riamh uime: bha brod inntinn aige, ach bha e air a chumail fodha gu goirt, ionnas gun robh a bheatha 'na h-uallach dha féin, agus neo-thaitneach do chàch. (Sàlm lxxx. ;) Bha e thar mhòran dubhach air son a pheacaidh; bha na h-urrad eagail air roi dhochair a dheanamh do chàch, 's gur tric a dhiùlt e an ni a bha ceadaichte dha a ghabhail, air eagal oibheum a thoirt do dhaoin' eile. Rom. xix. 21; I Cor. viii. 13.

*Ionraic.* Ach ciod am fàth gu'n robh fear cho math ris air a chumail cho mòr an dorchadas.

*Misneachail.* Tha da ghnè aobhair air a shon: 's e aon diù, gur h-àill le Dia a' chùis a bhi mar sin; 's éigin do chuid pìobaireachd a dheanamh, agus cuid bròn. (Mat. xi. 16—18.) A nise 's e 'm beus bu cheòl do dh' Eagalach: bha e-féin agus a chòmpanaich a'séinn cumha. Ach air mo shon féin cha n-eil meas agam air aidmheil

nach tarmaich ann an trumadas inntinn. An uair a bhios am feur-ciùil a' dol a ghleusadh an inneil-chiùil 's e teud a' bheus air an toir e cheud sgrìob; 's ann air an teud so a chluicheas Dia an uair is deònach leis anam a chuir ann am fonn iomchaidh dha féin. Ach b'e mi-shealbh Eagalaich, cha b' aithne dha ach cumha a shéinn gus an robh e dlù air a' chrìch.

Tha mi mar so a' labhairt fo shàmhla, chum tuigse na h-òigridh a mheudachadh, agus a chionn gu'm beil a mhuinntir shaoirte air an coimeas ri luchd-ciùil, a tha seinn le'n trompaidean agus le'n clàrsaichean, agus a' gabhail òrain an làthair na rìgh-chatbrach. Tais v. 8; xiv. 2, 3.

*Ionraic.* Bu duine ro eudmhòr e, mar a dh' f haodar a thuigsinn leis n'a dh' innis thu uime; cha robh spàirn, leòghain, no Féill-an-diòmhainis idir 'nan aobhar eagail dha; 's e a mhàin am peacadh, bàs agus ifrinn a bha cuir uabhais air, a chionn nach robh dearbh-chinnt air a thoirt dà mu chòir air an duthaich nèamhaidh.

*Misneachail.* Tha thu ro cheart; 's iad sin na nithe a bha cur iomagain air; agus 's ann, mar thug thu fainear, a dh' éirich iad sin o laigs' inntinn mu'n timchioll, cha-n ann o chion tograidh mu earrainn ghnìomhaich beatha a' chriosdaidh. Cha robh sgàth air roi' chunnart sam bith a thigeadh 'na rathad. Ach cha-n eil e furasd do dhuine sam bith na nithe a bha 'nan leth-trom air-san a chuir air chùl.

*Bana-chriosdaidh.* Is math dhomhsa gu'n cuala mi eachdraidh an duine so, Eagalach: Shaoil mi nach robh aon neach mar bha mi féin: ach tha mi faicinn gu'm beil rudeigin do shàmhlachas eadar an duine math ud agus mise, ach so a mhàin; gun robh a chruaidh-chasansa cho buaireasach 's nach b' urrainn da an cleth, ach bha na bhuin riùmsa a' gabhail cleth; bha iomagainse cho mòr, 's nach dùirigeadh e bualadh aig na taighean a bha chum aoi gheachd a thoirt da; ach bha m'iomagainse a' toirt orm bualadh leis a bharrachd neart.

*Tròcair.* Tha rud-eigin do shàmhlachas aig a ghnè riumsa mar an ceudna; oir bha do ghnà tuilleadh eagail orm roi' ifrinn, agus mu m' ionad a chall ann am pàrras, na bh' orm roi' chaldach sam bith eile. Air leam nam faighinn còir air flaitheas, gun robh mi caoin-shuarrach ged a chaillinn gach ni saoghalta ris.

An sin thuirt Mata, Bha eagal a' toirt orm a bhi fo iomagain gun robh ni-eigin a dh' easbhuidh orm a bha feumail chum mo shaoradh: ach ma bha e mar sin le duine cho math ris-san, c'arson nach faod e tachairt gu math dhomh-sa mar an ceudna?

*Seumas.* Far nach eil eagal, cha-n eil gràs, ged nach eil gràs do ghnà far am beil eagal ifrinn, gidheadh 's cinnteach nach eil gràs far nach eil eagal Dé.

*Misneachail.* Is math do labhairt a Sheumais: oir 'se tùs a' ghliocais eagal Dé; agus 's coltach dhaibhsan aig nach eil an toiseach, nach bi aon chuid meadhon no deireadh aca. Ach cuiridh sinn crìoch air eachdraidh Eagalaich, agus gabhaidh sinn an so ar cead deth.

O Eagalaich, an robh ort sgàth,  
 Roimh ni an aghaidh Dhé;  
 Bha a's b'fhuathach leat gach ni  
 A bheireadh spid dhut féin.  
 Bu bheag ort ifrinn, mar do dhuais,  
 Bha t'fhuath air labhairt bhreug;  
 Is iadsan air am beag do ghnàths,  
 Cha chaomh leo fàbhar Dhé.

A nise chunnaic mi gu'n do lean iad air seanachas: oir an déigh do Mhisneachail sgur a labhairt mu Eagalach, thòisich Ionraic ri labhairt mu aon d'am b' ainm Féin-thoil. Bha e gabhail air féin a bhi air chuairt; ach tha mi smuaineachadh nach tainig e riamh a staigh air a' gheata th' aig toiseach na slighe so.

*Misneachail.* An do labhair thu riamh ris uime?

*Ionraic.* Labhair iomad uair; ach bhiodh e do ghnà coltach ris féin, Féin-thoileil. Cha robh umhail aige mu dhuine, mu cho-reusanachadh, no mu eiseamplair; dheanadh e mar bhrosnaicheadh inntinn e, agus sin a dh' aindeoin na dh' fhaodte ràdh ris.

*Misneachail.* Ciod a' bharail a bh' aige mu diadhachd? oir 'si mo bharail gur aithne dhutsa sin.

*Ionraic.* Bha e'm barail gu'm faodadh duine mi-bheus an eilthirich a chur an gnìomh cho math r'a dheagh-bheus: agus na'n deanadh e an dà chuid nach b' eagal nach biodh e tearainte.

*Misneachail.* Na'n abradh e, theagamh gu'm biodh na daoine b' fhearr, an aghaidh an toile, ciontach do dhubhailc, cho math agus co-roinn a bhi aca de shubhailc an luchd-turais, cha n-fhaodta mòr choire fhaotainn da; oir cha n-eil sinn saor o chionta sam bith gu h-iomlan, ach air chùmhnannt gun dean sinn faire agus strì. Ach tha mi tuigsinn nach e so an ni a tha e-san a' ciallachadh; ach matha mise gad làn-thuigsinn, gun robh e-san sa' bharail, gu'n robh e ceadachte sin a dheanamh.

*Ionraic.* 'S e sin a' cheart ni a th' air m'aire; agus is amhail sin a chreid agus a ghnàthaich e.

*Misneachail.* Ach ciod an stéidh a bh'aige gu sin a ràdh?

*Ionraic.* Bha e 'g ràdh gun robh an sgrìobtur aige mar bharantas.

*Misneachail.* M'as e do thoil e, ainmich dhuinn cuid diubh.

*Ionraic.* Ni mise sin. Bha e 'g ràdh gun robh bhi laidhe le mnathan dhàoin' eile air a ghnàthachadh le Daibhidh. aon ghràdhach Dhé; agus uime sin gu'm faodadh e-san a dheanamh. Thuirt e gun robh tuilleadh 's aon bhean a bhi aig duine air a ghnàthachadh le Solamh; agus gu'm faodadh e-san sin a dheanamh cuideachd. Thuirt e gu'n d' rinn Sarah, agus na mnathan-ghlùine diadhaidh a bha 's an Eiphit breug, agus Rahab cuideachd; uime sin gu'm faodadh e-san a leithid eile dheanamh. Thuirt e gun deach na deisciobuil air iarrrtas am Maighistir, agus gun tug iad air falbh asail an duin' eile; agus gu'm faodadh e-san an ni ceudna a dheanamh. Thuirt e gur ann le céilg agus mealltaireachd a fhuair Iacob an oighreachd o

athair ; agus gu'm faodadh e-san an ni ceudn' a dheanamh.

*Misneachail.* Bu ghràineil am beachd a bh'aige ! ach an robh thu cinnteach gu'm bi so a bharail ?

*Ionraic.* Chuala mi e gan tagradh, a' toirt dearbhadh umpa o'n sgrìobtur, agus a' gabhail an leith-sgeil, &c.

*Misneachail.* Is barail i nach bu chòir a bhi aig aon neach sa' bheatha so.

*Ionraic.* 'S fheudar dhut mo thuigsinn ceart : Cha dubhairt e gu'm faodadh duine sam bith na nithe sin a dheanamh ; ach gu'm faodadh iadsan aig an robh subhailcean nan daoine a rinn na nithe sin, an deanamh mar an ceudna.

*Misneachail.* Ach ciod a' bharail bu mheallta na i sin ? Oir se sin urrad 'sa ràdh, A chionn gun do pheacaich daoine matha roimhe so tre laigse, gun robh aige-san comas air a dheanamh tre an-dànadas ; no, a chionn gun tuit leanabh le oiteig ghaoithe, no gu'm faigh e tuisle le cloich, agus gun dean e a shalachadh leis an leagadh, gu'm faod e-san le làn-thoil a leagadh 'na shìneadh 'san eabar, agus e-féin a loirceadh ann. Cò a mheasadh gum biodh aon neach air a dballadh cho mòr le cumhachd ana-miann ! Ach 's éigin gu'm beil na tha sgrìobhta fìor ; “ *fhuair iad tuisleadh air an fhacal, air dhaibh bhì easumhal, chum mar an ceudna an d'òrdaicheadh iad.*” (1 Pead. ii. 8.) Tha bhi sa bharail gum faod subhailc nan deagh dhaoine, bhi acasan a tha gnàthaichte ri 'n dubhailcibh a chuir an gnìomh, mar an ceudna 'na mhearachd cho mòr ris a mhearachd eile. Tha sin dìreach mar gun abradh am madadh, faodaidh mise buaidhean an leinibh a bhi agam, a chionn gu'm beil mi 'g imlich suas a shalachair. Cha n-eil neach a dh'itheadh suas peacaidh sluaigh Dhé, (Hos. iv. 8,) na chomharradh gu'm beil an deagh-bheusaige Cha mhò is urrainn domh a chreidsinn gu'm faod neach a tha sa bharail so aon chuid creideamh no gràdh a bhi aig' am feadh sa' bhuanaischeas e sa bharail sin. Ciod a th' aige r'a ràdh air a shon féin ?



*Ionraic.* Tha e 'g ràdh gur mòr is fearr deanamh mar sin do réir baralach, no a dheanamh, agus a bhi de dh'atharrachadh barail.

*Misneachail.* Is olc am freagradh sin, oir ged a tha srian a leigeadh le'r n-ana-miannaibh, an aghaidh ar baralach, olc ; gidheadh tha sinne a chuireas peacadh an gnìomh, agus a thagradh gu'm beil comas againn sin a dheanamh, nì's measa : tha 'n darna gnìomh a' brosnachadh dhaoin eile gun fhios d'a ionnsaidh ; ach tha'n gnìomh eile gan treòrachadh chum an cuir ann an ribe.

*Ionraic.* Tha iomadh fear ann am barail an duine so, nach eil ga aideachadh ; agus 's e sin is aobhar gu'm beil cho beag meas air eilthireachd 's a tha.

*Misneachail.* Is fìor sin, agus is aobhar bròin e ; ach thig e-san air am bi eagal Dé asd' uile.

*Bana-chriosdaidh.* Tha iomadh barail iongantach feadh an t-saoghail. B' aithne dhomhsa fear a thuirt, Gum bu leòir aithreachas a gabhail 'nuair a bhitheam-aid gus am bàs faighinn.

*Misneachail.* Cha n-eil an leithid sin tuilleadh is glic ; Bhiodh an duine sin, nam biodh aige seachduin a dheanamh fichead mìle, ullamh gu dàil a chur ann gus an uair mu dheireadh do 'n t-seachduin.

*Ionraic.* Is fìor sin ; 's gidheadh tha'n àireamh is pailte de luchd-turais, a' deanamh mar so. Tha mise, mar a chì sibh, am sheann duine, agus bha mi 'gabhail an rathaid so o cheann ioma' bliadhna ; agus is iomadh nì a chunnaic mi.

Chunnaic mi cuid a' tòiseachadh le deothas mòr a chaidh eug an uine ghearr, mar chaidh clann-Israel san fhàsach, gun tìr a gheallaidh fhaicinn. Chunnaic mi daoine air nach robh meas sam bith 'nan ceud dhol a mach, a dhearbh a rithist iad-féin 'nan creidich threibh-dhèreach.

Chunnaic mi cuid a ruith air an aghaidh le dian dheothas an toiseach, a ruith an ùine bheag ceart cho dian air an ais a rithist.

Chunnaic mi eud a' labhair gu ro mhath mu chaithe-beatha fir-chuairt (a' chriosdaidh) an toiseach, a labhair a cheart urrad na aghaidh an ùine ghearr.

Chuala mi cuid, an uair a theann iad air tùs r'an turas chum phàrrais, ag ràdh gun robh a leithid sin de dh' ionad ann gu'n teagamh; 's an uair a bha iad dù air a phill a rithist air an ais, 's a thuirt nach robh e idir ann.

Chuala mi cuid am maoitheadh an treubhantas a dbeanadh iad 'nan cuirte 'nan aghaidh, a chuir cùl r'an creideamh agus ri slighe fir-chuairt, le bagradh neo-stéidheil.

An uair a bha iad mar so a' triall air an aghaidh thainig fear 'na ruith nan cò-dhail, agus thuirt e riu, nam bu mhath leo am beatha a chaomhnadh iad a dheanamh dhaibh féin, gu h-àraidh iadsan bu laige, a chionn gun robh an luchd-reubainn gu ionnsaidh a thoirt orra.

An sin thuirt Misneachail, 's iad an triùir dhaoine bhui cho an-ìochdmhor ri Beag-creidimh romhe so a th' ann. Tha sinne deas gu cò-dhail a thoirt daibh, ars' esan; agus mar sin chaidh iad air an aghaidh; Ach bha dùil aca air gach bearradh gun tachradh iad orra; ach cha do thachair; cò dhiù is ann a chual iad gun robh Misneachail leo, no thachair luchd-turais eile orra, cha b'fhios daibh.

An sin bha ro dhéidh aig a' Bhana-chriosdaidh air teachd chum taigh-òsd, oir bha i-féin agus a clann sgèth. An sin thuirt Ionraic, Tha taigh beagan romhainn, far am beil fear d'an ainm Gaius, deisciobuil ro ionmhuinn, a chòmhnaidh, (Rom xvi. 23.) Agus dh' aontaich iad uile dol d'a ionnsaidh, gu h-àraidh air son gun tug Ionraic cliù cho math air. 'S an uair a ràinig iad an dorus, chaidh iad a steach, gun bhualadh; a chionn nach gnàth le daoine bualadh aig dorus taigh-òsda.

Rinn iad guth air son fhir-an-taighe, 's 'nuair a thàinig e d' an ionnsaidh, dh' fheadraich iad am faigheadh iad fàrdach aige car na h-òidhche sin?

*Gaius.* Gheibh, m'as daoine fìrinneach sibh, oir cha'n e beatha aon neach agams ach eilthirich. Chuir so aiteas air a' Bhana-chriosdaidh, air Tròcair, agus air a chloinn, a chionn gun robh 'n t-òsdair toigheach mu luchd-cuairt.

Dh' iarr iad sin gun leigte seòmaraichean fhaicinn daibh, agus chaidh sin a dheanamh, aon do'n Bhana-chriosdaidh, da cloinn, agus do Thròcair, agus aon eile do Mhisneachail agus do dh' Ionraic.

*Misneachail.* A dheagh Ghaius, Ciod an t-suipeir a bheir thu dhuinn? oir tha 'n luchd-turais so gu fann sgìth.

*Gaius.* Tha e nis' anmoch, 's cha'n fhaigh sinn dol a mach a dh' iarraidh lòn; ach 's e 'ur beatha chum na th' againn, ma thaitneas e ruibh.

*Misneachail.* Bithidh sinne toilichte leis na th' agad a steach; oir tha mis' eòlach ort, 's cha'n f haca mi riamh thu gun ghoireas iomchaidh agad.

An sin theirinn e, agus thuirt e ris a' chòcaire, suipeir a dheasachadh fa chomhair na h-uirid so de luchd-turais. Thàinig e rithist d'an ionnsaidh, ag ràdh. 'Se ur beatha agams' a dheagh chàirdean agus 's toilichte mi gu'm beil taigh agam a thoirt aoidheachd dhuibh; 's am feadh a bhìos an t-suipeir ga deasachadh, m'as toil leibh e, deanamaid aithris mu naigheachd fheumail eigin: Tha sinne deònach, ars' iadsan.

An sin thuirt Gaius, Cò d'am bean an seana bhoir-eannach so? agus cò d'an nighean an ainmìr òg so?

*Misneachail.* 'S i a' bhean so a' bhean a bh'aig Crìosdaidh, fear-turais a bh' ann roimhe so, agus is iad sin a chearthar chloinne. 'S i'n nighean se aon d'a luchd-eòlais, air an do chuir i ìmpidh gu falbh leatha air a turas. Tha chlann uile toileach dol an deigh an athar, agus triall 'na chàs-cheuman: seadh, ma chì iad urrad agus àite san robh e, no idir lorg a choise, bheir e toil-intinn dhaibh.

An sin thuirt an t-òsdair, An i so bean Chriosdaidh? agus an iad sin a chlann? B' aithne dhomh athair agus

seanair t'fhir. Is iomadh fear math a bha d'a s'neòrsa; bha'n sinnsir air tùs a thamh ann an Antioch. Bha'n dream o'n tàinig Crìosdaidh 'nan daoine foghainteach. Dhearbhadh iad thar chàch bhì nan daoine treuna misneachail, an aobhar Triath nan eilthireach, a shligheanan agus iadsan aig an robh gràdh dhaibh. Chuala mi iomradh mu chàirdean t'fhir, a fhuair an deuchainn air so na fìrinn. Chaidh Stephen, a' cheud fhear dhiù a dh'fhuilig, a chlachadh gu bàs, (Gnìomh. vii. 59—60.) Chaidh Seumas, aon eile de'n àl so, a chuir gu bàs le faobhar a' chlachaidheimh. Gun a bheag a ràdh mu Phòl, no mu Pheadar, chaidh Ignatius a thilgeadh chum nan leòghan; chaidh Romanus a reubadh às a chéile; agus chaidh Policarp a losgadh le teine. Bha fear dhiù a chaidh a crochadh ann an cliabh, ri aghaidh na gréine, chum gun itheadh na connsbeachan e; chaidh fear eile dhiù a chuir ann am pòca, agus a thilgeadh 'san fhairge chum a bhàthadh. B' eu-comasach na dh'fhuilig do'n teaghlach sin as leth na còrach àireamh. Tha gàird-eachas orm fhaicinn gun dh'fhàg t'fhear ceartar mhac mar sin 'na dhéigh. Tha dòchas agam gun lean iad a ghnè, agus gun dean iad d'a réir.

*Misneachail.* Tha chlann fìor thaitneach; tha iad le deothas a' leantainn nòs an athar.

*Gaius.* Air leam gu'm beil: uime sin tha a choltas air teaghlach a' Chrìosdaidh sgaoileadh air feadh an domhain, agus fàs liomhor air aighaidh na talmhuinn. Uime sin sealladh a' Bhana-chrìosdaidh a mach air son òighean freagarrach, a bhios nam mnàthaibh aig a cuid mac, chum nach di-chùimhnichear ainm an athar, agus taigh an sìunsir.

*Ionraic.* Bu mhòr am beud gun rachadh a theaghlach às.

*Gaius.* Cha-n fhaod i dol às, ach faodar a cur an lughad; ach gabhadh a' Bhana-chrìosdaidh mo chomhairle se, agus 'se sin an t-aon dòigh air a cumail suas.

Agus a' Bhana-chrìosdaidh, ars' an t-osdair, tha mi toilichte gu'm beil thu féin agus Tròcair cho caid-

reach na chèile. Agus na'n gabhta mo chomhairl bheireadh tu Tròcair gu bhì nì's dàimheile dhut: Ma bhios i deònach air, bu chòir a toirt do Mhata mar mhnaoi: 'se sin an dòigh air sliochd a choimhid air thalamh. Uime sin shocraicheadh air a' chùis, agus an ceann ùine bheag phòs iad: Ach cluinnear tuilleadh uime an déigh so.

Thuirte Gaius, labhraidh mi tuilleadh an leith-sgeul nam ban chum am mi-chliù a thoirt air falbh. Oirleis mar thàinig mallachadh agus bàs a steach do'n t-saoghal le boireannach, (Gein. iii.) 's amhail a thàinig beatha agus slàinte. Chuir Dia aon Mhac uaithe a rinneadh o mhnaoi, (Gal. iv. 4.) 'Sa leigeadh ris cho mòr 's bha fuath aig boireannaich eile do ghnìomh ar ceud sinnsir, bha iad an ro-gheall air cloinn a bhì aca, chum gum faodadh an té ud no an té ud eile a bhì 'na màthair do Shlànaighear an t-saoghail. A bharr, their mi an uair a thàinig an Slànaighear, gun d'rinn mnathan gàirdeachas ris, mu'n d'rinn daoine no ainglean e, (Luc. i. 42—46.) Cha do leugh mi gun do 'bhuilich daoine' a bheag air Crìosd, ach lean mnathan e, agus rinn iad frithealadh dha le 'm maoin. (Luc. vii. 2, 3.) Bu bhoireannach a dh' ionnlaid e chasan le deuraibh, agus bu bhoireannaich a dh' ùng a chorp chum adhlacaidh. (Eoin. xi. 2; xii. 3; xii. 3.) Bu bhoirionnaich a bha caoineadh an uair a bha e dol chum a' chrìonn-cheusaidh, (Mat. viii. 55, 56. Luc. xiii. 55,) 's a shuidh aig uaigh an uair a dh' adhlacaidh e. (Mat. xvii. 61.) Bu bhoireannaich a bha maille sir an tùs air madainn na h-aiseirigh: (Luc. xxiv. 1,) agus a thug fios d'a dhéisciobuil gu'n d' èirich e o na mairbh. (Luc. xxiv. 22, 23.) Tha uime sin meas mòr air na mnàthaibh, agus tha e soilleir o na nithibh sin, gu'm beil iad nan luchd co-pairt maille ruinne ann an gràs na beatha.

A nise thàinig an còcair a dh' innseadh gu'n robh an t-suipeir deas, 's an sin fhuair neach òrdugh am bòrd a chòmhdachadh.

An sin thuirt Mata, tha 'n sealladh so mu'n t-suipeir a' meudachadh mo chìocras.

*Gaius.* Gu ma h-ann mar sin a ni gach teagasg a fhrithealar dhut, do chìocras a mbeudachadh chum suidhe sios gu suipeir an Rìgh mhòir 'na rìoghachd : oir cha n-eil gach searmonachadh, gach leabhar, agus òrdugh ann an so, ach mar an t-ullachadh a tha 'n so, an coimeas ris a' chùirm a dh' ullaicheas ar Triath dhuinne an uair a thig sinn chum a thaighe.

Mar sin thàinig an t-supeir, agus chaidh an t-uchd-luaisgte agus an slinnein togta a chuir air tùs air a' bhòrd air am beultaobh, a nochdadh gu'm b' eigin daibh toiseachadh air le ùrnaigh agus moladh do Dhia. 'S ann leis an t-slinnein thogta a thog Daibbidh suas a chridhe ri Dia ; agus 's ann air an uchd-luaisgte, far an robh a chridhe 'na laidhe, a b' àbhaist da a thaic a leagadh air a chlàrsaich, an uair a bhiodh e a' cluich. Bha 'n, da sheòrsa sin ro mhath, agus dh' ith iad uile gu cridheil diù. Lebh. vii. 32-34 : x. 14, 15 ; Salm xxv. 1 ; Eabh. xiii. 15.

B'e 'n t-ath ni a thugadh a làthair, searrag fhìona ; cho craobhach dearg ri fuil. (Deut. xxxii. 14 ; Breth. ix. 13 ; Eoin xv. 5.) Thuirt fear an taighe riu iad a dh' òl gu saor dheth : gu'm b'e sin fìor thoradh an fhìonain, a dh' fhàgadh cridhe Dhé agus dhaoine subhach. Uime sin dh' òl iad agus bha iad cridheil.

B'e 'n ath chuireadh a fhuair iad bainne air a dheagh dheasgnadh ; ach thuirt Gaius, thugar sin do'n chloinn chum gum fàs iad leis 1 Pead. ii. 1, 2.

An sin fhuair iad ìm agus mil. Thuirt Gaius riu, iad a dh' itheadh gu pailt deth sin ; oir tha e math a neartachdadh 'ur céill agus 'ur tuigse. B'e so bu lòn d'ar Tighearn' an uair a bha e 'na leanabh ; ìm agus mil ithidh e chum gur aithne dha an t-olc a dhiùltadh, agus roghainn a dheanamb do'n mhath. Isa. vii. 15.

An sin thug iad d'an ionnsaidh mias ubhal, a bha fallain agus blasda. An sin thuirt Mata, Am faod sinn

ùbhlán ithe, a chionn gur ann leo a bhuaire an nathair ar ceud mhàthair? An sin thuirt Gaius.

Le ùbhlán mhealladh sinn an tùs,  
 Ach 's peacadh, is cha mheas  
 A thruaill ar n-anma, a's a leon;  
 A chionn gun d'aom sinn leis.  
 Ged' tha meas toirmisgt' cronail duinn.  
 Le òrdugh tha e math.  
 Olaibh a's ithibh 'ur teann-shàth;  
 Sibhse rinn gràdh a mheath.

An sin thuirt Mata, tha teagamh agam an ithe, a' chionn gun d' fhàg meas ithe tinn mi o cheann ghoirid.

*Gaius.* Fàgaidh meas toirmisgte tinn thu, ach cha n fhàg an nì cheadaich ar Tighearna.

Am feadh a bha iad mar so a' labhairt, thàinig mias eile d'an ionnsaidh, air an robh cnothan. (Dàn. vi. 11.) An sin thuirt cuid a bh' aig a bhòrd gu'm milleadh cnothan fiacian laga, gu h-àraidh fiacian cloinne: d' an tug Gaius mar fhreagradh:

Tha teagasg dorcha dhuinn mar chnò  
 'S a h-catain oirnn an cleth;  
 Ach bris am plaosg, is gheibh thu'm biadh  
 'S cha cheilear aon nì math.

Bha iad an sin ro shubhach, agus bhunaich iad fada 'nan suidh aig a' bhòrd, a' labhairt mu iomadh nì. An sin thuirt sean Ionraic ris an òsdair, m'as e do thoil e, am feadh e bhios sinn a' briseadh nan cnò, nochd dhuinn brìgh an toimhseachain so:

Bha fear ann, a's mheas iad e gun chiall,  
 Mar 's mò a sgaoil e, 's mò a bh'aig a bhìadh.

Bha iad uile nan tosd, fo ioghnadh cìod am freagradh a bheireadh deagh Ghaius air; ach smuainich e rè tam-aill, agus thuirt e,—

Am fear a' riarachas a chuid  
 Le h-ìochd do'n bhochd,  
 Pithidh aige mòran;  
 Do nì is fearr an toirt.

An sin thuirt Ioseph, Shaoil mi nach faigheadh tu nach e.

© ho! arsa Gaius, is fad o tha mi eòlach air an dòigh

so; 'S e fein-fhiosrachadh oid-ionnsaich's fearr sam bith; dh'fhòghlum mi o m' Thighearn, a bhi gu fialaidh, daonnachdail, agus mhothaich mi gu'n do bhuannaich mi leis. Tha neach ann a chumas tuille 's a chòir ach thig e gu bochdainn. Tha neach ann a leigeas air a bhi beartach, agus gun ni air bith aige; tha neach ann a ghabhas air a bhi bochd, agus mòr shaibhreas aige. Gnà. xi. 24; xiii. 7.

An sin rinn Somhairle cagar r'a mhàthair agus thuirt e rithe, is taigh duine mhath so, fanamaid ré tamaill ann, agus pòsadh Mata, mo bhràthair, Tròcair mu'n téid sinn ni's faide. Ach thug Gaius an aire dha, agus thuirt e, Bithidh mi ro dheònach sin a thachairt.

Uime sin ghabh iad còmhnaidh ann còrr agus mìos, agus thugadh Tròcair do Mhata mar mhnaoi.

'S am feadh a bha iad san àite sin, bha Tròcair mar bu ghnà leatha, a' deanamh dheiseachan do na feumaich, leis an do tharrainn i deagh chliù air an luchd-cuairt.

Ach a philleadh ri m' sgeul, an déigh na suipearach, dh' iarr na gillean leabaidh, a chionn gun robh iad sgèth le 'n turas. An sin thug Gaius àithne gu'n rachadh an seòmar fheuchainn daibh; ach thuirt Tròcair gu'm faic-eadh ise laidhe iad. Mar so chuir i laidhe iad, agus chiadil iad gu socrach; ach shuidh càch rè na h-òidhche; oir bha Gaius agus iad féin cho gaolach mu chuideachd a chéile, 's nach dùirigeadh iad dealachadh. Ach an deigh dhaibh a bhi fad a' cainnt mu'n Tighearna, umpa féin, agus mu'n turas, thòisich sean Ionraic ri turrchadal. An sin thuirt Misneachail, am bheil thu fas neo-shunntach; mosgail suas; so tòimhseachan dut. An sin a deir Ionraic, leigear thuinn a chluinntinn. Thuirt Misneachail,

“ An tì a marbhas ann an cath nan treun,  
Feumaidh air tùs gun tugadh buaidh air féin:  
An tì bhios beò an dùthaich choigreich chéin,  
Feumaidh air tùs gu'm basaich e 'na dhùthaich féin.”

Tha e gle dheacair ars' Ionraic; duilich ri fhuagladh, agus ni's deacaire r'a ghnàthachadh. Ach mas toil leats



e, fhir-an-taighe, leigeamsa leat fhuasgladh; agus cluinnidh mise ciod a their thu.

Cha'n ann mar sin a bhitheas, arsa Gaius, 's an orts a chaidh a chur, le dòchas gu'm freagair thu e. An sin thuir Ionraic.

Feumaidh gu'm buadhaich gràsan air  
An tì nì peac' a chlaoidh,  
'S an tì bhios beò do naomhachd Dhé  
Bhiodh marbh da féin a chaoidh.

Tha e gu ro cheart, thuir Gaius; tha deagh theagasg agus féin-fhiosrachadh a' teagasg so. Oir, gus an nochd gràs e-féin, agus gun toir e buaidh air an anam le ghlòir, cha bhì e ceannsgalach gu cuir an aghaidh a' pheacaidh; osbarr m'as e am peacadh inneal glacaidh Shàtain, leis am beil e ceangal an anma, cionnas is urrainn da cuir 'na aghaidh, gus am fuasglar e o'n laigse sin?

'S an dara h-àite, Cha mhò a chreideas aon neach aig am beil eòlas air reuson, no gràs, gur urrainn a leithid sin de dhuine a bhì na bheo-chùimhneachan air gràs, a tha na thràill d'a thruailleachd féin.

'S a nis' o thàinig e am aire, innsidh mi naigheachd dhuibh is fiù dhuibh a chluintinn. Bha dithis fhear ann a chaidh air eilthireachd; thòisich fear dhiu 'nuair bha e òg, 's am fear eile 'nuair bha e sean: bha aig an fhear òg tograidh laidir ri strì riu: bha iad a thaobh nàduir a' fàs lag aig an t-seann duine; bha'm fear òg a' caith-eadh a bheatha cho cothromach ris an t-sean fhear, agus bha e air gach dòigh cho taitneach 's a bha 'm fear eile. Cò a nis' aig am bu bheothaile gràs, o'n a bha iad a a thaobh coltais co-ionann?

*Ionraic.* 'S cinnteach gun robh aig an fhear òg; oir 's e sin a chuireas an aghaidh nam buairidhean is treise, is cumhachdaiche; gu h-àraidh o'n a chumas e suas ris-san aig nach eil iad cho leth bhuaireasach; mar thach-air do'n aosmhor.

Osbarr, thug mi gu tric fainear gu'n robh seann daoine sa mhearachd so, a' gabhail laigse nàduir an riochd buaidh àghmhor air an truailleachd; agus gu'n

robh iad gam mealladh féin. Gu deimhin 's iad seann daoine a tha ann an staid nan gràs, is fearr d'an urrainn comhairl' a thoirt air an òigridh, a chionn gun do mhothaich iad féin faoineachd an t-saoghail so : ach ged a dh'fhalbhas fear sean agus òg le chéile air an turas, tha'n cothrom is fearr aig an fhear òg air a nochdadh gu'm beil oibreachadh gràis ni 's cumhachdaich' annsan, ged a bhiodh truailleachd an t-sean fhir a thaobh nàduir ni's laige.

Mar so shuidh iad a co'-chainnt gus an tàinig a mhadainn. 'S an uair a bha'n teaghlach air éiridh, thuirt a Bhana-chriosdaidh r'a mac, Seumas, gu'm b' iomchaidh dha caibidil a leughadh ; agus leugh e Caib. liii. de dh' Isaiah : 'S an uair a sguir e, thuirt Ionraic, c'arson a dubhradh, Gun tàinig ar Slànaighear á talamh tioram, agus nach robh sgéimh no mais' ann ?

*Misneachail.* Mu'n cheud ni their mi, A chionn gu'n robh eaglais nan Iudhach, o'n tàinig Criosd, gu h-inbh bhig air call a brìgh agus sùgh a chreideimh. Tha mi 'g ràdh ris an dara ni, Gur ann a tha na facail air au labhairt le mi-chreideich, aig nach robh sùilean a chitheadh cridhe ar Cinn-fheadhna, uime sin thug iad breth air a thaobh a choltais dìblidh o'n leth a muigh.

Coltach riusan aig nach eil fios gu'm beil clachan luachmhor air an còmhdachadh le sgrath neo-thaitnich ; san uair a gheibh iad aon, a chionn nach eil iad tuigsinn gur i h-ann, tilgidh iad air falbh i.

A nis', arsa Gaius, o'n a tha sibh an so, 's o'n a tha fios agam gu'm beil Misneachail gu teoma, tapaidh, mas toil leibh e, théid sinn a gabhail sràide, agus theagamh gun éirich gnothach math leinn.

Tha mu thimchioll uidhe mìle as an àite so famhair d'an ainm Marbh-am-math, a tha cur mòr dhragh orrasan a tha 'g imeachd air rathad-mòr-an-Rìgh ; is aithne dhomhsa c'ait' am beil a chòmhnaidh ; tha e 'na cheannard air buidheann mheirleach ; agus bu mhat nam faighte cuir às da.

Dh' aontaich iad leis, agus dh'fhalbh iad. Chaidh

Misneachail 'na lan-uidheam fo armaibh, agus thug càch leo sleaghan agus bataichean.

'S an uair a thàinig iad chum an àite san robh e, fhuair iad e, agus greim aig air fear da'm b'ainm Inntinn-lag, a thug a luchd-muintir d'a ionnsaidh bharr na slighe : bha'm famhair ga rannsachadh, chum 'nuair a bheireadh e uaithe na bh'aige gu'n itheadh e rithist e ; oir bu ghnà leis daoine ithe.

Cho luath 's a chunnaic am famhair Misneachail 's a chuideachd aig beul na garaidh le'n armaibh, dh'fheòraich e ciod a bh' air an aire ?

*Misneachail.* Tha thus a dhi oirnn : 's ann a thàinig sinn a dhìoladh a cho lion fear de na h-eilthirich 'sa mharbh thusa, 's a spìon thu leat le breth-air-eigin as an t-slighe ; uime sin thig a mach. An sin dh'armaich se e-féin, agus thàinig e mach, agus thug iad an ionnsaidh gharbh sin air a chéile, gus an d'fhas iad sgìth, 's an sin ghabh iad fois.

An sin thuirt am famhair a rithist, C'arson tha sibh air m' fhearann-sa ?

*Misneachail.* A thoirt tòireachd a mach air son na dhoirt thu dh'fhuil nan eilthireach, mar thuirt mi roimh riut ; agus thòisich iad a rithist, a's chuir am famhair Misneachail an comhair a chùil : ach chaidh e'n gradaig air thapadh ionnas gun do shlacanaich e 'm famhair cho borb, gramail, 's gun do thuit a chuid arm achd ás a làimh : 's an sin chuir e ás da, agus bhuin e 'n ceann deth, ni a ghiùlain iad leo chum an taigh-òsda. Thug e leis mar an ceudna Inntinn-lag. An uair a thàinig iad dachaigh, leig iad an ceann fhaicinn do'n teaghlach, agus chuir iad suas e air àite follaiseach, chum gu'n cuireadh e maoid orrasan a bheireadh ionnsaidh air a leithid ceudn' a dheanamh.

An sin dh'fheòraich iad do dh' Inntinn-laig, cionnè a ghlac am famhair e ?

*Inntinn-lag.* Thuirt an duine bochd, nach robh annsan ach duine euslainteach fann, 's a chionn gun robh am bàs mar bu arice, toirt ionnsaidh orm uair san latha,

smuainich mi nach bithiun am feasd gu math nam fuirinn aig an taigh ; uime sin chuir mi romham beatha eilthirich a chaitheadh ; agus dh-fhàg mi baile Neo-chinnteach, far am bu dùchas domh bhith. Cha n-eil annam ach duine truagh lag, an dà chuid am phearsa agus am iinntinn, ach tha mi deònach, mas urrainn dhomh, beatha fir-cuairt a chaitheadh. An uair a ràinig mi 'n geata bh'air toiseach na slighe so, ghabh Tighearn an àite sin rium gu càirdeil ; cha mhò fhuair e coire dhomh air son mi bhi cho lag, no idir air son laigse m'inntinn : ach thug e dhomh na nithe bha feumail air son mo thurais, agus dh' iarr e orm mo dhòchas a chumail suas gu ceann na h-uidhe. An uair a thainig mi gu taigh an Fhir-theagaisg, fhuair mi mòr chaoimhneas ann ; s' a chionn gun do mheas e gu'm biodh Bruthach-na-h-éigin deacair orm, chuir e fear d'a òglaich leam gu m' ghiùlan. Bha 'n luchd-cuairt eile ro iochdmhor rium, ged a bha iad comasach air tuilleadh asdair a dheanamh na bha mise, gidheadh mar bha iad a' teachd air an aghaidh, bha iad ag earail orm misneach mhath a bhi agam ; ag ràdh gu'm b' i toil an Tighearna co'-fhurtachd a thabhairt do'n mhuintir lag-chridheach. (1 Tes. v. 14.) Agus dh'fhalbhadh iad rompa. An uair a thàinig mi gu rathad na h-Ionn-saidh, thachair am famhair so orm, agus thuirt e rium deanamh air mo shon féin : ach mo thruaighe ! bu mhò m' fheum air ioc-shlaint : 'nuair a thuig e sin, rinn e greim orm : Smuainich mi nach marbhadh e mi ; ach an uair a fhuair e staigh ga gharaidh mi, o nach robh mi deònach fuireach ann, bi mo làn bharail nach leigeadh e beò ás mi. Oir chuala mi nach cuirear eilthir-each sam bith gu bàs le làimh an nàmhaid, ma bhuan-aicheas e seasmhach d'a Thriath nèamhaidh. Bha sùil agam ri bhi creachta, agus creacht' a ta mi, ach thàr mi ás mar a chì sibh, le m' bheatha, air son am beil mi taingeil do 'm Rìgh ga chionn, agus dhuibhse mar am meadhon. Bha dùil agam ri ionnsaidhean eile, ach se so a chuir mi romham gu'n ruithinn 'nuair .

a dh'fhaodainn, an uair nach b' urrainn domh, gu'm falbhainn air mo shocair, 's an uair nach b' urrainn domh coiseachd, gum falbhainn air mo mhàgan. Is buidheach mi dhàsan a ghràdhaich agus a snaor mi: thog mi mo roghainn: tha mo shlighe romham: tha m' aire thar an abhainn air nach eil drochait, ged nach eil annam ach truaghan lag-chridheach.

*Ionraic.* Nach robh thu roimhe so eòlach air fear-cuairt d'am b' ainm Eagalach ?

*Inntinn-lag.* 'S mi a bha; thàinig e o bhaile-guntùr, a thajma thuath do Bhaile-an-léir-sgrios, uidhe mhòr o'n àite 'sa n d' rugadh mis; gidheadh bha sinu min-eolach air a' chéile; oir bu bhràthair athar dhomhs' e bha sinn le chéile goirid o'n aon ghuè; 's gann a bha e-san cho calma riumsa, ach air son sin bha sinn glè choltach r'a chéile.

*Ionraic.* Tha mi tuigsinn gu'm b' aithne dhut e, agus, 's furasda leam a chreidsinn gu'm beil sibh càird-each a thaobh 'ur coltais r'a chéile.

*Inntinn-lag.* Bha iadsan d'am b'aithne sinn le chéile ag ràdh sin; agus a bharr air a sin, cha n-eil ni a chuala mi bhi annsan, nach do mhothaich mi annam féin cuid-eachd.

An sin thuirt deagh Ghaius ris, biodh misneach mhath agad, 's e do bheatha agamsa, agus do m' thaigh! agus iarr gu neo-sgàthach na's àill leat; agus bithidh mo shéirbhisich umhal dut.

An sin fhreagair Inntinn-lag, Tha so na chomain ris nach robh dùil agam, agus tha e mar bhoillsge gréine a meadhon neoil dhorcha. An robh e'n rùn an fhamhair gun éireadh mar so dhomh, 'nuair a ghlac e mi 's nach leigeadh e leam dol ni b' fhaide? An robh e 'na rùn, 'nuair a spùinn e mi, gun tiginn chum taigh Ghaiuis? Ach 's amhail a thachair e.

Agus air do Ghaius agus do dh' Inntinn-lag a bhi mar so a' còmhradh r'a chéile, thàinig aon na theann-ruith chum an doruis, a dh'innis gun deach eilthireach d' am b' ainm Tuadhal, a mharbhdh le peileir beathrach.

Mo thruaighe ars Inntinn-lag an d' éug e ? Rug e ormsa seal mu'n tàinig mi 'n fhad so, agus b'àill leis a bhi leam : bha e fòs maille rium an uair a ghlac am famhair mi, ach 's esan bu luaithe na mise, agus theich e : ach 's coltach gur h-ann chum bàis a theich e, agus chum beatha a chaidh mis' a ghlacadh.

Mu'n àm so phòs Mata agus Tròcair ; thug, mar an ceudna, Gaius a nighean Phebe do Sheumas bràthair Mhata, mar mhnaoi ; agus dh' fhuirich iad deich laith-ean eile aig taigh Ghaius a' buileachadh an ùine mar a b' iomchaidh do luchd-cuairt.

An uair a thàinig an t-àm 's an robh iad ri triall, rinn Gaius cùirm dhaibh, aig an robh iad gu sunntach ait : agus dh' fheòraich Misneachail ciod a bh' aca r'a iocadh ; ach thuirt Gaius riu gu'm b'e 'm beatha gu saor chum gach ni a fhuair iad. Gu'n robh, e na ghnà aige-san aoidheachd a' thoirt do dh' eilthirich, ach gun robh e'n earbsa ri dìoladh fhaotainn o'n deagh Shamaritanach air son gach cosgais a bha e deanamh riu. Luc. x. 34, 35. An sin thuirt Misneachail ris.

*Misneachail.* Fhir-mo chridhe, 's dìleas, tairis a ni thu gach aon ni do na bràthraibh, agus do choigrich, a thug fianais air t'fhiùghantas do'n eaglais ; agus is ciatach dhut an toirt air an aghaidh air an turas, air mhodh diadhaidh, is math a ni thu. An sin ghabh Gaius a chead diù uile, agus de'n chloinn, ach gu sòn-raichte de dh' Inntinn-lag. Thug e fòs ni eigin da a dh' òladh e air an t-slighe.

Ach b'àill le Inntinn-lag stad 'nan déigh, an uair a bha iad dìreach a' dol a mach air an dorus, agus 'nuair a mhothaich Misneachail sin, thuirt e, thig air t'aghaidh Inntinn-lag, falbh leinn, agus bithidh mis' am fhear-iùil dut, agus bithidh tu co-ionann riunn féin.

*Inntinn-lag.* Mo thruaighe ! cha n-eil còmpanach iomchaidh agam ; tha sibhse gu luath, laidir, ach tha mise gu lag, mall : is roghnaiche leam fuireach air deireadh, air eagal le m' laigse gu'm bi mi am uallach dh'omh féin agus dhuibhse. Tha mi mar thuirt mi gu

ag-chridheach fann, agus cuirear mìthlachd orm leis na nithibh nach cuir dragh air daoibh eile. Cha chaomh leam gàireachdaich, cha toigh leam trusgan rìmhreach; is fuath leam ceist neo-fheumail. Tha mi cho ro lag 's gur beag orm nithe a tha ceadaichte do dhaoibh eile. Cha n-aithne dhomh an fhìrinn uile: tha mi ro aineolach: Ma chluinneas mi aon neach a' deanamh gàirdeachas anns an Tighearna, cuiridh e air uairean duilichinn orm, a chionn nach urrainn domh féin sin a dheanamh. Thachair dhomhsa mar thachair do dhuine lag am measg cheathairneach, chneadach a measg bheadach, no mar lòchran fo thàir. Tha e-san a tha ullamh gu sleamhnachadh le chois, mar lòchran fo thàir ann an smuaintibh an tì a th' aig fois, (Iob xii. 5.) Ionnas nach aithne dhomh ciod a ni mi.

Ach thuirt Misneachail ris, a bhràthair, tha òrdugh agamsa, sòlas a thoirt do'n lag, agus am fann a chumail suas. 'S éigin dut falbh leinn; ni sinn fuireach riut; ni sinn còmhnadh leat; cha ghnàthaich sinn, air do sgàthsa, aon ni a chuireas doimheadas ort; cha tòisich sinn air labhairt mu aon chùis theagmhaich a' d' làthair; bithidh sinn gu h-ìomlan do d' réir, a roghainn air thu dh' fhuireach 'nar déigh, 1 Tes. v. 14. Romh. xiv. 1 Cor. viii. 9—13; ix. 22. Salm xxxviii. 16.

Bha iad fad na h-ùine so aig dorus Ghaiuis; agus air dhaibh a bhi an teas an seanachais, thàinig Ullamh-gu-stad far an robh iad le dha lòrg 'na làimh, agus bha e-san mar an ceudna a' falbh air eilthireachd.

*Ionraic.* Cionnas a thàinig thus' an fhad so? Bha mi 'n ceart uair a' gearan nach robh companach freagarrach agam, ach tha thus' a réir mo mhiann. Is e do bheatha Ullamh-gu-stad, tha dòchas agam gu'n dean sinn còmhnadh r'a chéile.

*Ullamh-gu-stad.* Is math leam a bhi a' d' chuideachd, thuirt am fear eile: agus o'n a thachair sinn cho seabhach air a chéile, is fearr leam aon do m' chuid lorg a sheachnadh dhut.

*Iuntinn-lag.* Cha ghabh mi sin, ged a tha mi 'd

chomain air son do thàirgse ; ach theagamh gu'n cuir mi air uair eigin eile feum oirre a chumail uam nan con.

*Ullamh-gu-stad.* Ma bhios mi féin no ma chuid lòrg air sheòl sam bith feumail dut, 's e do bheatha gu'a gnàthachadh mar is miann leat.

Mar so chaidh iad air an aghaidh : Bha Misneachail agus Ionraic air thoiseach, bha Bhana-chriosdaidh agus a clann 'nan déigh, agus bha Inntinn-lag agus Ullamh-gu-stad le chuid lorg air dheireadh. An sin thuirt Ionraic.

Guidheam ort, a nis' o'n a tha sinn air an t-slighe, innis duinn nithe feumail mu na h-eilthirich a bh' air thoiseach oirnn.

*Mis.* Is toileach a ni mi sin. Is barail leam gun cuala sibh mar thachair Apolion air Criosdaidh o shean, an Gleann na-h-irisleachd, agus mar an ceudna an deuchainn chruaidh a fhuair e dol troi Ghleann-sgàil-a'-bhàis. Cha n-eil teagamh agam nach cuala sibh cuideachd an ionnsaidh a chaidh thoirt air Dìleas le Togarrach, leis a' cheud Adhamh, le Neo-thoilichte, agus le Nàire : cearthar cho foilleil, slaoiteil 's a dh' fhaodadh tachairt air duine fad na slighe.

*Ionraic.* Air leam gu'n cuala mi 'n t-iomlan deth sin ; Ach se Nàire bu deacaire dha dhiù : bha e gu beag-nàrach, do-sgìtheachaidh.

*Misneachail.* Bha e ; oir mar thuirt Dìleas, chaidh an t-ainm docharach a thoirt air.

*Ionraic.* Ach c'àit an do thachair Bruidhneach air Criosdaidh agus air Dìleas ? Bha e sin comharrichte mar an ceudna.

*Misneachail.* Bha e 'na amadan muinghinneach, gidheadh tha mòran mar bha e-san.

*Ionraic.* Cha mhòr nach do mheall e Dìleas.

*Misneachail.* Cha mhòr, ach chuir Criosdaidh roimhe mar gheibheadh e mach e. Air an dòigh so dh'imich iad gus an tàinig iad far an do choinnich Soisgeulach Criosdaidh agus Dìleas, agus an d' innis e dhaibh mar dh' éireadh dhaibh aig Féill-an-diomhanais.



An sin thuirt Misneachail, 'S ann an so a thachair e orra.

*Ionraic.* An ann gu dearbh? creididh mi gu'm bu chruaidh an sgeul a dh' aithris e dhaibh.

*Misneachail.* Bha e mar sin: ach thug e misneach dhaibh leis. Ach cha ruig sinn a leas labhairt umpasan, 's ni bh' annta curaidhnean calma, gun àthadh gun sgàth. Nach cùmhne leibh cho neo-mhathach 's a sheas iad am fianais a' bhreitheimh?

*Ionraic.* Is cùmhne. Dh' fhuilig Dìleas gu ciatach.

*Misneach.* Dh' fhuilig e; agus thàinig mathas r'a linn; oir chaidh Ciatach agus muinntir eile iompachadh le bhàs.

*Ionraic.* Guidheam ort abair air t'aghaidh; oir tha thu ad rogha seanachaidh.

*Misneachail.* Thug Cealgair barr air gach neach a thachair air Crìosdaidh, an déigh dha Féill-an-diomhanais fhàgail.

*Ionraic.* Cealgair; cò e sin?

*Misneachail.* Duine carach, cealgach; fear a bhiodh diadhaidh a réir an t-saoghail; ach bha e cho seòlta 's nach cailleadh e 'n àm sam bith air.

Bha mùghadh aidmheil aige a cho-fhreagrachd do gach àm; agus bha 'bhean cho tèoma ris féin. Dh'atharraicheadh e' bharail a réir an ama; agus gheibheadh e leithsgeul a chionn sin a dheanamh. Ach cho fad 's a thà m' eòlas, thàinig droch chrìoch air a chealgaireachd; cha mhò a chuala mi gu'n robh meas aig aon neach air an robh eagal Dé air a chloinn.

Bha iad mu'n àm so air teachd an sealladh Baile-an-diomhanais, far an cumar Féill-an-diomhanais. Ach an uair a chunnaic iad gu'n robh iad cho dlù air a' bhaile chuir iad an combairle r'a chéile, mar rachadh iad troimhe; thuirt cuid aon ni, agus thuirt cuid ni eile. Ma dheireadh thuirt Misneachail, 's minig a bha mis' am fhear-iùil aig luchd-turais a dol tre'n bhaile so, agus tha mi nis' eòlach air fear d'an ainm Mnason, do mhuinntir Shipruis, seann deisciobuil, a dh' fhaodas

sinn fuireach 'na thaigh. Ma chì sibh iomchaidh e modaidh sinn dol ann.

Tha sinne ro dheònach ars iadsan; oir bha 'n t-an-noch a nis' ann, ach bha Misneachail eòlach air ar òrthad chum taigh an t-seann duine. Thàinig iad d'a ionnsaidh, agus bhual iad aig an doras, agus dh' aithnich an seann duine cainnt Mhisneachail cho luath sa .abhair e, agus dh' fhosgail e 'n doras, agus leig e steach iad uile. An sin thuirt fear an taighe, Cia fhad 's a thàinig sibh an diugh? Fhreagair iad, gu'n tàinig iad o thaigh Ghaius a charaid. Thuirt e riu gur math a choisich iad, 's nach b' ioghnadh iad a bhi sgìth; agus iad a shuidhe sìos. Mar sin shuidh iad.

*Misneachail.* Cionnas a tha sibh mo chàirdean? Is i mo bharail gur e 'ur beatha aig mo charaid.

'S math is e 'ur beatha agams, arsa Mnason; agus iar-raibh ni's àill leibh, agus ni sinne ar dìchioll chum 'haotainn duibh.

*Ionraic.* B'e o cheann ghoirid an t-aon ni a bha dh' easbhuidh oirnn fàrdach mhath agus deagh chuideachd, agus tha dòchas agam gu'n d' fhuair sinn a nise le chéil' iad.

*Mnason.* Tha sibh a' faicinn na fàrdaich; ach sann le feuchainn a dhearbhar a' chuideachd.

*Misneachail.* Ro mhath; an deòin leat na seòmraichean a nochdadh do'n luchd-thurais?

'S deònach leam gu deimhin, arsa Mnason. Mar sin thug e iad d'an seòmraichean fa leth, agus nochd e cùraibh seòmair mòr rìmhreach, far am faodadh iad a bhi còladh agus an suipeir a ghabhail ann gus an tigeadh sin dhaibh gabhail mu thàmh.

An uair a bha iad mar so air socrachadh car ùine dheag, dh' fheadraich Ionraic do dh' fhear-an-taighe, an robh cuid de dhaoine matha sa' bhaile?

*Mnason.* Tha beagan ann; oir gu deimhin cha n-eil iad ach tearc an coimeas ris na th' air atharrachadh.

*Ionraic.* Cionnas a dh' fhaodas sinn cuid diù fhaicinn? Oir tha daoine matha fhaicinn dhaibh-san air

eilthreachd, ceart mar tha a' ghealach agus na reulltan dhaibh-san a tha seòladh thar chuaintean.

An sin bhuail Mnason an t-ùrlar le chois, agus thàinig Gràs a nighean a nìos ; agus thuirt e rithe, i dhol a dh-innse d'a chàirdean, Iriosal, Naomh, Déidheil-air-deagh-dhaoine, Fìrinneach, agus Aithreachail, gun robh maille ris-san, caraid no dhà leis am bu mhiann am faicinn an nochd.

Chaidh Gràs a mach, agus thug i fios daibh, agus thàinig iad ; 's an déigh dhaibh fàilt a chur air a' chéile, shuidh iad sìos aig a' bhòrd.

An sin thuirt Mnason, fear-an-taighe, A choimhears-naichean, tha agamsa, mar tha sibh a' faicinn, coigrich am thaigh ; is eilthirich iad, a thàinig asdar fada, agus tha iad air an turas chum Beinn-Shioin. Ach cò air leibh a tha 'n so, 's e comharrachadh le mheur ris a' Bhana-chriosdaidh ?

'S i th' ann bean Chriosdaidh, am fear-turais ainmeil ud, a dh'fhuilig le bhràthair Dìleas, na h-urrad dhìobhail agus thàmailt sa' bhail' againne. Chuir seo òghnadh orrr, agus thuirt iad gur beag a shaoil leo gu'm faiceadh iad a' Bhana-chriosdaidh, 'nuair a ghairm Gràs iad ; uime sin 's taitneach an sgeul sin duinne. An sin dh'fhiosraich iad cionnas a bha i ? Agus am b' iad na h-òganaich sin clann a fir ? 'S an uair a thuirt i riu gu'm b' iad, thuirt iad riu, Gun deònaicheadh an Dia d'am beil sibh a' toirt gràidh agus seirbhis, dhuibh 'bhi mar 'ur n-athair, agus 'ur toirt far am beil e féin ann an sìth.

An sin dh'fheòraich Ionraic do dh' Iriosal agus dhiubhsan a thàinig leis, ciod an suidheachadh san robh am baile san àm sin ?

*Iriosal.* Faodaidh sibh a thuigsinn gu'm beil sinn làn othail an àm féille. Is deacair an ni dhuinn ar cridheachan agus ar n-inntinnean a choimhid ann an deagh riaghailt a measg na h-urrad iomagainn. Tha feum aige-san, a tha thàmh 'na leithid so de dh' àite, agus aig am beil roinn ri muinntir mar th' againne, air

rud-eigin de chulaidh-bhrosnachaidh, chum a chumail air fhaicill gach aon àm.

*Ionraic.* Am beil 'ur coimhearsnaich a nise gu sìochail, sàmhach?

*Iriosal.* Tha iad gu mòr ni's riaghailtiche na b' àbh-aist daibh. Tha fios agad mar chaidh Crìosdaidh agus Dìleas a ghnàthachadh sa bhail' againne; ach 's ann a tha mi 'g ràdh, o cheann ghoirid, gu'm beil iad ni's riaghailtiche. Air leam gu'm beil fuil Dhìleis 'na h-uallach orra gus an t-àm so; oir o'n a loisg iad e-san, cha do leig an nàire leo aon neach eile a losgadh: san àm ud bu sgàthach leinn an t-sràid imeachd, ach faodaidh sinn a nise sinn-féin a nochdadh gu neosheachanta. 'San àm ud bha ainm fir-aidmheil gràin-eil; ach a nis', ann an earrannaibh àraidh de'n bhaile, tha'n diadhachd air a meas urramach.

An sin dh'fhèdraich Iriosal diù, cionnas a dh' éirich dhaibhsan air an turas? Agus ciod an caoimhneas a bha 'n dùthaich a' nochdadh dhaibh?

*Ionraic.* Tha e tachairt duinne mar thàrlas e do tuchd-cuarite; air uairean gu math, agus air uairean eile gu h-olc; air uairean a' dìreadh, agus air uairean eile a' tearnadh; cha n-eil an soirbheas a ghnà r'ar cùl, cha mhò a tha gach neach a thachras oirnn 'na charaid duinn. Thàinig sinn troi' iomadh deuchainn cheana; agus cha n-aithne dhuinn ciod a tha romhainn diù: ach mhothaich sinn gu'm beil na thuirt an sean-fhacal, mar is pailte, fìor, Gur urrainn do dhuine math cruaidh-chàs fhulang.

*Iriosal.* Ciod na deuchainnean a thàinig oirbh?

*Ionraic.* Fèdraich sin de Mhisneachail ar fear-iùil, oir 's e da'm fearr is aithn' an aithris.

*Misneachail.* Chaidh trì no ceithir de dh'ionnsaidhean a thoirt oirnn cheana. Air tùs, chaidh ionnsaidh a thoirt air a Bhana-chriosdaidh agus air a cloinn, le dà éucorach, nach mòr nach do chuir às daibh. Thugadh ionnsaidh oirnn le Fambhair-na-fala, le famhair eile, agus le Fambhair-marbh-am-math: ach gun amh-

aras 's sinne thug ionnsaidhair an fhear ma dheireadh 's cha-n e-san oirnne. 'S ann mar so a thachair: An deigh dhuinn a bhi ré seal aig taigh Ghaiuis, smuainich sinn ar n-airm ghaisg' a choirt leinn, agus dol a dh'fhaicinn an amaiseadh a h-aon oirnn a bha cur dragh air na h-eilthirich; oir chuala sinn gu'n robh eas-còraid mòr aca mu'n àite sin. Bha Gaius ni b' eòlaiche ne bha sinne mu gharaidh-dìon an Fhamhair; agus chuir sinn faothaid a mach air a thòir, gus an d'f huair sinn sealladh air beul na h-uamha anns an robh e: An sin bha aiteas oirnn, agus thog sinn ar misneach. Thàinig sinn dlù air a gharaidh, agus feuch, air dhuinn teachd ann, rinn e breth-air-eigin, le lambachas-laidir air an duine bhochd so, Inntinn-lag, agus bha e dìreach air tì cur às da. Ach an uair e chunnaic e sinne, a' smuaineachadh gur sinn cobhartach a b' fhearr, dh'fhàg e 'n duine truagh; agus thàinig e far an robh sinn. Thug sinn ionnsaidh fhiadhaich air a' chéile, agus bha e ro bhorb; ach ma dheireadh thuit e, agus chaidh a cheann a sgathadh dheth, 's a chuir suas mar chùimhneachan ri taobh na slighe, a chuir eagail orrasan aig am biodh a leithid sud do ghnàthachadh mi-dhiadhaidh. Mar chomharradh gur i'n fhìrinn a th' agam, tha'n duine féin an so mar dhearbhadh air, a chaidh a thoirt mar uan, á beul an leòghain.

*Inntinn-lag.* Mhòthaich mise gu i 'n fhìrinn a th' ann, agus nach mearachd.

*Naomha.* Is da ni a dh'fheumadh a bhi aig eilthirich, cruadal agus caithe-beatha neo-lochdach. Mar bi iad cruadalach, cha n-urrainn iad buanachadh air an t-slighe; agus ma bhios an caithe-beatha mi-ìomchaidh, tàirnidh iad mi-mheas air an aidmheil.

*Déidheil-air-deagh-dhaoine.* Tha dòchas agam nach eil an sanas so feumail dhuibhse. Ach gu fìrinneach tha iomadh neach ag imeachd air an t-slighe a tha nochadh gur coigrich iad air eilthireachd, ni's mò na gu'm beil iad 'nan coigrich agus nan luchd-cuairt air thalamh.

*Fuinneach.* Tha sin fìor, cha n-eil aon chuid aca éideadh no misneach an eilthirich; cha n-eil iad a' sìubhal gu cothromach, ach a null agus a nall, gu broineagach neo-shnasmhòr, a' tarraim eas-urram, le 'n giùlan, air an Tighearna.

*Aithreachail.* Bu chòir dhaibh bhì dubhach air son nan nithe sin; oir cha 'n ion daibh dòchas a bhì aca, ris a' ghràs is miannach leo, air an turas, agus air am fàs ann an naomhachd, gus am bhì iad air an glanadh o'n leithid sin.

Mar so shuidh iad a' còmhradh r'a chéile, gus an robh an t-suipeir deas, 'san uair a gabh iad i chaidh iad a laidhe a thoirt fois d' an cuir, fhann sgìth. A nise dh' fhuirich iad aig an fhéill ann an taigh Mhnason rè uine mhòr, neach, a thug Gràs a nighean na mnaoi do Shomhairle mac na Bana-chriosdaidh, agus Marta do dh' Ioseph.

Dh' fhuirich iad fad an so, mar thubhairt mi; oir cha robh muinntir a' bhaile cho fiadhaich 'sa d' àbhaist daibh. Uime sin dh' fhàs iad eòlach air mòran de dhaoine math' a' bhaile, agus rinn iad gach math dhaibh a b'urrainn iad.

Bha Tròcair, mar bu ghnà leatha, ag oibreachadh air son nam bochd, uime sin thug am brù agus an druim am beannachd oirre; oir bha i's an àite sin na h-urram d'a h-aidmheil. Bha mar an ceudna Gràs, Phebe, agus Marta, gu mathasach, deagh-bheusach, a' sìor dheanamh math a réir an comais. Bha iad fòs ro shìolmhòr, ionnas, mar thubhairt mi gun robh gineil Chriosdaidh a' fàs lionmhòr air thalamh.

Am feadh a bha iad 's an àite so, thàinig Uilbheist a a mach às a' choile, agus marbh e mòran de mhuinntir a' bhaile. Bheireadh e mar an ceudna air falbh leis na h-uirid de'n cloinn, agus theagaisgeadh e dhaibh a dheothal mar dheanadh a chuileanan féin. Cha robh crìdh aig aon fhear a bha sa' bhail' ionnsaidh a thoirt air; ach theicheadh iad roimhe 'nuair a chluinneadh iad fuaim a theachd.

Cha robh 'n uilbheist so coltach ri aon bheathach a bh' air aghaidh na talmhuinn ; bha chorp mar dhràgon, bha seachd cinn agus deich adhaircean air. Rinn e àr mòr air a chloinn, 's gidheadh bha e fo cheannsal boir-eannaich. (Tais. xvii. 3.) Thàinig am fiadh-bheathach so cumha do dhaoine, agus ghabh iadsan leis am bu docha am beatha no an anmannan ris na cùmhnantau sin.

Ach dh' inntinn Misneachail, agus iadsan a thàinig a dh' fhaicinn nan eilthireach do thaigh Mhnasoin, an co-bhoinn gun rachadh iad le aon-fheachd a thoirt ionnsaidh air an fhiadh-bheathach ud, a dh' fheuchainn am faigheadh iad muinntir a' bhaile a shaoradh a mhàgaibh agus o bheul sgriosach millteach na nathrach so.

An sin chaidh iad fo'n armaibh chum dol 'na chòdhail; agus bha 'm fiadh-bheathach air tùs ro ladorna, dàna, agus sheall e le tàir air na nàimhdean ud ; ach thug iad ionnsaidh cho gramail air le aon-fheachd, 's gun do chuir iad an ruaig air; agus thàinig iad dachaigh do thaigh Mhnasoin a rithist.

Bha aig an uilbheist so àmannan sònraicht' air an robh e teachd a mach, 's a' toirt ionnsaidh air cloinn muinntir a' bhaile: Rinn na daoine treubhach sin faire air 's na h-àmaibh àraidh sin, agus thug iad ionnsaidh dhiongmhalt' air, ionnas gun do leòn iad, agus gu'n d'fhàg iad crùbach e; air chor 's nach d'rinn e na h-urrad dholaidh do mhuintir a' bhaile, 's a b' àbhaist dha. Agus tha cuid de dhaoin' ann am barail gu'm bàsaich e a thoradh a leòin a fhuair e.

Uime sin dh' fhàg an treubhantas sin Misneachail agus na bha maille ris measail sa' bhaile, ionnas gu'n robh mòr mheas aig iomadh neach orr' a bha an atharrachadh admheil riu. 'S ann air a shon so nach d' rinneadh ach beag dochair air na h-eilthirich sin 's an àite so. Bha cuid-eigin de 'n mhuintir bu truailidh dhiu, a bha air bheag fiosrachaidh, nach robh measail umpa air son an gaisge agus an cruadail.

Thàinig a nis' an t-am 's an robh na h-eilthirich ris an àite sin fhàgail, agus triall air an turas. Chuir iad fios air an càirdibh, rinn iad cainnt riu, agus chuir iad àm àraidh air leth chum iad féin a chuir fo chomraich agus fo dhìon an Cinn-fheadhnaidh. Bha dream eil' ann a thug d'an ionnsaidh cuibhrionn de na bh' aca, a bha freagarrach do'n lag agus do 'n laidir, do na mnath-aibh agus do na fir, a mheud 's a bha feumail daibh, Gnìomh. xviii. 10.

An sin theann iad ri imeachd air an turas, agus chaidh an càirdean leo cho fad 's a bha e iomchaidh dhaibh, agus dh' earb iad araon iad féin ri cùram an Rìgh, agus dhealaich iad.

Dh' imich iadsan a b' eilthirich ann air an aghaidh, agus ghabh Misneachail an toiseach; ach a chionn nach robh na mnathan agus a' chlann ach lag, b' éigin daibh imeachd gu fòill; leis a sin bha aig Inntinn-lag, agus aig Ullamh-gu-stad, muinntir gu co-fhulangas a dheanamh leo 'nan siubhal mall.

An uair a dhealaich iad ri muinntir a' bhaile, 's a ghabh an càirdean an cead diù, thàinig iad air ball chum an àite 's an do chuireadh Dìleas gu bàs; sheas iad aige, agus thug iad buidheachas do'n Tì a neartaich e gu giùlan le fhulangasaibh cho ciatach: gu h-àraidh o'n a mhothaich iad buannachd ag éiridh dhaibh fein às a leth.

Uime sin dh' imich iad air an aghaidh uidhe mhath, a' labhairt mu Chrisdaidh agus mu Dhìleas, agus mar thàinig Ciatach a dh' ionnsaidh Chrisdaidh an déigh bàis Dhìleis.

Bha iad a nis' air teachd chum Tulaich-an-t-saibhreis, far an robh a mhéin, airgeid, a chuir Demas iomrall air a thuras, agus far, an robh daoine sa' bharrail, an do thuit Cealgach, agus an deach e dhìth; uime sin bha iad a' labhairt mu na nithe sin. Ach an uair a thàinig iad chum an t-seana chùimhneachain a bha fa-chomhair Tulaich-an t-saibhreis, eadhon an carragh salainn, a bha 'n sealladh Shodoim, agus an loch neo-chùbhraidh a bh



aige, ghabh iad iongantais, mar ghabh Crìosdaidh roimhe, gun rachadh daoine cho geur-chuiseach rìusan a thaobh san àite sin. Ach a mhàin thug iad fainear nach eil na h-urrad mhothachaidh aig daoine air dosgainn chàich, gu h-àraidh ma tha 'n ni o'n d' éirich e a' furan buannaichd air an neo-eagnaichd.

Cunnaic mi nise gun deach iad air an aghaidh, gus an d'ràinig iad taobh na h-aibhne a bha eadar iad agus na Beanntan Taitneach.

An abhainn far an robh na craobhan àluinn a' fàs air gach taobh dh'i a tha 'n duilleach 'nan ìoc-shlaint air ioma gnè eucail, far am beil an t-àilean uaine gach aon àm, agus far am faodadh iad laidhe sìos gu tèarainte. (Salm. xxxiii. 2.)

Bha mainneirean chaorach air an àilean sin ri taobh na h-àibhne, agus taigh air a thogail far an rachadh na h-uain, (naoidheanan nam ban sin a bhiodh air eilthir-eachd,) àrach agus a thogail suas. Bha fos san àite so fear air an robh an cùram, a bhuineadh gu h-ìochdinnhor, bàigheil riu, a chuartaicheadh le ghàirdean na h-uain, 's a ghiùlaineadh 'na uchd iad, sa dh' iomaineadh gu séamh an spréidh a tha trom le h-àl. (Eabh. v. 2. Isa. xl. 11.) Air an aobhar sin dh' iarr a' Bhana-chrìosdaidh air a' ceathrar nighean an clann mhaoth a chur air cùram an duine so, chum gu'm biodh iad air an gabhail a staigh, fo dhìon, agus air am beathachadh ri taobh nan uisgeachan sin, agus nach biodh a h-aon diù air chall na dhéigh sin. Ma dh'éireas gu'n téid a h-aon diù air seacharan, no air chall, bheir an duine so air an a's a rithist iad, ceanglaidh e suas na bhios leòinte, agus neartaichidh e na bhios tinn. (Ier. xxiii. 4. Esec. xxxiv. 11—16.) An so cha bhi easbhuidh bìdh, dibhe no aodaich orra; an so coimhidir sàbhailt iad o mhearlaich agus o luchd-spùinnidh; oir fuiligidh an duine so am bàs mu'n caillear aon ni a dh' earbar ris. Osbarr bithidh iad so fo dheagh oilein air an rogha teagaisg, agus bithidh iad air am fòghlum san t-slighe cheart, agus tha fios agaibh gur àghmhor an gnothach sin.

Tha sibh a' faicinn gu'm beil 's an àite so fìor-uisge, réithleanan taitneach, blàithean maiseach, iomadaidh seòrsa chraobh, a tha giùlan meas fallain: Cha'n e an seòrsa meas a dh' ith Mata, a bha'n crochadh thar bala lios Bheelsebuid; ach meas a bheir slàinnt' á easlainte, agus a mheudaicheas i far am bì i.

Mar so bha iad deònach an clann beag earbsa ris; agus bha iad ni bu deònaiche sin a dheanamh, a chionn gur h-ann air cosgais an Rìgh a bha'n t-iomlan, agus gur h-e bh'ann taigh-eiridinn do chloinn òig agus do dhilleachdanan.

Chaidh iad a nis' air an aghaidh; agus an uair a thàinig iad gu Réidhlean an fhrith-rathaid, a dh' ionnsaidh a' bhealaich, thar an deach Criosdaidh agus a chòmpanach Ciatach, an uair a ghlac Famhair-gundòchas iad, 'sa chuir e 'n làimh iad ann an Daighneach-an-teagamh, shuidh iad a chur an comhairle ri chéile, ciod a b' fhearr dhaibh a dheanamh, o'n a bha iad a nise cho comasach, agus gu'n robh Misneachail 'na cheann-iùil aca, am bu chòir dhaibh ionnsaidh a thoirt air an Fhamhair, agus a dhaighneach a leagadh sìos, 's ma bha bheag de luchd-cuairt ann, an cuir fa-sgaoil, mu'n rachadh iad ni b' fhaide. Theireadh a h-aon diù aon rud, agus theireadh an t-aon so rud eile. Bha aon diù 'g ràdh nach robh e ceadaichte dhaibh imeachd air talamh neo-choisrigte; thuirt neach eile gu'n robh, nam b' ann air gnothach math a bhitheadh e; ach thuirt Misneachail, ge nach fhaod a' bharail ma dheireadh bhi air mhodh-coitcheann fìor, gidheadh gu'n robh àithæ aige-san cuir an aghaidh a' pheacaidh, buaidh a thoirt air an olc, agus cath math a chreideimh a chur; agus cò ris is càra dhomh an cath math so a chur, no ri Famhair-gundòchas? Bheir mi ma ta ionnsaidh air a chuir gu bàs, agus air Daighneach-an-teagamh a chuir às a chéile. An sin thuirt e, Cò a théid leam? An sin thuirt sean Ionraic, Théid mise leat. (1 Eoin ii. 13, 14.) théid sinne ann cuideachd, thuirt ceathrar mac na

Bana-chriosdaidh, Mata, Somhairle, Ioseph agus Seumas; oir bha iad gu h-òg treubhach.

Mar sin dh' fhàg iad na mnathan air an t-slighe, agus dh'fhuirich Inntinn-lag agus Ullamh-gu-stad le chuid lorg chum an dion, gus am pilleadh iad; oir ged a bha Famhair-gun-dòchas a chòmhnaidh cho dlù dhaibh, dh' fhaodadh leanabh beag an coimhid, ach iad a dh' fhuir-each air an t-slighe. Isa. xi. 6.

Dh'fhalbh Misneachail, Ionraic, agus an ceathrar òganach suas chum Daighneach-an-teagamh a dh' fheuchainn am faicadh iad am Famhair. An uair a ràinig iad an dorus, bhuaill iad gu ladorna, dàna. Thàinig am Famhair gu dàicheil a chum an doruis, agus lean An-earbs' a bhean e. An sin thuirt e, " Cò a tha cho dàna mhì-mhodhail, 's a thamar so a' cur dragh air Famhair-gun-dòchas?" Fhreagair Misneachail, " Is mise th' ann, aon do luchd-iùil Rìgh nèimh, chum eilthirich a stiùradh air an t-slighe, agus tha mi 'g aithne dhuts' an dorus fhosgladh dhomh: dean thu féin, uime sin, deas chum cath a chur riumsa, oir thàinig mi a thoirt buaidh ort, 's a leagadh do Dhaighnich."

Air leis an Fhamhair, o'n a bha e féin 'na fhamhair mòr laidir, nach faigheadh neach sam bith buaidh air; agus smuainich e o'n a bha e roimhe so cleachdta ri buaidh a thoirt air ainglean, an e gun cuir Misneachail so eagal orm? Mar sin chaidh e fo armaibh, agus thàinig e 'mach. Bha clogaid stàilinn mu cheann, uchd-éideadh teinnteach air a crioslachadh uime, agus thàinig e 'mach am brògan iaruin, agus a chuaille mòr 'na làimh. An sin chaidh an t-seisear fhear ud 'na dhàil, agus chuartaich iad air gach taobh e: agus an uair a thàinig An-earbs' a bhan-fhamhair ga chòmhnaidh, chuir sean Ionraic às d'i le aon bhuille. An sin thòisich an iorghuill, agus chuir iad am famhair gu talamh, ach bu leisg leis géilleadh: Bha e cho rìghinn ri mharbhadh 's a bhiodh cat; ach mharbh Misneachail e fa-dheireadh, agus sgar e 'n ceann o chorp.

An sin thòisich iad air an Daighneach a leagadh, oir

cha robh sin deacair r'a dheanamh chionn nach bu bhèd am Fàmhair. Bha iad car sheachd laithean ga leagadh, agus fhuair iad do luchd-cuairt ann, aon d' am b' ainm Trom-inntinn, agus Geilt a nighean, a bha dlù air bhi marbh do'n ghort', agus shaor iad beò ás iad. Ach chuireadh e òghnadh ort fhaicinn na bha do chuirp mharbha bhèubainichte, agus do chnamhan dhaoine 'san àite sin. An uair a chuir Misneachail agus a chuideachd crìoch air a' ghnothach ud, thug iad leo Trom-inntinn agus a nighean, oir bu shluagh còir iad, ged a bha iad an làimh ann an Daighneach-an-teagamh aig Fàmhair-gun-dòchas. Thug iad leo mar an ceudna ceann an fàmhair, ach dh' adhlac iad a chorp fo chàrn chlach, agus thàinig iad chum na-h-aiteam a dh'fhàg iad, agus dh'innis iad daibh mar a rinn iad. An uair a chunnaic Inntinn-lag agus Ullamh-gu-stad ceann an Fàmhair bha iad ro aoibhneach. Rinn iad uile gairdeachas mòr air son mar shoirbhich leo; 's an uair a thòisich càch air gairdeachas, 's ann a thug Trom-inntinn làmh air a' bhiadh, oir bha e air a chlaoidh le acras; agus thug a' Bhana-chriosdaidh dha balgam ás an t-searraig, agus dh' fhàs e gu treum, misneachail.

A nise chunnaic mi am aisling 'nuair a rinneadh na nithe sin gu'n do ghabh Misneachail ceann an Fàmhair, agus gu'n do chuir e suas ri taobh na slighe e air crann, thall fa chomhair an àit anns an do chuir Criosdaidh suas cùmhneachan, a thoirt sanais do luchd-turais fuireach o fhearann an Fàmhair. An sin sgrìobh e an rann a leanas air cloich fo na chrann:—

So ceann an Fàmhair mhòir a bhuin  
 Ri eilthirich gu teann,  
 Chuir Misneachail gu bàs a bhean  
 'Sa Dhaighneach bun os-ceann.

Dh' imich iad an sin air an turas, gus an d'ràinig iad na beanntan taitneach, far an d'ath-bheothaicheadh Criosdaidh agus Ciatach le nithibh sòghail nam beann. Chuir iad an edlas air na buachaillean, a rinn am beatha gu cridheil, mar rinn iad ri Criosdaidh roimhe.

'S an uair a chunnaic na buachaillean, na h-urrad diù còmhla, thuirt iad ri Misneachail, 's taitneach a' chuideachd a fhuair thu 'n so; c'ait an d'fhuair thu iad? agus cò iad?

An sin thuirt Misneachail gu'n robh bean Chriosdaidh ann agus a clann, a chaidh iompachadh o d'borchadas gu solus, sean Ionraic, Inntinn-lag, Ullamh-gu-stad, Trom-inntinn, agus a nighean Geilt, agus gu'm bu mhath leo fios fhaotainn am faigheadh iad aoidheachd ann an so a nochd, no'm b' eigin daibh dol ni b'fhaide?

An sin thuirt na buachaillean, is taitneach a' chuideachd a tha 'n so, 's e'ur beatha againne, oir tha againn do'n lag cho math agus do'n laidir; tha cùram aig ar Ceann-feadhna mu na nithear air an neach is lugha dhiù sin, (Mat. xxv. 40.) Air an aobhar sin cha'n fhaod laigse casg a chuir air arbiatachd. Mar sin thug siad iad gu dorus na lùthchairt, agus thuirt iad riu air an ainm dol a steach. Thuirt na buachaillean ri Misneachail, gun tug iad air an ainm cuireadh dhaibh sin, a chionn gu'm beil iad ullamh gu dol air an ais, eadhon, Inntinn-lag, Ullamh-gu-stad, Trom-inntinn, agus Geilt a nighean; ach air do shons' agus a' mhuinntir eile a tha laidir, tha sinn gu'r fàgail gu'r saorsa gnàthaichte. An sin thuirt Misneachail, tha mi 'n diugh a' faicinn gu'm beil gràs a' dealradh 'n ur gnùis, agus gur sibh da rìreadh buachaillean mo Thighearna; a chionn nach do bhuin sibh gu mi-shuairce ris a' mhuinntir dheireasach, agus gu'n d'fhàiltich sibh am beatha do'n lùchairt, leis gach furan bu chaomhaile, mar bu chòir. Esec. xxxiv. 21.

Mar sin chaidh an lag agus an ciorramach a steach, agus lean Misneachail agus càch iad. An uair a shuidh iad, dh' fheòraich na buachaillean a dh' aon do'n mhuinntir bu laige, ciod a ghabhadh e? Oir thuirt iad, 's éigin gu'm bi gach ni air a riaghladh 'san àite so chum an lag a chumail suas, cho math agus chum sanus a thoirt dhaibh-san a tha mi-riaghailteach. Mar so dh' ullaich iad cùirm do nithibh a bha fallain, 's taitneach

do'n bhlas; agus an déigh sin ghabh iad mu thàmh. An uair a thàinig a' mhadainn, a chionn gun robh an latha soilleir, agus na sléibhtean àrd, thug na buachaillean na h-eilthirich chum a' mhullaich, a dh' fhaighinn seallaidh mar bu ghnà leo air nithibh iongantach, mar nochd iad do Chrìosdaidh roimhe.

Thug iad a chum cuid do dh' ionadan ùr iad. B' e a' cheud àite Meall-an-iongantais, far am fac iad fear fad as ag atharrachadh nan sléibhtean le cainnt. An sin dh' fheòraich iad do na buachaillean ciod bu chiall da sin? Thuirt iad riu gu'm b'e an duine sin mac Mòrghràis, air am beil iomradh sa' cheud earrann de'n leabhar so; agus tha e air a shocrachadh 'sa 'n àite sin a theagasg nan eilthreach creidsinn, agus gu'n tugadh iad buaidh air gach cruaidh-chas a thigeadh nan carabh. (Marc. xi. 23, 24.) An sin thuirt Misneachail, is aithne dhomhs e, is duine e tha toirt barrachd air mòran.

An sin chaidh iad leo chum ionad eile, ris an abrar Beinn-na-neo-chiontachd, agus chunnaic iad fear an so sgeudaichte ann an éideadh geal, agus dithis dhaoine, Fuath agus Mi-rùn, a sior thilgeadh salachair air: agus ge b' e ni a thilgeadh iad air, thuiteadh e dheth a rithist an ùine ghearr, bha thrusgan cho geal sa bha e oimh. An sin dh' fheòraich an luchd-turais, Ciod bu chiall da so? Thuirt na buachaillean, Gu'm bu duine diadhaidh am fear ud, agus gur ann a nochdadh a chaithe-beatha neo-chiontaich a bha thrusgan geal. A nis' is iadsan a tha tilgeadh salachair air an aiteam air am beag deagh chaithe-beatha; ach mar tha sibh a' faicinn nach lean a bheag do'n t-salachar ris, 's amhail a thàrlas e dhàsan a chaitheas a bheatha gu neo-lochdach sa' bheatha so: Ge b'e leis am b'àill salachar a thilgeadh air an leithid sin, 's diomhain an ionnsaidh; oir bheir Dia fainear an ùine gearr gu'm brùchd an neo-chiontas a mach mar an solus, agus an ionracas mar mheadhon-làtha.

An sin thug siad iad gu Maol-na-Seirce, far an d'fheuch iad dhaibh fear aig an robh mìr aodaich air a

bheulthaobh, as an tug e culaidhean do na bochdan a bha mu'n cuairt da; gidheadh cha robh a mhìr aodaich dad ni bu lugha le sin a dheanamh. An sin dh-fhèòrich iad, ciod bu chiall da so! Thuirt na buachaille-ean riu, gur ann a bha so a nochdadh dhaibh, nach bi airc air cridhe fial, no dì air an làimh a bhios fiùghantach do'n bochd agus do'n fheumach. Gheibh esan a bhios tabhartach ni fa-chomhair fheuma. Agus cha bu lughaid min na bantraich a' bhreacag a thug i do'n fhàidh.

Thug siad iad an sin, a dh' ionnsaidh àite far am fac iad Amadan, agus Fear-gun-tùr, a nigheadh Etiopach, chum a dheanamh geal: ach mar bu mhòid a nigheadh iad e, 's ann bu duibhe a dh' fhàsadh e. An sin dh' fhèoraich iad ciod a bha so a' ciallachadh? Agus dh' innis iad dhaibh, Gur amhail a thacair do gach neach truailidh: gu'm bi gach meadhon a ghnàthaichear chum deagh ainm a chosnadh dha na impidh air fhàgail ni's gràineile. B' amhail a bha na Phairisich, agus 's amhail a thachras do gach cealgair.

An sin thuirt Tròcair, bean Mhata, ri màthair-chéile, bu ghean-math leam, nan ceadaichte e, gu'm faicinn an dorus a th' air an leacainn, ris an abrar gu coitcheann an leth-rathad chum ifrinn. Dh' innis a màthair-chéile a h-iarrrtas do na buachaillean. An sin chaidh iad a chum an doruis, ni a dh' fhosgail iad, agus thuirt iad ri Tròcair, i dh' éisdeachd rè seal; Mar sin dh' éisd i, agus chual i aon ag ràdh, Mo mhallachd do m' athair a chum air m' ais mi o shlighe na sìth' agus na beatha; agus thuirt neach eile, Och nach rob mi air mo reubadh ás a chéile, mu'n do chaill mi m' anam a shaoradh mo bheatha; agus thuirt neach eile, nam bithinn a rithist an toiseach mo bheatha, 's mi a chaitheadh i air mhodh a shaoilinn nach toilleadh an t-àite so. Bha 'n talamh mar gu'm b'ann air chrith foipe le osnaich agus le gearan cràiteach; ni a chuir eaga' mòr air Tròcair, agus thàinig i air falbh uaithe, air bhall-crith, ag ràdh, is sona gach neach a shaorar o'n àite so.

An uair a nochd na buachaillean gach ni dhiù sin dhaibh, thug iad a rithist air an ais iad chum na lù-chairt agus bhàirig iad orra, gach ni a b'fhearr a bh'aca: Ach ghabh Thròcair déidh air ni-eigin a chunnaic i 'san taigh, agus bu nàr leatha iarraidh: an sin dh'fhiosraich a màthair-chéile, ciod a bha cuir oirre, oir thuig i nach robh i gu math. An sin thuirt Tròcair, tha sgàthan anns an t-seòmar mhòr nach urrainn domh a leigeadh as m' aire; agus mar faigh mi e, 's eagal leam nach bi mi slàn. Thuirt a màthair-chéile rithe, gu'n labhradh ise ris na buachaillean mu'n ni a bha i 'miannachadh; agus cha diùlt iad dhut an ni air am beil do dhéidh. Ach thuirt i gu'm bu nàr leatha gu'n cluinneadh iad gun robh a mhiann oirre. Ach thuirt ise rithe nach bu nàr idir, ach gu'm bu chliùiteach an ni déidh a bhi aice air a leithid sud: thuirt i an sin nam biodh i cho math, ma ta, agus fheòraich dhiù an reiceadh iad rithe e.

Thug an sgàthan barr air mìle. Air aon seòl nochdadh e do dhuine a dhreach féin gu riochdail: agus le thionndadh air dòigh eile, leigeadh e fhaicinn do neach ceart aghaidh agus sàmhla Ceann-feadhna nan eilthir-each féin. Labhair mi uime riu-san d'an aithne e, (1 Cor. xiii. 18; 2 Cor. iii. 18.) agus thuirt iad, gu'm fac iad an ceart chrùn sgithich air a cheann, le amharc 'san sgàthan sin; chunnaic iad mar an ceudna na creuchdan a bha 'na làmhan, 'na chasan, agus 'na thaobh. Tha a' ghlaine so cho luachmhor, 's gu'n nochd i dhaibh e mar is àill leo, beò no marbh: air nèamh no air thalamh; ann an staid irisleachaidh no àrdachaidh; a' teachd gu fulang no a rìoghachadh.

Uime sin chaidh a' Bhana-chriosdaidh far an robh na buachaillean, d'am b'ainm Eòlas, Féin-fhiosrachadh, Furachair, agus Tréibh-dhìreach, agus thuirt i riu, gu'n robh bean a mic, mar bu tric a bhiodh mnathan òga, gabhail deidh mhòr air ni-eigin a bha aca, agus gur e air leatha nach biodh i slàn às eugmhais.

*Néin-fhiosrachadh.* Gairm an so i, cha bhi aon ni



is urrainn duinn a thoirt d'i nach faigh i. Rinn iad guth rithe, agus thuirt iad, a Thròcair, ciod a b' àill leat fhaotainn? Thàinig rugha 'na gruaidh, agus thuirt i, Gun robh an sgàthan ud a bha 'n crochadh 'san t-seòmar mhòr: agus ruith Tréibh-dhireach ga iarraidh, agus thug iad dh'i e le làn ghean-math. An sin thug i buidheacheas daibh ag ràdh, gun robh fios aice le so gu'n d'fhuaire i deagh-ghean 'nan sùilean.

Thug iad mar an ceudna do na mnàthan òg eile gach ni a mhiannaich iad, agus mòr chliù d' am fearaibh a chionn gun deach iad le Misneachail a chuir às do dh' Fhamhair-gun-dòchas, agus a sgrios Daighneach-an-teagamh.

Chuir na buachaillean usgraichean bràghaid mu mhuineal na Bana-chriosdaidh, agus mu mhuineal mnàthan a cuid mac, chuir iad mar an ceudna fhàilean 'nan cluasan, agus seudan rìomhach air an aodannan.

An uair a b' àill leo imeachd, leig iad air falbh iad ann an sìth, ach cha d' rinn iad na h-urrad gan comhairleachadh 's a rinn iad air Criosdaidh agus air a chòmpanach, a chionn gun robh Misneachail a' deanamh an iùil daibh, neach a bha gu glic, seòlta, na'm faiceadh e cunnart a' tighinn 'nan dàil.

Dhi-chùimhnich Criosdaidh agus a chòmpanach na h-earailean a thug na buachaillean daibh, mu'n tàinig àm dhaibh feum a dheanamh dhiù. Uime sin 'se so aon chothrom a bh' aig a' bhuidheann so orrasan a bh' air thoisich orra: agus 'nuair, a dh'imich iad shéinn iad mar so:—

“ Nach iomchaidh tha na h-ionaid stad,  
Do dh' eilthirich 'nan teinn;  
'S mar ghabh iad ruinn gu fàilteachail,  
Gun iargaltas 'nam meinn:

Thug dhuinn gach ni a mhiannach sinn,  
Gun uireasbhuidh no dith;  
A threòraich air ar turas sinn,  
Gun mheathacha' no sgios.”

'S an uair a dhealaich iad ris na buachaillean, thàinig

iad chum an àite 'san do thachair Pill-air-falbh, a bha thàmh ann am baile Dol-air-ais, air Crìosdaidh. Air an aobhar sin chuir Misneachail 'nan cùmhnè e, ag ràdh riu, gur ann a thachair e air. Agus mu dhéimhinn an duine so, cha ghabhadh e chomhairle sam bith ach an uair a theann e ri dol air ais, cha chuireadh impidh stad air.

Oir an uair a thàinig e far an robh an crann-ceusaidh agus an uaigh, thuirt fear ris, sealltainn orra; ach 's ann a chuir e dréin air, agus thuirt e gu'n robh e' cur roimhe dol air ais da thèr féin. Mu'n tàinig e chum a' gheata thachair Soisgeulaich air, a mhaoidh air, chum a chuir air an t-slighe a rithist, ach cha rachadh Pill-air falbh so ann, 'sann a thòisich e r'a chàineadh agus thà e às uaithe.

Mar sin chaidh iad air an aghaidh, agus chunnaic iad fear 'na sheasamh le chlaidheamh rùisgte 'na làimh, agus aodann làn fala, dìreach aig an àite 'san deach Beagcreideamh a spùilleadh. An sin thuirt Misneachail, Cò thusa? Fhreagair an duine, 'g ràdh, Is fear-cuairte mi, agus tha mi air mo thuras chum a' bhaile nèamhaidh. 'S e m' ainm Gaisgeil-air-son-na-fìrinn. 'S am feadh a bha mi air mo thuras, thug triùir dhaoine ionnsaidh orm, a labhair rium air a mhodh so: 1. "Co dhiù bhithinn mar fhear dhiùsan? 2. No rachainn air m' ais chum an ionaid as an tàinig mi? 3. No bàs fhaighinn far an robh mi?" (Gnà. i. 11—14.) Ris a' cheud ni thuirt mi, gun robh mi rè ùine mhòr am dhuine seasmhach, agus uime sin nach b' ion a smuainteach a nise gu'n gabhainn le méirlich. An sin dh'fheòraich iad diom ciod a theirinn ris an dara ni? Agus dh'innis mi dhaibh, mar mothaichinn an t-ionad o'n tàinig mi mi-ghoireasach, nach tréiginn idir e, ach air dhomh a thuigsinn gu'n robh e mar sin, ghabh mi an dòigh so a roghainn air. An sin dh'fheòraich iad diom mu'n treas ni. Agus thuirt mi riu, Gu'n robh mo bheatha mi bu luachmhoire, na gu'n dealaichinn gu facin rithe. Os barr na bhùin e idir dhuibhse na nithe sin a chuir fa m

roghainn, agus gabhaibh cuid 'ur cunnart ma bheanas sibh idir rium. An sin thug an triùir ud, da'm b'ainm fiadh-cheann, Cion-tùir agus Meachranach, ionnsaidh orm, agus thug mise ionnsaidh orrasan. Mar sin thòisich sinn, triùir an aghaidh a h-aon, agus mhair a' chaonnag fad thrì uairean. Bhuilich iad orm, mar tha sibh a' faicinn, combarran air an gaisge, agus ghiùlan iad leo rudeigin de thoradh mo threubhantais-se cuideachd. Cha d' rinn iad ach dìreach falbh, oir 's i mo bharail gun cual iad fathrum 'ur cas, agus theich iad.

*Misneachail.* Bu neo-chothromach an t-suasaid a bh' agaibh.

*Gaisgeil.* B'fheadh; ach nì e-san aig am beil an fhèrinn air a thaobh gaisge an aghaidh beagain no mòrain: Thuir aon neach, ged' a chuartaich feachd mi, cha bhì eagal orm: ged' éirich cogadh am aghaidh, an so bitidh mo mhuinghinn, &c. A bharr air sin, thuir e, leugh mi ann an eachdraidh, gun do chuir aon duine an ruaig air armailt; agus cia iomadh fear a mharbh Samson le cnaimh-peirceill asail?

*Misneachail.* Ach o nach d' fhuair thu cothrom na Féinne, c'arson nach do ghlaodh thu, chum gun tigeadh neach-éigin gu d' chòmhnadh?

*Gaisgeil.* Rinn mi sin ri m' Rìgh, a bha fhios agam a chluinneadh mi, agus a chuireadh còmhnadh diomhair am ionnsaidh: agus bu leòir leam sin.

*Misneachail.* Is ciatach a rinn thu; leig leam do lann fhaicinn; agus rinn e sin.

An uair a ghlac e 'na làimh i, 'sa dh' amhairc e oirre, thuir e, O ho! is an de shàr-lannan Ierusalem i so.

*Gaisgeil.* 'S ann gu deimhinn. Ma bhios aon de na lannan sin ann an làimh cheart, a bhios 'na chliaranach math air a cù, faodaidh e ionnsaidh a thoirt air aingeal leatha. Cha n-eagal gu'n géill i, m' as aithne dhas' a h-iomairt. Cha mhaolaich a faobhar idir. Gearraidh i feòil agus cnàmhain, anam agus spiorad le chéile.

*Misneachail.* Mhair a chò-stri ùine mhòr, 's ògùnadh leam nach eil thu sgèth 'na deigh.

*Gaisgeil.* Chathaich mi gus an do lean mo chlaidheamh ri m' làimh ; agus an sin bha iad cho tàdhaite ri chéile, 's ged a b'ann á m' ghàirdean a dh' fhàsadh an lann, 's an uair a bha 'n fhuil a' síor shruthadh sìos o m' làimh, 's ann bu chruadalaich a bha mi.

*Misneachail.* Is math a fhuaradh tu ; sheas thu gu fuil, a' cathachadh an aghaidh peacaidh ; buanaichidh tu leinne, thig thu steach agus théid thu mach maille ruinn ; oir is sinne do dhearbh chòmpanaich.

An sin ghabh iad ris, dh' ionnlaid iad a chreuchdan, agus thug iad da cuibhrionn de gach ni bha aca chum ath-bheothachadh ; agus dh' imich iad maille ri chéile. A nis', am feadh a bha iad ag imeachd, chuir Misneachail iomadh ceist air, mar tha "cò bu dùthaich dha?"

*Gaisgeil.* Thàinig mi o'n Tìr-dhorcha, 'sann innte a rugadh mi, agus tha m' athair agus mo mhàthair fhathast a' chòmhnaidh innte.

*Misneachail.* An tìr dhorcha ! nach eil i sin goirid o bhaile an Leir-sgrìos ?

*Gaisgeil.* Tha i. Agus 's e an ni a bhrosnach mi gu triall air eilthreachd, gu'n robh fear 'n-ar measg ris an abradh iad Fìrinneach, agus dh' innis e mar dh' éirich do Chrìosdaidh a dh' fhàg baile an Leir-sgrìos ; eadhon mar dh' fhàg e 'bhean agus a chlann, agus a dh' imich e air a thuras. Bha e cuideachd air aithris mar mharbh e nathair a theann ri stad a chur air, agus mar ràinig e 'n t-àite bha mhiann air. Chaidh aithris mar b'e a bheatha anns gach ionad-stad a bh' aig a Thigh-earna, gu sònraicht' an uair a ràinig e am baile nèamh-òidh ; oir, ars an duine, chaidh ghabhail ris le gàird-eachas agus le fuaim thròmpeidean, a rinn cuid-eachd dhealrach air a shon. Dh' innis e fòs gu'n do shéinn na cluig le aoibhneas a chionn gun d' ràinig e ; agus gun deach trusgan òir a chuir uime, maille ri òrna ni air nach toir mi luaidh. An aon fhacal, rinn sgeul an duine mu Chrìosdaidh na h-urrad dhrùghaidh orm, 's gun robh mi 'n ro gheall air falbh 'na dheigh ; air chòr 's nach gabhainn comhairle athar no màtha. gun dol ann ; agus tha mi an fhad so air m' aghaidh.

*Misneachail.* 'Tha dòchas agam gun tàinig thu staigh air an dorus ?

*Gaisgeil.* Thainig mi ; oir thuir an duin' ud riun, nach dìongadh e a bheag dhomh, mar a rachainn a staigh air an dorus chumhann.

*Misneachail.* Feuch, ars' am fear-iùil ris a' Bhana-chriosdaidh, mar tha iomradh air eilthireachd, t'fhir air sgaoileadh am fad 's am fagus.

*Gaisgeil.* An i so bean Chriosdaidh ?

*Misneachail.* 'S i ; agus is iad sin a chearthar chloinne.

*Gaisgeil.* Agus a' triall air eilthireachd cuideachd ?

*Misneachail.* Tha gu deimhinn iad a' dol 'na dheigh.

*Gaisgeil.* Is math leam sin. 'S àit leis an duine chòir 'nuair a ch'è iad, a' dol a staigh do'n bhaile nèamhaidh, ged nach falbhadh iad leis féin.

*Misneachail.* Gun teagamh is toil-inntinn leis e, oir an taobh a muigh da shonas féin, 's cinnteach gur e nì is annsadh leis, a bhean agus a chlann a bhi tearuinnte.

*Gaisgeil.* Ach o'n a tha sinn a' labhairt uime sin, guidheam ort, leig dhomh do bharail uime a chluinntinn. Tha cuid a' cur an teagamh nach aithnich sin a chéile 'san ath-shaoghal.

*Misneachail.* Am beil dùil aca gu'n aithnich iad iad féin. no gu'm bi aiteas orra r' an sonas féin ? Agus ma tha dùil aca gu'm bi chùis mar sin, c'ar son nach aithnich iad muinntir eile, agus nach dean iad gàirdeachas 'nan sonas ?

A rithist, o'n a tha dàimhean ro ionmhuinn leinn, ged a chuir am bàs ceangal na dàimhean sin fa-sgaoil, c'ar son nach faodar a smuaineachadh gu cothromach, gur annsa leinn am faicinn san àite shona sin, no gun iad a bhi ann ?

*Gaisgeil.* Tha mi tuigsinn do bharail mu'n chùis so. Am beil tuilleadh agad ri fhèdraich mu thùs mo thurais-sa !

*Misneachail.* Tha sin agam ; An robh t' athair agus do mhàthair deònach thu dhol ann ?

*Gaisgeil.* Cha robh idir; b' àill leo gach ìmpidh a chuir orm gu fuireach aig an taigh.

*Misneachail.* Ciod a bh' aca r' radh 'na aghaidh?

*Gaisgeil.* Thuirt iad nach robh ann ach caithe-beatha nach b' fhiù; agus mar bithinn féin gu leisg lunnadh nach miannaichinn am feasd a leithid.

*Misneachail.* Agus ciod tuilleadh a thubhairt iad?

*Gaisgeil.* Thuirt iad nach robh ann ach dòigh chunnartach; gur i 'n t-slighe air am beil luchd-cuairt ag imeachd an t-slighe is dosgainnich air domhain.

*Misneachail.* An do nochd iad dut cia ann a bha 'n cunnart a' co-sheasamh?

*Gaisgeil.* Nochd iad air iomadh dòigh.

*Misneachail.* Ainmich cuid diù.

*Gaisgeil.* Dh'innis iad domh mu shloc na Mi-mhinnich, far an do theab Criosdaidh a bhi tachdte. Dh'innis iad domh gu'n robh luchd-tilgeadh shaighead 'nan uidheam ann an Dùn Bheelseuib, a' thilgeadh gach neach a bhuaileadh aig a' Gheata chumbann, a dh'iarradh dol a steach. Dh'innis iad fòs domh mu'n choille, mu na sléibhtean dorcha, mu Bhruthach-na-h-éigin, mu na leòghain, agus mu na famhairean. A bharr air sin thuirt iad gun robh droch-spiorad a' tadhall Gleanna-na-h-Irioslachd, agus nach mòr nach tug e buaidh air Criosdaidh. Os-barr, thuirt iad gu'm b' éigin domh dol tre Ghleann-sgàil-a' bhàis, far am beil na h-ùrraisgean, far am beil an solus 'na dhorchadas, far am beil an t-slighe làn shloc, stac, agus aibhnichean, far am beil iomadh ribe agus ceap-tuislidh. Dh'innis iad fòs domh mu Fhambair-gun-dòchas, mu dhaighneach-an-teagamh, agus mu'n sgiorradh a bha teachd air luchd-cuairt ann. A bharr air sin, thuirt iad gu'm b' éigin domh dol tre thalamh na drùidheachd, a bha ro-chunnartach. Agus an déigh gach ni dhiù so, gu'n tachradh abhainn orm, gun aon drochaid, a bha eadar mi agus am baile nèamhaidh.

*Misneachail.* Am b'e sin an t-iomlan?

*Gaisgeil.* Cha b'è; thuirt iad rium gun robh an rathad so làn do chealgairean, agus do dhaoine a bha ri foill-fheitheamh chum daoine matha chur air seacharan.

*Misneachail.* Ach cionnas a rinn iad sin a mach?

*Gaisgeil.* Dh'innis iad domh gu'n robh Gliocas-saogh-alta ri feall-fhalach chum daoine a mhealladh. Thuirt iad mar an ceudna gu'n robh Riaghailteach agus Cealgach do ghnà air an t-slighe. Thuirt iad fòs, gun tugadh Cealgach, Bruidhneach, no Demas, teann ionnsaidh air mo ghlacadh: gu'n glacadh an sodalaich mi 'na lion, no gu'm falbhainn le ceann gun tùr Aineolach, gu h-ann-dàna chum geata fhlaithis, a chaidh a chuir air ais chum an doruis a bh'air slios na leacainn, 'sa chaidh chuir air an fhrith-rathad do dh'ifrinn.

*Misneachail.* 'S meallta mi mar bu leòir sin a thoirt mi-mhisneach dhut, ach an do sguir iad a nise?

*Gaisgeil.* Cha do sguir idir; dh'innis iad domh mu ioma neach a thug o shean ionnsaidh air an dòigh ud, sa lean fad air a thòir, a dh'fheuch am faigheadh iad a mach a bheag do'n t-sonas mu'n deach na h-urrad a labhairt o àm gu h-àm; agus mar thàinig iad air an ais mar dh'fhalbh iad, a' deanamh amadain diù féin, a chionn gu'n d'fhalbh iad air an turas, gun iad a bhuanachadh ann. Dh'ainmich iad daoine rinn sin, mar bha Ceann-laidir agus Socharach. An-earbs, agus Cion-cruadail, Pill-air-ais, agus Fear-àicheadh-Dhé, le iomadh neach eile, a chaidh fad a dh'fhaicinn ciod a gheibheadh iad; ach nach d'fuair a h-aon diù a bheag an co-lorg an dragha.

*Misneachail.* An tubhairt iad a bheag tuille chum mi-mhisneach a thoirt dut?

*Gaisgeil.* 'S iad a thubhairt; labhair iad mu fhear do' m b' ainm Eagalach a dh'fhalbh air a thuras; agus mar mhothaich e'n t-slighe cho aonaranach 's nach robh uair shubhach no shòlasach aige fad a thurais: Mar an ceudna gu'n do theab Trom-inntinn, dol bàs le gorta; seadh agus ni eile theab mi dhi-chùimhneachadh, mu Chrìosdaidh féin, ge bu mhòr a' bhòilich a bh' air

daoine mu na rinn e, chum crùn nèamhaidh fhaotainn, gun deach gun teagamh a chall air an Abhainn duibh, agus nach rachadh e ni b' fhaide: ach cha n-aidicheadh iad a' chuid so de'n naigheachd.

*Misneachail.* Agus nach tug a h-aon do na nithibh sin feachd asad ?

*Gaisgeil.* Cha tug; chuir mi suarach an t-ìomlan diù.

*Misneachail.* Cionnas a thachair sin ?

*Gaisgeil.* Chreid mi gu'm bi 'n fhìrinn a dh' innis Fìrinneach, agus thug sin buaidh orr' uile.

*Misneachail.* Thug do chreideamh buaidh ma ta.

*Gaisgeil.* Thug gu deimhin; chreid mi; uime sin dh' fhalbh mi, dh' imich mi air an t-slighe, chog mi ris gach neach a chuir iad-féin am aghaidh, agus 's ann tre chreideamh a thàinig mi an fhad so.

Mu'n àm so thàinig iad chum fearann na drùidheachd, far an tric a dh' fhàs daoine trom neo-shunntach; agus bha 'n t-ionad uile làn dh'ris agus droighnich, ach anu an còrr àite gu'n robh sìth-bhruthan ann, agus na'n suidheadh no na'n caidleadh duin' annta, tha e air aithris nach éireadh agus nach dùisgeadh e suas tuille sa' bheatha so. Dh' imich iad ma ta tre'n choille so, agus rinn Misneachail an t-ìul daibh; agus dh' imich Gaisgeil air son-na-fìrinn 'nan déigh, 'na chùl-fhreiceadan, air eagal gun tugadh droch-spiorad, dràgon, famhair, no méirleach ionnsaidh orra. Chaidh gach fear air aghaidh 'san àite o le chlàidheamh rùiste 'na làimh: oir bha iad fiosrach gu'm b' àite cunnartach e. Chum iad suas misneach a chéile, cho math 's a dh' fhaod iad; agus thug Misneachail air Iuntinn-lag a bhi aig cùl a shàlach, agus bha Trom-inntinn air cùram Ghaisgeil.

Ach cha deach iad ach goirid 'nuair a thuit dall-cheò mu'n timchoill uile, ionnas gur gann a chitheadh iad a chéile; air chor 's gu'm b' éigin daibh a chéile fhaotainn a mach le cainnt, oir cha robh iad ag imeachd le bhi faicinn.

Ach faodaidh neach a shaoilsinn nach robh so ach cearr do'n chuid bu treubhaiche dhiù, gu h-araidh do na



mnathaibh agus do'n chloinn, nach robh ach maoth an da chuid 'nan casan agus 'nan cridhe. Gidheadh le brosnachadh sgairtail agus caomh-earail am fir-iùil, agus a' chùl-fhreiceadain a bh' air an déigh, thàinig iad gu math air an aghaidh.

Bha 'n t-slighe san àite so anabharra docair agus trom le làthaich agus le salachair. Cha robh air fad an fhearainn so taigh-èsa sam bith far am faigheadh iad aon ni bha dh' uireasbhuidh orra, chum càil na muinntir bu laige a neartachadh. An so ma ta bha ùinich, àinich, agus osnaich ; am feadh a bha aon a' tuiteam thar preas, bha aon eile a' stailceadh 'san làthaich, agus a' chlann a' call am bròg san eabar. Am feadh a ghlaodhadh aon, tha mis am shìneadh, theireadh aon eile, O ! c'ait am beil sibh ? theireadh an treas neach gu'n robh e'n sàs ann am preas, air chor 's gur gann a b' urrainn e teachd às.

Thàinig iad an sin chum sìth-bhruth, a bha blàth taitneach, a' furan ùrachadh agus beothachadh mòr do dh' eilthirich shàraichte mar bha iadsan ; oir bha e gu ro ghasta 'na uidheam, leis gach ni goireasach. Bha leabaidh bhog thlà ann, far am faodadh an t-airisneulach a shìneadh. Le còr nan eilthireach a thoirt fainear, shaoileadh tu gu'n robh so na chulaidh-buairidh a bha mòr ; oir bha na fhuair iad a dh' allaban air an sarachadh ; ach cha d'rinn aon diù stad gu fantainn 'san àite so. 'S ann a thug iad géill cho math do dh' iarrtas an fhir-iùil, agus shoilleirich e-san an cunnart daibh cho riaghailteach, 's gur ann an uair bu dlùithe dhaibh iad, bu mhisneachail a sheachnadh iad iad, agus mboladh iad d'a chéile ana-mhiann na feòla àicheadh. B'e ainm an t-sìth bhruth so, Caraid-an-dearmadaich, chum, na'm bu chomasach e, gu'm faodte cuid de'n luchd-cuairt a thàladh a staigh ann, 'nuair a bhiodh iad gu fann sgìth.

Chunnaic mi 'n sin am aisling, gu'n d'imich iad air an aghaidh san fhearann aonaranach so, gus an dràinig iad ionad sam beil duine ullamh gu 'rathad a chall. Ged a bha'm fear-iùil làn-eòlach air an t-slighe ri solus an

latha, gidheadh fhuair e a shàrachadh 'san òidhche. Ach bha aige 'na chuideachd cairt-iùil air gach slighe a bha dol a chum, a' bhaile nèamhaidh agus uaithe; uime sin bheothaich e teine, oir bha acuinn-thein' a ghnà air a ghiùlan, agus dh' amhairc e air a' chairt-iùil, ni leis an do thuig e gu'm b' fheumail da gabhail chum na làimhe deise. Agus mar biodh e cùramach 'san àite so, dh' fhaodadh iad a bhi air an call 'san làthaich; oir bha dìreach beagan rompa sloc anabharrach domhain, a chaidh a chladhach a dh' aon-obair gu cuir as do na h-eilthirich.

Smuainich mi'n sin nach b' iomchaidh do neach sam bith falbh air a thuras gun riaghailt mar sud a bhi aige, chum gu'n sealladh e air an uair a bhiodh e'n cunnart dol am mearachd.

Chaidh iad air an aghaidh mar so am fearann na drùidheachd, gus an tàinig iad far an robh sìth-bhruth eile, a bha ri taobh na slighe. Bha dithis dhaoine 'nan sìneadh ann, d'am b'ainm, Cion-faicill, agus Ròdhana. Thainig an dithis ud an fhad so air an turas; ach air dhaibh a bhi sgìth shuidh iad sìos, agus thuit iad 'nan cadal. An uair a chunnaic Misneachail 's a chuideachd iad, sheas iad, agus bu truagh leo iad; oir thuig iad gu'm bu chunnartach an còr. Smuainich iad ciod a dheanadh iad, cò ac' a b' fhearr dhaibh gabhail seachad gun ghnòthach a ghabhail riu, no dol agus oidheirp a thoirt air an dùsgadh. Shònraich iad dol do'n ionsaidh, chum am mosgladh suas, na'm bu chomasach e; ach gu'n tugadh iad an ro aire nach suidheadh iad-féin.

Chaidh iad far an robh na daoine, agus labhair iad riu air an ainm, oir dh' aithnich am fear-iùil iad, ach cha tug iad freagradh dhaibh. An sin chrath agus spìon am fear-iùil iad, agus rinn e na dh' fhaod e chum an dùsgadh. An sin thuirt fear dhiù, Bheir mi pàigheadh dhut 'nuair a gheibh mi airgead. Thug na briathran so air an Fhear-iùil gu'n do chrath e a' cheann. Cha sguir mi do chòmbrag cho fad 's a théid agam air mo chladheamb a chumail am làimh,

arsa am fear eile. Le sin a chluinntinn rinn fear de'n chloinn gàire.

An sin thuir a' Bhana-chriosdaidh, ciod is ciall d'a so? Thuir am fear-iùil, Gu'n robh iad a' cainnt' nan cadal. Ged a bhuail thu iad, no ge b'e ni a nìdh thu orra, 's ann air an dòigh so a fhreagras iad thu: no mar thuir fear dhiù féin roimhe so, an uair a bha tuinn na fairge ga bhualadh, 's a bha e 'na chadal, mar gu'm b'ann, am barr a' chrionn. (Gnà. xxiii. 34, 35.) An uair a mhosglas mi iarraidh mi rithist e. Tha fios agaibh 'nuair labhras daoine 'nan cadal, gur coma leo ciod a their iad; agus nach eil na labhras iad air a riaghladh le creideamh no le reusan. 'S e so brìgh na cùise, 'nuair a théid muinntir neo-chùramach air thuras, 's math an ràth dhaibh mar ann mar so a dh' éireas daibh. Oir 'se fearann so na drùidheachd aon do na h-ionnsaidhean mu dheireadh a bheir nàmhaid nan eil-thireach orra, uime sin tha e goirid o cheann na slighe, chum 'nuair bhios daoine gu h-airseulach sgèth, gur dàch iad fois a ghabhail ann. 'S ann air a shon sin a tha fearann na drùigheachd cho dlù air tìr Bheulaih, agus cho fagus air crìch ar cuairt. Air an aobhar sin, thugadh luchd-cuairt an aire dhaibh-san, a thuit 'nan cadal, agus nach gabh dùsgadh.

An sin dh' aslaich an luchd-turais gu'n rachadh iad air an aghaidh, agus am fàgail; agus gu'n lasadh e solus dhaibh, chum 's gu'm bu leur dhaibh air a' chuid eile do'n t-slighe, (2 Pead. iv. 19.) Rinn e mar sin agus bha solus aca rè na cuid' eile do'n t-slighe, ged a bha dorchadas mòr ann. Ach thòisich a chlann ri bhi ro sgèth; agus dh' éigh iad ris-san leis an ionmhuinn luchd-cuairt, an t-slighe a dheanamh ni bu shocraiche dhaibh. Agus air dhaibh dol tamall beag air an aghaidh, dh' éirich gaoth a sgaoil an ceò, ionnas gu'n robh e ni bu shoilleire.

Gidheadh cha robh iad fhathast á fearann na drùigheachd, ach a mhàin gu'm bu léir dhaibh an taobh a ghabhadh iad ni b'fhearr.

An uair a bha iad dlù air bhì as an fhearann so, chual iad rompa torman o neach a bh' ann an iomagain. Agus an uair a thàinig iad far an robh e, chunnaic iad fear air a dhà ghlùn, le làmhan agus a shùilean togte suas, is e, air leo, a' labhairt gu dùrachdach ri aon a bha os a cheann. Thàinig iad dlù dha, ach cha robh iad a' tuigsinn ciod a bha e 'g ràdh; agus rinn iad air an socair gus an robh e 'na thosd. An uair a sguir e, dh' éirich e, agus thoisich e ri ruith chum a' bhaile nèamhaidh. An sin ghlaodh Misneachail ris e dheanamh stad beag, gus am biodh iadsan leis, m'as ann air a thuras chum a' bhaile nèamhaidh a bha e. Le so a chluinntinn stad e, agus thàinig iad far an robh e. Cho luath 's a chunnaic Ionraic e, thuirt e, 's aithne dhomhs' an duine so. An sin thuirt Gaisgeil, cò e? Is e a th'ann fear a thàinig as a choimhearsnachd as an tàinig mise, 's e ainm Bi-gramail; is deagh fhear-cuairt e.

Mar so thàinig iad am fagus da chéile; agus thuirt Bi-gramail ri sean Ionraic, O! athair Ionraic, am beil thus' an so? Tha mi, ars' esan, cho ciunteach 'sa tha thus' an sin: 'S buidheach mi dheth, arsa Bi-gramail, a chionn mi t'fhaotainn air an t-slighe-sa. Tha mis', ars' am fear eile, cho toilichte gu'm faca mi air do ghlùinean thusa. An sin thàinig rughadh an aodainn Bhi-gramail, agus thuirt e, Ach am faca tusa mi? Chunnaic mi, ars' am fear eile, agus bha aiteas orm air a shon. C'arson, ciod a smuainich thu? arsa Bi-gramail. Ciod a smuainich mi? arsa sean Ionraic, ciod bu chòir dhomh a smuaineachadh? Air leam gu'n d' amais duine còir oirun air an t-slighe, agus gu'm biodh a dheagh chuid-eachd againn air ar turas. Is toilichte bhithneas mise m'ar mothaich thu bhì air do mhealladh 's a bharail a th' agad umam. Tha t'eagal 'na dheagh chomharradh leam ort, gum beil a' chùis gu math eadar t'anam agus Ceann-feadhna an luchd-cuairt; oir ars' esan, Is beannaicht an tì air am bi gnà eagal.

*Gaisgeil.* A nis' a bhràthair, innis duinn an t-aobhai mu'n robh thu 'san àm so air do ghlùinean? An ann

air son sochairean sònraicht a bhuilicheadh ort a bha e no nach ann ?

*Bi-gramail.* Tha sinn, mar tha fios agaibh, 'san àm air fearann na drùidheachd ; agus am feadh a bha mi teachd air m' aghaidh, bha mi meòraich rium féin mu chunnart an àite so, agus air a cho lion fear a thàinig an fhad so air an deach stad, agus an sgrios 'san àite so. Bha mi mar an ceudna a' smuaineachadh air a gnè, bhàis a bha cuir às do dhaoine anns an àite. Cha n-eil iadsan a gheibh am bàs san àite so, air am bualadh le aon ghalar buaireasach ; cha mhò tha e 'n aghaidh an toile ; oir tòisichidh e-san a théid a dhì 'na chadal air an turas le miann agus taitneachd.

*Ionraic.* Am faca tu 'n dithis dhaoine a bha 'nan cadal 'san t-sìth-bhruth ?

*Bi-gramail.* Chunnaic mi, Cion-faicill agus Ro-dhàna, an sin, agus a thaobh aon ni is aithne dhomhsa, laidhidh iad an sin gus an lobb iad. Ach mar bha mi 'g ràdh, air dhomh a bhi mar sud a' meòraich thachair boir-eannach ann an trusgan ro thaitneach orm, ach bha i sean agus thàirg i dhomh trì nithe, 'se sin, i-fein, a sporan, agus a leabaidh. A nise bha mi 'san àm gu h-airisnealach tròm : bha mi fòs ro uireasach, agus theagamh gu'n do thuig a chré gun nàire sin. Chuir mi cùl rithe uair no dhà ; ach chuir i mo dhearmad air faoin-eachd, agus rinn i fàite gàire. An sin thòisich mi ri miotlachd a ghabhail, ach cha robh umhail aice dha sin. An sin thug i tàirgs' eile dhomh, agus thuirt i rium na'n aontaichinn leatha, gun deanadh i mi gu sona saibhir ; oir 's leamsa, ars' is', an domhan uile, agus is mis' a tha fàgail dhaoine sona. A nise dh' fheòraich mia h-ainm agus thuirt i gu'm b'e Faoin-eachd a h-ainm. Mhendaich so m' fhuath dh'i ; ach bha i ga sìor fhuran orm. An sin chaidh mi air mo dhà ghlùn, agus le m' làmhan togte ri nèamh, rinn mi ùrnaigh ris-san a gheall mo chòmhnadh. Agus dìreach mar bha sibhs a teachd far an robh mi, dh'fhàg i mi : an sin bhuaich mi air toirt buidheachais air son mo shaoraidh, oir 's cinnteach

nach ann o aon rùn math a rinn i e; ach a chum stad a chuir orm air mo thuras.

*Ionraic.* Cha n-eil teagamh sam bith nach robh a rùn gu h-olc. Ach o'n a chuir thu am chùimhne e air leam gu'm faca, no gu'n do leugh mi uimpe ann an àit-eigin.

*Bi-gramail.* Theagamh gu'n do thachair an dà chuid.

*Ionraic.* Nach eil Faoineachd! 'na boireannach mòr eireachdail, rud-eigin dorcha sa chraiceann?

*Bi-gramail.* Tha i, dìreach mar thuirt thu.

*Ionraic.* Nach labhair i gu ciùin, agus nach crìochnaich i gach fàcal le fàite gàire?

*Bi-gramail.* Thuig thu gu math: 'S e sin dìreach a gnàth

*Ionraic.* Nach eil i caitheadh sporan mòr r'a taobh? agus a lamh gu tric ann, a' làimhseachadh a cuid airgeid, mar gu'm b'e sin miann a cridhe?

*Bi-gramail.* Tha gu deimhin: ged a bhiodh i 'na seasamh fa d' chomhair cha b' urrainn thu a h-eugmhas innseadh ni bu riochdaile.

*Ionraic.* 'S cinnteach ma ta gu'n robh am fear a tharrainn a dealbh 'na dheagh fhear-ceairde, agus gu'm b'fhior na chaidh a sgrìobhadh uimpe.

*Misneachail.* Is ban-fhiosaich am boireannach ud; agus is ann tre chumhachd a drùidheachd a tha 'n talamh so fo gheasan: Ge b'e leagadh a cheann air a h-uchd, bu cho math dha a chuir air sorachan aig am biodh tuadh an crochadh os a cheann; agus tha e-san a bheir spéis da h-eireachdas air a mheas 'na nàmhaid do Dhia. 'Si so an té a tha cumail gu greadhnach gach nàmhaid a th' aig na h-eilthirich. (Seum. iv. 4; Eoin ii. 15.) Seadh, 's i so a thug air ioma fear-cuairt cùl a chuir r'a thuras. Tha i ro fhuranach. Tha i-féin agus a cuid nighean an gnà thòir air fear no fear-eigin do na h-eilthirich, a sìor mhòladh a caithe-beatha dhaibh. Tha i gu dàna beag-narach; agus labhraidh i ri fear 'sam bith. Ni i fanaid air eilthirich bhochda, ach molaidh i iadsan a tha saibhir; ma bhios de sheòlt.

tachd aig fear na gheibh airgead ann an àite, labraidh i gu math uime o thaigh gu taigh. Is toigh leatha cùirm shòghail, agus bithidh i gu tric am measg na buidhne greadhnaich. Tha i an còrr àit' a' cur am fiachaibh gur bann-dia i, agus tha cuid a' toirt aoraidh dh'i. Tha àm, agus ionad àraidh aice chum a céilg a ghnàthachadh; agus their i gu beag-narach nach eil ni air bith an coimeas ris na tha is' a' tàirgse.—Geallaidh i gu'n gabh i còmhnaidh le cloinn na cloinne, m'as ionmhuinn leo i. Sgaoilidh i òr mar dhuslach as a sporan, an còrr àite, agus do mhuinntir àraidh. Is caomh leatha bhi'n tòir oirre, labhairt gu math uimpe, agus a bhi'n caidreamh dhaoine. Tha i déidheil air bhi ga moladh; agus 's iadsan leis an caomh i is docha leatha. Geallaidh i crùin agus rìoghachdan, ma ghabhas iad a comhairle; gidheadh 's ioma fear a thug i chum na croiche, agus a dheich mìle urrad chum ifrinn.

*Bi-gramail.* Och! nach bu mhath dhomhsa gun do chuir mi cùl rithe! no cha n-eil fhios c' àit an tugadh i mi?

*Misneachail.* 'S an aig Dia a mhàin a tha fios air a sin: ach cha n-eil teagamh nach claonadh i thu gu iomadh ana-mhiann cronail, a tha tarrainn léir-sgrios air daoine.

Is ise a chuir Absalom an aghaidh athar, agus Iero-boam an aghaidh a mhaighistir. Is ise bu cheann-fath air Iudas a reic a Thighearna; agus a thug air Demas beatha dhiadhaidh an eilthirich a thréigsinn; Cha n-eil aon neach is urrainn trian d'a h-olc innseadh: tha i cur eadar uachdarain agus iochdarain, eadar pàrantan agus clann, eadar choimhearsnaich, eadar fear pòsd agus a bhean, eadar duine agus e-féin, agus eadar feòil agus spiorad.

Air an aobhar sin a dheagh Bhi-gramail, bi a réir t'ainme, 's an uair a ni thu 'n t-iomlan, bi-gramail.

Le so a chluinntinn bha càileigin de ghàirdeachas agus de dh' eagal a measg an luchd-thurais.

An deigh so chunnaic mi gu'n tàinig iad a steach do thìr Bheulaidh, far am beil a' ghrian a' dealradh a latha agus a dh' òidhche. An so, a chionn gu'n robh iad sgèth, ghabh iad fois rè seal. 'Sa chionn gu'n robh eòir aig eilthirich air an tìr so, agus gu'm bu le Rìgh nam flaitheas na liosan-meas agus na fion-liosan a bha 'n so, bha comas acasan na dh'feumadh iad a ghabhail asda. Ach riun beagan ùine an ath-bheothachadh 'san àite so; oir bha na cluig agus na trompaidean a sìor shéirm cho binn, 's nach faigheadh iad cadal, gidheadh bha iad air an ath-bheothachadh cho math 's ged chaidleadh iad gu sàmhach, socrach. 'S e bu chainnt dhaibh-san a bha 'g imeachd feadh na sràide, Gu'n robh tuilleadh de luchd-cuairt' air teachd do'n bhaile; agus fhreagradh aon eile, 'g radh, Agus chaidh an urrad so dhiù thar an Abhainn agus a steach air a' gheat' òir an diugh. Ghlaodhadh iad a rithist, tha cuideachd mhòr do na daoine dealrach air teachd do'n bhaile; leis am beil sinn a' tuigsinn gu'm beil tuille do luchd-cuairt air an t-slighe; oir 's ann a tha iad air teachd a fhrithealadh dhaibh, 's a thoirt sòlais daibh an éirig an trioblaid. An sin dh' éirich an luchd-turais, agus dh' imich iad a null agus a nall: Ach 'sann a bha nise taisbeanan nèamhaidh a ghnà 'nam fradharc! Cha do mhothaich iad a bheag san tìr so, a bha mi-thaitneach dhaibh r'a chluinntinn, r'a fhaicinn, r'a làimhseachadh, no r'a bhlasad; ach a mhàin gur e air leo gun robh uisge na h-aibhne a bha aca ri dol thairis oirre rudeigin searbh do'n bhlas, ach an uair a shluigeadh iad e bha e milis.

Ann an àite so bha ainm nan eilthireach a bh' ann o shean sgrìobht', agus eachdraidh mu gach gnìomh ainmeil a rinn iad. Bha e 'na làn iomradh 'san àite so, mar lionadh an abhainn do chuid, 'sa thràigheadh i do chuid eile am feadh a bhiodh iad a' dol thairis.— 'S gann a mhothaich cuid boinne innte, am feadh a bha i thar a bruach an aig daoin eile.

'S an àite so bha clann a' bhaile cleachdta ri dol do liosaibh an Rìgh, agus flùranan a thional do'n luchd-



thurais, agus an toirt daibh gu càirdeil ; ann an so bha gach luibh chùbhraidh a' fàs, an caineil, agus gach gnè do spìosraidh taghta. Bba seòmraichean nan eilthireach ro chùbhraidh leis na nithibh sin, am feadh a bha iad sau àite so ; agus bha 'n cuirp air an ùngadh leo an uair a bha iad ri triall thar an abhainn, 'nuair a thigeadh an t-àm òrduichte.

'S am feadh a bha iad 'san ionad so, thàinig teachdaire o'n bhaile nèamhaidh le teachdaireadh chud-thromach a dh' ionnsaidh na Bana-chriosdaidh, bean Chriosdaidh an t-eilthireach. Chaidh h-iarraidh a mach, agus an uair a fhuaradh i, thug an teachdaire litir dh'i, air an robh sgrìobhta, "Fàilt ort a dheagh bhoireannaich ! tha mi toirt fios a t'ionnsaidh gu'm beil am Maighistir ga d' ghairm ; agus tha dòchas aige gu'n seas thu 'na làthair, sgeudaichte le neo-bhasmhorachd, fo cheann dheich làithean."

An uair a leugh e an litir so dh'i thug e comharradh riochdail gu'm bu theachdaire cinnteach e, a thàinig a dh' iarraidh oirre cabhag a dheanamh. Be'n comharradh a thug e dh'i, saighead air a geurachadh le gaol, a chaidh gu réidh chum a cridhe, a dh' oibrich orra cho drùighteach, 's gu'n robh i deònach falbh nuair thàinig an t-àm.

An uair a thuig a' Bhana-chriosdaidh gu'n robh an t-àm air teachd, 's gur i a bha gu tùs an rathaid a ghabhail air na bha 'na cuideachd, chuir i fios air Misneachail, am fear-iùil, agus dh'innis i dha mar bha chùis. Thuirt e rithe gu'm bu mhath leis a chluinntinn, agus gu'm b' àit leis n'am b'e féin a gheibheadh an cuireadh. An sin dh'iarr i air e dh' òrduchadh gach ni a chuir 'na uidheam a bha feumail fa chomhair a turais. Dh' innis e dh'i gur ann mar so a b' éigin a dheanamh : agus gu'n rachadh iadsan a bhiodh beò na déigh còladh rithe gu taobh na h-aibhne.

Chuir i 'n sin fios air a cloinn, agus thug i dhaibh a beannachd, agus dh' innis i dhaibh, gu'n do leugh i lo taitneachd an comharradh a chuireadh air clàr an aod-

ainn ; gu'n robh i toilichte iad a bhi maille rithe 'san àite sin, agus gu'n do choimhid iad an trusgain cho glan. Fa-dheòigh, roinn i air na feumaich am beagan a bh'aice ; agus thug i àithne da mic agus d'an cuid ban iad a bhi deas ge b'e uair a thigeadh cuireadh d'an iarraidh.

An uair a labhair i air a mhodh so r'a fear-iùil agus r'a cloinn, chuir i fios air Gaisgeil, agus thuirt i ris. Dhearbh thusa anns gach àit a bhi d' dhuine, bi dìleas gu bàs, agus bheir mo Rìgh dhut crùn glòire. Guidheam ort mar an ceudna sùil a thoirt air mo chuid cloinne ; agus ma ch'ì thu iad uair sam bith ullamh gu fàillneachadh, labhair gu càirdeil riu, chum am brosnachadh. Agus thug i fàinne do Bhi-gramail.

A sin chuir i fios air Ionraic, agus thuirt i ris, "*Feuch Israeleach da rìreadh anns nach eil cealg.*" An sin fhreagair e i 'g ràdh, Guidheam deagh latha dhut an uair a dh' imicheas tu chum Beinn-Shioin, agus 's math leam gu'm faigh thu tioram thar an abhainn. Ach thuirt ise. Fliuch no tioram d'am bi mi 's fada leam gus am falbh mi : oir ge b'e sìde gheibh mi air mo thuras, bithidh cothrom agam an déigh sin air mi féin a thiomachadh.

An sin thainig Ullamh-gu-stad a staigh g'a faicinn ; agus thuirt i ris. 'S ann le spàirn agus mòr shaothair a bha do thuras an fheadh so ; ach fàgaidh sin do shuaimhneas ni's taitniche. Ach dean faire agus bi deas ; oir cha'n aithne dhut an t-àm 'san tig an teachd-aire.

An déigh sin thainig Trom-inntinneach, agus a nigh-ean, ris an dubhairt i, 's taingeil is còir duibh a bhith air son ar saorsadh á laimh Fhamhair-gun-dòchas, agus o Dhaighneach-an-teagamh. 'S e toradh na tràcair so, gu'm beil sibh le chéile gu tèaruint air 'ur toirt an fhad so. Bithibh do ghnà ri faire, a' cur eagail air chùl ; bithibh suidhichte, le dòchas gus an tig a' chrìoch.

An sin thuirt i ri Inntinn-lag, Chaidh do shaoradh a beulan Fhamhair, chum gu'm biodh tu beò gu siorruidh, a dh'fhaicinn an Rìgh, le toil-inntinn ; chomhairlichinu

dut aithreachas a ghabhail o thu bhi cho ullamh gu eagal a bhi ort, agus an-earbs' a mhathas, mu'n cuir e fios ort : air eagal gur éigin dut, air son sin, seasamh 'na làthair le nàire, 'nuair a thig e.

A nise 'nuair a thàinig an làtha bha Bana-chriosdaidh ri triall air a turas, bha'n t-slighe làn sluaigh chum a faicinn. Agus feuch! bha air taobh thall na h-aibhne àireamh mòr do dh'eich agus do charbadan, a thàinig a nuas chum a leantainn gu geata' bhaile. Mar so thàinig i mach, agus dh' inndrinn i staigh 'san abhainn, a gabhail beannachd leis a' mhuinntir a thàinig leatha chum taobh na h-aibhne. B' iad na facail ma dheireadh a chualas i labhart;—“ *Tha mi teachd, a Thighearn, gu bhi maille riut, agus chum do bheannachadh.*”

Le sin fhaicinn, phill a clann agus a càirdean air an ais do'n ionad as an dh'fhalbh iad an latha sin : agus chaidh a' Bhana-chriosdaidh iomachar suas às am fradharc leosan a thàinig ga h-iarraidh. Rinn i guth aig a' gheata, agus chaidh i steach ann, leis gach greadhachas éibhneis a chaidh a dheanamh r'a fear roimhe so. An uair a chaidh i as an sealladh, ghuil a clann : Ach shéinn Misneachail, agus Gaisgeil-as-leth-na-firinn, air inneil-ciùil air dheagh ghleusadh a' deanamh gàirdeachais. Agus phill iad dachaigh an deigh sin.

An ceann ùine bheag, thàinig teachdaire eile chum a bhaile, agus b'ann ri Ullamh-gu-stad a bha ghnòthach Dh'iarr e, gus an d'fhuair e mach e, agus thuirt e ris. Tha mis air teachd an ainm an Tì a ghràdhaich agus air an robh thu'n tòir, ged is ann air na lùirg a bha thu : Agus 's e mo ghnòthach riut, a dh' innseadh dhut gu'm beil dùil aige gu'n gabh thu do shuipeir leis 'na rioghachd air an làtha an déigh latha Càisge ; uime sin dean thu féin deas fa-chombair do thurais. Thug e mar an ceudna dha comharradh gu'm bu theachdaire fìor e, ag ràdh, “ *Bhris, mi an cupan òir, agus dh'fhuasgail mi an còrd airgeid.*”

An deigh so ghairm Ullamh-gu-stad air a cho'-luchd-turais ; agus dh' innis e dhaibh gu'n tàinig fios air-san

agus nach robh teagamh nach fiosraicheadh Dia iad-san mar an ceudna. Dh' iarr e air Gaisgeil e a thiomnadh a dheanamh; 'sa chionn nach robh a bheag aige ri fhàgail ach a chuid lòrg, agus a dheagh dhùrachd, uime sin thuirt e, Fàgaidh mi na luirg aig mo mhac le ceud dhùrachd gu dearbh e bhi ni's fearr na bha mise.

An sin thug e buidheachas do Mhisneachail, air son a chaoimhneis, agus thriall e mach air a thuras. 'San uair a thàinig e chum bruach na h-aibhne, thuirt e, cha bhi tuille feum agam air na luirg sin, or tha mi faicinn gu'm beil carabaid agus eich an sud chum m' iomchar. B' iad na facail m'a dheireadh a chualas e 'g ràdh, "*Is taitneach dhomhsa beatha.*"—Agus dh' fhalbh e.

An deigh so thàinig teachdaireachd a dh' ionnsaidh Inntinn-lag, a thuirt ris, gu'n robh feum aig a mhaighistir air; agus an ùine ghearr gu'm faiceadh e a ghnùis ann an soillse; agus e ghabhail so mar chomharradh air firinn a theachdaireachd; "*Gu'n dorchaichear an dream a sheallas a mach air na h-uinneagan.*"

An sin chuir Inntinn-lag fios air a chàirdean, agus dh' innis e dhaibh an teachdaireachd a fhuair e, agus an comharradh a thugadh dha gu'm bi 'n fhìrinn a bh'ann. An sin thuirt e, o nach eil a bheag agam ri fhàgail, ciod am feum a tha dhomh tiomnadh a dheanamh? Fagaidh mi m' inntinn-lagas mo dhéigh, oir cha bhi feum agam oirre an taobh a tha mi dol; cha mhò is fiù i a buileachadh air an fhear-chuairt is ro thruaighe. Uime sin tha mi guidhe Orts', a Ghaisgeil, gun tiodhlaic thu i ann an òtrach: chaidh so a dheanamh, agus air do'n àm teachd a bha e ri triall, chaidh e mach air an abhainn mar rinn càch: B'i a chainnt dheireannach, "*Buanaicheadh creideamh agus foighidinn.*" Mar so huair e chum an taobh eile.

An déigh sin thàinig fios air Trom-inntinn, a thuirt ris, a bhi deas chum triall a dh'ionnsaidh an Rìgh air an ath Dhòmhnach, chum gàir a dheanamh le h-aoibhneas, air son gu'n deach a shaoradh o gach teagamh anns an robh e, agus thuirt an teachdaire ris, a chum gun tuig

thu gur fìrinn mo theachaireachd, gabh so mar dhearbhadh; agus thug e “*an leumnach-uaine mar eallach dha,*” (Ecc. xii. 5.) Thuirt a nighean, Geilt, ’nuair a chual i mar bha, gu’m falbhadh ise maille r’a h-athair. An sin thuirt a h-athair riu, gu’n robh iad uile fiosrach cho draghail ’sa bha e-féin, agus a nighean do gach comunn d’am buineadh iad. ’S e so a nis’ ar tiomnadh nach bi ar tùrsa agus ar n-eagalan tràilleil air am buileachadh air aon duine gu siorruidh: Oir tha mi fiosrach gu’m furaiu iad iad-féin air cuid-eigin an déigh mo bhàis. Is aoidhean iad d’an tug sinne caidreamh ’nuair a theann sinn air tùs ri falbh air ar turas, agus cha b’ urrainn duinn tuilleadh an cuibhteachadh, uime sin tha sinn a nise guidhe nach toir neach sam bith caidreamh dhaibh. An uair a thàinig an t-àm dhaibh bhi triall, ràinig iad bruach na h-aibhne; agus b’i cainnt dheireannach, Throm-inntinn, “*Soraidh leat òidhche.—’S e do bheatha a latha.*” Chaidh a nighean troi’n abhainn a’ gabhail òrain, ach dh’ fhartlaich air neach sam bith a tuigsinn.

An deigh sin thàinig teachdair a dh’ iarraidh Ionraic; agus liubhair e’n teachdaireachd dha anns na briathraibh so: Gu’n robh òrdugh aige e-féin a nochdadh am fianais a Thighearna, seachduin o’n diugh, aig taigh Athar. ’S mar dhearbhadh gur i’n fhìrinn a th’ann, “*islich-ear uile nigheanan a chiùil.*” An sin chuir Ionraic fios air a luchd-dàimh, agus thirt e riu, ’Tha mis’ a’ dol eug, ach cha dean mi tiomnadh. Théid m’ ionracas maille rium: faigheadh e-san a thig am dhéigh fios air so. An uair a thàinig an t-àm dha bhi triall, dh’ fhalbh e: ach bha ’n abhainn ro àrd an còrr àite; ach rinn Ionraic an àm a bheatha cùmhnanta ri deagh-choguis i ga choinneachadh ’san àite sin, ni mar an ceudna a rinn i, agus ghlac i a làmh, agus rinn i còmhnadh leis an am dol thairis. B’iad a bhriathran deireannach, “*Tha gràs a’ buadhachadh:*” Agus dh’ fhàg e’n saoghal so.

An deigh so chualas gu’n tàinig fios air Gaisgeil leis an teachdaire cheudna: gu’n deach an comharradh so

a thoirt mar dhearbhadh gur i 'n fhirinn a bh' ann, "*Gun do bhriseadh a' chuinneag aig an tobar.*" (Ecles. xii. 6.) An uair a chual e sin, chuir e fios air a chàird-ean, agus dh'innis e dhaibh e. An sin thuirt e, tha mis' a' dol chum m' Athar agus ged is ann le strì agus mòr spàirn a thainig mi air m' aghaidh, gidheadh cha n-eil aithreachas orm as na rinn mi, a chionn gu'm beil mi nis' air teachd an fhad so. Fagaidh mi ann am thiomnadh mo chlaidheamh aige-san a thig am dheigh air chuairt, mo ghaisge agus mo mhisneach do'n fhear a bhios cho seòlta 's gu'n dean e gréim orra. Bheir mi gach gearradh agus aile puthair leam, mar dhearbhadh gu'n do chog mi as a leth-san a bheir luigheachd dhomh. Air chionn an latha bha e gu triall a theach, chaidh mòran leis chum taobh na h-aibhne, 's an uair a chaidh e a steach innte, thuirt e, "*A bhàis c'ait' am beil do ghath?*" 'S mar chaidh e ni bu doimhne, thuirt e, "*Uaigh c'ait' am beil do bhuaidh?*" Mar so chaidh e null, agus sheinn na trompaidean air a shon air an taobh thall.

An sin thàinig bàirlinn a dh' iarraidh Bhi-gramail. B'e 'm Bi-gramail so am fear a fhuair an luchd-cuairt air a ghlùinean ann am fearann na drùidheachd. B'e brìgh na bairlinn, Gu'm feumadh e a bheatha a chaochladh a chionn gu'm bi toil a mhaighstir a thoirt ni bu dlùithe dha. Le so a chluinntinn dh' fhan Bi-gramail 'na thòsd. Cha ruig thu leas teagamh a chuir am theachdaireachd, ars' an teachdaire; oir mar chomharradh gur i 'n fhìrinn a thagam, "*Tha do roth air a bhreiseadh aig an tobar.*" (Ecles. xii. 6.) An sin chuir e fios air Misneachail, agus thuirt e ris, Ge nach robh mise cho sona 's a bhì fad ad chuideachd air mo thuras, gidheadh o thàr mi eòlas ort, bha thu feumail dhomh. An uair a dh' fhàg mi mo thaigh féin, dh' fhàg mi bean agus cùignear do chloinn mhaoith; guidheam ort an uair a philleas tu, gun cuir thu fios air mo theaghlach, agus gu'n aithris thu dhaibh gach ni a thachair dhomhsa. Innis gu'n tàinig mi gu buadhar a

um an àite so, agus an còr beannaichte 'sam beil mi 'sau àm. Innis daibh mar an ceudna mu Chrìosdaidh agus mu mhnaoi; agus mar thàinig ise agus a clann 'na dhéigh. Innis daibh cuideachd a chrìoch shona chum an tàinig i, agus an t-ionad àghmhor chum an deach i. Cha n-eil a bheag agam a chuireas mi dh' ionnsaidh mo theaghlaich ach m' ùrnuighean agus mo dheòir as an leth; agus theagamh tre ghràs Dhé gu'n iompaich sin iad chum teachd air an turas cheudna.

An uair a chuir e a ghnòthaichean an òrdugh, s a thàinig an t-àm dha triall, chaidh e sìos chum na h-aibhne mar an ceudna. 'S an àm sin bha 'n t-uisge ro shàmhaich; uime sin an uair a bha Bi-gramail mu leth na h-aibhne, sheas e rè tamaill, a' labhairt r'a chàirdean a chaidh greis de'n t-slighe maille ris. Bha 'n abhainn so na h-aobhar eagail do mhòran; chuir i mar an ceudna iomadh uair eagal orm féin: air leam gu'm beil mi nis' am sheasamh gu socrach, agus mo dha chois gu dìongmhalt air na clachan air an do sheas na sagairt, a bha giùlan àirc a cho'-cheangail, an uair a bha clann Israeil a' dol thar an Iordan so. (Ios. iii. 17.) Tha 'n t-uisge gun amharas searbh do'n bhlas, agus fionnar do'n ghoile; ach tha bhi smuaineach air an àite tha mi gu ruigheachd, agus an aiteam a chòmhlaicheas mi air taobh thall na h-aibhne, mar èibhlean beò a' beothachadh mo chridhe. Tha mi nis a' mothachadh gu'm beil mi fagus air ceann mo chuairt; tha crìoch air tighinn air sgìos na beatha so. Tha mi dol a dh' fhaicinn a chinn sin a chaidh a chrùnadh le sgitheach, agus a' ghnùis air an deach sile breun a thilgeadh as mo leth-sa. Chaith mi roimhe so mo bheatha le iomradh agus creideamh; ach tha mi nis' a' dol far an caith mi mo bheatha le sealladh; agus bithidh mi maille ris an Tì sin is caomh leam a bhi 'na chuideachd. B' àit leam iomradh math a chluintinn mu'm Thriath, agus bu dedin leam mo chas a chuir an lorg a chois-sa ge b'e àit' am faicinn i. Bha ainm dhomh mar bholtrach ro chùbhraidh, ni's millse nan spìosraidh is ro thaitniche. Bha ghuth leamsa ro bhinn.

agus bha 'm barrachd déidh agam air a ghnùis na tha aca-san a tha 'n ro gheall air solus na gréine. Bu ghnà leam a bhriathran a thional mar bhiadh, agus mar ioc-shlaint chum mo chumail o laigse. Chum e suas mi, agus choimhid e mi o m' aingidheachd ! seadh neartaich e mo cheum 'na shlighe. 'S am feadh a bha e mar so a' labhairt, chaochail a ghnùis, *ghéill a dhuine laidir fodha ; 's an deigh dha a ràdh : Gabh mi, oir thàinig mi a' t'ionnsaidh,*" cha'n fhac iad tuilleadh e.

Ach bu ghlòrmhor ri fhaicinn mar bha 'n iormailt air a lionadh le eich a's càrbadan, le luchd-shéideadh thromp-aidean agus pìobairean, luchd-òrain agus cluich air inn-ealan teudach, a dh'fhàilteachadh beatha nan eilthireach mar dhìrich iad, 'sa chaidh iad a steach an deigh a chéile air geata sgiamhach a' bhaile.

Cha d'fhuirich mi far an robh mi gus an deach ceath-rar mac bana-Chriosdaidh, le 'm muathan agus le 'n cloinn thairis. Chuala mi fòs aon ag ràdh o'n uair sin gun robh iad fhathast beò ; agus gu'm buanaicheadh iad mar sin rè seal, chum 's gu'm biodh an EAGLAIS air a meudachadh leo 'san àite anns an robh iad.

Ma thàrlas dhomh dol a rithist an rathad sin, theagamh gun toir mi cunntas umpa dhaibh-san leis am math iomradh a chluinntinn orra. Ach gabhaidh mi gu caomhail mo chead 'san àm do m' leughadair,

SLAN LEAT.



## CUAIRT AN EILTHIRICH ;

NO

# TURAS A' CHRISDAIDH

---

### AN TREAS EARRANN.

---

AN deigh an dà bhruadair roimhe so mu thimchiol. Chriosdaidh agus Bana-Chriosdaidh a bhean, maille r'a chlann agus an co-luchd-turais bho Bhaile an Léir-sgrìos gu rìoghachd na glòire ; thuit mi am chadal a rithist, agus phill aisling mo chinn dè'm ionnsaidh. Bhruadair mi bruadar eile, agus, feuch chunnaic mi àireamh mòr sluaigh 'nan cuideachdan air leth agus 'mam prasanan, a' siubhal o bhaile an Léir-sgrìos, o bhaile Seòltachd-fheòlmhor, o bhaile nam Beus, agus o gach baile mòr a's beag eile a bhuineadh do Ghleann an Léir-sgrìos, oir be sin ainm na dùthcha gu léir a ta 'na laidhe air an taobh so do'n Dorus chumhann a sheall Soisgeulach do Chriosdaidh. A nise chunnaic mi am aisling, gu'n robh gach rathad mòr agus frith-rathad, a bha treòrachadh o Ghleann an Léir-sgrìos chum doruis slighe na beatha, làn sluaigh a' siubhal a chum an doruis ; agus bha cuid diù a' siubhal air an aghaidh gu sanntach, beathail ; stad cuid eile le sgìos a thaobh bruthainn na h-aimsir, ni a dh' fhàg iad ro bhualteach do laigse ; oir be sin an t-àm bu ro bhlàithe do'n bhliadhna, agus dhàgh a' ghrian luibhean an achaidh, agus bha na coisichean truagha air an losgadh cho mòr le teas is gu'm b'éigin daibh suidh sìos a leagail

an anail ; agus mu òidhche phill iomadh dhiù air an ais a chum an seann dachaighean ; chaidh cuid eile bu chruadalaiche no càch, air an aghaidh cho fad ri Sloc-na-mi-mhisnich far do thréig Socharach Criosdaidh, agus dh'fhàs iad, a thaobh tuiteam ann an salachar agus an eabar an àite sin cho meath-chridheach is gu'n phill iad dhachaigh gu'n còmhnaidhean féin a rithist 'nam buidhnean lionmhor ; agus cha robh ach fìor bheagan diù a ghabh de mhisnich dol tre 'n t-sloc : ach chaidh cuid diù a null air a' chlacharan gu clis gun a bhi beag air a sàlachadh, feadh, a chaidh cuid eile tre aineolas agus mi-chùram mearachd air na ceuman, agus b'éigin daibh dol a null tre 'n làthaich a bha glé dhomhainn ni leis an d'fhuair iad mòran sàtaichidh ; ach fa-dhedigh le cruaidh spàirn fhuair iad thar a' chrith-bhoglaich oillteil agus bha iad gu tearainte air talamh tioram.

Ann am measg an luachd-turais a fhuair a null air an t-sloc so, chunnaic mi òganach aig an robh aogais glé earachdail agus e 'g iomachd 'na aonar an deigh dha faotainn a nach as an t-sloc ; ach bha e gu léir air a chòmhdach, thairis le sàlachar an àite, ni, a chuir mòran maille air imeachd, oir leis an spàirn agus an imcheist anns an robh e chum dol thairis bha e gu mòr air a lagachadh, agus lasaich uilt o chéile ; osbarr bha salachar an àite so do nàdur a chuireadh crith ann an cāsana h-aiteam a bhiodh air a salachadh leis ; agus ge be air bith ball do'n colainn ris an leanadh e dheanadh e gnè do dhochann daibh. 'Nise thaobh gu'n robh an t-òganach air a chòmhdachadh thairis leis an t-salachar so, cha deach e ach gu mall air aghaidh, bha cheann crom agus a làmhan air chrith, agus bheireadh an ni a b'fhaoinne thigeadh 'na charamh air an t-slighe air gu'n tuislicheadh e : agus bha ball no dhà do shalchar air leantainn ris dlù do na sùilean, a chuir sglèò air a fradharc, air chor, is gu'n robh e ri smeuraich roimhe mar neach a bhiodh dall, agus air uairean bheireadh e ceum docharach bharr an rathaid.

Be so an còr anns an robh e 'nuair chunnaic mi fadhedigh ann am aisling gu'n shuidh e sìos air an talamh a' caoidh air son a chor thruaigh anns an robh e agus ghuil e gu goirt, agus, feuch, thàinig neul bàn agus stad e os a cheann car tacain, sgaoil an neul an deigh sin uidh air n-uidh agus dh'iath e mar sgàile mu thimchioll; agus às na neoil thàinig làmh a mach, a rinn maille ris na deòir a ruith mar aibhnichean, o shùilean an salachar a ghlanadh deth aodann agus deth a cholainn gu h-iomlan, air chor is gu'n robh a léirsinn agus a neart air an aiseag da ionnsaidh air ball: agus thàinig guth a mach as an neul ag ràdh, "A mhic an duine imich ann an neart an Tighearna do Dhia." Mar sin bha e gu mòr air a bheothachadh, agus air ùrachadh an deigh so, agus thoisich e air glacadh misnich, oir bha e fàs ni bu shunntaiche, ni bu chlise, ni bu lùghmhoire, agus ni bu treise 'na bha e riabh roimhe; agus air da shùilean a bhi air an leigheas chunnaic e gu soilleir an solus dealrach a nochd Soisgeulach do Chrìosdaidh. An sin ghearr e sùrdag thar a' chòmhnaird, agus rinn e dìreach air an t-solus dhèalrach ni leis an d'amais e air an Dorus chumhann air ball agus bhuail e gu cruaidh, oir mhothaich e do'n sgrìobhadh a bha os-ceann an doruis:— "Buailibh agus fosglar dhuibh."

A nise chunnaic mi ann am aisling cho luath 'sa bhuail e aig an Dorus chumhann, gu'n thilgeadh fras shaighdean air bho dhaighneach Bheelsebuib air dòigh is gu'n robh e air a leòn ann an caochladh àitean, agus fo anabharr eagail ni a thug air bualadh gu cruaidh a rithist agus a rithist le eagal gu'm marbhte e mu'm faigheadh e staigh; ach air ball a chum a mhòr shòlais, chaidh an dorus fhosgladh dha, agus 'nuair a chunnaic an duine dh'fhosgail an dorus gu'n robh na saighdean an sàthadh 'na fheòil dh'iarr e air greasad a staigh á cunnart.

Mar sin chaidh e staigh agus rinn e ùmhlachd do'n duine dh'fhosgail an dorus, oir bha e coltach ri duine measail fùghail air urram o aogais chiùin, agus o

ghiùlan suidbichte; mar sin labhar e ris an duine do'm b'ainm Deagh-thoil, agus thuirt e ris. "Air dhomh cluinntinn mu mhòr chliù na dùthcha nèamhaidh agus iomadaidh fear-cuairt air innse dhomh gur ann tro' n dorus so a bha'n t-slighe da h-ionnsaidh, dh' fhàs mi sgìth do chòmhnaidh ann an Gleann-an-Léir-sgrios, agus mòr dhéidh a bhi agam air tìr nam beannachd fhaicinn ghabh mi do dhànadas orm bualadh aig an dorus so, a bha thu cho math is fhosgladh dhomh, ni air son am beil mi toirt taing dhut o m' uile chridhe: ach am feadh a bha mi 'nam sheasamh aig an dorus, an deigh dhomh bualadh air tùs, thilgeadh na saighdean so orm a ta thu nis a' faicinn an sàs 'nam fheòil, tha eagal orm gu'm beil mo leòn bàsmhor, oir tha mo neart gam' fhàgail, agus sgleò ro' mo shùilean;" air dha so a ràdh thuit e sìos aig casan Dheagh-thoil, agus dh' iarr e air innse dha c'àit' am faigheadh e fear eòlach a dheanadh suas a chreuchdan agus a leighiseadh iad mar an robh iad a chum bàis.

Ghabh Deagh-thoil truas mòr do'n òganach agus dh'fheadraich e, ciod a b' ainm dha, Thuirt e "is e Cògais-mhaoth is ainm dhomh: rugadh agus thogadh mi ann am baile nan Sòlas-diamhainn." Air do Dheagh-thoil ainm an òganaich a chuir sìos, sgrìobh e teisteanas agus thug e dha e, ag iarraidh air a liubhairt aig a' cheud taigh agus be sin taigh an Fhìr-mhìnichidh, agus sheall e an rathad da ga ionnsaidh oir cha robh e ach tacan uapa: an sin ars esan, gheibh thu ioc-shlaint dod' chreuchdan agus chì thu iomadh ni glòrmhor.

An sin chunnaic mi 'n am aisling gu'n tug Deagh-thoil do Chogas-mhaoth lòrg laidir bhata air a deanamh do chraobh na beatha, chum a sgìos a leagadh oirre agus socair a thoirt da chasan mar a dh'imicheadh e air a thuras, oir cha robh aige roimh sin 'na làimh air son bata, ach slatag chaol do bhairealan diamhain a spòn e do Chraobh an èolais a bha fàs air bruachan abhainn na breislich. Be'n t-slatag so na bha aig Cogais-mhaoth fad a thurais a chum a thaise leagadh oirre gus an d'iarr

Deagh-thoil air a tilgeadh air falbh, agus gu'n tug e dha an lòrg làidir so ag iarraidh air gun dealachadh rithe air chòr sam bith, a thaobh gu'm biodh i a chum mòr feum dha fad rè a chuairt, agus gu sònraichte aig an àm a thaobh e bhi air a chreuchdadh, oir bha buaidh àraid innte a chuireadh casg-fala air a lotan. Mar sin thug Deagh-thoil do Chogais-mhaoth làn-sheòladh a chum a shlighe fhaotainn a mach: ghuidh e sorraidh leis, agus dh' fhàg se e chum triall air a thuras.

An sin thòisich Cogais-mhaoth air glacadh misnich, a thaobh e bhi gu mòr air a chomh-fhurtachadh agus air a chumail suas leis an luirg a fhuair e bho Dheagh-thoil, oir cho luath 'sa fhuair e i 'na làimh stada chreuchd-an do shileadh fala, agus an uair a dh' fhàs i blàth 'na làimh bhrùchd i mach cùbhraidheachd shònraichte ro mhilis a thug mòr bheothachadh d'a inntinn, agus mhothaich se e féin a' fàs ni bu treis' agus ni bu treise, leis a' bhuaidh leighis a bh' anns an luirg iongantaich so.

Mar sin thriall e air aghaidh gus an d'ràinig e fa-dhedigh taigh an Fhir-mhìnichidh, agus air dha bualadh aig an dorus dh' fhosgladh dha e air ball, agus chaidh fheòraich dheth ciod a bha dhìth air, agus thuirt Cogais-mhaoth, " Tha mhiann orm labhairt ris an Fhear-mhìnichidh a ta mi a' tuigsinn is e maighistir an taighe. Mar sin chaidh gairm air an Fhear-mhìnichidh agus dh' fharraid e, ciod a bha e'g iarraidh.

*Cogais-mhaoth.* Mholadh dhomh tighinn far an robh thusa le fear do'm b'ainm Deagh-thoil a ta coimhid an Doruis-chumhainn, oir a' tighinn o'n bhaile anns an d'rugadh mi ann an Gleann-an-Léir-sgrios gu rìoghachd na beatha thàinig mi chum an Doruis-chumhainn mar a sheòladh dhomh, agus cho luath sa' bhuail mi aige chaitheadh na saighdean so orm, a tha thu a' faicinn an sàs 'nam fheòil, agus an uair a dh' fhosgladh an dorus dh' innis mi mo chòr do Dheagh-thoil, agus thuirt mi ris gu'n robh eagal orm gu'n robh cuid do m' chreuchd-an bàsmhor, ag iarraidh air innseadh dhomh C'ait' am

faighinn leighich; mar sin mhol e dhomh tighinn do' t'ionnsaidh-sa, agus thug e dhomh an teisteanas so agus dh' iarr e orm a liubhairt dhutsa a' toirt dearbhachd dhomh gu'm faighinn anns an àite so leighis do m' chreuchdan agus gu'm faicinn iomadh ni glòrmhor, thug e dhomh mar an ceudna an lòrg làidir so a chì thu ann am làimh o'n d' fhuair mi na h-uirid chomh-fhurtachd agus do chòmhnadh, a dh' ath-bheothaich mo spiorad fann agus a chum suas mi air an t-slighe, agus a chuir stad air mòr shileadh mo chreuchdan: ach is am uat-sa a tha sùil agam ri làn leigheas fhaot-ainn.

'Se do bheatha òganaich ars am Fear-mìnichidh (an deigh dha an teisteanas a leughadh): thig a staigh agus gabh pàirt de nìthe matha an taighe so, agus mu'm falbh thu tha dòchas agam t-fhaicinn slàn, fallain.

An sin thredraich se e do sheòmar agus dh' fharraid e caochladh cheistean deth mu thimchioll a dhùthcha agus mar chaith e a bheatha an sin. Do gach aon do na ceistean sin thug Cogais-mhaoth freagradh fa-leth, a' toirt dha min-chunntais mu thimchioll fhòghluim, agus mar chaith e aimsir òige gus an latha sin; An déigh, sin mhin-rannsaich am Fear-mìnichidh na creuchdan a fhuair e bho na saighdean, air an latha sin, agus chuir e cùngaidh-leighis bhua dhach riu, ni thug air Cogais-mhaoth gu'n dh' fhàs e slàn, falain; agus thug am Fear-mìnichidh mu'n airidh na saighdean a spion e às a cholainn a bhi air an gleidheadh seachad mar chùimhneachan air a' chaol-thearnadh o'n bhàs. Thug e'n sin do sheòmar eil' e far an tug e dha cuirm do nìthe sòghar maille ris na h-ùr-chasgan a b' fhearr a bha air an t-saoghal: oir thug e fainear gu'n robh Cogais-mhaoth lag agus fann, agus aige ri triall air turas fada; uime sin mheas e iomchaidh biadh laidir a thoirt dha chum is gur ann a b' fhearr a bhua dhachaidh e air na cruaidh-chàsan a thigeadh 'na charamh air an turas sgìth sin.

An déigh do'n chuirm a bhì thairis thredraich se e

tre sheòmraichean an taighe gu léir agus nochd e dha na nithe òirdheirc a chunnaic Criosdaidh agus Bana-Chriosdaidh, a bhean, an clann, agus an comh-luchd-turais anns an ionad sin. Agus an uair a bha e dlù do dhol fodha na gréine thug e Cogais-mhaoth, do sheòm-ar anns an do ghabh, iad gréim beag bìdh an còmh-chomunn a chéile, agus chaith iad a' chuid eile do'n fheasgar sin ri conaltradh tarbhach. Dh'innis an Fear-mhìnichidh dha gu h-iomlan, mu reachdan agus mu ghnàths na dùthcha sin, agus mar dh'ìmicheadh e air aghaidh a' toirt seòlaidh dha mu thimchioll na cuideachd a chumadh e, agus a sheachnadh e, agus mar a ghnàthaicheadh se e-féin fad an rathaid: an sin sheall e dha seòmar eile anns an gabhadh e mu thàmh, agus dh'fhàg se e gu cadal.

Mu bhristeadh an latha air an ath mhadainn dh'éirich Cogais-mhaoth agus rinn e deas air son a thurais, agus an déigh do'n Fhear-mhìnichidh gach caoimhneas a nochdadh dha thuirt e ris gu'n rachadh e greis do'n t-slighe maille ris; ghabh Cogais-mhaoth gu toileach ri thairgse; air tùs a thaobh gu'n robh e 'na thur choigreach, anns na h-àitean ud, agus a rithist a thaobh gu'n robh mòr spéis aige do dheagh chonaltradh an Fhir-mhìnichidh. Mar sin thriall iad a mach 'nan dithis, agus chòisich iad air ceum frith-rathaid (a bha tarsuinn air raon mòr arbhair) o thaigh an Fhir-mhìnichidh chum an rathaid mhòir; thàinig iad an sin a chum caol-rathad, agus bha air gach taobh dheth dà thaigh tuathanaich le'n gabhailean fearainn.

An sin thug Cogais-mhaoth fainear gu'n robh fear-ann a h-aon do na gabhalaichean so air a dheagh àiteachadh fo bharr tarbhach le cluainean taitneach agus spréigh, a' challaid a bha mu timchioll dìongmhalt' anns gach àite, agus gach ni 'bhuineadh dh'i air deagh dhòigh: feadh a bha gabhail an tuathanaich air taobh eile an rathaid gun choltas cinneis sam bith, bha cuid do 'n talamh air fàs 'na fhiadhair làn dheanntag, dhris, agus chluaran, maille ris gach seòrsa luis neo-tharbhach

agus a' chuid eile gun àiteach air a chòmhdachadh le clachan, a' challaid air tuiteam sìos agus beathaichean fiadhaich na machrach ag itheadh gach ni a b'urraim iad fhaotainn ann. Bha gach ni 'na laidhe ann an staid cho olc is nach robh coltas sam bith air bàrr no fogharadh. Chuir so mòr ìoghnadh air Cogais-mhaoth agus dh'fheòraich e do'n Fhear-mhìnichidh an t-aobhar mu'n robh urrad eadar-dhealachaidh eadar an dà ghabhail fhearainn; agus iad 'nan laidhe cho fagus da chéile bh'an t-aon 'na h-achmhasan gach latha do'n aon eile? An sin thuirt am Fear-mìnichidh, " Esan do'm buin am fearann so air an làimh dheis a tha thu faicinn air a dheagh àiteachadh is e tuathanach an Rìgh, agus mar an ceudna an t-aon eile, oir buinidh an dà fhearann do Rìgh na dùthcha.

Nise aig àm àraid thàinig an Rìgh air chuairt an rathad so, agus chaidh innseadh dha gu'n robh dà ghabhail fhearainn aige anns an àite gun tuathanaich, agus a dh'easbhuidh luchd-àiteachaidh, agus air dol a mugha, (oir aig an àm sin bha iad araon co-ionnan), shuidhich e air ball iad air an dithis dhaoine so, a ta nise a' chòmhnaidh annta, agus thubhairt e riu gu'm faigheadh siad iad saor, gun mhàl sam bith (ach a mhàin gu'm feumadh iad beagan, ùmhlachd iocadh d'a chùirt) agus thuirt e riu nam biodh iad saothreach agus am fearann a ghlanadh agus àiteach cho math sa dh' fhaodadh iad gun deanadh e fa-dheoigh an toirt a chum ionadan mòr-inbh air son an saothreach, a thaobh nach bu mhath leis gu'm biodh a bheag sam bith do dh'fhearann a' chrùn air dol am mugha; mar sin fhuair an dithis dhaoine ud sealbh air na gabhalaichean agus tha' thaigh a's fhonn féin aig gach fear air leth.

A nis' air do'n duine air an làimh chlì beachdachadh air a ghabhail fhearainn agus fhaicinn gu'n robh i làn lus a's dhrisean, na callaidean air tuiteam, agus am fearann fo bheathaichean fiadhaich, coltach ri fàsach, shuidh e sìos fo an-dòchas a' toirt dùil nach b'urraim e, fhearann a réiteach no ghlanadh gu sìorruidh: mar



sin thòisich e air rùitearachd a's misg, air cluich a's diambanas gun umhail aige d'a ghabhail, gun urrad a's smaointeachadh oirre, mar sin ruith e ann am fiachan, agus chaill e mhiagh a measg a choimhearsnaichean : agus mar tog e air gu h-ealamh agus tòiseachadh air glanadh agus air réiteach fhearainn tuitidh e gu cinnteach fo dhìumadh an Rìgh agus cuiridh e ann am prìosan e air son dearmad a dheanamh air fhearann (oir mhaoidhe airtùs gu'n deanadh e mar sin) agus cha'n urrainn e teicheadh gus an toir e làn-dìoladh do'n rìgh air son a' chiont.

Bheachdaich an tuathanach air an làimh dheis air a ghabhail mar an ceudna, agus chunnaic e gu'n robh i air dol a mugha air an aon dòigh ris an te eile : ach smaointich e ann féin am mòr fhàbhar a fhuair e, aon do ghabhalaichean-fearainn an Rìgh a bhi air a h-earbsa ris, agus cho antromach, ciontach 'sa bhitheadh e na'n deanadh e dearmad air sochair cho mòr sa chaidh a thairgse dha, araon air son an àma ta làthair, agus an àma ri teachd ; na'm be is gu'n deanadh e buil mhath dh'i ; thug e fainear mar an ceudna ged a bha i 'na gabhail fharsainn agus anns gach dòigh coltach ri fàsach le 'dhìchioll a dheanamh gach latha air a glanadh, ann an ùine gu'n rachadh aige air a réiteach gu h-iomlan.

Thug na smaointean so air tòiseachadh air obair le sùrd, agus thòisich e a lion beag a's beag air spìonadh nan lus agus air togail air falbh nan clach, agus le saoitreachadh gach latha rinn e fa-dhèigh a fàgail anns an staid mhaith anns am beil thu nise ga faicinn : agus tha e ann an làn dòchas gu'm faigh e duas an Rìgh, agus gu'm bi e air a thoirt a chum inbh is àirde agus is urramaiche.

Do réir mo bharalach-s', arsa Cogais-mhaoth tha'n tuathanach air an làimh chli gu mòr sa' choire le dearmad a dheanamh air cothrom cho math air e-féin a thogail gu urram : na'm biodh e air leantainn ceuman a nàbaidh ud fa-chomhair, agus rudeigin a dheanamh

gach latha chum fhearann a ghlanadh, dh' fhaodadh e ro' an àm so a bhi mealtainn toradh a shaoithreach o bhàrr tarbhach pailt: a thuilleadh air deagh-ghean an Rìgh a chosnadh, a bhiodh dha gun teagamh sam bith ann an ùine cho math ri fhacal.

Is ionnan sin, ars am Fear-mìnichidh, agus cor an luchd-turais a tha tighinn o Ghleann-an-Leir-sgrìos agus a' dol a chum Rìoghachd na beatha agus na glòire: cha n-eil Rìgh na dùthcha sin ach a mhàin ag iarraidh oirbh gu'n àitich sibh a shochairèan agus a ghràs, ar pàirtean a dheagh-bhuileachadh agus buanachadh ann an sin a dheanamh gu ceann bhur turais, agus an sin bithidh sibh air bhur giùlain a chum na h-aitribh shiorruidh. A nise' is e an dòigh a chum so a dheanamh gun mhi-mhisneach a ghabhail a thaobh faidead bhur turais, no eagal a bhi oirbh le amharas nach buadhaich sibh air na h-àmhgharan a thig n'ur caramh air an t-slighe; ach feumaidh sibh sibh-féin armachadh le rùn seasmhach chum dol tro gach nì, le dol beagan air bhur n-aghaidh gach latha, oir is co-ionnan maille dheanamh ri pilleadh air bhur n-ais: uime sin, coltach ris' an tuathanach ghlic agus ghnìomhach air an làimh dheis, a ghlan air falbh gach latha na luibhean, agus na clachan á fhearann, is co-ionnan a dh' fheumas sibhse dol air bhur n-aghaidh gach latha agus talamh a chosnadh mar sin, mar rinn esan, cuiridh sibh an àm iomchaidh ceann air bhur saothair, agus air bhur cuairt agus crìochnaichidh sibh bhur turas le aoibhneas.

Thug am Fear-mìnichidh dha iomadh comhairle mhath eile an àm dhaibh a bhi 'g imeachd air an aghaidh, 'gus an tàinig iad a dh' ionnsaidh an rathaid mhòir a bha air a dhìon air gach taobh le balla na slàinte, an sin thug am Fear-mìnichidh do Chogais-mhaoth litir-cead-siubhail an Rìgh ag ràdh ris gu'm biodh i chum feum gun chomais da ré fad a thurais chum na dùthcha nèamhaidh, an sin ghuidh e gu'n soirbhicheadh leis air a thuras gu sonas siorruidh, agus ghabh e slàn leis.

An sin chunnaic mi 'nam aisling, gu'n do ghuil Cogais-mhaoth an uair a dhealaich e ris an Fhear-mhìnichidh, a thaobh a' ghaoil do-labhairt a bha aig air a cho-chomunn a thuilleadh air gu'n do leighis e a chreuchdan, agus aoidheachd a thoirt dha cho furmailteach maille ri iomadh ni òirdheirc agus glòrmhor a nochdadh dha, agus litir cead-siubhail an Rìgh a thoirt dha ni leis am b'urrainn e siubhal ni bu tearainte agus ni bu luaithe chum Rìoghachd na beatha: a bhàrr air gu'n robh e ro bhlàth-chridheach, caomh-chàirdeach air chor is nach b'urrainn e dealachadh ri caraid cho caoimhneil gun deòir a thighinn le shùilean, ach fa dheireadh an uair a chuir e a reachd air chùl thriall e air a thuras gus an tàinig e chum an àit anns an robh an crann-ceusaidh 'na sheasamh far an do thuit uallach do dhruim Chrìosdaidh, agus anns an do thuit e san uaigh (a bha aig iochdar an uchdain air an robh an crann 'na sheasamh) anns an do thiodhlaiceadh e.

Nise chunnaic mi gu'n robh dlù do'n chrann-cheusaidh, da thaigh air an togail, b'e ainm a h-aon diù Taigh-a'-Bhròin, agus an aoin eile Taigh-an-t-Sùgraidh, agus bha iad air an togail air gach taobh do'n chrann-cheusaidh, a h-aon air an làimh dheis, agus an t-aon eile air an làimh chlì. A nise 'nuair a ghabh Cogais-mhaoth an ceum suas am bruthach thàinig prasan do dh'òganaich a mach a Taigh-an-t-Sùgraidh 'na chòdhail, agus labhair iad ris ag ràdh;—Cia as a thàinig thu? agus c'àite tha thu dol?" Fhreagair Cogais-mhaoth, agus thubhairt e "Thàinig mi á Gleann-an-Leir-sgrios agus tha mi dol a chum a' Bhaile nèamhaidh, tìr na beatha agus na glòire; tha'n t-anmoch ann a nise, agus tha mi am choigreach 'san àite so, uime sin bu math lean fuireach gu madainn an aiteigin an so na'm faighinn an urrad sin do chaoimhneas mu'n àite." An sin fhreagair na h-òganaich agus thubhairt iad; "Cha n-eil taigh ach na dhà-sa tha thu faicinn anns an sgìreachd so gu léir do'n gnàth aoidheachd a thoirt do choigrich, agus ma théid thu maille ruinne do'n taigh

ud thall, (a 'cotharrachadh le'n meur ris an taigh air an làimh chli,) gheibh thu ann an sin deagh bhàtadh, agus cuideachda chridheil, agus gach ni a's urrainn do chridhe iarraidh no mhiannachadh, agus annsa' mhadainn falbhaidh sinne maille riut, oir cha n-eil sinn féin a mhàin ach a' dol a chur na h-oidhche seachad ann an nochd, agus anns a' mhadainn triallaidh sinn air ar turas chum a' bhaile neamhaidh."

Thug na briathran drùiteach so air Cogais-mhaoth gu'n d' fhalbh e leo, ach 'nuair a dhlùthaich e ris an taigh chual' e fuaim mòr mar mhuinntir ri sùgradh, seinn, òrain, agus dàmbsa, agus cluich air innealan ciùil le mòr ghàir agus mbeoghail; ni a chuir mòr iogh-nadh air, ach air dha tighinn chum an taighe chunnaic e na briathran so sgrìobhte os ceann an doruis:—"SE SO TAIGH-AN-T-SÙGRAIDH." An sin chùimhnaich e briathran an duine ghlic; "Is fearr dol do thigh a' bhròin na do thigh na cùirme." (Ecl. vii. 2, 4,) agus a rithist—"Tha cridhe nan daoine glic ann an tigh a bhròin, ach cridhe nan amadan ann an tigh an t-subhachais."

Mar sin dh'fhèdraich e dhe na h-òganaich ciod a b' ainm do'n taigh a bha air taobh eile chroinn-cheusaidh, thuirt iad ris gu'n goirte Taigh-a'-Bhròin deth: osbarr, rinn iad sgeig as fanaid air a' mhuinntir a bha chòmhnaidh ann, agus thuirt iad ris nach do thaghaill duine riabhann ach beagan bhaoghairean trom-cheannach gun tùr; ach bu mhò thug Cogais-mhaoth do dh'fheairt air briathran an duine ghlice no air sgallais nan daoine so, agus thuirt e riù gu'n rachadh e dh'iarraidh fàrdach do Thaigh-a'-Bhròin. Thòisich iad an sin air gàireadach ris agus ri glaothaich ri'n còmpanaich fanaid a dheanamh air; ach dh'imich esan air falbh uapa, agus chaidh e seachad ri taobh a' chroinn-cheusaidh agus rinn sealladh fhaicinn do'n cbrann a lionadh le gràdh dolabhairt, bròn agus truacantas: lean na h-òganaich agus an còmpanaich fad na h-ùine e a' deanamh ceol-gàire do 'lag-chùis 'nuair a bha e gul aig bonn a' chroinn-

cheusaidh, agus thog iad luath-ghair fhanaid air, gus fadneireadh gu'n d'éirich e agus ghreas e air a dh'ionnsaidh Taigh-a'-Bhròin : cha bu luaithe ràinig e na thàinig dithis bhan eireachdail a bha ro shuidhichte ciallach 'nan coltas ga fhailteach a' deanamh a bheatha chum an taighe ; ag ràdh, “ Chunnaic sinne mar theab thu bhi air do mhealadh a dh'ionnsaidh Taigh-an-t-Sùgraidh ; agus rinn sinn gàirdeachas ri t-fhaicinn a' seasamh a mach an aghaidh dol do chathair an Diamhanais sin : chunnaic sinn mar an ceudna do bhunailteachd, a' fulang sgeig agus fanaid, agus nach do ghabh tha nàire às a chraun-cheusaidh, ach gu'n d'rinn sealladh dheth fhaicinn do bhioradh a dh'ionnsaidh a' chridhe le gràdh diadhaidh, a' toirt air do shùilean sruthaibh dheur a shileadh feadh a bha na truaghanan mi-naomh ud ri fanaid ort : thug sinne gach ni dhiù sud fainear le aoibhneas, agus thig-sa nis a staigh, thusa tha beannaichte leis an Tigh-earna, agus gabh fois an so gu madainn, agus an sin faodaidh tu triall an sìth.” Mar sin chaidh Cogais mhaoth a staigh leis na mnathan còire, nigh iad a chasan agus thug iad dha gréim arain agus beagan fiona, maille ri beagan fhion-dhearcan, fìogais agus almoim : thòisich, iad an sin air conaltradh mu'n Tì a dh'fhuilig bàs air a' chrann, agus labhair a' bhean bu shine mar so:—

*A' Bhean bu shine*,—Nach diamhain agus mi-naomha na creutairean truagha so a tha deanamh tìre air crann-ceusaidh Chrìosd, agus a ta air fàs 'nan dearg nàimhdean, araon da féin agus da fhulangas ! Tha iad ag aideachadh a bhi creidsinn ann an Dia, agus a' deanamh aoraidh dha ; fòs, aig an àm cheudna, tha iad araon ga fhàgail-san agus iad féin breugach 'nan cleachdadh : tha iad ag aideachadh a bhi creidsinn Chrìosd air a cheusadh air son ar peacannan ; ach aig an àm cheudna tha iad g'a cheusadh as ùr iad féin, agus g'a chur gu masladh follaiseach.

Tha iad a' cur ceann uidhe sònraichte roimh an creideamh, agus cha n-eil iad a' fulang dha dol ni's faide na crìochan cumhann an tuigse ; agus a' togail suas an

diadhachd air creideas feòla a's fala : agus an inntinnean feòlmhor mar riaghailt shuidhichte d'a chleachdadh agus ge b'e air bith ni a ta 'n aghaidh an ana-miannaibh tha e air fhuadach o 'n conaltradh. Uaithe sin a ta e tachairt, an ni a bha air a mheas air tùs trom agus neothaitneach tha e uidh air n-uidh air a dhearmad agus air a chur air chùl, gus am beil e fa-dhedigh air tiunn-dadh a mach gu bhi 'na chuspair fanaid dhaibh mar a chunnaic tu ann an Taigh-an-t-Sùgraidh air an fheasgar so.

*A bhean a b'òige.* Agus is e an ni as iongantaiche gu'm beil an dearbh fheaghainn sin a' gabhail orra bhi 'nan luchd-onaraiche a' chroinn-cheusaidh, agus 'nan deisciobuil do dh' Iosa Crìosd : tha'n taigh-san air a thogail air an taobh a mach mar tha'n taigh againne ; agus fòs, aig an àm cheudna, tha iad 'nan nàimhdean do'n bhuidhean a choisicheas 'na cheumannan-san a dh'fhuilig am bàs maslach ud air ar son.

Seadh, arsa Cogais-mhaoth, thuirt an triùir òganach riumsa gu'n robh iad a' dol a chum a' Bhaile nèamhaidh cho math sa bha mise, agus na'n gabhainn fois an nochd ann an Taigh-an-t-Sùgraidh, gu'm falbhadh iad féin còlath rium am màireach ; ach cho luath sa thuig iad gu'n robh mi air son an òidhche chuir seachad ann an Taigh-a'-Bhròin, chaochail iad an suairceas gu magadh, agus am modhalachd gu mi-mhodh, agus an diadhachd gu mi-naomhachd fhollaiseach, a' labhairt gu h-olc m'ur timchioll-sa, mu 'ur taigh, agus mu thimchioll bhuir n-aoidhean, a' sgéig agus a' gàireachdaich riumsa mar amadan agus mar dhuine cuthaich. Coltach ris na Greugaich a mheas crann-ceusaidh Chrìosd mar amaideas, agus gach neach aig an robh a' bheag do spéis da mar anabas gach ni. Sin mar bha mis' air mo ghnàthachadh 'nam measg, ged a bha iad roimhe sin gu subhach anns an taigh ag òran, agus a' dàmhsa, agus a' cluich air innealan ciùil : cho luath 'sa thug an triùir òganach fios daibh mu na bharùn ormsa dheanamh, chuir iad am binncheòl air chùl, agus thàinig iad a mach 'nan teann-ruith

chum fanaid agus sgèig a dheanamh ormsa le glaodhaich agus mòr ghàir feadh a shuidh mi ri gul aig a chrann-cheusaidh.

*A' Bhean bu sheine.* 'Tha e fiùghail air aire, mar thig muinntir chum diamhanais agus ain-diadhachd,—Air tùs tha iad a' leigeil srian fhuasgailt' le'm baoth-shùgradh chum nithe beaga gun diù, gun tlachd aca do ni sam bith ach cainnt dhiamhain 'nan còmhradh gnàthaichte, a thaobh gun do chleachd iad iad-féin ri leithid sin cha-n urrainn iad gun a bhì deanamh ceol-gàire do nithibh cudthromach.—'Nise, air dhaibh a bhì mar gu'm b'eadh air an cruadhachadh 'nam baoth-shùgradh tha iad fa-dheòigh a' toiseachadh air fanaid air na nithibh a's ro naomha agus is diadhaidh, do réir mar thuir an duine glìce;—"An tì a nì dè-meas air nithibh beaga tuitidh e lion beag a's beag." Gu cinnteach tha baoth-shùgradh agus meoghail a' dùsgadh suas smùirich ann an sùilean an anma agus a' milleadh a shìth, a' toirt air gu'n bheachd a ghabhail air nithibh a's fearr: agus faodar an ceol-gàire is neo-lochdaich, a mheas mar nìgu dearbh a dh'fhaodas coire dheanamh, ach nach urrainn aon nì math a dheanamh. Ge be air bith cleachdadh a gheibh an t-anam: tha e deacair a chur air chùl; agus tha e deacair dhaibh-san a nì cleachdadh do ghàireachdaich a cumail air falbh: a thaobh gur ceudfath i sin a ta glé luachmhor do'r nàdur agus esan a leigeas ruith le ghàire chùm àbhachd choitcheann tha e toirt suas 'inntinn do dh'aotromas neo-fhearail agus do dhiamhanas gnàthaichte, nì a gheibh e fa-dheòigh glé dheacair a spionadh suas, (no chur air chùl), agus air an aobhar sin is ceart comhairle an abstoil Phòil do na h-Ephesianaich, an uair a dh'iarr e orra "còmhradh amaideach agus baoth-shùgradh a sheachnadh." (Eph. v. 4,): agus do na Tesalonianaich, 'nuair a thuir e;—"seachnaibh gach uile choltas uile." (1 Tes. v. 22,) 'Nise bha'n nì a bha air a labhairt riu-san gun teagamh, air a sgrìobhadh a chum sinne theagasg, agus tha mar fhéich air gach Crìosdaidh na comhairlean glìce sin a

choimhid ann an so cho math is ann an cùisean eile : agus cha n-e roghainn a dheanamh do gach comhairle is miann leinn a dheanamh, no fhreagairt, mar gu'n deanadh sinn cunntas ri Dia an ceathramh cuid de a thoil, no leth a thoile a cho-lionadh. Agus ged a tha 'n toirmeasg a ta so air a' chainnt dhiamhain agus air a' bhaoth-shùgradh air a mheas aotrom le cuid ; gidheadh is math gach lide do dh'fhacal Dhé a choimhid le mòr urram ; agus rinn thu mar dhuine glic, cùl a chur ri Taigh-an-t-Sùgraidh, agus tighinn do Thaigh-a'-Bhròin ; oir cha n-eil iad a' saolsinn na beatha so a bhi ach mar chaithe-aimsir no mar fhéill air son buannachd. Tha iad ag òl fiona 'na chuachan : tha' chlarsach an fhiodhall, an tiomban, agus a' phòb air an cùirmean : ach cha n-eil iad a' toirt fainear obair an Tighearna, ni mò tha iad a' mothachadh do ghluasad a làmhan ; uime sin mheudaich ifrinn i-féin, agus dh'fhosgail i a beul thar tomhas, agus théid an glòir, agus an sluagh, agus an uaill, agus an tì a ni gàirdeachas 'nam measg sìos innte.

*A' Bhean a b'òige.* Agus cha lugha 'chùis smaointeachaidh na cuir agus na breugan a tha muinntir Taigh-an-t-Sùgraidh a' gnàthachadh chum eagal a chur air luchd-turais o thighinn a dh'ionnsaidh an taigh againne, a' togail droch chliù air, agus ag ràdh gu'm beil sinn féin 'n-ar muinntir thùrsach, dhubhach, nach eil ni r'a chluinntinn ann an so, ach osnaich, tuireadh, agus cneadail, agus gu'n thuit iomadh fear-turais truagh gu h-an-dòchas an so, agus gu'n chuir iad as daibh féin. Ged nach eil ni de sin fìor, “ oir oibrichidh am bròn diadhaidh aithreachas a chum slàinte do nach gabhar aithreachas ; ach oibrichidh doilghios an t-saoghail bàs.” (2 Cor. vii. 10.) Ann ar n-osnaich tha sinn ri gàirdeachas, tha fiamh a' ghàir' oirnn ann ar deuraibh ; mar tha e sgrìobhte.—“ Iadsan a chuireas *siol* le deuraibh buainidh iad le gàirdeachas.” (Salm cxxvi 5,) agus cha n-eil ar n-osnaich is truime, ach mar roimh-ruith buaidh-chaitheam an anma thar peacadh, agus bàs,



agus tha dàimh cho dlù eadar an seòrsa bròin so agus an t-aoibhneas as mò is gur deacair eadar-dhealachadh a chur eadar an t-aon seach an t-aon eile. An uair a tha ar sùilean a' frasadh dheur tha na neòil o'm beil iad a' sruthadh air an sgaoileadh o ar cridhe ; agus tha dearbh ànradh nan osnaich agus nan cnead sin a' bha bagradh ar cridheachan a bhristeadh nam bloidibh a' glanadh speuran ar n-anmannan, agus g'am fàgail ni's ciùine agus ni's soireanta na bha iad roimhe : tha so a' toirt soluis o dhòrchadas, sìth o chomh-stri, agus beatha bho bhàs. Agus is cò fada tha'n taigh so bho neach sam bith a tharruinn gu h-an-dòchas no bhi 'na aobhar air iad féin a sgrìos, is gur ann a thàinig iomadh á Taigh-an-t-Sùgraidh d'a ionnsaidh anns an staid sin agus a fhuair còmhnaidh ann, agus an ùine ghearr a fhuair an tuigse, an reusan agus an ceudfàth do'n ionnsaidh a rithist, agus a dh'imich air falbh làn sòlais agus taitneis.

Nise, mu'm àm so bha e air fàs glé anmoch, agus threòraich aon do mhuintir an taighe Cogais-mhaoth gu seòmar cadail agus ghuidh iad fois mbath dha : agus thug esan iomadh taing dhaibh air son an deagh chomhairle agus an còmhradh buannachdail, ghuidh e slàn leo air an fheasgar sin, agus ghabh e mu thàmh. Dh'èirich e glé mhoch sa' mhadainn agus dh'ullaich se e-féin air son a thurais, làn-thoilichte leis an aoidheachd a fhuair e anns an àite so, air chor 's gu'n thòisich e air gabhail òrain 'na sheòmar :—

“ Beannaichte gu'n robh an Dia,  
 A threòraicheas luchd-cuairt,  
 'Sa dhionas iad fo sgàil a sgéith  
 O chunnard gabhaidh, cruaidh,  
 Theab mo chasan sleamhnachadh  
 Air slighe dhòrch' a' bhàis,  
 'Nuair sheòladh mi gu taigh a' chiùil  
 Le luchd an uile gu tàmh.  
 Ach air chòir 'nuair chùimhnich mi,  
 Sin thiunnda mi mo cheum,  
 A thaobh gun d fhuair mi neart a's treòir  
 O ghràsan seòlaidh Dhé !”

'Nise feadh a bha e seinn nam briathran deireannach so, chual' e toirm romhòr a muigh, agus air dha amharc a mach air an uinneig, chunnaic e iomadaidh do dhaoine Taigh-an-t-sùgraidh air iathadh mu thimchioll Taigh-a'-Bhròin ag iarraidh an duine thàinig an sin an raoir a liubhairt dhaibh. Chuir so maoin mhòr air Cogais-mhaoth, ionnas gu'n thòisich e air ùrnaigh, agus, feuch thaisbean Triùir Dhealrach iad féin fa-chomhair, agus dh'iarr iad air deagh mhisneach a bhi aige, a thaobh gu'n saoradh iadsan e á làmhaibh a nàimhdean. An sin dh'analaich a h-aon ac' air, ag ràdh. " Bì thus' air do chaochladh," agus bha e air ball air a chruth-atharrachadh, agus dh'fhàs e 'na chreutair nuadh; agus bha a ghnùis, a bha roimhe sin ag amharc caol agus glasnèulach, a nis' air fàs ruiteach agus deàlrach, a shùilean a' boillsgeadh mar chlachan luachmhor, air chor is nach b'urrainn dhaibh-san a chunnaic roimhe e aithneachadh. An sin thug an dara fear dha caochladh culaidh, sgeudaich se e ann an trusgan geal, oir bha e roimhe sin air a sgeudachadh ann an trusgan dearg sgàrlaid. Chuir an treas fhear comharradh air clàr aodainn, agus thug e dha sgrìobhadh agus seul air, mar thugadh do Chrìosdaidh. Mar sin rinn an Triùir Dheàlrach a bheannachadh, agus dh'iarr iad air triall an sìth, a chionn nach tigeadh beud air bith 'na chàramh. An sin dh'innis Cogais-mhaoth do mhnathan an taighe mar thachair dha, agus air dha a chead a ghabhail diù thog e air a mach gu misneachail 'sa lorg 'na làimh, agus thriall e tro mheadhon nan daoine a bha ga fheitheamh, agus cha d'aithnich duine e, ni mo bha comas ac' a ràdh, 'Cò e thusa?' agus dh'imich e uapa an sìth, mar dh'iarr na Daoine Deàlrach air.

An sin chunnaic mi gu'n thriall Cogais-mhaoth le luath-cheumaibh gus an deach e á fradharc an taighe, agus nan daoine bha'n tòir air, oir cha robh e fathast saor o eagal a bhi air rompa. Mar sin thriall e air aghaidh gus an d'ràinig e bonn Bruthach-na-h-éigin, agus a thaobh nach d' òl e ni sam bith ré an latha sin,

ghabh e deoch a's an fhuaran a bha ruith fo bhona na h-uchdaich. Shuidh e ann an sin car tacain a' smaoin teachadh ciod an t-slighe air an trialladh e, oir anns an àite sin bha trì frith-ràidean, a h-aon dìreach suas am bruthach agus bha dà rathad eile dol timchioll iochdar a' bhruthaich, a h-aon air an làimh dheis agus an t-aon eil' air an làimh chli. Bha'n rathad a bha dol dìreach suas am bruthach glé chās agus garbh, agus bha'n rathad a chaidh seachad aig iochdar na h-uchdaich air an làimh chli leathan agus còmhnard, air a sgàileadh gu h-iongantach le sreathan chraobh air gach taobh, agus fuaranan sruthanach a' siubhal mu'n cuairt fad gach ceum do'n t-slighe, ni a dh'fhàg i ro thaitneach mais-each; agus bha'n ceum air an làimh dheis mar an ceudna mìn agus còmhnard, fasgach agus taitneach, coltach ri bhi dìreadh suas, air chor is gu'n do smaointich Cogais-mhaoth gu'n tugadh an ceum so suas e gu mulach a' bhruthaich cho math ris an rathad chās, gharbh, agus ròghnaich e siubhal air. A nise be ainm an rathaid Cunnart, agus ainm an rathaid air an làimh chli Léirsgrios. Mar sin thriall e air rathad a' Chunnairt a thug timchioll na h-uchdaich e gus an deach e steach am meadhon coille mhòir. 'Nise bha' choille 'g amharc ro thaitneach 'nuair a chaidh e steach innte air tùs; na h-eoin a' canntaireachd anns na craobhan agus a' ghaoth a' luasgadh an duilich ni a rinn comh-sheirm ro bhinn, agus an cas-cheum uaine agus còmhnard, ach air dha dol ni b' fhaide air aghaidh bha na craobhan a' cur sgàile air le'n dlùithead, air chor is gu'n dh'fhàs e dorcha, gruamach; osbarr chuala e ulfhartaich agus beuchdail bheathaichean fiadhaich, oir bha choille làn mhadadh-allaidh, liopard, dhràgon, agus ua-bheisd-ean eile, ni a thug air Cogais-mhaoth crith le eagal, agus chlisg a chridhe 'na chòm; air chor is gu'n phill e air ball air ais an taobh as an tàinig e, agus ruith e cho luath 'sa b'urrainn e gus an dh' fhuair e glan a mach às a' choille, agus an sin choisich e ni bu shocraiche gus an tàinig e fa-dheòigh chum an fhuarain aig

lochdar Bruthach-na-h-Eiginn, agus shuidh e 'n sin a rithist a' smaointeachadh cìod an t-slighe air an trialladh e : fa-dheireadh le mòran smaointeachaidh ghairm e gu chùimhne na briathran so :—“ Is cumhann an dorus agus is aimhleathan an t-slighe a ta trèdrachadh a chum na beatha, agus is tearc iad a ta 'g amas oirre,” agus a rithist “ Is leathan an t-slighe a ta trèdrachadh a chum sgrios, agus is lionmhor iad a ta dol a steach oirre.” Mar sin ghabh e beachd air an rathad a chaidh dìreach suas am bruthach, agus bha e anabharrach cumhann, agus bha 'n dà cheum eile chaidh timchioll an t-ìochdar glè leathan : ni a thug air a cho-dhùnadh air ball gu'm b'Éigin da an rathad càs cumhann a ghabhail a dh'aindeoin cho deacair 's da'n robh e do dh' fhuil 's do dh' fheòil.

Mar sin dhìrich e suas a' plogartaich agus a' fosgladh a bheoil air son analach le cho sgìth sa' bha e, agus mu'n dh' fhuair e suas ach leth an rathaid bha e gu mòr air a theirbeirt, agus dh' fhàs e glè fhann le tuainealaich 'na cheann o airdead agus caisead na h-uchdaich, air chòr is gu'n robh e an cunnard tuiteam sìos air ais a rithist. Fa-dheòigh thàinig e chum àite anns an robh uamh an taobh an t-sléibhe, agus duine 'na shuidhe 'na dorus do'm b'ainm Deagh-chòmhnadh. Nise air dha Cogais-mhaoth fhaicinn a' dìreadh a' bhruthaich as anail 'na uched, an impis tuiteam dheth a chasan le sgìos, chuir e fàilt' air mar so :—

*Deagh-chòmhnadh*,— A bhràthair tha mi faicinn gu'm beil thu sgìth agus fann, uime sin guidheam ort, thig a steach maille riumsa do'n uaimh so agus leag t'anail car tacain, agus 'nuair a chuireas tu do sgìos dhìot agus a dh' fhàsas tu làidir thèid thu 'n sin air 'vaghaidh ann an ainm an Tighearna. Tha mis' air mo shuidheachadh 'san àite so le òrdugh an Rìgh chum Areasdal air uireasbhuidh nan Eilthireach sgìthe, truagha.

An sin thuirt Cogais-mhaoth, tha mi toirt buidheachas dhut air son do chuiridh, ni ris an gabh mi gu

taingeil, oir gu dearbh tha mi glè sgèth, agus tha mo chridhe ga'm thréigsinn.

An sin chaidh e maille ris an duine do'n uaimh, agus shuidh iad le chéile ann an suidheachan a bha air a ghearradh a mach a's a' chreig. 'Nise chunnaic mi ann am aisling gu'm b'ann do dh' *alabastar* fìorghlan a bha'n seòmar anns an robh iad 'nan suidhe air a dheanamh, agus bha uinneagan air a mhullach a leig a steach solus àraid a thug sealladh do Chogais-mhaoth air ioma' mìr do shean obair a bh' air a ghearradh a mach as a' chreig (Eabh. x. 4—8.) An sin bha samhlanan iomadh saoidh ainmeil agus dhaoine iomraiteach o shean, a rinn trid an creideamh iomadh ni mìorbhuileach. An sin bha dealbh Abeil a' tairgse' iobairt bu mhò agus bu taitniche na Cain : agus Enoch a dh' imich maille ri Dia, agus a bha air a ghiùlain suas gun bhàs fhaicinn, agus Noah, a bha ceud agus fichead bliadhna a' togail na h-àirce chum tearnadh a theaghlach, agus gach uile sheòrsa bheò chreutair. Bha mar an ceudna ann samhla Abrahaim, neach 'nuair a ghairmeadh e a bha umhal do Dhia chum dol do dh'ionad a shealbhaicheadh e fadheòigh mar òighreachd, agus chaidh e mach gun fhios aige c'àite bha e dol. Bha mar an ceudna air a nochdadh mar chòmhnach e tre chreideamh ann an tìr a' gheallaidh mar ann an tìr choimhich, mar aon a ghabhadh còmhnuidh ann an pàilliunan, maille ri Isaac agus Jacob, comh-òighreachan maille ris do'n ghealladh cheudna : bha iad ag amharc air son baile, aig an biodh a bhunait air a thogail le Dia. Bha na daoine so gu léir beò tre chreideamh a' creidsinn nan geallaidhean, agus g'an gabhail do'n ionnsaidh le taingeachd, ag aideachadh, gu'n robh iad 'nan luchd-cuairt agus 'nan coigrich air thalamh. Oir iadsan a their mar sin, tha iad a' dearbhadh gu soilleir gu'm beil iad ag iarraidh dùthaich eile : oir na'm biodh spéis aca do'n dùthaich féin às an tàinig iad a mach, bha ùine ac' air pilleadh g'a h-ionnsaidh a rithist, ach bha iad an tòir air tìr a b'fhearr, se sin dùthaich nèamhaidh. Uime sin cha nàr le Dia gu'n

gairmear ar. Dia-san dheth, agus dh'ullaich e dhaibh baile.

Nise thug sealladh agus beachdachadh air na nithe so mòr shòlas agus chomhfhurtachd do Chogais-mhaoth: agus dh'amnarc e nì b'fhaide mu thimchioll, agus chunnaic e samhla Abraham ag ìobradh suas Isaac (ris an dùbhradh, " Ann an Isaac gairmear do shliochd ") agus samhla Isaac a' beannachadh Iacoib agus Esau ; Iacoib a' beannachadh a chuid mac an dà Phrìomh-athair dheug. An sin sheall e air an taobh sin do'n t-seòmar a bha fa chomhair doruis na h-uamha agus chunnaic e an sin air a nochdadh ann an obair do dh'*alabastar*, mar dhiùlt Maois 'nuair a thàinig e gu aois a bhi air a ghairm 'na mhac do nighean Pharaoh; a' ròghnachadh àmhghar fhulang maille ri pobull Dhé roimh shòlas a' pheacaidh a mhealtainn ré seal: agus mar thréig e'n Eiphit gun eagal roí fhéirg an rìgh, agus a' toirt spéis do'n tì sin a ta neo-fhaicsinneach : agus mar thredraich e clann Israel tro'n mhuir ruaidh mar air talamh tioram, nì a dh'fheuch na h-Eiphitich a dheanamh, agus bhàthadh iad gu léir : agus mar thuit ballachan Iericho sìos le fuaim adhaircean reithe. Bha iomadh nì eile air a nochdadh, mar bha gnìomhan cliùiteach Ioshua, Ghideon, Bharac, Shamsoin, Iepthah, mar an ceudna euchdan Dhaibhidh, Shamuel agus na fàidhean a thug buaidh air ròghachdan tre chreideamh—a dh'oibrich fìreantachd—a ghabh ris na geallaidhean—a dhùin beòil leòghan—a mhùch neart teine—a sheachainn faobhar a' chlaidheimh—o anmhuinneachd a rinneadh neartmhor—a dh'fhàs treun an cath—agus a chuir ruaig air feachd nan coimheach. Bha mar an ceudna ann samh-lachan muinntir eile, a bha air am feuchainn le fanaid agus sgiùrsadh, le ceanglaichean agus cuir am prìosan, a bha air an clachadh agus air an gearradh a's á chéile, a chaidh a cho-eigneachadh agus a mharbhadh, agus a bha air allaban sìos 'sa suas ann an craicnean chaorach a's ghobhar, a bha bochd, àmhgharach, agus air an elaidh, muinntir air nach robh an saoghal airidh, a bha air seacharan ann am fàsaichean, agus am beanntan, ann

an garaidhean 'san uamhan na talmhuinn, agus sin uile tre chreideamh, a fhuair deagh alla agus a ghabh na geallaidhean do'n ionnsaidh.

Bha 'n seòmar anns an robh iad 'nan suidhe air a dheanamh maiseach le dealbhan mar sud, agus dh'amhairc Cogais-mhaoth orra le mòr thlachd, agus ghlac e mòr mhisneach o na samhlaidhean glòrmhor a bha iad a nochdadh : bha aigheadh a bha roimhe so trom a nis' air ath-bheothachadh, agus air éiridh suas 'na chòm, air chor is gun do thòisich e air seinn òrain air an dòigh so :—

“ O anaim mheata, lag-chuisich,  
 Mar mhol ro'n ghaoith bha thu  
 Rì siubhal seachrain mu'n cuairt,  
 Nis gluaisidh mi le sùrd.  
 Air leam gu'm beil mo chridhe steach,  
 Làn gaoil do Dha nan gràs :  
 'S ge càs am bruthach thèid mi suas  
 Air sgiathan luatha gràidh !”

An sin air faicinn do Dheagh-chòmhnadh gu 'n robh Cogais-mhaoth cho mòr air a bheothachadh leis na nithibh a sheall e dha, thuit e ris gu'n robh fathast nithe bu mhò na sud aige gu nochdadh, ni a bheireadh sòlas aoibhneis da anam amharc orra. Mar sin thug e mach as an t-seòmar sin e tro' aisir fhada bha air agearradh a mach a's a' chreig aig an robh a mullach làn uinneag, agus threòraich se e gu uaimh eile anns an robh duine chòmhnaidh do'n b'ainm Beachd-smainteachadh. Bha 'n duine 'na shuidhe air cathair do *dhaoimean* fiorghlan a' smainteachadh agus tosdach, 's cha mhò thuit iadsan ni sam bith ris, no esan riu-san : ach dìreach 'nuair a chaidh iadsan a steach tharrainn e air ais brat-sgàile a bha 'n crochadh roimh 'n àite a b' fhaide air falbh do'n t-seòmar, agus chuir sin sgàile air a dhara leth, air chor 's an uair, a thigeadh neach sam bith a steach air tùs, nach faiceadh e an ni a bh'anns an àite a b' fhaide air falbh do'n t-seòmar, ach cho luath sa thàirneadh an duine do 'm. b'ainn Beachd-smainteachadh, le sreang a bha aige 'na làimh, air ais an sgàile, O an sealladh àluinn agus glòrmhor a bha 'n

sin! oir bha chuid sin do 'n t-seòmar air a dhealbh air chor, is le uinneig àraid a bha air mullach na h-uamha fhosgladh, gu' n bi bhur sùilean air ball air an lionadh le mìle maise : agus bha' chuid sin do'n uaimh, ged bu chreag *dhaoimein* gu léir i, air a lìobhadh cho grinn is 'nuair bhuaileadh lainnir na gréine i gu'm faiceadh sibh i mar chathair ghlòrmhor aig an robh a sràidean air an còmhdachadh le leacan do dh'òr fìorghlan, agus a ballachan do chlachan luachmhor, agus a luchd-àitichidh a'siubhal sìos a's suas ann an trusganan fada a' boillsgeadh mar na reulltan : thaisbean e mar an ceudna Rìgh an àite sin 'na shuidhe air cathair glòire, teine lasarach a' dol roimh ghnùis, agus mìltean do mhìltean a' frithealadh dha, agus deich mìle, deich mìle uair 'nan seasamh 'na làthair, aig an robh an gnùisean mar dhealanach, agus an sùilean mar lasraichean teine ; an làmhan agus an cäsan mar umha lìobhta : a dh'aon fhacal, bha'n sealladh gu léir làn deàraidh agus mòrghalachd.

Bha Cogais-mhaoth fo mhòr ioghnadh leis na nithe glòrmhor so fhaicinn, agus làn do shòlas do-labhairt, air chor is gu'm bu mhiannach leis a bhi beò agus bàsachadh anns an àite ud, oir cha-n fhac e sealladh riabh roimhe cho maiseach ris, agus bhuaich e air amharc air na cuspairean sgiamhach, agus cha b'urrainn e a shùilean a chumail o amharc gus an do tharruinn Deagh-chòmhnadh am brat-sgàile agus gun do sgàil se iad o shealladh ; oir bha eagail air le amharc n'a b'f haide air soilleireachd cho mòr gu'm biodh a shùilean air an dochann : a' cuimhneachadh briathran an duine ghlic' ;—“ An tì a dh' amhairceas air mòrachd bithidh e air a chomh-éigneachadh le glòir.” Uime sin thug se e air ais tro aisir a bha chum uaimhe féin, agus an uair a chaidh iad a steach innte dh'iarr e air Cogais-mhaoth e dheanamh suidhe agus beachd-smaointeachadh air n'a chunnaic e : uime sin rinn Cogais-mhaoth suidhe chum sin a dheanamh feadh a bha Deagh-chòmhnadh a' faotainn cnuasach beag mheas, luibhean, agus



fion a chum a bheothachadh agus fhàgail ni bu shunntaiche a chum a' chuid eile do'n bhruthach a dhìreadh.

O a dhuine fhìughantaich ! arsa Cogais-mhaoth, na cuir dragh ort féin air mo shonsa, a thaobh bìdh no dibhe, oir tha n'a chunnaic mi o'n thàinig mi 'n àite so araon 'na bhiadh is 'na dheoch dhombh : tha mi g'am mhothachadh féin air mo neartachadh leis, agus m'inn-tinn air a beothachadh cho mòr is gu'm beil mi 'n dùil gu'n dìrich mi a' chuid eile do'n bhruthach mar air sgiathaibh.

An sin dh'fhreagair Deagh-chòmhnadh, agus thubhairt e, ma tha sealladh lom do na nithe glòrmhor so air oibreachadh cho chumhachdach ort, nach mò gu mòr na sin a' bhuaidh ris an ion dut dòchas a bhi agad ri ùine, le ceart smaointinn mu'n timchioll le'n co-chur ? Ma tha lom-shealladh air aghaidh na tìre cho taitneach, nach mò gu mòr is tarbhaiche a bhi smainteach gur e am baile tha'n sin air a thaisbeanadh an t-ionad chum am beil thu triall, agus gu'm bi thu beò an sin gu siorruidh, air do sgeadachadh agus air do chrùnadh le trusganan agus le crùintean do ghlòir gu'n chrìoch ? Ach feumaidh mi do chuir 'na t'fhaicill mu aon ni a thachras riut tacan an déigh dhut an t-àite so fhàgail, mar is àbhaist tachairt ris gach fear-cuairt a chunnaic nithe glòrmhor na h-uaimhe so ; air eagal gu'n bi iad air an àrdachadh thar tomhas tre shaoibhreas nantaisbeannan ; tha mar is trice 'sgolb 'san fheòil air a thoirt dhaibh, teachdaire Shàtain gu'm bualadh, a thaobh nach bu chòir dhaibh a bhi air an àrdachadh thar tomhas, agus tha e glé choltach gu'n tachair so riut-sa 'nuair adh' fhalbhas tu as an àite so. Nise, chum is nach bi thu meath-chridheach 'nuair a thachras sin, tha mi'n dràsta ga innseadh dhut, chum le thu bli air do chuir'na t'ear-alas gu'm bi thu mar an ceudna 'na t'armachd 'nuair thig e. Agus tha mi comhairleachadh dhut thu chum-aìl chuimhne do ghnà air eiseamplairean nan saoidh a tha thu a' faicinn air an taisbeanadh fa chomhair do

shùil, a chùim an sròn ri aghaidh srutha àmgharan saoghalta agus ioma-ruagadh, a sheas ri ainneart gach seòrsa buairidh, gus an do chuir iad fa-dheòigh an rutha fòpa, le faotainn an ceann air an t-saoghal, air an fheòil agus air an diabhol, gus an deach iad a steach do dh'aoibhneas an Tighearna, agus a fhuair sealbh air an oighreachd shiorruidh. Bu chòir dhut na nithe so a chumail an gnà-chùimhne mar a thriallas tu air t'aghaidh agus gu sòuraichte 'nuair a thachras tu ri buaireadh, no cunnart, ni, ris an ion dut sùil a bhi agad air do thuras: aig a leithid sin do dh'àm bu chòir dhut ais-smaointeachadh, air na nithe glòrmhor a chunnaic thu 'san uaimh so, agus ann an uaimh a' Bheachd-smuaintichidh, agus le sin a dheanamh gheibh thu mòr shòlas agus fhurtachd.

An sin dh'iarr e air Cogais-mhaoth ithe de'n bhiadh a b'na e faicinn aige anns an uaimh, ag ràdh ris ged nach robh ann ach biadh coithcheann neo-chosgail gu'm be bheatha ga ionnsaidh, agus gu'm mothaicheadh e a bhrìgh a's fheum mar a bhiodh e dìreadh a chuid eile do'n bhruthach. An sin, an déigh dha 'bhiadh a ghabhail, dh'ath-ùraich Deagh-chòmhnadh a chomhairle do Chogais-mhaoth, agus dh'innis e dha na cairtealan agus na taighean-òsd' anns an cuireadh e suas air a thuras, agus na nithe a dhiùltadh agus a sheachnadh e, maille ri iomadh seòladh fallain. Fa-dheòigh ghabh Cogais-mhaoth soraidh leis, làn do mhisnich agus do dh'éibhneas, a' toirt iomadh taing dha air son a' chaoimhneis a nochd e dha.

Nise chunnaic mi ann am aisling an uair a bha Cogais-mhaoth air faighinn gu math air aghaidh suas o'n uaimh gu'n thachair e ri duine do'm b'ainm Uaill-spioradail, ach cha robh fios aig Cogais-mhaoth aig an àm gu'm be sin ainm, agus chuir an duine fàilt' air mar so:—"Fàilte dhut ion-ghràidh a measg chlann nan daoine, annsachd Rìgh nèimhe, a ghabh os-làimh turas mòr agus sgìth o Ghleann an Léir-sgrìos chum Rìoghachd na beatha agus na glòire; a sheachainn

buairidhean Taigh-an-t-Sùgraidh, agus a ròghnaich dol do Thaigh-a'-bhròin; a sheachainn ceuman Cunnairt agus Léir-sgrìos agus a ghabh ort gu misneachail, dìreadh suas an ceum neo-thaitneach agus garbh Bruthaich chās na h-Eigin; agus a chaidh a steach do'n uaimh aig Deagh-Chòmhnadh, agus a chunnaic nithe glòrmhor na h-uamha, agus na nithe bu ro ghlòrmhoire ann an Uaimh a Bheachd-smaointeachaidh. Tha mis' a nis' air mo chur a chum comh-ghàirdeachas a dheanamh maille riut air son do bhuaidh, agus a dh' innseadh dhut gu'm beil crìoch air do thuras, chòmhraig thu an deagh chòmhrag fad ré do shlighe, chum thu'n creideamh agus tha thu aig ceann do chuairt agus tha crùn glòire air a thasgaidh suas dhut: thig a steach maille riumsa, agus nochdaidh mise do dhuais dhut, a tha air a solar fad' chomhair agus cha ruig thu leas coiseachd no saothair a dheanamh ni's mò, ach do chòmhnaidh fhoistinneach a ghabhail maille riumsa."

An sin bha Cogais-mhaoth fo iognadh ri briathran an duine, agus b'iongantach leis mar dh'innis e dha cho beachdaidh mar a rinn e, agus far an robh e, agus thuirt e ann féin; "Is cinnteach gur fàidhe an duine so, no aon is mò na fàidhe." Uime sin bha e air a shéideadh suas 'na inntinn, le smaointinn air mar ghairm an duine dheth:—"Ion-ghràidh a' measg chlann nan daoine, agus annsachd Rìgh nèimhe." "Gu cinnteach," ars esan 'na chridhe féin; "thuit mo chrann-chur an àiteachan maiseach, tha òighreachd sgiamhach agam." Uime sin lean e an duine a thug a thaobh e bharr an rathaid a bha ga threòrachadh suas gu mullach a' bhruthaich, agus thug se e gu binnein anabharrach àrd, mòran ni b'àirde na mullach bruthaich na h-Eigin féin, ach mu'n d'ràinig iad fìor mhullach a' bhinnein; dìreach mar bha iad a' siubhal suas; thug Cogais-mhaoth sùil air cùl an duine, agus chunnaic e "UAILL-SPIORADAIL" sgrìobhta air a dhruim. An sin chùimhnich e a' chomhairl a fhuair e bho Dheagh-

chòmhnadh, a dh'iarr air a measg iomadh teagasg fallain eile, e bhi air 'fhaicill roi' Uaill-spioradail, a thigeadh gu cinnteach 'na chòdhail air an t-slighe, agus a bheireadh ionnsaidh air a tharruinn a chum binnein nan Ard-Smaointean, agus 'nuair a gheibheadh se e air a mhullach gu'n tilgeadh e sìos e an comhair a chinn gus am brist' e 'na bhloidibh. Uime sin cha do ghabh Cogais-mhaoth tuilleadh gnothaich ris, ach ruith e air falbh cho luath 'sa b'urrainn e chum a cheum air an robh e roimhe; agus chaidh e air aghaidh suas am bruthach le gàirdeachas, air son gu'n thàr e às o Uaill-spioradail, a thug ionnsaidh air a thoirt bharr a shlighe le miodal cainnte, a's briathran meallta, agus a thoirt a chum millidh a's leir-sgrios obann.

An sin dh'amhairc mi an déigh Cogais-mhaoth, agus chunnaic mi gu'n deach e gu math suas air aghaidh gus an d'ràinig e mullach a' bhruthaich, eadhon, gus an ionad a bha air a thogail a chum peanas a dheanamh orra-san air am biodh eagal dol ni b'fhaide air eilthir-eachd; be so an t-ionad anns an d'rinneadh toll le iarann teth ann an teangaidh An-ea-bsa, agus Cion-cruadail, a chionn ionnsaidh a thoirt air Criosdaidh a chumail air ais air a thuras.

Nise chunnaic mi ann am aisling, mar chaidh Cogais-mhaoth air agaidh gu'n chòmhlaidh seann duine e air an rathad do'm b'ainm Seasgaireachd-fheòlmhor, agus labhair e ri Cogais-mhaoth mar so:—"A charaid cia as a thàinig thu, agus c'àite tha thu dol?"

*Cogais-mhaoth.* Thàinig mi á Gleann an Léir-sgrios, agus tha mi dol a chum a' bhaile nèamhaidh.

*Seasgaireachd-fheòlmhor.* Gu firinneach ghabh thu turas mor deuchainneach os-làimh, agus tha na cunnartan tro 'n tàinig tha cheana lionmhor; ach a nise tha' chuid a's mò do d' chuairt seachad, tha na tha romhad taitneach, tearainnte, agus socrach; is iomchuidh dhut a nise t'anail a leagadh an déigh do shaoithreach, agus nan ceumannan sgèth a choisich thu o'n thòisich thu air tùs do thuras o d' thìr féin; agus

gu sònraichte o'n tha thu sgèth le ro chaisead Bruthach-na-h-Eigin a dhìrich thu fa-dheireadh ; uime sin m'as mian leat do chairtealan a chuir suas mailleriumsa 'se do bheatha o'm uile chridhe, agus le sin a dheanamh bì'dh tu mòran ni's sunntaiche, agus ni's comasaiche air dol air t'aghaidh air do shlighe : cha-n eil mo thaigh fad a's an àite so agus ma ghabhas tu ri'm thàirgse treòraichidh mi thu chum mo chòmhnaidh.

*Cogais-mhaoth.* A dhuine chòir, is éigin dhomh a ràdh gu'm beil do thairgse glé thaitneach leam, agus cha b'urraim mi tachairt rithe aig àm is iomchuidh, oir tha mi gu deimhin glé sgèth le'm thuras, agus os-barr tha e teannadh ri feasgar : uime sin m'as e do thoil e théid mi maille riut.

Mar so dh'fhalbh iad cuideachd, agus thug an seann duine e tro chaol-rathad, a bha air taobh na làimhe clìthe do'n rathad mhòr, a thrèdraich a chum lùchairt stàtail aig an robh a doras fial fosgailte, agus thàinig iad a chum a' cheud lios a bha mu thimchioll na lùchairt a bha gu léir uaine agus làn fhlùraichean, le iomadh suidheachan grinn sgàileach anns gach àite mu'n cuairt, agus eoin do-àireamh dhe gach seòrsa a' canntaireachd, agus a'seinn co-sheirm binn 'na gheugan. Mar shiubhail iad le chèile thar an lios, thàinig seanna bhean shomalta 'nan còdhail agus dà mhaighdean sgiabhach air gach làimh dh'i air an robh i a leagail a taice, b'e ainm na mnà so Neo-mheasarrachd, agus b' i bean Sheasgaireachd f'heòlmhoir. Nise thog an dithis so an lùchairt, a chum eilthirich a mhealladh, agus an toirt a thaobh a bharr na slighe tha treòrachadh a chum a' bhaile nèamhaidh, mar a bha'n lùchairt do'm b'ainm Sgiabhach air a togail a chum furtachd, sòlas, agus treòrachadh nan eilthireach air an turas. Ach cha robh fhios aig Cogais-mhaoth truagh air a sin ; esan a sheachainn tacan roimhe so an eangach a shuidhich Uaill-spioradail air a shon, bha e nis' air a ghlacadh ann an ribe Seasgaireachd-fheòlmhor.

Nise chunnaic mi ann am aisling gun tug (a bhean

sin) Neo-mheasarrachd cuireadh do Chogais-mhaoth chum a taighe, agus thug an dithis mhaighdean a bha ga freasdal cuireadh dha mar an ceudna; b'iad a dithis nighean féin a bh'ann, be ainm a h-aon diù Guauag agus na tè eile Di-chuimhne.

An sin dh'iarr i air teannadh chum an taighe, uime sin thriall iad cuideachd tre'n cheud lios a bha ro' dhorus na lùchairt, gus an d'ràinig iad dorus an dara lios, an sin dh'iarr Neo-mheasarrachd orra suidhe sìos gu léir, agus spion i cuid do bhagaidean fhion-dhearc do gheugan fionain a bha tighinn thar a' bhalla dlù do'n ionad 'san robh iad 'nan suidhe, agus dh'fhàisg i iad ann an copan òir a bha aice 'na làimh; agus air dh'i féin blasad air thug i do Chogais-mhaoth e ag iarraidh air òl ás, rinn e sin mar dh'iarr i agus bha e air ball fo mhisg agus thoisich e air sùgradh ri Guanaig ni nach do mhi-thaitinn ri Neo-mheasarrachd, no ri còmpanach, Seasgair-eachd-fheòlmhor, ach 'sann a thòisich iad r'a bhrosnachadh le copan eile do shùgh nam fion-dhearc a thoirt dha ni a dh'oibrich cho laidir air eanachainn laig, a's air dha bhi tacan a sùgradh ri Guanaig air bruaich do dhìtheanan cùraidh gu'n thuit e fa-dhedigh 'na chadal ann an glacailh Di-chuimhne. An sin thug iad air dithis de an cuid séirbheiseach a ghiùlain a steach do'n lùchairt, agus a leagadh 'na shùneadh air leabaidh bhuig thlàith anns an t-sheòmar a b'fhearr a bha steach, chum mam bu chomasach e, gu'n tugadh iad air fuireach maille riu gun dol ni b'fhaide air aghaidh air a thuras: dh'ullaich iad co-sheirm binn ciùil chum na chrìche sin, a shuidhich iad á fradharc na leapa anns an robh Cogais-mhaoth 'na laidhe, ach gidheadh chluinneadh e iad cho math is ged a bhiodh iad ri taobh a leapa, ach cha b'urrainn da am faicinn, nam be is gu'n dùisgeadh e ás a chadal; agus dh'iarradh orra na fuinn a b'fhearr agus na puirt bu bhinne a bha ac' a chluich am feadh a bha e 'ua chadal, agus mar an ceudna leantainn air cluich 'nan tàrladh dha dùsgadh, oir be nàdur sùgh nam fion-dhearc so dheth an d'òl iad mòran gu'n tugadh e

air cuid cadal fad iomadh bliadhna, agus air cuid eile fad ré am beatha, agus bu ro aineamh iad a b'urrainn dùsgadh, gu h-àraid an ùine ghearr, agus be nàdur a chiùil gun tugadh e orra bruadairean draoidheil ro thaitneach fhaicinn, agus iadsan a dh'eugadh 'nan cadal bha iad air an giùlain a mach le gradaig as an àite chum ionad àraidh a's an tuiteadh iad sìos do loch an Léir-sgrìos, a ta aig ceann na slighe a' ta treòrachadh chum na làimhe clìth' aig bun Bruthaich na h-éigin, is loch teine e, agus tha e dìon-logadh o thoiseach an t-saoghail, agus mairidh e mar sin a chaoidh nan caoidhean ! A nise be so crìoch nan truaghan a bha air am mealladh a chum taigh Sheasgaireachd-fheòlmhoir, agus a dh'òl do dh' fhion Neo-mheasarrachd, agus a chuir amaideas an giùimh maille ri Guanaig, agus a thuit 'nan cadal maille ri Di-chùimhne, munntir ma dh'eugas iad 'nan cadal a tha air an tilgeadh anns an loch theine, ni is e an dara bàs.

Nise thàrladh ged' chaidil Cogais-mhaoth ùine fhada le e bhi air a thàladh gu suain le fuaim a' chiùil leadarra bhinn ud, nach tug iad an aire do'n luirg làidir a bha aige 'na làimh, agus a thaobh nach robh fhios ac' air a diamhaireachd, no air a buaidhean iongantach cha tug iad uaithe i, agus le h-éifeachd fa-dheòigh mhosgail e às a chadal agus dh'éirich e suas le ioghnadh cia as a bha 'n ceòl binn so a' tighinn; agus o'n a bha lòrg 'na làimh rè na h-ùine a bha e 'na chadal, fa-dheòigh air dha a bhi tionndadh 'na leabaidh bhual e buille air féin leis an luirg mu na sùilean a thug air dùsgadh.

An sin thòisich e air gabhail iongantais mu c'ait an robh e, no cia mar thàinig e ann, no ciod an ceòl a bha e cluinntinn, fa-dheireadh chùimhnich e mar thug seann duine cuireadh dha chum a thaighe, gu còir caoimhneil, agus mar thug a bhean roinn de a cuid fiona dha r'a òl, agus mar bha e sùgradh ri Guanaig. Ach cha b'urrainn da cuimhneachadh cia mar thàinig e do'n leabaidh, ach fa-dheireadh cho-dhùin e gu'n robh e fo mhisg agus gu'n ghiùlanadh chum na lùchairt e,

agus o na smaointean so agus fìor thaitnichead a' chiùil, bha e ullamh gu tuiteam 'na chadal a rithist, ach aig a' cheart àm sin thàinig tairneanach le cruaidh stairich cho uabhasach 's gur beag nach bu leòir e chum nam màrbh féin a dhùsgadh.

Chuir so a chridhe air chrith 'na chòm, agus sguir an ceòl do chluich, uime sin dh'éirich e á leabaidh agus sheall e mach air an uinneig, agus chunnaic e an iormailt anabarrach dorcha, gus an lasadh an dealanach a bha maoidheadh an saoghal a sgrios.

Ghuil Cogais-mhaoth truagh gu goirt 'nuair a chunnaic e a leithid do storm uabhasach an crochadh thar a cheann agus e ann an àite coimheach, gun a bhi fathast leth a thuras air aghaidh, rinn so fhàgail gu trom, cianail, agus bhruchd e mach anns na briathran tùsach so leis féin: "Is creutair truagh mi, ciod a dh'éireas dhomh? C'ait' am falaich mi mi-féin o fhraoch corraich an Tighearna? no cia mar tharas mi a's o dhiomadh? Is eagal leam gun deach mi as an rathad le tighinn do'n ionad so, agus m'ùine luachmhor a chaitheamh an cadal, ni as aobhar gu'm beil fearg air Dia agus ri tairneanaich ann an cluasan m'anra, tha uabhas agus breisleach a' lasadh tro 'm chogais mar dhealanach, cha-n fhios domh ciod a ni mi, no c'ait' an tionndadh mi dh'iarraidh furtachd."

An sin dh'amhairc e air son a luirg ach cha b'urrainn e air tùs a' faotainn, ni thug air toiseachadh air tuir-eadh gu goirt; ach fa-dhedigh chumhnich e air an leabaidh anns an robh e 'na chadal, uime sin ruith e ga h-ionnsaidh agus fhuair e a lorg an sin, chum a mhòr shòlais agus éibhneis. An sin chuir se e-féin 'na uidheam chum dol sìos an staidhir, ach dìreach air dha bhi falbh o'n uinneig aig an robh e 'na sheasamh thàinig tairneanach eile thug crith air an taigh, agus an deigh an tairneinich chual' e guth a' cagair 'na chluais ag ràdh; — "Imich a mach as an àite so, agus bi air t'fhaicill o'n mhnaoidh aig am beil an copan òir 'na làimh, agus o gach ni a bhuineas d'i, oir is i a slighe-sa slighe a'



Bhàis ; na peacaich nis mò mas éirich ni's miosa dhut" Thug so air Cogais-mhaoth crith a rithist, air chor is gu'n robh a ghiùinean a' bualadh an aghaidh a chéile, agus rinn e cabhag gu dol sìos an staidhear ach thòisich an ceòl a rithist air cluich cho binn is gu'n theab nach b'urrainn e ga fhàgail ; ach air dha an tairneanach, agus an dealanach, agus an guth a chual' e a chuimhneachadh chaidh e sìos le rùn nach stadadh e a dh-aindeoin aon ni a dh'fheuchadh ri bhacadh. Air dha a bhi gabhail tro'n talla chunnaic e bòrd air a chòmhdachadh leis gach seòrsa sòghalachd, agus chual e guth fbleasgach a's òighean air leis a' seinn gu blasta binn, ni a thug air stad car tacain a rithist a dh'éisdeachd r'an ceòl. An sin thàinig duine far an robh e d'am b'ainm Craos, agus dh'iarr e air suidhe sìos, agus an ni a b'fhearr leis itheadh, ag innseadh dha gu'n robh am biodh a bha e faicinn roimh shùilean air a dheasachadh a dh'aon ghnòthach air son luchd-cuairte, agus gu'n tàinig iomadaidh dhiù-san a bha air an turas gu baile Shioin, an sin chum comhpairteachadh do shòghalachd an àite a bha air a thogail air son socair agus toileachas a thoirt do na h-eilthirich. An sin chuir na fleasgaich agus na h-òighean le Craos 'nan òran, feadh a chluich caochla chruitean ciùil leo ann an co-sheirm agus be so an t-òran a ghabh iad :—

“ Faodaidh luchd-cuairt' an so

Ith', òl 'us cadal,

Oir bithidh iad sàbhailt',

Is an Triath ga 'm faire.

Siùd, siùd, 'f hir bhoichd

Gabh thus an so do shàth,

'S na òb am biadh

'S a mhiann ort dol 'na dhàil.”

Bu leòr so gu buaidh fhaighinn air duine bu chalma na Cogais-mhaoth, agus cha chuireadh e féin an aghaidh buaireadh cho mòr mar be gu'n chuimhnich e air an tairneanach agus air a' ghuth. Mar an ceudna chùimhnich e air briathran Iosa naomb' a thubhairt :—  
“ Is emo bhiadh agus mo dheoch-sa toil m' Athar nèambh-

aìdh a dheanamh.” An sin thionndaidh, e air falbh o Chraos agus chaidh e air ball a mach às an talla gun aon fhreagairt a thoirt dhà, ge do lean se e ga f huran chum suidhe sìos agus a bhì subhach maille ris a' chuid-eachd f hurmaitich a bha e faicinn fa chomhair. An sin thug seann Seasgaireachd-f heòlmhor coinneamh dha aig dorus an talla a bha fosgailte fa chomhair an lios a b' f haisge do'n lùchairt, agus ghlac se air làimh e agus dh'f harraid e dheth c'àite bha e dol le leithid do dheifir? Agus thuirt Cogais-mhaoth ris; “tha mi do a thriall air mo thuras.”

*Seasgaireachd-fheòlmhor.* Dean fuireach a's ith rud air tùs, oir tha uidhe mhòr agad ri choiseachd mu'n tachair taigh eil' ort, agus uime sin cha-n eil e goireasach dhut falbh 'na d' thrasgadh às an àite so air eagal gu'm failinn thu air an rathad.

*Cogais-mhaoth* Tha e sgrìobhta, “Cha-n ann le aran a mbàin a bheathaicheas duine, ach leis gach uile fhacal a thig o bheul Dé.”

*Seasgaireachd-fheòlmhor.* Cha-n eil sin cuimte ri d' chorsa, cha ruig thus a leas a bhì 'n dùil gu'm beathaich thu air miorbhuillean; tha biadh a's deoch air an òrduchadh chum cumail suas ar cuirp anmhuinn, agus uime sin is amaideach an nì dhuinn trasgadh an uair a tha fìor fheum againn air biadh.

*Cogais-mhaoth.* Seadh, ach cha-n eil fìor feum agam-sa air biadh na deoch, a thaobh e bhì moch sa' mhadainn; agus leugh mi ann an leabhar àraidh an nì so:—“An-aoibhinn dhut-sa, O thìr! 'nuair a dh'itheas do phrionnsaibh anns a' mhadainn; ach is beannaichte an tìr, a dh'itheas a prionnsaibh aran an àm iomchaidh air son beathachaidh, agus nach ann air son geòcaireachd.”

*Seasgaireachd-fheòlmhor.* Cha mhò tha'n ràdh sin air aon chor air a chumadh riut-sa, oir cha phrionns' thusa, ach eilthireach bochd; ach tha sin air a ràdh gu h-iomlan mu dhéidhinn phrionnsachan.

*Cogais-mhaoth.* Tha mis' am phrionnsa, agus tha mi dol a ghabhail sealbh air mo chrùn agus air mo rìogh-

achd, oir tha sinn air ar deanamh 'n-ar rìghrean agus 'n-ar sagartan maille ri Dia, agus rìoghaichidh sinn maille ris gu bràth, uime sin leig dhìot a bhi sparradh orms air an dèigh so, no maille chuir orm air mo thuras oir imichidh mi ann an neart an Tighearna mo Dhia.

*Seasgaireachd-fheòlmhor.* O'n tha thu cho ceann-laidir, is nach éisd thu ri 'm chomhairl' air a' phuing so, guidheam ort, òl deoch, mu'm falbh thu aig an fhianan ud, far am beil thu faicinn nam fion-dhearc an crochadh gu dlù reachdmhor.

*Cogais-mhaoth.* Cha mhò a dh'òlas mi deoch 'san àite so, oir is cùimhne leam mar dh'òl mi roimhe do shùgh mam fion-dhearc bàsmhor so, agus mar dh'fhàg iad misgeach mi, air chor is gu'n chuir mi amaideas an gnìomh maille ri Guanaig; agus mar chaidil mi air falbh m'ùine, 'nuair bu chòir dhomh a bhi dol air m'aghaidh air mo thuras; agus tha mi credsinn gu'm beil thu air son fàth a ghabhail orm, a dh'fheuch an cuir thu fo'n mhisg mi rithist, air neo cha bhiodh tu coiteach cho dian.

Nis' air dhaibh a bhi labhairt ri chéile, thàinig iad a chum tobar fhior-uisg a bha cho soilleir ri criostal, agus bha Guanag ga fairceadh féin innte, agus 'nuair a chunnaic i Cogais-mhoath a' dol a mach ás an lios còladh ri h-athair, leum i ás an tobar lom rùiste mar bha i agus dh'iath i e 'na glacaibh, agus dh'aslaich i air fantainn leo n'a b'fhaide. Bha so 'na bhuaireadh cruaidh nach robh fhios aige cionnas a chuireadh e 'na aghaidh, oir ghnàthaich i leithid do chuir 's do chluaintearachd, air chor is gur beag nach do bhuaidhaich i air; ach fa-dheòigh air dha cùimhneachadh air an tairneanach, uabhasach agus air an dealanach, agus air a' ghuth a thainig 'nan deigh, leum e le clisgeadh ás a glacaibh, agus ruith e air falbh cho luath sa' b'urrainn e, agus cha do stad e gus an tàinig e mach air an doras a b' fhaide muigh do 'n lùchairt, agus gu'n ràinig e an rathad mòr air an robh e 'nuair a mheall Seasgaireachd-fheòlmhor air tùs e an sin chaidh e air aghaidh a' gabhail òrain :

“ Mar eun a' rib' an eunadair  
 Theich m'anam a's gun chàird;  
 O shòlas dìombuan luchd an uile  
 Do'n deireadh guin a's cràdh.  
 'S an-èibhinn do na bhuidheann sin  
 A ghlacas iad 'nan lion  
 Ge breagh an lùchairt o'n leth-mach,  
 Tha 'n taobh a steach làn ghiamh !”

Fà-dhèigh thàinig e chum an àite anns an robh na leòghain 'nan laidhe, agus thòsich iad air beuchdail, cho luath sa' chunnaic iad e, ni a chuit mòr eagal air, air chor is gun do sheas e gùn ghluasad; ach air dha cuimhneachadh air na chunnaic e ann an Uamh Deagh-Chòmhnadh mu thimchioll nan cunnartan air an tug na saoidhean trèun ud bùaidh, ghlac e misneach agus chaidh e gu dàna air aghaidh, a' crathadh a luirg ris na leòghain, ni a thug orra air ball sgur do bheucaich, agus laidh iad gun ghluasad gus an deach e seachad orra, agus thàinig e suas chum dòrus na lù-chairt do'm b' ainm Sgiambach, far an robh an dorsair 'na sheasamh, ullamh gu ghabhail a steach; ach air tùs dh' fhiosraich e cia as a thàinig e, agus càite bha e dol.

*Cogais-mhaoth.* Thàinig mi a' gleann an Léir-sgrìos agus tha mi dol a chum Shìoin naomha, no'n Ierusalem nèamhaidh.

*Dorsair.* An tàinig thu steach air an dorus chumh-ann a tha aig ceann Slighe na beatha?

*Cogais-mhaoth.* Thàinig agus dh'farradh orm leis an duine Deagh-thoil a tha còimhid an dorais, mi ghairm aig taigh an Fhir-mhìnichidh.

*Dorsair.* Seall dhomh do theisteanas, gus am feuch mi e do dh' aon de na h-òighean, agus ma thaitneas e rithe gabhaidh i staigh thu gu fiallaigh agus nochdaidh i dhut furmailt an taighe.

An sin tharuinn Cogais-mhaoth a mach a theisteanas agus thug e do dh' Fhurachar an dorsair e, an sin bhuaill an dorsair an clag air ball, agus thàinig òigh do'm b'ainm Grundail a mach, agus dh'innis an dorsair dh'i mu Chogais-mhaoth, agus mu'n turas air an

robh e, agus thug e dh'i teisteanas an Fhir-mhìnichidh, chum a leughadh, agus 'nuair a leugh i e, 'sa ghabh i beachd air an t-seula bha air, dh'iarr i air Cogais-mhaoth e dhol a steach.

An sin thredraich si e do sheòmar agus thàinig triùir mhaighdeanan òg eile, Crìonachd, Cràbhadh, agus Seirc a' chur fàilte air, ag ràdh, gu'm be a bheatha 'san taigh, agus thug iad da ionnsaidh beagan fìona agus fìgean a bhiodh e'g itheadh gus am biodh an dinner ullamh, oir air leo gu'n robh e sgìth a thaobh gu'n robh e nis' an deigh bruthach na h-Eigin a dhìreadh; oir cha robh fhios aca gu'n chaidil e ann an taigh Seasgaireachd-Fheòlmhor. Ach dh'innis e-féin daibh gun fheòraich mar thachair e ri seann duine 'nuair a dhìrich e gus an t-ionad air mullach an t-sléibhe; agus gun tug e cuireadh dha chum a thaighe, lùchairt rìmh-each a bha air taobh clì an rathaid mhòir. Mar sin dh'ionnsaidh e dhaibh gach ni thachair dha anns an àite sin, agus mar b'ègin da fa-dheireadh buinn a thoirt às, agus ruith air falbh o Ghuaanaig.

An sin dh'fheòraich Cràbhadh, ciod a b'ainm dha; agus thubhairt e rithe, " 'Se Cogais-mhaoth is ainm dhomh." "Ma ta," ars ise, "a Chogais-mhaoth, sheach-ainn thu a h-aon do na cunnartan as mò air an t-slighe, oir 'se Seasgaireachd-fheòlmhor is ainm do'n duine sin a mheall chum a thaighe thu, agus 's e ainm a mhna Neo-mheasarrachd, am boireannach a chìtear do ghnà sa'n copan òir aice 'na làimh làn drùidheachd, ni leis am beil i 'cuir na misg orra-san a dh-òlas deth."

"Seadh, (arsa Cogais-mhaoth,) tha mi tuigsinn gur h-i sin am boireannach a thug dhomh sùgh nam fion-dhearc r'a òl às a' chopan òir air dhuinn dol a steach do'n dara lìos."

*Cràbhadh.* Agus nach faca tu a dithis nighean, Guanag agus Di-chùimhne?

*Cogais-mhaoth.* Cha robh fhios agam c'ainm a bh'orr', ach chunnaic mi dà mhaighdean òg, sgiamhach, a' freasdal do'n mhnaoi Neo-mheasarrachd, agus air do neart an

fhiona buadhachadh orm thòisich mi air sùgradh ri aon diù gus an do thuit mi fa-dheireadh am chadal ann an glacaibh na tè eile.

*Cràbhadh.* 'S iad sin an dithis a dh'ainmich mi, agus is gnà leo daoine 'mhealladh a chum sgrios, mas e 's gu'n téid iad aon uair 'nan asgail, gu sònraichte ma thuit-eas iad 'nan cadal an sin; ach cionnas a fhuair thu air falbh uapa? oir bu ghnà leo cho liughachar as cluain a chleachdadh, a chum iadsan a rachadh aon uair air taobh a steach an doruis amladh, air chor 's gu'm aon fhear á deichnear a thàras ás an ìnean gun mhòr dhochann fhulang.

*Cagais-mhaoth.* O, ars esan, dh'fhuirich mi cho fad a' connsachadh mu'n chùis ris an t-seann duine is gu'n theab mi an latha a chall gu h-ìomlan, agus air dhuinn a bhì comh-labhairt ri chéile, dh'éirich a nighean á tobar uisge lom rùiste, agus dh'iath i 'na glacaibh mi leis na briathraibh bu chaidrich' a chualas riabh a chum mo chumail gun fhalbh: ach air dhomhsa mhothachadh nach robh mi comasach air cuir an aghaidh buaireadh cho treun, thug mi leum le clisgeadh á glacaibh, agus ruith mi air falbh cho luath 'sa b'urrainn mo chasan.

*Cràbhadh.* Tha mi mòr mholadh mar ghnàthaich thu thu-féin aig an àm sin, oir ged dubhradh, "Cuiribh an aghaidh an diabhoil agus teichidh e uaibh." Tha na briathran sin r'a bhì air an tuigsinn mu bhuaireidhean eile, oir an uair a bhios neach sam bith air a bhrosnachadh gu gnìomh mi-gheamnaidh, no macnasach cha n-eil ùine aige gu connsachadh 'nan aghaidh: se grad theicheadh an aon dòigh air buadhachadh orra: faodaidh an t-anam seasamh an cath an aghaidh àmhghair, iomaruagadh agus chàmparan eile, ach feumaidh anamhianna na feòla bhì air an ciosachadh le teicheadh uapa. "Esan a shuathas ri bìth bidhidh e air a shalachadh," ars an duine glic; agus esan a sheasas a' connsachd ri buaireidhean, neo-ghlaine is dualach dha tuiteam. Tha'n t-anam coltach ri céir a' chruaidhicheas ri aimsir chruaidh rèda, ach fo dhearsadh gréine

an t-saibhreis agus teas ana-mhiann, tha e leaghadh, a fàs bog agus so-lùbaidh : uime sin is ceart a thuir aon o shean, “ Teich o ana-mhiannaibh na h-òige a tha ri cathachadh an aghaidh an anma.” Cha-n eil e 'g ràdh, seas r'an aodainn agus cuir 'nan aghaidh, ach teich air falbh uapa. Tha so ann an cuid a' co-fhreagradh ris an dubhaile choitcheann sin, a tha cho tric agus cho nàr sa n linn so ; tha mi ciallachadh leis a so, a bhi 'g òl tuilleadh sa' chòir do dhibh làidir. Tha daoine am barail gu'm faod iad dol gu tèarainte do chuideachd, agus pòitearachd a sheachnadh ; agus an uair a tha iad ann am measg cuideachd, tha iad am barail gu'm faod iad beagan òl gun chron sam bith a dheanamh dhaibh féin : gun a bhi idir a' toirt fainear gu'm beil am beagan sin a' toirt misnich dhaibh a chum tuilleadh a ghabhail, tha gach glaine mar shluigeas iad, a lion beag a's beag a mealladh air falbh an nearta, agus an rùin a chuir iad rompa air tùs an aghaidh na pòitearachd ; agus 'nuair thig iad gu bhi ann an teagamh, cò dhiù a shluigeas no nach sluig iad a' ghlainne chorra so, tha iad a' tilgeadh sios balla-dion an anma, [se sin ri ràdh, an ciall nàdurach féin,] agus d'a fhàgail fosgailte, chum a thruaill-eadh le rùitearachd a's di-céille, a' fulang do shòlasan diomhain a' pheacaidh sruthadh mar thuil-bheum a chum an cridheachan gun didean ; mar so a lion beag a's beag, tha'n t-anam truagh air a long-bhristeadh. Ann an cùisean mar so, se'n aon ni is fearr, teicheadh air falbh o'n cheud choltas buairidh ; dorsan an anma 'dhùnadh, na ceudfathan a dhion, agus am mac-meannainn a chumail a steach 'na ionad iomchaidh féin. Cha bu chòir do dhuine uibhir agus smaointeachadh a' chuideachd sin a bhi taitneach, no sòlasach, a tha cumail an ni sin a chuireas slàint' anma an cunnart, no idir an leantainn le furan, nidheadh, gu'm a fearr leis a' diùltadh 'nuair a bheir iadsan cuireadh dhàsan ; is mòr gur fearr dhomh a bhi air mo mheas mi-thaitneach, agus do-lùbaidh do dhaoine eile na bhi d'a rìreadh mar sin

dhomh féin le mi-féin a sgrìos a chum mo luchd-eòlais a thoileachadh.

*Seiro.* Tha cuid do mhuintir ann a tha gu madurra cho soirbh, bog, agus so-lùbaidh, is gu'n géill iad do chuideachd, ni's mo tre bhuigead agus mìllsead an nàduir na o aon déidh a ta aca féin air an òl, fòs, am feadh a ta iad a' fuathachadh na dibhe cha-n urrainn iad gun an companaich mhi-reusant' a thoileachadh. Tha so 'na h-anmhainneachd mhòr, agus ged a dh'fhaodar a leisgeul a ghabhail ann an cuid, o shuairceas an nàduir o'm beil i sruthadh, gidheadh, is cunnartach an gnàthas e, agus uime sin, cha n-urrainn sinn a mholadh, le eagal ma ni sinn sin, gu'n tiunndaidh sinn a mach 'n-ar luchd-tagraidh do dhubhailc.

*Crionnachd.* Cuireamaid air cùl ar còmhradh aig an àm so, agus rachamaid gu ar dinneir oir tha 'n clag a' beumadh.

Mar sin dh'eirich iad gu léir agus chaidh iad do'n t-seòmar anns an robh an dinneir air a cur sìos, agus anns an robh tuilleadh òighean a bhuineadh do'n chomunn a' feitheamh ri iadsan a thighinn chum a' bhòird, agus chuir gach aon diù furan air Cogais-mhaoth, le fàilte shònraicht' air leth: agus an sin shuidh iad sìos gu'n dinneir le riaghailt agus tosdachd. Air dhaibh beannachd iarraidh, ghearr agus roinn, a h-aon do na h-òighean do'm b'ainm Measarrachd, an cuid do chàch, oir be sin a dreuchd; am feadh a bha maighdean eile do'm b'ainm Fireachdail a' freasdal do'n bhòrd. An so cha robh ard-ghàire r'a chluinntinn, baoth-shùgradh, no briathran diamhain, ach aoidhealachd mhàlda, ni a chuir mòr thlachd air an fhùrmailt: bha aca pailteas gu'n stròghalachd: stuamachd agus fialachd, mar gu'm b'eadh, a' cur gach mias mu'n cuairt do'n chlàr; dh'ith iad a chum nàduir a bheathachadh, 's cha b'ann gu ana-mhiann àrach no'n càil a mhilleadh; agus dh'eirich iad o'n bhòrd gu sunntach ùrail, an deigh dhaibh buidheachas a chur suas do'n Tì naomh' o'n tig



gach deagh thoirbheartas, Cruithear agus Fear-coimhid a chinne-dhaona gu léir, air son an cumail suas le nithe matha na beatha so.

An sin shònraich a h-aon de na h-òighean do'm b'ainm Slàinte do'n chuideachd dol agus gaoth a' ghàraidh a ghabhail an deigh an dinnearach; agus dh'aontaich càch gu'm bu chòir sin a dheanamh, agus thug Grundail, Crionnachd, Cràbhadh, Seirc, agus Measarrachd Cogais-mhaoth leo chum mullach sléibhe dheth an d'fhuair e sealladh air an dùthaich mu'n cuairt, agus shuidh iad sìos ann an sin fo sgàile craobh Shicamoir agus thòisich iad air seanachas as ùr. Dh-fhèòraich Cogais-mhaoth ciod an t-aobhar mu'n robh iad a' còmhnaidh mar sud an comh-chomunn a chéile, agus ciod bu riaghailt, agus bu ghnàs beatha dhaibh? agus dh'fhreagair Cràbhadh mar so:—

*Cràbhadh.* 'Nuair a bha sinn òg agus a chòmhnaidh, aig ar dachaigh, maille r'ar càirdean, bha sinn buailteach do dh'iomadh diambanas agus gòraich, agus air ar giùlan air falbh le tuil an fhasain; fòs, a thaobh gu'n robh sinn déidheil air cràbhadh o aois ar leanachd; air dhuinn tighinn gu iribhe dh'fhàs sinn sgèith dheth ar n-oideachas feòlmhor, a' cur diambanas agus amaid-eachd an t-saoghail air chùl, agus dh'iarr sinn air son ionad anns am faodadh sinn a bhi cuibhte dhiù sin, agus séirbheis a dheanamh do'n Tighearn' a latha agus a dh'òidheche, anns gach uile naomhachd agus fìorghlaine beatha. Mar sin, an deigh mòran rannsachaidh, agus dìchill dh'innseadh dhuinn fa-dhedigh gu'n do thog bean naomh' àraidh do'm b'ainm Creideamh a taigh ann an so, agus a thaobh gu'n robh spéis shònraicht' aig rìgh na dùthcha so dh'i cheadaich e dh'i àireamh àraid do dh'òighean a bha déidheil air an t-saoghal àicheadh a chruinneachadh ri chéile, agus còmhnaidh a ghabhail maille ri air leth o'n t-saoghal, le banntaibh naisgte thoirt dhaibh, gu'm biodh iad saor o na cùsean sònraichte sin, a bha a' chuid eile de 'iochdarannan a' pàigheadh air chòmhnanta gu'n coimhheadh iad na reachdan agus na stàtan a chuireadh a' bhean naomha

sin, Creideamh, rompa, agus gluasad ann am fìor ùmhlachd d'a h-àintean rè uile laithean am beatha: uime sin lās sinn suas air ball le dian dhéidh air a' bhoireannach so fhaicinn, agus nam bu chomasach e teachd agus còmhnaidh 'ghabhail maille rithe, [tha mi labhairt air ar son gu léir, oir chuala mi càch ag aithris gu'n robh iad 'san aon rùn riùm féin mu'n chùis;] mar sin cha do chuir sinn ni b'fhaide ar n-ùigh ann am fuil 'sa'm feòil, ach chuir sinn romhainn gu'n ruigeamaid am boireannach sin gun stad a chum ar rùn a chur an céill, le dòchas gu'm faigheadh sinn deagh-ghean 'na làthair agus gu'n gabhadh i sinn a steach d'a comunn; agus an nair a ràinig sinn i agus a chuala sinn a guth bha i n'a b'ionmhuinne leinn na bha i riamh, agus bha fadal oirnn gu's an do ghabhadh a steach do'n taigh sinn. Fà-dhedèigh bha ar n-iarrtas air a cho-lionadh, agus ar miann againn, agus tha sinn a chòmhnaidh ann an so riamh o 'nuair sin, agus cha mhùthamaid ar caithe-beatha air son an t-saoghail gu léir, oir tha'm boireannach so do nàdur ro shuairc, agus a reachdan gu léir taitneach, a cùing so-iomchair, agus a h-uallach aotrom.

*Seirc.* Cha-n e gu'm beil sinne a' dìteadh gach neach nach eil beò ann an cor mar so, no do réir nan riaghailtean againne, oir gu'n teagamh tha iomadh beò am measg sluaigh eile an t-saoghail, a tha fòs g'an cumail féin gun smal o dhubhailc an t-saoghail, ach tha iad buailteach do dh'iomadh cunnart; tha iad ni's buailtiche doni's mò bhuaireidhean na tha sinne; oir an so, tha 'n aon inntinn agus anam, mar gu'm b'eadh, g'ar beothachadh gu léir, is e naomhachd agus fìor-ghlaine gach ni air am beil sinn an tòir, agus tha sinn a' toirt comh-mhisneachd d'a chéile, agus a' cur a chéile air aghaidh chum nan nithe sin a gnàthachadh. Cha-n eil ro-chùram oirnn a dh'fhàsgas ar beatha searbh dhuinn, no sòlasan diamhainn a chum ar truailleadh; cha-n eil ard-urram againn a chum ar deanamh glòir-mhiannach, no beartas chum ar deanamh sanntach; is e ar n-uile mhiann sinn-féin a ghiùlan neo-lotach ann an làthair

Dh' é, agus is e'n t-uile shaibhreas is miann linn na nithe sin nach searg air falbh am feast, tiodhlaicean agus gràs an Spioraid Naoimhe

*Cogais-mhaoth.* Ach tha mi a' smuainteachadh gu'm beil cuid do reachdan agus do riaghailtean àraid agaibh do'm feum sibh géilleadh, agus bu math leam fiosrachadh fhaighinn mu'n timchioll.

*Cràbhadh.* Tha, tha sin againn, agus bheir mi fios dut mu'n timchioll, air an dòigh a's fearr a dh' fhaodas mi.

1. Feumaidh sinn éiridh gach latha ro' éiridh na gréine, agus an sin tha sinn a' cruinneachadh an ceann a' chéile chum ùrnaigh, agus cliù a chur suas do Dhia mòr nèimhe, a' toirt buidheachais dha air son nan soch-airean a fhuair sinn, agus ag aslachadh a dheagh-ghean agus a dhion air son an ama ri teachd.

2. An sin tha gach té a' dol chum a ghnothach sònraichte féin, a bhuineas d'a dreuchd, agus buanaichidh i air cheann a gnìomha gu àm ùrachaidh, agus mar sin a rithist gu àm dinnearach.

3. Tha mar fhiachan oirnn aoidheachd a thoirt do gach eilthireach a tha air a thuras chum na dùthcha nèambaidh mas e is gu'm bi teisteanas aca gu shealltainn dhuinn, no cunntas dhianmhalt' r'a thoirt seachad mu'n timchioll féin.

4. Mu fheasgar feumaidh sinn cruinneachadh an ceann a chéil' a rithist chum ùrnaigh a's molaidh, mar sa' mhadainn.

5. Tha dh' fhiachan oirnn ionad gleidhidh armachd an Rìgh a chumai' suas, agus armachd dhearbht', a sheas an aghaidh gac' cunnairt a's cruadail, a thoirt do gach eilthireach.

Is e so lagh coitcheann agus cudthromach ar comuinn; ach, a bharr orra so, tha iomadh riaghailt shònraichte eil' againn is neo-chudthromaiche annta féin ged' tha iad fìor fheumail, agus ann an cuid glè iomchaidh chum ar sonais, ach tha iad tuilleadh is lionmhor r'an ainmeachadh gu léir aig an àm so.

*Measarrachd.* Leig dhomh a mhàin labhairt mu stàt-

an measarrachd, a thaobh ithe agus òil, oir tha reachd air a thoirt dhuinn mu'n na nithe so a dh' fheumas sinn a choimhid teann fo throm ùmhladh, ni a tha mi a' smaointeach a dhearmaid thu aithris.

*Cràbhadh.* 'S fìor, gu deimhin, gu'n dhearmaid mi sin aithris, agus is toilichte ta mi air son an dearmaid, a chioun gu'n tug mi leis a' sin cothrom dhutsa chum labhairt ni's mionaidiche mu thimchioll na cùise, thaobh gur tu a's comasaiche air labhairt mu'n phuing no mise, agus thu bhi air do shònrachadh mar neach-mìnichich an reachd sin ; uime sin guidheam ort, innis do'n eilthreach m'a thimchioll.

*Measarrachd.* Tha stàtan na measarrachd so a thaobh ithe agus òil air a socrachadh, air na smaointean so, gu'n thuit Adamh tre itheadh a mheas thoirmisgte. B'e ithe an ceud pheacadh a chuireadh an gnìomh leis a' chinne-dhaona. Nise ged nach eil e soilleir cò dhiù a shruth e o ghalar nadurrach eigin anns an ubhal a dh' ith Adamh, no bho anail nimheil na nathrach a mhol am meas sin do dh' Eubh, no bho aobhar diamhair eigin eile, gidheadh, tha sinn cinnteach a thaobh gu'n robh Adamh roimh an àm sin an làn-iomlanachd an nàduir dhaona, ('na iomhaigh bheò an Dé ghlòrmhor—anam làn do ghat-an-solais na soillse siorruidh—a thuigse soilleir agus ciùin mar a' mhadainn—a rùn seasmhach, agus umhal da chiall reusanta,—a chorp gu sunntach, fallain,—sgiamhach, cumair, barrait' agus neo-bhàsmhor), cha bu luaithe bhlais e do 'n mheas mharbhtach so 'na thàinig caochladh iongantach air, bha iomhaigh Dhé air a milleadh air ball, dh'fhàs anam dorcha, gruamach, a thuigse agus a reusan mall agus neo-iomairteach, agus dh' atharraich a rùn ; a dh' aon fhacal, bha uile cheufathan anma air dol araon á n-ionnad agus ás an altaibh gnàthaichte ;—bha chorp air fàs lag agus mi-fhallain, buailteach do dh'iomadh eugail, teinn a's anmhainneachd, agus fa-dhèigh do'n bhàs féin : be so toradh itheanaich mhi-iomchaidh. Ach cha do stad am mi-àgh an so, ach ghiùlan se e chum a ghinealach,

agus gach uile dhiùm-buaidh cuirp agus anma chum a chloinne, ni thug uile ghinealaichean an t-saoghail fo'n aon mhi-shuaimhneas, truaillt' araon an corp agus an anam, air an gin ann am peacadh agus air am breith ann an euceartan. Ach mar nach biodh iad truagh ni's leòir ann an ceud truailleachd an nàduir tha 'chuid is liugha do'n chinne-dhaona a' feuchainn an truaighe a mheudachadh, le'm buanachadh 'nan droch chleachdaidhean do'n aon chionta; craos agus misg a' riaghladh thar a' chuid is mò do'n t-saoghal.

Se so an t-aobhar mu'm beil stàtan na measarrachd ann an ithe 's an òl cho teann air an ceanghal ris a' chomunn so; agus bu mhath na'n deanadh an saoghal gu léir an coimhid; an sin bhiodh inntinnean fallain aig muinntir ann an collainean sunntach.

*Cogais-mhaoth.* C'àite' am beil a' mheasarrachd sin ann an ithe 'san òl a' comh-sheasamh?

*Measarrachd.* Tha i a comh sheasamh ann an srian riaghailteach a chur ris a' chàil a chum cùmse àraid do bhìadh 's do dheoch, agus a thaobh a' ghnè bhìdh a's dibhe a th' air a cheadachadh dhuinn a ghabhail.

*Cogais-mhaoth.* Guidheam ort, nochd dhomhsa cia mar a tha i a' comh-sheasamh ann an srian a chur ris a' chàil a thaobh cùmse.

*Measarrachd.* Tha i a' teagasg dhuinn gu ni's mò ithe no òl air aon tràth, no na's tric an aon latha, no na tha iomchuidh chum slàinte a' chuirp, no na dh'fhòghnas do nàdur, agus na dh'ùraicheas an spiorad, tha sin a' cumail a' chuirp callda, agus da thoirt fo ùmhlachd do'n anam, chum gu'm bi na ceudfathan is suaraiche umhal do na ceudfathan a's urramaiche.

*Cogais-mhaoth.* Ach cia mar a bhios fhios aig duine air an fhior cùmse a dh'fhòghnas a chum slàinte a chuirp, no na tha dhìth air nàdur, agus na dh'ùraicheas an spiorad; a thaobh gu'm beil cho liugha caochladh cuirp 's an t-saoghal 'sa th'ann do dh-aodannan?

*Measarrachd.* Is e an dòigh air am fiosraichear sin, na h-uile neach an aire thoirt da nàdur féin, agus tuigidh

iad mar sin ann an ùine ghearr am fìor thomas a's còir dhaibh a ghabhail, agus an dearbh àm, air an còir dhaibh ithe agus òl: gabh so a mhàin mar riaghailt choitcheann,—Gu'm beil e air gach còr goireasach dhuinn éiridh o bhòrd le càil, agus le inntinn; an deigh bìdh, agus a bhi cho togarrach air son gnìomha, iomairt, no ùrnaigh, sa bha sinn roimhe sin. Esan a dh'itheas no dh'òlas barrachd air a so, tha e bristeadh reachd na measarrachd: a thaobh gur e is crìoch àraid do dh'ithe 's do dh'òl, nàdur ùrachadh, agus fhàgail ni's sunntaiche agus ni's lùghoire, agus cha-n e fhàgail ni's truime agus ni's dùire.

*Coyais-mhaoth.* Guidheam ort, innis dhomh, ciod na deagh bhuaidhean a tha measarrachd a' gin auns an anam, agus cia mar tha i 'g oibreachadh orra?

*Measarrachd.* 'S mòr gu cinnteach, agus is lionmhor, na sochairean a tha air an cur a dh'ionnsaidh an anma o'n mheasarrachd so a ghnàthachadh ann an ithe 's an òl; oir ged a tha'n t-anam dheth féin 'na bhith neo-bhàsmhor, gidheadh, am feadh a tha e'n ceanghal ris a' chorp bhàsmhor tha e a' comh-phairteachadh do shuaimhneas agus do mhi-shuaimhneas a' chuirp: ma tha 'n corp air a chràdh tha'n t-anam a' fulang maille ris; ma tha'n corp a' mothachadh sòlais, tha'n t-anam ga mhothachadh mar an ceudna, cha-n e sin, (le labhairt a rìreadh) ach se an t-anam a mhàin a ta mothachail do gach ni thàrlas do'n chorp; oir cha-n eil an corp dheth féin ach 'na nì marbh gun chomas mothachaidh no gluasaid, is e an t-anam a ta toirt beatha, gluasad, agus mothachadh dha. A nis', uime sin, a réir is mar tha'n corp air a chumail gu slàn, sunntach, is ann a ni 'n t-anam buaidh-chaitheam an taobh a staigh dha féin; a rithist, an uair a tha'n corp tinn, agus fann, tha'n t-anam a' fannachadh tre chomh-fhulangas. Esan, uime sin a dh'itheas agus a dh'òlas thar cùimse, agus a lionas a ghoile, tha e dochann a chuirp agus a' cur sìl iomadh galar 'na innigh féin, cha-n eil an duine sin 'na charaid' d'a anam féin, oir tha anam leis an ni sin air fàs leisg, dorcha,

gruamach, trom agus dubhach, as eagamhais gach uile thaitneis agus sòlais : 'nuair a ta anam an tì sin a chuir-eas srian ri chàil, agus nach ith agus nach òl ni's mò, no ni's trice na dh'fhòghnas do nàdur, agus a dh-ùraicheas a spiorad, do ghnà beò, agus lùghor, sunntach, cho olis ris an òige, agus ciùin mar a' mhadainn, làn sòlais agus sòlais ; éiridh e suas ann am buaidh-chaitheam naomha, agus laidhidh e sìos fo bhlàths grian-ghathan sonais siorruidh : gun spéis do'n t-saoghal agus do na th' ann, ach a phàilliun féin, a tha do ghnà air a chumail gu glan, grinn ; agus tha e a' gabhail tlachd ann am fois a ghabhail ann, 'nuair tha e sgìth mar am fìor-eun dheth àrd-itealaich ! Is e ar cuirp teampull an Spioraid Naoimh', agus an tì a thruailleas e le stròghalachd, agus neo-ghlaine tha 'g ìobairt suas a chuirp a chum uilc : uime sin is ceart a thuirt Solamh ;—“ Na bi am measg phòitearan fiona ; am measg luchd comh-ithidh geòcach feòla.” Gnà. xxiii. 20.

*Cogais-mhaoth.* Tha mi toirt buidheachas dut air son do bhriathran math' agus fallain. A nise guidheam ort, nochd dhomhsa cia mar a tha measarrachd an itheadh 's an òl a' comh-sheasamh ann an srian a chur ris a' chàil a thaobh gnè a' bhìdh ?

*Measarrachd.* A chum a' phuing sin a shoilleireachadh ni's fear, is iomchaidh dhuinn amharc air ar n-ais gu Adhamh, a tha sinn a' faicinn a fhuair cead itheadh, gu saor do dh'uile meas gàradh Eden ; ach a mhàin gun deach a thoirmeasg dha blasad do meas craobh an eòlais a mhaith agus an uilc : agus an deigh sin chum a leigeadh ris gu'n robh cùram sònrait' aig Dia do ghné bìdh an duine, dh'innis Dia dha an seòrsa mheas agus luibhean a dh'itheadh e, agus an ni a bhiodh mar bhìadh do na h-ainmhidhean, do gach luibh a ghionas sìol, agus gach craobh a ghiùlanas toradh cheadaicheadh dha itheadh, agus bha fear na machrach air òrduchadh do na h-ainmhidhean. An so faodaidh sinn a thoirt fainear nach robh iomradh fathast, air feòil no .asg a bhì air an itheadh ; cha robh gus an deigh

na dìle: air an aobhar sin tha cuid a' smaointeachadh nach d'ith na h-aithrichean roimh an tuil feòil do sheòrs' air bith; agus cha-n eil e mi-choltach nach e so an t-aobhar mu'n robh iad beò cho ro fhada; cha-n eil ni sam bith a chuireas ri slàint' agus saoghal fada, na teachd-an-tìr do mheasan, meacain, luibhean, mil a's ola, &c., gun fheòil no iasg.

'S e cheud àite 's am beil sinn a' leughadh gu'n tug Dia cead do'n duine feòil itheadh, an deigh na dìle, 'nuair a bheannaich e Noah agus a mhic, ag radh riu, "Siol-aichibh, agus fàsaibh lionmhor, agus lionaibh an talamh; agus bithidh bhur n-eagal agus bhur fiamh-sa air uile bheathaichibh na talmhuinn, agus air uile eunlaith nan speur, air gach ni a ghluaiseas air an talamh, agus air uile iasgaibh na mara; d'ur làimh-sa tha iad air an tabhairt. Bithidh gach ni gluasadach a ta beò, dhuibh mar bhiadh; amhuil mar an luibh ghorm thug mi dhuibh na h-uile nithe: ach feòil maille r'a beatha, *eadhon* a fuil, cha-n ith sibh." O so chi sibh 'nuair a cheadaicheadh feòil itheadh air tùs gu'n robh e air àint-eadh do'n duine gu'n fheòil itheadh maille r'a fuil, agus bha'n àinte sin ni's ro shònraite air a daingneachadh ann an lagh Mhaois, 'nuair a bha'n t-saill air a toirmeasg a bhi air a h-itheadh anns na briathran so; "Labhair ri cloinn Israeil, ag ràdh, saill sam bith daimh, no caorach, no gaibhre cha-n ith sibh." (Leibh. vii. 23.) Agus beagan an deigh so, (anns an aon chaibidil deug do Leibhiticus o'n cheud rann gu deireadh a' chaibidil,) tha eadar dhealachadh air a chur eadar am biadh a dh'fhaodar itheadh agus am biadh nach faod, agus eadar na beathaichean, na h-eunlaith, agus na h-iasgaibh glan agus neo-ghlan, agus bha'n lagh sin gu teann air a choimhid le cloinn Israeil tre'n uile ghinealachd, agus gus an latha an diugh mar an ceudna. A nise, gu'n teagamh sam bith, 's ann a thaobh nam buaidhean matha no olc, a bha ann am feòil nan creutaran so, a bha cuid diù air an toirmeasg, agus cuid eile air an ceadachadh. agus ged a bha 'n lagh so air a



chuir air chùl tre theachd Chrìosd, gidheadh, tha sinn a' faighinn nan abstol 'nan comhairle do dh'Irusalem. a' toirmeasg nithe tachta itheadh, ag àinteadh do na Crìosdaidhean fuil a sheachnadh, (Gnìomh xv. 19, 20.) Agus ann am beatha nan abstol tha e air aithris, gu'n sheachain cuid aca gach gnè fheòla rè am beatha; agus cha-n e mhàin na h-abstoil, ach bha Crìosdaidhean eile a' seachnadh feòla, a' beathachadh a mhàin air luibhean a's nithibh mar sin, mar tha Pòl a' togail fianais 'na litir a chum nan Corintianach.

Faodaidh sinn comh-dhùnadh mu'n chùis sin uile, nach biodh an rabhaidh agus an cùram so gu léir air a thoirt seachadh mu chaochladh bìdh, o thoiseach an t-saoghail a dh'ionnsaidh àm na dìle, agus o'n dìle gu toiseachadh lagh Mhaois, agus o'n àm sin gu àm abstoil Iosa Crìosd, mar a biodh aobhar air a shon bu mò na ùmhlachd an duine a mhàin a dhearbhadh, agus samhlanan subhailc a's dubhailc a chur an làth-air dhaoine, mar tha cuid a' cumail a mach. Feumaidh rudeigin a bhi ann an nàdur chreutairean beòtha, buaidhean eugsamhail, as aobhar do dh'aon a bhi air a thoirmeasg, agus an t-aon eile bhi air a cheadachadh; agus ged nach eil mar fhiachan oirnn an diugh lagh Mhaois a choimhid, gidheadh, cha-n urrainn mi fhaicinn ciod am bunachar a ta aig cuid do Chrìosdaidhean gu bhi gnàthachadh calg-dhìreach an aghaidh òrduigh-ean abstoil Chrìosd, ann a bhi 'g itheadh fala agus nithe tachta.

*Cogais-mhaoth.* Tha mi cuimhneachadh gu'n cuala mi 'bhi tighinn air a' phuing sin roimhe le cuid do luchd-connsachaidh; agus do na briathran mu dheireadh a labhair thu, thugadh so mar fhreagradh, gu'n tuirt Iosa, "Cha-n e an ni a ta dol a staigh do'n duine a ta ga shalachadh ach an ni a ta tighinn a mach." Agus tha Pòl ag ràdh. "Oir tha na h-uile ni glan do'n dream a ta glan." Agus luaidh e an teagasg so:—"Na bean ri, na blais, na làimhsich,"—teagasg do dh'ionnsachadh bochd an t-saoghail.

*Grunndail.* Ach ma tha briathran Chrìosd an so, gu bhì air an gabhail gu litireal, faodaidh neach itheadh do gach seòrsa beò-chreutair pùinnseanta, gu'n chunnart agus gun chiùrradh, gun teagamh sam bith tha taghadh grunndail r'a bhì air a dheanamh a thaobh nan nithibh a dh'itheas agus a dh'òlas sinn, agus tha gach neach air fhàgail mu'n chùis sin gu shaorsa féin; ach bu chòir an riaghailt so a choimhid; an ni sin a sheachnadh a thuig sinn o ar féin-fhiosrachadh a bhì an aghaidh ar slàinte chorparra, no chuireas grabadh air subhaile a's cràbhadh, no bhrosnaicheas a chum dubhaile a's ana-miann le cur na h-eanachainn air mhìsg a' blàthachadh na fala, agus a' cur na h-inntinn air aimhreith, no air sheòl sam bith eile a bhios 'na ionn-sramaid do ghnìomh na feòla no do bhuaireadh an diabhoil: ma ni sinn an riaghailt so achomhid ni sinn gu math.

Do thaobh ràite Phòil, "Tha na h-uile ni glan do'n dream a tha glan" faodar tionndadh ri ni a labhair an t-abstol ceudna ann an àit' eile, "Tha na h-uile nì ceadaichte dhomhsa, ach cha-n eil na h-uile nì iomchuidh; tha na h-uile ni ceadaichte dhomh ach cha chuirear mi fo chumhachd ni sam bith." Beagan an deigh so tha e 'g ràdh, "*Tha* am biadh air son na broinne, agus a' bhrù air son a bhìdh: ach sgriosaidh Dia araon so agus sud." (1 Cor. vi. 12, 13.) A nis' a thaobh co-dhàimh an dà chinn-teagaisg so r'a chéile, tha e soilleir gu'n do labhair e mu thimchioll an t-saor-chead a thugadh do Chrìosdaidhean a thaobh a' ghnè bhìdh a dh-fhaodadh iad itheadh a' nochdadh, ged fhuair iad saorsa bho lagh Mhaois, gidheadh gu'm beil mar fhiachan orra bho lagh crìonnachd agus subhaile chrìosdail a leithid do bhìadh a ròghnachadh 'sa chumas iad o oilbheum a thabhairt do sheirc, no buntainn ri deagh riaghailt na diadhachd, ni a dh'fhàgas sinn ni's ro-naomh' agus ni's fìorghlaine, agus cha-n ann ni's amsgaidh agus ni's mi-naomha.

*Seirc.* Tha 'n luaidh a rinn thu air an oilbheum a dh'fhaodas, seirc fhaighinn o gheòcaireachd, a' toir

earann eile do bhriathran an abstoil cheudna *gu'm* chùimhne, far am beil e 'g ràdh, "Ma bheir biadh aobhar oibheum do'm bhràthair cha-n ith mi feòil a chaidh, a chum nach toir mi oibheum do m' bhràthair." (1 Cor. viii. 13.) Gu cinnteach 's e seirc fìor mhais' agus uile bhuidhean nan subhaile criosdail, glòir shònraicht' a' Chreideimh chriosdail, agus combhionadh an lagha agus nam fàidhean. Esan a ta gabhail air a bhi creideach, agus e as eugmhais seirc, tha e 'na as-creideach fo sgàile diadhachd, 'na fhear foill-amharc air creideamh, 'na fhear-atharrais mharbh air beatha dhiadhaidh; tha e a' ruith air falbh maille ris a' mhaigh-eich agus a' teumadh maille ris a' chù. Tha e a' fanaid air Dia, a' mealladh dhaoine, agus da dhèidh féin; is e fìor ghuítear a' pheacaidh, oir annsan tha uile dhubhailcean an t-saoghail a' brùchdadh a steach mar ann an clais-shalchair choitcheann.

Ach air eagal *gu'n* tog mo luchd-éisdeachd na labhair mi mu thimchioll an duine gun seirc ann an seadh mearachdach labhraidh mi nì's soilleire mu dhéidhinn seirc, le cunntais nì's sònraite thoirt seachad mu fhòr nàdur na subhaile so. Cha-n eil mi a' ciallachadh le seirc a' gheug sin d'ì a ta giùlan toradh nan gnìomh daonnachdail,—biadh a thoirt do'n acrach, deoch do'n phàiteach, na prìosanaich agus na ciomaich fhiosrachadh le saorsa, fàsagath thoirt do'n mhuinntir aig nach eil ionad 'san cuir iad an cinn fòpa, a' fiosrachadh nan euslan agus g'an leigheas, agus gnìomhan tràcaireach mar sin; tha seirc nì's mò ann am farsainneachd spioradail na na gnìomharran matha so gu léir; fòs, faodaidh cuid diù so a bhi air an cur an gnìomh as eugmhais seirc, mar tha deagh Phòl a' togail fianais, far am beil e 'g ràdh; "Ged chaithinn mo mhàoin uile chum na bochdan a bheathachadh, agus ged bheirinn mo choip a chum a losgadh, agus gun *ghràdh* agam cha-n eil tairbh sam bith dhomh ann." (1 Cor. xiii. 3.) Tha e nochdadh gu soilleir o na briathran so *gu'm* faod iomadh gnìomh math a bhi air a dheanamh o'n leth a

mach, agus luchd-deanamh nan gnìomh sin a bhi as eugmhais seirc, uime sin an uair a tha mi a' labhairt mu sheirc, tha mi a' ciallachadh buaidhean diadhaidh an anma, a tha 'n t-abstol ceudna a' soilleireachadh anns na briathran so ;—“ Tha'n gràdh [no seirc] fad-fhulangach, agus caoimhneil ; cha ghabh an gràdh farmad ; cha dean an gràdh ràiteachas, cha-n eil e air a shéideadh suas, cha ghiùlain se e-féin gu mi-chiatach, cha-n iarr e na nithe sin a bhuineas da féin, cha-n eil e so-bhrosnachadh chum féirge, cha smuanaich e olc sam bith : cha dean e gairdeachas 'san eucoir, achni e gairdeachas sa'n fhìrinn ; fuiligidh e na h-uile nithe, creididh e na h-uile nithe, bithidh sùil aige ris na h-uile nithibh, giùlanaidh e na h-uile nithe.” (1 Cor. xiii. 4—7.) Is e so làn thuaraisgeul na fìor sheirc' agus is Crìosdaidh foirfe a bheir dearbhadh oirre mar so bho ghiùlan féin ; is creideach an creideach da rìreadh, gaisgeach sa' chreideamh, Israelach da-rìreadh, anns nach eil cealg, clach bheò ann an teampull Dé : tha e a' ruith le foighidin an réis a chuireadh roimhe ; tha e a' gnàthachadh stuaim, fireantachd, agus naomhachd, a thaobh Dhé agus dhaoine, agus da thaobh féin, is e anam ionad tasgaidh a' mhathais, fìor mheadhon na diadhachd, anns am miann leis gach subhaile còmhnaidh a ghabhail ; tha gràdh naomh aige do gach neach, ged a tha 'chorp air an talamh tha anam air nèamh, tha e laidhe sìos fo sgàile craobhan phàrrais, tha e deothal a steach anail gaoithe neo-bhasmhor, agus a' blasad gu minig do mheas craobh na beatha.

A nis' ann an cumadh nam briathran so ris a' phuig mu'n do labhair thu, deiream, gu'm beil an duine tha sealbhachadh tìodhlaicean diadhaidh na seirc, mar tha e gràdhachadh Dhé thar gach ni, tha e a' gràdhachadh a choimhearsnach mar e-féin, agus giùlanaidh se e-féin anns gach dòigh, a chum nach toir e oibheum do Dhia no dhuine, giùlanaidh e le uil-anmhainneachd a bhràthar aumhainn, do na h-Iudhaichibh tha e 'n-a Iudhach chum is gu'm buannaich e na h-Iudhaich ;

agus dhaibh-san a ta as eugmhais an lagha, mar ge'n biodh e féin gun an lagh, (gun a bhi as eugmhais agh Dhé ach fo lagh Chrìosd,) chum is gu'm buannaich e iadsan a ta as eugmhais an lagha; do'n mhuinntir anmhainn fàsaidh e cho anmhainn, chum is gu'n coisinn e a' mhuinntir anmhainn; tha e air a dheanamh na uile ni do na h-uile dhaoine, chum is gu'm buannaich e cuid diù air aon dòigh no dòigh eile. Maille riu-san a dh'itheas feòil ithidh esan feòil, mar an ceudan gun cheistean fheòraich air sgàth cogais, (oir is leis an Tighearna an talamh agus a làn) Maille riu-san a thraisgeas, traisgidh e: Uime sin, cò aca a dh'itheas no dh'òlas e, no ge b'e ni a ni e, ni e na h-uile ni chum glòire Dhé; a' deanamh toile nan uile dhaoine anns na h-uile uithibh gun a bhi 'g iarraidh a bhuanachd féin, ach buannachd mhòran chum gu'n tèarnar iad. (1 Cor. x. 31—33.) Is e so gnàths a' Chrìosdaidh fhoirfe, is e so crìoch nan àintean gu léir, suim an lagha agus an t-Soisgeil, agus a's crìoch àraid do measarrachd a thaobh ithe a's òil.

Thaitinn a' chomh-labhairt so aig Seirc ris a' chuideachd gu léir, agus thuirt Cogais-mhaoth gu'n robh e lanthoilichte le cho ciallach suidhichte 'sa labhairt air ceist a chuir e-féin a mach, bha inntinn roimh an àm sin fo bhruaillean mu'n phuing so, agus fhuair e nise dearbhadh cinnteach ma déidhinn agus thug e taing do'n chuideachd gu léir air son an còmhraidh buannachdail a' toirt buidheachas sònraichte do Sheirc air son a comh-dhùnaidh sgrìobturail.

An sin dh'iarr an oigh Measarrachd, do'm bu dreuchd a bhi mìneachadh stàtunn na stuamachd da lochrann ghlaine thoirt a làthair, agus bha iad air ball air an giùlain da h-ionnsaidh le aon de an luchd-freasdail do'm b'ainm Umhal. A nise cha tug aon de na lochrainn so ach solus fann uaithe, air sheòl is gu'm bu ghann a bha fios aca co-dhiù a bha no nach robh e a' lasadh, ach bha an t-aon eile a' lasadh gu geal soiller: "A nis," arsa Measarrachd, "tha sibh a

faicinn an t-eadar-dhealachadh a ta eadar an dà lòchrann so, nach eil a h-aon diù a' toirt uaithe ach solus lag fann, agus ant-aon eile a' sgaoileadh a sholais le dearsadh mais-each, is e an aon seòrsa glaine de'm beil an dà lòchrann so air an deanamh, ach a mhàin gu'm beil a h-aon diù air a shalachadh le ceò a's gruamaich, agus an t-aon eile soilleir agus glan : is samhlanan iad so air measarrachd agus neo-mheasarrachd, a thaobh ithe a's òil. 'S lòchrann anam an duine, a lasas le dearsadh maiseach ma tha 'n corp air a chumail glan le measarrachd agus trasgadh, ach ma shalaicheas duine a chorp le craos tha a spiorad, (ni is e glaine shoilleir an anma) neulach agus tiugh le gruamaich agus ceò, air chor is nach dealraich e le deagh ghnìomhan do dhaoine eile, is cha 'mhò gu'm beil solus ann da féin ;' " agus ma tha 'n solus a ta *ann* 'na dhòrchadas ciamòr an dorchadas sin !

*Cogais-mhaoth.* Guidheam gu'm faod mi dragh a chuir ort le ceist eile mu thimchioll trasgaidh, a thaobh air leam gu'n labhair thu sou dhéidhinn an dràsta, mar aon mheadhon a chum an corp a ghlanadh, agus a dheanamh 'na ionnsramaid ni's iomchuidh air son seirbhis an anma : bu mbath leam fhiosrachadh ciod na h-eiseamplairean a ta agad air trasgadh anns na sgriobturann, no co-dhiù a tha no nach eil e iomchuidh agus buannachdail do Chrisdaidhean a bhi ri trasgadh, na ciod na fìor éifeachdan a ta sruthadh uaithe ?

*Measarrachd.* Cha dragh leam idir e, ach 's fìor thoil-inntinn leam eòlas a thoirt dhut air a' phuing sin, a réir mo chomais, a thaobh gur e sin as dreuchd dhomh : Bhiodh fhios agad uime sin, gur ni trasgadh a ta air a mholadh gu tric ann an leabhar Dhé, agus air a dhearbhadh le giùlan iomadh duine math, agus naomha : tha sinn a' leughadh gun do thraisg Maois dà-fhichead latha agus dà fhichead òidhch' air an t-Sliabh : agus ged nach eil iomradh air trasgadh roimh àm na dìle, tha e glè choltach gu'n d'rinn na daoine anns a' cheud saoghal trasgadh lathail, no sa' chuid as lugha gu'n do sheachainn iad feòil gu h-iomlan ; air chor is gu'n robh

an ni a thas' a meas an diugh 'mar chruaidh-ùmhladh air a choimhid gu nàdurach leis a' chinne-dhaonna gu léir, ni leis an do mheal an cuirp slàinte shunntach le aois dlù do mhìle bliadhna: ach a nis' anns na linn-tean so do'n t-saoghal tha cuirp nan daoine air fàs ni a laige, agus measaidh daoine mar ùmhladh trom, trasgadh aon uair sa' mhìos: ni-h-eadh, ach tha aon uair sa' bhliadhna tuilleadh sa' chòir le cuid.

Bha iomadh aobhar trasgaidh a measg phobuill Dé o shean, (Lebh. xxiii. 27—31.) Bha air iarraidh air Clann Israeil latha ìobairt-réitich a choimhid gach bliadhna mar reachd siorruidh air feadh gach ginealach, anns an robh iad gu trasgadh agus an anmannan a chuir fo chràdh o fheasgar gu feasgar. Bu latha ùmhlachd fhollaiseach so a bha aca r'a choimhid gach bliadhna feadh an uile ghinealach am feasd. Bu ghnà leo mar an ceudna trasgadh air àmannan bròin, mar a thraisg Daibhidh an uair a bha an leanabh tinn. (2 Sam. xii. 16, 17.) Agus thraisg luchd-àitichidh Iabais-ghilead seachd laithean an uair a thiodhlaic iad cnàimhean Shauil agus Ionathain a mhic fo chraoibh am an Iabes. (1 Sam. xxx. 13.) Agus cho luath sa' chuala Daibhidh naigheachd am bàis, rug e-féin agus na daoine bha maille ris air an eudach agus reub iad e, agus rinn iad caoidh agus ghul iad, agus thraisg iad gu feasgar, air son Shauil agus air son a mhic Ionatan, agus air son sluaigh an Tighearna, agus air son taigh Israeil. (2 Sam. i. 11, 12.) Osbarr bu ghnà le pobull an Tighearna trasgadh aig àm doilgheis follaiseach sam bith, agus cha-n e mhàin iadsan ach cinnich eile mar an ceudna, mar rinn luchd-àitichidh a' bhaile mhòir Ninebbeh an uair a dh'innis am fàidh Ionah gu'n robh am baile greadhnachail sin r'a bhi air a sgrìos fo cheann dà fhichead latha, oir, "dh'éigh iad trasg agus chuir iad umpa eudach saic, o'n aon bu mhò dhiù gus an aon bu lugha: oir thàinig an sgeul gu rìgh Ninebbeh; agus dh'éirich e o'n rìgh-chathair, agus chuir e 'fhalluinn uaithe, agus chòmhdach se e-féin le eudach saic, agus

shuidh e ann an luathre; agus thug e fainear a ghiaodhach, agus a chur an céill feadh Ninebheh, (le òrdugh an rìgh agus 'uaislean,) ag ràdh; Na blaiseadh duine no beathach, buar no treud, aon ni na h-ion-altradh iad, agus na òladh iad uisge." Ionah iii. 5, 6, 7.

A bharr air na trasgaidhean suidhichte agus follais-each so, tha sinn a' leughadh mu dhaoine diamhair aig an robh e mar chleachdadh, mar am fàidh Daniel, a thraisg trì seachduinean iomlan gun aran taitneach sam bith itheadh, ni mò thàinig feòil no fion chum a bheòil: agus bha'n trasgadh so a rinn e cho taitneach an làthair Dhé is gun do chuir e aon de 'ainglean naomha da ionnsaidh a chuir fàilt' air mar "dhuine ro ionmhuinn" ag iarraidh air gun a bhi fo eagal, "oir," ars esan, "o'n cheud latha 'san do shuidhich thu do chridhe chum tuigsinn, agus a chum thu féin irioslachadh ann an làthair do Dhia, bha do bhriathran air an cluinntinn, agus tha mis' air teachd air son do bhriathran. A nise tha mi air teachd a thoirt ort a thuigsinn ciod a thachras do d' shluagh anns na làithibh deireannach." (Dan. x. 1—14.) Agus 'nuair a thug e mar so comhfhurtachd, agus neart do Dhaniel, dh'fhoillsich e dha iomadh ni iongantach agus diamhair a thachradh anns an t-saoghal; uime sin o'n deagh-ghean a nochdadh do Dhaniel faodaidh sinn fhaicinn gu soilleir cho taitneach 'sa' tha traisg chràbhach do Dhia.

Dh'fhaoidte iomadh eiseamplair a bharr orra so fhaotainn anns an t-Seann Tiomnadh: ach is leòir iad so féin gu nochdadh gu'm bu ni trasgadh a bha air a ghnàthachadh gu minig le pobull Dé, agus leis an t-sluagh naomha fo lagh Mhaois. Agus tha'n soisgeil g'a mholadh gu mòr, o thoiseach gu dheireadh, le Criosd agus le Eoin Baiste, le Peadar, Pòl, agus leis a' chuid eile do na b-abstoil, araon le'n eiseamplairean agus le'n comhairlean; cha-n eil ni sam bith ni's tric' air a sparradh, na sleasanas an trasgaidh, air feadh sgrìobhaidhean an Ìomnaidh Nuaidh; agus gu'n teagamh sam bith, tha 'n diugh a cheart cho iomchuidh sa bha e riamh, a



thaobh gu'm beil sinn buailteach do'n aon anmhainneachd, fosgailte do na h-aon bhuaireidhean, agus cuartaichte leis na h-aon chunnartan 'sa bha na prìomh Chrìosdaidhean ; agus is e trasgadh an aon ni is fearr an aghaidh gach uilc dhiù so gu léir. Tha trasgadh a' claoidh a' chuirp, a' ciùineachadh an-tograidhean, a' mùchadh ana-mhiann, agus a' beathachadh cràbhaidh. is e ban-oglach na h-ùrnaigh agus bean-eiridinn a' bheachd-smaointichidh, tha e glanadh na tuigse 'sa cumail mi-bheusan fo cheannsal a' stiùradh na toile, agus a' togail suas an duine chum caithe-beatha is spioradaile : is e beatha nan aingeal, emanuel an anma, buannachd mhòr a' chreidimh, an cothrom is fearr gu uaigneas agus cràbhadh. 'Nuair a tha ceò ana-mhianna feòlmhor air a mhùchadh agus air a chuir às, tha 'n cridhe a' gabhail suas le lasair naomha gus an loisg e mar na cheribum, agus mar na spioradan fìorghlan sin a ta neo-thruaillidh. Is iad so fìor òifeachdan cràbhaidh agus bith-thrasgaidh, ni leis an tog iadsan, a ta ga ghnàthachadh gu h-uaigneach fianais.

*Cogais-mhaoth.* 'Thug thu orm a bhi an gaol air trasgadh, le cunntais cho math a thoirt seachad mu thimchioll, le bhi toirt fainear fheumalachd do'n anam agus do'n chorp, agus tha mi a' cur romham gu'n toir mi deuchainn da mi féin an déigh so, oir a réir mo bheachd, tha e dìreach mar thubhairt thu, a' toirt air duine teannadh ni's dlùithe do Dia, air da anam a bhi le stuamachd agus trasgadh air a tharruinn, mar gu'm b'eadh o'n chorp, agus o gach ni o'n leth a muigh, a' teicheadh air falbh d'a ionnsaidh féin, agus a' suidhe sìos ann am pàilliunn diamhair 'san taobh a staigh fo sgàile na diadhachd, agus a' mealtainn comh-chomuinn agus aonaidh ni's dlùithe ri Dia.

'Nuair a chuir Cogais-mhaoth crìoch air na briathran so, thòisich e air a chuir féin na uidheam air son a thurais ; a' toirt taing dhaibh gu léir air son na deagh aoidheachd a fhuair e uapa, agus gu sònraichte air son a' comh-labhairt buannachdail, agus dh'éirich e suas gu

thead a ghabhail diù. An sin dh'éirich iadsan maille ris, agus thug iad e gu ionad-gleidhidh nan àrm a bha dlù do'n dorus, agus an sin chòmhdaich iad e bho bhonn gu mhullach le lùirich-chatha a's airm dhearbhta, mar bu ghnà leò a dheanamh air gach eilthireach, a thaobh gu'n robh a' chuid a bha roimhe de'n t-slighe ni bu chunnartaich, oir bha 'n rathad air a chuartachadh le meirlich, agus luchd-reubainn, maille ri mic Bheilial, agus mortairean, fuathan agus aibhistearan ; thug iad mar an ceudna dha a theisteanas : ni a liubhair e dhaibh an nair a thàinig e air tùs a chum an taighe : An sin chuir iad féin gu léir an làmh-sgrìobhaidh ris an teisteanas chum a dhaighneachadh agus a neartachadh, aig àithne dha a ghleidheadh gu cùramach. An sin thredraich iad e chum an dorais, agus ghuidh iad soirbheachach math dha air a thuras, mar sin dheal-laich e riu le deòir air a shùilean.

Nise chunnaic mi ann am aisling gu'n do thrial Cogais-mhaoth air aghaidh le deagh chois eachd gus an d'ràinig e bearradh an aonaich, agus an sin bha'n rathad a' tearnadh sìos do Ghleann-na-h-Irisleachd, agus a thaobh gu'n robh an rathad cās agus ro chunnartach ri thèarnadh, b'éigin da deanamh air athais, agus a chudthrom a leagadh air a luirg ; gidheadh bha e fathast ann an cunnart sleamhnachadh agus bu ghann a b'urrainn e e-féin a chumail o ruith no tuiteam sìos am bruthach : ach fa-dheireadh le mòran spàirne ràinig e 'n còmhnard agus chaidh e steach do Ghleann-na-h-Irisleachd.

A nise bu thalamh bog féitheach an gleann so gu léir ; agus bha e aig an àm so air a chòmhdachadh thairis le uisg', air chor is nach robh ach aon rathad air am faoite dol troimhe le tearuinnteachd, agus b'e sin dol thar maidean àraid a bha air an cumail suas le bacain agus goibhlean air an cuir ri ceann a chéile, gun a bhi ann ach leud aon mhaide caol fad an rathaid ; b'e an t-ainm a ghoirte do na maidean so, Drochaid-an-fhéin-àicheadh, agus bha i bho thaobh gu taobh do Ghleann-na-h-Irisleachd. Nise bha na h-uisgeachan

àrd agus air éiridh suas ri's na maidean, agus aun an corr àite bha e air dol tharta, air chor is gu'm bu ghann a mhothaicheadh duine an rathad.

Chuir sealladh de'n drochaid chunnartaich so mòr eagal air Cogais-mhaoth, ach, air faicinn da gu'n robh e fàs anmoch chuir e roimhe gu'm feuchadh e ri dol thairis, agus chaidh e air aghaidh gu misneachail, ach b'ann air fhòr athais, a thaobh nach robh na maidean ach aimh-leathann, a bha mar an ceudna a' lùbadh fodha an dràsta 'sa rithist, ni a thug air a bhi fo mhòr eagal gu'm bristeadh iad agus gu'n rachadh a bhàthadh ; agus a chum a chruaidh-chàis a mbeudachadh 'nuair a fhuair e null leth na slighe, bha liontan, ribeachan, a's eangaichean, an crochadh anns an adhar, a bha ann an corr àite cho iosal is nach b'urrainn duine falbh 'na sheasamh gun e bhi air a ghlacadh ann an cuid diù : bha iad so air an suidheachadh le prionnsa cumhachd an adhair a chum cho liugha do na h-eilthirich 'sa bha àrd-inntinneach agus a dh'imicheadh le cinn àrda a ghlacadh annta ; uime sin, 'nuair a chunnaic Cogais-mhaoth an cunnart a chaidh a sgaoileadh roimhe, chrom se e-féin sìos agus dh'fhalbh e air a mhàgan, agus air a ghlùinean, agus mar sin sheachainn e na lin, agus na ribeachan : a bharr air gur ann mar sud bu luaithe agus bu tearaint' a shiùbhladh e gun a bhi an cunnart tuit-eam thar nam maidean anns an uisg mar theab e dheanamh gu minig 'nuair a bha e falbh 'na sheasamh. Bha e mar so a' siubhal sa' chrùbanaich gus an robh e dlù air a bhi thall, an sin chunnaic e na h-uibhir do bhàtaichean air gach taobh do'n drochaid a' deanamh dìreach air le cruaidh iomradh : bha luchd-iomraidh nam bàtaichean so a' glaothaich ri Cogais-mhaoth e dheanamh stad, ach cha tug e feairt orra, oir bha eagal air gu'm b'iad cuid do'n luchd-reubainn agus do na mortairean a bha mu'n àite ; air an aobhar sin chum e air astar, ach dh'iomair iadsan gu cruaidh 'na dhéigh agus thilg iad saighdean air ; chaidh cuid de na saighdean so seachad air, agus ghlac e a' chuid eile dhiù air sgiath

a' chreidimh, (Eph. vii. 16.) a thugadh dha á armthasgaidh an Rìgh. Nise be ainm nan daoine so a bha 'g iomradh anns na bàtaichean, agus a bha tilgeadh nan saighead air Cogais-mhaoth, Dánadas, Uaill, Féin-spéis, Glòir-dhiamhain, agus Nàire: thilg an duine so [Nàire] saighead air Cogais-mhaoth agus leòin i e anns a' leithcheann, ni a thug air fhuil gu léir éiridh suas 'na aodann, ach cha d'rinn i tuilleadh dochainn da. Fa-dheòigh fhuair e gu ceann thall na drochaid, agus bha e an sin seachad air cunnart nan lìon agus nan ribe, air chor is gu'm b'urrainn e falbh 'na sheasamh, agus sin air talamh tioram, agus thriall e air aghaidh a' seinn òrain:—

“ 'S iomadh cunnart àmhgharach,  
 'S cràdh tre'n tainig mi,  
 Gidheadh, bha'n Tighearn fàbharach  
 Do ghnà air uisg a's tìr:  
 Ged ghlaic an nàmhaid fàth orm  
 Le inneal bàis a's lìn,  
 Tha mi fàthast sàbhailte  
 Le feartan gràis mo Rìgh!”

A nise chunnaic mi am aisling gu'n deach Cogais-mhaoth a steach do Ghleann-sgàil'-a'-bhàis, agus thàinig an òidhch' air, agus thuislich a chasan anns an dorcha, agus bha e ann an cunnart tuiteam anns an dìg no anns a' bhoglach a bha air gach taobh do'n t-slighe, a bha ro chumhann, ach a thaobh gu'm be meadhon an t-sàmhraidh a bha aun dh'éirich a' ghrian an ceann beagan ùine, agus bha solus an latha aige, ni a bha ana-bharrach sòlasach dha: ged do chunnaic e iomadh sealladh uabhasach agus eagalach; oir tha'n gleann 'na àite dorcha dheth féin, agus tha neòil dhubha, ghruamach na h-aimhreite do ghnà an crochadh os a cheann, agus dh'fhàg iad sin, agus am bàs a sgaoil a sgiathan thairis air a' ghleann so, e cho dorcha is nach eil a' ghrian a' toirt uaip' ach solus lag, fann: gidheadh, rinn am beagan soluis a dheàlraich 'san àm Cogais-mhaoth a threòrachadh tre'n rathad ùdlaidh uabhasach so, far an robh e cluinntinn fad na h-ùine, mar bha e dol air agh-

aidh, bith-bheucail agus ulfhartaich : ach fa-dhedigh fhuair e saor o gach cunnart dhiù sin gu léir, agus thàinig e gu ceann a' ghlinne, eadhon a chum an àite anns am faca Crìosdaidh fuil, cnàmhan, luaithe agus cuirp bheubainichte dhaoine 'nan laidhe air an talamh, ach a nise bha iad air an tiodhlacadh, agus carragh air a thogail anns an àite, mar chuimhneachan buan sheasmhach air na droch ghniomharran fuileachdaca a rinneadh leis an dà fhamhair mhòra a bha chòmhnaidh anns an uamha dlù do'n àite; bha sgrìobhadh air a' charragh, a' toirt cunntais mu'n fhuil neochiontach a dhòirteadh 's an t-saoghal air son a' chreidimh o linn Abeil gus an latha sin, bha mar an ceudna sgrìobht' air suim nan uile lagh-pianaidh fuilteach, a bha air a dhealbh, a chum creidich a phianadh, le cruaidh-dhaormainn fhuilteach mar bha Pharaoh, Nebuchadnesar, Darius, Antiochus, Nero, agus mar sin sìos. Bha iomradh ann air bean agus a seachdnar mhac a bha air am pianadh le mòr chràdh, agus a bha an déigh sin air an cur gu bàs leis an fhear-shàraichidh : bha iomadh cuimhneachan iongantach eile air a sgrìobhadh air a' charragh so, ni a leugh Cogais-mhaoth, le mor thoil-inntinn. 'S e ainm a' charraigh' so, Eachdraidh, agus dlù dha dìreach fa-comhair uamha an d' fhamhair, Pàgan agus Pàp, tha uamh, eile anns am faca Cogais-mhaoth leth-sheann duine 'na shuidhe : bha aogais an duine so socrach, eireachdail, agus b'e ainm Ath-leasachadh. A nise b'e obair an duine so a' charragh a choimhid mu'm biodh e air a mhilleadh leis na meirleich, no leis an luchd-reubainn a bha mu'n cuairt do'n àite, no le feachd an fhamhair Pàp : bha e cumail suas armailt mhòr fo'n talamh, oir bha uamha ro farsuinn, agus bu ghnà le 'fheachd brùchdadh a mach air uairean, agus mòr dholaidh a dheanamh air feadh nan dùthchannan mu'n cuairt daibh; ach a nise tha'n t-Ath-leasachadh a' cumail suas armailt cho làidir ris an, oir bha uamh' a cheart cho farsuinn ri uamh-san, a chum còmhuaidh a ghabhail innte, air uairean

chuireadh iad a mach air a' chéile agus thigeadh iad gu bualadh bhuillean, agus air uairean eile thigeadh iad gu cathan fuilteach a chur : agus bhiodh an talamh air a chòmhdachadh as ùr le cuirp mharbha agus le fuil gus an robh iad air an tiodhlacadh as an rathad. (huala Cogais-mhaoth gach ni dhiù so o neach a thàinig a mach á uamh, an Ath-leasachaidh, agus a thòisich air còmhradh ris air dha bhi 'na sheasamh aig a' charragh.

Fa-dheòigh thuig an duine gu'n tàinig Cogais-mhaoth o Ghlean-an-leir-sgrìos agus gu'n robh e a' dol a chum an Ierusalem nèamhaidh, uime sin bu mhiann leis cluinntinn mu thimchioll a dhùthcha, agus an t-àite anns an d' rugadh e : “ oir,” ars esan, “ chuala mi m' athair ag ràdh gu'n d' rugadh mi-féin anns an dùthaich sin cuideachd, agus gu'n tàinig mi do'n tìr so 'nuair a bha mi glè òg ; agus an uair a thàinig m'athair do'n àite so gu'n dh'fhàg e mi fo chùram an Ath-leasachaidh, agus tha mi a chòmhnaidh ann an so maille ris o 'nuair sin; ach ciod a dh'éirich do'm'athair cha-n aithne dhomh, 's cha mho tha fhios agam co-dhiù a chi no nach faic mi e gu bràth tuilleadh : ach tha cuimhne agam gu'n cuala mi e 'g ràdh gu'n robh e dol do'n Bhaile Nèamhaidh, agus tha mi saoil sinn gur e sin an t-àite chum am beil thusa triall a nise, agus uime sin, ma's a math leat mo chuideachd falbhaidh mi leat, oir tha mòr dhòchas agam gu'm faic mi m' athair an sin, no gu'n cluinn mi ni-eigin mu thimchioll, osbarr tha iad ag ràdh gur math a bhi chòmhnaidh sa' bhaile sin, agus gur e àit' is beartaich' a th' air an t-saoghal : uime sin tha rùn orm dol leat do'n bhaile iomraiteach sin le dòchas gu'm faod mi còmhnaidh ghabhail ann.”

*Cogais-mhaoth.* 'S ro thoigh leam mar labhair thu, oir choisich mi gus a so 'n-am aonar, ni a dh'fhàg an t-slighe ro òrianail dhomh. agus cumaidh còmpanach anns a' chuid a tha romham do'n t-slighe an cianalas air falbh, agus bheir sinn comh-misneach da chéile air ar turas sgùth. Ach is éigin dhomh aon ni inn-seadh dhut air tùs, agus is e so, gu'm bi do thuras gun

Éifeachd sa'm bith ma's e is nach tàinig thu steach tre'n Dorus a ta aig ceann na slighe cumhainn, agus mar a h-urrainn thu teisteanas an Fhir-mhìnichich a shealltainn, oir fhuair mi làn chinnt gu'n tug an Rìgh teann òrdugh gun aon duine a leigeadh a steach do'n bhaile nèamhaidh, mar a bi e mar so air uidheamachadh.

An sin thuirt Tòir-na-fìrinn, [oir be so ainm an duine,] tha teisteanas agam a fhuair m' athair dhomh 'nuair a thug e air falbh mi maille ris, agus thuirt e rium gu'm b'ann o'n Fhear-mhìnichidh a fhuair se e, ag iarraidh orm aig an àm cheudna, a ghleidheadh gu cùramach.

*Cogais-mhaoth.* Ciod a b'ainm do t'athair? agus cia a's a thàinig e?

*Tòir-na-fìrinn.* Be ainm Beag-creideamh, agus thàinig e o'n bhaile Treibh-dhireach.

*Cogais-mhaoth.* O! air leam gu'm cuala mi a bhi bruidhinn uime; ma's e am fear a tha mis a' saoil sinn a th'ann, tha iomradh air gu'n deach a spùilleadh ann an ionad do'n goirear Sràid-nan-daoinemarbha.

*Tòir-na-fìrinn.* Tha dòchas agam nach e, ged a tha mi cinnteach gu'n robh ni's leòir do dh'òr agus do dh'airgead aige, maille ri beagan do sheudan luachmhor; faodaidh mi 'ràdh gu'n robh earras gu léir aig air a ghiùlan, air chor, is ma chaidh a shlad air an rathad gu'm beil e air a léir-chreach: tha'n naigheachd mhuladach so a' cur mòr chùram orm, agus cha bhi sìth aig m' inntinn gus am faigh mi fios cinnteach mu'n chùis; uime sin, ma's e do thoil e, deanamaid cabhag chum dol air ar n-aghaidh: oir tha mi cinnteach gu'm faigh mi làn bhrath na cùis' air an rathad.—Gairmidh mi air dithis no thriùr eile de mo chàirdean, aig am beil mòr dhéidh air triall a chum na dùthcha nèamhaidh; agus leis am math falbh ann ad dheagh cbuideachd-sa. Mar sin ruith e chum na h-uamha, agus ghairm e air Inntinn-eudmhor, Sgìth-do'n-t-saoghal, Iompachan, agus Gèilleadh, agus thàinig iad gu léir a mach a dh'fhiosrachadh ciod a b'àill leis?

‘A b’ àill leis !’ ars Inntinn-eudmhor ; “ faodaidh sibh a bhì cinnteach nach e bhur dochann am feagh is e Tòir-na-fìrinn a ta ’g ar gairm.”

*Tòir-na-fìrinn.* Cha-n e mo chàirdean, tha mi ’g ar gairm air son bhur matha, tha mi’n dòchas, agus chum bhur n-iarrtas féin a chomh-lionadh ; oir is tric a chuala mi sibh a’ bruidhinn air cho déidheil sa’ bha sibh air triall a chum na h-Ierusalem nèamhaidh, agus a nise tha duine ann an so a tha dol dìreach ann, agus bu ro mhath leis bhur cuideachd : air mo shon féin tha mi a’ cur romham dol maille ris, agus deannaibh-sr mar a chù sibh iomchuidh.

“ Tha agus mis,” arsa Sgèth-de’n-t-saoghal, “ oir cha-n eil ni sam bith ’san dùthaich so ach trioblaid àmhghar, cùram agus bròn, cha-n fhuirich mi latha eile innte ged dheanta rìgh dhìom. So, togamaid oirnn.”

*Iompachan.* Tha mi-féin air lasadh le déidh air dol do’n àite ghèormhor sin, mu’n cuala mi cho liugha ni iomraiteach, cha-n eil spéis agam cìod na cruaidh-chàsan tre’n téid mi, no cìod na piantan a dh-fhuiligeas mi, ma’s e is gu’m faigh mi do’n àite sin air a’ cheann ma dheireadh.

*Géilleadh.* Agus air mo shonsa is toigh leam ar cuideachd cho math is gu’n téid mi leibh le’m uile chridhe gu ceann an t-saoghail ; oir tha sibh a’ labhairt cho ghe, agus ag aithris sgeulachdan cho taitneach, is gun tug sibh air falbh mo chridhe do’r n-ionnsaidh féin ; tha mi ullamh gu leaghadh àsan uair a chluinneas mi Tòir-na-fìrinn a bruidhinn mu timchioll nan nithe iongantach a ta anns an dùthaich nèamhaidh, agus mu thuras athar o Ghleann-an-Léir-sgrìos, agus cho caoimhneil sa bha e air gabhail ris air an t-slighe ann an cuid do thaignean matha.

*Tòir-na-fìrinn.* Ma tha sibh gu léir toilleach thigibh is leanaibh mise, agus bheir mi sibh a dh’ ionnsaidh an duine a tha ’san àm so air a thuras do Shìon, tha e ’na sheasamh dlù do dhorus na h-uamba so, làimh ri carragh na h-Eachdraidh. Mar sin lean iad e a dh’aon inntinn



a mach às an uamh' agus chunnaic iad Cogais-mhaoth 'na stad a' feitheamh gus an ruigeadh iad e, an sin ràinig iad far an robh e agus chuir iad fàilt' air a lion neach a's neach, agus an déigh beagan còmhraidh a bhi aca ri chéile thriall iad gu léir air an agaidh cuideachd.

A nise chunnaic mi ann am aisling, air dhaibh a bhi dìreadh suas ri uchdan àraid, gu'm fac iad duine ag imeachd rompa le ceumaibh socrach agus ghreas iad orra chum faighinn suas ris, oir le 'choiseachd thuig iad nach bu dhuine cumanta bha ann, a réir mar thug duine glic àraid o shean fainear,—“Faodaidh tu aithneachadh air coiseachd duine cò e.” Mar sin 'nuair a thàinig iad far an robh e chuir iad fàilte shuibheir air agus chuir esan fàilt' orrasan le aogais a bha cur an céill gu'n robh e mealtainn suaimhneas agus sìth inntinn.

An sin labhair Cogais-mhaoth ris mar so,—“Mar a mi-mhoghail do choigreach fheòraich, tha mi guidhe gu'n innis thu dhomh ma's e Duine-spioraidail is ainm dhut, oir air leam gu'm faca mi roimhe thu, agus dh'inneadh dhomh gu'm b'e so t'ainm.”—“'S mis,” ars esau,” an dearbh dhuine sin; agus ged nach eil agads orms' ach beagan eòlais, is math is aithne dhomhs' thusa, agus gach duine 'n-ad chuideachd, agus is math leam t'fhaicinn cho fad air t'aghaidh a chum a' Bhaile nèamhaidh a dh'ionnsaidh am beil sinn gu léir a' triall.

*Cogais-mhaoth.* Cha-n iongantach leam ged is aithne dhut mise, agus mo cho-luchd-turais a tha 'n so maille rium, oir chuala mi duine gle fhòghluimt' agus naomha, Pòl an t-abstol, ag ràdh, gur h-aithne dhut na h-uile nithe, agus gu'n toir thu breth air na h-uile nithibh (1 Cor. ii. 15,) agus uime sin is ro mhath leam gu'm beil sinn cho sona is gu'n tàinig sinn suas riut air an rathad; agus tha dòchas agam gu'm meal sinn do dheagh chuideachd gu ceann ar turais.

*Duine-Spioradail.* Le'm uile chridhe; oir is e sin mo mhiann, a bhi cumail cuideachd riusau a chuireas

an aghaidh air Sion, agus a triall d'a ionnsaidh, mar tha mi am beachd a tha sibhse a' deanamh aig an àrsa, ach tha mi a' faicinn òganach 'n-'ur fochar, agus is eagal leam nach bi e comasach dol tre dheuchainn an turais sgìth so, a dh'aon chuid, gu' m fàilinn e air an rathad, no gu'n téid e 'thaobh leis an t-Sodalaich : no gu'n cuir e suas air Féill-an-diamhanais. An sin air dha tionndadh ri Géilleadh, thuirt e ris, Oganaich, is tusa an tì a ta mi a' ciallachadh : an saoil thu am beil thu comasach air cumail suas gu ruig an Ierusalem nèamhaidh ?

*Géilleadh.* Cha-n eil teagamh agam sa' chùis sin, a dhuine chòir, oir tha mi ga'm mhothachadh féin ann an deagh shlàinte, agus cho comasach air an rathad a chois-eachd ri aon neach sa' chuideachd.

An sin chaidh iad air an aghaidh còladh gus an d'ràinig iad fàsach mòr, anns am fac iad iomadh frith-rathad, a dol caochladh ràidean ; agus mar b'e an Duine-spioradail (a bha deanamh an iùil daibh fad na slighe,) bha iad air dol a'm mearachd gun teagamh a chum àit-eigin cunnartach, agus bhiodh iad a dh'aon chuid air am milleadh le biasdan fiadhaich, no air an cur am prìosan leis na fahairean fuilteach aig an robh an daingnich-ean togte ann an cùilt-an iomallach an fhasaich so. Thug so orra mòr spéis a bhi aca do'n Duine-spioradail, agus a bhi umhal dà, agus mheas iad e mar an ceann-iùil ; agus choisich iad air an aghaidh gus an d'ràinig iad àit' anns an robh altair air a togail, agus bha tùis a' losgadh oirre, agus bha boltrach na tùise ro chùbhraidh, ag ath-bheothachadh inntinn nan eilthireach. An sin, labhair an Duine-spioradail mar so:—" Mo bhràithrean, feumaidh fios a bhi agaibh gu'm beil am fàsach so air a chuartachadh le ua-bhéistean, agus mar an ceudna le méirlich agus mortairean, spioradan agus fuathan, leis an gnà droch ionnsaidh 'thoirt air eilthirich thruagha 'san òidhch', agus air uairibh 'san latha: a nise nan robh sinn air gabhail slighe sam bith eile ach

i so, bha sinn an cunnart tuiteam 'nan caramh ; ach a nise tha dòchas agam nach éirich beud dùibh ma ghabhas sibh mo chomhairle-sa."

*Cogais-mhaoth.* Is deònach a ghabhas sinn do chomhairl' anns gach ni, oir is léir dhuinn gur duine le Dia thu, agus gu'm beil inntinn Chriosd agad ; innis dhuinn uime sin, ciod is còir dhuinn a dheanamh chum is gu'n tàr sinn ás o na cunnartan a ta maoidheadh oirnn 'san àite so.

*Duine-spioradail.* Tha sibh a' faicinn altair na tùise an so do ghnà a' cur ceò dh'i, agus a' cur suas neòil do bhòltrach deagh fhàilidh gu nèamh. A nise tha ceò na tùise so a' cumail air falbh nan spioradan agus nam fuathan, agus cumaidh an teine a ta air an altair air falbh gach ua'-bheist allda. A nise n'am b'àill leibh a bhi saor o chunnart bhiasdan fiadhaich, thugadh gach fear agaibh éibhil deth an altair agus giùlaineadh e leis l: agus n'am b'àill leis a bhi saor o na spioradan agus o na fuathan thugadh e leis cuid de'n tùis a ta ann an ionmhas na h-altrach, agus mar choisicheas e tro'n fhàsach, fadadh e teine gu tric le éibhil o'n altair, agus loisgeadh e tùis air, agus mar sin bithidh e air a dhion o gach olc. Dùisgeadh e spiorad na h-ùrnaigh, agus beothaicheadh e fìor-chràbhach an taobh a steach d'a féin, a' deanamh deagh bhuil do ghràs Dhé ; oir tha cridhe an duine chràbhaich, agus an tì air am bi eagal Dé 'na altair tùise, a ta do ghnà a' cur suas gearr-ùrnaighean naomha 'nam boltrach cùraidh an làthair Dhé: tha leithid so do dhuine a' faotainn a' bheannachaidh agus an didinn nèamhaidh.

*Cogais-mhaoth.* Ach cia mar is còir do dhaoine ùrnaigh a dheanamh ? An ann le riaghailt, no as eugmhais riaghailt ? le briathran, no ann an tosdachd ?

*Duine-spioradail.* A chum is gu'm bi thu ni's fiosraiche mu'n phuing sin, is còir dhut a thoirt fainear gur e ùrnaigh conaltradh an anma ri Dia.—A nis' a thaobh gur aithne do Dhia, na h-uile ni, a' rannsachadh smaointean diomhair ar cridheachan, is coma cò ac'

a ghnàthaicheas no nach ghnàthaich sinn briathran ann an ùrnaigh dhiomhair, oir faodaidh an t-anam coluadair a bhì aige ri Dia le tosdachd cho math is le briathran, ni-h-eadh, ach nì's fearr air uairibh, a thaobh gu'm beil an t-anam le tosdachd nì's furachail' agus a' cumail na h-inntinn o smuaintean seacharain: 'nuair a tha'n t-anam ri ùrnaigh bhriathraich is minig nach eil i dad nì's buannachdaile na seirbheis bedil: mar a ghearain Dia o shean; "Tha'n sluagh so a' deanamh seirbheis dhomhsa le 'm bilibh, ach tha'n cridheachan fada uam:" ach, co-dhiù, is tiodhlac an ùrnaigh dhiomhair, nach eil na h-uile dhaoine a' sealbhachadh. Cha-n eil aig cuid a' chuimhne inntinn sin, no an suidheachadh aignidh, leis an dean iad ùrnaigh air a' mhodh so; agus uime sin, is iomchuidh gu'n ghnàthaich a leithid sin do dhaoine briathran; ach cò dhiù a ghnàthaicheas no nach gnàthaich iad riaghailt ann an uaigneas, is e 'n t-aon rud a ni e dhaibh, ach ceadaich dhombh an sanus so a thoirt seachad 'na àm, gur còir dhaibh-san a ghnàthaicheas ùrnaigh gun riaghailt a bhì air am faicill nach abair iad ni neo-chubhadh le cainnt mhi-iomchuidh a labhairt, no ath-aithris dhiamhainn le ioma-bhriathran, ni nach urrainn gun a bhì neo-thaitneach do'n Rìgh nèamhaidh aig am beil fios air ar n-uireasbhuidh mu'n cuir sinn an céill iad, agus nach eil ag iarraidh oirnn ach blàth-ùmhlachd cridhe da thaobh-san air son na tha dhìth oirnn. Tha na h-uile chainnt bhreagha 'san t-saoghal as eugmhais so—na h-uile' ùr-labhairt fhileanta — bhinn-fhaclan—agus phongan tairis, "mar umha ni fuaim, no ciombal a ni gleangarsaich" ann an cluasan Dé; air an aobhar sin bu mbath comhairle Sholaimh,—“'Nuair a théid thu do thaigh Dhé, *biodh do bhriathran tearc*, agus bì nì's deise gu cluinntinn, na gu ìobairt nan amadan a thabhairt.” a' cur an céill leis a so, nach eil ann an lionmhorachd bhriathran, ach ìobairt nan amadan: agus thubhairt aon a's mò na Solamh;—“An uair a ni sibh ùrnaigh na gnàthaichibh ath-iarrais dhiomhain, mar na Cinnich:

oir saoilidh iadsan gu'n éisdear riu air son lionmhorachd am facal : uime sin na bithibh-sa coltach riu ; oir a ta fios aig bhur n-Athair cia iad na nithe a ta dh'uireasbhuidh oirbh mu'n iarr sibh air iad." (Mat. vi. 7, 8.) Agus uime sin, tha'n riaghailt ùrnaigh a thug Crìosd d'a dheiscioblaibh gle ghoirid, ach gle tharbhach, a' gabhail a steach ann an ni ni's lugha na ceud facal, uile earrannan fa-leth na h-ùrnaigh, mar tha breith-buidheachas, iarrtas, ìobairt, eadarghuidhe, &c. Agus gu'n teagamh sam bith, dh'fhoillsich e i-so chum is gu'm biodh i mar eiseamplair ùrnaigh aig muinntir eile, air chor's gu'm faod na h-uile, a ghairmeas air Dia, ùrnaigh a dheanamh le urram a's modhalachd dhiadhaidh, gun a bhì gnàthachadh ach beagan bhriathran, agus iad sin, snasta, tarbhach, làn-thuigseach, agus iomlan ; ceart mar bu chubhaidh do'n àrd-Rìgh sin, ris am beil sin a' cur suas ar n-achanaich.

*Cogais-mhaoth.* Thug thu mor shoilleireachd dhomh a' phuing so, ni a's minig a chuir bruailean air m'inntinn, agus a chum mi fada air falbh o Dhia, a thaobh nach robh fios cinnteach agam air mar dheanainn, ùrnaigh thaitneach ; ach a nise tha mi làn-dhearbhata, gu'm beil Dia ag iarraidh a' chridhe gu h-iomlan, oir cha-n eil e ach 'na ni reusanta, gu'm bu chòir seirbheis a dheanamh do'n Tì sin, a ta 'na spiorad, ann an spiorad agus ann am fìrinn, eadhon do'n spiorad sin a's fìorghlaine dhe gach spiorad, agus cha chomasach an t-seirbheis sin a dheanamh mar a téid an cridhe maille ris na bithibh, agus ma théid cha-n eil umhail cò dhiù is ann no nach ann le riaghailt fhacal : is e deothas agus roaire na h-inntinn, cunbhalachd nan gnìomharran, agus dligheachas ar n-iarrtasan, do'm beil an Rìgh nèamhaidh a' toirt spéis.

*Tòir-na-fìrinn.* Is mise tha aoibhneach a chionn gu'n thachair mi a measg a leithid so do dheagh chuideachd ! Bha mi o cheann fhad' a' rannsachadh a mach nan dleasanas Crìosdaìl, agus gu sònraichte dleasanas na h-ùrnaigh, ni a chuir boil' air iomadh duine math ; ach cha

d'fhuair mi riamh uibhir do chomhfhurtachd agus do shoilleireachd 'sa fhuair mi o d' bhriathran-s' aig an àm so.

*Sgìth-do'n-t-saoghal.* Tha mi 'cur m'aonta ris na chaidh a ràdh mu dhéidhinn ùrnaigh, oir tha mi mothachadh cho liugha gaoid anns a' chuid is fearr do'm' ùrnaighean, air chor is nach eil a' chridhe agam air uairibh tòiseachadh air ùrnaigh bhriathraich, oir nan deanainn sin, bhiodh mo chridhe a rithist ga'm agairt air son masladh a thoirt do Dhia, am feadh a bhithinn ann am meadhon dhian-labhairt a's bhriathran cràbhach, bhiodh mo chridhe a' dol taobh eile, feadh a rinn mo theanga gusgul mar phioghaid do Dhia, bha mo chridhe air seacharan maille ris an diabhol, a' dùsgadh suas nam mìltean do smuaintean diamhain, a' measg nam briathran bu bhlàithe is bu chràbhaich' air an t-saoghal. Cha-n aithne dhomh cia mar tha dol do mhuintir eile, no ciod a' bhuanachd a ta iad a' faotainn, ach air mo shon féin, am feadh a ta mi 'giùlan fala is feòla cha-n urrainn mi gabhail orm a bhi saor o sheacharan inntinn, fualalachd, mi-chùram, agus smaointean amaideach, eadhon anns na h-àmaibh is stòilte, agus an uair is dlùithe tha m'inntinn air mo dhleasanas; ni's lugha is ion domh dùil a bhi agam, faighinn cuibhte na fàilinnean sin, 'nuair a leigeas mi srian fhuasgailt' le'm theangaidh gu iomadaidh bhriathran; oir le sin tha mi mothachadh gur comh-ionnan domh, is mar chuala mi bhi 'g aithris mu luchd-ciùil, a dh'fhàs cho ro ealant' air a' chruit a bha iad a' cleachdadh is gu'n cluich iad gach port is miann leo oirre, ged a bhiodh an inntinnean socraicht' air nithibh eile. Cha-n e gu'm beil mi leis a' so a dìteadh ùrnaigh a chuir suas le briathran, oir gun teagamh, tha sin na ni feumail do chuid, agus air sheòl iomchuidh chum aoradh follaiseach Dhé, far am beil iomadh air cruinneachadh cuideachd a chum an aon iarrtais, bhreith-bhuidheachais, agus eadarghuidhe, &c. a chuir suas, ni nach urrainn a bhi air a dheanamh gun riaghailt bhriathran, ni is aon dòigh a mhàin gu ar

smaointean a chomhpàirteachadh ri chèile, agus chum an ni mu'n robh sinn gu léira' comh-achanaich a dheanamh ainichte do chàch a chèile. A dh'aon fhacal is e mo bharrail-sa gur aon ni e, a thaobh Dia g'ar cluinntinn, cò dhiù a ghnàthaicheas no nach gnàthaich sinn briathran, an uaigneas no 'm follais, ach air sgàth feum dhaoine, tha briathran iomchuidh am follais, agus tha blàth-chùram, agus an inntinn gu h-iomlan air iarraidh araon an uaigneas agus am follais mar an aon mheadhon éifeachdach a chum ar n-ùrnaighean a dheanamh taitneach do'n Rìgh nèamhaidh.

An sin bhunaich iad air an turas, agus mar bha iad a' gabhail air an aghaidh tre'n fhàsach bha na h-ua' bheistean a' beucaich le fuaim uabhasach, ni a chuir mòr eagal air cuid aca, ach bha iadsan bu mhisneach-aile dhiu a' brosnachadh chàich air an aghaidh. F'adheireadh fhuair iad a mach às an fhàsach, agus thàinig iad am fradharc baile an Diamhanais, far an deach Dìleas a chuir gu bàs air son fianais a' thogail leis an fhìrinn. A nise bha 'm baile glé mhòr agus greadhnach ri amharc air, làn theampull agus aitreabhan sgiamhach eile, le tùraibh àrda baideallach air an còmhdachadh thairis le òr a's spangan luachmhor eile, a rinn dealradh ro mhaiseach ri lannir na gréine; bha am baile so ro fharsuinn mar an ceudna, agus anabharr sluaigh a chòmhnaidh ann, air chor is gu'n cluinnte cian uaithe, fuaim mar bheuchdaich na fàirge, a thaobh lionmhorachd an t-sluaigh a bha chòmhnaidh ann; agus thug na carbadan a bha do ghnà a' ruith sìos a's suas tro a shràidean air Géilleadh truagh a shaoilsinn, gu'm b'e gun teagamh, am baile chum an robh iad a' triall. Bha e air a lionadh cho mòr le maise a' bhaile so, is gu'm bu ghann a b'urrainn da e-féin a chumail o ruith d'a ionnsaidh roimh 'n chuid eile do'n chuideachd, ni a thug an Duine-spioradail fainear, agus labhair e mar so :—

*Duine-spioradail.* Na bi air do mhealladh mu'n àite so òganaich oir cha-n e so am baile nèamhaidh mar

tha thusa ann am barail, ach Babilon, baile na h-Aimhreit agus an Diamhanais; ged a tha 'n t-slighe againne a' gabhail troimhe, cha-n eil sinn gu fois a' ghabhail ann, faodaidh sinn tàmh ann car tacain, ach cha-n fhaod sinn smaointeachadh còmhnaidh ghabhail ann gu bràth.

*Géilleadh.* Shaoil leam o'n tuaraisgeul a thugadh dhomh air an Ierusalem nèamhaidh, gum b'è so an t-àite gu deimhin; ach a nise thug thusa làn-dearbhadh dhomh nach e.

An sin thriall na h-eilthirich air an aghaidh do'n bhàile, ach dh'fhuilig iad iomadh mas-ladh a's ciùradh air an rathad, a thaobh nan trusgan annasach a bha umpa, agus a chionn nach robh comharradh an fhiadh-bheathaich ac' air clàr an aodainn, mar bh' aig a' chuid eile do luchd-àitichidh a' bhaile: uime sin thòisich a chlann air éigheach riu, agus chruinnich gràisg mu'n tìmhchioll, fòs thilg cuid dhiùsan bu chiallaiche bha sa' bhaile salachair orra, air dhaibh a bhi gabhail seachad air an cuid dorsan; rinn iad sgèig a's fanaid orra, leis gach seòrsa sgallais agus mi-chliù, agus bu ro thearc iad anns a' bhaile a ghabh truas riu, no nochd a bheag do chaoimhneas daibh. Ach cha tug sin a bheag do mhi-mhisneach do dh'aon diù, ach an t-òganach mu dheireadh ris an do labhair an Duine-spioradail, do'm b'ainm *Géilleadh*: bha esan gu deimhin fo dhiobhail misnich a thaobh an dòigh mhi-shuairc' air an do ghnàthaich muinntir a' bhaile a chòmpanaich; agus le dian-chuireadh a bhi air a thoirt dha le duine ro thlà-bhriathrach, e cuideachd nan amadan boil-cheannach sin fhàgail, [a' ciallachadh nan eilthireach:] agus còmhnaidh a ghabhail maille risan, agus gu'm faigheadh e gach ni gu 'réir. Ghabh e air ball ris an tàirgse so, thréig e a chòmpanaich agus lean e an duine, a dh'ionnsaidh taigh-dsda a bh' aig àite na féille, agus chuir an duine an sin fios air cuid d'a luchd-eolais chridheil, éibhinn féin, a's thòisich iad air pòit a's aighear; dh-òl iad mar an ceudna "*droch thuras a's tuairgneadh do na h-eilthir-*



ich, a bha triall do'n bhaile nèamhaidh." Ach cha do bhuannaich Géilleadh a bheag air sin a dheanamh, le mheud 'sa dh'òl e do'n fhion chaochail e air an oidhche sin féin.

Aig a' cheart àm sin, am feadh a bha 'chuid eile do na h-eilthirich a' dol tro shràidean a' bhaile, bha iad air am mi-ghnàthachadh air gach làimh leis a' phrèbar, agus cha mhò bha truas acasan a thàinig gu aois a's inbhe riu, ged bu chòir dhaibh sin am barrachd gliocais agus daonnachd a thaisbeanadh. Mar so chaidh iad air an aghaidh gus an d'ràinig iad àite do'n goirte Ionad-a'-mhalairt, far bu ghnà leis na ceannaichean cruinneachadh ri chéile, chum reic a's ceannach: bha mòr shluagh air cruinneachadh ann an sin do gach cinneach a's teaghlach, daoine dhe gach tréibh a's cànan, gach aon diù a' ceannach a ni a bha dhì air féin; ach an uair a thàinig na h-eilthirich 'nam measg leig iad dhiù an gnothaichean gu léir, agus thòisich iad air bruidh-inn ri chéile agus air amharc nan coigreach, ag ràdh,—“ Ciod is dùthaich do dhaoine nan trusganan nednach, a tha air leth o gach earradh a thàinig riamh roimhe do n àite so?”

An sin chunnaic mi am aisling gu'n d'éirich Inntinneudmhor (a h-aon do na h-eilthirich) suas, agus labhair e ris an t-sluagh ag radh,—“ Fhearabh agus a bhràithrean, do'n aon fhuil agus fhèil ruinne. C'arson a tha sibh 'n-'ur seasamb ag amharc oirne, mar gu'n tàrladh nieigin nuadh nach faca sibh riamh 'n-'ur measg, agus air nach robh fhios agaibh roimhe? An do dhi-chuimhnaich sibh na làithibh sin, anns an deach Crisdaidh agus Dìleas tro'n bhaile agaibh, far an deach fear ac' a losgadh air son na fianais a thog e leis an fhèrinn, agus am fear aige, ged a chuir sibh a'm prìosan e, gidheadh, le treun chumbachd agus freasdal Dé, sheachainn e bhur dioghaltas mì-runach, agus thàr e às. An do dhi-chuimhnaich sibh na nithe so cheana?—no 'm beil iomradh sam bith agaibh mu'n timchioll? Thàinig sinne air an aon turas riu-san, agus a'dol do'n dùthaich

chum an robh iadsan a' triall, uime sin na gabhaibh iongantais air son ar trusganan neònach, oir is iomchuidh gu'm bi na h-uile 'tha triall a chum Shìoin air an éideadh do réir nòs a' bhaile sin, chum is gu'm bi an dol a steach ann soirbh agus gun ghaoid. Is e so an t-aobhar nach eil sinn air ar sgeadachadh do réir nòs a' bhaile so, no an t-saoghail so, oir cha-n eil againn *an so* "baile a mhaireas, ach tha sinn ag iarraidh aon a ta ri teachd; air am *beil* Dia 'na fhear-dealbhaidh, agus 'na fhear-togail."

An uair a chuir Inntinn-eudmhor crìoch air a labhairt, dh'fhàg cuid do na ceannaichean an cuid malairt agus dh'fhalbh iad maille ris na h-eilthirich, riun cuid eile sgèig a's fanaid orra; ach chrath iadsan dhiù dulasach an càs, agus dh'imich iad às an àite sin, agus chaidh na ceannaichean a dh'fhàg an cuid ceannachd maille riù; agus lean am mòr-shluagh iad a mach às a' bhaile, le àrd-iollach a's gàraich fhanaid, ach chuimhnich iadsan air briathran Chrìosd,—“Is an-aoibhinn do'n tì a chuireas a làmh ri crann na rìoghachd agus a sheallas 'na dhéigh” gun umhail sam bith a chuir anns a' ghàir ghràisgeil sin, ach a' buanachadh air an aghaidh air rathad mòr an rìgh, gun tionndadh a chum na làimhe deise no clìthe, ach ag imeachd dìreach ann an slighe an Tighearna gus an d'ràinig iad réidhleìn na Socair, far an d'éisd na ceannaichean ri briathran furanach Dhemais, agus chaidh iad sìos do'n t-sloc-mhéine airgid a' chladhach air son ionmhais a théid am muga, ach dhiùlt a' chuid eile de'na h-eilthirich dol ceum bharr an rathaid, air son buannachd shalach; gidheadh, cha deach iad fada air an aghaidh, agus an do thionndadh a h-aon diù [fear do'm b'ainm Sgìth-do'n-t-saoghal,] air ais a chum an t-sluic-mhéine, ach 'nuair a thug an Duine-spioradail an aire dha rug e air ghàirdean air, agus chum e ar ais e, ag ràdh, “A bhràthair, tha sealladh dìreach romhad an so, a dhearbhas dut; cho cunnartach 'sa tha e, thu dh'amhar air t-ais anns an àite so.” Mar sin sheall e dha an carragh sal-

ainn chum an d'atharraicheadh bean Lot, a bha dìreach 'na sheasamh rompa ri taobh an rathaid. An sin thug Sgìth-do'n-t-saoghal buidheachas da air son a dheagh chomhairle, agus thuir e gu'm bu mhath dhasan gu'n d'fhuair e sanus tràth am peacadh ud a sheachnadh maille ris an dioghaltas a bha ga leanmhuinn, le eiseam plair bean Lot a nochdadh dha, a bha air a h-atharrachadh gu carragh salainn air son amharc air a h-ais ri Sodom

A nise chunnaic mi am aisling gu'n deach na h-eilt-thirich air an aghaidh gus an d'ràinig iad abhainn Dhé. Bha'n rathad a bha iad a nis' a' gabhail 'na laidhe an cois na h-aibhne, agus craobhan a' fàs r'a thaobh a giùlar gach seòrsa do mheas taitneach; bhlais na h-eilt-thirich air a' mheas so agus thug e beothachadh mòr dhaibh dh-òl iad mar an ceudna do dh'uisge na h-aibhne, ann am beil buaidh, an cridhe fhàgail ni's subhaiche na dh'fhàgas fion e; tha mar an ceudna cluaintean glasa ceutach an cois na h-aibhne so, agus shuidh iad sios orra car tacain gu fois, agus an sin dh'éirich iad suas gu triall air an turas, agus thàinig iad fa-dhèigh chum an rathaid a bha treòrachadh sios gu Daingneach-an-Teagaimh, a chaidh a leagadh gu làr ri linn turais Chrìosdaidh. Mar sin chaidh iad seachad air a' chas-cheum a ghabh Chrìosdaidh agus Ciatach an uair a ghlacadh mar phrìosanaich iad le Fàmhair-gun-dòchas, agus chum iad an rathad-mòr, agus dh'imich iad air an aghaidh gus an d'ràinig iad a chum nam Beann Taitneach far an do ghabh iad fois a rithist, agus ghabh iad blasad anns na gàraidhean, agus anns na fion-liosan, ag itheadh gu saor do'n mheasaich a bha annta.

A nis' air dhaibh dìreadh ri fireach nam Beann Taitneach so, thàinig iad fa-dheireadh gu sliabh a bha air mullach gach sléibhe, air a shuidheachadh os-ceann gach tulaich eile, agus 'se b'ainm dha Sliabh Taigh an Tighearna. A nise bha buachaillean ag ionaltradh an treudan air feadh nam beann so gu léir, agus bha sluagh do gach cinneach, treubh, agus cànan a' siubhal sios

agus suas air na beanntaibh, agus labhradh iad air uairibh ris na buachaillean, agus air uairean eile bhiodh iad a' còmhradh r'a chéile.

Chunnaic mi mar an ceudna ann am aisling, air do na h-eilthirich a bhi gabhail air an aghaidh, gu'n robh buachaillean 'nan seasamh ri taobh an rathaid a' coimhid an treudan, agus dh'fhedraich iad do na h-eilthirich, cia as a thàinig iad agus c'àite bha iad a' dol? agus dh'fhreagair an Duine Spioradail ag ràdh;—“Thàinig sinn á Gleann-an-Léir-sgrìos, agus tha sinn a' dol do'n Bhaile Nèamhaidh.”

*Buachaillean.* Is math leinn 'ur faicinn an fhad so air bhur turas, oir tha sibh a nis' air mullach nam Beann Taitneach, eadhon air mullach Sliabh Taigh an Tighearna, agus an so tha daoine do gach cinneach, treubh agus cànan a ta dol a thriall air an aon turas ruibh-sa; ach a mhàin gu'm beil iad a' fuireach tacan anns an àite so chum faileadh nam Beann Taitneach a ghabhail, agus comhpairteachadh do thoradh an fhuinn naomha so, ni a ta chum an ath-bheothachadh, agus an neartachadh an déigh an turais sgèth. Osbarr, tha againne ioc-shlaintean air son gach eucail do'm beil luchd-cuairte buailteach air an turas àmhgharach, agus bheir sinn dhaibh gu saor do gach ni a tha againn, a' toirt seòlaidh agus cungaidh-leighis do'n mhuintir thinn, a' fosgladh shùilean nan dall, chluasan nam bodhar, agus a' fuasgladh theangan nam balbh, a toirt orra gu'm foillsich iad cliù agus glòir Dhé. Is ann a chum na crìche sin a ta sinn air ar suidheachadh anns an àite so, agus tha ar pàilliunnean fiail, fosgailte, do gach aon a thig an rathad, anns am beil sinn a' toirt aoidheachd do'n choigreach, do'n dilleachdan agus do'n ùhantraich, do'n bheartach agus do'n bhoichd, do'n lag agus do'n làidir, do'n òg agus do'n aosda, air chosg an Rìgh, a dh'uidheamaicheas bòrd do gach aon a thig ga ionnsaidh agus a chuir sinne mar a luchd-riaghlaidh chum cùibhrionn a thoirt do gach neach a réir an uir-easbhuidh, tha bainne againn do leanabain, agus feòl

dhaibh-san a thàinig gu inbh, cha-n eil ar dorsan dùinte 'a latha no dh'òidhche ni mò tha sinn a' sgur do ghlaodhaich :—“ Ho ! gach neach air am beil tart, ceannaicheadh e bainne gun airgead, agus fion gun luach ;” oir dh'ullaich an Tighearna cuirm do nithibh reamhra, agus do dh' fhion air a dheagh tharruinn, agus tha e toirt cuireadh do na h-uile duine chum a bhùird.

An sin threòraich na buachaillean iad a chum am pàilliunnean, agus chuir iad fa'n combair sògh, (a thaobh feabhais) nach do thachair a leithid riu riamh roimhe rè an cuairt, uime sin dh-ith agus dh-òl iad deth gu suilbhir ait, agus thug e mòr bheothachadh d'an càileachd, agus an déigh sin dh'iarr na buachaillean orra tighinn a mach a chum gaoth an t-sléibhe a gabhail ; agus rinn iad sin, agus mhothaich iad gu'n bi sin gaoth a b'fhallainne, a b'fhiorghlaine, agus bu taitniche a bh' air an t-saoghal, oir bha'ghaoth sin air a' fàgail cùbhraidh leis gach seòrsa measaich agus spìosraidh, a bha fàs ro phailt air an t-sliabh, agus a thoradh an deagh bhùidh a dh'ith iad agus fàileadh ceutach an àite, bha 'n neart air ath-nuadhachadh mar na h-iolairean, oir leag iad an anail 'san àite sin maille ris na buachaillean ré beagan làithibh, agus nochd iad dhaibh gach deagh fhiallachd, oir bha gach ni ac' ann an comhairt ; agus uime sin chaidh na h-eilthirich gu saor sìos agus suas o aon phàilliunn gu pàilliunn eile, agus fhuair iad fàilte shuilbhir anns gach àite, oir is e so tìr Emanuel, Sliabh naomha Rìoghachd na Sìthe, far am beil na “ claidhean air am bualadh gu coltair, agus na sleaghan gu corranaibh-sgathaidh,—gach fear a' gabhail còmhnaidh gu tèarainte fo a chrann-fiona, agus fo a chrann-fige féin.” Agus cha d'rinn aon duine dochann do dhuine eile, ach ghabh na h-uile còmhnaidh le chéile ann an aonadh, an gràdh, agus an sìth.

Nochd na buachaillean daibh mar an cendna iomadh ni iongantach an t-sléibhe, mar tha 'n sliabh d'an goirear Mearachd, agus an sliabh eile d'an goirear Faicill ; agus 'nuair a thàinig an t-àm anns bu mhiann

leis na h-Eilthirich triall air an turas, thug na buachaillean iad a chum an Fhir-riaghlaidh, a chuir an Rìgh thairis orra, eadhon aon do na bràithrean, agus buachaille cuideachd; agus 'nuair a thàinig iad 'na làthair sheannaich e iad ag ràdh;—"Sith maille ribh,"—agus 'nuair a dh'innis na buachaillean dha cò iad, agus cò às a thàinig iad, agus c'àite bha iad a' dol, dh'ùng se iad le ola luach-mhoir àraid a neartaicheadh iad gu mòr air an turas. An sin lùb na h-eilthirich an cinn gu làr, agus ghabh iad an cead do'n t-seann-duin' urramach, a' toirt buidheachas dha air son a' chaoimhneis a nochd e dhaibh.

An sin chaidh na buachaillean maille riu, agus sheall iad dhaibh an dorus a bha air slios an t-sléibhe a bha 'na fhriith-rathad do dh'ifrinn, agus thug iad dhaibh a' ghlain'-amhairc chum beachd a ghabhail air a' Bhaile Nèamhaidh troimpe, agus an uair a fhuair na h-eilthirich sealladh air, bha iad air an lionadh le maise, nithe cho glòrmhor, agus b'fhada leo gus a' ruigeadh iad e,—Uime sin, ghuidh iad air na buachaillean cead a thoirt dhaibh triall air an aghaidh; agus fhuair iad sin, ach a mhàin, air tùs gu'n tug na buachaillean, dhaibh seòlaidhean a thaobh na slighe, ag iarraidh orra, iad a bhi air an ro fhaicill nach caidleadh iad air Fearann-na-Drùidheachd, tre am feumadh iad imeachd mu'n ruigeadh iad am Baile Nèamhaidh, agus tha e 'na laidhe dìreach air an taobh so do'n tìr d'an goirear Beulah.

Osbarr, chunnaic mi am aisling, gu'n do ghuidh na h-eilthirich soraidh leis na buachaillean, agus an déigh sin gu'n do theirinn iad a bharr an t-sléibhe chum a' chòmhnaird, far an robh gleann farsuinn d'an goirte Gleann-nam-barailean-diamhain. A nis, air dhaibh a bhi gabhail tre 'n ghleann so, chunnaic iad praskan sluagh rompa, agus 'nuair a dhlùthaich iad riù chual iad gu cothromach an sluagh a' comh-labhairt gu dian r'a chéile, mar gu'm b'ann mu thimchioll ni-eigin cudthromach; agus 'nuair a thàinig iad suas riu, thuig

iad gu n robh na daoine a' labhairt mu thimchioll Rìgh na tìre, ni a thug orra tòiseachadh ri dian chonnsachadh. a h-aon a' cumail a mach gu'n robh an Rìgh de'n aon bharail risan, thuirt fear eile gu'm b'ionnan breith-eanas do'n Rìgh a's dàsan, thuirt an treas fhear—Gur esan a mhàin a bha tuigsinn na h-inntinn, na toile, agus na rùineachd Rìoghail gu ceart, agus labhair gach duine cuid do bhriathran o Leabhar-lagha an Rìgh mar shearbhadh air n'a labhair e-féin ; air chor is gu'n robh mòr fhuaim agus troimhe-chéile 'nam measg, ullamh gu dol a ghabhail air a' chéile, gach aon g'a shaoilsinn féin 'sa chòir, agus càch gu léir 'san eucoir. B'ann mar so a bha iad a' connspaid gus an do labhair an Duine-spioradal riu, agus gu'n tubhairt e,—“ A dhaoine còire, ciod is aobhar do'u ghlàmpar so ?” An sin leig iad diù an ard-chainnt, agus dh'éisd iad le ro aire ciod a bha aige ri ràdh, agus chaidh e air aghaidh mar so :—

*Duine-Spioradail.* Tha mi 'g ar cluinutinn a' conn-sachadh gu dian, dùrachdach, ma thimchioll toil an Rìgh ; a h-aon agràdh, gur ann aige-san is fearr a tha fios ; agus fear eile 'g ràdh, gur esan is èolaiche oirre ; tha so a' toirt bhriathran Chrìosd gu'm chuimhne, far am beil e 'g ràdh ;—“ Ma their aon duine ruibh, Feuch, a ta Crìosd an so, no an sud ; na creidibh e : oir éiridh, Crìosdan bréige, agus fàidhean bréige, agus ni iad comharran agus mìorbhuilean mòra, ionnas na'm bu chomasach e, gu'm mealladh iad na daoine taghta féin, Feuch, dh'innis mi dhuibh e roimh-làimh. Uime sin their iad ribh, Feuch, a ta e 'san fhàsach, na rachaibh a mach : feuch, a ta e 'sna seòmraichibh uaigneach, na creidibh sin : oir a réir mar a thig an dealanach o'n àird-an-ear, agus a dhealraicheas e gus an àird-an-iar ; mar sin mar an ceudna bhitheas teachd Mhic an duine.” (Mat. xxiv. 23—27.) Uime sin tha aobhar agam a mheas gur mealltairean agus fàidhean bréige sibh gu léir, a thaobh sibh a bhi cho ro choltach ris an tuaraisgeul a thug an Tighearn air an leithid, feadh a tha aon a' deanamh uail á gur aithne dhasan inntinn an

Rìgh, agus fear eile, á gur esan is fearr a dh' eadar-mhìnicheas a rùn, tha sibh gu léir a mach á slighe na fùrinn; cha-n eil fhios aig duine agaibh air inntinn an Rìgh; cha-n eil Crìosd 'n'ur measg, is iad na buachaill-ean a luchd-comhairle diamhair, agus is ann aca tha fios air diamhaireachd a Rìoghachd. Rachaibh-sa uime sin agus ionaltraibh maille ris an treud, agus taoghailibh na h-ionadan, anns an laidh iad sìos mu mheadhon-latha: a chum 's gu'm fòghlum sibh eòlas, agus gu'n coimhid sibh bhur casan o thuisleachadh ann an seacharan. Air dha na briathran so a labhairt phill e-féin agus a cho-luchd-turais uapa, agus thriall iad rompa thar a' chòmhnard.

A nise cha deach iad fad air an aghaidh 'nuair a leum duine mach á uaimh bhig a bha ri taobh an rathaid, agus thàng e 'na dheann far an robh iad; ghoirte do'n uaimh so Uamh nan Smuaintean-Nàdurach, agus b'e ainm an duine Tuigse-dhaonna. Dh' f heòraich e dhiù, cia ás a thàinig iad, agus c'àite bha iad a' dol? Fhreagair an Duine-Spioradail e mar so,—Thàinig sinn á Gleann-an-Léir-sgrìos agus tha sinn a' dol a chum an Ierusalem nèamhaidh, agus is math leinn do chuideachd sa ma théid thu leinn.

*Tuigs -dhaonna.* Tha rùn orm féin an t-àite sin a' ruigsinn, agus is math leam comunn deagh chuideachd' sam bith; ach tha umhail agam, gu'm beil sibhse 'cur roimhibh triall air an t-slighe a sheall na buachaill-ean ud thall duibh, buidheann a tha cheart cho aineolach, mu thimchioll ri Bodach-na-gealaich, ach a mhàin, gur e sin is gnothach dhaibh na h-uiread do dh' uirsgulan annasach aithris do choigrich, agus do luchd-turais, a cur mar fhiachaibh orra gur iad-féin seirbheisich an Rìgh; agus gur dreuchd dhaibh aoidheachd a thoirt do dh' eilthirich, agus an seòladh air an turas; tha iad a' gabhail orra mar an cendna, sealladh a thoirt air an Ierusalem nèamhaidh tre ghlain'-amhairc, agus aon do dhòrsan ifrinn a shealltainn daibh, ged nach eil annta acn pràsgan do dhù-chleasaichean, agus do chealgairean



cràbbach, a' mealladh nam baoghalta, agus nam fallbhanach neo-gheurchùiseach, le spleadhachas, agus le sgeulachdan iongantach mu thimchioll nèimh agus ifrinn, agus a' gnàthachadh drùidbeachd chum am mealladh air an turas, a' sgaoileadh ceò ro' an sùilean 'nuair a tha iad a' gabhail orra 'bhi toirt sealladh dhaibh air glèid an àite sin; oir is glaine mheallta i sin, tro 'm beil iad ag amharc nach eil a' taisbeanadh nithe nam fìor choltas, mar is comasach mise air a chòmhdachadh ma dh'éisdeas sibh ri'm chòmhradh gu' cheann, agus dearbhaidh mi fa chomhair bhur sùl, gun chòmhnadh glaine sam bith, suidheachadh, agus sgiamh a' Bhaile Nèamhaidh, agus seallaidh mu' dhuibh an rathad is giorra agus is aithghearra g'a ionnsaidh a cheart cho soilleir 'sa ni h-aon agus a trì a chùig.

*Duine-spioradail.* Tha thu-féin a cheart cho dall ri daolaig, agus am beil thu 'gabhail ort sinne sheòladh air an t-slighe chum àite nach fhac thu riamh, agus nach aithne dhut? Rach thusa chum do gharaidh a rithist, agus leig dhìot a bhi dol mu'n cuairt a chum eilthirich bhochda gun chron a chuir air seacharan; oir cha-n éisd sinne ri tlà'-chainnt sam bith, ach cumaidh sinn air an t-slighe mar a sheòl na buachaillean duinn.

*Cogais-mhaoth.* Ni-h-eadh, ach cluinneamaid cìod a th' aig an duine ri ràdh air a shon féin, oir tha coltas duine thapaidh air, gun e bhi idir 'na amadan, agus uime sin bu mhath leam a reusain, a chluinntinn.

*Duine-spioradail.* Tha do dhéidh air teagasgaibh annasach a' chluinntinn 'na ni glé chunnartach, agus faodaidh, gu'm pàidh thu gu daor d'a chionn, uime sin guidheam, gabh comhairle, agus tionndaidh do chridh air falbh o éisdeachd ri diambhanas agus mealladh; ruith thu gu math gus an so, agus na dean stad cho fagus do cheann do thuras.

*Cogais-mhaoth.* Cha-n urrainn mi bhi toilicht' ann am inntinn mar a cluinn mi na th' aig an duine so ri ràdh, oir tha aogais a' cur an céill gu'm beil ni-eigin sònraichte aige, agus am barrachd 'na bhriathran.

*Inntinn-eudmhor.* Is ionmhuinn leis an tì a ta falamh nithe falamh—ma tha'n duine so cho dìorasach is gu'm fuirich e a dh'éisdeachd ri geòpraich an òlaich so, fuireadh e 'na aonar; c'arson a chailleamaide ar n-ùine air son amaideachd-san? Greasamaid air ar n-aghaidh chum is gu'n ruith sinn an réis a ta air a' cur romhainn.

*Duine-spioradail.* Ni-h-eadh, a bhràthair, gu'm a fearr leinn uallaichean a chéile a' ghiùlain, agus reachd rìoghail Chrìosd ar Rìgh a' chomh-lionadh. Gabhamaid truas ri aumhuinneachd, mar dh'iarr Pòl oirnn a dheanamh ann an cùis mar sin:—"A bhràithrean" (ars' esan,) "ma ghlacair neach ann an coire air bith gu h-obann, sibhse a ta spioradail, togaibh suas a shamhail sin do dhuine ann an spiorad macantachd; a' toirt aire dhut féin, nach buairear thu mar an ceudna." (Gal. vi. 1, 2.) Agus thuirt abstol eile;—"A bhràithrean, ma théid aon neach agaibh-sa air seacharan o'n fhìrinn, agus gu'n iompaich neach e; biodh f hios aige, an duine a dh' iompaicheas peacach, o sheacharan a shlighe, gu'n saor e anam o bhàs, agus gu'm falaich e mòran pheacannan." (Seumas v. 19, 20.) A nis' uime sin a thaobh gu'm beil ar bràthair so air a bhuaireadh le iongantais diamhainn a chum éisdeachd ri deasbair-eachd Thuigse-dhaonna fanamaid car tacain, agus gabhaidh mis' orm féin a chuir 'na thosd, nì a bhios a chum am barrachd buannachd do ar bràthair, na ged nach cluinneadh e riamh e labhairt.

Sìud air t-aghaidh ma ta, (ars' esan, is e a' tionndadh ri Tuigse-dhaonna), cluinneamaid cìod a ta agad ri chonn-sachadh an aghaidh na slighe a tha sinne a' gabhail?

An sin chuir Tuigse-dhaonna aogais shocrach, shuidhichte air féin, agus labhair e mar so;—A dhaoin' uaisle, cha-n eil e 'na nì fearail fearg a ghabhail, agus coigreach a mhi-ghnàthachadh mu'n dh' fhuair sibh fìor aobhar air sin a dheanamh—gu sònraichte feadh a ta sibh aineolach mu thimchioll féin agus nan daoine bho 'n tàinig e. Ghineadh mise bho theaghlach fìor uasal iomraiteach, agus cho sean sa ta air au

t-saoghal a thaobh m'athar. Is e Breithneachadh is ainm da, agus tha e araon 'na phrionns' agus na bhùird-eiseach agus ro chàirdeach do theaghlach rìoghail nam flaitheas; uime sin, a thaobh is gur daoine uaisle sibh-féin, tha dòchas agam gu'n gnàthaich sibh am modh sin do'm thaobhsa, a ta cubhaidh do'm bhreith, agus do'm shinnsir, agus nach ruith sibh sìos mi le leas-ainmibh tàireil a's cainnt sgallaiseach.

*Duine-spioradail.* Tha mi 'g iarraidh mathanas ort, a dhuin'-uasail; is aithne dhomhsa t'athair gu ro mhath, agus tha mi a' toirt urram d'a àrd-ghineamhuinn, agus d'a theaghlach iomraiteach, ach ceadaich dhomhsa inn-seadh dhut, nach eil do mhàthair ach do sheòrsa gle shuarach, agus is fìor strìopach i, agus uime sin bheir thu mathanas duinne, ged nach meas sinn thu-féin dad ni's fearr na mac diolain a' sealbhachadh ni's mò do dhubhailcean do mhàthar na do shubhailcean t'athar, neach a bha gu mòr air a dhalladh 'nuair a dh' fhuilig se e-féin a thruailleadh le caile shuaraich mar ise. 'S e b'ainm d'i Mothachadh nighean Beatha-ainmhìdh seanna bhaothaire gun tùr aig nach robh spéis do ni sam bith, ach ithe, òl, agus cadal; gun an t-àit' anns an d'rugadh e a bhi dad ni b' fhearr na'n t-dòrach, b'e so do sheanair a thaobh do mhàthar. A nise bu ghnà leis a bhi toirt do mhàthar seachad an strìopachas an uair a bha i glé òg do gach fear a thigeadh 'sa dh' fhalbhadh: agus am measg chàich, ghabh am prionnsa t'athair gaol oirre, agus laidh e lea, agus ghin i thusa, air chor is nach ruig thu leas mòr uaill a chur á t-àrd-ghinmhuinn, ach an àite sin nàire bhi ort ás leth anmhuinneachd t'athar, air son e amaideas a chuir an gnìomh maille ri ban-adhaltraich mar do mhàthair. A bharr air sin, cìod an tairbh' a ni e dhut a bhi 'nad mhac dha, o nach eil thu sealbhachadh a bheag do bhuaidhean rìoghail a shinnsir? Agus chaill e-féin na buaidhean so an uair a thruaill se e-féin le laidhe le d'mhàthair. Oir bha e aon uair geur-fhradharcach mar am fìor-eun, ach a nise tha' shùilean mall, agus anns an

ni so tha thu féin ro choltach ris, oir tha dalladh-eunaidh ort. Bha e aon uair gnìomhach, agus dìleas, ach tha e nise leisg agus cealgach : ann an so tha thusa coltach ris mar an ceudna, oir tha thu leisg agus mall 'na t'uile ghluasad, agus cho neo-chinnteach iomluath ri coileach-gaoithe. Dh' fhaodainn am barrachd de d' dhroch ghnethibh ainmeachadh, ach mhilleadh e mòran ùine, agus bhiodh e leamh leis a' chuideachd.

*Inntinn-eudmhor.* Bhitheadh, — cha-n fhiù e'n t-saothair, na h-uiread ùine chall a bruidhinn ris a' mhealltair so, am feadh a ta sinn air turas.

*Sgìth-do'n-t-saoghal.* Ch-an fhiù gu cinnteach, a bhràthair a Dhuine spioradail — cha mhò gur fiù, agus nam biodh tusa leth cho sgìth riumsa, cha sheasadh tu suas a' sloinneadh a mach sinnsireachd an òlaich so, no a' tarruinn chomhadan eadar e féin is athair. Is fada leam gus an ruig mi ceann mo chuairt, bitheamaid a' trusadh.

*Duine-spioradail.* Biodh foighidinn agaibh a bhràithrean, gus an labhair an duine so agus mise ni's faide mu'n phuing, air sgàth Chogais-mhaoth, oir tha choltas air a bhì ann an teagamh o cheud bhriathran, agus tha 'chluasan tachasach chum éisdeachd ris n'a th'aige ri ràdh air a shon féin ; agus theagamh gu'm bi barail ni's fearr aig air an duine, ma dhiùltas sinne connaltradh a dheanamh ris : dh' fhaodadh e shaoil-sinn gu'm bu nàr leinne, no gu'm biodh faitcheas oirnn seasamh fa chomhair a ràiteachais, agus mar sin gu'n comh-dhùnadh e gu'n robh an fhìrinn air a thaobh uime sin air a sgàthsan biodh faighidinn agaibh car tacain agus cha-n eil teagamh agam nach dearbh mi air an duine so gu'm beil e 'san eucoir, agus toirt air a bhì 'na thost, mar a h-àicheadh e a bharaill neo-bhuna-charach gu tūr, a chum glòire Dhé, agus ar creideamh gu léir a neartachadh, gu sònraichte creideamh Chogais-mhaoith thraigh, chaochlaidich !

An sin dh'aontaich iad gu léir fuireach gus an rachadh crìoch air an deasbairachd eatorra, agus dh'iarr an Duine-spioradail air Tuigse-dhaonna seannachas a

ghineamhuinn, agus a shinnsir a chuir air chùl, agus cumail ris a' phuing air an robh iad, agus a' chùis a chuir an dara taobh cho luath sa' b'urrainn e.

*Tuigse-Dhaonna.* Seadh ma ta, tha mise 'g innseadh dhuibh gu'm beil sibh a bharr na slighe, agus ma leanas sibh mo sheòladh-sa seallaidh mi dhuibh rathad mòran ni's giorra agus ni's tearuinnte chum na tìre nèamhaidh. Tha mi creidsinn gu'm beil fhios agam gu'm beil Dia ann, a' cheart cho math 'sa tha fhios agaibh-sa, agus tha mi 'deanamh aoradh dha do latha agus a' dh'oidhche cha-n eil mi a' gabhail a' chreideamh sin do'm ionnsaidh, no 'deanamh aoradh dha air chreideas dhaoine eile;—cha-n eil mi ceangal mo chreideamh gu dall ri barailean faoine dhaoine eile, no 'deanamh aoradh do Dhia do réir beul-aithris dhaoine, mar tha sibhse a' deanamh, ach tha mi socrachadh bunait chinnteach do'm chreideamh. Tha mi 'g amharc agus a' beachd-smaointeachadh air deilbh iongantach agus glòrmhor an t-saoghail so, agus a lion beag a's beag tha mi lorgachadh a mach ceum-annan nan Dùilean siorruidh; am feadh a ta mi streap suas ri slabhraidh nan cùisean is ìsle, tha mi fa-dhedigh a stad aig an teine is àirde, agus tha mi sin a' faicinn gu soilleir ceud aobhar gach cùis, agus an tobar o 'm beil gach ni faicsinneach, agus neo-fhaicsinneach a' sruthadh,—mar is e cuspairean gnàthaichte corporra a ta air tùs, agus aig ìochdar slabhraidh gach cùise, mar sin is e mo cheud-fathan a' cheud iuchair, agus an iuchair a's ìochdraiche do'm chreideamh—am feadh is ann le slabhraidh tuigse reusanta. a ta mi tàthadh nan ceud nithe agus nan nithe deireannach ri chéile, agus a' deanamh mo cheud-fathan, mo reuson agus mo chreideamh a réir a chéile dìongmhalt' a chum an urrainn a ta mi 'g òcadh do'n Dia shiorruidh. Tha mi cumail so ann an deagh riaghailt, le leigil leis an ni a ta nàdurach tighinn air tùs, agus leis an ni a ta spioradail tighinn an déigh sin; feadh a ta sibhse dol càlg-dhìreach an aghaidh so, agus is amhail a théid gach neach adh'èisd-

eas ris na cinn-iùil dhalla sin, na buachaillean a ta air na sléibhtibh ud thall. Oir thairdsan a' teagasg dhuibh tòiseachadh aig a cheann dhochair, agus còmhnuadh bhur tuigse reusanta chuir air chùl, (ni is e àrd-bhuaidhean iomchuidh bhur nàduir,) chum creidsinn le creideamh neo-chinnteach, dall,—teagasgan, agus barailean àireamh sluaigh a bha gabhail orra gu'n robh iad air an deachdadh leis an Spiorad Naomha, agus cha-n e sin a mhàin, ach a' creidsinn theagasgan a ta calg-dhìreach an aghaidh bhur reusoin, agus an agaidh ciall-nàduir agus féin-fhiosrachadh an t-saoghail gu léir—tha iadsan a' teagasg agus feumaidh sibhse creidsinn, gur urrainn a h-aon a bhi 'na thrì, agus trì a bhi 'nan aon, calg-dhìreach an aghaidh ceud shuidheachadh reuson-nàduir; agus gu'm beil Dia 'na dhuine, agus duine 'na Dhia, gu'n ghin òigh mac gun aithne bhi aic' air duine, agus gu'n bhunaich i 'na h-òigh an déigh a h-aisead, maille ri iomadh baireil eile do'n ghnè sin an aghaidh a chéile, agus an aghaidh àrd-riaghailtean suidhichte nàduir !

*Cogais-mhaoth.* Mas a fìor gach ni tha'n duine so ag ràdh, ma ta, do réir is mar chi mi-féin, tha sinn ciontach do dh'fhior Phàpanachd : oir chuala mi iomadh duine glic' agus fòghluinte 'g ràdh, gur e diamhaireachd a' chreidimh sin, a thoirt air a luchd-leanmhuinn creidsinn le creideamh dall gu'n aithne sam bith a bhi ac' air a stéidh, ach dol do réir barail a luchd-teagaisg, ann an cùisean a ta calg-dhìreach an aghaidh tuigse-nàduir agus reusoin, agus ma tha sinne ciontach do'n aon mhearachd, ciod an t-eadar-dhealachadh a ta eadar sinn agus Pàpanaich ? Air mo shon féin deth, tha mi gu mòr air mo lionadh le briathran an duine so, tha e 'labhairt gu tuigseach mu'n chùis; agus cha léir dhomh cia mar a dh'fhaodair cuir 'na aghaidh, no freagairt a thoirt dha.

*Duine-spioradail.* Na bi air do ghiùlain air falbh leis na h-uile osaig do theagasg bréige, ach biodh do chridhe air a shuidheachadh air fìrinn, na bi ullamh gu

creidsinn, ach min-rannsaich 'na labhair e, agus ch'ì thu nach eil ann gu léir ach feallsanachd mheallt' agus ceilg, mar a dhearbhas mise dhut, ma dh'éisdeas tu rium.

*Anns a' cheud àite.* Uime sin, tha e mearachd ann a bhi 'm barail gu'm beil ar tuigse iomlan ann am breithneachadh nan cuspairean sin a ta f'ar comhair. Bha i mar sin gu deimhin roimh thuiteam Adhaimh, ach a nise cha-n eil i ach neo-iomlan agus fann. Bha i 'san àm ud na h-aon mh'ir do chloich-uasail lainnirich; ach a nise tha i air a bristeadh 'na bliodibh: agus cha-n eil maireann againn d'i ach sprùileach, no boillsgidhean do'n cheud seud; cha-n urrainn sinn uail a dheanamh á ni sam bith, ach beagan do dh'f huigheall briste tuigse, a chaidh a thiorcadh o long-bhristeadh bàsmhor an nàduir-dhaonna, a ta fathast a' fiodradh sìos a's suas air cuan na mi-chinnt. Tha sinn a' smeuraich 'san dorcha, agus cha-n urrainn sinn na nithe sin air am beil sinn eòlach a dheanamh 'mach; tha ar barailean mu nithibh nàdurrach féin, buailteach do mh'ile mearachd, agus an co-dhùnadh chum an toir sinn rannsachadh ar tuigse an agaidh a chéile, agus ar n-uile cheud-fathan air an tilgeadh bun os-ceann. Tha ar dearbhaidhean mar is trice, ni's làine do dh'ùr-labhairt na tha iad do reuson anns am beil a dh'aon chuid, ceilg lùbach na nathrach, no deas-bhriathran mìne drùiteach na mnà, agus tha iad sin mar a's tric' air an gnàthachadh mar rinn an duine so, ann an dìteadh nam buachaillean chum a shlighe féin a dhaingneachadh.—Oir

*Anns an dara h-àite.* Ged a b'fhior mar thubhairt e, gu'm beil reusan iomlan chum nan cùisean a ta fa chomhair a thuigsinn, cha-n eil anns na co-dhùnaidhean gus an tàinig e, ach deas-chainnt agus feallsanachd, leis am beil e toirt ionnsaidh air a dhearbhadh oirnn gu'n tuigear cùisean spioradail agus neo-thalmhaidh le reuson nàdurrach mar an ceudna. Is ionnan sin a's tòiseachadh air cur mar fhiachaibh oirnn, gu'n cluinn sinn le ar srònan, agus gu'm faic sinn le ar cluasan; is ceart cho luath a ni sinn sin, sa' thuigeas sinn cùisean spior

adail agus nèamhaidh le ciall nàdurach agus tuigse dhaonna. Bhuilich Dia caochladh cheud-fathan oirnn, iomchuidh, agus do réir nan cuspairean fa-leth air an gnàthaich sinn iad, — Bheir sinn nithe mothachail fainear le ar mothachadh—nithe tuigseach, le ar tuigse; ach nithe spioradail agus nèamhaidh, tuigear iad sin a mhàin le creideamh, ni is e àrd-cheud-fath spioradail an anma. Faodaidh ar reuson agus ar tuigse plathadh fhaicinn air uairean, ach cha-n urrainn iad beachd chinnteach a ghabhail air cùisean a ta cho ro àrd os an ceann. Mar sin, le tuigse nàdurach faodaidh mi fhiosrachadh gu'm beil Dia ann, ceud aobhar agus tùs gach ní: ach tha 'bhith, a bhuaidhean, agus a rùn, air am falach air taobh steach sgàile 'n t-soluis shiorruidh nach mothaichear leinne ach tre chreideamh 'na thaisbeanadh diadhaidh. Esan a dh'imicheas air taobh a mach an t-soluis so, tha e triall an dorchadas, ged a dh'fhaodas e cuid do sholus fann a bhuineas da féin a lasadh suas: agus esan a ghearras a mach a chreideamh o dheachdadh truailidh a chéille nàdurraich féin, cha-n fharr e bheag na'm fear-iodhal-aoraidh a ta 'g aoradh do stuic fhiodha, agus do chlachan; a' deilbh dia-bréige 'na aigheadh, agus ag aoradh do dh'obair a mhac-meanmuinn féin. Uime sin tha e air aithris, nach eil Dia eudmhor ann an ni sam bith, ach a thaobh aoraidh. Ann an so, bha e cho ro-shònraichte min-chùiseach (Ma dh'fhaodas mi 'chainnt a chleachdadh,) anns na teann-àintean a thug e do Chloinn Israeil a thaobh aoraidh. Thug e do Mhaois air an t-sliabh fìor dhealbh agus cumadh a' phàilliunn, a shoithichean agus earnais, &c. a' cotharrachadh a mach dhaibh na h-aimsir sònraichte, modh àraid, suidheachadh, agus deas-ghnàth aoraidh: gun aon phuing dhiù so a bhi air an dearmad, no air am bristeadh ach fo pheanas a' bhàis.

An nise ciod am feum a bhiodh ann an rabhadh cho teann so a thoirt seachad, nam biodh an dòigh air an deanair aoradh do Dhi 'na ni cho neo-chudthromach 'sa tha'n duine so a' cumail a mach? Esan a tha'n dùil gu'n



dearbh e gu'm beil Dia ann le sé no seachd do reusonan nàdurrach a thàthadh ri chéile, agus a ta 'g iocadh cuid do dh'ùmhlachd agus do dh'aoradh dha, agus a ta'm barail uime sin, gu'm beil gach cùis gu math, agus gu'm beil e air an t-slighe is aithghearr' agus is dlùithe do nèamh; agus a ta co-dhùnadh aig an àm cheudna, gu'm beil sinne a' siubhal mu'n cuairt, mar a h-eil sinn gu tūr a bharr an rathaid, ged nach do chreid sinn tre ni air bith is lugha na taisbeanadh diadhaidh. So an ni ris am beil e 'g ràdh anns ann beil sinn a' cur ar " ceud-fathan agus ar reusoin air chùl, a' creidsinn le creideamh dall gun rannsachadh, teagasg agus barailean àireamh àraid do dhaoine a tha gabhail orra bhi air an deachdadh leis an Spiorad Naomha, agus cha-n e sin a mhàin ach a ta creidsinn theagasgan a ta calg-dhìreach an agaidh ar reusoin, agus féin-fhiosrachadh an t-saoghail gu léir." Ach innis dhomhsa a dhuine dhiamhain, cia mar a tha sinne a' cur ar ceud-fathan agus ar reusoin air chùl? Tha creideamh e-féin a' tighinn tre éisdeachd, ni is e aon de na ceud-fathan, tha sinn a' cluinntinn sgeul éibhinn an t-soisgeil air a shearmonachadh dhuinn, agus tha ar cridheachan air an toirt fo ùmhlachd d'a chumbachd, tha ciall nàdurrach a' teagasg dhuinn gu'm beil Dia ann, ach tha creideamh a' teagasg dhuinn creidsinn ann an Dia, agus am modh air an dean sinn aoradh dha. Tha na nithe a ta sinn a' creidsinn mu thimchioll-san gu deimhin, ciann os-ceann ar ceud-fathan agus ar tuigse nàdurrach, ach cha-n eil na tha sinn a' creidsinn calg-dhìreach an aghaidh ar ceud-fàthan,—cha-n eil,—ann an so tha ar ceud-fathan agus ar tuigse a' co-oibreachadh le ar creideamh—an uair a chluinneas no leughas sinn mu thimchioll nam miorbhuilean a rinneadh le Criosd agus le chuid abstol, tha ar reuson ag innseadh dhuinn nach b'urrainn iad a bhi air an deanamh ach le cumhachd treun Dhé. Agus nach togadh Dia fianais le bréig le miorbhuilean mar so, uime sin tha ar reuson a' teagasg dhuinn, creidsinn, gu'm b'e

Criosd agus na h-abstoil an dearbh mhuinntir a thubhairt iad féin a b'iad ;—gu'm b'esan Mac Dhé, agus gu'm b'iadsana sheirbheisich, daoine bha air an deachdadh leis an Spiorad Naomha, agus air an aobhar sin gu'n robh an uile theagasg firinneach agus dileas. Cionnas uime sin, a thuislicheas mi ann an teagasg na Trionaid, agus feòil-ghabhail Chriosd, e bhi air a ghabhail am broinn gun chòmhnadh duine, agus air a bhreith le òigh, agus i 'na maighdin fhiorghlain? Gu ruige so, tha mo thuigse nàdurach feumail do'm chreideamh ; tha'n t-aon ga 'm thredrachadh air làimh chum a bhrait-sgàile, agus tha'n t-aon eile a' tarrainn a' bhrait-sgàile sin air ais, agus a' faicinn gach uile dhiamhaireachd fhalaich. Ach gidheadh, fuireadh tuigse nàdurach 'na h-àite féin, agus na rachadh i ni's faide na sin air a h-aghaidh, cha-n eil innte ach a' bhan-oglach, is e creideamh a' bhana-mhaighstear, tha tuigse agus reuson a' freasdal ann an cùirtean a muigh an teampuill, ach tha creideamh a' dol chum an ionaid is ro naomha.

A nis' as eugmhais creideimh cha-n urrainn sinn Dia a thoileachadh. Is e creideamh fianais gach ni neo-fhaicsinneach, agus brìgh gach ni ris am beil dòchas againn. Is e so an creideamh, O Thuigse-dhaonna air an d'rinn thusa tàir le dìmeas. Is e so an creideamh a mhol na buachaillean dhuinne Is e so a' ghlain' amhaire tre 'm faca sinn glòir an Ierusalem nèamhaidh. Uime sin leig thusa dhìot o'n àm so suas a bhi labhairt gu h-olc mu shlighe an Tighearna ; agus leig dhìot mar an ceudna a bhi cuir éis air anmaibh na h-aiteam a ta 'g iarraidh an Tighearna gu h-ionraic treibhdhireach le crideamh ùmhal.

Nuair a chuir e crìoch air na briathran so, lion reachd dheur sùilean Chogais-mhaoth le ro mheud a mhulaid a bha air, air son gu'n dh'f huilig e inutinn a bhi air a toirt a thaobh le deas-bhriathran meallta Thuigse-dhaonna ; agus a rithist, a chionn an aoibhneis a bh' air air son cho math 'sa thug an Duine-spiorad-

ail freagrach dha, agus a chuir e an aghaidh na thubhairt e; ni a thug air labhairt mar so ris an Duine-spioradail:

*Cogais-mhaoth.* Tha mi ro bhrònach air son m'am-aideas le na h-uiread éis a chuir air a' chuideachd, am feadh a dh'fhaodamaid a bhi uidhe mhath air ar n-aghaidh; tha mi nise làn-dhearbhta nach eil ann au Tuigse-dhaonna ach *teine-gradraig* do'n inntinn, solus bréige, mealltair; uime sin fàgamaid e ann an uamh' a sgàileachan feallsa féin, agus triallamaid air ar turas.

An sin chunnaic mi am aisling gu'n d'ìmich iad air an aghaidh, am feadh a bha Cogais-mhaoth a' gabhail an òrain so,—

“ Shaoil Tuigse-dhaonn' e-féin bhi làn do shoills',  
 Ged bha e cheart cho dorcha ris an òidhch'  
 Bu diamhain ionnsaidh, ged bu bhinn a ghlòir,  
 Gu eilthirich chuir dheth an t-slighe chòir,  
 'Se f'irinn nèimh is solus daibh 's gach ceum;  
 'S bheir Tuigse-dhaonn' am buaidheam far nach léir !”

A nis' air dhaibh a bhi dol air an aghaidh, thàinig iad a chum an àit anns an do mheall am Miodalaich Crìosdaidh agus Ciatach a bharr an rathaid, a dh'ionnsaidh frith-rathaid, ni a bha furast a dheanamh; oir ged a bha e 'na fhrith-rathad, bha e cho coltach ri bhi 'na laidhe dìreach rompa ris an rathad cheart. Ach codhiù, bha na h-eilthirich cho sealbhach is gu'n do sheachainn iad an ceum a bha treòrachadh a chum nan lion, le seòlaidhean an Duine-spioradail a thachair 'nan cuid-eachd, a bha fìor eòlach air an t-slighe sin.

A nise chunnaic mi a'm aisling, nach deach iad fad' air an aghaidh gus an do thòisich iad air fàs glé throm, airtneulach, air chòr is gu'n tuirt Sgìth-do'n-t-saoghal gu'n robh e deònach laidhe sìds a chum dùsal cadail; an sin rinn Iompachan, nach do labhair facal o'n àm 'san dh'fhàg iad uamh-an-Ath-leasachaidh gus an t-àm so, osann throm, agus ghuil e gu goirt; agus ann am meadhon a deuraibh, ghlaodh e gu dùrachdach ri Sgìth-do'n-t-saoghal, ag iarraidh air gun e 'chadal anns an àit

ud. Rinn giùlan iongantach Iompachain aig an àm so, a bha tosdach fad na slighe gus a nise, a thoirt air gach neach a bhi toileach a chluinntinn ciod a bha cur air ? agus dh'iarr an Duine-spioradail air e dh'innseadh do'n chuideachd ciod a chuir aigeadh fo luasgan. An sin, thuirt Iompachan riù, n'am bu mhath leo am bàs a sheachnadh ; no fìor chunnart a' bhàis, nach faodadh iad smaointeachadh cadal air an talamh sin ; agus gu'n aithriseadh esan daibh eachdraidh a bheatha féin ; agus iadsan a dh'éisdeachd r'a bhriathran le deagh aire, agus gu'm biodh sin 'na mheadhon air an cumail 'nan dùisg ; agus thòisich e air labhairt :—

*Iompachan.* Faodaidh cuimhne 'bhi agaibh, ars esan, gu'n d'iarr na buachaillean oirnn aig àm dealachaidh, a measg iomadh comhairle mhath agus fhallain eile, cùram sònraichte bhi oirnn roimh chadal air Talamh na Drùidheachd. A nise 'nuair a chunnaic mi cuid do'n chuideachd air an aomadh gu cadal, chùimhnich mi air dian-earail nam buachaillean, agus mar an ceudna, air mo ghiùlan mi-iomchuidh féin mu'n phuing so sa'n àm a chaidh seachad, ni a thug air mo shùilean frasadh le deòir, air dhomh smaointeachadh air cho-fad' 'sa phill mi air m' ais o nèimh, a thaobh mi chadal anns an àite so ; agus an cunnart do'm biodh sibh gu léir buailteach nam bibh sibh air laidhe sìos air Talamh na Drùidheachd so ; oir is e so an t-àite mu dhéidhinn an do labhair na buachaillean ruinn.

*Duine-Spioradail.* 'S beannaichte a ta thusa leis an Tighearna, O òganaich shona, a chùm sinne bho chadal anns an àite so ; guidheam ort, innis duinn mu thimchioll do thurais 'san àm a chaidh seachad, oir tha mi 'tuigsinn le mar labhair thu, gu'n tàinig tu 'n rathad so roimhe.

*Iompachan.* Tha e glé choltach gu'n cuala sibh mu dhéidhinn Fear-àicheadh Dhé, a thachair ri Crisdaidh agus ri Ciatach dlù do'n àite so, mar bha iad air an turas a chum a' Bhaile Nèamhaidh. Is mis' an duine siu, ged a tha m'aim air atharrachadh ; oir cha b'e sin

m'ainm ceart, ach ghoirte ruim e an déigh dhomh cadal air Talamh na Drùidheachd, oir b'e m'ainn roimhe sin Deagh-rùn, ach a nis is e Iompachan is ainm dhomh. Rugadh mi ann an Gleann-an-Léir-sgrìos, agus thug m'athair do'n dùthaich so mi 'nuair a bha mi òg, ach air dhuinn a bhi tighinn seachad air an duin' ud às ar déigh, se sin Tuigse-dhaonna, bha mi air mo lionadh cho mòr le 'bhriathran is nach b'urrainn m'athair m'fhaighinn air falbh leis, ach dh'fheumainn fantainn càr tacain a' còmhradh ri Tuigse-dhaonna, ag ràdh ri m'athair a thaobh nach robh esan ach sean agus lag, nach b'fhada gu's am beirinn air; ach bha giùlan Thuigse-dhaonna cho caidreach, is nach b'urrainn mi dealachadh ris fad ùine mhòr: agus fa-dheòigh, 'nuair a chunnaic e gu'n robh mi a' cur romham falbh; thàinig e còladh rium chum an àite so, agus air dha a bhi dealachadh rium thug e orm balgam òl á searraig bhig a bh' aige, ag innseadh dhomh gun robh e na dheagh ioc-shlainte-cinn, agus ro mhath an agaidh uile gbalairean na h-eanchainn do'n robh luchd-turais buailteach, a thaobh teas agus fuachd, 'sa leithidibh sin: an déigh sin ghabh e 'thead dhiom agus chaidh e air ais a chum uamha. Ach cha bu luaithe dh'fhalbh e na thuit mis' ann am chadal air an talamh so; cò dhiù is ann a' thoradh an ni thug e dhomh ri òl, no bho nàdur a' cheò a ta 'g éiridh às an talamh, cha-n aithne dhomh: ach mhothaich mi mo chadal glé mhilis, agus tha mi creidsinn, gu'n robh mi air *cadal gun dùsgadh* a dheanamh ann, mar b'e gu'n robh e 'na chleachdadh agam o aois mo leanbhadh a bhi falbh ann am chadal, oir air dhomh éiridh suas ann am chadal, choisich mi air m'ais a rithist an dearbh cheum air an tàinig mi gus an robh mi gu tūr a mach á Talamh na Drùidheachd, agus an sin choinnich mi Crìosdaidh agus Ciatach, a bha dol air an aghaidh chun Beinn Shìoin; agus an uair a dh'innis iad dhomh c'àite bha iad a' dol, thòisich mi air gàireachdaich riu, ag innseadh dhaibh gu'm b'amaideach iad 'nuair a thàinig iad air turas cho

fada, agus a bhì'n cunnart an saothair a chall air a' cheann m'a dheireadh !

A nise bha m'eachainn rè na h-ùine sin air bhoile leis an stùth a thug Tuigse-dhaonna orm òl, ionnas nach robh mothachadh agam gu'n robh mi am chadal, agus bha mi mar neach a' bruadar ; agus bha mo mhac-meanmainn ag innseadh dhomh gu'n deach mi cho fad air m' aghaidh sa b'urrainn eilthreach a dhol, ach gidheadh cha b'urrainn mi leithid an Ierusalem Nèamhaidh fhaotainn a mach, agus uime sin chreid mi nach robh a leithid do dh' àit' idir ann, agus dh'innis mi sin dhaibhsan ; ach cha-n éisdeadh iad ri'm bhriathran amaideach ach thriall iad air an aghaidh air an turas, agus chaidh mis air m' ais gus an d' ràinig mi Baile an Diamhanais, agus dh'fhurich mi ann car ùine, agus air dhomh a bhì aig àm àraid am sheasamh ag amharc air iongantaféille a bhasa nochdadh do'n mhòr-shluagh air a mhargadh, chaidh mo bhualadh le peileir beathrach o nèamh, ni a theab crìoch a chuir air mo bheatha, oir bha mi latha a's bliadhna an déigh sin gun tighinn a mach air dorus. A nise ri linn domh a bhì mar so gu bochd tinn, thòisich mi air smaointeachadh air tùs mo bheatha, agus an còr truagh anns an robh mi nise 'nan toilicheadh Dia mo ghairm air falbh às an t-saoghal : thug so orm gul a latha 'sa dh'òidhche leam féin. Rinn mi mar an ceudna trasgadh agus ùrnaigh, agus dh'ioraslaich mi mi-féin an làthair an Tighearn' an uaigneas ; agus bhòidich mi bòid do Dhia, nam b'e 'thoil m'aisig a rithist gu slàinte gu'm falbhainn air eilthreachd chum Beinn Shioin, cho luath 'sa thachradh cuideachd orm a dol do'n àite sin. Thug Dia m'ùrnaigh, mo bhòidean, agus mo dheòir fainear, agus dh'aisig e mo shlàinte dhomh ann an ùine ghearr, agus thriall mise, agus cha b'fhada gus an d'fhàg mi'n droch bhaile sin air mo chùl : agus air dhomh cuimhneachadh gu'n robh fear no dhithis do luchd-eòlais agam ann an Uamh-an-Athleasachaidh, daoine 'bha 'nan nàdur sèimh, agus 'nam beatha diadhaidh, chuir mi romham dol far an robh iad

le dòchas gu'm falbhadh iad maille rium. Do réir sin ràinig mi 'n uamha, agus fhuair mi mo dhithis chàird-ean ann an sin, ris an do leig mi m'inntinn gu tric mu'n chùis so, ach thuirt iad rium nach falbhadh iad gus am faiceadh iad tuilleadh cuideachd a bhiodh a' dol an taobh sin, ag ràdh, nach b'fhada gus an tigeadh cuid do dh'eilthirich an rathad, agus bu chian leamsa gus an uair shona sin anns an cluinninn mu luchd-turais sam bith a bhì gabhail na slighe so.

Dh'fhuirich mi aig an àm sin car seal anns an uaimh, agus bha coluadair agam ri mòran dhaoine ann an sin, agus a measg chàich thug mi air Inntinn-eudmhor, agus air Géilleadh gu'n d'aontaich iad dol maille ruinn, oir b'e ainm mo dhà charaide féin, Tòir-na-fìrinn, agus Sgìth-do'n-t-saoghal, dithis a th'againn 'n-ar cuideachd aig an àm so. Mar sin 'nuair thàinig Cogais-mhaoth an rathad, agus a bha e 'g amharc air Carragh na h-Eachdraidh, thachair e ri Tòir-na-fìrinn, agus air dha aithneachadh o'n trusgan a bha uime gu'm eilthireach e, rinn e cùmhnanta ris mu fhalbh leis air a thuras, dh'éigh e air càch a mach às an uaimh, dlù do'n àite' anns an tàinig sinn suas ris an Duine-spioradail, agus thàinig sinn gu léir air falbh 'n-ar n-aon chuideachd : gun aon duine againn a bhì air a chall ach Géilleadh ; b'éigin dhasan neomheasarrachd Baile an Diamhanais a leantainn, agus mar sin fhuair e làn-broinne a chuir às da maille ris a' Mhealltair-fhiona.

A nise chunnaic mi am aisling, gu'n robh na h-eilthirich mu'n àm so air faighinn a mach á Fearann na Drùidheachd, agus gu'n d'inndrinn iad a steach do Thìr Bheulaidh, dùthaich anns am beil a' ghaoth ro chùbhraidh leis gach seòrsa spìosraidh deagh-bholtrach ni a dh'ath-bheothaich an càileachd a bha air fàs ro mhi-shunntach, trom, le bhì coiseachd air Talamh na Drùidheachd. Ann an so bha craobhan a' fàs, a' giùlan toraidh nach searg air falbh am feasd ; agus aig am beil an duilleach do ghnà gorm : oir thà'n t-earrach buan-mhairèannach 'san àite so, agus na h-eòin a' canntair-

eachd gun sgar; na cluaintean air an còmhachadh thairis le dìtheinean maiseach, agus làn do gach uile ni taitneach; oir tha'n dùthaich so 'na laidhe ann am fradharc phàrrais, agus tha faileas a' Baile Nèamhaidh g'a ruigsinn. Choisich iad air feadh an àite so a' gabhail toil-inntinn o shòlasaibh na tìre taitnich chum an robh iad a nis' air teachd, a' cùmhneachadh air na cruaidh-chàsan tre 'n tàinig iad, a' deanamh comhghàirdeachas r'a chèile a chionn gu'n robh iad a nise dlù do cheann an turais, agus ann am fradharc an Ierusalem nèamhaidh, àite a bha iad cho déidheil air fhaicinn o cheann fhada. Mar a b'fhaide chaidh iad air an aghaidh is ann bu shoilleire bha glòir an àite r'a fhaicinn, agus is ann is mò bha dh'fhadal orrasan gu tighinn d'a ionnsaidh; Uime sin bhrosnaich iad a' chèile air aghaidh le briathran sòlasach, ag ràdh;—"So, rachamaid suas a chum taigh an Tighearna, bithidh ar casan 'nan seasamh ann ad chùirtibh, O Ierusalem. Ann an làthair ainglean seinnidh sinn dut, O Thighearna, agus ni sinn aoradh 'nad theampull naomha."

Mar dh'imich iad air an aghaidh thàinig iad a chum fion-liosan àraid; agus dh'fhurain na gàradairean orra dol a steach annta, ag ràdh; "Thigibh a staigh, sibhse 'ta beannaichte leis an Tighearna, agus blaisibh air an '*fhion a ta toirt subhachais do Dhia agus do dhuine.*' Uime sin chaidh na h-eilthirich a steach do na fionliosaibh, agus dh'òl iad do'n fhion, ni a chuir iad fo mhisg gaoil a's éibhneis, le déigh agus dòchas gu'm faiceadh iad gnùis an Rìgh; oir dh'innis na gàradair-ean dhaibh iomadh ni glòrmhor mu thimchioll, ag ràdh, Gu'm b'e bu sgiamhaiche 'measg dheich mìle, agus uime sin gun do ghràdhaich na h-òighean e, agus gun do ruith iad an déigh cùbhraidheach ola-ùngaidh-san. Thuirt iad, mar an ceudna, gu'n robh mòr spéis aige do dh'eilthirich; agus gu'n do ròghnaich e-féin aon uair a bhi 'na fhear-cuairt. Dh-aithris iad iomadh cliù mhath eile mu thimchioll, ni a chuir na daoine so fo fhadachd gus an ruigeadh iad am Baile. Uime sin



dh'f hàg iad na fion-liosan, agus chaidh iad air an aghaidh agus ruith iad mar gu'm b'eadh air son am beatha. Mar so bhunaich iad air ruith gus an tàinig iad ann am fradharc a' gheata; ach air dhaibh tearnadh ann an gnè do ghleann b'èigin daibh stad, a thaobh abhainn a bha ruith troimh, air nach robh aon drochaid a chum dol thairis.

Os barr, chunnaic mi ann am aisling, gu'n robh mòr shluadh do dhaoine, do mhnathan agus do chloinn; do gach cinneach, treubh agus cànan 'nan suidh' air bruachan na h-aibhne: agus 'nuair a thàinig na h-eilthirich a nuas gu taobh na h-aibhne, shuidh iad sìos air a bruaich mar an ceudna, agus thòisich iad air cur an comhairle ri chèile mu cia mar gheibheadh iad dol thairis; dh'fheòraich iad mar an ceudna ri cuid a bha 'nan suidhe ann an sin rompa, an robh rathad sam bith eile chum dol do'n Bhaile? agus thuirt iad riu nach robh.

An sin bha iad fo throm imcheist, m'a thimchioll cia mar gheibheadh iad dol thar an abhainn so; ach thuirt Sgìth-do'n-t-saoghal ri chòmpanaich;—"Na bithibh fo dhiobhail misnich a thaobh na h-aibhne, gabhaidh mis' orm féin dol innte air tùs, agus do réir 's mar dh'èireas dhoinhsa faodaidh sibh-sa sibh-féin a ghnàthachadh: ma gheibh mise null gu teàruinnte, faodaidh sibhse mo leantainn gun fhiamh gun eagal; ach ma théid mi fodha agus a dhèth 'san uisge, tha bhur roghainn agaibh-sa far comhair; chum deanamh mar chì sibh iomchuidh." An sin chaidh e gu dàna 'mach air an abhainn, agus chaidh e fodha ann an tiotadh; agus cha tàinig e riamh an uachdar, ni a chuir na h-eilthirich uile fo mhi-mhisnich, agus cha b'fhios daibh ciod a dheanadh iad, no ciod an rathad air an tionndaidheadh iad!

Am feadh a bha iad mar so gu cianail, trom, thàinig ùine ann an aodach dèalrach do'n ionnsaidh, a thuirt;—"Sith maille ribh; na biodh bhur chridhe fo bhuaireas do thaobh an duine sin a chaidh a mach air an

abhainn aig an àm so, agus a chaidh fodha gun éiridh tuilleadh, 'se is ainm dha Sgìth-do'n-t-saoghal, agus tha dh'òr a comh-fhreagradh r'a ainm, oir bha e o cheann fhada na laidhe fo mhi-thoileachadh inntinn, a thaobh nach deach gnothaichean na beatha so leis mar bu mhath leis, thàinig iomadh trioblaid, calldachd a's àmhghar 'na charamh'san t-saoghal so; a thaobh cuirp, anma, earrais, mna-pòsda, cloinne agus càirdean: a nise rinn iad sin gu léir a thoirt air gu'n dh'fhàs e sgìth do'n t-saoghal: agus chuir e roimhe fhàgail; ach cha dh'fhuilig e aon ni dhiù so air sgàth fireantachd, no ainm Chrìosd, ach air son e-féin a bhi 'na dhuine glòir-mhiannach, sanntach, farmadach, ni a rinn fhàgail neo-thaitneach do gach aon neach do'm b'èòl e; thilg se e-féin leis a' sin á fàbhor an Fhreasdail, air chor is nach do chinnich aon ni leis de na ghabh e os-làimh: bha chuid arbhair a' seargadh air an raon; a' chorp air a phianadh le iomadh eucail ⁊ thàinig an comh-lorg a chuid ana-mianna féin; mhallaich a bhean agus a chlann e às an aodann a thaobh e 'bhi 'na dhaormunn cruaidh-chridheach gu'n tìus: rinn a chàirdean agus a choimheirsnich fanaid a's cnaid r'a dhoilgheas; agus chaidh gach ni 'na aghaidh, air an aobhar sin, chuir e roimhe gu'm fàgadh e 'n saoghal; ach cha d' rinn e sin air son gràidh do Dhia, ni a b'aobhar gu'n deach e fodha 'san abhainn gu'n éiridh tuilleadh. Cha leòir a bhi sgìth do'n t-saoghal; ach 's e bhi sgìth do'n pheacadh a ta taitneach, agus luachmhor an làthair Dhé. A bharr air nach bu chòir dha leum gu dàna anns an abhainn dheth féin, ach fuireach gus am biodh toil an Rìgh air a' foillseachadh dha, mar tha sibh a' faicinn iomadh 'nan suidh ri taobh na h-aibhne a' feitheamh ri òrdugh an Rìgh. Agus a nise chuireadh mise le teachdaireachd a dh'ionnsaidh Cogais-mhaoth, a dh'innseadh dha gur e toil an Rìgh gur e an ath neach a théid a null."

Uime sin dh'uidheamaich Cogais-mhaoth e-féin a chum àinte an Rìgh a fhreagairt; ach bha 'chridhe a' plogartaich, agus gach alt 'na cholainn air chrith air

son mar thachair do Sgìth-do'n-t-Saoghal, le eagal gun rachadh e-féin fodha mar an ceudna. 'Nuair a chunn-  
aic an Duine-Spioradail am pian anns an robh e,  
thòisich e air toirt comhfhurtachd dha, ag iarraidh air,  
deagh mhisneach a bhi aige, ag radh,—Cha tus' a' cheud  
neach, ni mò gur tu an neach deireannach a dh'fheumas  
dol tre'n abhainn so; b' éigin do gach aon a thàinig  
romhad o linn Adhaimh dol troimpe ach Enoch  
agus Eliah 'nan aonar; agus is ionnan a dh'fheumas  
gach aon a thig ad, dhéigh a dheanamh. Is fiachan am  
bàs, a ta againn r'a dhìoladh do Dhia agus do nàdur, agus  
feumaidh sinn ìocadh uair no uairegin, luath no mall.  
Tha uair air a suidheachadh anns am faigh gach duine  
bàs, agus an déigh bàis tighinn gu breitheanas; uime  
sin na biodh eagal ort mu'n ni sin nach urrainn thu  
sheachnadh.

*Cogais-mhaoth.* Cha-n eil uirread eagail orm roimh  
an bhàs 'sa tha orm roimh na thig 'na dhéigh: tha  
eagal orm nach faic mi gu bràth baile Dhé, an Iusalem  
nèamhaidh, a lion mo shùilean le mais' a bhallachan  
agus a thuraidean deàlrach, am feadh a bha sinn a'  
gabhail tre thìr Bheulaidh: tha eagal orm gu'm beil  
mi dol sìos do thìr an dorchadais, far an tuislich mo  
chasan air na sléibhtean doilleir, tìr gun solus gun riagh-  
ailt, anns nach eil ni a' gabhail còmhnaidh ach uabhas  
gun chrìch agus breisleach. Is e so a ta toirt air féith-  
ean mo chridhe a bhi 'n ìmpis bristeadh, agus air mo  
ghlùinean bualadh an aghaidh a chéile. O! gu'm a  
h-ann a dh-fhalaicheas cuideigin mi gus an téid fraoch  
a chorraich thairis. O! Gu'm a h-ann a dhionas e mi  
ann an diamhaireachd a phàilliunn, agus fasnach a  
thoirt dhomh fo dhubhar a sgiathan! Oir fòs, tacan  
beag, agus an t-sùil a ta 'n dràsta gu'm fhaicinn, cha-n  
fhaic i mi ni's mò!

An sin chaidh e mach anns an abhainn, agus a thaobh  
nach robh an t-uisg' ach ao-domhainn air tùs, bha rud-  
eigin misnich aige; ach air dha dol n'a b'fhaide air  
aghaidh 's an t-sruth dh'éirich an t-uisge suas, eadhon

chum a bhedil agus a chuinneanan : air chor is gu'm bu ghann a b'urrainn e 'anail a tharruinn : an sin ghlaodh e mach ag ràdh—" Teasairg mi, a Dhé, oir thàinig na h-uisgeachan a steach gu ruig m' anam : tha mi a' dol fodha ann an làthaich dhomhain gun àite gu seasamh : tha mi air teachd gu doimhneachdaibh nan uisge, agus tha'n sruth a' dol tharum. Greas gu m'shaoradh, O Dhia ; greas gu m' chobhair O Thigh-earna. Tha m' fheòil agus mo chridhe air fàilneachadh : *ach is* e Dia neart mo chridhe agus mo chuibh-rionn gu sìorruidh." Ghlaodh e mar so a' dol air aghaidh gus an d' ràinig e meadhon na h-àibhne far nach b'urrainn e grunn d' fhaotainn : air chor is gu'n robh an t-uisg' a' dol thar a cheann, agus rachadh e fodha mar b'e gu'n tàinig an t-aon deàlrach air a sgiathaibh g'a chòmhnadh le greim a dheanamh air fhalt, a' cumail a chinn an uachdar gus an do bhual a chasan an grunn air an taobh thall, agus thòisich e sin ri coiseachd gu soirbh, gus an d'fhuair e ás an abhainn gu tŭr, agus an uair a sheas e thall air bruaich na h-aibhne, thòisich e air leumnaich le éibhneas, oir bha e ga mhothachadh féin anabarrach aotrom agus lùghor, ionnan 's gu'n robh e saoil sinn gum b'urrainn e falbh air eiteig : oir bha'n t-aodach a bha uime fad na slighe roimhe sin glé throm, agus thuit e dheth anns an abhainn, air chòr is gu'n robh e nise cho aotrom ri eun.

A nise chunnaic mi ann am aisling cho luath 'sa chuir an t-aon deàlrach Cogais-mhaoth gu taobh aodmhain na h-aibhne, gu'n phill e chum an taobh eile, agus dh'iarr e air an Duine-sporadail, air Inntinneudmhor, air Tòir-na-fìrinn, agus air Iompachan a leantainn a mach air an abhainn, agus rinn iad sin, am feadh a dh'fhàlbh an t-aon deàlrach air a sgiathaibh a chum an taobh eile, far an robh Cogais-mhaoth 'na sheasamh air iathadh le cùignear no shianar do dhaoine ann an trusganan soilleir—Mar sin chaidh an ceathrar eilthreach tre'n abhainn air chaochla dòighean ; oir bha'n Duine-Sporadail ann an uisgeachan domhain

roimhe, ged nach robh iad cho ro dhomhain riu so, agus bha beagan eòlais aige air snàmh a dheanamh agus a cheann a chumail an uachdar, ach bha Iompachan truagh agus Tòir-na-fìrinn 'nam fìor theinn 'nuair a ràinig iad meadhon na h-aibhne anns an uisge dhomhain, air chòr is gu'n ghlaodh iad air cobhair risan a ta comasach air teàrnadh; chualas an ùrnaigh, agus thàinig làmh do'n ionnsaidh, a chum an uachdar iad gus an do bhuail an casan an grunn. An sin choisich iad gu socair a' chuid eile de'n abhainn, agus ràinig iad am bràithrean air an taobh thall.

Ach shaoil le Inntinn-eudmhor faighinn a null ni bu teàrante na h-aon dùibh-san, uime sin thionail e gu diamhair cual do chuile' a bha fàs ri cois na h-aibhne, agus leag se e-féin 'na shìneadh oirre, ach an uair a ràinig e coileach an t-sruth' ann a meadhon na h-aibhne ghiùlan neart a' bhuinne air falbh a' chuile, agus chaidh e fodha, agus cha-n fhacas e riamh tuilleadh!

Uime sin, dh'fheòraich mi ann am aisling ri neach a bha 'na sheasamh dlù dhomh. Ciod an t-aobhar mu'n deach esan a bha cho dòchasach fad a thurais, fodha aig a' cheann mu dheireadh? Agus fhreagair e mi, ag ràdh,—“ Cha leòir a bhi eudmhor, adhartach, ach tha 'bhi umhal, seirceil, mar an ceudna iomchuidh a chum slàinte. Bha'n duine so do nàdur bràs agus eudmhor da rìreadh: ach b'eud gun riaghailt a bha aige, gun a bhi air a chomh-mheasgadh le seirc agus crionnachd, bha e mar an ceudna a' cur earbs' á neart féin, le e-féin a' leagadh 'na shìneadh air a' chuail chuile. A nise be so uail, oir na'n robh e air gairm air Dia air son cobhrach theagamh gu'm biodh e air a shàbhaladh.”

An sin chunnaic mi ann am aisling, gun do chuir a' cheathrar dhaoine,—Cogais-mhaoth, an Duine-Spioradail, Tòir-na-fìrinn, agus Iompachan, fàilt' agus furan air a' chéile air taobh eile na h-aibhne, agus chuir na daoine deàlrach furan orra mar an ceudna: agus thàinig neul soilleir agus chòmhdach se iad gu léir, agus chaidh an

ghìulan suas anns na neòil tro cheuman do-lòrgaicht' an adhair: agus air dhaibh a bhi dol suas dh'innis na daoine deàlrach dhaibh, gu'n robh iadsan ri faire thairis orra ré an turais, agus gu'n tug iad an deagh ghnìomharran gu léir fainear, agus gu'n deach an sgrìobhadh sìos ann an leabhar; agus gu'n do rinn iad an teasraiginn o iomadh cunnart, ged nach facas leosan iad. Mar so bha'n neul air a ghiùlan, suas anns na speuran, agus mar bha iad a' triall tre'n adhar, chunnaic iad na reulltan glòrmhor a' dealradh mar ghrianaibh anns an iormailt.

Fa-dheòigh, 'nuair a thàinig iad dlù do nèamh nan nèamh, thàinig còmhlan do shluadh naomh' a mach às a' bhaile 'nan coinneamh. A nise bha bunait a' bhaile air a shocrachadh air mullach nan sléibhtean sìorruidh, agus bu mhachraichean do sholus neo-chrìochnach an tìr gu léir a bha mu'n cuairt da, anns an robh naoimh agus ainglean ag ìmeachd. An sin thàinig iad a chum an àit' anns an robh AOSDA NAN LAITHEAN 'na shuidhe, aig an robh f halluinn cho gealris an t-sneach' agus falt a chinn mar ollainn ghil: bha 'chathair mar theine lasarach, agus caoirean teine dol a mach ro' ghnùis; bha mìltean do mhìltean a' frithealadh dha, agus deich mìl' uair deich mìle 'nan seasamh 'na làth-air.

An sin thàinig iad a chum geat' a' Bhaile, (oir chaidh iarraidh air na h-eilthirich gairm an sin; ni mar an ceudna a rinn iad,) agus dh'ambairc aon a nuas thar a' gheata, ris an do labhair na daoine deàlrach ag ràdh;—Tha na daoine so air tighinn o Ghleann-an-Léir-sgrìos, agus thàinig iad tre mhòrain àmhghair air son a' ghràidh a bha aca do 'n Rìgh." An sin dh'iarr iad air na h-eilthirich an cuid teisteanasan a liubhairt, agus rinn iad sin, agus chaidh na teisteanasan a shealltainn do'n Rìgh, agus air dha an leughadh dh'iarr e na geatachan fhosgladh dhaibh. Mar sin chaidh iad 'a steach, agus thàinig aon 'nan còdhail a thurt riù:—"Thigibh a dhaoine beannaichte m' Athar-sa, sealbhaichibh mar

Sighreachd an rìoghachd a ta air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaitean an domhain: imichibh a steach do dh-aoibhneas bhur Tighearna." An sin thàinig mòr chuideachd do shluagh nan nèamh 'nan coinneamh le clàrsaichean 'nan làmhan, agus shéinn iad òran nach do thuig duine sam bith ach iad féin, agus cho liugha 'sa th' air am meas airidh gu bhi air an gabhail a steach do'n àite bheannaichte sin.

An sin mhosgail mi, agus feuch cha robh ann ach bruadar.

## A' CHRIOCH.

*Dunéideann Clò-bhuailte le Niall agus an Cuideachd. 1*







*Gaelic Books Sold by MacIachlan and Stewart.*

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
Hall's (Newman) Come to Jesus, ... ..	0	6
Haughton's "A Saviour for You," ... ..	0	2
Highlanders' Book of Days. A Birth-day Book in Gaelic and English, ... ..	3	6
History of Prince Charles, and Jacobite Songs, ...	3	0
James' Anxious Inquirer, ... ..	1	0
Job to Ecclesiastes, 12mo, <i>bound</i> , ... ..	0	6
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Laoidhean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, <i>cloth</i> ,	0	6
Lessons on the Shorter Catechism, by Forbes, 18mo,	0	4
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
Maccallum's Sop as Gach Seid, 18mo, 2 pts., <i>each</i>	0	3
Macdonald's (Rev. Dr) Waters of Jordan, 18mo,	0	2
Macdonald's (Rev. Dr) Poems and Hymns, ...	2	6
M'Innes, (Rev. D.) Conversations in Gaelic and English, with preface by Professor Blackie,	1	0
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, <i>cloth</i> , ... ..	3	6
Mackenzie's, (J.) Beauties of Gaelic Poetry, <i>large paper edition</i> , royal 8vo, ... ..	21	0
Mackellar's Tourist's Hand-Book of Gaelic and English Phrases, with Pronunciation, ...	0	6
Macleod, Rev. Dr, Sermon on the Life of the late, by Rev. John Darroch, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	0	6
Macleod, Rev. Norman, Caraid nan Gaidheal, 8vo, <i>half-bound calf</i> , ... ..	18	0
MacLean and Macgregor's Gaelic Hymns, 18mo,	2	0
Macneill's Neniae, and other Poems, <i>cloth</i> , ...	2	0
Menzies' Collection of Gaelic Songs, ... ..	3	6
Muir's Sermon "Cumail Gu Daingean samhladh Bhriather Fallain," translation by the Rev A. Macintyre, ... ..	0	2
Nicolson's (Sheriff) Collection of Gaelic Proverbs, with English Translation, cr. 8vo, <i>2nd edition</i> ,	6	0
... The same, large paper, 4to, ... ..	21	0
Ossian's Poems, revised by Dr M'Lauchlan, <i>cloth</i> ,	3	0
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. Maccoll, 12mo, ... ..	1	0
Proverbs of Solomon, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	0	2
Psalm Book, Smith's or Ross's, large type, 18mo,	2	0
Psalm Book, Gaelic and English, on one page, ...	1	6
Queen (H. M.) Our Journal in the Highlands, Illustrated, translated into Gaelic by Rev. I. P. St Clair, ... ..	3	6

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Sankey's Hymns, translated by Rev. A. MacRae,	0	1
Sinner's (The) Friend, 12mo, <i>sewed</i> ... ..	0	3
Smith's (Rev. Dr J.) Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram, ...	2	6
... Gaelic Prayers for Families, <i>sewed</i> , 1s., <i>cloth</i>	1	6
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, <i>sewed</i> ,	0	2

---

ENGLISH WORKS RELATING TO THE  
HIGHLANDS.

Antient Erse Poems Collected among the Scottish Highlands, in order to Illustrate the OSSIAN of Mr Macpherson, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	1	0
Blackie's (Prof.) Language and Literature of the Scottish Highlands, 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	6	0
Brown's History of the Scottish Highlands, Highland Clans, and Regiments, with Por- traits and Tartans, by Keltie, 2 vols., 56s. for	40	0
Cameron's Gaelic Names of Plants, ... ..	7	6
Logan's The Scottish Gael, or Celtic Manners of the Highlanders, 2 vols., <i>plates</i> , 23s. for	15	0
Macgregor's Life of Flora Macdonald and her adventures with Prince Charles, <i>cloth</i> , ...	3	6
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic Language, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	1	6
Mackenzie's Tales and Legends of the Highlands,	2	6
... History of the Macdonalds, 8vo, <i>cloth</i> , ...	25	0
... Prophecies of the Brahan Seer, <i>cloth</i> , 1s.,	2	6
... History of the Highland Clearances ...	7	6
... The Isle of Sky in 1882-3,... ..	3	6
Maclagan's Scottish Myths, Notes on Scottish History and Tradition, 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	7	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings; or, Notices of the History and Literature of the Scottish Gael, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the Poems of Ossian, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	0	6
Masson's Vestigia Celtica: Celtic Footprints in Philology, Ethics, and Religion, cr. 8vo, <i>sewed</i> ,	2	0

---

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,  
AT VARIOUS PRICES AND BINDINGS.

